

Leughadh agus Sgrìobhadh

Airson aonad sam bith fhosgladh,
cliog air an tìotal taobh-staigh
Bookmarks, a chithear air an
làimh chli.





Measadh - Ìre D

Tha na ceistean air na duilleagan seo airson ur cuideachadh le measadh sgrìobhaidh. Gabhaidh an cleachdadh le pìos sgrìobhaidh sam bith a rinn clann a tha air ìre C a ruighinn mu thràth. Tha mi an dòchas gun cuidich iad tidsearan a bhith faicinn neartan agus laigsean na cloinne, gus am bi fios aca dè na sgilean sgrìobhaidh a bu chòir dhaibh teagasg an toiseach airson sgrìobhadh na cloinne a thoirt air adhart.

a. Sgrìobhadh Gnìomhachail (*aithisg, aithisg airson pàipear-naidheachd, aithris air leabhar, cunntas air rudeigin a thachair ann an eachdraidh no ann an spòrs, litir fhoirmeil, deasbad, mìneachadh, stiùireadh, sgrìobhadh earaileach*)

1. A bheil e soilleir dè an gnè-sgrìobhaidh a th' ann?
2. An do chleachd an sgrìobhadair structair freagarrach airson a' ghnè sin? (mar eisimpleir airson aithisg: tìotal, paragraf a' toirt a-steach cuspair na h-aithisg ann an abairt farsaing, paragrafan le prìomh phuingeagan eadar-dhealaichte co-cheangailte ris a' chuspair, paragraf a' toirt na h-aithisg gu crìch)
3. An do chleachd an sgrìobhadair stoidhle freagarrach airson a' ghnè sin? (mar eisimpleir; tràth, roghainn de dh'facaill, seachas anns a' chiad/treas pearsa)
4. A bheil na prìomh phuingeagan soilleir?
5. Dè rinn an sgrìobhadair airson an teacs a dhèanamh inntinneach don leughadair?
6. A bheil mion-chunntas ann airson taic a thoirt do na prìomh phuingeagan sin?
7. A bheil fiosrachadh ann nach eil feumail/freagarrach?
8. (*airson aithisg, seòlaidhean, stiùireadh gu h-àraidh*) An do chleachd an sgrìobhadair diofar dhòighean am fiosrachadh a chlàradh (*m.e. dealbhan, diagraman, clàran ...*)

b. Sgrìobhadh Pearsanta (*litir gu caraid, beachd, bàrdachd, pìos airson pàipear-naidheachd, leabhar-latha, cunntas air rudeigin a thachair*)

1. A bheil smuaintean agus/no faireachdainnean an sgrìobhadair air an cur an cèill?
2. A bheil an structair freagarrach don ghnè-sgrìobhaidh?

3. A bheil an stoidhle freagarrach don luchd-amais?
4. A bheil an stoidhle freagarrach don adhbhar-sgrìobhaidh?
5. A bheil toiseach agus deireadh soilleir ann?
6. A bheil e furasta a leantainn?
7. A bheil e inntinneach?

C. Sgrìobhadh Mac-meanmnach

1. A bheil toiseach, meadhan agus deireadh soilleir ann?
2. A bheil plota inntinneach ann?
3. A bheil tuairisgeul ann de na caractaran? (*an coltas, an dòigh labhairt, an dòighean gluasaid etc.*)
4. A bheil faireachdainnean nan caractaran air an cur an cèill?
5. An do chleachd an sgrìobhadair còmhraidh?
6. Ma chleachd, a bheil e feumail don sgeulachd agus furasta a leantainn?
7. A bheil tuairisgeul ann den t-suidheachadh?
8. Ciamar a tha 'atmosphere' air a chruthachadh?
9. A bheil an sgrìobhadh freagarrach don luchd-amais?
10. An do rinn an sgrìobhadair oidhirp ùidh an luchd-leughaidh a chumail? (*mar eisimpleir le bhith bruidhinn riutha, le bhith a' tòiseachadh seantansan ann an dòighean eadar-dhealaichte, le bhith ag atharrachadh cruth nan seantansan, le roghainn de dh'fhacail, le iomhaigheachd, le cliff hanger, le rudeigin a' tachairt ris nach robh dùil*)

d. Bàrdachd

1. Dè seòrsa bàrdachd a th' ann?
2. A bheil e a' freagairt an adhbhar-sgrìobhaidh? (*m.e. a bheil dealbh soilleir air a chruthachadh ann am bàrdachd thuairisgeulaich, a bheil faireachdainnean air an cur an cèill ann am bàrdachd phearsanta, a bheil sgeulachd shoilleir ann am bàrdachd aithriseach?*)
3. A bheil an structair ceart? (*m.e. bàrdachd shaor, lidean ceart ann an haiku/limerick, rannan agus ruitheam ma tha a' bhàrdachd stèidhichte orra*)
4. An do chleachd an sgrìobhadair iomhaigheachd idir?
5. An do chleachd e/i facail ann an dòigh èifeachdach?



e. Pungadh agus Cumadh

1. A bheil paragrafan ann far am bu chòir?
2. An do chleachd an sgrìobhadair cumaidhean sheantansan eadar-dhealaichte airson ùidh an leughadair a chumail?
3. An do chleachd an sgrìobhadair facail ann an dòigh èifeachdach idir (m.e. **tòiseachadh** seantansan ann an dòighean eadar-dhealaichte, facail làn tuairisgeil, samhlaidhean, uaim, fuaimealas, rann, iomhaigheachd)
4. A bheil labhairt dhìreach air a chomharrachadh san dòigh cheart?
5. An do chleachd an sgrìobhadair cromagan, comharraidhean-ceiste agus clisg-phuingean ann an dòigh èifeachdach?

f. Litreachadh

1. A bheil faclan cumanta air an litreachadh ceart?
2. An do rinn an sgrìobhadair oidhirp a m(h)earachdan fhèin a cheartachadh?
3. A bheil deagh thuigse aige/ aice air mar a tha ro- agus iar-leasachain air an litreachadh?

g. Làmh-sgrìobhaidh agus Taisbeanadh

1. An do ghabh an sgrìobhadair suim don luchd-leughaidh a thaobh **taisbeanaidh**?
2. An do chleachd e/i dealbhan, diagraman, clàran 7c ann an dòigh èifeachdach?

h. Eòlas air Cànan

1. An e Gàidhlig nàdarra, shiùbhlach a th' ann?

(nuair a tha an sgoilear an làthair)

2. An urrainn dhan sgoilear innse dè tha ann am fuaimreag agus cònnrag?
3. An lorg e/i buadhair, co-ghnìomhair, gnìomhair, riochdair agus naisgear ann am pìos sgrìobhaidh?
4. An urrainn dha/dhi innse dè an tràth anns a bheil teacs air a sgrìobhadh?
5. An urrainn dha/dhi innse a bheil ainmearan ann an teacs singilte no iomarra?
6. An urrainn dha/dhi innse dè tha ann am paragraf agus cuin a bu chòir paragraf ùr a thòiseachadh ann an teacsa?



Mothachadh air Gnè-sgrìobhaidh



Mineachadh:

(Gnè-sgrìobhaidh: seòrsa) no stoidhle de theacsa.



Ro-ràdh:

Tha mothachadh air gnè a' tighinn fo èisteachd agus fo leughadh anns an stiùireadh nàiseanta 5-14 aig gach ìre. Feumaidh clann comharraidhean eadar-dhealaichte aithneachadh eadar gnè-sgrìobhaidh aig Ìre C agus aig Ìre D. Bu chòir comas a bhith aca beachdachadh air ciamar a dh'fhaodadh gnè eadar-dhealaichte a bhith air an cur ri chèile.

Tha barrachd teagaisg air comharraidhean sònraichte agus dreach gach gnè eadar-dhealaichte ri lorg air na duilleagan air a' ghnè sin, far am faighear cuideachd duilleagan planaigh airson a' ghnè-sgrìobhaidh sin. Ach anns a' chaibidil seo, tha eisimpleirean de ghnè eadar-dhealaichte le puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do chloinn airson an cuideachadh gus an diofar aithneachadh, coimeas a dhèanamh eatorra agus am beachdan a thoirt air gach seòrsa.

Stiùireadh do Thidsearan:

* Mus iarr thu air clann sgrìobhadh ann an gnè-sgrìobhaidh shònraichte, dèan cinnteach gu bheil tòrr chothroman aca rudan anns a' ghnè-sgrìobhaidh sin a leughadh no a chluinntinn. Bheir seo dhaibh eòlas air stoidhle sgrìobhaidh agus dreach freagarrach, air dè seòrsa seantansan agus faclan a chleachdas iad, air dè na rudan a tha cudromach (m.e. suidheachadh inntinneach ann an stòiridh mac-meanmnach) agus dòighean tòiseachaidh agus crìochnachaidh.

Seo liosta de dhiofar ghnè sgrìobhaidh agus rudan a chuidicheas an leughadair / neach èisteachd ann a bhith a' tuigsinn dè an gnè a th' ann.

Aithisg: (*report*) Ann an aithisg tha an sgrìobhadair a' dèanamh tuairisgeul de rudeigin agus a' toirt fiosrachadh mu dheidhinn. Mar as trice tha e sgrìobhte anns an tràth làthaireil. Chan eil aithisg sgrìobhte ann an òrdugh a rèir eachdraidh. Tòisichidh aithisg le seòrsachadh farsaing den rud. Anns a' mheadhan tha barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn feartan sònraichte, 's dòcha le coimeas eadar an rud seo agus rudan eile den aon seòrsa. Thig geàrr-chunntas aig deireadh na h-aithisg. (eisimpleirean: aithisg air an àrainneachd ionadail, air robotan, air na Lochlannaich.)

Aithisg-naidheachd: fiosrachadh mu dheidhinn rudeigin ùr a thachair. Ceann-naidheachd airson aire an leughadair a ghlacadh. Sgrìobhte ann an seantansan agus paragrafan. Uaireannan tha dealbh le 'caption' ann airson cuspair na h-aithisg a shealltainn. A' chiad pharagraf a' toirt a-steach prìomh chuspair na h-aithisg. Paragrafan eile le barrachd fiosrachaidh, pìosan air an togail bho dhaoine a bha an sàs anns an tachartas, beachdan bho dhaoine air diofar thaobhan den argamaid. Am paragraf mu dheireadh ag innse dè an ath rud

a thachras, no le beachd bho chuideigin a bhios a' toirt na h-aithisg gu crìoch ann an dòigh làidir, èifeachdach.

Agallamh: A' tòiseachadh le paragraf a' toirt a-steach cuspair an agallaimh agus nan daoine a tha a' gabhail pàirt. Ceistean agus freagairtean. Agallamh a' faighneachd cheistean a bhios a' brosnachadh an *interviewee* bruidhinn mun chuspair agus a' seachnadh cheistean a ghabhadh freagairt le dìreach facal no dhà. Bidh an agallamhair ag èisteachd ri freagairt gach ceist agus gu tric bidh an ath cheist stèidhichte air an fhreagairt sin agus a' feuchainn ri barrachd fiosrachadh no beachdachadh fhaighinn air. Uaireannan bidh an agallamhair a' bruidhinn ri barrachd air aon duine, m.e. còmhlan ciùil no daoine le diofar bheachdan air cuspair. An uair sin bidh e / i a' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine cothrom bruidhinn agus am beachdan a chur air adhart. Aig an deireadh bidh an agallamhair a' toirt an agallamh gu crìoch agus a' toirt taing don *interviewee*.

Bàrdachd: Tha tòrr bhàrdachd sgrìobhte ann an rannan, ach tha iomadh seòrsa stoidhle eile ann (m.e. haiku, limerick, acrostic, cumadh). Bidh ruitheam a' sealltainn spiorad an dàin agus tha dealbhan beòthail gan cruthachadh tro shamhla agus tro mheatafor. Faodaidh dàn a bhith aithriseach (ag innse sgeulachd) no tuair sgeul (a' peantadh dealbh de shuidheachadh, caractar, faireachdainnean no tachartas), no measgachadh den dà rud. Gu math tric, cuideachd, tha bàrdachd a' sealltainn beachd no faireachdainnean a' bhàird.

Beachd: Sgrìobhadair a' cur sìos a b(h)eachdan fhèin air cuspair àraidh, mar as trice ann an rosg ach uaireannan ann am bàrdachd. Tha beachdan tric air am foillseachadh ann am pàipearan-naidheachd.

Bileag-fiosrachaidh: Tìotal agus a' chiad pharagraf a ghlacas ùidh an leughadair agus airson cuspair na bileig a thoirt a-steach. Fiosrachadh ann am paragrafan, no uaireannan ann an liostaichean le 'bullet points'. (m.e. rudan math airson fhaicinn, dòighean-siubhail, àitichean math airson ithe, prìsean, uaireannan fosglaidh), dealbhan, mapaichean, dòigh airson barrachd fiosrachadh fhaighinn. Uaireannan tha paragraf aig an deireadh le gearr-chunntas goirid de na prìomh phuingeann.

Co-bheachdachadh: Buidheann de dhaoine a' bruidhinn air cuspair agus a' cur am beachdan an cèill.

Cunntas air spòrs / tachartas eachdraidheil: (*recount*) Sgrìobhadh fiosrachail mu dheidhinn rudeigin a thachair. Bu chòir seo a bhith na fhìor-chunntas ach gu math tric thig beachdan agus faireachdainnean an sgrìobhadair a-steach dhan chunntas. Mar as trice tha cunntas sgrìobhte ann an òrdugh eachdraidheil agus anns an tràth choileanta. A' chiad pharagraf a' toirt a-steach cuspair a' chunntais agus a' sealltainn an t-suidheachaidh. Paragrafan sa mheadhan a' sealltainn dè thachair, carson agus a' bhuaidh a th' aig seo air daoine/ tachartasan eile (gu math tric tha na paragrafan seo air an ceangal le faclan mar An uair sin, Gu h-obann, Fhad 's a ..., Airson greiseag ...). Am paragraf mu dheireadh a' toirt a' chunntais gu crìoch, 's dòcha le beachd an sgrìobhadair air a' ghèam / air na thachair no le smuaintean mun a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an tachartas air daoine.

Cunntas sùil-fhianais: (*eye-witness account*) Cuideigin a' bruidhinn no a' sgrìobhadh mu dheidhinn rudeigin a chunnaic e / i. – m.e. tubaist no blàr no tachartas eachdraidheil. Uaireannan chithear cunntas sùil-fhianais ann am pàipear-naidheachd agus air aithrisean air an TBh. Tha tòrr thuairisgeil ann – dè bha dol, co ris a bha e coltach, dè rinn daoine eile, dè thuirt daoine eile, faireachdainnean an neach-aithris etc. Mar as trice bidh beachdan an neach-aithris a' nochdadh.



Deasbad: coltach ri co-bheachdachdadh, ach le aon sgrìobhadair a' sealltainn beachdan eadar-dhealaichte air cuspair agus a' tighinn gu co-dhùnadh.

Litir pearsanta: seòladh an sgrìobhadair, ceann-latha, fosgladh sònraichte (m.e. ... chòir!). Stoidhle neo-fhoirmeil. Ceistean. Beachdan. Paragrafan eadar-dhealaichte airson 'cuspairean' eadar-dhealaichte. Deireadh càrdeil (m.e. le gaol bho)

foirmeil: dreach sònraichte, seòladh an sgrìobhadair, ceann-latha, seòladh an 'leughadair'. Stoidhle foirmeil. A' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair no a' bheachd. Paragrafan eile a' leudachadh air a' chuspair sin no a' daingneachadh a' bheachd le adhbharan, eisimpleirean agus / no beachdan dhaoine eile. Am paragraf mu dheireadh ag iarraidh freagairt / action / a' toirt taing a-rithist.

Mìneachadh: ag innse carson no ciamar a bhios rudeigin a' tachairt no ag obrachadh

Òran: dàn air a sheinn, sgrìobhte ann an rannan, uaireannan le sèist. Tha iomadh seòrsa òrain ann: (m.e. laoidhean, òrain-chloinne, òrain-gaoil, òrain-obrach, tàlaidhean.) Uaireannan gabhaidh fonn a chur ri bàrdachd gus òran a dhèanamh.

Reasabaidh: Tìotal a' sealltainn carson a tha an reasabaidh. Uaireannan rud beag fiosrachaidh mun bhiadh sin. Liosta de grìtheidean / buill-acfhuinn. Stiùireadh ann an ceumannan ('s dòcha le àireamhan).

Seòlaidhean / stiùireadh: dreach a tha furasta a leantainn, le ceumannan eadar-dhealaichte agus 'bullet points' no àireamhan. A' chiad pharagraf a' toirt a-steach cuspair an dearbhaidh no dè thathar a' feuchainn ri dhèanamh. Liosta de rudan air am bi feum agad. Ceumannan ri ghabhail. Uaireannan diagraman no dealbhan airson seòladh a dhèanamh nas soilleire. Uaireannan ceistean airson toirt air an leughadair smaoineachadh air puingean àraidh.

Sgeulachd: Ficsean ann an rosg le toiseach, meadhan agus crìoch. Sgrìobhte ann am paragrafan. Tha iomadh seòrsa sgeulachd eadar-dhealaichte ann: (m.e. ramas, uabhasach, traidiseanta, èibhinn, eachdraidheil, ficsean saidheans, mac-meanmnach, gaisgeil, sgeulachd fir-rannsachaidh.) Pàirt dhith a' stèidheachadh agus a' cur nan caractaran far comhair. Uaireannan cleachdar còmhradh airson sealltainn co ris a tha na caractaran coltach no airson am plot a ghluasad air adhart. Tuairisgeul den t-suidheachadh anns a bheil an sgeulachd a' tachairt. Mar as trice tha trioblaid aig caractar ri fhaighinn thairis air, agus àite far an tig an sgeulachd gu àrd-ìre no far am bi rudan a' dol taobh eile (turning point).

Sgeulachd – **(eachdraidheil)** Suidhichte ann an eachdraidh. Uaireannan stèidhichte air rudan a thachair ach chan eil an-còmhnaidh. Feumaidh còmhradh, tuairisgeul de caractaran agus suidheachaidhean a bhith freagarrach airson an ama.

Sgeulachd – **(lorg-phoileas)** Rinn caractar eucoir air choreigin agus tha am prìomh caractar (a tha na lorg-phoileas) a' feuchainn ri fhaighinn a-mach cò a bh' ann. Tòrr strì agus 'atmosphere'. Aig an deireadh gheibh an leughadair a-mach, mar as trice, cò rinn dè.

Sgeulachd – **(mac-meanmnach)** Suidhichte ann an saoghal mas-fhìor, làn draoidheachd agus *excitement*, suidheachaidhean agus caractaran annasach.

Sgeulachd – **(saidheans-ficsean)** Suidhichte anns an àm ri teachd. Mac-meanmnach.



Sgeulachd – (**sgiorradh**) Ann an sgiorradh tha na prìomh charactaran a' feuchainn ri rudeigin a dhèanamh, ceist fhuasgladh no àite a ruighinn. Thig cnapan-starra nan rathad agus tha cunnart agus strì ann. Tha sgilean aig na caractaran a chuidicheas iad faighinn seachad air na cnapan-starra seo agus gu dèiligeadh ri nàimhdean.

Sgeulachd – (**traidiseanta**) A' tòiseachadh ann an dòigh àraidh (m.e. 'Uair bha siud ...', "O chionn fhada an t-saoghail...'). Caractaran làidir – math agus dona, bochd agus beartach. Suidheachadh mas-fhìor agus mar as trice tha an sgeulachd air a suidheachadh o chionn fhada. Gu math tric tha an àireamh trì, no seachd, a' nochdadh anns an sgeulachd. Mar as trice tha deireadh sona ann do na caractaran matha agus deireadh dona do na caractaran olc!

Sgeulachd – (**uabhas**) Làn rudan eagallach, a chuireas an leughadair air chrith!
Tuairisgeul cudromach.

Sgriopt: sgeulachd sgrìobhte airson dealbh-chluich airson actairean air an àrd-ùrlar no air rèidio no telebhisean. Tha dreach àraidh air sgriopt. Tha stiùiridhean sgrìobhte ann an aon dòigh, ainmean nan caractaran ann an dòigh eile agus na faclan a chanas na caractaran ann an dòigh eile a-rithist. Feumaidh loidhne ùr a bhith ann a h-uile turas a thòisicheas caractar eadar-dhealaichte a' bruidhinn. Uaireannan tha fear-aithris ann a dh'innseas an sgeulachd no a lìonas a-steach beàrnann anns an sgeulachd.

Teacsaichean earaileach (*persuasive texts*) bileag, litir no aithisg air a sgrìobhadh airson toirt air an leughadair rudeigin a chreidsinn. Feumaidh fiosrachadh a bhith air a sgrìobhadh ann an dòigh inntinneach, tarraingeach. Tha ro-ràdh làidir cudromach. Anns a' mheadhan tha paragrafan fa leth airson puingean/argamaidean eadar-dhealaichte, agus feumaidh co-dhùnadh a bhith aig an deireadh. Bu chòir eisimpleirean a bhith ann airson taic a thoirt do bharailean an sgrìobhadair. Cuideachd tha postairean agus sanasan ann, airson fiosrachadh a shealltainn ann an dòigh tarraingeach, gun cus faclan. Gu math tric tha dealbhan no dathan air postairean is sanasan airson sùil an leughadair a ghlacadh.

Seo earrannan ann an gnè-sgrìobhaidh eadar-dhealaichte ach air an aon chuspair. Leugh pìos mu seach don bhuidhinn agus faighnich dhaibh a bheil fhios aca dè seòrsa sgrìobhaidh a th' ann. Brosnaich iad gu bhith a' mìneachadh ciamar a tha fhios aca gur e sin an gnè a th' ann, a' beachdachadh air stoidhle (foirmeil, neo-fhoirmeil), mar a thòisicheas e, a bheil an sgrìobhadh ann an seantansan no nach eil, taghadh de fhaclan (jargon, furasta, bàrdail, seann-fhasanta) agus an e firinn no beachd, fiosrachadh no ficsean a th' ann.

a. Gràineagan

i)

Hans mo Ghràineag

Bha tuathanach ann uaireigin, is gu leòr aige dhen h-uile càil, ach ged a bha e beartach, cha robh e air a dhòigh, seach nach robh leanabh aige fhèin 's aig a mhnaoi. Tric, nuair a dheigheadh e a-steach am baile, bhitheadh na fir eile a' tarraing às 's a' faighneachd dha carson nach robh clann aige. Aon turas chaill e a nàdar, 's nuair a thill e dhachaigh, thuir e, "Gheibh mise leanabh, ged a b' e gràineag a bhitheadh ann."

Td. 26 Sgeulachdan Grimm Fionnlagh MacLeòid



ii)

Gràineagan

Tha e furasta gràineag aithneachadh oir tha i còmhdaichte le gathan. An toiseach tha na gathan bog, ach nuair a tha a' ghràineag bheag dìreach trì seachdainean a dh'aois, tha na gathan cruaidh agus geur.

'S e creutairean gu math feumail a th' ann an gràineagan, agus tha fàilte romhpa ann an tòrr ghàrraidhean, oir ithidh iad burrasan, seilcheagan, daolagan agus biastan beaga eile a nì cron air lusan.

Ma tha gràineag a' fuireach anns a' ghàrradh agadsa, dh'fhaodadh tu sàsar le biadh-chon a chur a-mach dhi a h-uile oidhche, anns an aon àite. Ach leig leatha a biadh fhèin a lorg a' mhòr-chuid den ùine agus leig leatha àite-cadail a lorg dhi fhèin, far an urrainn dhi cadal gu seasgair tron gheamhradh.

Air eadar-theangachadh bho [The Ladybird Book of British Wild Animals](#) (*Ladybird 1958*)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha aig an dà earrainn ann an cumantas? (cuspair)
- Tha teacsa fhiosrachail ann agus teacsa fhicsean. Dè an tè tha fiosrachail?
- Dè seòrsa ficsean a th' anns an tè eile? (sgeulachd thraidiseanta) Ciamar a tha fios agad? (Bhon toiseach, bho na faclan agus bhon stoidhle)
- Càit am faiceadh tu sgrìobhadh fhiosrachail mu ghràineagan? (leabhar fhiosrachaidh air beathaichean, encyclopedia)
- Dè an earrann as fheàrr leat? Carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan

Duilleag –obrach 1

- Tagh beathach eile. Sgrìobh a' chiad pharagraf de sgeulachd thraidiseanta mun beathach sin.
- Tagh beathach eile. Sgrìobh earrann ghoirid mu a dheidhinn airson leabhar fhiosrachaidh mu beathaichean.
- Sgrìobh mun beathach as fheàrr leat ann an gnè-sgrìobhaidh eadar-dhealaichte (m.e. bàrdachd, aithisg, aithisg-naidheachd, sgrìopt airson dealbh-chluich, litir phearsanta). Cuimhnich dealbhan a chleachdadh ma tha iad freagarrach airson a' ghnè-sgrìobhaidh agad.



b. Gàidhlig

i)

Gàidhlig ann an Sgìre an Òbain

Co-Roinn Ghàidhlig Latharna

Chaidh Co-Roinn Ghàidhlig Latharna a stèidheachadh ann an 1992 gus Gàidhlig a bhrosnachadh aig ìre ionadail ann an Sgìre Latharna. Tha A' Cho-Roinn ag amas air buidhnean Gàidhlig a thoirt còmhla 's pròiseactan sònraichte a leasachadh airson cor na Gàidhlig. Tha na coinneamhan 's A' Cho-Roinn fhèin fosgailte do na h-uile 's tha sinn an-còmhnaidh a' sireadh dhaoine ùr. Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, leigibh fios gu:

Anne Ferguson, (*seòladh e-mail*)

Airson fiosrachadh mu chlasaichean Gàidhlig, fònaibh gu: Dòmhnall Morris (*àireamh fòn*)

ii)

Gàidhlig à lipean Sean Connery?

Dh'fhaodadh gum bi an t-Albannach as ainmeil air an t-saoghal a' labhairt beagan de chànan nan Gàidheal an ceann greis.

Thathar an dòchas gum bi an guth aig a' chleasaiche Sean Connery air a chleachdadh airson a chur gu feum ann an lioftaichean togalach ùr Pàrlamaid na h-Alba.

Agus tha a' bhuidheann Cli – a tha riochdachadh luchd-ionnsachaidh agus fileantaich ùr na Gàidhlig – air sgrìobhadh gu oifigear riaghlaidh na pàrlamaid, Seòras Reid, ag iarraidh air dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh

anns na lioftaichean.

Anns an litir aige gu Mgr Reid, thuirt stiùiriche na buidhne, Peadar Morgan: “Tha sinn a' tuigsinn gu bheil guth clàraichte – 's dòcha an guth aig Sean Connery – gu bhith ga chur ann an lioftaichean togalach ùr na Pàrlamaid, gus teachdaireachdan dorais is ùrlair a thoirt seachad.

“Bu mhath leinn iarraidh air a' phàrlamaid cumail ris a' phoileasaidh adhartach aca a thaobh shanasan dà-chànanach airson an togalaich ùir, an dà chuid airson shanasan sgrìobhte agus airson shanasan claisneach.”

Lean e air: “Tha sinn

a' tuigsinn gu bheil labhairt dhà-chànanach mar seo ann an lioftaichean Seanadh na Cuimrigh mar-thà.

“Dh'fhaodadh Sean Connery a bhith air oideachadh gus a' Ghàidhlig a labhairt, no dh'fhaodadh an guth aig duine aig a bheil Gàidhlig mar-thà agus a tha cliùiteach ann am beatha nàiseanta phoblach na h-Alba a bhith air a chleachdadh.

“Tha sinn cinnteach gun cuireadh an ceum seo ris a' bheachd aig Gàidheil is luchd-taice na Gàidhlig gu bheil seilbh aca cuideachd air a' phàrlamaid nàiseanta, agus gu bheil seilbh aig an nàisean air a' Ghàidhlig.”



iii)

*O teannaibh dlùth is togaibh fonn
Mo chridhe trom air m' aineol
Mi fad' o eilean nan damh donn
'S bho thìr nan gleann 's nan gallan.*

Gur truagh a' Ghàidhlig bhith na càs
On dh'fhalbh na Gàidheil a bh' againn
A ghineil òig tha tighinn nan àit
O togaibh àrd a bratach.


Bho 'O Teannaibh Dlùth is Togaibh Fonn'
Td. 23 Ceòl nam Fèis 2 (*Fèisean nan Gàidheal 2000*)

Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a tha na trì earrannan coltach ri chèile?
(*tha iad uile mu dheidhinn brosnachadh do Ghàidhlig*)
- Dè an gnè anns a bheil gach earrann sgrìobhte?
(*teacsa earaileach, aithisg-naidheachd, bàrdachd/òran*)
- Càit' am faiceadh tu sgrìobhadh mar a th' anns a' chiad earrainn? (*bileag-fiosrachaidh*)
- Ciamar a tha fhios agad? ('*S e sgrìobhadh earaileach a th' ann. Tha a' chiad sheantans a' toirt a-steach cuspair na teacsa. Tha e a' sealltainn ciamar a gheibhear tuilleadh fiosrachaidh.*)
- Co dha a tha e sgrìobhte nad bheachd-sa?
- Ainmich trì rudan a sheallas gur e aithisg-naidheachd a th' anns an dàrna fear.
(*Ceann-naidheachd a ghlacas sùil an leughadair, pìosan air an togail bho dhaoine, dreach, sgrìobhte ann an seantansan agus paragrafan, a' chiad pharagraf a' toirt a-steach cuspair na h-aithisge, paragraf mu dheireadh le beachd mun cuspair.*)
- A bheil thu smaointinn gur e deagh cheann-naidheachd a th' air an aithisg? Carson?
- Saoil dè seòrsa òrain a th' anns an treas earrainn? (*òran o bheul-aithris mu chianalas*)
Carson a chaidh a sgrìobhadh nad bheachd-sa?
- Ciamar a tha fios againn gur e òran a th' ann? (*dreach, sèist agus rann, ruitheam, faclan a' dèanamh an aon fhuaim (càs, àit', àrd)*)
- Dè an earrann as fheàrr leat agus carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan

Sgrìobh mu dheidhinn Gàidhlig ann an gnè eadar-dhealaichte: litir don phàipear-naidheachd, haiku, postair a' brosnachadh daoine gus Gàidhlig a bruidhinn, no ag innse do bheachd fhèin oirre.



C. An t-Sìde

i)

AN T-SÌDE

Tha an t-side na measgachadh de dh'uisge, de ghrian is de ghaoth.

Ann an cuid de dh'àitean anns an t-saoghal tha an t-side a' fuireach an aon rud airson seachdainean. Anns an Rìoghachd Aonaichte tha i glè chaochlaideach. Tha buaidh aig an t-side òirnn agus is toigh leinn fios a bhith againn dè a tha i a' dol a dhèanamh. Tha tuairmsean-side air tòrr mhapaichean eadar-dhealaichte a dhealbhadh airson ar cuideachadh. Am faic thu mar a tha na ceithir mapaichean air an duilleig seo ag innse na h-aon sgeulachd?

Faicibh td. 12-13 Atlas airson Alba (Collins-Longman /PRG 1995)

ii)

Tha 'n t-uisg' a' dòrtadh

Tha 'n t-uisg' a' dòrtadh a-nuas gu luath
Tha sgòthan dubha a' falbh le ruaig
Tha ghaoth a' sèideadh le mòran fuaim
'S tha mis' san leabaidh
Gun dragh, gun ghruaim.

Aon, Dhà, Tri (13-1-16) (Cànan airson Comhairle
na Gàidhealtachd agus PRG 1999)

iii)

An t-Side

Bidh daoine gu tric a' bruidhinn air an t-side. Nuair a chì iad caraid, 's dòcha gun can iad, "Tha latha math ann," no "Nach ann tha 'n droch shìde."

Dè tha a' dèanamh na side?

Tha trì nithean gu h-àraidh a' dèanamh side: a' ghaoth, blàths agus uisge.

Ach co às a tha iad a' tighinn?

Nuair tha an talamh teth, bidh an àidhir san àite sin a' gluasad: sin dòigh eile sa bheil gaoth ga dèanamh.

Ma tha gaoth mhòr ann, agus blàths, tha a' ghaoth agus am blàths a' sùghadh uisge suas às a' mhuir.

Tha an t-uisge sin air a thogail suas gu h-àrd os cionn na talmhainn.

Bho An t-Side le Crisdean Dillon
(Leabhraichean Beaga 1989)



iv)

... Cha mhòr gun creideadh iad an sùilean. Bha a' ghealach shlàn a' deàrrsadh anns an adhar, agus gearraidhean mòra de sgòthan geal agus liath a' dèanamh ruaig tarsainn an adhair. Bha a' ghaoth a' feadalaich 's a' nuallanaich tro na craobhan 's na preasan, a' fàgail cop geal air na lochan beaga a bha a' breacadh na mòintich.

Bha a' ghaoth cho làidir 's gu robh aca ri grèim a chumail air a chèile. Timcheall orra agus air feadh na tìre, bha trealaich agus lèirsgrìos. Ribeanan plastaig dubha agus geala sracte ri na craobhan, mar bhrataichean a bha air am fàgail bho bhatal iargalta. Bha an talamh còmhdhaichte leis a h-uile seòrsa sgudail a ghabhadh ainmeachadh.

“Thoiribh an aire,” ghlaodh Fionnlagh 's e a' tumadh a chinn.

Bha pìos mòr plastaig a' seòladh seachad anns a' ghaoith.

“Càit idir a bheil sinn?” dh'èigh Caitlin an aghaidh na gaoithe. “A bheil sibh ag aithneachadh an àite?”

Chrath iad uile an cinn.

“S dòcha gu bheil sinn ann an ifrinn,” thuirt Eddy le sgairt.

Chuir Fionnlagh a làmhan nan cupa mu bheul. “Tha rudeigin neònach mu dheidhinn seo. Seall, tha a' ghealach slàn.”

“Tha thu ceart,” arsa Rob, “cha robh i ach trì chairteal slàn nuair a dh'fhàg sinn. Bha grèim aig Eddy air geug craoibhe mus deigheadh a sguabadh air falbh.

Air a thoirt bho td. 37 – 39 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul

Puingean ri Dheasbad:

- Tha dhà de na h-earrainnean anns an aon ghnè-sgrìobhaidh. Dè na dhà? (*i agus iii*)
- Dè an gnè-sgrìobhaidh a th' anna seo? (*aithisg*)
- Dè seòrsa leabhair anns an nochdadh sgrìobhadh mar seo? (*leabhar-fiosrachaidh*)
- Coimhead air an dà leabhar às an tàinig na h-earrannan seo. Leugh td.12-13 den Atlas agus leugh An t-Sìde air fad.
- Dè tha aca ann an cumantas? (*Seantans a' toirt a-steach a' chuspair. Ceistean. Barrachd fiosrachaidh anns a' mheadhan. Dealbhan agus diagraman.*)
- Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte? (*Dreach. Faclan.*)
- Carson a tha iad eadar-dhealaichte? (*Tha An t-Sìde nas fhurasta ri leughadh. Tha e sgrìobhte airson clann nas òige. Tha an Atlas sgrìobhte airson clann nas sine.*)
- Dè mun sgeulachd (earrann iv) – carson a tha tuairisgeul den t-sìde ann? (*airson atmosphere a chruthachadh*)
- Dè tha sealltainn gur e sgeulachd a th' ann? (*caractaran, stoidhle le còmhradh agus tuairisgeul, faireachdainnean, sgrìobhte ann am paragrafan*)
- Dè seòrsa sgeulachd a tha thu smaointinn a th' ann - mac-meanmnach, eachdraidheil, uabhasach, saidheans-ficsean, sgiòradh ...?
- Dè seòrsa sgrìobhaidh a th' ann an earrainn iii? (*bàrdachd tuairisgeul*)
- Dè an earrann a b' fheàrr leat? Carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- **Duilleag-obrach 2**
- Sgrìobh aithisg airson pàipear-naidheachd mu dhroch shìde anns a' bhaile agadsa.
- Sgrìobh bàrdachd tuairisgeulach mu chlachan-meallain.



d. Meanbhchuileagan

i) **Sgrùdadh nam meanbhchuileag**

Thèid sgrùdadh a dhèanamh gus feuchainn ri freagairt a lorg airson beathach a tha ainmeil airson sgrios a dhèanamh air Ghàidhealtachd – a' mheanbhchuileag.

Thatar dhen bheachd gu bheil a' bhiastag seo ag adhbhrachadh cron do ghniomhachas na turasachd leis gu bheil i a' cumail luchd-tadhail air falbh bhon sgìre.

Ach a-nis tha eòlaichean ann an Oilthigh Obar Dheathain an dòchas freagairt fhaighinn airson an duilgheadais agus iad gu sònraichte dol a choimhead ri carson a tha feadhainn de dhaoine nas tarraingich don bhiastaig na feadhainn eile.

An Gàidheal Ùr Màrt 2003

ii) **A' Mheanbhchuileag**

'S e mheanbhchuileag na mallachd
A th' air mi fhìn a phianadh –
Chan eil pìos dhen chorp agam
Nach eil air a stialladh.

A-steach do tholl na cluais agam,
Suas cuinneanan mo shròine,
Ag èaladh measg an fhuilt agam
'S a' bìdeadh cùl na glùine.

Ma thèid mi dhan chruach mhònach
No thogail sreath bhuntàta,
Tha iad man na snàthadan,
Gam spioladh bho na cnàmhan.

Mo bhodhaig mar le piocais air
Le tachais a tha sgràthail,
Nam chridh' tha bìth a' mhurtair –
Sin mar bhuin iad ri mo nàdar!

Ach saoil am biodh e comasach
An cruinneachadh nan ceudan,
'N leigeil às am measg nan tidsearan
Nuair dh'ainmicheadh iad deuchainn?!

Td. 21 Cuairt chun na Gealaich le Criosaidh A. NicIomhair (*Leabhraichean Beaga 2000*)



Puingean ri Dheasbad:

- Dè na faclan a sheallas gur e aithisg-naidheachd a th' anns a' chiad earrainn?
- An e bàrdachd aithriseach no tuairisgeulach a th' anns an dàrna earrainn?

Gnìomhan do Sgoilearan:

- * Cleachd am fiosrachadh agus cuid de na faclan anns an dà earrainn seo airson sgrìobhadh mu mheanbhchuileagan ann an gnè-sgrìobhaidh eadar-dhealaichte:
Sgeulachd mac-meanmnach, sanas-reic airson rudeigin a chumas meanbhchuileagan air falbh, no aithisg air meanbhchuileagan anns an sgìre agad fhèin.



e. Maighdean-mhara

i)

Bha ann roimhe seo iasgair bochd, ach air a' bhliadhna seo, cha robh e faighinn ach glè bheag de dh'iasg. Latha de na làithean, 's e ag iasgach, dh'èirich maighdean-mhara ri taobh a' bhàta, 's dh'fhaighnich i dheth an robh e a' faighinn mòran èisg. Fhreagair an seann duine, 's thuirt e nach robh.

“Dè an duais a bheireadh tu dhòmhsa airson pailteas èisg a chur thugad?”

“Ach!” ars' an seann duine, “Chan eil a bheag agamsa ri sheachnadh.”

“An toir thu dhomh a' chiad mhac a bhios agad?” ars' ise.

Air a thoirt bho 'A' Mhaighdean Mhara' Popular Tales of the West Highlands deasaichte le J.F. Caimbeul
(Wildwood House 1983)

ii)

Hùbha is na hoireann hùbha

Hùbha is na hoireann hì.

Hùbha is na hoireann hùbha

'S ann le foill a mheall thu mi.

1. A-mach air bhàrr nan stuadh ri gaillinn,
Fuachd is feannadh fad o thìr,
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdean-mhara mi.

2. Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair tha buaireas air an t-sid';
Bha mi a-raoir an Coire Bhreacain,
Bìdh mi a-nochd an Eilean Ìdh'.

3. Seall is faic air grund na fairge
Uaimhean airgid 's òir gun dith;
Lainnireachd 's chan fhaca sùil e,
Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

Aon, Dhà, Tri Òrain is Rannan cloinne - rann àireamh 15-4-3- (PRG/HC/Cànan 1999)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa sgeulachd a th' ann an earrainn i)? (*tradiseanta*)
- Dè na faclan a sheallas seo dhuinn? (*Bha ann roimhe seo, Latha de na làithean, maighdean-mhara*)
- Dè tha thu a' smaoinichadh a thachras anns a' chòrr den sgeulachd?
- An e òran no rann a th' anns an dàrna earrainn? Carson a tha thu a' smaoinichadh sin? (*sèist is rannan*)
- Dè an earrann as fheàrr leat? Carson?



f. Explorers (*Luchd-rannsachaidh*)

i) Seo earrann bhon leabhar-latha aig Caiptin Scott mun turas mu dheireadh aige san Antartaig:

Dihaoine, 16mh den Mhàrt no Disathairne, 17mh den Mhàrt

Air deitichean a dhiochuimhneachadh, ach tha mi a' smaoinneachadh gu bheil am fear mu dheireadh ceart. Bròn fad an t-siubhail. Aig biadh mheadhan-latha, air a' bhon-dè, thuir Titus Oates bochd nach b' urrainn dha cumail air adhart; dh'iarr e òirnn fhàgail sa phoca-cadail. Cha b' urrainn dhuinn sin a dhèanamh agus chuir sinn impidh air leantainn air an triall. A dh'aindeoin 's cho doirbh 's bha e, rinn e strì air adhart agus choisich sinn beagan mhiltean. An oidhche sin, bha e na bu mhiosa agus thuig sinn gu robh a' chrìoch air tighinn. Ma thèid seo fhaighinn, tha mi airson gum bi an fhirinn seo air a sgrìobhadh agus air a 'cumail an cuimhne'. B' ann air a mhàthair a bha na smuaintean mu dheireadh aig Oates, ach dìreach roimhe sin, bha e moiteil a' smaoinneachadh gum biodh an rèiseamaid aige toilichte leis an dòigh threun anns an do choinnich e ri bhàs. Bheir sinne teisteanas air a' ghaisge aige. O chionn iomadh seachdain a-nis, tha e air cràdh uabhasach fhulang gun a bhith a' gearan, agus chun an deiridh bha e deiseil agus deònach bruidhinn air iomadh cuspair eile. Cha tug e – cha toireadh e suas a dhòchas chun an fhìor-dheireadh. B' e duine làidir a bha ann. B' e an deireadh a bh' ann. Chaidil e air a' bhon-raoir, an dòchas nach dùisgeadh e; ach dhùisg e sa mhadainn an-dè. Bha stoirm-shneachda ann. Thuir e, "Tha mi a' dol a-mach agus ma dh'fhaodte gum bi mi greiseag gun tilleadh." Chaidh e a-mach dhan stoirm-shneachda agus chan eil sinn air fhaicinn bhon uair sin.



ii) Seo an aon tachartas air a sgrìobhadh mar sgriopt:

Sealladh 1: Caiptean Scott, agus an luchd-rannsachaidh eile a' gabhail am biadh ann am fasnadh bhon t-sneachda. Titus Oates na laighe na phoca-cadail ann am pian.

Oates: Saoil cuin a ruigeas sibh am Pola a Deas?

Scott: Sibh? Dè tha thu a' ciallachadh 'sibh'?

Oates: Uill, cha bhi mise ann. Chan fhaic mise am Pola gu bràth. Chan urrainn dhomh cumail a' dol nas fhaide. Chan urrainn dhomh ceum eile a ghabhail.

Scott: (a' coimhead air Oates) Tha fhios am gu bheil thu ann am pian a charaid. Ach chan urrainn dhuinn d' fhàgail an seo. Gabh fois a-nis agus thèid sinn uile air adhart a-màireach. Thusa cuideachd.

Oates: Ach tha mi a' dol cho slaodach. Chan eil mi ach gur cumail air ais. 'S fheàrr dhuibh dol air adhart às m' aonais. Fàgaibh an seo mi.

A h-uile duine eile: Cha dèan sinn sin idir. Thèid sinn uile air adhart le chèile.

Sealladh 2: Madainn. Caiptean Scott agus Titus Oates ann an teanta. Tòrr sneachd agus gaoth a' sèideadh. Oates a' sealltainn gu bheil e ann am pian uabhasach.

Oates: (ris fhèin) O carson a dhùisg mi? Am pian a tha seo! Saoil an urrainn dhomh cumail orm. Chan eil mi airson mo rèiseamaid a leigeil sìos. (osna) Ach uill ... bidh iad toilichte gun d' fhuair mi cho fada seo co-dhiù. O mhàthair, nam b' urrainn dhomh d' fhaicinn a-rithist. (ag èirigh agus a' dol gu doras an teanta). Beannachd leat a mhàthair. Beannachd leat.

Scott: (a' dùsgadh) Oates! Titus! Dè tha thu a' dèanamh?

Oates: (a' fàgail an teanta) Tha mi a' dol a-mach agus ma dh'fhaodte gum bi mi greiseag gun tilleadh.

Scott: (a' ruith gu doras an teanta agus a' coimhead a-mach dhan t-sneachd). Stad! Thig air ais!

Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha aig an dà earrainn ann an cumantas? (*caractaran, tachartas*)
- An e ficsean no fiosrachadh a th' anns gach tè? (*i. Fiosrachadh, sgrìobhadh pearsanta; ii. Ficsean stèidhichte air fìrinn*)
- Dè tha sealltainn gur e earrann bho leabhar-latha a th' anns a' chiad earrainn? (*latha, sgrìobhadh pearsanta le smuaintean, tràth caithte agus làthaireil*)
- Dè tha sealltainn gur e sgriopt a th' anns an dàrna tè? (*dreach, seallaidhean, stiùireadh ann an camagan is clò eadailteachd*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleagan-obrach 3 agus 4** le ceistean mun chiad earrainn.
- Sgrìobh mun aon tachartas ann an gnè-sgrìobhaidh eile (sgeulachd lorg-phoileas mar eisimpleir, no dàn).
- Sgrìobh sgriobt airson tachartas eachdraidheil eile bho leabhar eachdraidh (m.e. Fuadach nan Gàidheal no Alba ri Linn Bhrus).



g. Seo trì teacsaichean fiosrachaidh: cunntas air tachartas, cunntas sùil-fhianais agus aithisg.

i)

Blàr Allt a' Bhonnaich

Bha fios aig Eideard II gum feumadh e gluasad an aghaidh Alba. Ghairm e arm à Sasainn, Èirinn 's às a' Chuimrigh airson Caisteal Shruighlea a chuideachadh. Bha mu 2,000 eachraidh agus 15,000 saighdear coise aige, fada bharrachd na bh' aig Alba. Bha mu 5,000 saighdear coise air an deagh thrèanadh aig Brus agus 500 fear each luath. Bha an t-arm air a bhith soirbheachail fodha fhèin 's a cheannardan fad seachd bliadhna.

Airson na h-Albannaich a chuideachadh cho mòr 's a ghabhadh, thagh Brus raon a' bhlàir gu faiceallach. Chaidh claisean a chladhach 's a chòmhdach agus spìcean 's buill bhiorach iarainn a sgaoileadh.

Air an 23mh den Ògmhios 1314 choinnich an dà arm. Thàinig tùs an arm Shasannaich an aghaidh cath-bhuidhinn Bhrus a bha a' dùnadh an rathaid gu Sruighlea. Chunnaic ridire òg, Henry de Bohun, an Rìgh Raibeart air ponaidh beag glas. Thug e ionnsaigh air le sleagh ach mharbh Brus e le aon bhuille den tuagh. Ged a thuir ceannardan an airm gun robh Brus gòrach ga chur fhèin ann an cunnart còmhla ri aon duine, thug e misneachd dha na fir aige. Bhrùth iad air adhart agus thill an eachraidh.

Thug Eideard II an t-arm aige tarsainn an uillt agus chuir e suas campa airson na h-oidhche. Bha uisge ann dha na h-eich ach bha an t-arm eadar dà allt a bha a' sruthadh dhan Abhainn Dhuibh.

Tron oidhche thàinig Albannach a bha a' sabaid dha na Sasannaich gu taobh Alba. Bhrosnaich esan Brus gu sabaid. Sa mhadainn ghluais Alba an aghaidh nan eachraidh. Cha robh rum tionndaidh aig na h-eich. Cha robh neart nan Sasannach gu feum dhaibh. Sgap marcaichean Raibeirt Keith boghadairean Shasainn agus bha cothrom aig Alba. Theich Eideard gus nach deigheadh a ghlacadh. Chaidh tòrr a bhàthadh anns na h-uillt agus anns an Abhainn Dhuibh 's iad a' feuchainn ri teiche. Chaidh iomadh prìosanach cudromach a ghlacadh le Alba airson èirig.

Td. 34 35 Alba ri Linn Bhrus le Màiri Spankie (Acair 1994)



Puingean ri Dheasbad:

- 'S e seo cunntas. Tha e ann an òrdugh a rèir eachdraidh (*chronological order*). An lorg sibh faclan a sheallas seo? (*Air an 23mh den Ògmhios 1314, Tron oidhche, Sa mhadainn*).
- Dè am prìomh phuinge a th' aig gach paragraf?
- Thàinig seo à leabhar. A bheil e a' seasamh leis fhèin mar chunntas? Dè am fiosrachadh eile a dh'fheumadh a bhith ann gus an seasadh e leis fhèin?
(*A' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair, paragraf mu dheireadh a' toirt a' chuspair gu crìoch agus a' ceangal 'loose ends'.*)
- Càit' am faighear am fiosrachadh seo anns an leabhar? (*anns na caibideilean a thàinig roimhe agus an dèidh an fhir seo.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Coimhead air an leabhar Alba ri Linn Bhrus. Sgrìobh paragraf tòiseachaidh airson a' chunntais seo, a' toirt a-steach a' chuspair ann an dòigh goirid, inntinneach.
- Leugh na cunntasan eachdraidheil eile seo:
td. 6-7 Fuadach nan Gàidheal le Dòmhnall Guinne agus Màiri Spankie (*Wayland/Acair 1993*)
td. 18-19 Fuadach nan Gàidheal
td. 8-9 Alba san Dara Cogadh le Rìseard Dargie (*Wayland / Acair 1997*)



iii)

Cladach

Tha iomadh seòrsa cladaich an Alba. Tha tràighean brèagha ann a tha a' còrdadh ri luchd-turais. Tha cuideachd machraichean, molan, làthaich, cladaich chreagach agus creagan àrda ann.

Tha muirsgein, srùbain agus luganan a' cladach sios don ghainmhich agus tha faoileagan agus eòin grunnachaidh gan ithe. A thuilleadh air an sin chan eil mòran tarraing ann an tràighean do fhiadh-bheatha. Tha an Tràigh Mhòr ann am Barraigh ainmeil airson srùbain agus tha i mòr agus rèidh gu leòr airson làrach phlèan.

'S e làthaich an àrainn cladaich as beartaiche th' ann. Tha seo a' tachairt nuair a choinnicheas an abhainn ris a' mhuir aig beul na h-aibhne. Tha an abhainn a' fàgail gainmheach, eabar agus beathannan a chruinnich i air a slighe an sin: tha làn na mara dà uair san là a' fàgail tuilleadh. Tha an t-uabhas de bheathaichean beaga beò anns an làthaich agus tha eòin agus iasg beò orrasan. Chithear ealtainn mhòra de dh'eòin grunnachaidh, tunnagan agus faoileagan aig beul a' chuid as motha de dh'aibhneachan.

Saoilidh tu gur e àite-còmhnaidh garbh do bheathaichean is lusan a th' ann an cladach creagach ri droch shìde. Ach tha iad comasach air seasamh ri tuinn mhòra agus stoirmean. Tha lòin a tha follaiseach ris an tràigh air leth math airson sgrùdadh a dhèanamh air fiadh-bheatha.

'S e cladaich chreagach a tha cas agus an ìre mhath dìreach a th' ann an creagan mara. Tha feadhainn de na h-aon bheathaichean agus lusan orra ach tha iad sin dìreach rin lorg aig a' bhonn faisg air a' mhuir. Nas fhaide shuas, air falbh bho na tuinn, tha lusan tìre a' fàs agus tha eòin a' neadachadh. Ach cuimhnichibh gu bheil creagan cunnartach agus bithibh faiceallach.

Cairt 7.1 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

Puingean ri Dheasbad:

- Tha a' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair. Dè an cuspair a th' ann?
- Chan eil seo sgrìobhte ann an òrdugh a rèir eachdraidh. 'S e aithisg a th' ann an àite cunntas.
- Tha tòrr fhacail sònraichte (specialised / jargon) ann.
- Gheibh sinn a-mach anns na paragrafan eile dè tha na faclan sin a' ciallachadh.
- Tha gach paragraf a' dèiligeadh ri fo-chuspair eadar-dhealaichte.
- Ciamar a tha aithisg mar seo agus aithisg-naidheachd coltach ri chèile? Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte bho chèile?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

• **Duilleag-obrach 5**

- Leughaidh aithisgean air cuspairean eile. Seo cuid a dh'fhaodadh sibh leughadh:
- cairtean eile anns a' phac Aonad Àrainneachd 1 (m.e. cairt 5.3 air Mòintean/Beanntan)
- cairtean anns a' phac Aonad Àrainneachd 2 (m.e. cairt 7.1 Seòladaireachd)



Mothachadh air Gnè duilleag-obrach I

Ainm:

Coimhead a-rithist air na h-earrainnean seo mu ghràineagan:

Hans mo Ghràineag

Bha tuathanach ann uaireigin, is gu leòr aige dhen h-uile càil, ach ged a bha e beartach, cha robh e air a dhòigh, seach nach robh leanabh aige fhèin 's aig a mhnaoia bhean. Tric, nuair a dheigheadh e a-steach am baile, bhitheadh na fir eile a' tarraing às 's a' faighneachd dha carson nach robh clann aige. Aon turas chaill e a nàdar, 's nuair a thill e dhachaigh, thuir e, "Gheibh mise leanabh, ged a b' e gràineag a bhitheadh ann."

Td. 26 Sgeulachdan Grimm Fionnlagh MacLeòid

Gràineagan

Tha e furasta gràineag aithneachadh oir tha i còmhdaichte le gathan. An toiseach tha na gathan bog, ach nuair a tha a' ghràineag bheag dìreach trì seachdainean a dh'aois, tha na gathan cruaidh agus geur. 'S e creutairean gu math feumail a th' ann an gràineagan, agus tha fàilte romhpa ann an tòrr ghàrraidhean, oir ithidh iad burrasan, seilcheagan, daolagan agus biastan beaga eile a nì cron do lusan. Ma tha gràineag a' fuireach anns a' ghàrradh agadsa, dh'fhaodadh tu sàsar le biadh-chon a chur a-mach dhi a h-uile oidhche, anns an aon àite. Ach leig leatha a biadh fhèin a lorg a' mhòr-chuid den ùine agus leig leatha àite-cadail a lorg dhi fhèin, far an urrainn dhi cadal gu seasgair tron gheamhradh.

Air eadar-theangachadh bho The Ladybird Book of British Wild Animals (Ladybird 1958)



1. 'S e ficsean a tha anns a' chiad earrainn. Dè tha sin a' ciallachadh?
2. Dè seòrsa sgeulachd a th' innte?
3. Cuir loidhne fo fhaclan no abairt a tha a' sealltainn dhut gur e sin an seòrsa sgeulachd a th' innte.
4. An e aithisg no cunntas a th' anns an dàrna earrainn?
5. Mìnich do fhreagairt.
6. Sgrìobh dàn mu ghràineagan. Dèan brainstorm de fhaclan feumail agus sgrìobh an seo iad. Dh'fhaodadh tu faclan bhon dà earrainn gu h-àrd a chleachdadh. An uair sin smaoinich dè seòrsa bàrdachd a tha thu a' dol a sgrìobhadh. Nuair a tha thu deiseil, sgrìobh do chiad oidhirp aig bonn na duilleige.



Mothachadh air Gnè duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Seo abairtean mu dheidhinn na sìde. Maids gach tè ris a' ghnè-sgrìobhaidh anns an lorgadh tu e.

1. Bha teas na grèine a' dèanamh dragh dha.
Shuath e a bhathais le a mhuinchinn is chùm
e air tron fhàsach.

Aithisg

2. Chruinnich tòrr dhaoine ann am Pàirc
Anndra an-dè airson cuirm-ciùil
mhiorbhaileach ann an solas na grèine.

Earrann bho leabhar-latha

3. Abair teas,
Adhar gun sgòthan,
Daoine le pathadh,
Teàrr a' leaghadh.
Feur a' fàs donn,
Abair teas!

Aithisg-naidheachd

4. Tha a' ghrian a' deàrrsadh fad na h-ùine,
ach chan fhaic sinn i nuair a tha i air taobh
eile an t-saoghail no am falach fo sgòthan.

Sgeulachd

5. Latha brèagh grianach. A-muigh fad an
latha. An seòrsa latha as fheàrr leam.

Bàrdachd tuairisgeul



b. Sgrìobh seantans no abairt mu dheidhinn sneachda mar a nochdadh e anns gach gnè-sgrìobhaidh gu h-ìosal:

1. aithisg-naidheachd

2. sgeulachd lorg-phoileis

3. cunntas sùil-fhianais

4. leabhar-latha



Mothachadh air Gnè duilleag-obrach 3

Ainm:

Leugh an earrann seo bho leabhar-latha Caiptean Scott mun turas mu dheireadh aige san Antartaig agus freagair na ceistean a leanas.

Dihaoine, 16mh den Mhàrt no Disathairne, 17m den Mhàrt

Air deitichean a dhìochuimhneachadh, ach tha mi a' smaoinichadh gu bheil am fear mu dheireadh ceart. Bròn fad an t-siubhail. Aig biadh mheadhan-latha, air a' bhon-dè, thuirt Titus Oates bochd nach b' urrainn dha cumail air adhart; dh'iarr e òirnn fhàgail sa phoca-cadail. Cha b' urrainn dhuinn sin a dhèanamh agus chuir sinn ìmpidh air leantainn air an triall. A dh'aindeoin 's cho doirbh 's bha e, rinn e strì air adhart agus choisich sinn beagan mhiltean. An oidhche sin, bha e na bu mhiosa agus thuig sinn gu robh a' chrìoch air tighinn. Ma thèid seo fhaighinn, tha mi airson gum bi an fhìrinn seo air a sgrìobhadh agus air a cumail an cuimhné. B' ann air a mhàthair a bha na smuaintean mu dheireadh aig Oates, ach dìreach roimhe sin, bha e moiteil a' smaoinichadh gum biodh an rèiseamaid aige toilichte leis an dòigh threun anns an do choinnich e ri bhàs. Bheir sinne teisteanas air a' ghaisge aige. O chionn iomadh seachdain a-nis, tha e air cràdh uabhasach fhulang gun a bhith a' gearain, agus chun an deiridh bha e deiseil agus deònach bruidhinn air iomadh cuspair eile. Cha tug e - cha toireadh e suas a dhòchas chun an iar-dheireadh. B' e duine laidir a bha ann. B' e an deireadh a bh' ann. Chaidil e air a' bho'n raoir, an dòchas nach dùisgeadh e; ach dhùisg e sa mhadainn an-dè. Bha stoirm-shneachda ann. Thuirt e, "Tha mi a' dol a-mach agus ma dh'fhaoidte gum bi mi greiseag gun tilleadh." Chaidh e a-mach dhan stoirm-shneachda agus chaneil sinn air fhaicinn bhon uair sin.



1. Dè seòrsa sgrìobhaidh a tha seo?
2. Carson a tha e sgrìobhte san tràth làthaireil agus anns an tràth choileanta?
3. Dè tha ag innse dhut aig toiseach na h-earrainne nach eil cùisean a' dol ro mhath dhan sgrìobhadair?
4. Thuir an sgrìobhadair gun deach Oates a chadal, "an dòchas nach dùisgeadh e." Saoil carson a bha Oates a' faireachdainn mar sin?
5. Sgrìobh Scott, "Ma thèid seo fhaighinn, tha mi airson gum bi an fhìrinn seo air a sgrìobhadh agus air a cumail an cuimhne." Dè an t-eagal a tha thu a' smaoinichadh a tha air an sgrìobhadair mu bheatha fhèin?
6. A bheil thusa a' smaoinichadh gun do thill Oates air ais an dèidh dha a dhol a-mach dhan stoirm-shneachda?
7. Minich do fhreagairt.



Mothachadh air Gnè duilleag-obrach 4

Ainm:

a. Leugh an earrann bho leabhar-latha Scott mun turas mu dheireadh aige san Antartaig.

An e fìrinn no beachd an sgrìobhadair a tha anns na seantansan a leanas?

1. Tha an deit mu dheireadh ceart.
2. Thuir Titus Oates nach b' urrainn dha cumail a' coiseachd.
3. Dh'iarr companaich Titus Oates cumail air a' coiseachd.
4. Bha Titus Oates a' smaoinachadh air a mhàthair mus do bhàsaich e.
.....
5. Bhiodh an rèiseamaid aig Titus Oates toilichte leis an dòigh threun anns an do choinnich e ri bhàs.
6. B' e duine làidir a bha ann an Oates.
7. Cha do thill Oates dhan teanta an dèidh dha dhol a-mach dhan stoirm-sneachda.

b. Dè do bheachd fhèin air Caiptean Scott bho na leugh thu mu a dheidhinn?

c. Dè do bheachd fhèin air Titus Oates bho na leugh thu mu dheidhinn-san?

d. 1. A bheil thu a' smaoinachadh gun còrdadh e riutsa a bhith air an turas dhan Phòla a Deas còmhla ri Caiptean Scott?

2. Minich do fhreagairt.



Mothachadh air Gnè duilleag-obrach 5

Ainm:

Seo a' chiad pharagraf bhon aithisg mu chladaichean ann an Alba.

Tha iomadh seòrsa cladaich an Alba. Tha tràighean brèagha ann a tha a' còrdadh ri luchd-turais. Tha cuideachd machraichean, molan, làthaich, cladaich chreagach agus creagan àrda ann.

Cairt 7.1 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

1. Dè bhios an sgrìobhadair a' dèanamh anns a' chiad pharagraf de dh'aithisg, mar as trice?

2. Uaireannan tha faclan sònraichte, co-cheangailte ris a' chuspair, air an cleachdadh ann an aithisgean. Cuir loidhne fo fhaclan sam bith anns an earrainn gu h-àrd nach tuig thu. An uair sin feuch am faigh thu a-mach dè tha gach fear a' ciallachadh.

Sgrìobh na mìneachaidhean air cùl na duilleige.

3. Ann an aithisg, bidh gach paragraf a' dèiligeadh ri fo-chuspair eadar-dhealaichte. Leugh an dà pharagraf seo bhon aon aithisg air cladaichean agus sgrìobh dè am fo-chuspair ris a bheil gach fear a' dèiligeadh.

Tha muirsgein, srùbain agus lugannan a' cladhach sìos don ghainmhich agus tha faoileagan agus eòin grunnachaidh gan ithe. A thuilleadh air an sin chan eil mòran tarraing ann an tràighean do fhiadh-bheatha. Tha an Tràigh Mhòr ann am Barraigh ainmeil airson srùbain agus tha i mòr agus rèidh gu leòr airson làrach phlèan.

'S e fo-chuspair a' pharagraif seo ...



4.

Saoilidh tu gur e àite-còmhnaidh garbh do bheathaichean is lusan a th' ann an cladach creagach ri droch shìde. Ach tha iad comasach air seasamh ri tuinn mhòra agus stoirmean. Tha lòn a tha follaiseach ris an tràigh air leth math airson sgrùdadh a dhèanamh air fiadh-bheatha.

'S e fo-chuspair a' pharagraif seo...

5. Dèan fhèin plana airson aithisg mu fhear de na rudan seo:-

Bàtaichean, Fànais, Flùraichean, Eich, Sligean

Dèan plana airson mu 5 paragrafan uile gu lèir. Seall anns a' phlana mar a bheir thu a-steach an cuspair anns a' chiad pharagraf. Seall cuideachd fo-chuspair gach paragraif agus faclan agus fìrinnean a bhios nan cuideachadh dhut.



Mothachadh air Gnè - Duilleagan-obrach – Freagairtean

Duilleag-obrach 1

1. Tha ficsean a' ciallachadh nach eil e fìor. Gur e mac-meanmna a th' ann.
2. Sgeulachd thraidiseanta/ Sgeulachd mac-meanmnach.
3. Bha tuathanach ann uaireigin / ged a bha e beartach, cha robh e air a dhòigh / Aon turas chaill e a nàdar
4. Aithisg
5. Chan eil rudan ann an òrdugh a rèir eachdraidh.
6. Sgrìobhadh nan sgoilearan fhèin.

Duilleag-obrach 2

- A. 1 = sgeulachd 2 = aithisg-naidheachd
3 = bàrdachd thuairisgeulach 4 = aithisg 5 = earrann bho leabhar-latha

B. Sgrìobhadh na cloinne fhèin.

Duilleag-obrach 3

1. leabhar-latha / sgrìobhadh pearsanta
2. Tha na pìosan san tràth choileanta airson rudan a thachair innse dhuinn. Tha pìosan eile sgrìobhte san tràth làthaireil nuair a tha an sgrìobhadair ag innse mu dheidhinn rudan dìreach mar a tha iad a' tachairt no mu na faireachdainnean aige.
3. Tha e a' fulang 'bròn fad an t-siubhail."
4. Bha co-fhaireachdainn aige ri Oates, agus bha e a' smaointinn gur e duine treun, làidir a bh' ann.
5. Bha Oates air a dhòchas a thoirt suas agus làn fhios aige gu robh an deireadh aige air tighinn. Tha e ann am pian uabhasach agus tha e airson bàsachadh na chadal.
6. Tha e a' sùileachadh gum bàsaich e fhèin cuideachd air an turas dhoirbh seo.
7. agus 8. Freagairtean na cloinne fhèin

Duilleag-obrach 4

- A. 1. Beachd 2. Firinn 3. Firinn 4. Firinn 5. Beachd
6. Beachd 7. Firinn

B, C agus D : Freagairtean na cloinne fhèin

Duilleag-obrach 5

1. A' toirt a-steach a' chuspair.
2. Freagairtean na cloinne fhèin.
Machraichean:- talamhan rèidh ri taobh na mara
Molan:- cladaichean le mòran chlachan beaga orra
Làthaich:- cladaichean boga le tòrr eabair
3. fiadh-bheatha air tràighean (gainmhich)
4. fiadh-bheatha air cladaichean-creagach
5. Sgrìobhadh na cloinne fhèin



Gràineagan

Hans mo Ghràineag

Bha tuathanach ann uaireigin, is gu leòr aige dhen h-uile càil, ach ged a bha e beartach, cha robh e air a dhòigh, seach nach robh leanabh aige fhèin 's aig a mhnaoi. Tric, nuair a dheigheadh e a-steach am baile, bhitheadh na fir eile a' tarraing às 's a' faighneachd dha carson nach robh clann aige. Aon turas chaill e a nàdar, 's nuair a thill e dhachaigh, thuir e, "Gheibh mise leanabh, ged a b' e gràineag a bhitheadh ann."

Td. 26 Sgeulachdan Grimm Fionnlagh MacLeòid

Gràineagan

Tha e furasta gràineag aithneachadh oir tha i còmhdaichte le gathan. An toiseach tha na gathan bog, ach nuair a tha a' ghràineag bheag dìreach trì seachdainean a dh'aois, tha na gathan cruaidh agus geur.

'S e creutairean gu math feumail a th' ann an gràineagan, agus tha fàilte romhpa ann an tòrr ghàrraidhean, oir ithidh iad burrasan, seilcheagan, daolagan agus biastan beaga eile a nì cron air lusan.

Ma tha gràineag a' fuireach anns a' ghàrradh agadsa, dh'fhaodadh tu sàsar le biadh-chon a chur a-mach dhi a h-uile oidhche, anns an aon àite. Ach leig leatha a biadh fhèin a lorg a' mhòr-chuid den ùine agus leig leatha àite-cadail a lorg dhi fhèin, far an urrainn dhi cadal gu seasgair tron gheamhradh.

Air eadar-theangachadh bho [The Ladybird Book of British Wild Animals](#) (*Ladybird 1958*)

Gàidhlig

Gàidhlig ann an Sgìre an Òbain

Co-Roinn Ghàidhlig Latharna

Chaidh Co-Roinn Ghàidhlig Latharna a stèidheachadh ann an 1992 gus Gàidhlig a bhrosnachadh aig ìre ionadail ann an Sgìre Latharna. Tha A' Cho-Roinn ag amas air buidhnean Gàidhlig a thoirt còmhla 's pròiseactan sònraichte a leasachadh airson cor na Gàidhlig. Tha na coinneamhan 's A' Cho-Roinn fhèin fosgailte do na h-uile 's tha sinn an-còmhnaidh a' sireadh dhaoine ùr. Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, leigibh fios gu:

Anne Ferguson, (*seòladh e-mail*)

Airson fiosrachadh mu chlasaichean Gàidhlig, fònaibh gu: Dòmhnall Morris (*àireamh fòn*)



Gàidhlig à lipean Sean Connery?

Dh'fhaodadh gum bi an t-Albannach as ainmeil air an t-saoghal a' labhairt beagan de chànan nan Gàidheal an ceann greis.

Thathar an dòchas gum bi an guth aig a' chleasaiche Sean Connery air a chleachdadh airson a chur gu feum ann an lioftaichean togalach ùr Pàrlamaid na h-Alba.

Agus tha a' bhuidheann Clì – a tha riochdachadh luchd-ionnsachaidh agus fileantaich ùr na Gàidhlig – air sgrìobhadh gu oifigear riaghlaidh na pàrlamaid, Seòras Reid, ag iarraidh air dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh

anns na lioftaichean.

Anns an litir aige gu Mgr Reid, thuirt stiùiriche na buidhne, Peadar Morgan: “Tha sinn a' tuigsinn gu bheil guth clàraichte – 's dòcha an guth aig Sean Connery – gu bhith ga chur ann an lioftaichean togalach ùr na Pàrlamaid, gus teachdaireachdan dorais is ùrlair a thoirt seachad.

“Bu mhath leinn iarraidh air a' phàrlamaid cumail ris a' phoileasaidh adhartach aca a thaobh shanasan dà-chànanach airson an togalaich ùir, an dà chuid airson shanasan sgrìobhte agus airson shanasan claisneach.”

Lean e air: “Tha sinn

a' tuigsinn gu bheil labhairt dhà-chànanach mar seo ann an lioftaichean Seanadh na Cuimrigh mar-thà.

“Dh'fhaodadh Sean Connery a bhith air oideachadh gus a' Ghàidhlig a labhairt, no dh'fhaodadh an guth aig duine aig a bheil Gàidhlig mar-thà agus a tha cliùiteach ann am beatha nàiseanta phoblach na h-Alba a bhith air a chleachdadh.

“Tha sinn cinnteach gun cuireadh an ceum seo ris a' bheachd aig Gàidheil is luchd-taice na Gàidhlig gu bheil seilbh aca cuideachd air a' phàrlamaid nàiseanta, agus gu bheil seilbh aig an nàisean air a' Ghàidhlig.”



Sgrùdadh nam meanbhchuileag

Thèid sgrùdadh a dhèanamh gus feuchainn ri freagairt a lorg airson beathach a tha ainmeil airson sgrìos a dhèanamh air Ghàidhealtachd – a' mheanbhchuileag.

Thatar dhen bheachd gu bheil a' bhiastag seo ag adhbhrachadh cron do ghnìomhachas na turasachd leis gu bheil i a' cumail luchd-tadhail air falbh bhon sgìre.

Ach a-nis tha eòlaichean ann an Oilthigh Obar Dheathain an dòchas freagairt fhaighinn airson an duilgheadais agus iad gu sònraichte dol a choimhead ri carson a tha feadhainn de dhaoine nas tarraingich don bhiastaig na feadhainn eile.

An Gàidheal Ùr Màrt 2003

A' Mheanbhchuileag

'S e mheanbhchuileag na mallachd
A th' air mi fhìn a phianadh –
Chan eil pìos dhen chorp agam
Nach eil air a stialladh.

A-steach do tholl na cluais agam,
Suas cuinneanan mo shròine,
Ag èaladh measg an fhuilt agam
'S a' bìdeadh cùl na glùine.

Ma thèid mi dhan chruach mhònach
No thogail sreath bhuntàta,
Tha iad man na snàthadan,
Gam spioladh bho na cnàmhan.

Mo bhodhaig mar le piocais air
Le tachais a tha sgràthail,
Nam chridh' tha bith a' mhurtair –
Sin mar bhuin iad ri mo nàdar!

Ach saoil am biodh e comasach
An cruinneachadh nan ceudan,
'N leigeil às am measg nan tidsearan
Nuair dh'ainmicheadh iad deuchainn?!

Td. 21 Cuairt chun na Gealaich le Criosaidh A. Niclomhair (*Leabhraichean Beaga* 2000)



Maighdean-mhara

i)

Bha ann roimhe seo iasgair bochd, ach air a' bhliadhna seo, cha robh e faighinn ach glè bheag de dh'iasg. Latha de na làithean, 's e ag iasgach, dh'èirich maighdean-mhara ri taobh a' bhàta, 's dh'fhaighnich i dheth an robh e a' faighinn mòran èisg. Fhreagair an seann duine, 's thuirt e nach robh.

“Dè an duais a bheireadh tu dhòmhsa airson pailteas èisg a chur thugad?”

“Ach!” ars' an seann duine, “Chan eil a bheag agamsa ri sheachnadh.”

“An toir thu dhomh a' chiad mhac a bhios agad?” ars' ise.

Air a thoirt bho 'A' Mhaighdean Mhara' Popular Tales of the West Highlands deasaichte le J.F. Caimbeul
(Wildwood House 1983)

ii)

*Hùbha is na hoireann hùbha
Hùbha is na hoireann hì.
Hùbha is na hoireann hùbha
'S ann le foill a mheall thu mi.*

1. A-mach air bhàrr nan stuadh ri gaillinn,
Fuachd is feannadh fad o thìr,
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdean-mhara mi.

2. Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair tha buaireas air an t-sid';
Bha mi a-raoir an Coire Bhreacain,
Bidh mi a-nochd an Eilean Ìdh'.

3. Seall is faic air grunn na fairge
Uaimhean airgid 's òir gun dìth;
Lainnreacht 's chan fhaca sùil e,
Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

Aon, Dhà, Tri Òrain is Rannan cloinne - rann àireamh 15-4-3- (PRG/HC/Cànan 1999)



i) Seo earrann bhon leabhar-latha aig Caiptean Scott mun turas mu dheireadh aige san Antartaig:

Dihaoine, 16mh den Mhàrt no Disathairne, 17mh den Mhàrt

Air deitichean a dhiochuimhneachadh, ach tha mi a' smaoinneachadh gu bheil am fear mu dheireadh ceart. Bròn fad an t-siubhail. Aig biadh mheadhan-latha, air a' bhon-dè, thuirt Titus Oates bochd nach b'urrainn dha cumail air adhart; dh'iarr e òirnn fhàgail sa phoca-cadail. Cha b'urrainn dhuinn sin a dhèanamh agus chuir sinn ìmpidh air leantainn air an triall. A dh'aindeoin 's cho doirbh 's bha e, rinn e strì air adhart agus choisich sinn beagan mhiltean. An oidhche sin, bha e na bu mhiosa agus thuig sinn gu robh a' chrìoch air tighinn. Ma thèid seo fhaighinn, tha mi airson gum bi an fhirinn seo air a sgrìobhadh agus air a 'cumail an cuimhne'. B'ann air a mhàthair a bha na smuaintean mu dheireadh aig Oates, ach dìreach roimhe sin, bha e moiteil a' smaoinneachadh gum biodh an rèiseamaid aige toilichte leis an dòigh threun anns an do choinnich e ri bhàs. Bheir sinne teisteanas air a' ghaisge aige. O chionn iomadh seachdain a-nis, tha e air cràdh uabhasach fhulang gun a bhith a' gearan, agus chun an deiridh bha e deiseil agus deònach bruidhinn air iomadh cuspair eile. Cha tug e – cha toireadh e suas a dhòchas chun an fhìor-dheireadh. B' e duine làidir a bha ann. B' e an deireadh a bh' ann. Chaidil e air a' bhon-raoir, an dòchas nach dùisgeadh e; ach dhùisg e sa mhadainn an-dè. Bha stoirm-shneachda ann. Thuirt e, "Tha mi a' dol a-mach agus ma dh'fhaodte gum bi mi greiseag gun tilleadh." Chaidh e a-mach dhan stoirm-shneachda agus chan eil sinn air fhaicinn bhon uair sin.



Seo trì teacsaichean fiosrachaidh: cunntas air tachartas, cunntas sùil-fhianais agus aithisg.

Blàr Allt a' Bhonnaich

Bha fios aig Eideard II gum feumadh e gluasad an aghaidh Alba. Ghairm e arm à Sasainn, Èirinn 's às a' Chuimrigh airson Caisteal Shruighlea a chuideachadh. Bha mu 2,000 eachraidh agus 15,000 saighdear coise aige, fada bharrachd na bh' aig Alba. Bha mu 5,000 saighdear coise air an deagh thrèanadh aig Brus agus 500 fear each luath. Bha an t-arm air a bhith soirbheachail fodha fhèin 's a cheannardan fad seachd bliadhna.

Airson na h-Albannaich a chuideachadh cho mòr 's a ghabhadh, thagh Brus raon a' bhlàir gu faiceallach. Chaidh claisean a chladhach 's a chòmhdach agus spìcean 's buill bhiorach iarainn a sgaoileadh.

Air an 23mh den Ògmhios 1314 choinnich an dà arm. Thàinig tùs an arm Shasannaich an aghaidh cath-bhuidhinn Bhrus a bha a' dùnadh an rathaid gu Sruighlea. Chunnaic ridire òg, Henry de Bohun, an Rìgh Raibeart air ponaidh beag glas. Thug e ionnsaigh air le sleagh ach mharbh Brus e le aon bhuille den tuagh. Ged a thuirte ceannardan an airm gun robh Brus gòrach ga chur fhèin ann an cunnart còmhla ri aon duine, thug e misneachd dha na fir aige. Bhrùth iad air adhart agus thill an eachraidh.

Thug Eideard II an t-arm aige tarsainn an uillt agus chuir e suas campa airson na h-oidhche. Bha uisge ann dha na h-eich ach bha an t-arm eadar dà allt a bha a' sruthadh dhan Abhainn Dhuibh.

Tron oidhche thàinig Albannach a bha a' sabaid dha na Sasannaich gu taobh Alba. Bhrosnaich esan Brus gu sabaid. Sa mhadainn ghluais Alba an aghaidh nan eachraidh. Cha robh rum tionndaidh aig na h-eich. Cha robh neart nan Sasannach gu feum dhaibh. Sgap marcaichean Raibeirt Keith boghadairean Shasainn agus bha cothrom aig Alba. Theich Eideard gus nach deigheadh a ghlacadh. Chaidh tòrr a bhàthadh anns na h-uillt agus anns an Abhainn Dhuibh 's iad a' feuchainn ri teiche. Chaidh iomadh prìosanach cudromach a ghlacadh le Alba airson èirig.

Td. 34 35 Alba ri Linn Bhrus le Màiri Spankie (Acair 1994)



Leughadh airson Toileachas





Ro-ràdh

Bu chòir tòrr chothroman a bhith aig clann aig ìrean D agus E a bhith ag èisteachd ri agus a' leughadh 'teacsaichean a tha gu math ioma-fhillte ann am plot, ann an dàimh, ann an cànan agus ann an structar' (Stiùireadh Nàiseanta 5-14). Seo diofar dhòighean airson clann a bhrosnachadh gu bhith a' leughadh theacsaichean eadar-dhealaichte airson toileachas.

Stiùireadh do Thidsearan:

- A' leughadh a-mach dhan chloinn:
 - Tagh leabhar airson a leughadh a-mach dhan chloinn airson ùine ghoirid a h-uile latha no airson ùine nas fhaide a h-uile seachdain. Tha seo gu math feumail fhathast aig ìrean D agus E, a' toirt cothrom don chloinn èisteachd ri agus bruidhinn mu dheidhinn leabhar, rud a tha sònraichte math do chloinn aig a bheil duilgheadasan le leughadh. Bheir e cothrom don tidsear aire na cloinne a thoirt gu rudan leithid plot, tionndaidhean, ìomhaigheachd is eile ann an sgeulachdan, agus mu dheidhinn rudan mar ruitheam, rann is uaim ann am bàrdachd.
 - Leig leis a' chloinn leabhraichean a mholadh airson leughadh a-mach bho àm gu àm cuideachd, ach dèan cinnteach gu bheil caochladh sheòrsaichean theacsa air an leughadh thar na bliadhna, a' gabhail a-staigh ficsean, bàrdachd agus fìorsgeòil, sgeulachdan bho air feadh an t-saoghail agus sgrìobhadh na cloinne fhèin.
- Dràma: Dh'fhaodadh clann sgrìopt a sgrìobhadh stèidhichte air sgeulachd ghoirid no bàrdachd aithriseach a leugh iad. Cuidichidh seo iad smaoinichadh barrachd mu dheidhinn caractar, suidheachadh agus luchd-èisteachd. Tha sgeulachdan traidiseanta math airson seo (faic an leabhar 'Am Bloigh Beag le Beannachd'). Dh'fhaodadh clann sgrìopt Gàidhlig a sgrìobhadh stèidhichte air sgeulachdan Beurla cuideachd, no dràma a dhèanamh airson sealltainn de thachair, no de tha iad a' smaointinn a thachras, ann am pàirt de sgeulachd.



- Sgrìobhadh na cloinne fhèin: Tha e cudromach gum faigh clann cothroman sgrìobhadh càch a chèile a leughadh no a chluinntinn.
 - Thoir cothrom don h-uile sgoilear rudeigin a sgrìobh e/i fhèin a leughadh a-mach dhan chlas. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin an sgrìobhadh as fheàrr a thaghadh bhon phasgan-sgrìobhaidh aca, no dh'fhaodadh an tidsear no caraid pìos sgrìobhaidh a rinn iad a mholadh.
 - Nuair a sgrìobhas clann rudeigin air leth math, dèan cinnteach gum faigh iad cothrom a leughadh dhan chlas agus 's dòcha do chlasaichean eile, ma tha iad ag iarraidh, no gun tèid a thaisbeanadh far am faigh clann eile cothrom a leughadh.
 - Dh'fhaodadh a h-uile sgoilear pìos sgrìobhaidh a rinn e/i a thaghadh gach teirm no gach bliadhna airson leabhar de bhàrdachd, sgeulachdan, fìorsgeòil no measgachadh de sheòrsaichean sgrìobhaidh. Ghabhadh seo 'fhoillseachadh' leis a' chlas airson leabharlann na sgoile. No dh'fhaodadh an clas cuspair sònraichte a thaghadh airson leabhar agus dh'fhaodadh a h-uile duine pìos a sgrìobhadh airson an leabhair ann an gnè sam bith.
- Leughadh-bhuidhnean: Nuair a tha buidheann a' leughadh leabhar còmhla ris an tidsear, broснаich iad gu bhith a' bruidhinn mu dheidhinn rudan is toil leotha agus nach toil leotha mun teacs. Dh'fhaodadh tu do bheachdan fhèin innse dhaibh cuideachd.
- Leabhraichean neo-fhicsean: Nuair a tha iad a' dèanamh rannsachadh airson obair-chuspair, broснаich a' chlann gu bhith a' com-pàirteachadh ri clann eile dè na leabhraichean a fhuair iad a bha feumail agus carson. Dh'fhaodadh iad taisbeanadh de leabhraichean feumail a dhèanamh anns a' chlasrum, le rud beag sgrìobhaidh ri taobh gach leabhar ag innse dè bha math mu dheidhinn.
- A' bruidhinn mu dheidhinn leabhraichean is ùghdaran is toil leotha: Dèan cinnteach gum faigh a h-uile sgoilear cothrom a bhith a' bruidhinn ris a' chlas no ris a' bhuidhinn leughaidh aige/aice mu dheidhinn leabhraichean agus ùghdaran is toil leis/ leatha. Thoir dhaibh cothrom òraid bheag ullachadh (tha **duilleagan-planaidh** airson seo air **duilleagan-obrach 1** (ùghdar) agus **2** (leabhar / bàrdachd) agus broснаich iad leabhraichean leis an ùghdar sin a thoirt a-steach. Dh'fhaodadh iad rannsachadh a dhèanamh air an ùghdar/ bàrd anns an leabharlann no air an eadar-lìon. Dh'fhaodadh iad bruidhinn mu dheidhinn leabhraichean Gàidhlig no Beurla no Albannach (no cànan sam bith eile). Dh'fhaodadh clann eile ceistean a chur orra mun leabhar no mun ùghdar ma tha thu a' smaointinn gun dèilig an sgoilear ceart gu leòr le ceistean.
 - Dh'fhaodadh a' chlann 'bhòt' a chur air dòigh airson an leabhair/ùghdair as fheàrr leotha agus liosta a dhèanamh den 'tri as fheàrr' airson balla a' chlasruim. Brosnachaidh seo clann eile gus na leabhraichean sin fheuchainn.



• A' sgrìobhadh mu theacsaichean is ùghdaran is toil leotha:

- Tha e cudromach gum faigh clann ùine airson a bhith a' leughadh airson toileachas a-mhàin, an àite an-còmhnaidh a bhith a' dèanamh obair stèidhichte air na leabhraichean a leughas iad.
- Uaireannan iarr air a' chloinn aithris a sgrìobhadh air leabhar a chòrd riutha, ach na iarr orra seo a dhèanamh leis a h-uile leabhar, mus cail iad an tlachd ann an leughadh.
- Dh'fhaodadh liosta a bhith air balla a' chlasruim far an sgrìobh a' chlann tiotal, ùghdar agus nota no dhà air leabhraichean a chòrd riutha. Seo dòigh mhath a bhith a' cuideachadh clann nach eil cho dèidheil air leughadh a bhith a' taghadh leabhar a chòrdas riutha.
- Dèan taisbeanadh de leabhraichean is toil leis a' chloinn, air balla a' chlasruim. Dh'fhaodadh a' chlann postairean no sanasan-reic a dhèanamh airson leabhar is toil leotha. Dh'fhaodadh iad aithris a sgrìobh iad a chur dhan taisbeanadh, no fiosrachadh mu dheidhinn bàrd no ùghdar a sgrìobhadh air a shon.
- Gach teirm, iarr air a h-uile duine anns a' bhuidhinn leabhar no ùghdar no bàrd a mholadh dhan bhuidhinn. Dh'fhaodadh a' bhuidheann an uair sin bhòt a ghabhail air dè am fear a bu mhath leotha fheuchainn (gun a bhith a' taghadh an fhir a mhol iad fhèin!) Cuidichidh **duilleag-obrach 1** no **2** iad gus seo a dhèanamh.
- Iarr air a' chloinn pìos a sgrìobhadh mun leabhar, sgrìobhadair no mun phìos bàrdachd as fheàrr leotha. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin na pìosan sgrìobhaidh seo a dheasachadh airson leabhar a dhèanamh, 's dòcha ga fhoillseachadh air a' choimpiutair gus am bi leth-bhreac aig a h-uile duine anns a' chlas. Dh'fhaodadh iad an duilleag-planaidh air duilleag-obrach 1 no 2 a chleachdadh, no dh'fhaodadh a' chlann fhèin duilleag-planaidh a dheasachadh.

• A' bruidhinn mu dè bhios a' toirt orra leabhar a thaghadh:


- Iarr air a' chloinn smaoinichadh air na rudan a bhios a' toirt orra leabhar a thaghadh ann an leabharlann, ann am bùth no an catalog, no bho sgeilp anns a' chlasrum no aig an taigh. Dh'fhaodadh iad liosta a dhèanamh de rudan a tha cudromach nuair a tha iad a' taghadh rudeigin ri leughadh agus mu dheidhinn dè a' bhuaidh a tha aig gach fear orra.
 - cuspair an leabhair
 - ùghdar
 - còmhach
 - tiotal
 - fad
 - sgrìobhadh air cùl an leabhair
 - gnè-sgrìobhaidh
 - moladh bho charaidean
 - moladh bho iris / tidsear / TBh. etc

An dèidh seo a dheasbad mar chlas no mar bhuidhinn leughaidh, iarr air a' chloinn sgrìobhadh na rudan as cudromaich dhaibhsan nuair a tha iad a' taghadh leabhar.

• Ag èisteachd ri ùghdar / bàrd / daoine eile a' bruidhinn mu dheidhinn leabhraichean is toil leotha:

- Mas urrainn dhuibh, thoir cothrom don chloinn èisteachd ri ùghdar no bàrd is toil leotha a' leughadh an cuid obrach.
- Ma thig ùghdar no bàrd dhan sgoil airson bruidhinn ris a' chloinn, brosnach iad gu bhith a' faighneachd dè na leabhraichean/ ùghdaran is toil leis/ leatha agus carson.
- Dh'fhaodadh a' chlann duilleag a dheasachadh airson a thoirt do phàrantan, caraidean, tidsearan agus luchd-obrach eile anns an sgoil airson faighinn a-mach dè is toil leotha a bhith a' leughadh agus carson.






Leughadh airson Toileachas - duilleag-obrach 1

Ainm:

Cleachd an duilleag-planaidh seo airson òraid no pìos sgrìobhaidh ullachadh mun sgrìobhadair as fheàrr leat. 'S dòcha nach lorg thu fiosrachadh gu leòr airson a h-uile pàirt den duilleag a lìonadh a-steach, ach lorg nas urrainn dhut.



Ainm:.....

Fiosrachadh eile mu a
d(h)eidhinn:

Rugadh:.....

Co às a tha e/i?.....

Leabhraichean / dàin a leugh mi leis an sgrìobhadair seo:

Dè am fear as fheàrr leat?

Canson?

Leabhraichean eile nach do leugh mi fhathast leis an aon ùghdar:

Mholainn an t-ùghdar/ am bàrd seo oir:



Leughadh airson Toileachas - duilleag-obrach 2

Ainm:

Cleachd an duilleag-planaidh seo airson òraid no pìos sgrìobhaidh ullachadh mu dheidhinn an leabhair no a' phìos bàrdachd as fheàrr leat.

Total:

Ùghdar / bàrd:

Foillsichear / ceann-latha foillseachaidh:

Gnè-sgrìobhaidh: bàrdachd sgeulachd ghoirid nobhail

Leabhar-fiosrachaidh eile

Leabhraichean eile leis an aon ùghdar:

Dè tha math mu a dheidhinn?

plot, caractaran, cànan, suidheachadh, cuspair,

dealbhan, stoidhle, strì, eile:




Mholainn an teacs seo do dhaoine eile oir:

Co ris an còrdadh an teacs seo?

Carson?



Leughadh
a-mach





Ro-ràdh

Aig ìre D 'tha còir leantainn air leughadh a-mach gus fàs a thoirt air sgilean dràma agus air leughadh seallaidh is dèanadais.' (*Stiùireadh Nàiseanta Gàidhlig 5-14*)

Stiùireadh do Thidsearan:

- Thoir tòrr cothroman don chloinn leughadh a-mach do sgoilearan eile, do chlasaichean eile anns an sgoil agus do phàrantan. Dèan cinnteach gum faigh iad cothroman an sgrìobhadh fhèin a leughadh a-mach, agus pìosan à leabhraichean is toil leotha.
- Uair san t-seachdain, dh'fhaodadh sgoilear eadar-dhealaichte sgeulachd a leughadh a-mach don chlas. Thoir dhaibh cothrom gu leòr ro-làimh a bhith a' fàs cleachdte ris an teacsa a tha iad a' dol a leughadh: stòiridh no dàn a sgrìobh iad fhèin, no caibideil bhon nobhail a tha an clas a' leughadh, no dàn no stòiridh is toil leotha fhèin.
- Thoir cothroman dhaibh leughadh do dhaoine taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile air cuirmean, co-thionalan, seirbhisean, etc.
- Is toigh le clann aig an ìre seo fhathast a bhith ag èisteachd ri stòiridhean agus bàrdachd. Tagh leabhar co-cheangailte ri pròiseact a' chlas agus leugh pìos goirid a-mach bhon leabhar a h-uile latha no dà uair san t-seachdain. No tagh pìos bàrdachd airson a leughadh a-mach aig toiseach no deireadh gach latha. Ionnsaichidh a' chlann tòrr le bhith ag èisteachd ri tidsear a' leughadh ann an dòigh dealasach, inntinneach.
- Leig leotha èisteachd ri daoine eile a' leughadh a-mach gu math: sgoilearan eile, tidsearan eile, daoine air an rèidio no telebhisean. Bruidhinn mu dheidhinn dè nì leughadair math: guth soilleir, astar ceart, glacadh sùil an leughadair, ag atharrachadh guth airson caractaran eadar-dhealaichte, a' sealltainn teagamh, eagal, sonas, etc tron dòigh labhairt agus tro ghluasad-bodhaig.
- Mas urrainn dhut, iarr air sgeulaiche thighinn a-steach don chlas airson sgeulachdan innse dhaibh. Bruidhinn mu dheidhinn an dòigh labhairt aige/aice agus ciamar a ghlac e/i aire an luchd-èisteachd.
- Dèan cinnteach gum faigh sgoilearan cothroman diofar sheòrsaichean teacs a leughadh a-mach: sgeulachdan èibhinn, sgeulachdan dìomhair, bàrdachd dhen h-uile seòrsa, teacsaichean dràma, sgrìobhadh pearsanta, earrannan às a' Bhiobaill,



aithrisean-naidheachd agus piosan à leabhraichean-fiosrachaidh.

Bruidhinn mu dheidhinn dè seòrsa sgrìobhaidh as fheàrr leotha a bhith a' leughadh a-mach, agus carson is fheàrr leotha sin na seòrsaichean eile.

- An-dràsta 's a-rithist, leig leis a' chloinn an leughadh aca fhèin a chlàradh gus an cluinn iad iad fhèin. Cuidichidh seo iad cluinntinn a bheil iad a' leughadh ro luath no ro mhall, a bheil na faclan soilleir gu leòr, a bheil iad a' stad ann an àitichean freagarrach agus a bheil iad a' leughadh ann an dòigh inntinneach.
- Air na duilleagan a leanas tha piosan sgrìobhaidh de ghnè eadar-dhealaichte le puingean airson an leughadh a-mach a dhèanamh nas inntinniche.

a. Bàrdachd ag innse sgeulachd

Am Bodach Ròcais 's am Bodach Sneachda

Chunnaic mise aisling neònach,
Bodach sneachda 's bodach ròcais,
A' spaidsearachd air feadh na mòintich,
'S iad ri còmhradh mar a leanas.

Bodach Sneachda

Dè chuir thusa bhodaich ròcais,
Falbh nad amadan sa mhòintich?
Saoilidh mi nach eil sin dòigheil,
'S tu od òig nad bhòcan fheannag.
Bha thu 'd ghille faire aig Dòmhnall
Air a' choirce 's air an eòrna,
'S ann ort fhèin bha 'n coltas pròiseil,
Ged a bha do chòmhdach peallach.

Bodach Ròcais

Tha do shròn a bhodaich-shneachda,
Car beag fada; sin mo bheachd-sa,
'S tha thu fhèin car claon od chleachdadh,
No tha mise ceàrr nam bharrail.
Nach bu chòir dhut bhith san fhasgadh,
'S clann a' bhaile caitheadh chnap ort,
Nad sheasamh air an t-sràid gu tapaidh,
An àite bhith an seo air d' aineoil?

Bodach Sneachda

Innsidh mise dhut an fhìrinn,
Dh'fhàs mi iomagaineach mun t-side,
'S eagal orm gun tigeadh dile,
Chnàmhadh mi om bhonn gum
chlaigeann.
Is nan tigeadh plathadh grèine,
Leaghainn-sa mar choinneal cèire,
Thigeadh bàs orm às na speuran,
'S chan èirinn às a sin rim mhaireann.

Thug mi m' aghaidh air a' mhòintich,
Far 'm bi sneachda 's talamh reòta,
'S fuachd gu leòr a chumadh beò mi,
Suas co-dhiù gu deireadh earraich.
Ach a-nis nach inns' thu fhèin dhomh,
Dè chuir thusa falbh nan slèibhtean,
Feumaidh gun robh thu nad èiginn,
Mun do thrèig thu dreuchd nam feannag.

Bodach Ròcais

Chuir an sneachda gaoir' nam fheòil-sa,
'S shrac a' ghaoth a tuath mo chòta,
Cha b' urrainn dhomh an dòigh bhith
leòmach,
Air mo shròiceadh 's air mo ragadh.
Bha eagal orm a bhith gun chòmhdach,
Nuair a thigeadh cur an eòrna,
Bhithinn ithte aig na ròcais,
'S air mo sgròbadh aig gach feannaig.

Smaointich mi gun deanainn dìreadh,
Gu binneinan àrd nam frithean,
Far am faighinn fois is didean,
'S far am biodh mo rioghachd farsainn.
'S nuair a thigeadh grian an t-samhraidh,
Bhithinn mireagach 's ri dannsa,
'S bhithinn saor o fhuachd 's o chranntachd
'S gheibhinn fois o ghràcail fheannag.

Dh'fhalbh na bodaich ud le chèile,
Às mo shealladh thar an t-slèibhe,
Iad a' glagadaich 's ag èigheach,
'S iad le chèile geàrd am beatha.
'S ma leagh fear le teas na grèine,
'S ma bha chompanach gun èideadh,
Chan aithne dhomhs' an còrr mun dèidhinn,
O nach d' rinn mi tuilleadh cadail.



b. Sgeulachd airson clann nas òige

Fad mhìosan, bha mi air a bhith ag ràdh rium fhèin nach cuirinn A' Chorrach Dhraoidheil air duine gu bràth tuilleadh an dèidh mar a dh'èirich dhan tidsear agam, Mrs Winter.

Mrs Winter bhoichd.

Aon latha, bha i ag ionnsachadh litreachadh dhuinn. "Seas," thuirt ise riumsa, "agus litrich cat".

"Tha sin furasta," thuirt mi, "c-a-t".

"Bu tu an nighean bheag ghòrach!" thuirt Mrs Winter.

"Chan i nighean bheag ghòrach a th' annam," dh'èigh mi. "'S e th' annam ach nighean bheag laghach!"

"Thalla agus seas anns a' chòrnair," thuirt Mrs Winter.

Ghabh mi an fhearg an uair sin agus chuir mi A' Chorrach Dhraoidheil air Mrs Winter, agus, anns a' charachadh....

Bheil fhios agad dè thachair?

Thòisich feusag a' fàs air a h-aodann! Feusag fhada dhubh, dìreach mar a bhios air cat ach gun robh i na bu mhotha. Cho luath 's a dh'fhàs i! Mus do thàrr sinn smaoineachadh, bha i a-mach gu a cluasan!

Thòisich an clas air fad a' gàireachdainn agus thuirt Mrs Winter, "Dè an aon saoghal a tha a' toirt a leithid de ghàireachdainn oirbh?"

Agus nuair a chaidh i a sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh, chunnaic sinn gun robh earball air fàs oirre cuideachd. Earball mòr, tiugh!

Cha tèid agam air innse dhuibh mar a thachair an uair sin ach, ma tha e a' cur iongnadh air duine agaibh an d' fhuair Mrs Winter seachad air, feumaidh mi a ràdh nach d' fhuair. Agus chan fhaigh gu bràth.

Td. 11-12 A' Chorrach Dhraoidheil le Roald Dahl (Puffin 1974) – A' Ghàidhlig le D. Dennis



C. Aithisg air milleadh na h-àrainneachd

Ann an iomadh ceàrnaidh den t-saoghal tha roinnean sònraichte air an cruthachadh airson an àrainneachd nàdarrach a dhìon bho mhilleadh le daoine, (gun fhiosta no a dh'aona ghnòthaich.) Chan fhaod daoine a dhol a-steach do chuid de na roinnean sin. Tha an tuath air a ghleidheadh do na lus an 's do na beathaichean a tha beò an sin gun duine a bhith a' cur dragh orra. Ach, faodaidh daoine a dhol don chuid as motha de na roinnean sin gus an gabh iadsan tlachd anns na h-àiteachan fiadhaich agus àlainn sin agus an fhiadh-bheatha a tha beò anna. Mar sin, tha daoine ag iarraidh barrachd fhaicinn de na h-àiteachan fiadhaich a tha iad a' faicinn air an telebhisean. Tha e gu math cumanta do luchd-turais a dhol air safari gu na tèarmainnean nàdair feurach a tha cho ainmeil ann an Afraga, no a dhol a choiseachd am measg bheanntan na Himalaya, no eadhon tadhal air raointean deighe an Antartaig ann am bàtaichean sònraichte.

Tha an trioblaidean fhèin aig na roinnean sin, ach, mar a tha barrachd dhaoine a' tadhal orra, tha iad a' milleadh sìth agus bòidhchead na tìre agus an fhiadh-bheatha air an tàinig iad a choimhead. Anns na Himalaya, tha trioblaidean ùra ann mar cnàmh fhrith-rathaidean le brògan mòra an luchd-coiseachd, agus dìth fiodh air sgàth teintean an luchd-tadhail. Tha seo air an talamh brisg a lagachadh agus air maoin-slèibhe adhbhrachadh a tha air pòran agus bailtean a tha anns an rathad orra a sgrios. Tha an duine air a chomharradh fhàgail am meadhan fàsaichean an t-saoghail, air raointean deighe nam Polaichean, agus eadhon ann am meadhan nan cuantan. Glè thric chan e comharradh taitneach a tha sin.

Aonad Àrainneachd II cairt 5.7 Cleasachd (Acair 1993)



d. Tuairisgeul làn 'atmosphere'

Fhuair iad gu cùl a' chaisteil gun chus spàirn agus thòisich iad a' gluasad air an socair agus gu cùramach gu an aghaidh. Bha oiteagan gaoithe a' bualadh le sgàl aognaidh air an togalach a bha ag èirigh gu h-àrd os an cionn. Air an cùlaibh, agus air gach taobh, bha a' choille dhorch, a' maoidheadh orra gu h-eagalach agus gu neo-ghealltanach. Cha robh sìon a dh'fhios nach robh sùilean nàimhdeil a' goradaireachd orra bho dhlùths nan craobhan.

Ràinig iad na dorsan mòra daingeann. Bha cearcall mòr umha an crochadh bho gach doras. Gu faiceallach agus cho socair agus a b' urrainn dha, rug Fionnlagh air a' chearcall agus chuir e car dheth. Bha an triùir eile ri a shàil ga choimhead. Bha iad uile deiseil airson ruith nan cluinneadh iad fuaim bhon taobh a-staigh. Dh'fhairich Fionnlagh a chridhe a' dol na chom aig peilear a bheatha. Beag air bheag dh'fhosgail an doras.


"Fuirich thusa an seo," chagair Fionnlagh ri Rob. "Ma thig càil, leig fead."

Ghnog Rob a cheann.

Chuir Fionnlagh a cheann a-staigh air an doras. Bha talla-inntrigidh mòr, farsaing, àrd fa chomhair. Chun na làimhe clì, bha staidhre leathann a' sniomhanaich timcheall agus suas agus a' dol à sealladh. Chaidh e a-staigh agus lean Caitlin agus Eddy e. Àrd os an cionn timcheall an talla-inntrigidh bha cinn bheathaichean air an gleidheadh – fèidh agus sionnaich, bruic agus mathanan. Leig Eddy fead bheag ìseal.

"An ainm Sealbh, seall sin!"

Bha na sùilean aca mòr le iongnadh a' coimhead suas. 'S e seòrsa de chloiche ioma-dathach a bha anns an làr agus anns na ballachan. Cha mhòr gu faiceadh tu na h-uinneagan beaga air tàillibh cho tiugh 's a bha na ballachan. Stad iad mionaid gu sàmhach ag èisteachd, ach cha chluinneadh iad càil ach fuaim na gaoithe bhon taobh a-muigh.



Rinn Fionnlagh soidhne riutha a leantainn. Chaidh iad air chorra-biod chun na staidhre. Stad iad aig a' bhonn agus choimhead iad suas. Cha robh càil ri fhaicinn. Thàinig iad gu bac na staidhre. Chun na làimhe clì bha trannsa a' dol sìos, agus chun na làimhe deise trannsa eile. Bha na trannsaichean fada agus sàmhach. Cha robh sgeul air nì.

Aig an doras a-muigh bha Rob na sheasamh leis fhèin. Bha e beagan leamh gun deach esan fhàgail na neach-faire. Dè nan tigeadh Sgràgan? Cha bhiodh duine aige a chuidicheadh e. An uair sin chuimhnich e air a' phùdar na phòcaid. Chùm e grèim teann air. Sin an aon mheadhan-cobhair a bha aige. Bha e ag ùrnaigh nach tigeadh càil agus gum biodh e ceart gu leòr.

An-dràsta 's a-rithist choimheadadh e suas air an togalach a bha a' sìomanaich àrd os a chionn. Bha e mar gu robh e a' ruighinn nan sgòthan. Bha e a' cumail sùil gheur cuideachd air a' choille, a bha mu cheithir cheud slat air falbh, cho dorch 's cho bagarrach. Rinn a' mhac-meanmainn lèirsgrios air inntinn. Dè ma bha Sgràgain – ge bith dè bh' annta sin – an-dràsta fhèin a' deasachadh airson ionnsaigh a thoirt air a-mach às a' choille? Cha robh ciall anns an t-suidheachadh anns an robh e. Nan tigeadh dròbh dhe na Sgràgain, cha robh dad ann a b' urrainn dha a dhèanamh. Bha e marbh, agus gun a bheatha ach a' tòiseachadh.

Td. 61-62 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul (Stòrlann/ Acair 2002)



Stiùireadh air gach teacs

Leis a h-uile teacs, broснаich na sgoilearan coimhead air agus a leughadh gu sàmhach leotha fhèin mus leugh iad a-mach e.

Ma tha ùine ann, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun tuig iad an teacs air fad.

Mura bheil iad fhèin a' tuigsinn an teacs, bidh e doirbh don luchd-èisteachd a thuigsinn bhon leughadh aca.

a. Bàrdachd aithriseach

- 'S e bàrdachd a tha seo. Tha ruitheam agus rann nam facal cudromach. Dèan cinnteach gun chluinn an luchd-èisteachd ruitheam agus rann nam facal.
- Ged is e bàrdachd a th' ann, tha an teacs seo ag innse sgeulachd cuideachd. Ciamar a nì thu cinnteach gun urrainn don luchd-èisteachd an sgeulachd a leantainn?
- Tha an teacs seo làn fhaireachdainnean: cleachd do ghuth no do bhodhaig airson na faireachdainnean seo a chur thairis don luchd-èisteachd: m.e.
*'Chuir an sneachda gaoir nam fheòil-sa,
'S shrac a' ghaoth a tuath mo chòta,'*
- Cuimhnich do ghuth atharrachadh airson ceistean a shealltainn: m.e.
*'Dè chuir thusa bhodaich ròcais,
Falbh nad amadan sa mhòintich?'*
- Tha triuir dhaoine a' bruidhinn anns a' bhàrdachd seo: an neach-aithris, am bodach ròcais, agus am bodach sneachda. Dèan cinnteach gun tuig an luchd-èisteachd cò tha bruidhinn. (Chan fhaic iad na faclan ann an clò Eadailteachd!)
Stad airson greis mus tòisich cuideigin ùr a' bruidhinn. Atharraich do ghuth rud beag airson sealltainn gur e cuideigin eile a tha bruidhinn, ach dèan cinnteach gu bheil do ghuth fhathast soilleir gu leòr!
- Cuimhnich gu feum thu a h-uile facal a ràdh gu soilleir. Dèan cinnteach nach ruith na faclan a-steach na chèile.

b. Stòiridh do chlann nas òige

- Is fìor thoil le clann òga a bhith ag èisteachd ri sgeulachdan air an leughadh gu math.
- Smaoinich air an luchd-èisteachd. Coimhead orra fhad 's a tha thu a' leughadh an àite a bhith cumail do cheann shìos fad na h-ùine. Cleachd do ghnùis, do làmhan agus do ghuth airson an stòiridh a dhèanamh beò dhaibh.
- Smaoinich air na caractaran anns an stòiridh. Ciamar a bhios iad a' bruidhinn? An urrainn dhut na caractaran a thoirt beò le do ghuth?
- Tha seantansan den h-uile seòrsa ann an seo: seantansan fada agus goirid, ceistean agus glaidhean. Dèan deagh fheum den phuingeachadh airson seo a shealltainn. Tha puingeachadh ann airson structair agus ciall a thoirt dhan teacs. Chan fhaic is cha tuig clann òg am puingeachadh. Tha e an urra ris an leughadair a chleachdadh gus am bi e furasta don chloinn an stòiridh a leantainn.
- Cuimhnich, leugh gu soilleir. Na leig le faclan ruith a-steach na chèile. Na leugh ro luath agus na leugh ro shlaodach!



C. Aithisg air Milleadh na h-Àrainneachd


- Tha tòrr fhaclan doirbh anns an teacs seo. Dèan cinnteach gun tuig thu a h-uile facal mus tòisich thu a' leughadh.
- Smaoinich air an luchd-amais. An tuig iadsan a h-uile facal? Mura tuig, ciamar a chuidicheas an leughadair iad an teacs a thuigsinn?
- Tha na paragrafan fada agus tha seantansan fada ann. Tha seo a' ciallachadh gu bheil na cromagan agus stad-phuingean gu math feumail. Dèan cinnteach nach ruith clàsan no seantansan a-steach na chèile le bhith a' stad fada gu leòr aig a h-uile cromag agus stad-phuing.
- Smaoinich air adbhar an teacs. Saoil carson a chaidh a sgrìobhadh? A bheil an sgrìobhadair ag iarraidh puing a chur thairis? Dè a' phuing? Ciamar a bheir an leughadair air an luchd-èisteachd àire a ghabhail don phuing seo?

d. Sgeulachd làn stri/ atmosphere

- Fhad 's a tha thu a' leughadh, coimhead air an luchd-èisteachd bho àm gu àm. Dèan cinnteach gu bheil iad uile gad chluinntinn. Cuimhnich gun a bhith a' dol am falach air cùl an teacs!
- Tha eagal air na caractaran. Feumaidh an leughadair feuchainn ris an eagal seo a chur thairis don luchd-èisteachd.
- Tha an t-astar leughaidh gu math cudromach an seo. Na bi ann an cus cabhaig. Thoir cothroman gu leòr don luchd-èisteachd dealbh fhaighinn nan inntinn den t-suidheachadh mu bheil thu a' leughadh. Stad airson greiseag aig a h-uile stad-phuing agus cromag agus dèan cinnteach nach ruith na faclan a-steach na chèile.
- Atharraich do ghuth ann an dòigh freagarrach. Na leugh ann an cagair no ann an guth eagalach fad na h-ùine no caillidh an luchd-èisteachd ùidh!



Bàrdachd





Ro-ràdh

Aig Ìre D 'bidh bàrdachd a' cuairteachadh barrachd sheòrsachan stoidhle. Bidh fiosrachadh mu bheatha nam bàrd na chuideachadh don chloinn ann a bhith a' cur am barrachd eòlais air an obair aca' (Stiùireadh Nàiseanta: Gàidhlig 5-14). Anns na h-aonadan a leanas, tha iomadh seòrsa stoidhle eadar-dhealaichte de bhàrdachd is òrain, le eisimpleirean agus obair leudachaidh airson gach fear. 'S e an rud as cudromaiche gum faigh a' chlann cothrom diofar sheòrsachan a leughadh, gus am faigh iad 'inspiration' airson an sgrìobhadh fhèin.

Acrostic:

Seo seòrsa bàrdachd a bheir structair soilleir don sgrìobhadair – rud a tha tòrr dhaoine a' faighinn gu math feumail.

Ann am bàrdachd acrostic, bidh a' chiad litir de gach loidhne a' dèanamh suas facal, agus mar as trice, 's e am facal sin prìomh chuspair na bàrdachd.

Tha seo a' toirt structair soilleir don sgrìobhadair, a' toirt dhaibh cothrom a bhith a' smaoinichadh mu roghainn nam facal an àite structair na bàrdachd.

Tha eisimpleir de dhàin acrostic anns an leabhar An Leabhar-latha Ùr le Mòrag Stiùbhart (*Stòrlann/ Acair 2003*) td.27. Seo pàirt dhe:

DEARG

Dath, soilleir, làidir,

Einnsean smàlaidh

Ad mo sheanmhar

Rabhadh bho na solais

Geansaidh Dhaibhidh Beckham

Chan eil a h-uile facal freagarrach airson bàrdachd acrostic ann an Gàidhlig. Tha e doirbh, mar eisimpleir, ma tha 'h' anns an fhacal, ged a tha cuid a dh'fhacail a ghabhas cleachdadh airson 'h'. Ach 's e deagh dhòigh structair a thoirt do chlann nach eil cho cinnteach ann a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd agus a' bhith a' toirt orra smaointinn gu cùramach mu dheidhinn **dè na faclan** a chleachdas iad.

Seo pìos bàrdachd acrostic eile, co-cheangailte ri obair pròiseict air fànais:

Mar bàla mòr dearg

Ann am fànais farsaing

Rionnagan mun cuairt air

Sin agad Mars.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Dh'fhaodadh a' chlann pìos bàrdachd acrostic a sgrìobhadh mun ainm aca, no mu dheidhinn caraid.

* Tha obair air bàrdachd 'acrostic' air **duilleag-obrach 1**.



Aithriseach:

Ann am bàrdachd aithriseach tha sgeulachd air a h-innse tron bhàrdachd. Gu math tric tha tòrr thuairisgeul ann cuideachd, ach 's e an sgeulachd prìomh adhbhar na bàrdachd. Seo eisimpleir bhon leabhar Blasad de Aesop le Maoilios M. Caimbeul (*Seahorse Design & Publications, 1991*)

An Cù agus am Faileas

Chaidh Dìleas thairis na h-aibhne
le pìos mòr feòla na bheul,
nuair a chunnaic e faileas san uisge
a lion a làn de dh'èud.

Cù eile! Le cnàimh nas motha!
Leig e às am fear aige fhèin,
's leum e a-staigh dhan uisge
gum faigheadh e grèim air a mhiann.

Leum e le plub dhan an abhainn.
Chaidh an fheòil le plub as a dhèidh.
Dh'fhalbh i le luathas an uisge,
's cha robh siud ach faileas dhe fhèin!

Puingean Teagaisg:

- 'S i bàrdachd aithriseach a tha seo, ag innse sgeulachd.
- Dè an sgeulachd a tha i ag innse?
- Tha na sgeulachdan aig Aesop a' toirt comhairle seachad. Dè an comhairle a tha an sgeulachd seo a' toirt seachad?
- Coimhead air ruitheam agus ruitheamh anns a' bhàrdachd.
- Dh'fhaodadh a' chlann Tam O' Shanter le Raibeart Burns a leughadh. Seo deagh eisimpleir de bhàrdachd aithriseach.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh an sgeulachd 'An Cù agus am Faileas' ann an rosg.
- Leugh cuid de na rannan eile anns an leabhar Blasad de Aesop. An e bàrdachd aithriseach a th' anna air fad?
- Leugh sgeulachd ghoirid anns an leabharlann, no sgeulachd a sgrìobh thu fhèin o chionn ghoirid. Feuch ris an aon sgeulachd a sgrìobhadh mar bhàrdachd aithriseach.
- Coimhead air cruinneachadh de bhàrdachd. Feuch an lorg thu bàrdachd aithriseach anns a' chruinneachadh.
- Sgrìobh bàrdachd aithriseach mu dheidhinn rudeigin a rinn thu aig an deireadh sheachdain, rudeigin eibhinn a thachair anns an sgoil, turas air an deach thu, no prògram a chunnaic thu air telebhisean.
- Tha ceistean mu dheidhinn pìos bàrdachd aithriseach air **duilleag-obrach 2**.



Alliteration: *(faic cuideachd an t-aonad 'Uaim agus Fuaimealas')*

Canaidh sinn 'uaim' no 'alliteration' ri faclan faisg air a chèile a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim. Tha uaim feumail ann am bàrdachd, a' toirt ruitheam agus fonn dha na faclan. Dèan cinnteach nach cleachd thu cus dheth ge-tà, air neo cha bhi e cho èifeachdach! Ann an òrain Ghàidhlig, gu h-àraidh òrain luaidh, tha uaim tric a' tighinn a-steach dha na sèistean:

Hill hù hill hò

Hill hò ro bha hò

Hill hù hill hò

Bu tu mo thrò nan tigeadh tu. (Òran Luaidh Iortach)

No 'S na hada hia hì 's na hì hò hua (An Iorram Dharraich)

Puingean Teagaisg:

- Cùm sùil a-mach airson uaim ann am bàrdachd.
- Brosnaich a' chlann a bhith a' smaoinichadh air uaim nuair a tha iad a' taghadh bhuadhairean airson bàrdachd a tha iad a' sgrìobhadh. Sgrìobh ainmearan air a' bhòrd-dhubh agus iarr orra smaointinn air buadhair freagarrach a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim. (m.e. cat cruinn, cealgach; bodach bochd, bodhar; uaimh uaigneach; Dh'fhaodadh iad faclair Gàidhlig a chleachdadh airson barrachd bhuadhairean feumail a lorg. Dh'fhaodadh iad an uair sin pìos bàrdachd a sgrìobhadh a' cleachdadh cuid de na h-ainmearan agus buadhairean sin.
- Sgrìobh pìos bàrdachd mu dheidhinn duine mas-fhìor le ainm làn uaim (m.e. Dòmhnall Dan an Dotair no Eilidh E. à Earra Ghàidheal).



Amas (assonance)

Mìneachadh: Fuaimreagan ann am facal a' dèanamh rann (*rhyming*) le fuaimreagan ann am faclan eile (m.e. caol agus daor) no connragan ann am facal a' dèanamh rann le connragan ann am faclan eile (m.e. hoilibheag hilibheag). Tha amas cudromach ann an tòrr bhàrdachd agus òrain Ghàidhlig. Chan fheum a' chlann am facal 'amas' fhèin a thuigsinn aig an ìre seo, ach, ma tha iad mothachail air co às a thig na faclan a nì rann ann am bàrdachd agus òrain, bidh e nas fhasa dhaibh leughadh le brìgh agus tuigse.

Seo eisimpleir bhon òran thraidiseanta 'Seinn o Churadail O' (Tog Fonn 2 Taigh na Teud 1997). Tha na faclan a tha a' sealltainn amas ann an clò trom:

Tha na **maoir** ga mo shireadh,
Tha na **saoir** ga mo shireadh,
Tha na **maoir** ga mo shireadh,
Cha gabh mi ach tàillear.

Thèid mi **null** air an abhainn,
Thig mi **nall** air an abhainn,
Thèid mi **null** air an abhainn
Choimhead air an tàillear.

Coimheadaibh còmhla air na rannan seo bhon òran luaidh 'Gur tu mo Chruinneag Bhòidheach'. Brosnaich a' chlann a bhith ag èisteachd airson 'amas'. Dh'fhaodadh iad na faclan le 'amas' a shoilleireachadh airson faicinn càit a nochd iad anns a' bhàrdachd.

Dheidhinn dhan a' ghealaich leat
Nan gealladh tu mo phòsadh.

Dheidhinn leat a dh'Uibhist
Far am buidhicheadh an t-eòrna.

Dheidhinn leat a dh'Èirinn
Gu fèill nam bàn òga

Dheidhinn leat an ear 's an iar
Gun each, gun srian, gun bhòtainn.

Puingean Teagaisg:

- Coimhead airson eisimpleirean de 'assonance' ann an òrain thraidiseanta eile agus ann am bàrdachd.
- Brosnaich a' chlann a bhith a' toirt an aire do fhaclan a nì rann nuair a tha iad a' leughadh bàrdachd, gu h-àraidh nuair a tha iad ga leughadh a-mach.
- Brosnaich a' chlann a bhith a' smaointinn mu fhuaimnean nam facal a thaghas iad nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh bàrdachd.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 3



Bàrdachd Pearsanta

'S e bàrdachd deagh dhòigh faireachdainnean agus smuaintean a chur an cèill. Seo eisimpleir bhon leabhar An Leabhar-latha Ùr le Mòrag Stiùbhart (Stòrlann/ Acair 2003) far a bheil Anna a' sgrìobhadh a faireachdainnean ann an leabhar-latha a fhuair i airson a co-là-breith. An seo, tha i a' dèanamh coimeas eadar i fhèin agus a' chlann-nighean a tha dol a-mach oirre:

Eagal

Mise

Leam fhèin
Gun dòigh air teicheadh
Gun duine a dh'èisteach
Glacte ann an oisean
Gach doras glaiste
Leam fhèin

Iadsan

Còmhla
A' faicinn an eagail
Faclan suarach
Dòighean mosach
A' dèanamh milleadh
Còmhla

Ach co air a tha an t-eagal as motha?

Puingean Teagaisg:

- Dè na faireachdainnean / smuaintean a tha an sgrìobhadair a' sealltainn anns a' phìos bhàrdachd seo?
- Saoil dè tha i a' ciallachadh leis an loidhne mu dheireadh?
- Coimhead air mar a chleachd an sgrìobhadair ath-aithris anns a' bhàrdachd airson an diofar eadar i fhèin agus a' chlann-nighean eile a dhèanamh soilleir (Leam fhèinLeam fhèin; Còmhla ... Còmhla). Tha ath-aithris air a chleachdadh tric ann am bàrdachd airson diofar adhbharan – (a' toirt structair don obair, a' daingneachadh puingean sònraichte, airson taic a thoirt don ruitheam)
- Tha bàrdachd feumail airson a bhith sealltainn tòrr ann am beagan fhacal.
- Faodaidh tu iomadh sèorsa bàrdachd a chleachdadh airson faireachdainnean pearsanta a shealltainn: bàrdachd ann an rannan, bàrdachd shaor, liosta, haiku, cumadh ...

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Leig ort gur tusa Anna a sgrìobh am pìos bhàrdachd seo. Sgrìobh na h-aon fhaireachdainnean ann an ros. Cuimhnich seantansan a chleachdadh. Dèan coimeas eadar a' bhàrdachd agus an ros. Dè am fear as èifeachdaiche nad bheachd-sa?
- Sgrìobh pìos bhàrdachd mu dheidhinn nam faireachdainnean agad fhèin an-diugh. An uair sin, sgrìobh mun deidhinn ann an ros. Dè an dòigh as fheàrr leat?
- Leig ort gun do bhuannaich thu co-fharpais (ann an spòrs no ceòl, mar eisimpleir). Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn? Sgrìobh sìos na faireachdainnean a bhiodh agad agus cleachd iad ann am pìos bhàrdachd.



- Sgrìobh bàrdachd pearsanta mu aon de na rudan seo, a' sealltainn do smuaintean agus d' fhaireachdainnean:
A' chiad latha anns an sgoil / clas ùr; làithean-saora; an caraaid as fheàrr agad;
A' faighinn peata ùr; Rudeigin a tha a' tachairt anns na naidheachdan;
Obair-dachaigh

Beatha nam Bàrd:

Tha an leabhar Ceòl nam Fèis 2 gu math feumail oir tha e ag innse beagan mu bheatha nam bàrd agus beagan a bharrachd fiosrachaidh mu na h-òrain a tha ann. Dh'fhaodadh an clas coimhead air diofar òrain leis an aon bhàrd, Murchadh MacPhàrlain mar eisimpleir, agus beachdachadh air dè thug air na h-òrain sin a sgrìobhadh. Dh'fhaodadh iad leabhran beag a dheasachadh mu dheidhinn bàrd sònraichte, le lethbhreac de cuid den obair aige/aice agus beagan fiosrachaidh mu a d(h)eidhinn. (Tha fiosrachadh mu Mhurchadh MacPhàrlain ri fhaotainn air **duilleag-obrach 4**, earrann a chaidh a thogail bho làrach-lìn Comataidh Craolaidh Gàidhlig).

Tha an dà shreath de phrògraman 'Sgeul an Òrain' (BBC Radio nan Gàidheal, Earrach 2003 agus Earrach 2004) feumail airson beagan ionnsachadh mu eachdraidh nan òran. Air an làrach-lìn (www.bbc.co.uk/alba/foghlam) tha òrain mu dheidhinn Eilthireachd, Cogadh agus Muir (2003) agus mu na Seumasaich, òrain obrach agus òrain ùra (2004) le fiosrachadh mu na h-òrain, notaichean do thidsearan agus obair leudachaidh. Ged nach eil mòran fiosrachaidh ann mun h-uile bàrd, tha beagan ann a tha feumail.

Seo na tha an làrach-lìn ag innse dhuinn mu Iain Ruadh Stiùbhart, a rinn an t-òran Latha Chùil Lodair. Ma tha an clas a' dèanamh pròiseact air na Seumasaich, dh'fhaodadh iad beachdachadh air diofaran eadar an t-òran seo agus an ath òran anns an t-sreath, Mo Rùn Geal Òg – dà òran air an aon chuspair ach le beachdan gu math eadar-dhealaichte air a' Phrionnsa Teàrlach.

Rinneadh an t-òran le Iain Ruadh Stiùbhart (1700-1752) à Bàideanach. Bha esan na shaighdear ainmeil agus na Sheumasach làidir agus bha e eòlach air a bhith strì an aghaidh Riaghaltas Bhreatainn. Bha e anns an Fhraing ann an 1745, ach thill e a dh'Alba far an do ghabh e comannnd air Rèiseamaid Dhùn Èideann, dhan Phrionnsa Teàrlach. Dhearbh e e fhèin mar shàr ghaisgeach aig Blàr Chùil Lodair. Bha e am measg na thill dhan Fhraing còmhla ris a' Phrionnsa.



Cinquain

Mineachadh: còig loidhnichean le 22 lide uile gu lèir: 2 anns a' chiad loidhne, 4 anns an dara loidhne, 6 anns an treas loidhne, 8 anns an ceathramh loidhne agus 2 anns an loidhne mu dheireadh. Bidh an loidhne ghoirid aig an deireadh a' toirt a-steach rudeigin ris nach robh dùil. Seo 3 eisimpleirean:

Seall sin!
Muc reamhar phinc
a' roilig air an làr,
ga còmhdachadh le poll salach
àlainn.

Tha craobh
àrd, annasach
a' fàs anns a' choille;
is bidh clann às gach ceàrn a' cluich
na broinn.

Chaidh mi
Sìos am baile,
A dh'iarraidh pacaid criosps,
Is thachair mi ri bodach beag
Purpaidh.

Puingean airson Teagaisg:

- Cia mhead loidhne a th' anns gach fear? Dè am Frangais a th' air còig?
- Cunnt na lidean anns gach loidhne de gach cinquain.
- Dè tha annasach mun loidhne mu dheireadh anns gach fear? Dè am facal a shaoileadh tu a bhiodh ann?
- Dè am fear as fheàrr leat agus carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Duilleag-obrach 5




Cumadh/ Concrete

Mineachadh: Bàrdachd anns a bheil an cumadh anns a bheil na faclan air an sgrìobhadh air a' phàipear a' cruthachadh dealbh de chuspair na bàrdachd cho math ris na faclan fhèin. Bidh a' chlann air bàrdachd mar seo a sgrìobhadh aig ìre C, ach tha àite ann dha aig ìre D cuideachd. Bheir an seòrsa bhàrdachd seo cothrom don chloinn a bhith a' smaointinn gu sònraichte mu nam faclan a thaghas iad – faodaidh iad 'brainstorm' a dhèanamh de fhaclan a sheallas cuspair na bàrdachd agus an fheadhainn as fheàrr leotha a thaghadh. Chan fheum iad abairtean no rannan a dhèanamh leotha.

Seo eisimpleir de 'brainstorm' airson bàrdachd air a' chuspair 'craobh darach'

geugan	stoc	darach	duilleagan	cluasach	feòrag	
nead	eòin	meanbh-fhrìdean	damhan-allaidh		freumhan	talamh
speur	toll	ceilearadh	a' fàs	cho àrd	làidir	lùbte
seann	coille	sgaoileadh	sìneadh		a' sèideadh	
garbh	tiugh	gucagan	cnothan-daraich			

Agus seo pìos bàrdachd ann an cumadh craibhe, a' cleachdadh tòrr de na faclan sin:



Puingean Teagaisg:

- Saoil carson nach do chleachd an sgrìobhadair a h-uile facal air an do smaoinich i?
- Carson a tha am facal 'a' tuiteam' sgrìobhte mar a tha e?
- Saoil carson a tha na faclan ann an stoc na craoibhe sgrìobhte ann an litrichean mòra?
- Airson bàrdachd a sgrìobhadh ann an cumadh, faodaidh tu dealbh a dhèanamh agus na faclan a sgrìobhadh am broinn an deilbh, (m.e. 'stoc tiugh, làidir, garbh, dorch-liath') no faodaidh na faclan fhèin an dealbh a dhèanamh (m.e. 'feòrag a' ruith am falach')

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Obair clas no buidhne: Dèan diagram a' sealltainn mar a bhios boinneag uisge a' tuiteam às na speuran bhon speur agus a' dèanamh a slighe chun na mara, a' dol tro allt, lochan, abhainn no canàl. Sgrìobh faclan is abairtean airson gach pàirt den t-slighe. Smaoinich air mar a bhios an t-uisge a' gluasad air gach pàirt den t-slighe agus air an fhuaim a nì e. Cleachd tòrr bhuadhairean, gnìomhairean agus cho-gnìomhairean. (Dh'fhaodadh aon bhuidheann sgrìobhadh mun uisge a' tuiteam às an adhar, buidheann eile mu dheidhinn allt, buidheann eile mu dheidhinn abhainn etc. Cleachd na faclan gus bàrdachd cumaidh a dhèanamh, a' toirt an aire do fhuaim agus chumadh nam facal. Nuair a tha thu deiseil, dèan taisbeanadh air balla a' chlasruim, a' sealltainn slighe an uisge.
- Obair aon-neach no còmhla ri caraid: Smaoinich air faclan a dh'innseas co ris a tha fear de na rudan seo coltach. Smaoinich air cumadh, coltas, fuaimean, dòigh-ghluasaid, faireachdainnean agus nàdar a' bheathaich. Cleachd na faclan is abairtean gus bàrdachd cumaidh a dhèanamh:

Crogall liopard cailleach-oidhche sioraf damhan-allaidh seilcheag



Gòrach

Thoir cothroman don chloinn bàrdachd a leughadh a tha gun chiall no le faclan mas-fhìor ann. Tha e doirbh bàrdachd mar seo a lorg ann an Gàidhlig agus tha e doirbh a sgrìobhadh! Coimhead air bàrdachd Edward Lear, Spike Milligan no Lewis Carroll ann am Beurla airson deagh eisimpleirean de bhàrdachd ghòrach.

Puingean Teagaisg:

- Chan eil e furasta bàrdachd ghòrach a sgrìobhadh a tha èibhinn, ach is toil le clann a bhith a' feuchainn!
- Cluich le faclan, dèan suas faclan èibhinn, a' smaointinn mu dheidhinn nam fuaimnean a nì iad.
- Coimhead airson rudan annasach no ghòrach airson sgrìobhadh mu dheidhinn.
- Cuir rudan far nach eil dùil riutha, a' dèanamh feum de rannan (rhymes) (m.e. Chaidh mi dhan bhùth an-dè, Le baga air mo shròin, Thachair mi ri m' uncail Tam ag innse sgeul dha ròn).

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dh'fhaodadh a' chlann faclan mas-fhìor a chur a-steach do phìos bàrdachd Ghàidhlig (an àite ainmearan no an àite bhuaidhairean). Bheir seo structair dhaibh agus bheir e dhaibh cothrom obair a rinn iad air lidean no eòlas air cànan a dhaingneachadh. Ma tha cothrom aca faclan a dhèanamh an-àirde, tha e nas fhasa dhaibh rann (rhyme) agus ruitheam (rhythm) fheuchainn a-mach cuideachd!
- Cleachd faclan **mas-fhìor** airson crìoch a chur air an rann seo.
Am faca tu an
A cheannaich mi a-raoir?
Tha air a' mhullach aig'
Is fada caol.
- Dh'fhaodadh iad feuchainn ri sgeulachd ghòrach innse ann am bàrdachd mu dheidhinn duine annasach
- Leugh 'Jabberwocky' le Lewis Carroll airson faicinn mar a ghabhas faclan mas-fhìor a chleachdadh ann am bàrdachd.
- **Duilleag-obrach 6** (a' lionadh nam beàrnan gus rann ghòrach a sgrìobhadh)



Haiku

Sgrìobh eisimpleir de *haiku* air a' bhòrd-dhubh. Faighnich don chlas dè an seòrsa sgrìobhaidh a th' ann - (*bàrdachd*). Faighnich a bheil fhios aig duine sam bith dè an seòrsa bàrdachd a th' ann - (*haiku*)

Innis dhaibh dè tha sònraichte mu dheidhinn *haiku*. Ma tha faclairan beaga aca fhèin dh'fhaodadh iad am mìneachadh a sgrìobhadh annta. Cunnt na lidean anns gach loidhne.

Dèan cinnteach gum faic a h-uile duine na *haiku* a leanas mus dèan iad an duilleag-obrach. Dh'fhaodadh iad a bhith air a' bhòrd-dhubh no shuas air a' bhalla.

A) Seo 3 *haiku* mu dheidhinn luch:

Ceumannan beaga
A' ruith tarsainn an ùrlair
Air tòir chriomagán.

Am faca tu i?
Casan beaga ga giùlain
Gu àite falach.

Cluasan mòra
Ag èisteachd airson cunnart
Aig a h-uile ceàrn.

Puingean airson deasbad:

- * Dealbh air a chruthachadh le grunn fhaclan
- * Tha gach facal cudromach.
- * Dè am fear as fheàrr a sheallas co ris a tha luch coltach? Carson a thagh thu am fear sin?



Limerick

Is toil le clann a bhith a' leughadh agus a' dèanamh suas an seòrsa seo de bhàrdachd oir tha tòrr spòrs ann an *limericks*. Chan eil e idir furasta an structair agus an ruitheam a chleachdadh ann an Gàidhlig, ach le bhith a' coimhead air limericks agus a' feuchainn ri feadhainn a sgrìobhadh, ionnsachaidh a' chlann tòrr mu dheidhinn ruitheam agus rann.

Tha limericks rin lorg anns an leabhar Cuairt chun na Gealaich le Crìosaidh A. Niclomhair (*Leabhraichean Beaga 2000*) fon tìotal 'Rabhdan Ròlaisteach'.

Seo 2 eisimpleir bhon leabhar sin:

Bha cailleach bheag bho chd ann an Calanais
Bha feagal a beath' oirr' ro dhealanaich -
Chuir i plaide mu ceann
Is dh'fhalbh i na deann,
'S cha do stad i gus na ràinig i Aranais.

An Gearradh na h-Aibhn' bidh gach seòrsa
A' tadhal san àit' airson spòrsa,
Gach fear le a ghillie
Ag iasgach air linne
'S a' siubhal ann an Rover no Porsche.

Td. 34 Cuairt chun na Gealaich le Crìosaidh A. Niclomhair (*Leabhraichean Beaga 2000*)

Puingean ri Dheasbad:

- * Iarr air a' chloinn coimhead air structair gach limerick le na ceistean seo:-
 - Cia mheud loidhne a th' ann an limerick?
 - Cia mheud lide a th'anns gach loidhne?
 - Dè na loidhnichean aig a bheil an aon ruitheam?
 - Càite a bheil na faclan a nì rann ann an limerick?
- * Dè tha 'rabhdan ròlaisteach' a' ciallachadh?



Ged nach eil e a' tachairt anns an dà eisimpleir gu h-àrd, gu math tric tha an loidhne mu dheireadh cha mhòr co-ionnan ris a' chiad loidhne. Tha seo ga dhèanamh rud beag nas fhurasta a sgrìobhadh, ged a tha e fhathast caran doirbh!

Bha cailleach le dreasa ùr phinc
Ag òl cupa tì aig an t-sinc,
Shuidh speach air a sròin
Is sgriach i "Obh, obh!"
Dhòirt mi tì air mo dhreasa ùr phinc!"

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Dh'fhaodadh a' chlann feuchainn ri faighinn a-mach co às a thàinig am facal 'limerick' agus an t-àite Limerick a lorg air mapa.

* Iarr air a' chloinn crìoch a chur air na limericks seo. Dh'fhaodadh iad obrachadh leotha fhèin, no ann am buidhnean beaga. Dèan cinnteach, mus tòisich iad, gun tuig iad dè an ruitheam a th' aca ri leantainn agus brosnach iad smaointinn air faclan a nì rann (no seòrsa de rann!)

a) Bha bodach beag caol à Lochabar,
Ag ionnsachadh cathadh a' chabair,
Chaidh an cabar cho àrd

.....
.....

b) Chaidh *Ciorstaidh NicAoidh** mach a chluich
Shuas air a' chnoc air latha fliuch,

.....
.....
.....

*no ainm sam bith nach eil air duine anns a' chlas!

c) Bha cuilean beag laghach aig Iain Òg,
Le falt cho

.....
.....
.....



- Dh'fhaodadh iad feuchainn ri limerick a sgrìobhadh mun deidhinn fhèin ma tha iad ag iarraidh, ach thoir an aire: chan eil seo furasta!
'S dòcha gun cuidich format mar seo iad:

Is mise à

Is toil leam

.....

.....

.....

- Ma tha thu a' faireachdainn dàn, dh'fhaodadh tu iarraidh orra limerick a sgrìobhadh mun tidsear aca!
- Ionnsachaidh a' chlann tòrr mu dheidhinn structair agus rann ann an limericks le bhith a' leughadh an fheadhainn Bheurla a sgrìobh Edward Lear. (faic Edward Lear A Book of Nonsense 1846)



Liosta

Bàrdachd anns a bheil an aon abairt air a chleachdadh iomadh turas, is faclan eile air an cur ris. Tha seo a' toirt structair soilleir don sgrìobhadair, a' leigeil leis / leatha smaoinichadh barrachd mu dheidhinn roghainn de fhaclan agus ruitheam. i) Seo eisimpleir:

'S e gorm dath na mara air latha brèagha samhraidh,
'S e gorm dath nam beanntan àrda fada fad' air falbh,
'S e gorm dath mo shùilean
'S e gorm dath mo lèine,
'S e gorm an dath as fheàrr leam.

.....

Dh'fhaodadh an clas 'brainstorm' a dhèanamh de rudan eile a tha gorm agus am beachdan a sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh. An uair sin dh'fhaodadh na sgoilearan feadhainn de na beachdan a thaghadh airson pìos bàrdachd a chruthachadh. Brosnaich iad a bhith a' smaointinn mu dheidhinn fuaim nam facal agus ruitheam na bàrdachd nuair a tha iad a' taghadh dè sgrìobhas iad.

ii) Uaireannan tha bàrdachd air a dhèanamh le liosta de rudan air an taghadh airson fuaim nam facal. Seo eisimpleir le Iain Mac a' Ghobhainn:

Rabaid agus geàrr,
Peant agus teàrr,
Starrag agus faoileag,
Crùbag agus maorach,
Peansail agus peann –
Is sgeulachd nam cheann. (td. 18 Rabhdan is Rudan, Gairm 1973)

Puingean Teagaisg:

- Dè tha aig an dà rud anns gach loidhne ann an cumantas?
- Dè na faclan a nì rann?

iii) Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh pìos bàrdachd (le 5 loidhnichean 's dòcha) mu dheidhinn dath eile, a' leantainn an aon phàtrain.
- Sgrìobh bàrdachd ann an liosta air **aon** de na cuspairean seo.
 - a) Shìos air an tràigh
 - b) A' falbh air mo bhaidhsagal
 - c) Fuaimean is toil leam
 - d) B' fheàrr leam gu robh mi ...



- Ann am buidheann beag, no còmhla ri caraid, sgrìobh paidhrichean de rudan a thèid còmhla (m.e. stocainnean agus brògan, cait agus coin, latha agus oidhche). Sgrìobh pìos bàrdachd a' cleachdadh feadhainn aca.
- Leig ort gu bheil thu a' bruidhinn ri rudeigin, ag innse dha/dhi co ris a tha e/i coltach. Tòisich a h-uile loidhne le 'Tha thu ... ' no 'Bidh thu ...'. Nuair a tha tòrr bheachdan agad, tagh an fheadhainn as fheàrr leat. Fàg às na faclan tòiseachaidh ma tha thu ag iarraidh agus atharraich òrdugh nam facal. Cuimhnich gur e an liosta dìreach rathad a-steach don bhàrdachd.



Òrain

Tha òrain uabhasach cudromach ann an dualchas nan Gàidheal – òrain obrach, tàlaidhean, òrain cianalais, òrain brosnachaidh, puirt-a-beul Dh'fhaodadh an clas pròiseact slàn a dhèanamh air a' chuspair seo! Dèan cinnteach gum faigh iad cothrom èisteachd ri agus beachdachdadh air òrain de dhiofar sheòrsaichean. Seo ceistean a ghabhadh cleachdadh nuair a tha sibh a' coimhead air òran: Tha cuid de na ceistean rin lorg cuideachd air **duilleag-obrach 8**.

- Co mu dheidhinn a tha an t-òran?
- Dè an seòrsa òrain a th'ann? (m.e. tàladh, òran obrach, òran aithriseach, port-a-beul, òran èibhinn)
- An e òran aithriseach a th' ann a tha ag innse sgeul?
- An e seann òran a th' ann no òran ùr?
- Cò sgrìobh an t-òran?
- Carson a chaidh a sgrìobhadh? A bheil sgeul a' dol leis?
- Dè thathar a' ciallachadh le òran traidiseanta?
- Cuin a bhiodh daoine ga sheinn? (m.e. airson dannsadh, airson luaidh)
- Ciamar a tha fios agad gur e sin an seòrsa òrain a th' ann?
- Dè do bheachd air an òran?
- An e òran aoibhneach no òran brònach a th' ann nad bheachd-sa?
- Coimhead air ruitheam agus rann anns an òran.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Èist ri fonn (gun fhacail ach le ruitheam freagarrach airson òran). Sgrìobh sìos faclan a thig a-steach dhan cheann agad fhad 's a tha thu ag èisteachd. Feuch an sgrìobh thu faclan airson òran leis an aon fhonn, a' cleachdadh cuid de na rudan a thàinig a-steach dhan cheann agad.
- Èist ri òrain luaidh. Dèan suas sèist airson òran luaidh. An uair sin, smaoinich air ruitheam airson nan rannan. Sgrìobh rannan a dh'innseas mu dheidhinn aon de na rudan a leanas, (no tagh fhèin cuspair), a' cleachdadh na ruitheam sin:
 - rudeigin èibhinn a thachair dhut
 - tuairisgeul de dhuine annasach
 - turas air an deach thu
 - rudeigin a thachair anns an sgoil an-dè

* Ann am buidhinn, cruinnich òrain Ghàidhlig de dhiofar sheòrsaichean. Dèan rannsachadh airson beagan fhaighinn a-mach mu gach òran. Deasaich iad airson leabhar a dhèanamh, le beagan fiosrachaidh mun h-uile òran (m.e. dè an seòrsa òrain a th' ann, cò sgrìobh e, co às a thàinig e ...). No dèan taisbeanadh air balla a' chlasruim mu òrain Ghàidhlig.



Pearsanachadh:

Bàrdachd anns a bheil rudeigin (m.e. sneachd, gaoth, eagal, sgìths) air a riochdachadh mar gur e pearsa a th' ann.

Leugh am pios bàrdachd seo don chlas agus iarr orra obrachadh a-mach cò, no dè, a tha a' bruidhinn ann:

Chan fhaic thu mise ann an lùchairt rìgh
No ann an taigh mòr spaideil,
'S e taigh gun mhullach mo dhachaigh,
Taigh gun fhasgadh bhon ghaoith
No bho acras, no fhuachd.
Caol agus lag,
Bidh mi a' crùbadh a-steach
Nam aodach robach luideach.
Le sporan falamh;
Gun airgead, gun charaid.
Chan eil duine sam bith gam iarraidh.

Puingean Teagaisg:

- Cò no dè a tha a' bruidhinn? (Bochdainn)
- Dè tha a' toirt ort sin a chreidsinn?
- An smaoinich thu air rudan eile a dh'fhaodadh e a ràdh?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh liosta de rudan a chanadh aon de na rudan seo mu a dheidhinn fhèin agus cleachd iad airson pios bàrdachd pearsanachaidh a sgrìobhadh. Feuch nach cleachd thu am facal fhèin anns a' bhàrdachd!

toileachas

rathad

bròn

aonranachd

a' ghaoth



Tòimhseachan

Bàrdachd le tuairisgeul de rudeigin gun a bhith ag innse dè an rud a th'ann.

i) Seo eisimpleir bhon leabhar Aithris is Oideas (University of London Press 1964)

Moigean molach, molach
A shiùbhlas a' bheinn gu luireach loireach,
Cha ghobhar e 's cha chaora e,
'S chan ith daoine Moigean molach. (freagairt: an ceò)

Puingean teagaisg:

- * Dè an uaim a th' anns an rann seo? (moigean, molach; cha chaora)
- * Dè an amas a th' ann? (luireach / loireach; caora / daoine)
- * Dè am facal a nì rann le 'chaora'? (daoine)

ii) Seo seòrsa eile de thòimhseachan, tòimhseachan litreachaidh, far a bheil gach loidhne a' toirt 'clues' mu dheidhinn facal 'falaichte' agus tha an loidhne mu dheireadh a' toirt 'clue' eile mun fhacal sin:

Tha mo chiad ann an einnsean ach chan eil e ann an càr,
Tha mo dhàrna ann am piuthar agus ann am bràthair,
Tha mo threas ann an caora agus ann am muc;
Tha mo cheathramh ann an hamstair agus ann an luch;
Tha mi rim fhaicinn san fhacal 'a-steach'.
A bheil fhios agad cò mi? Is mise

(freagairt: each)

Puingean Teagaisg:

- Tha gach loidhne a' toirt fiosrachadh mu litir mu seach.
- Tha ceangal air choreigin eadar an dà ainmear anns gach loidhne.
- Faodaidh 'clue' eile a bhith air a thoirt seachad aig an deireadh, ach chan fheum sin a bhith ann.
- Faodaidh tu dà ainmear a thaghadh anns a bheil an litir (m.e. loidhnichean 2,3 agus 4 anns an tòimhseachan seo); no aon anns a bheil e agus aon anns nach eil e (m.e. loidhne 1)
- Tha seòrsa de 'rann' (rhyme) aig deireadh loidhnichean 1 agus 2, aig deireadh loidhnichean 3 agus 4 agus aig deireadh loidhnichean 5 agus 6.
- Ma tha thu a' sgrìobhadh tòimhseachan litreachaidh airson facal nas fhaide, feumaidh tu barrachd loidhnichean!



Tha mo chiad anns an earrach ach chan eil e sa gheamhradh;
Tha mo dhàrna anns an fhoghar agus cuideachd as t-samhradh;
Tha mo threas ann an cofaidh ach chan eil e riann ann an tì;
Tha mo cheathramh ann am prionnsa agus cuideachd ann an rìgh.
Chan eil mo chòigeamh ann an deoch ach tha e ann am pathadh;
Chì thu mi ann an achadh, air a' bheinn no air an rathad!
(freagairt: caora)

iii) Tha seòrsa bàrdachd eile a tha coltach ri tòimhseachan – kenning. Bha 'kennings' cumanta ann am bàrdachd ann an Seann Bheurla agus Seann Lochlannach. Ann an kenning tha tuairisgeul air a dhèanamh de dh'ainmear, a' cleachdadh ainmearan eile:

Fear-losgaidh nan geug;
Neach-faire a' champa;
Còcaire nan cnothan;
Teasaichear an taighe.
(freagairt: teine)

Puingean teagaisg:

- Chan eil a' bhàrdachd seo furasta a sgrìobhadh ann an Gàidhlig; an àite feuchainn ri rann air fad a sgrìobhadh anns an dòigh seo, brosnach a' chlann a bhith a' smaointinn air co ris a tha rudan coltach agus 's dòcha aon no dhà dhiubh a chleachdadh ann am pìos bàrdachd. Dh'fhaodadh an clas air fad beachdan a chur air adhart airson diofar dhòighean tuairisgeul a dhèanamh de rudeigin gus am bi stòr-fhacal air a' bhòrd-dhubh.

m.e. Co ris a tha bàta-aiseig coltach?

Cupa làn de dhaoine
Seòladair nan cuantan
Each-uisge mòr
Taigh-òsta saillte
... ..

An uair sin, dh'fhaodadh a' chlann cuid de na h-abairtean seo a chleachdadh ann am pìos bàrdachd mu dheidhinn bàta.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Ag obair ann am buidhnean beaga, sgrìobhaibh tòimhseachan litreachaidh airson aon de na faclan seo:

cnoc; poll; càise; faoileag; làraidh; taibhse

- Ag obair leat fhèin no le caraid, sgrìobh tòimhseachan mu aon de na rudan seo. Faodaidh tu taghadh de seòrsa tòimhseachain a sgrìobhas tu:

fèill, fòn, bus, casan-deighe, ialtag, leòmhan, rocaid



Tuairisgeul

Tha tuairisgeul ann an tòrr bhàrdachd. Uaireannan chan eil sgeulachd ann idir, dìreach tuairisgeul a chruthaicheas dealbh de dh'àite, de dh'faireachdainn, de dhuine no rud. Uaireannan tha sgeulachd ann le tòrr tuairsigeil cuideachd. Faodaidh tuairisgeul nochdadh ann an iomadh seòrsa bàrdachd: tòimhseachan, haiku, bàrdachd le rannan is ruitheam, bàrdachd gun rannan is gun ruitheam!

i) Seo eisimpleir de thuairisgeul ann am bàrdachd, a' chiad trì rannan de Uilebheist Loch-a-Ròg: (td. 7), bhon leabhar Cuairt chun na Gealaich le Criosaidh A. NicIomhair (*Leabhraichean Beaga 2000*)

Am faca sibh an uilebheist
Tha tàmh an Loch-a-Ròg?
Tha fad innt' tha brùideil -
Ceud troigh agus còrr.

Tha lasair na sùilean,
Thig ceò às a beul,
'S a-mach às a sgòrnan
Aig amaibh thig sgreuch,
Toirt mac-talla measg chreagan
Le sgàl a tha garbh,
'S teichidh duine 's beathach
Gu h-aithghearr air falbh.

Tha i croiteach 's cnapach,
Le stob fàs às a ceann,
'S a' dol tron an uisge
Bidh i 'n-còmhnaidh na deann

Puingean teagaisg:

- Dè an dealbh a tha a' bhàrdachd seo a' cruthachadh nad inntinn?
- Dè na faclan as fheàrr a chruthaicheas an dealbh sin?
- Dè do bheachd air uilebheist Loch-a-Ròg bhon bhàrdachd seo?
- Seall mar a sheallas an sgrìobhadair fuaimean cho math ri seallaidhean.
- Nuair a tha a' bhuidheann leughaidh a' coimhead air pìos bàrdachd, broснаich a' chlann a bhith smaointinn an e bàrdachd tuairsigeil a th' ann, no bàrdachd aithriseach, no measgachadh den dà chuid.



ii) Seo tuairisgeul de dhaoine ann am bàrdachd:

Tha triùir anns an teaghlach againne,
Tha Anna is Màiri 's mi fhìn ann;
'S i Anna as sine is Màiri as òige,
'S tha mise – Catriona – sa mheadhan.

Tha Màiri cho crosta aig amannan
'S gu feuchadh i foighidinn Iob,
Ach feumaidh sibh a leisgeul a ghabhail
Air sgàth 's g'eil i fhathast cho òg.

Tha Anna cho mòr-chuiseach, pròiseil,
'S chan eil càil air a h-air' ach a cruth;
Chan ith i a biadh mar is còir dhi
Air eagal 's gu fàs i ro thiugh.

Ach Catriona – tha ise cho stòlda,
Cho brèagha, cho modhail 's cho math;
'S e tha fortanach m' athair 's mo mhàthair
Leithid Catriona bhith ac'!

iii) Seo tuairisgeul de dh'àite bhon bhàrd Calum MacPhàrlain: ('Tir mo Ghràidh' td. 211
Modern Gaelic Bards (1908)

'S i tìr mo ghràidh an tìr a tha mu thuath,
A beanntan àrd 's a gleanntan àillidh uain,
A sruthan cas a' ruith gu bras gu cuan
Le fuaim nan iomadh steall.

Agus seo tuairisgeul den fheasgar leis a' bhàrd Niall MacLeòid às an
Eilean Sgitheanach: td. 124 Modern Gaelic Bards (1908)



Tha a' ghrian a' sgaoileadh fiamh a glòir,
Mar bhrat den òr air bhàrr nam beann;
'S an dubhar sèimh a' snàmh mar cheò,
A' còmhdach còmhnard rèidh nan gleann.

Tha fuaim nan allt mar chòisir chiùil,
Len crònan ciùin a' ruith gu tràigh;
A' sgaoileadh deatach shéimh mar dhriùchd,
Tha 'g ùrachadh nam mìltean blàth.


Puingean Teagaisg:

- Faodaidh sibh tuairisgeul a sgrìobhadh de dhaoine, àitichean, rudan, bheathaichean agus dh'fhaireachdainnean ann am bàrdachd.
- Uaireannan cleachdaidh bàird iomhaigheachd airson tuairisgeul a thoirt de rudeigin nan cuid bàrdachd. An lorg sibh iomhaigheachd sam bith anns a' bhàrdachd gu h-àrd?
- Ged a tha na h-eisimpleirean gu h-àrd uile air an sgrìobhadh ann an rannan, tha seòrsachan eile de bhàrdachd feumail airson tuairisgeul, (m.e. haiku, bàrdachd saor)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh tuairisgeul ann am bàrdachd de dh'àite is toil leatsa. Dèan 'brainstorm' de fhacail is abairtean a dh'inneas co ris a tha an t-àite coltach mus tòisich thu. Cuimhnich a bhith a' cleachdadh mhothaichidhean eadar-dhealaichte, chan e dìreach fradharc. Faodaidh tu seòrsa bhàrdachd sam bith a thaghadh – bàrdachd shaor, bàrdachd le rannan, òran, haiku, cinquain
- Sgrìobh tuairisgeul ann am bàrdachd de chuideigin annasach mas-fhìor, no mu do dheidhinn fhèin!
- Smaoinich mu dheidhinn nam faireachdainnean a tha agad an-dràsta. Dèan nota dhiubh air pìos pàipeir. Coimhead air na faclan a sgrìobh thu. A bheil na faclan sin a' toirt ort smaoinichadh air faclan no abairtean eile? (m.e. *sgìth leabaidh, sùilean a' dùnadh; teth àmhainn, latha samhraidh, reòiteag, fallas*) Sgrìobh sìos na faclan is abairtean sin. Coimhead air na faclan a sgrìobh thu. Cleachd iad ann am pìos bàrdachd. Dh'fhaodadh tu do bhàrdachd a sgrìobhadh ann an cumadh a sheallas an fhaireachdainn (m.e. loidhnichean biorach airson fearg)





Bàrdachd - duilleag-obrach 1

Ainm:

- a. Leugh am pìos bàrdachd seo agus freagair na ceistean a leanas:

Eadar làithean dorcha a' gheamhraidh
Agus làithean brèagha an t-samhraidh,
Ràith cho àlainn, làn de bheatha
Rabaidean is ùighean teòclaid
Ann an làithean-saor' na Càisge!
Chan fhada gus an tig an samhradh ...
H-uile latha a' fàs nas blàithe.

- 1) Dè seòrsa bàrdachd a th' ann?
- 2) Dè a' phrìomh chuspair anns a' phìos bhàrdachd seo?
- 3) A bheil thu a' smaointinn gur toil leis an sgrìobhadair an t-àm seo den bhliadhna?
- 4) Minich do fhreagairt.

b. Sgrìobh fhèin dàn acrostic mu dheidhinn aon de na rudan seo. Dèan dreach air pìos pàipeir eile. Tagh faclan gu cùramach agus dèan cinnteach gu bheil iad uile a' cur rudeigin math ris a' bhàrdachd agad. Cluich mun cuairt le na faclan gus a bheil thu toilichte leis agus an uair sin sgrìobh an seo e.

SGÒIL

CARAIDEAN

BALL-COISE

UISGE

COILLE



Bàrdachd/Òrain - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. I. Dè tha ann am bàrdachd aithriseach?

b. Seo earrann de dh'òran luaidh:

Dh'èirich mise moch ro latha

Hò oro hù ill ò
Hillean beag hù ill ò
Hò oro hù ill ò

Dh'èirich mise moch ro latha:
Ghabh mi mach ri srath na h-abhann,
Thàinig mi steach gleann nan aighean,
'S thug mise mo cheann le leathad
Gus na bhvail mi ceann an rathaid.
Chualas bualadh às an t-sabhal
Mar gum biodh cleith luaidh fo mhnathan
No fir òga 'g iomradh ramhaibh.
Bhvail mi gu h-eòlach an doras:
"Thig a-steach, is e do bheatha!"
Dh'ullaich a' bhean òg dhomh cathair
Far 'n do leig mi sgios an latha.

(bho chlàradh SA1977/183 A3. Tocher àireamh 41 Sgoil Eòlais na h-Alba 1988)

I. An e sgeulachd no tuairisgeul a th' anns an òran seo?



2. Tha ruitheam làidir ann. Carson a bha sin cudromach ann an òran luaidh?

3. Cia mheud lide a tha anns gach loidhne den t-sèist (ann an clò trom)?

4. Cia mheud lide a tha anns gach loidhne eile?

5. Sgrìobh fhèin loidhne leis an àireimh sin de lidean ann.

C. Lorg pìos bàrdachd aithriseach eile no òran eile a tha ag innse sgeulachd. Sgrìobh an tiotal no a' chiad loidhne an seo agus sgrìobh beagan a bharrachd mu a dheidhinn (m.e. dè seòrsa òrain/ bàrdachd a th' ann, càit' an do lorg / cuala tu e, dè an cuspair ris a bheil e a' dèiligeadh ...)



Bàrdachd/Òrain - duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo pàirt den òran, Illean Bithibh Sunndach. Leugh na faclan agus freagair na ceistean a leanas.

*Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse,
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tighinn beò ann
Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse.*

Illean cridheil gaolach, togaibh rithe a h-aodach
Tha buidheann mo ghaoil-sa Diardaoin dol a sheòladh

Gur mise tha gu cianail, a' fàgail a' Chrianain
A' dol don dùthaich fhiadhaich a dh'iarraidh ar lòn às.

Gur mise tha fo ghruaimean, a' dol a shiubhal chuantan
Tha 'n t-soitheach dubh a' gluasad gu muladach a' seòladh

Tha sinn a' dol dh'Ameireaga far nach bi cùram eile òirnn
Cho fad 's a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nobha Scòtia.

1. Carson a tha a' chiad phàirt air a sgrìobhadh ann an clò eadailteach?
2. Anns an t-sèist, tha an aon loidhne co-ionnan ris a' chiad loidhne. Saoil carson a tha sin?
3. Tha am bàrd ag iarraidh air daoine, a tha a' fàgail Alba airson dol a-null thairis a Nobha Scotia, a bhith sunndach. A bheil thu a' smaointinn gum biodh mòran aca sunndach?



3. Mìnich do fhreagairt.

4. Tha tòrr fhacal leis an fhuaim 'ao' anns a' chiad rann. Dèan soilleir iad.

5. Dèan soilleir a h-uile facal a tha a' dèanamh rann (rhyme) anns na rannan eile.

6. Tha rann aig deireadh a h-uile rann cuideachd. Dè am facal ann an rann 4 a nì rann le 'sheòladh' ann an rann 1, 'lòin às' ann an rann 2 agus 'seòladh' ann an rann 3?



Fiosrachadh mu Mhurchadh MacPhàrlain - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo sanas-naidheachd a chaidh a chur a-mach le Comataidh Craolaidh Gàidhlig airson fiosrachadh a thoirt seachad mu phrògram ùir. Leugh an sanas agus freagair na ceistean a leanas:

Murchadh MacPhàrlain: Bàrd Mhealaboist.

Bidh cothrom aig luchd-amhairc am prògram a chaidh a-mach an-uiridh fhaicinn a-rithist, nuair a thèid Murchadh MacPhàrlain: Bàrd Mhealaboist ath-chraoladh.

Is e am bàrd Leòdhasach Murchadh MacPhàrlain cuspair a' phrògram aithrisich seo. Rinn Murchadh na h-òrain, Cànan nan Gàidheal, Mi le m' Uilinn agus Mhòrag Leat Shiùbhlainn. Thàinig e gu aire a' mhòr-shluaigh an toiseach tràth anns na 70s nuair a bhuinnig an còmhlan Na h-Òganaich a' Cho-fharpais Pan Ceilteach le fear de na h-òrain aige. An dèidh sin chuir iad air clàr mòran òrain eile air a bheil eòlas is meas am measg Ghàidheal.

Tron t-seinn aig na h-Òganaich bha òrain Mhurchaidh mar mheadhan air ceòl Gàidhlig a bhrosnachadh 's buaidh a thoirt air còmhlan òga mar Capercaillie is Runrig. Aig an àm bha na h-òrain aigeanach seo air mhodh "pop" nan ceum air adhart son ceòl Gàidhlig a ghluasad bho na seann òrain bho dhualchas, gun taic ciùil, gu òrain ùra le taic ionnstramaidean a bha còrdadh ri mòran luchd-èisteachd.

Ged a rinn Murchadh dàin is òrain air iomadh cuspair mar cogadh, gaol, creideamh is poileataigs, bha a mheas air cànan is dualchas na Gàidhlig an teis-meadhan na bàrdachd aige agus bha e strì air iomadh dòigh gus an toirt air adhart. Is e a ghràdh air a chànan 's air a dhaoine tha



follaiseach ann an òrain mar Cànan nan Gàidheal, ach chan ann an dòigh shoganach. Tha e toirt cuireadh aighearach, beothail is dòchasach dha na Gàidheil an cànan 's an dòigh-beatha a ghleidheadh.

- 1) Co às a bha Murchadh MacPhàrlain?
- 2) Carson a tha e ainmeil mar sgrìobhadair òrain Ghàidhlig?
- 3) Dè an cuspair a bu chudromaiche anns a' bhàrdachd aige?
- 4) Faigh a-mach mu thrì òrain a sgrìobh Murchadh MacPhàrlain. Sgrìobh na tiotalan air pìos pàipeir agus beagan a bharrachd fiosrachaidh mu gach aon dhiubh – m.e. cuspairean, cuin a chaidh an sgrìobhadh, cò a chlàr iad ...)



Cinquain - duilleag-obrach 5

Ainm:

a. Seo cinquain:

Chì mi
Damhan-allaidh
Mòr, molach, fiadhaich
Falaicht' ann an lion a' gabhail
Norràg.

1. Smaoinich air tiotal freagarrach dha?
2. Cia mheud loidhne a th' ann?
3. Cia mheud lide a tha anns gach loidhne?

b. Smaoinich air faclan a lìonas na beàrnann anns an cinquain seo. Dèan cinnteach gu bheil an àireamh cheart de lidean anns gach loidhne. Tagh faclan a nì ciall agus a tha inntinneach is freagarrach a thaobh fuaim nam facl.

Aig muir
Bàta seòlaidh
Le bratach ùr _____
A' tro na stuaghan

c. Sgrìobh fhèin cinquain mu aon de na rudan seo:

plèana, biadh, do sheanair, àite annasach, cailleach,
gèam ùr, suiteis, latha fliuch, Alba



Bàrdachd - duilleag-obrach 6

Ainm:

- a.** Tagh faclan airson na beàrnan a lìonadh gus pìos bàrdachd gòrach a sgrìobhadh. Cuimhnich a bhith cur rudan ann ris nach bi dùil aig an leughadair!

An do thachair thu riamh ri m' antaidh?

A tha fuireach shuas ann an

Chan eil boireannach eile cho math rithe

Air

Is toil leatha ceòl

Agus dannsadh mun cuairt

Ach 's e an rud as fheàrr leatha buileach

A bhith


Chaidh i gu pàrtaidh

Le

Ach nuair a choisich i steach dhan

.....






Haiku – duilleag-obrach 7

Ainm:


- a. Leugh na 3 **haiku** mu luch.
Cunnt cia mheud lide a tha anns
gach loidhne.



Ceumannan beaga
A' ruith tarsainn an ùrlair
Air tòir chriomagan.

Am faca tu i?
Casan beaga ga giùlain
Gu àite falach.


Cluasan mòra
Ag èisteachd airson cunnart
Aig a h-uile ceàrn.



- b. Sgrìobh fhèin **haiku** mu luch.
Cuimhnich 5, 7, 5. Dèan cinnteach gu bheil gach facal feumail ann a bhith a' cruthachadh dealbh de luch.



- c. Leugh am pìos bàrdachd seo:
Rionnagan, rionnagan
beag agus mòr,
fada air falbh
shuas anns an adhar. (le Lisa Storey)



1. An e **haiku** a tha ann?
2. Ciamar a tha fhios agad?



3. Sgrìobh fhèin **haiku** mu dheidhinn rionnagan. An toiseach sgrìobh liosta de fhacail mu dheidhinn rionnagan (ainmearan, buadhairean, gnìomhairean 7c). An uair sin tagh na faclan a tha thu a' dol a chleachdadh. Cuimhnich 5, 7, 5 lidean. Cuimhnich gu bheil thu a' feuchainn ri dealbh a pheantadh le na faclan.



- d. Sgrìobh haiku mu dheidhinn fear de na rudan seo:

sioraf làraidh

cluicheadair ball-coise

dealan-dè baile trang

do bhràthair no do phiuthar

latha fliuch

sneachd



Bàrdachd/Òrain - duilleag-obrach 8

Ainm:

Leugh no èist ri òran Gàidhlig agus freagair na ceistean seo:

1. Dè an tiotal a tha air?
2. Cò sgrìobh an t-òran? (Mas e òran traidiseanta a th' ann, dìreach sgrìobh 'traidiseanta' an seo.)
3. Co mu dheidhinn a tha e?
4. Dè seòrsa òrain a th' ann? (m.e. tàladh, òran obrach, òran aithriseach, port-a-beul, òran èibhinn)
5. Ciamar a tha fios agad gur e sin an seòrsa òrain a th' ann?
6. An e òran aithriseach a th' ann a tha ag innse sgeul?



7. An e òran aoibhneach no òran brònach a th' ann nad bheachd-sa?

8 a. An toil leat an t-òran?

b. Minich do fhreagairt.

9. Sgrìobh beagan mu dheidhinn ruitheam agus rann anns an òran seo.



An Cù agus am Faileas

Chaidh Dìleas thairis na h-aibhne
le pìos mòr feòla na bheul,
nuair a chunnaic e faileas san uisge
a lìon a làn de dh'èud.

Cù eile! Le cnàimh nas motha!
Leig e às am fear aige fhèin,
's leum e a-staigh dhan uisge
gum faigheadh e grèim air a mhiann.

Leum e le plub dhan an abhainn.
Chaidh an fheòil le plub as a dhèidh.
Dh'fhalbh i le luathas an uisge,
's cha robh siud ach faileas dhe fhèin!

Tha na **maoir** ga mo shireadh,
Tha na **saoir** ga mo shireadh,
Tha na **maoir** ga mo shireadh,
Cha gabh mi ach tàillear.

Thèid mi **null** air an abhainn,
Thig mi **nall** air an abhainn,
Thèid mi **null** air an abhainn
Chòimhead air an tàillear.



Dheidhinn dhan a' ghealaich leat
Nan gealladh tu mo phòsadh.

Dheidhinn leat a dh'Uibhist
Far am buidhicheadh an t-eòrna.

Dheidhinn leat a dh'Èirinn
Gu fèill nam bàna òga

Dheidhinn leat an ear 's an iar
Gun each, gun srian, gun bhòtainn.

Eagal

Mise

Leam fhèin
Gun dòigh air teicheadh
Gun duine a dh'èisteachas
Glacte ann an oisean
Gach doras glaiste
Leam fhèin

Iadsan

Còmhla
A' faicinn an eagail
Faclan suarach
Dòighean mosach
A' dèanamh milleadh
Còmhla

Ach co air a tha an t-eagal as motha?



Rinneadh an t-òran le Iain Ruadh Stiùbhart (1700-1752) à Bàideanach. Bha esan na shaighdear ainmeil agus na Sheumasach làidir agus bha e eòlach air a bhith stri an aghaidh Riaghaltas Bhreatainn. Bha e anns an Fhraing ann an 1745, ach thill e a dh'Alba far an do ghabh e comannnd air Rèiseamaid Dhùn Èideann, dhan Phrionnsa Teàrlach. Dhearbh e e fhèin mar shàr ghaisgeach aig Blàr Chùil Lodair. Bha e am measg na thill dhan Fhraing còmhla ris a' Phrionnsa.


Seall sin!

*Muc reamhar phinc
a' roilig air an làr,
ga còmhachadh le poll salach
àlainn.*

*Tha craobh
àrd, annasach
a' fàs anns a' choille;
is bidh clann às gach ceàrn a' cluich
na broinn.*

*Chaidh mi
Sìos am baile,
A dh'iarraidh pacaid criosps,
Is thachair mi ri bodach beag
Purpaidh.*





Bha cailleach bheag bhochd ann an Calanais
 Bha feagal a beath' oirr' ro dhealanaich -
 Chuir i plaide mu ceann
 Is dh'fhalbh i na deann,
 'S cha do stad i gus na ràinig i Aranais.

An Gearradh na h-Aibhn' bidh gach seòrsa
 A' tadhal san àit' airson spòrsa,
 Gach fear le a ghillie
 Ag iasgach air linne
 'S a' siubhal ann an Rover no Porsche.

Td. 34 Cuairt chun na Gealaich le Crìosaidh A. Niclòmhair (Leabhraichean Beaga 2000)



'S e gorm dath na mara air latha brèagha samhraidh,
'S e gorm dath nam beanntan àrda fada fad' air falbh,
'S e gorm dath mo shùilean
'S e gorm dath mo lèine,
'S e gorm an dath as fheàrr leam.

.....

Rabaid agus gearr,
Peant agus teàrr,
Starrag agus faoileag,
Crùbag agus maorach,
Peansail agus peann –
Is sgeulachd nam cheann. (td. 18 Rabhdan is Rudan Gairm 1973)

Chan fhaic thu mise ann an lùchairt rìgh
No ann an taigh mòr spaideil,
'S e taigh gun mhullach mo dhachaigh,
Taigh gun fhasgadh bhon ghaoith
No bho acras, no fhuachd.
Caol agus lag,
Bidh mi a' crùbadh a-steach
Nam aodach robach luideach.
Le sporan falamh;
Gun airgead, gun charaid.
Chan eil duine sam bith gam iarraidh.



Tha mo chiad ann an einnsean ach chan eil e ann an càr;
Tha mo dhàrna ann am piuthar agus ann am bràthair;
Tha mo threas ann an caora agus ann am muc;
Tha mo cheathramh ann an hamstair agus ann an luch;
Tha mi rim fhaicinn san fhacal 'a-steach'.
A bheil fhios agad cò mi? Is mise

Tha mo chiad anns an earrach ach chan eil e sa gheamhradh;
Tha mo dhàrna anns an fhoghar agus cuideachd as t-samhradh;
Tha mo threas ann an cofaidh ach chan eil e riamh ann an tì;
Tha mo cheathramh ann am prionnsa agus cuideachd ann an rìgh.
Chan eil mo chòigeamh ann an deoch ach tha e ann am pathadh;
Chì thu mi ann an achadh, air a' bheinn no air an rathad!

Fear-losgaidh nan geug;
Neach-faire a' champa;
Còcaire nan cnothan;
Teasaichear an taighe.



Am faca sibh an uilebheist
Tha tàmh an Loch-a-Ròg?
Tha fad innt' tha brùideil -
Ceud troigh agus còrr.

Tha lasair na sùilean,
Thig ceò às a beul,
'S a-mach às a sgòrnan
Aig amaibh thig sgreuch,
Toirt mac-talla measg chreagan
Le sgal a tha garbh,
'S teichidh duine 's beathach
Gu h-aithghearr air falbh.

Tha i croiteach 's cnapach,
Le stob fàs às a ceann,
'S a' dol tron an uisge
Bidh i 'n-còmhnaidh na deann



Tha triùir anns an teaghlach againne,
Tha Anna is Màiri 's mi fhìn ann;
'S i Anna as sine is Màiri as òige,
'S tha mise - Catriona - sa mheadhan.

Tha Màiri cho crosta aig amannan
'S gu feuchadh i foighidinn Iob,
Ach feumaidh sibh a leisgeul a ghabhail
Air sgàth 's g'eil i fhathast cho òg.

Tha Anna cho mòr-chuiseach, pròiseil,
'S chan eil càil air a h-air' ach a cruth;
Chan ith i a biadh mar is còir dhi
Air eagal 's gu fàs i ro thiugh.

Ach Catriona - tha ise cho stòlda,
Cho brèagha, cho modhail 's cho math;
'S e tha fortanach m' athair 's mo mhàthair
Leithid Catriona bhith ac'!

iii) Seo tuairisgeul de dh'àite bhon bhàrd Calum Mac Phàrlain: ('Tìr mo Ghràidh' td. 211
Modern Gaelic Bards (1908)

'S i tìr mo ghràidh an tìr a tha mu thuath,
A beanntan àrd 's a gleanntan àillidh uain,
A sruthan cas a' ruith gu bras gu cuan
Le fuaim nan iomadh steall.

Agus seo tuairisgeul den fheasgar leis a' bhàrd Niall MacLeòid às an
Eilean Sgitheanach: td. 124 Modern Gaelic Bards (1908)

Tha a' ghrian a' sgaoileadh fiamh a glòir,
Mar bhrat den òr air bhàrr nam beann;
'S an dubhar sèimh a' snàmh mar cheò,
A' còmhdach còmhnard rèidh nan gleann.


Tha fuaim nan allt mar chòisir chiùil,
Len crònan ciùin a' ruith gu tràigh;
A' sgaoileadh deatach shèimh mar dhriùchd,
Tha 'g ùrachadh nam mìltean blàth.




Lide



cù



pis-eag



coim-piut-ar

Mìneachadh:

facal no roinn facail aig a bheil fuaim air leth nuair a chanas tu e.



Stiùireadh do Thidsearan

Sgrìobh facal le aon lide air a' bhòrd-dhubh (m.e. cù). Seall don chloinn mar a bhuaileas iad am boisean ris an fhacal. An uair sin sgrìobh facal le dà lide (m.e. piseag) agus iarr orra a bhualadh. Feuch seo le trì lidean (m.e. coimpiutar) agus ceithir lidean (m.e. rèididheatar). Iarr orra facal le aon lide a lorg ann an leabhar (faclair no leabhar a tha iad a' leughadh). Dèan seo a-rithist le dà lide no trì lidean.

Puingean airson Deasbad:

- * Ma tha facal doirbh a litreachadh, feuch am bris thu sìos e agus feuch lide mu seach.
- * Tha lidean cudromach ann am bàrdachd a tha a' cleachdadh ruitheam, gu h-àraidh òrain obrach agus puirt-a-beul.

m.e.

Hè mo Leannan

Hè mo leannan, hò mo leannan
'S e mo leannan am fear ùr
Hè mo leannan, hò mo leannan.

'S e mo leannan gille Calum
"Carpenter" an daraich thu.

'S e mo leannan am fear dualach
Air an d' fhàs an cuailleàn dlùth.

'S e mo leannan am fear donn
A thogadh fonn anns an taigh-chiùil.


- * Bhiodh e feumail an obair air *Haiku* a dhèanamh an dèidh seo, oir tha lidean gu math cudromach ann an *Haiku*.

Gnìomhan do Sgoilearan:

- * Coimhead air pìos bàrdachd no faclan òrain. Cia mheud lide a tha anns gach loidhne? A bheil pàtran ann?

- * Duilleag-obrach air lidean





Lide - duilleag-obrach

Ainm:

a. Cunnt cia mheud lide a th' anns gach facal:

rionnagan clòimh cliathaich


fuaim seirbheiseach trom

b. Cia mheud lide a tha anns an ainm agad?

c. Sgrìobh còig ainmean eile leis an aon àireimh de lidean.

d. Sgrìobh pìos bàrdachd mu dheidhinn sgoil le 4 loidhnichean agus le 7 lidean anns gach loidhne.

e. 1. Sgrìobh pìos bàrdachd le 4 loidhnichean mu dheidhinn beathach.



2. Cunnt na lidean anns gach loidhne agus an uair sin sgrìobh rann eile leis an aon àireimh de lidean anns gach loidhne. Nuair a tha thu deiseil dh'fhaodadh tu fonn a dhèanamh suas gus òran a chruthachadh!



Deasachadh/ Ath-dhreachadh





"S e an rud a tha àlainn mu dheidhinn sgrìobhadh nach fheum thu fhaighinn ceart anns a' chiad dol a-mach, eu-coltach ri, can, lighiche eanchainne. Is urrainn dhut an-còmhnaidh a dhèanamh nas fheàrr ...

Robert Cormier, ùghdar Ameireaganach, (1925 -2000)

Ro-ràdh:

Ro-ràdh: 'S e sgilean feumail agus cudromach a th' ann an deasachadh agus ath-dhreachadh. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum bi a h-uile sgrìobhadair a' dol thairis air na sgrìobh iad, a' coimhead airson dòighean a dhèanamh nas fheàrr.

Ionnsaichidh a' chlann tòrr le bhith a' leughadh thairis air an sgrìobhadh aca fhèin agus sgrìobhadh dhaoine eile, airson dèanamh cinnteach gu bheil e freagarrach agus nach eil mearachdan ann. Airson deagh dheasachadh a dhèanamh, bu chòir dhaibh beachdachadh, chan ann dìreach air litreachadh agus puingeachadh, ged a tha iad sin cudromach, ach air subsaint, stoidhle agus soilleireachd na teacsa. Feumaidh sgoilearan beachdachadh gu h-àraidh air adhbhar na teacsa, dè bha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh, agus air an luchd-amais.

Tha duilleagan-obrach anns an aonad seo airson sgilean deasachaidh sònraichte a leudachadh agus tha duilleagan ann is urrainn don chloinn a chleachdadh airson an sgrìobhadh aca fhèin a dheasachadh.

Stuthan feumail eile:

- Tha obair deasachaidh aig a' chloinn ri dhèanamh ann an aonadan eile anns a' phasgan seo, a' geur-amhairc air sgilean sònraichte. Faic, mar eisimpleir, na h-aonadan 'Cumaidhean Sheantansan, 'Paragrafan' 'Litreachadh: duilleag-obrach 5' Tha e nas fheàrr na duilleagan-obrach seo a chleachdadh mar phàirt den obair anns an aonad sin, ach gabhaidh cuid dhiubh atharrachadh airson na h-aon sgilean deasachaidh a chleachdadh air teacsaichean eile.
- Tha cuideachd duilleagan-obrach anns a' phasgan Adhbharan Sgrìobhaidh 2, a tha feumail airson toirt air na sgoilearan puingeachadh, droch sheantansan agus litreachadh a cheartachadh.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Mus **tòisich** na sgoilearan air pìos sgrìobhaidh, dèan cinnteach gun tuig iad carson a tha iad a' sgrìobhadh agus dè tha iad a' feuchainn ri dhèanamh.

Nuair a tha iad deiseil leis a' phlana, iarr orra dèanamh cinnteach gum bi e a' coileanadh an adhbhair agus gum bi e inntinneach don luchd-amais.

- Tha e nas fhasa teacs a dheasachadh ma tha beàrn eadar na loidhnichean. Ma tha a' chlann a' dèanamh a' chiad dhreach air a' choimpiutair, iarr orra 'double spacing' a chleachdadh. Dh'fhaodadh iad sin a dhèanamh nuair a tha iad a' sgrìobhadh air pàipear cuideachd, ged nach eil sin uabhasach furasta ri dhèanamh mura bheil thu cleachdte ris.

- Nuair a tha iad deiseil a sgrìobhadh, iarr orra an teacs aca a leughadh, gun a bhith a' coimhead airson mearachdan sònraichte. 'S e an rud as cudromaiche, an toiseach, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an teacs a' dèanamh ciall - gu bheil i furasta a leantainn. Ma lorgas iad earrann a tha doirbh a leantainn no nach eil a' dèanamh ciall, broснаich iad a comharrachadh (le ? air oir a' phàipeir 's dòcha no le samhla deasachaidh bho **duilleag-obrach 3**) agus a leughadh air adhart. Ma stadas iad a h-uile turas a lorgas iad mearachd airson a cheartachadh, bidh e doirbh dhaibh faicinn a bheil an teacs air fad siùbhlach agus ciallach.

- Tha e doirbh deasachadh math a dhèanamh dìreach an dèidh a bhith a' sgrìobhadh, ged a dh'fheumas a' chlann seo a dhèanamh ann an deuchainnean. Ma tha an teacs fhathast ùr nan inntinn, chì iad dè bha iad an dùil a sgrìobhadh an àite na sgrìobh iad dha-rìribh. Ma tha ùine gu leòr ann, leig leotha an deasachadh fhàgail chun an ath latha.

- Ma tha a' chlann a' sgrìobhadh airson sgil sònraichte a chur gu feum (m.e. a' sgrìobhadh ann am paragrafan), broснаich iad beachdachdadh gu h-àraidh air mar a chleachd iad an sgil sin nuair a tha iad a' deasachadh an sgrìobhaidh aca.

- Uaireannan tha e nas fhasa mearachdan fhaicinn ann an obair chuideigin eile. Thoir dhaibh teacsa, mar eisimpleir, nach eil sgrìobhte ann am paragrafan (faic **duilleag-obrach 1**) agus iarr orra sealltainn cait' am bu chòir paragrafan ùra tòiseachadh. An dèidh dhaibh cothroman fhaighinn an sgil deasachaidh sin a chleachdadh a dh'aon ghnòthaich, bidh e nas fhasa dhaibh a chleachdadh nuair a tha iad a' deasachadh an obair aca fhèin.

- Nuair a tha thusa, an tidsear, a' ceartachadh sgrìobhadh, na ceartaich a h-uile mearachd. Sgrìobh 'comment' aig deireadh a' phìos sgrìobhaidh ag iarraidh orra coimhead a-rithist air rudan sònraichte (m.e. puingeachadh ann an còmhradh, toiseach na sgeulachd, seantansan ann am paragraf 3, mar a sheall iad faireachdainnean nan caractar, no litreachadh). Na iarr orra cus rudan a dheasachadh aig an aon àm.

- Bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn dè bhios luchd-deasachaidh a' feuchainn ri dhèanamh. Bruidhinn mu dheidhinn samhlaidhean a bhios iad a' cleachdadh airson sealltainn far a bheil rudeigin ri atharrachadh (**duilleag-obrach 3**). Dh'fhaodadh a' chlann, le taic bhon tidsear, postairean a dhèanamh airson balla a' chlasruim, a' sealltainn dè bhios an deasachair a' sùileachadh ann an diofar sheòrsaichean de theacs. Tha duilleagan-sgrùdaidh airson diofar sheòrsaichean teacsa anns an aonad seo, ach tha e nas fheàrr ma sgrìobhas a' chlann fhèin




duilleagan-sgrùdaidh. Cuidichidh sin iad a bhith a' beachdachdadh gu cùramach air an adhbhar sgrìobhaidh, an luchd-amais, susbaint, stoidhle agus structair na teacsa.

Seo na duilleagan a th' anns an aonad seo:

Duilleag-obrach 1	A' ceartachadh puingeachadh
Duilleag-obrach 2	A' cur paragrafan ann am sgeulachd.
Duilleag-obrach 3	Samhlaidhean a ghabhas cleachdadh airson deasachadh
Duilleag-obrach 4	Duilleag-sgrùdaidh airson deasachadh sgrìobhadh sam bith
Duilleag-obrach 5	Duilleag-sgrùdaidh airson deasachadh sgeulachd
Duilleag-obrach 6	Duilleag-sgrùdaidh airson deasachadh teacs neo-fhicsean
Duilleag-obrach 7	Duilleag-sgrùdaidh airson deasachadh bàrdachd





Deasachadh - duilleag-obrach 1

Ainm:

Seo a' chiad dhreach de thoiseach sgeulachd. Is tusa an neach-deasachaidh. Leugh thairis air an earrainn seo den sgeulachd, a' coimhead airson mearachdan ann an litreachadh agus puingeachadh.

"A bheil thu deiseil, iain? dh'èigh a mhàthair, a coimhead air a h-uaireadair.

"Bidh am bus a' falbh ann an còig mionaidean"

Shuas an staidhir, shuidh Iain suas anns an leabaidh, a' suathadh a shùilean cadalach. Cha robh e airson èirigh an toiseach 'se latha fuar a bh' ann agus bha a leabaidh seasgair agus bla ach an uair sin chuimhnich e air rudeigin a thug air leum gu a chasan agus a chuid aodach a thilgl air. Mar a b' àbhaist cha chuireadh e moran dragh air nan cailleadh e agus, ach chan e latha àbhaisteach a bhann an-diugh.

Bha e dìreach ann an ùine shreap e a-steach dhan bhus agus thilg e efhein air suidheachan. Saoil an robh a h-uile càil aige. Bha e air a bhith ann an leithid de chabhaig.

Rùraich e na bhaga bha a bhrògan ann ceart gu leor agus a leine is truagh nach robh bruis aige oir bha fhalt a' steigeadh an aird coltach ri oor wullie.

uill, bhiodh na balaich eile dìreach a' magadh air nan tòiseachadh e a' brùiseadh fhalt air a' bhus co-dhiu. Chuala e fuaim annasach – a mhionach a bh' ann, a' gearain nach d' fhuair e bracaist sam bith. Shàth e a lamh a-steach dhan bhaga a-rist agus shlaod e a-mach seann bhanana ghrod agus botal de shùgh orainseir. Dh'fheumadh e rudbeag connaidh airson a' geama

Stad am bus agus thanaig clann eile a-steach, a charaid eachann nam measg. Uill iain a bheil thu deiseil airson a' mhaidh mhòir dh'fhaighnich eachann a' suidhe sìos ri a thaobh. Rin Iain gaire lag. B' e seo a' chiad thuras a chaidh a thaghadh airson sgiopa iomain na sgoile. Cha robh e cinnteach an robh e deiseil no nach ro. De nan deanadh e rudeigin gorach. De nan leigeadh e sìos an sgiopa? Airson an fhirinn innse bha eagal a bheata air!



Deasachadh - duilleag-obrach 2

Ainm:

A bheil cuimhne agad càit am bi paragraf ùr a' tòiseachadh ann an sgeulachd? Tha paragrafan feumail airson sgrìobhadh a bhriseadh ga dhèanamh nas fhurasta ri leughadh. Bu chòir paragraf ùr a bhith ann airson tachartas ùr no prìomh phuing ùir. Cuideachd, feumaidh tu paragraf ùr a h-uile turas a thòisicheas caractar eadar-dhealaichte a' bruidhinn.

Seo earrann bhon sgeulachd A' Bhana-Bhuidseach Bheag le M. Mahy. Nuair a chaidh an sgeulachd eadar-theangachadh bho Bheurla gu Gàidhlig, cha deach a sgrìobhadh ann am paragrafan mar bu chòir. Is tusa an neach-deasachaidh. Seall far am bu chòir gach paragraf ùr tòiseachadh leis an samhla //. (Airson do chuideachadh, bha 11 paragrafan anns an earrainn seo anns a' Bheurla!)

Bha am baile mòr dorch. Cha robh eadhon solais an t-sràid air. Fad an latha bha daoine air a bhith a' dol suas agus sìos; càraichean, tramaichean agus busaichean a' falbh gu faramach bho àite gu àite. Ach a-nis bha iad uile aig fois airson na h-oidhche, agus cha robh duine air fhàgail air na sràidean leathann, sàmhach ach a' ghaoth, na faileasan agus piseag bheag. Ruith a' phiseag an dèidh pìos pàipeir, a' leagail oirre gur e luch a bh' ann. Bhvail i e le a spòig agus thuit e air cùl bucaid sgudail. Ann am prioba na sùla leum i às a dhèidh, agus an uair sin chaidh e a-mach às a cuimhne oir bha i air rudeigin eile a lorg.

"Dè tha seo?" dh'fhaighnich i dhan ghaoith. "Na cadal air cùl na bucaid sgudail. Chan fhaca mi riamh roimhe i." Bha a' ghaoth a' ruith pàipear-naidheachd car mu char sìos an t-sràid, ach leig i às e agus thàinig i a-null a dh'fhaicinn dè bh' ann. Choimhead na faileasan mòra sealgach a-nuas bhon h-uile àite. "Ah," thuirte a' ghaoth, "'s e bana-bhuidseach a th' ann ... seall air a sguab ... ach chan eil i ach beag, beag, bìodach." Bha a' ghaoth



ceart. B' e bana-bhuidseach gu math beag a bh' ann – leanaban dìreach. Chuala a' bhana-bhuidseach bheag a' ghaoth na cadal agus dh'fhosgail i a sùilean. Gu h-obann bha i na làn dùisg. Fada os a cionn, chaog na h-eòin a-nuas air an t-sràid shìos fodhpa. "Seallaibh!" thuir na faileasan ri na glaiseanan fo na h-anainnean. "Seallaibh air a' bhana-bhuidseach bheag; nach i tha beag a bhith a-muigh na h-aonar!" "Leig leamsa coimhead!" thuir glaisean beag a' dìdearachd a-mach gu cadalach. "Thalla a chadal!" thuir a mhàthair. "Cha do ghuir mi thu dìreach airson a bhith a' geur-amhairc air bana-bhuidseach fad na h-oidhche!"

(air eadar-theangachadh bho [The Little Witch](#) le Margaret Mahy, *Orion Children's Books* 1998)



Deasachadh - duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo samhlaidhean a ghabhas cleachdadh airson teacs ath-dhearbhadh. Tha a' chiad fhear gu math cudromach. Coimhead airson rudan math ann an sgrìobhadh a thuilleadh air mearachdan! Tha a h-uile samhla, ach a' chiad fhear, a' sealltainn gu bheil rudeigin ri cheartachadh anns an loidhne sin den teacs. Tha eisimpleirean de mhearachdan anns an treas cholbh.

Samhla	Mineachadh	Eisimpleir
✓	Tha seo math	m.e. Stoidhle sìùbhlach. Deagh roghainn de fhaclan. Targaid air a choileanadh.
□	Tha rudeigin a dhìth an seo.	<i>Feumaidh falbh a-nis</i>
◎	Tha stad-phuing a dhìth an seo.	<i>Stad mi dh'eist mi airson greiseag.</i>
∨	Tha asgair a dhìth an seo.	<i>B' e Sim a bh ann.</i>
#	Tha beàrn a dhìth an seo. (ann an teacs a chaidh a dhèanamh air a' choimpiutair.)	Chaneil fhios agam.
P no II	Tòisich paragraf ùr an seo.	m.e. Airson pàirt ùr den sgeulachd, cuideigin eile a' bruidhinn no prìomh phuing ùr.
X ¶	Cha bu chòir paragraf ùr a bhith an seo.	<i>"Dè thachair," dh'fhaighnich e dhan bhalach. "A bheil thu ceart gu leòr?"</i>
Ⓟ	Puingeachadh ri cheartachadh.	<i>"cha toil leam seo idir" sgreuch Meg</i>
Ⓛ	Litreachadh ri cheartachadh.	<i>Bha sin deiseil airson falabh.</i>
?	Chan eil seo a' dèanamh ciall.	m.e. facal nach eilear a' tuigsinn, plot air chall,
o7	Tha rudeigin an seo ri thoirt às.	<i>An uair sin sin, dh'fhalbh iad.</i>



Deasachadh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo duilleag-sgrùdaidh a tha ri cleachdadh nuair a tha thu a' deasachadh sgrìobhadh sam bith.

- Dè tha math mu dheidhinn?
- Beachdaich air an adhbhar sgrìobhaidh. A bheil an teacs ga fhreagairt?
- Beachdaich air an luchd-amais. A bheil an teacs freagarrach dhaibh?
- A bheil an teacs a' dèanamh ciall?
- A bheil i inntinneach?
- Am b' urrainn dhomh facal na b' fheàrr a chleachdadh an àite sam bith?
- A bheil am puingeachadh ceart?
(cromagan, asgairean, còmhradh, comharraidhean-ceist)
- A bheil an litreachadh ceart?
- Ciamar a nì mi nas fheàrr e?



Deasachadh - duilleag-obrach 5

Ainm:

Nuair a tha thu deiseil a' sgrìobhadh a' chiad dhreach den sgeulachd agad, leugh a-rithist i agus dèan cinnteach gu bheil na rudan a leanas innte:

A bheil an sgeulachd a' dèanamh ciall?

A bheil an sgeulachd a' tòiseachadh ann an dòigh inntinneach?

A bheil an 'trioblaid' no 'iarrtas' soilleir?

A bheil an trioblaid sin air fhuasgladh?

A bheil thu toilichte le deireadh na sgeulachd?

An còrd an sgeulachd ris an luchd-amais?

A bheil thu toilichte leis an tuairisgeul a th' agad den t-suidheachadh?

A bheil na caractaran agad inntinneach?



An do sheall thu faireachdainnean nan caractaran?

An do chleachd thu caochladh sheantansan?

A bheil faclan no seantansan ann a dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr?

An do thòisich thu paragraf ùr aig na h-àitichean ceart?

An do cheartaich thu an litreachadh?

An do chleachd thu litrichean mòra, stad-phuingean,
comharraidhean-ceist, clisg-phuingean agus
comharraidhean-labhairt anns na h-àitichean ceart?



Deasachadh - duilleag-obrach 6

Ainm:

A' deasachadh teacs neo-fhicsean:

Beachdaich air na puingeann seo airson dèanamh cinnteach gu bheil an sgrìobhadh agad cho math 's a ghabhas! (Cuimhnich nach eil a h-uile rud feumail no freagarrach airson a h-uile gnè-sgrìobhaidh - chan fheum thu paragrafan airson postair, mar eisimpleir.)

- Dè seòrsa sgrìobhaidh a th' ann?
- Dè tha mi a' feuchainn ri dhèanamh tron sgrìobhadh?
- A bheil tiotal freagarrach agam?
- A bheil seantans soilleir ann, a' toirt a-steach a' chuspair?
- A bheil an teacs a' dèanamh ciall?
- An do sgrìobh mi ann am paragrafan?
- A bheil prìomh phuing gach paragraf soilleir?
- A bheil gach paragraf a' leantainn air bhon pharagraf roimhe?
- A bheil am puingeachadh ceart?
- A bheil an litreachadh ceart?
- Dè an taisbeanadh as fheàrr airson an dreach mu dheireadh?



Litrichean - duilleag-obrach 7

Ainm:

Duilleag-sgrùdaidh airson bàrdachd:

Leugh pìos bàrdachd a sgrìobh thu. A bheil e deiseil airson a sgrìobhadh a-mach gu sgiobalta, no am b' urrainn dhut a dhèanamh na b' fheàrr fhathast? Beachdaich air na puingeann seo airson do chuideachadh:

- Dè tha mi a' feuchainn ri dhèanamh anns a' bhàrdachd?
(m.e. sgeulachd innse, dealbh a chruthachadh, faireachdainnean a shealltainn, tuairisgeul a sgrìobhadh, gàire a thoirt air an leughadair)

- An do rinn mi sin?
(Mur do rinn, dè bu chòir dhut atharrachadh?)

- A bheil a' bhàrdachd a' dèanamh ciall?

Am b' urrainn dhomh facal na b' fheàrr a chleachdadh ann an àite sam bith? (Ann am bàrdachd tha a h-uile facal cudromach. Feuch an tagh thu faclan gu cùramach.)

- An do chleachd mi ìomhaigheachd idir?
Tha rud beag ìomhaigheachd feumail airson dealbh a chruthachadh agus airson faireachdainnean a shealltainn. Ach na cleachd cus!

- An toil leamsa e? Carson?

- A bheil an ruitheam ceart? (Ma tha ruitheam cudromach anns a' bhàrdachd, dèan cinnteach gu bheil an àireamh cheart de lidean anns gach loidhne.)



- A bheil an litreachadh ceart? (Cuir loidhne fo fhacal sam bith às nach eil thu cinnteach. An uair sin cleachd faclair airson an litreachadh ceart a lorg.)
- A bheil am puingeachadh ceart?



Freagairtean – deasachadh

Duilleag-obrach 1

“A bheil thu deiseil, Iain? dh’èigh a mhàthair, a coimhead air a h-uaireadair. “Bidh am bus a’ falbh ann an còig mionaidean.”

Shuas an staidhre, shuidh Iain suas anns an leabaidh, a’ suathadh a shùilean cadalach. Cha robh e airson èirigh an toiseach. B’ e latha fuar a bh’ ann agus bha a leabaidh seasgair agus blàth. Ach an uair sin chuimhnich e air rudeigin a thug air leum gu a chasan agus a chuid aodach a thilgeil air. Mar a b’ àbhaist, cha chuireadh e mòran dragh air nan cailleadh e am bus, ach cha b’ e latha àbhaisteach a bh’ ann an-diugh!

Bha e dìreach ann an ùine. Shreap e a-steach dhan bhus agus thilg e e fhèin air suidheachan. Saoil an robh a h-uile càil aige? Bha e air a bhith ann an leithid de chabhaig. Rùraich e na bhaga. Bha a bhrògan ann ceart gu leòr, agus a leine. Is truagh nach robh bruis aige oir bha fhalt a’ steigeadh an-àird coltach ri Oor Wullie. Uill, bhiodh na balaich eile dìreach a’ magadh air nan tòiseachadh e a’ brùiseadh fhalt air a’ bhus co-dhiù. Chuala e fuaim annasach – a mhionach a bh’ ann, a’ gearan nach d’ fhuair e bracaist sam bith. Shàth e a làmh a-steach dhan bhaga a-rithist agus shlaod e a-mach seann bhanana ghrod agus botal de shùgh orainseir. Dh’fheumadh e rud beag connaidh airson a’ gheama. Stad am bus agus thàinig clann eile a-steach, a charaid Eachann nam measg. “Uill Iain, a bheil thu deiseil airson a’ mhais mhòir?” dh’fhaighnich Eachann, a’ suidhe sìos ri a thaobh. Rinn Iain gàire lag. B’ e seo a’ chiad thuras a chaidh a thaghadh airson sgìoba iomain na sgoile. Cha robh e cinnteach an robh e deiseil no nach robh. Dè nan dèanadh e rudeigin gòrach? Dè nan leigeadh e sìos an sgioba? Airson an fhirinn innse, bha eagal a bheatha air!

Duilleag-obrach 2 – paragrafan

//Bha am baile mòr dorch. Cha robh eadhon solais sràid air. Fad an latha bha daoine air a bhith a’ dol suas agus sìos; càraichean, tramaichean agus busaichean a’ falbh gu faramach bho àite gu àite. Ach a-nis bha iad uile aig fois airson na h-oidhche, agus cha robh duine air fhàgail air na sràidean leathann, sàmhach ach a’ ghaoth, na faileasan agus piseag bheag.

//Ruith a’ phiseag an dèidh pìos pàipeir, a’ leagail oirre gur e luch a bh’ ann. Bhuail i e le a spòig agus thuit e air cùl bucaid sgudail. Ann am prìoba na sùla leum i às a dhèidh, agus an uair sin chaidh e a-mach às a cuimhne oir bha i air rudeigin eile a lorg.

//“Dè tha seo?” dh’fhaighnich i dhan ghaoith. “Na cadal air cùl na bucaid sgudail. Chan fhaca mi riamh roimhe i.”

//Bha a’ ghaoth a’ ruith pàipear-naidheachd car mu char sìos an t-sràid, ach leig i às e agus thàinig i a-null a dh’fhaicinn dè bh’ ann. Choimhead na faileasan mòra sealgach a-nuas bhon h-uile àite.

//“Ah,” thuir a’ ghaoth, “s e bana-bhuidseach a th’ ann ... seall air a sguab ... ach chan eil i ach beag, beag, biodach.”

//Bha a’ ghaoth ceart. B’ e bana-bhuidseach gu math beag a bh’ ann – leanaban dìreach.

//Chuala a’ bhana-bhuidseach bheag a’ ghaoth na cadal agus dh’fhosgail i a sùilean.

Gu h-obann bha i na làn dùisg.

//Fada os a cionn, chaog na h-eòin a-nuas air an t-sràid shìos fodhpa.

//“Seallaibh!” thuir na faileasan ri na glaiseanan fo na h-anainnean. “Seallaibh air a’ bhana-bhuidseach bheag; nach i tha beag a bhith a-muigh na h-aonar!”

//“Leig leamsa coimhead!” thuir glaisean beag a’ didearachd a-mach gu cadalach.

//“Thalla a chadal!” thuir a mhàthair. “Cha do ghuir mi thu dìreach airson a bhith a’ geur-amhairc air bana-bhuidsichean fad na h-oidhche!”



Litreachadh





Ro-ràdh:

Aig Ìrean D agus E 'tha còir dòighean air dèiligeadh ri litreachadh, agus riaghailtean-litreachaidh, a stèidheachadh feadh a' chlàir-theagaisg – a bhonntachadh air fuaimreagan leathann agus caola, sràcan, sèimheachadh agus asgairean'. (*Stiùireadh Nàiseanta 5-14*). Bu chòir dhan tidsear a' chlann a chuideachadh gus dòighean a lorg am mearachdan fhèin a cheartachadh agus faclan ùra ionnsachadh. Anns an aonad seo, thathar a' coimhead air diofar dhòighean airson sin a dhèanamh.

Airson liostaichean de fhaclan agus fhuaimean a bu chòir a bhith air an teagaisg aig na h-ìrean seo, coimhead air...

Diofar dhòighean air clann a chuideachadh le faclan cumanta doirbh:

Tha iomadh dòigh ann air clann a chuideachadh le litreachadh. Chan obraich a h-uile dòigh ro mhath airson a h-uile sgoileir. A bharrachd air sin, obraichidh diofar dhòighean nas fheàrr airson diofar fhaclan, m.e.: tha cuid a dh'fhaclan nas fhasa ma bhriseas tu sìos iad (cabadaich → cab –ad– aich), ach chan obraich sin cho math airson facal mar 'a dh'aindeoin'. Brosnaich a' chlann gus diofar dhòighean fheuchainn gus an lorg iad fear a tha feumail dhaibh fhèin agus airson nam facal.

1. Seall, can, còmhdaich, sgrìobh, ceartaich: Bidh a' chlann cleachdte ris an dòigh ionnsachaidh seo. Brosnaich iad fheuchainn le faclan ùra agus le faclan eile a tha iad a' faighinn doirbh ri ionnsachadh. Seo diofar dhòighean air a chur gu feum:-

- Brosnaich a' chlann gu bhith a' coimhead air an fhacal shlàn agus cuideachd air a' phàirt den fhacal a tha iad a' faighinn doirbh.
- Brosnaich iad a bhith coimhead airson faclan beaga am broinn fhacal mhòr.
m.e. uile ann an uilebheist
- Can am facal gu slaodach, a' leantainn nan litreachan le corrag.
- Can gach lide den na faclan gu slaodach, a' dèanamh cinnteach gun chluinn thu a h-uile facal
- Brosnaich iad a bhith a' coimhead a-mach airson ro-leasachain agus iar-leasachain ann am faclan fada (m.e. mì-chùramach) agus a bhith a' smaoinichadh air faclan eile a dh'ionnsaich iad mu thràth, le na h-aon tòisichidhean agus deiridhean (m.e. mì-thoilichte, salach).

2. Can agus sgrìobh

Seo dòigh eile a dh'fhaodadh a bhith feumail airson clann a tha a' sgrìobhadh faclan cumanta ceàrr an-còmhnaidh (m.e. *thuir* no *dh'fhalbh*)

Sgrìobhaidh an tidsear am facal a tha iad ag iarraidh air a' chloinn ionnsachadh far am faic a h-uile duine gu soilleir e. An uair sin feumaidh gach sgoilear:

- am facal a ràdh
- am facal a sgrìobhadh, ag ràdh gach litir fhad 's a tha iad ga sgrìobhadh
- am facal a ràdh a-rithist
- feuch an do sgrìobh e/i am facal ceart

Cùm a' dol le na ceumannan seo, (can am facal, sgrìobh agus can gach litir, can am facal, ceartaich), gus an urrainn don sgoilear a sgrìobhadh gun a bhith a' coimhead air an fhacal a sgrìobh an tidsear. Obraich air an aon fhacal anns an dòigh seo airson còig làithean ann an sreath.

3. Bris e sìos: Airson faclan le tòrr lidean, broснаich a' chlann am facal a bhriseadh sìos, a' cantainn gach lide gu soilleir. Brosnaich a' chlann èisteachd airson ro-leasachain, iar-leasachain agus faclan beag eile taobh a-staigh nam facal. Cuidichidh sin iad a bhith a' dèiligeadh ri faclan fada. Faodaidh iad am briseadh sìos a rèir *fhuaimean* an fhacail no a rèir *coltas* an fhacail.

m.e. ag atharrachadh → ag ath - ar – rach – adh
buidheann → buidhe - ann


4. Mnemonics

Tha iad seo gu h-àraidh feumail airson faclan a tha an-còmhnaidh a' toirt duilgheadasan don chloinn. (Na cleachd mnemonics airson cus fhacal, air neo bidh e doirbh do na sgoilearan cuimhneachadh orra.) Iarr orra do chuideachadh mnemonic a dhèanamh suas. Sgrìobh e air pìos cairt agus cuir e air balla a' chlasruim far am faic a h-uile duine e gu soilleir. Bidh e nas fhasa dhaibh cuimhneachadh air ma tha dealbh ann cuideachd.

Ochd

reòiteagan

milis




5. Dealbhan:

Uaireannan, tha duilgheadasan aig clann cuimhneachadh dè an litreachadh a tha ceart airson facal, ma tha facal eile ann a tha coltach ris ann an dòigh sam bith, (m.e. 'sin' no 'sinn'; 'ùr' no 'uair') A bharrachd air a bhith gam brosnachadh faclair a chleachdadh airson am fear ceart a thaghadh, dh'fhaodadh iad an dà fhacal a sgrìobhadh air pìos pàipeir. Iarr orra seantans a sgrìobhadh agus dealbh a dhèanamh airson gach fear, a sheallas gu soilleir dè am mìneachadh a th' aige. Mar sin, chì a' chlann gu furasta dè am fear a tha a dhìth orra.

ùr - Tha còta ùr orm an-diugh.



uair - Dè an uair a tha e?



6. A' lionadh nam beàrnan:

Tagh dhà no trì faclan a tha a' toirt duilgheadasan don chloinn. Sgrìobh iad suas far am faic a h-uile duine iad gu soilleir. Sgrìobh teacs furasta, ach cuir loidhnichean ann, far am bu chòir na faclan sin a bhith. Iarr air na sgoilearan na beàrnan a lionadh, a' cleachdadh 'seall, can, còmhdaich, sgrìobh'. An uair sin iarr orra an teacs air fad a leughadh, a' dèanamh cinnteach gun do litrich iad na faclan ceart. Tha eisimpleir airson nam facal thuir, fhuair, dh'fhalbh agus dh'fhaighnich air **duilleag-obrach 1**.

7. Sgrìobh agus coimhead

Brosnaich a' chlann an aon fhacal a sgrìobhadh ann an diofar dhòighean mura bheil iad cinnteach air an litreachadh cheart. An uair sin, faodaidh iad coimhead air na faclan a sgrìobh iad agus beachdacadh air dè am fear a tha a' coimhead ceart. (mar eisimpleir: *chunnaic no chunnaic; dh'innis no dhins*) Mura bheil gin dhiubh a' coimhead ceart, broснаich iad faclair a chleachdadh.

8. Ag ionnsachadh tro ghluasad

Seo dòighean a bhios cuid a dhaoine a' faighinn feumail:

- Sgrìobh am facal leis an dà làimh: an làmh a bhios tu a' cleachdadh airson sgrìobhadh agus an làmh eile.
- Sgrìobh am facal le do shùilean dùinte.
- Sgrìobh am facal le corrag fhad 's a chanas tu e.



9. Ro-leasachain

Mìneachadh: mion-fhacal a thèid aig **toiseach** fhaclan gus a chiall a leudachadh no atharrachadh.

* Sgrìobh na faclan seo air a' bhòrd-dhubh:

mì-mhodhail

mì-riaraichte

mì-thoilichte

mì-fhortanach

- Dè tha aca ann an cumantas? (*uile a' tòiseachadh le mì-*)
- 'S e ro-leasachan a th' ann am 'mì'. Dè tha ann an ro-leasachan?
- Ciamar a tha an ro-leasachan 'mì-' ag atharrachadh ciall nam facal?
- Smaoinich air faclan eile leis an ro-leasachan 'mì-', (no lorg feadhainn eile ann am faclair)
- Dèan liostaichean de fhaclan a tha a' tòiseachadh leis an ro-leasachan 'leth-'.
- Bruidhinn mu dheidhinn mìneachadh gach ro-leasachain a leanas. Dh'fhaodadh sibh coimhead air ro-leasachan eadar-dhealaichte airson còig mionaidean gach latha, a' dèanamh liostaichean de fhaclan anns an nochd gach fear.

neo-	ro-	sàr-	dà-	mion-	tri-	ath-
mì-	an-	do-	eadar-	eu-	ioma-	co-
fo-	bun-	leth-	fad-	ana-	trid-	
àrd-	bàn-	bana- (ban-)	buidhe-	ruadh-		

- Bruidhinn mu dheidhinn mar a dh'atharraicheas cuid de na faclan an dèidh ro-leasachain: toilichte → mì- thoilichte
- Coimhead cuideachd air na h-ainmearan seo, a thig aig toiseach iomadh facail ann an Gàidhlig. Dh'fhaodadh a' chlann faclan a lorg ann am faclair anns a bheil na h-ainmearan seo a' nochdadh.

ceann-	neach-	tè-	fear-	bean-	luchd-
ball-	eun-	àite-	bàta-	bùth-	rum-

- (Measadh) Iarr air a' chloinn mìneachadh a sgrìobhadh airson an fhacail 'ro-leasachan' agus eisimpleirean a thoirt seachad.
- Tha barrachd obair air ro-leasachain air **duilleag-obrach 2**.



10. Iar-leasachain

Mìneachadh: mion-fhacal a thèid aig **deireadh** facail.

Tha iomadh iar-leasachain cumanta ann an Gàidhlig. Ma tha a' chlann cleachdte riutha seo agus comasach an litreachadh, bidh e nas fhasa dhaibh tòrr fhaclan a litreachadh.

(Airson a dhèanamh nas lugha) **-an -ag** (*lochan, boinneag*)

(airson iolra a dhèanamh) - **(e)an -aichean -tean** (*taighean, càraichean, bailtean*)

(airson gnìomhair atharrachadh) - **amh -(a)idh -te -ta -(e)adh -inn -adaich -ail** (*a' dèanamh, falbhaidh, sgrìobhte, dèanta, shaoileadh, a' creidsinn*)

(airson co-ghnìomhair no buadhair a dhèanamh) **-ach - (n)each -ail** (*brònach, cuideachail*)

(airson cudrom a thoirt air facal) **-se -sa -san -ne** (*mise, agadsa, iadsan, ri ar taobh-ne*)

(measgachadh) **-eigin** (*rudeigin, cuideigin, àiteigin, air choreigin, uaireigin*)
-deug (*tri-deug*)

Gnìomhan do na sgoilearan

- **duilleag-obrach 3**
- (measadh) Sgrìobh, no innis, dè tha ann an iar-leasachan agus thoir eisimpleirean de fhaclan le iar-leasachain annta.

(*Thoir an aire:* Tha tòrr ro- agus iar-leasachain ann am Beurla air an toirt bho Laidin no Greigis (*tele-, inter-, super-, -ology, -ism, -ation*) agus, mar sin, is fhiach an cuspair seo a theagasg ann an Gàidhlig agus ann am Beurla aig ceann shuas na sgoile. Ma thuigeas iad dè tha cuid de na ro- agus iar-leasachain cumanta a' ciallachadh ann am faclan Beurla, cuidichidh sin an sgilean cànan air fad.

Cuideachd ann am Beurla, bidh iar-leasachain tric ag atharrachadh litreachadh nam facal (m.e. *beauty – beautiful; try- tried*). Chan eil seo a' tachairt anns an aon dòigh ann an Gàidhlig. Tha leasan agus duilleag-obrach air mar a tha faclan ag atharrachadh ann an Gàidhlig an seo: **duilleag-obrach 4**)

- Coimhead air an aonad 'Singilte agus Iomarra' airson barrachd air iar-leasachain airson barrachd air aon rud.



- Coimhead air mar a bhios cuid a dh'fhaclan ag atharrachadh aig an deireadh airson ainmean a dhèanamh:

m.e.	bòidheach – bòidhchead	bodraig – bodraigeadh
	eireachdail – eireachdas	coltach – coltas
	amaideach- amaideas	srac – sracadh
	cuidich – cuideachadh	teasaich – teasachadh
	misnich – misneachadh	fada – fadachd
	teòdh - teòdhachd	

11. Fèin-cheartachadh:

- Brosnaich clann gu bhith a' creidsinn gu bheil comas aca fhèin faclan a litreachadh ceart, a' cleachdadh diofar dhòighean, liostaichean de fhaclan agus faclairean airson an cuideachadh.
- Nuair a tha sgoilear deiseil le plana airson sgrìobhadh, brosnach e a bhith a' cleachdadh faclair airson faclan às nach eil e cinnteach mus tòisich e air an sgrìobhadh fhèin.
- Ma tha facal ann a tha tòrr sgoilearan an-còmhnaidh a' sgrìobhadh ceàrr, (m.e. 'nuair', 'dh'fhalbh' no 'thuir'), sgrìobh e air a' bhòrd-dhubh mus tòisich a' chlann a sgrìobhadh agus brosnach iad a bhith dèanamh cinnteach gun litrich iad ceart e a h-uile turas!
- Ma tha clann a' sgrìobhadh air cuspair àraidh, dèan stòr-fhaclan de fhaclan sònraichte a bhios feumail dhaibh mus tòisich iad air an obair. Ma tha iad a' dol a sgrìobhadh aithisg mu phlanaidean mar eisimpleir, no sgeulachd mu dheidhinn turas gu planaid eile, sàbhalaidh e tòrr ùine ma tha ainmean nam planaidean agus faclan feumail eile air an taisbeanadh far am faic a h-uile sgoilear iad. Iarr orra fhèin smaoinich air dè na faclan a dh'fheumas iad. Dh'fhaodadh iad fhèin na faclan a lorg ann am faclair aig toiseach an leasain.
- Brosnaich a' chlann loidhne a chur fo fhaclan às nach eil iad cinnteach, nuair a tha iad a' leughadh thairis air pìos sgrìobhaidh a rinn iad. Faodaidh iad an uair sin faclair a chleachdadh airson faicinn an do litrich iad ceart e agus airson a cheartachadh ma tha e ceàrr.
- Nuair a tha thu a' coimhead air obair sgrìobhaidh na cloinne, tagh cuid de na faclan a tha air an litreachadh ceàrr agus sgrìobh iad ceart aig deireadh a' phìos sgrìobhaidh. Iarr air an sgoilear an uair sin coimhead air na faclan sin agus an ceartachadh anns an sgrìobhadh aige/aice fhèin. Obraichidh seo nas fheàrr mura bheil cus fhaclan ann. Tha còig gu leòr.
- Brosnaich clann a bhith a' cuimhneachadh air an litreachadh ceart de fhaclan le bhith gan sgrìobhadh ann an àite far am faic iad e agus an uair sin gan cur am falach. Feumaidh iad an uair sin a sgrìobhadh sìos bho chuimhne, air pìos pàipeir no ann an leabhar fhaclan pearsanta. Thoir dhaibh cothrom dèanamh cinnteach gun do sgrìobh iad ceart e. Faodaidh iad an uair sin am facal sin a cheartachadh nan sgrìobhadh fhèin.



- Tha e nas fhasa mearachdan fhaicinn ann an obair chuideigin eile na anns an obair agad fhèin gu math tric! Thoir cothroman don chloinn obair charaid a cheartachadh bho àm gu àm, Air **duilleag-obrach 5** tha sgeulachd làn mhearachdan litreachaidh airson a' chlann a cheartachadh. Dh'fhaodadh tu mearachdan a chur ann an sgeulachd ghoirid sam bith, no ann am paragraf air a thoirt bho leabhar sam bith, agus iarraidh air a' chlloinn an ceartachadh. Airson clann a tha faighinn litreachadh gu math doirbh, sgrìobh an litreachadh ceart air pìos pàipeir eile agus leig leotha sin a chleachadh airson an teacs a cheartachadh. (Tha obair air seo cuideachd ann an Adhbharan Sgrìobhaidh – Leabhar Obrach 2)
- Bruidhinn ris a' chlas air fad, no ri buidhinn sgrìobhaidh, mu dheidhinn nan diofar dhòighean a chleachdas iad airson litreachadh fhaighinn ceart. Uaireannan tha dòighean eadar-dhealaichte aig clann a tha math air litreachadh, a dh'fhaodadh a bhith feumail do chlann eile anns a' chlas.

12. Liostaichean

Brosnaich a' chlann a bhith a' dèanamh liostaichean de fhaclan a bhios feumail dhaibh mus tòisich iad air pìos sgrìobhaidh (m.e. faclan teicnigeach). Dh'fhaodadh an clas liosta a dhèanamh de fhaclan co-cheangailte ri obair pròiseict airson balla a' chlasruim. Brosnaich a' chlann liostaichean de fhaclan agus faclairan a chleachdadh.

13. Fuaimreagan leathann agus caola

Aig ìre D bu chòir fios a bhith aig na sgoilearan dè na fuaimreagan a tha leathann (a, o, u) agus dè an fheadhainn a tha caol (e, i). Ann an leughadh a-mach, bidh iad a' smaoinichadh mu dheidhinn nam fuaimnean eadar-dhealaichte a nì fuaimreagan caola agus leathann, ach chan urrainn dhaibh an-còmhnaidh an t-eòlas sin a chur gu feum nan cuid sgrìobhaidh.

* Sgrìobh faclan no lidean le fuaimreagan leathann agus feadhainn eile le fuaimreagan caola air a' bhòrd-dhubh agus bruidhinn mu dheidhinn an diofar a nì na fuaimreagan dha fuaim nan consannan. Seo eisimpleirean:

latha leatha -ad -aid -se -sa bòrd bùird cat cait

* Iarr orra feuchainn ri na fuaimnean seo a sgrìobhadh:

car ciar; san sian; bras braise; toc teoc; fonn fionn

- Airson faclan fada, seall dhaibh an riaghailt 'leathann ri leathann agus caol ri caol'. Ma tha fuaimreag leathann a' tighinn air aon cheann de chonsann no buidhinn de chonsannan, feumaidh fuaimreag leathann eile tighinn aig a' cheann eile. Seall dhaibh na faclan seo mar eisimpleirean:

rathaid srianag griogag sreothart faiceallach
diollaid boireannach fiadhaich



Ann an aon dòigh, ma tha fuaimreag chaol air aon taobh de chonsann no bhuidhinn de chonsannan, feumaidh fuaimreag chaol eile a bhith aig a' cheann eile:

fuirich buidhe faireachdainn reòiteag cluicheadair
a' feitheamh piobaireachd buidsidh airgead

Tha dìreach facal no dhà ann nach eil a' leantainn an riaghailt seo: m.e.
rudeigin baidhsagal

Gnìomhan do na sgoilearan:

- * Lorg agus sgrìobh còig faclan a leanas an riaghailt 'leathann ri leathann'.
- * Lorg agus sgrìobh còig faclan a leanas an riaghailt 'caol ri caol'.
- * **Duilleag-obrach 6**

14. Sràcan

Brosnaich a' chlann a bhith a' cleachdadh sràcan anns na h-àitichean ceart nuair a tha iad a' sgrìobhadh. Ionnsaichidh iad far an tig sràcan nuair a tha iad ag ionnsachadh mar a litricheas iad faclan, ach 's urrainn don tidsear an cuideachadh le seo, le bhith a' toirt an aire gun sràcan ann an sgrìobhadh Gàidhlig agus an diofar a nì iad dha fuaim an fhacail.

- Sgrìobh na faclan seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn an leughadh a-mach. Dèan cinnteach gun chluinn iad an diofar eadar fuaimreag le sràc agus fuaimreag gun sràc agus gun tuig iad dè tha gach facal a' ciallachadh.

ath àth de dè sin sìn ron ròn tur tùr

- Leugh paragraf bho sgeulachd no teacs Ghàidhlig eile a-mach agus iarr air a' chloinn an làmh a chur suas a h-uile turas a chluinneas iad facal le stràc ann. Sgrìobh cuid de na faclan anns a bheil sràc air a' bhòrd-dhubh agus bruidhinn mu dheidhinn an diofar a nì an stràc dha fuaim an fhacail.
- Sgrìobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh. Iarr air a' chloinn an sgrìobhadh air pìos pàipeir, a' cur sràcan a-steach far a bheil feum orra. Dh'fhaodadh tu seantansan eile a chleachdadh anns an aon dòigh, a' cur ann faclan a tha a' chlann ag ionnsachadh, no a tha iad tric a' sgrìobhadh ceàrr.

- a) Rainig mi dìreach ann an am. (Ràinig mi dìreach ann an àm.)
- b) Bha Sine air a doigh. (Bha Sine air a dòigh.)
- c) "De tha thu a' deanamh?" dh'èigh Peadar. (Dè tha thu a' dèanamh?" dh'èigh Peadar.)
- d) Cheannaich mi da cheic dhomh fhein. (Cheannaich mi dà chèic dhomh fhèin.)
- e) Theid sinn comhla riut. (Thèid sinne còmhla riut.)
- f) Dh'fhag am bat-aiseig Steornabhagh aig coig uairean. (Dh'fhàg am bàt-aiseig Steòrnabhagh aig còig uairean.)

* Tha barrachd obair air sràcan air **duilleag-obrach 7**. Brosnaich a' chlann an earrann a leughadh a-mach gus an cluinn iad càit am bu chòir sràcan a bhith.



* Sgrìobh paragraf bho leabhar air a' bhòrd-dhubh, a' fàgail às na sràcan. Leugh e a-mach còmhla ris a' chlas no bhuidhinn sgrìobhaidh, ag iarraidh orra innse far a bheil sràcan a dhìth. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin na sràcan a chur ann.

* Taidhp paragraf bho leabhar a-mach air word-processor, a' fàgail às na sràcan. Iarr air na sgoilearan na sràcan a chur ann, leotha fhèin no còmhla ri caraid.

* Seall don chloinn mar a nì iad sràcan air meur-chlàr a' choimpiutair.

15. Sèimheachadh

Bidh a' chlann aig an ìre seo cleachdte ri agus cofhurtail le sèimheachadh ann an leughadh.

- Dèan cinnteach gun tuig iad dè tha am facal 'sèimheachadh' a' ciallachadh.
- Iarr orra faclan le sèimheachadh a lorg ann an teacs agus an leughadh a-mach. An cluinn iad gu bheil consannan nas sèimhe nuair a tha 'h' as an dèidh?
- Dèan 'brainstorm' de fhaclan anns a bheil sèimheachadh an-còmhnaidh. Mar eisimpleir:

tha bha dhomh bhuaic fhuair gheibh bheil bheir

- Sgrìobh faclan air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn na faclan a sgrìobhadh le sèimheachadh. Dh'fhaodadh iad an uair sin na faclan sin a chleachdadh ann an seantansan. Mar eisimpleir:

trom (Bha am bogsa ro throm dhomh.)

còta (Cuir ort do chòta.)

bòrd. (Dh'fhàg mi an leabhar air a' bhòrd.)

- Bruidhinn mu dheidhinn litrichean nach gabh sèimheachadh idir (fuaimreagan, l, n, r, sp, st,)
- Dèan brainstorm de fhaclan a bhios a' toirt air an ath fhacal sèimheachadh (ma ghabhas a shèimheachadh): m.e m' fhalt; a sheacaid; an ath fhacal dà thuras; nam phòcaid; ro bheag; tòrr chait; leth-cheud
- Seall don chloinn mar a bhios ainmean dhaoine ag atharrachadh nuair a tha cuideigin a' bruidhinn riutha agus aig toiseach litreach. (m.e. Seonaidh A Sheonaidh! Ciorstaidh A Chiorstaidh!). Iarr orra èigheachd ri daoine eile anns a' chlas, (ma tha thu ag iarraidh tòrr fuaim!) no ainm gach duine anns a' chlas a sgrìobhadh mar gu bheil iad a' sgrìobhadh litir thuca.
- Tha obair air sèimheachadh ann an abairtean air **duilleag-obrach 8**.

16. Asgairean

Tha asgairean air an cleachdadh ann an dòigh gu math diofraichte ann an Gàidhlig na ann am Beurla, ach tha iad fhathast a' toirt duilgheadas do sgoilearan.

* Dèan cinnteach gun tuig iad gu bheil asgair air a chleachdadh airson sealltainn gu bheil litir (no litrichean) eile a dhìth agus airson faclan a dhèanamh nas giorra ri ràdh.

Sgrìobh na faclan seo air a' bhòrd-dhubh:

agams'

mis'

's (agus)

cà'il (càite bheil)

Iarr air a' chloinn beachdachdadh air dè an litir a tha a dhìth anns gach fear.



* Ann an cuid a dh'fhaclan, tha asgair air a chleachdadh cha mhòr an-còmhnaidh a-nis:
's ann 's e 's dòcha 's iad

* Tha asgair an-còmhnaidh air a chleachdadh an àite 'g' ro ghnìomhair a tha a' tòiseachadh le connrag:

a' fuireach a' falbh a' leughadh a' snàmh a' briseadh

* Ach 's e fhathast 'ag' a sgrìobhas sinn ro ghnìomhair a tha a' tòiseachadh le fuaimreag:
ag aithris ag eacarsaich ag ithe ag òl ag ùrnaigh

• Thig asgair an dèidh 'dh' agus ro fhuaimreag anns an tràth caithte:

Dh'fhalbh dh'ith dh'innis dh'èigh dh'ullaich

• Cleachdaidh sinn asgair an àite 'o' nuair a thig am facal 'mo' no 'do' ro ainmear a tha a' tòiseachadh le fuaimreag.

m' aodach d' aghaidh m' antaidh d' ainm ??

• Tha asgair cudromach airson sealltainn an e an t-alt cumanta no an t-alt pearsanta a th' ann. Bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn an diofar a nì an t-asgair:


a) Seo a' phiseag. (*alt cumanta – piseag shònraichte*)

b) Seo a phiseag. (*alt pearsanta – a' sealltainn gur ann le balach no duine a tha a' phiseag*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dh'fhaodadh an clas, no a' bhuidheann sgrìobhaidh, postair no liosta a dhèanamh de faclan cumanta a tha air an sgrìobhadh le asgair airson balla a' chlasruim.
- Leugh duilleag de leabhar (sgeulachd no leabhar fiosrachaidh) agus ath-sgrìobh a h-uile facal le asgair ann air pìos pàipeir. An uair sin, sgrìobh còig seantansan a' cleachdadh cuid de na faclan a lorg thu. (Cuidichidh seo a' chlann aire a thoirt dha na faclan anns a bheil asgairean.)
- Tha obair air asgairean air **duilleag-obrach 9**.






Litreachadh - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Leugh an teacs seo air fad. An uair sin lìon na beàrnan gus an dèan e ciall, a' cleachdadh nam facal a tha thu ag ionnsachadh. Cuimhnich litrichean mòra aig toiseach seantans!



"An tig thu dhan bhaile còmhla rium?"

.....Amy do Nina aon mhadainn.

".....mi an t-lèine seo bho m' antaidh airson mo cho-latha breith, ach tha i ro bheag dhomh. Feumaidh mi a toirt air ais dhan bhùth."

.....Nina gun tigeadh agus.....an dithis aca air a' bhus.Nina gu robh i ag iarraidh

tiodhlac a cheannach do a màthair. iad flùraichean dhi agus Amy t-lèine eile. "Dè nì sinn a-nis?" i.


b. Sgrìobh 3 faclan a tha thu a' feuchainn ri ionnsachadh anns na bogsaichean seo. Dèan cinnteach gun litrich thu ceart iad. Sgrìobh teacs ghoirid a' cleachdadh gach facal co-dhiù aon turas.



Litreachadh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Ro-leasachain



a. Cuir ro-leasachan aig toiseach gach faclal airson faclal ùr a dhèanamh. Cuimhnich gum feum thu vaireannan 'h' a chur anns an fhacal an dèidh ro-leasachain.

Fo-	àrd-	sàr-	ioma-	co-
eadar-	buidhe-	mì-	neo-	bana-

- | | |
|-------------------|---------------------|
| 1. sunndach | 6. obraich |
| 2. prionnsa | 7. ùrlar |
| 3. obair | 8. dathach |
| 4. solas | 9. cofhurtail |
| 5. gorm | 10. aodach |

b. Lorg faclan le ro-leasachain anns a'chliath seo. Tha na faclan a'dol suas agus sìos, a-null 'S a-nall agus trasdanach. Tha 12 rin lorg uile gu lèir.


m	ì	-	c	h	a	i	l	e	a	r	h
ì	n	e	o	-	f	h	ì	o	r	c	c
-	e	t	h	t	a	d	-	a	m	o	i
s	c	o	-	s	h	e	i	r	m	-	a
h	r	o	-	r	à	d	h	r	s	p	b
e	u	-	d	o	m	h	a	i	n	n	a
a	n	a	-	c	e	a	r	t	a	s	-
l	b	a	n	-	i	a	r	l	a	l	o
b	u	n	-	b	h	e	a	c	h	d	e
h	n	e	o	-	p	h	ò	s	t	a	n

c. Tagh còig de na faclan a lorg thu anns a' chliath agus sgrìobh seantans eadar-dhealaichte airson gach fear.



Litreachadh - duilleag-obrach 3

Ainm:



Iar-leasachain

a. Cuir iar-leasachan a-steach dha na beàrnan airson crìoch a chur air na faclan:

-ail	-sa	-eigin	-aichean	-an
-neach	-eamh	-adaich	-te	-aidh

1. Chunnaidh Eairdsidh cuid.....a' leum thar na feansa. (duine nach b'aithne dha)
2. Bha balach.....a' cluich le teadaidh air an làr. (balach beag)
3. Cuir na bogs.....uile air a' bhòrd. (tòrr dhiubh)
4. 'S e àite gu math fuaim.....a bh' ann. (làn fuaim)
5. Sgrìobh.....mi dhut nuair a gheibh mi cothrom. (san àm ri teachd)
6. Bha gloinne bhriste sgap.....air feadh an àite. (air a sgapadh)
7. Smaoinich an tidsear gur e balach cuideach.....a bh' ann an Iain. (math air cuideachadh)
8. An ann leat.....a tha an leabhar seo, no an ann leam.....a tha e?
9. Chuala mi rud.....a' snag.....air mò chùlaibh.
10. Feumaidh sinn feith.....gus an tig am bus.

b. Ceangail am bun-fhacal ri gach iar-leasachain airson faclan ùr a



dhèanamh. Uaireannan feumaidh tu sgrìob-cheangail (-) a chleachdadh.
Cleachd fear de na faclan ùra sin ann an seantans.

1. boillsg (-ean ; -each; -eachd)

2. sgrìobh (-aiche; -te; -aidh; -adair; -adh)

3. pìob (-ach; -aire; -aireachd; -an; -mhòr; -uisge)




Litreachadh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Ag atharrachadh deireadh fhaclan.

Anns na seantansan seo, tha an deireadh ceàrr air fear de na faclan. Cuir loidhne fon fhacal sin agus sgrìobh am facal ceart aig deireadh an t-seantans. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



1. Bha am fear geal le reòhte. *reòthadh*
2. Chuala am prionnsa mu bhòidheach na ribhinne agus bha e ag iarraidh fhaicinn.....
3. 'S e cluicheadair ball-coise ainmich a th' ann an Daibhidh Beckham.
.....
4. Thug e dhomh gealltanach gun tigeadh e aig naoi uairean.
.....
5. Bha am botal làn de lionn purpaidh puinnseanaich.....
6. Cheannaich mi trì orainsearan sùghadh.....
7. Bha a h-uile duine, ach mise, den bheachd gur e taigh thaibhsean a bh' ann.
.....
8. Anns an taobh an iar, bha sgòthach dorcha a' cruinneachadh.....
9. Thuit tòrr sglèatairean far an taighe againn anns an stoirm a-raoir.
.....
10. Bha fadalachd air Iain a' feitheamh ris a' bhus, ach thàinig e mu dheireadh thall.
.....



Litreachadh - duilleag-obrach 5

Ainm:

Seo sgeulachd a chaidh a sgrìobhadh ann an cabhaig. Tha i làn de mhearachdan litreachaidh. Is tusa an deasachair. Cuir loidhne fon h-uile mearachd a chì thu. Cuimhnich mu dheidhinn sràcan (à, è, ì, ò, ù). Sgrìobh na faclan anns an dòigh cheart air duilleag eile.

A' Chlach

Bha baile ann uaireigin agus dìrach air taobh a-muigh a' bhàle bha achadh le clach mòr anns a' mheadhan. Bha a' clach seo cho mòr ri càr. Bha i codachte le crotal oir agus còinneach uaine. Anns an samhradh chòrd e ris a' chloin a bhith a' sreap suas orre, a' leum dhith agus a' cluich timcheal oirre.

Aon samhradh, shreap nighean beag dom b' ainm Tula huas air a' chreig agus thug i an aire gu ro comharraian snaidhte air aghaidh na creige. Chan aca duine sam bith na comharraidhean seo roimhe or bha iad comhdaichte le crotal is còinneach. Chaidh Tula dhachidh agus fhuir i pìos pàipeir. Shreap i suas air a' chreig a-rist agus sgrìobh i na litrichean gu cìramach airson obrachadh a-mach de bha sgrìobhte. Thug seo ùine mòr oir bha cuid de na faclan cha mhòr air an suathadh air falabh thar ùine.

Seo na bha sgrìobhte air a' cloich:

Tionndaidh mi 's thig buannachd thugad.

Ruith i dhachaigh agus dhinns i do a pàrantan. "Na bridhinn ri duine sam bith eile mu dheidhinn seo," thuirt a athair rithe. "Is cinnteach gu bhìel e a' ciallachadh gu bheil rudeigin luachmhor am falach fon chloch. Òr, 's dòcha.



No airgead. Cha bhi fios aig duine gus an tionndaidh iad a' chlach airson faighin a-mach."

Anmoch air an oiche sin ghalbh athair Tula agus a trì uncailean dhan achadh. Hug iad leotha leusan airson an slighe a shoilleireachadh agus geugan mòra airson a' chlach a phutadh thairis. Bha iad ag obair fad na oidhche gus an robh am fèithean mòra a' fas goirt agus bha fallas a' ruith bhupa. Shaoil iad aig amannan nach ghluasadh iad a' chlach mhòr gu bràth. Ach smaoinich iad air dè dh'fhaodadh a bhith fope agus chùum iad orra. Mu dheireadh, le aon oidhirp mhòir, roilig a' chlach a-nall le gruaim. Coimhead na dìne a-steach dhan toll air an làr.

Dheàlraich iad an leusan air an taluv. Chan fhaca iad càil ach boitagan agus daolagan. An uair sin dheigh Uncail Jeera, "Seall, tha facil air taobh seo na cloiche cuidoch!"

Agus leugh iad uile:


Mile taing airson mo ghluasad. Bha mi a' fàs sgìth a' laighe air an taobh eile.

(air eadar-theangachadh bho sgeulachd le Pie Corbett anns an leabhar Tales, Myths & Legends (Scholastic 1993))



Litreachadh - duilleag-obrach 6

Ainm:



a. Cuimhnich air an riaghailt litreachaidh 'leathann ri leathann agus caol ri caol' agus cuir crìoch air na faclan seo. Nuair a tha thu deiseil, cleachd faclair airson dèanamh cinnteach gu bheil thu ceart.

bàt ___ ich ___ an

fo ___ llse ___ chadh

ua ___ reigin

naidh ___ achd

se ___ lga ___ reachd

boillsg ___ ach

Ameir ___ ag ___ nach

abh ___ inn

se ___ nmh ___ ir

b. Sgrìobh iomarra gach facail. Cuimhnich air an riaghailt 'leathann ri leathann is caol ri caol' airson do chuideachadh. Cleachd faclair airson na freagairtean agad fhèin a cheartachadh.

gràineag.....

clogaid

basgaid

sgrìobhadair.....

snaidhm

teòclaid.....

càr

roile

seachdain

bloc.....

glainne

peile.....



Litreachadh - duilleag-obrach 7

Ainm:

Sgrìobh Sìusaidh cunntas pearsanta air a' choimpiutar ach cha robh fhios aice ciamar a dhèanadh i sràcan air a' mheur-chlàr. Deasaich an sgrìobhadh aice le bhith sealltainn càit' am bu chòir sràcan a bhith. Faodaidh tu faclair a chleachdadh airson do chuideachadh.

Cha tomhais sibh idir gu de a rinn mise an-de. Chaidh mi a-mach air bata comhla ri m' uncail Domhnall. 'S e iasgair a th' ann an Domhnall agus tha bata mòr aige air a' bheil Floraidh mar ainm. Cha d' fhuair mi cothrom a dhol a-mach air a bhata roimhe oir bha mo mhathair an-comhnaidh ag radh gu robh mi ro og. Ach b' e latha alainn ciuin a bh' ann an-de agus thuirte i gum b' urrainn dhomh falbh comhla ri Domhnall fhad 's a dheanainn a h-uile rud a dh'iarradh e orm. Abair gu robh mi air mo dhoigh!

Nach mi bha spaideil a' falbh le cota dìonach agus botannan dubha mo bhrathar orm! Choinnich mi ri Domhnall shìos aig a' chidhe. Bha duine eile comhla ris dom b' ainm Teàrlach. Thug esan dhomh seacaid-sabhalaidh agus chuidich mi e a' cur nan liontan air a' bhata. Cha b' fhada gus an robh a h-uile rud deiseil agus thog Domhnall an acair. Bha sinn a' gluasad!

Bha a h-uile cail ceart gu leor an toiseach. Chord e glan rium a bhith a' coimhead m' uncail agus Teàrlach a' laimhseachadh a' bhata agus a' cur nan liontan an ordugh. Dh'eist mi ri na faoileagan a bha a' leantainn a' bhata agus chunnaic mi ron no dha a' snamh mun cuairt pìos air falbh bhuan. Ach an deidh greiseg, dh'èirich a' ghaoth agus lion an speur le sgothan dorcha. Thoisich am bata ri tulgadh bho thaobh gu taobh agus dh'fhairich mise rud beag tinn.

"A bheil thu ceart gu leor a ghraidh?" dh'èigh Domhnall rium. "Tha thu a' coimhead gu math ban. 'S fhearr dhuinn tilleadh."

Is mi bha taingeil nuair a rainig sinn an cala a-rithist is dh'fhairich mi mo chasan air tìr. Cha till mi a dh'iasgach - airson greiseag co-dhiu!




Litreachadh - duilleag-obrach 8

Ainm:

Sèimheachadh

a. Cuir crìoch air na seantansan seo le bhith a' lìonadh nam beàrnan a' cleachdadh an fhacail ann an camagan. Cuimhnich gum feum thu am facal atharrachadh airson am beàrn a lìonadh.



1. An toil leat moùr? (seacaid)
2. Cha robh duine mun cuairt ach fear a'(bainne)
3. Thoir an aire! Tha nathair.....ri do.....! (fada; taobh)
4. "An do.....thu gu math a-raoir?"Bob
(cadal; faighnich)
5.e na pàipearan a-steach dhan.....(tilg; biona)
6.sinn gu robh bràthair.....a' caoineadh.
(mothaidh; Seumas)
7. Cha do.....mi crìoch air m' obair-dachaigh fhathast. (cur)
8.Marc na.....air a' (tuit; cadal; bus)



b. An dèidh tòrr roimhearan (m.e. leis a'; air a'; aig a') tha ainmearan air an sèimheachadh. Sgrìobh seantans a' cleachdadh nam facal anns na camagan.

1. (air; am bàta) *Dh'fhalbh mi air a' bhàta.*

2. (aig; an cidhe)

3. (le; an cù)

4. (ann; am preas)

5. (fo; am bogsa)



Litreachadh - duilleag-obrach 9

Ainm:

Asgairean

a. Seo paragraf bhon leabhar Alba ri Linn Bhrus le Màiri Spankie ach chaidh na h-asgairean fhàgail às. Cuir asgairean anns na h-àitichean ceart.

Bha sìth anns an dùthaich fo Rìgh Alasdair III nuair a bha Brùs a fàs suas. Thog a theaghlach caistealan mòra cloiche a cur am beartais s an inbhe ann an Alba s ann an Sasainn an cèill. Bha tòrr chàirdean s ridirean aca a bha a toirt ùmhachd dhaibh airson an fhearainn a fhuair iad.

b. Seo paragraf eile bhon aon leabhar. A-rithist, cuir asgairean anns na h-àitichean ceart:

S dòcha gur ann mun àm seo a fhuair Brus misneachd on damhan-allaidh. Sia tursan chunnaic e an damhan-allaidh a feuchainn ri snàithlean fhaighinn o aon àite gu àite eile agus a fàilligeadh. Thuir e, “Dh fhàillig mise sia tursan ann am batail. Ma dh fheuchas an damhan-allaidh aon uair eile s gun dèan e a chùis, feuchaidh mise.” Dh fheuch an damhan-allaidh a-rithist agus rinn e a chùis. Thòisich Brus a dèanamh phlanaichean.



C. Seo paragraf eile bhon aon leabhar, ach an turas seo tha fada cus asgairean ann. Sgròb às an fheadhainn nach bu chòir a bhith ann. Cha bu chòir a bhith ann ach ceithir.

Eadar 1298 agus 1304 thug Eideard feachdan a' dh'Alba a' shealltainn cho làidir 's a bha e. Chuir e caistealan a' bha fhathast aig na' h-Albannaich fo shèist. Dhiùlt e fiù 's gabhail ri gèilleadh Chaisteal Shruighlea 'gus am faigheadh an t-inneal sèiste a' b' ùire aige latha 'no 'dhà airson sealltainn dè am milleadh a' dhèanadh e.

Nuair a tha thu deiseil, lorg na paragrafan anns an leabhar agus feuch an robh thu ceart.



Freagairtean - litreachadh

Duilleag-obrach 1

“An tig thu dhan bhaile còmhla rium?” dh’fhaighnich Amy do Nina aon mhadainn.

“Fhuair mi an t-lèine seo bho m’ antaidh airson mo cho-latha breith, ach tha i ro bheag dhomh. Feumaidh mi a toirt air ais dhan bhùth.”

Thuirte Nina gun tigeadh agus dh’fhalbh an dithis aca air a’ bhus. Thuirte Nina gu robh i ag iarraidh tiodhlac a cheannach dham màthair. Fhuair iad fùraichean dhi agus fhuair Amy t-lèine eile. “Dè nì sinn a-nis?” dh’fhaighnich i.

Duilleag-obrach 2

A.

- | | | | |
|-------------------|-------------------|--------------|------------------|
| 1. neo-shunndach | 2. bana-phrionnsa | 3. sàr-obair | 4. eadar-sholas |
| 5. buidhe-ghorm | 6. co-obrach | 7. àrd-ùrlar | 8. ioma-dhathach |
| 9. mì-chofhurtail | 10. fo-aodach | | |

B.

- | | | | |
|-------------|------------|--------------|-------------|
| mì-chàilear | ro-ràdh | eu-domhainn | bun-bheachd |
| neo-fhìor | neo-phòsta | ana-ceartas | ban-iarla |
| mì-shealbh | neo-abaich | ioma-dhathte | co-sheirm |

Duilleag-obrach 3

A.

- | | | | |
|----------------------------------|-------------|----------------|-------------------|
| 1. cuideigin | 2. balachan | 3. bogsaichean | 4. fuaimneach |
| 5. sgrìobhaidh | 6. sgapte | 7. cuideachail | 8. leatsa; leamsa |
| 9. rudeigin; snagadaich /snagail | | 10. feitheamh | |

B. freagairtean nan sgoilear fhèin

Duilleag-obrach 4

2. bhòidheach *bhòidhchead*
3. ainmich *ainmeil*
4. gealltanach *gealladh*
5. puinnseanaich *puinnseanta*
6. sùghadh *sùghach ; sùghmhor*
7. thaibhsean *taibhseil*
8. sgòthach *sgòthan*
9. sglèataichean *sglèatan*
10. fadalachd *fadachd*



Duilleag-obrach 5

A' Chlach

Bha baile ann uaireigin agus dìreach air taobh a-muigh a' bhaile bha achadh le clach mhòr anns a' mheadhan. Bha a' chlach seo cho mòr ri càr. Bha i còmhdachta le crotal òir agus còinneach uaine. Anns an t-samhradh chòrd e ris a' chloinn a bhith a' sreap suas oirre, a' leum dhith agus a' cluich timcheall oirre.

Aon samhradh, shreap nighean bheag dom b' ainm Tula suas air a' chreig agus thug i an aire gu robh comharraidhean snaidhte air aghaidh na creige. Chan fhaca duine sam bith na comharraidhean seo roimhe oir bha iad còmhdachta le crotal is còinneach. Chaidh Tula dhachaigh agus fhuair i pios pàipeir. Shreap i suas air a' chreig a-rithist agus sgrìobh i na litrichean gu cùramach airson obrachadh a-mach dè bha sgrìobhte. Thug seo ùine mhòr oir bha cuid de na faclan cha mhòr air an suathadh air falbh thar ùine.

Seo na bha sgrìobhte air a' chloich:

Tionndaidh mi 's thig buannachd thugad.

Ruith i dhachaigh agus dh'innis i do a pàrantan. "Na bruidhinn ri duine sam bith eile mu dheidhinn seo," thuirt a h-athair rithe. "Is cinnteach gu bheil e a' ciallachadh gu bheil rudeigin luachmhor am falach fon chloich. Òr, 's dòcha. No airgead. Cha bhi fios aig duine gus an tionndaidh iad a' chlach airson faighinn a-mach."

Anmoch air an oidhche sin dh'fhalbh athair Tula agus a trì uncailean dhan achadh. Thug iad leotha leusan airson an slighe a shoilleireachadh agus geugan mòra airson a' chlach a phutadh thairis. Bha iad ag obair fad na h-oidhche gus an robh am fèithean mòra a' fàs goirt agus bha fallas a' ruith bhuapa. Shaoil iad aig amannan nach ghluais iad a' chlach mhòr gu bràth. Ach smaoinich iad air dè dh'fhaodadh a bhith foidhe agus chum iad orra. Mu dheireadh, le aon oidhirp mhòr, roilig a' chlach a-nall le gruaim. Choimhead na daoine a-steach dhan toll air an làr.

Dheàraich iad an leusan air an talamh. Chan fhaca iad càil ach boiteagan agus daolagan. An uair sin dh'èigh Uncail Jeera, "Seall, tha faclan air taobh seo na cloiche cuideachd!"

Agus leugh iad uile:


Tapadh leibh airson mo ghluasad. Bha mi a' fàs sgìth a' laighe air an taobh eile.

Duilleag-obrach 6

A.	bàtaichean sealgaireachd seanmhair	foillseachadh boillsgeach	uaireigin Ameireaganach	naidheachd abhainn
B.	gràineagan seachdainean teòclaidhean	basgaidean glainneachan roilichean	snaidhmean clogaidean blocaichean	càraichean sgrìobhadairean peilichean

Duilleag-obrach 7

Cha tomhais sibh idir gu dè a rinn mise an-dè. Chaidh mi a-mach air bàta còmhla ri m' uncail Dòmhnall. 'S e iasgair a th' ann an Dòmhnall agus tha bàta mòr aige air a bheil Flòraidh mar ainm. Cha d' fhuair mi cothrom a dhol a-mach air a' bhàta roimhe oir bha mo mhàthair an-còmhnaidh ag ràdh gu robh mi ro òg. Ach b' e latha àlainn ciùin a bh' ann an-dè agus thuirt i gum b' urrainn dhomh falbh còmhla ri Dòmhnall fhad 's a dhèanainn a h-uile rud a dh'iarradh e orm. Abair gu robh mi air mo dhòigh!



Nach mi bha moiteil a' falbh le **còta dionach** agus **bòtannan** dubha mo **bhràthar** orm! Choinnich mi ri **Dòmhnall shìos** aig a' chidhe. Bha duine eile **còmhlà** ris dom b' ainm **Teàrlach**. Thug esan dhomh seacaid-**sàbhalaidh** agus chuidich mi e a' cur nan **liontan** air a' **bhàta**. Cha **b' fhada** gus an robh a h-uile rud deiseil agus thog **Dòmhnall** an acair. Bha sinn a' gluasad!

Bha a h-uile **càil** ceart gu **leòr** an toiseach. **Chòrd** e glan rium a bhith a' coimhead m' uncail agus **Teàrlach** a' **làimhseachadh** a' **bhàta** agus a' cur nan **liontan** an **òrdugh**. Dh'èist mi ri na faoileagan a bha a' leantainn a' **bhàta** agus chunnaic mi **ròn** no **dhà** a' **snàmh** mun cuairt **pìos** air falbh bhuainn. Ach an **dèidh greiseig**, **dh'èirich** a' ghaoth agus **lìon** an speur le **sgòthan** dorcha. **Thòisich** am **bàta** ri tulgadh bho thaobh gu taobh agus dh'fhairich mise rud beag tinn.

"A bheil thu ceart gu **leòr** a **ghràidh**?" dh'èigh **Dòmhnall** rium. "Tha thu a' coimhead gu math **bàn**. 'S **fheàrr** dhuinn tilleadh."

Is mi bha taingeil nuair a **ràinig** sinn an cala a-rithist is dh'fhairich mi mo chasan air **tìr**. Cha till mi a dh'iasgach – airson greiseag **co-dhiù!**

Duilleag-obrach 8

A.

1. An toil leat mo sheacaid ùr?
2. Cha robh duine mun cuairt ach fear a' bhainne.
3. Thoir an aire! Tha nathair fhada ri do thaobh!
4. "An do chaidil thu gu math a-raoir?" dh'fhaighnich Bob.
5. Thilg e na pàipearan a-steach dhan bhiona.
6. Mhothaich sinn gu robh bràthair Sheumais a' caoineadh.
7. Cha do chuir mi crìoch air m' obair-dachaigh fhathast.
8. Thuit Marc na chadal air a' bhus.

B. Seantansan nan sgoilear fhèin leis na h-abairtean seo annta:

2. aig a' chidhe
3. leis a' chù
4. anns a' phreas
5. fon bhogsa

Duilleag-obrach 9

A. Bha sìth anns an dùthaich fo Rìgh Alastair III nuair a bha Brùs a' **fàs** suas. Thog a theaghlach caistealan mòra cloiche a' **cur** am beartais 's an inbhe ann an Alba 's ann an Sasainn an cèill. Bha tòrr chàirdean 's ridirean aca a bha a' **toirt** ùmhachd dhaibh airson an fhearainn a fhuair iad.

B. 'S dòcha gur ann mun àm seo a fhuair Brus misneachd on damhan-allaidh. Sia tursan chunnaic e an damhan-allaidh a' **feuchainn** ri snàithlean fhaighinn o aon àite gu àite eile agus a' **fàilligeadh**. Thuirt e, "**Dh'fhàillig** mise sia tursan ann am batail. Ma **dh'fheuchas** an damhan-allaidh aon uair eile 's gun dèan e a' chùis, feuchaidh mise." **Dh'fheuch** an damhan-allaidh a-rithist agus rinn e a' **chùis**. Thòisich Brus a' **dèanamh** phlanaichean.

C. Eadar 1298 agus 1304 thug Eideard feachdan a dh'Alba a shealltainn cho làidir 's a bha e. Chuir e caistealan a bha fhathast aig na h-Albannaich fo shèist. Dhiùlt e fiù 's gabhail ri gèilleadh Chaisteal Shruighlea gus am faigheadh an t-inneal sèiste a b' ùire aige latha no dhà airson sealltainn dè am milleadh a dhèanadh e.



Lámh- sgriobhaidh agus Taisbeanadh





Ro-ràdh:

Chan eil ùine aig a' chloinn a h-uile pìos obrach aca a sgrìobhadh a-mach ann an 'dreach deireannach' (*final draft*). Ach tha e cudromach gum faigh clann cothroman gu leòr seo a dhèanamh airson an sgilean taisbeanaidh a chleachdadh agus a leudachadh airson diofar adhbharan agus le diofar sheòrsaichean teacsa.

'Mar a tha a' chlann a' fàs nas eòlaiche feadh mòran sheòrsachan chruth, eadar bàrdachd is sgrìobtaichean, rosg is diagraman, bidh an tidsear a' cur an cèill cho fìor fheumail 's a tha cruth is foillseachadh cùramach, mac-meanmnach. Bidh an tuilleadh brìgh an-seo ma tha a' chlann a' faotainn cothrom gu cunbhalach a bhith a' foillseachadh agus a' taisbeanadh obair chrìochnaichte an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh a' chlas. Faodaidh am mion-choimpiutair (gu h-àraidh a' foillseachadh mullach-deasca) a bhith na chuideachadh air leth ann a bhith a' toirt cothrom air dòighean-foillseachaidh sealltanach.'

(Stiùireadh Nàiseanta 5-14)

Stiùireadh do Thidsearan:

- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann carson a tha iad a' dèanamh pìos sgrìobhaidh agus, mar phàirt de sin, gum beachdaich iad air dè cho cudromach 's a tha an taisbeanadh.
- Nuair a tha sibh a' bruidhinn mu structair, stoidhle agus susbaint na teacsa, beachdaichibh cuideachd air taisbeanadh, m.e.
 - Ciamar a ghlacas tu aire an leughadair?
 - Am bi dealbhan / diagraman / mapaichean etc. feumail?*
 - Dè chleachdas mi airson am fiosrachadh a dhèanamh soilleir agus furasta a leantainn ann an teacs neo-fhicsean (m.e. fo-thiotalan, puingeann comharrachaidh, ceistean aig toiseach gach paragraif)? Cuidichidh seo a' chlann le bhith beachdachdadh air structair na teacsa.

*(*Brosnaich a' chlann gun a bhith a' cosg tòrr ùine air dealbhan, etc. nuair a tha iad a' dèanamh plana agus a' chiad dhreach den sgrìobhadh. Seall dhaibh mar a sheallas iad gu luath càit am bi dealbh, no mapa, no clàr a' dol. Faodaidh iad na beàrnan sin a lionadh nuair a tha iad a' deasachadh na teaca agus a' dèanamh dreach crìochnaichte.)*

- Na iarr air na sgoilearan a h-uile pìos sgrìobhaidh a dhèanamh ann an dreach chrìochnaichte. Uaireannan tha e nas cudromaiche an oidhirp a dhèanamh air planaichean, sgilean sònraichte no susbaint na teacsa. Ach dèan cinnteach gum faigh a h-uile sgoilear

cothrom co-dhiù aon phios sgrìobhaidh deiseil sgiobalta a chrìochnachadh gach mìos airson taisbeanadh no airson adhbhar eile (faic gu h-ìseal) gach teirm. Gheibh iad brosnachadh mòr gu aire a thoirt don làmh-sgrìobhaidh agus taisbeanadh ma tha fhios aca gum faic tòrr dhaoine eile an sgrìobhadh.

- Dèan cinnteach gu bheil adhbhar soilleir ann airson sgrìobhadh crìochnaichte – m.e. - thèid a chleachdadh mar phàirt de thaisbeanadh air balla a' chlasruim no ann an àiteigin eile anns an sgoil no anns a' choimhearsnachd;
- thèid a chur air falbh gu cuideigin a dh'iarraidh fiosrachadh no a shealltainn bheachdan;
- thèid na pìosan as fheàrr a chleachdadh ann an leabhar de dh'obair a' chlas air cuspair sònraichte.
- airson co-fharpais;
- Dh'fhaodadh a' chlann fhèin coimhead air ais air teacsaichean a sgrìobh iad thar na bliadhna agus am pìos as fheàrr leotha a thaghadh airson foillseachadh ann an cruinneachadh de dh'obair a' chlas ('s dòcha deiseil airson oidhche phàrant, airson pròiseact 'enterprise' no airson leabhar cuimhneachaidh mus fhàg iad an sgoil aig deireadh clas a seachd.
- A bharrachd air a bhith a' taisbeanadh sgrìobhadh a tha a' coileanadh amasan eile ann an leasain sgrìobhaidh, ge bith dè a th' anna, (a' sealltainn suidheachadh ann an sgeulachd, mar eisimpleir, no a' cleachdadh structair, stoidhle agus subsaint ceart ann an stiùireadh), thoir àite sònraichte do dh'obair crìochnaichte a tha air a sgrìobhadh ann an dòigh snasail, sgiobalta. Dh'fhaodadh sin a bhith na phrìomh amas uaireannan ann an leasan sgrìobhaidh.
- Nuair a tha iad a' deasachadh teacs a sgrìobh iad fhèin, broснаich a' chlann gu bhith a' beachdachadh air dòighean air a dhèanamh tarraingeach don leughadair agus furasta a leantainn:

m.e. - tiotal inntinneach

- a' cleachdadh paragrafan far am bu chòir (m.e. sgeulachd, cunntas ...)
- làmh-sgrìobhaidh sgiobalta / font soilleir
- a' fàgail bheàrran (m.e. eadar faclan agus paragrafan)
- clò trom no eadailteach airson faclan cudromach a shoilleireachadh
- a' cur loidhne fo thiotalan le rùlair
- dealbhan, diagraman soilleir ma chuidicheas iad an teacs
- litreachadh agus puingeachadh ceart
- seantansan fada agus goirid ann an rosg
- cruth ann am bàrdachd
- Thoir cothroman don chloinn dreach deireannach de phios sgrìobhaidh a dhèanamh air a' choimpiutair, a' cleachdadh foillseachadh mullach-deasga. Brosnaich iad font agus meudachd a thaghadh a fhreagras an luchd-amais.
- Tha obair air taisbeanadh cuideachd ann an aonadan eile anns a' phac seo. Faic, mar eisimpleir, an t-aonad air 'Sanasan-reic' ann an 'Teacsaichean Neo-fhicsean'.



Teacsaichean



Faclair





Ro-ràdh:

Ged a tha fios aig sgoilearan dè th' ann am faclair agus ged is urrainn dhaibh faclair a chleachdadh airson litreachadh facail a cheartachadh, 's dòcha nach eil iad uile fhathast a' tuigsinn dè an cuideachadh eile a gheibh iad bho fhaclair.

Stiùireadh do Thidsearan:

Dèan cinnteach gu bheil faclairean gu leòr ann gus am faic a h-uile duine anns a' chlas neo anns a' bhuidhinn sgrìobhaidh fear gu furasta.

Cuir a-mach faclairean eadar-dhealaichte agus leig leis a' chloinn coimhead orra airson greis. Seo faclairean feumail:

Mo Chiad Fhaclair (PRG/Acair 1996)

Brìgh nam Facal Richard A.V. Cox (*Oilthigh Ghlaschu 1991*)

Stòr-dhàta Briathrachais Ghàidhlig (*Sabhal Mòr Ostaig*)

Gaelic Dictionary Malcolm MacLennan (*Acair/ Mercat Press 1979*)

Faclair Gàidhlig gu Beurla Edward Dwelly (*Gairm 1977*)

Bruidhinn mu na diofaran eatorra agus cuin a chleachdar gach fear.

'S ann air an fhaclair **Brìgh nam Facal** a tha na gnìomhan agus duilleagan-obrach seo stèidhichte ach tha e feumail a bhith a' coimhead air na h-aon fhaclan ann am faclairean eadar-dhealaichte.

1. Coimheadaibh còmhla air an Ro-ràdh, a' dèanamh cinnteach gun tuig a' chlann na faclan air fad. Dh'fhaodadh tu **Duilleag-obrach 1** a chleachdadh airson faicinn an tuig iad an ro-ràdh.

2. Coimheadaibh còmhla air na Giorrachaidhean agus Briathran agus air Ainmean-Àite. **Duilleag-obrach 2.**

3. Coimheadaibh còmhla air clàran nan gnìomhairean. Dh'fhaodadh duilgheadasan a bhith aig sgoilearan a' tuigsinn nan clàran seo ach dh'fhaodadh iad a bhith nan cuideachadh do chuid. Seall dhaibh an clàr airson a' ghnìomhair riaghailteach **cuir** (SPREIGEACH a-mhàin aig an ìre seo). Dh'fhaodadh tu lethbhreac mòr den chlàr a chur air balla a' chlasruim agus na faclan as cumanta a shoilleireachadh (m.e. cuiridh, chuireas, cuir, chuir, do chuir, cur, chur)

Seo seantansan a tha rin cur air a' bhòrd-dhubh airson sealltainn cuin a chleachdar na faclan eadar-dhealaichte.

An Tràth teachdail: (*rudeigin nach do thachair fhathast*)

- a) **Cuiridh** mi orm mo sheacaid ùr nuair a thèid mi a-mach a-nochd.
- b) Seo an t-seacaid a **chuireas** mi orm nuair a thèid mi a-mach a-nochd.
- c) An **cuir** thu ort do sheacaid ùr?

An Tràth caithte: (*rudeigin a thachair mu thràth*)

- a) **Chuir** mi orm mo sheacaid.
- b) Cha **do chuir** mi orm mo mhiotagan.

An Tràth cumhach/ neo-choileanta: (*rudeigin a dh'fhaodadh tachairt no a thachair iomadh turas mu thràth*).

- a) A h-uile latha **chuireadh iad** orra an seacaidean.
- b) **Chuirinn** orm mo sheacaid nan robh mi fuar.
- c) Seo na seacaidean a **chuireadh** iad orra nuair a bha iad òg.

Aithneach: (*òrdugh!*)

- a) **Cuir** ort do sheacaid!
- b) **Cuiribh** oirbh ur seacaidean!

Gheibh a' chlann cothrom seo fheuchainn ma nì iad **duilleag-obrach 3**.

4. Coimheadaibh còmhla air a' chlàr airson a' ghnìomhair neo-riaghailteach **dèan**. (SPREIGEACH a-mhàin a-rithist aig an ìre seo). A-rithist dh'fhaodadh tu lethbhreac mòr den chlàr a chur air balla a' chlasruim le na foirmean as cumanta air an soilleireachadh.

Seo seantansan airson an cur air a' bhòrd-dhubh gus sealltainn cuin a chleachdar na faclan eadar-dhealaichte:

An Tràth teachdail:

- a) **Nì** mi m' obair-dachaigh an dèidh na sgoile.
- b) Seo mar a **nì** thu e.
- c) An **dèan** thu rudeigin dhomh? Cha **dèan**.

An Tràth caithte:

- a) **Rinn** mi m' obair-dachaigh mu thràth.
- b) An **do rinn** thu ceart e? Tha mi a' smaoinichadh gun **do rinn**.

An Tràth cumhach / neo-choileanta:

- a) **Dhèanadh** e a dhìcheall an-còmhnaidh.

Aithneach:

- a) **Dèan** do dhìcheall!
- b) **Dèanaibh** ur dìcheall!



Gheibh a' chlann cothrom seo fheuchainn ma nì iad **duilleag-obrach 4**.

5. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann:

a) gu bheil faclan ann am faclair an-còmhnaidh air a riochdachdadh ann an òrdugh na h-aibidil.


b) nuair a tha dà fhacal co-ionnan ann an dòighean eile gun tig fuaimreag ghoirid ro fuaimreag fhada (*m.e. thig 'dha' ro 'dhà'*)

c) gu bheil a' chiad fhacal air an duilleig air a thaisbeanadh aig mullach na duilleige gus a dhèanamh nas fhurasta faclan a lorg gu luath. (*m.e. 'poit-teatha' agus 'port' air td 334 agus 335*).

d) gu bheil barrachd air aon mhìneachadh aig cuid a dh'fhaclan (*m.e. clò td. 118*)

6. **Ainmearan** Dèan liosta de dh'ainmearan air a' bhòrd-dhubh (*m.e. caora, balla, lain, Alba, nighean, Dileas*) agus faighnich don chlas dè tha aca ann an cumantas. *m.e. 's e ainmean de rudan, daoine no àitean a th' annta air fad*)

Coimhead air an fhacal **CÙ** ann am Brìgh nam Facal.



* Dèan cinnteach gun tuig a' chlann nach eil am faclair a' cur seòrsa an fhacail ann airson ainmearan. Ma tha *f* no *b* an dèidh an fhacail, tha sin a' sealltainn gur e ainmear a th' ann. Tha *f* a' sealltainn gur e ainmear fireanta a th' ann. Tha *b* a' sealltainn gur e ainmear boireanta a th' ann. (*Tha barrachd obrach air fireanta agus boireanta ri lorg fo Sgrìobhadh – Eòlas air Cànan*)



* Faighnich do na sgoilearan a bheil fhios aca carson a tha ‘cù’ ag atharrachadh gu ‘coin’ agus ‘con’. Innis dhaibh gum bi ainmearan ag atharrachadh ann an Gàidhlig:

a) nuair a tha barrachd air aon ann (*iolra / iomarra*) m.e. cù > coin
(faic an obair air iomarra agus singilte ann an Sgrìobhadh – Eòlas air Cànan)

b) an dèidh cuid a dh’fhaclan m.e. a’, mo, do (m.e. mo chù, leis a’ chù)
(Chan eil am faclair seo a’ sealltainn sèimheachadh idir ach ma tha abairt ann)

c) nuair a tha thu a’ sealltainn co leis a tha rud/ co dha a bhuineas rud (*an tuiséal ginideach*) m.e. coilear a’ choin.

d) an dèidh a’ chuid as motha de roimhearan (*an tuiséal tabhartach*)
m.e. leis a’ chù, don chù)

* A bheil a’ chlann a’ tuigsinn dè tha ‘ginideach’ a’ ciallachadh? Tha seo caran doirbh do sgoilearan a thuigsinn. Dh’fhaodadh an eacarsaich seo an cuideachadh rud beag:

Sgrìobh liosta de ainmearan air taobh chli a’ bhuird-dhuibh. Tagh ainmearan singilte, fireanta an toiseach. Cleachd aon nach bi ag atharrachadh (m.e. bàta) gus am faic iad dè nì iad mura bheil *gin*. sgrìobhte anns an fhaclair airson an ainmeir a tha iad ag iarraidh.

Dh’fhaodadh a’ chlann fhèin ainmearan a thaghadh.

caisteal
bàta
doras
tidsear

An uair sin iarr orra ‘caisteal’ a lorg ann am Brìgh nam Facal. Chì iad seo:

caisteal f
gin. caisteil

Seall dhaibh mar a tha seo a’ toirt dhaibh an litreachadh ceart airson abairtean mar ‘doras a’ chaisteil’. Dèan an aon rud le na h-ainmearan eile.

caisteal	doras a’ chaisteil
bàta	einnsean a’ bhàta
doras	làmh an dorais
tidsear	guth an tidseir



Dèan seo a-rithist le ainmearan boireanta (m.e. grian > gathan na grèine, òrdag > bàrr m' òrdaig, bùth > uinneag na bùtha, eaglais > tùr na h-eaglaise.

* Sgrìobh na seantansan seo le beàrnan air a' bhòrd-dhubh agus thoir ùine don chloinn na seantansan a sgrìobhadh, a' cleachdadh an fhaclair gus na beàrnan a lionadh.

- a) Bhacù dubh is geal. (an)
- b) Tha agam. (cù)
- c) 'S e sin mo (chù)
- d) Tha trì aig Marc. (coin)
- e) Bha faclan gu math geur. (a' choin)
- f) Bha comhartaich nan gam bhòdhradh. (con)

* Iarr air a'chloinn am facal 'cù-chaorach' a lorg. Carson nach eil e a' tighinn dìreach an dèidh an fhacail 'cù'?

* An uair sin lorg am facal 'cù' ann an Mo Chiad Fhaclair. A bheil fhios aig a' chloinn dè tha na faclan ann an camagan a' sealltainn? (an cù, na coin) Dè am mìneachadh as fheàrr leotha agus carson? Ciamar a tha Mo Chiad Fhaclair a' sealltainn gur e facal fireanta a th' ann an 'cù'?

● Dh'fhaodadh tu coimhead cuideachd air 'cù' ann am faclair eile leithid MacLennan. An urrainn dhaibh an t-iolra a lorg? Ciamar a tha am faclair seo a' sealltainn gur e facal fireanta a th' ann an 'cù'? Dè am fiosrachadh eile a tha am faclair seo a' toirt seachad? (faclan airson coin eadar-dhealaichte, co às a thàinig am facal, mìneachadh ann am Beurla).

● Coimhead air ainmear (m.e. cù) ann am faclairean eile (m.e. Dwelly's) agus coimhead air mar a tha am fiosrachadh seo air a thoirt seachad.

● Iarr orra am facal 'plumas' a lorg ann am Brìgh nam Facal. Dèan cinnteach gun tuig iad dè tha *co-ionnan ri plumais* a' ciallachadh. A bheil plumas boireanta no fireanta? (am plumas) Dè mu dheidhinn 'plumais'? (a' phlumais)

Sgrìobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh a' fàgail bheàrnan far a bheil na camagan. Thoir ùine don chloinn na seantansan a sgrìobhadh, a' cleachdadh faclair gus na beàrnan a lionadh.

- a) Chunnaic mi plumais a' fàs air craoibh agus bhuain mi (a' phlumais)
- b) Bha clach na (plumaise) cruaidh.
- c) Bhuain mi deich (plumaisean) agus thug mi dhachaigh iad.

*Coimhead air ainmear le barrachd air aon mhìneachadh, m.e. 'làrach'.

Faighnich don chloinn cia mheud mìneachadh eadar-dhealaichte a tha air an fhacal 'làrach' agus ciamar a bhiodh fhios aca dè am mìneachadh a tha freagarrach nuair a tha iad a' cleachdadh faclair.


* Tha obair air ainmearan ann am faclair air **duilleagan-obrach 5 agus 6**.

Gnìomhairean Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè a th' ann an gnìomhair (m.e. *facal a dh'innseas dè tha duine no rud ris*). Dh'fhaodadh iad liosta de gnìomhairean a sgrìobhadh (ann an riochd sam bith) mar bhuidhinn no mar chlas. Tha caibidil 7 anns an leabhar Facal air an Fhacal uile mu gnìomhairean.



* Sgrìobh am facal ‘chuidich’ air a’ bhòrd-dhubh agus iarr air a’ chloinn a lorg ann am Brìgh nam Facal. Chan eil e ann. Carson? Càit’ an lorg iad e?


* Dèan cinnteach gun tuig a’ chlann gur e **freumh a’ ghnìomhair** a lorgas iad ann am faclair agus gur e seo an riochd a chleachdas iad gus òrdugh a thoirt seachad. Innis dhaibh gun seall faclair riochdan eile a’ ghnìomhair cuideachd. Coimhead air an fhacal ‘cuidich’.



* (clann as comasaiche Ìre E)

Seall do na sgoilearan càit’ an coimhead iad airson barrachd riochdan den ghnìomhair. ’S e gnìomhair riaghailteach a th’ ann ’s mar sin gheibh iad na riochdan eile anns a’ chlàr aig toiseach an fhaclair. Dèan cinnteach gun tuig iad gu bheil “cur” agus ‘cuidich’ ag atharrachadh san aon dòigh. (**Duilleag-obrach 3**)

* Lorg ‘cuidich’ anns an leabhar Mo Chiad Fhaclair. Chan eil e ann! ’S e ‘cuideachadh’ a th’ ann. Airson gnìomhairean tha am faclair seo a’ cleachdadh a’ ghnìomh-ainmear mar phrìomh fhacal an àite freumh a’ ghnìomhair. Tha seo nas fhurasta do mhòran sgoilearan. Cuideachd tha barrachd eisimpleirean air a thoirt seachad.



* Coimhead air gnìomhair riaghailteach eile (m.e. goid) anns an dà fhaclair. Sgrìobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh a' fàgail bheàrran. Iarr air na sgoilearan na seantansan a sgrìobhadh, a' cleachdadh faclair airson an cuideachadh. Faodaidh iad fhèin taghadh dè am faclair a chleachdas iad.

- a) am mèirleach dà mhìle not. (Ghoid)
- b) Chuir am poileasman stad air a' mhèirleach mus do e na seudan (ghoid)
- c) Bha am balach biadh às a' bhùth. (a' goid)

* Tha barrachd obrach air gnìomhairean air **duilleag-obrach 7** agus ann an Eòlas air Cànan (*Comhairle na Gaidhealtachd 1998*).

8. **Gnìomhairean neo-riaghailteach** Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè tha neo-riaghailteach a' ciallachadh. Sgrìobh na gnìomhairean neo-riaghailteach seo air a' bhòrd-dhubh (*anns na riochdan a chleachdas a' chlann nas trice!*)

tha a' dol thug thàinig chunnaic thuirt 'S e

* Innis dhan chloinn gur e gnìomhairean neo-riaghailteach a th' anns na faclan seo agus gu bheil sin a' ciallachadh gu bheil riochdan gu math eadar-dhealaichte aca. Seall dhaibh gur e faclan a chleachdas iad gu math tric a th' anna.

* Lorg 'tha' an toiseach. Chan eil e ann an Mo Chiad Fhaclair anns an àite àbhaisteach. Thoir dhaibh ùine a lorg (air an duilleig mu dheireadh). Carson a tha e an sin? Brosnaich a' chlann gus an duilleag seo a chleachdadh nuair a tha iad a' sgrìobhadh agus nuair a tha iad a' dèanamh duilleag-obrach 8 (faic gu h-ìosal)

* Coimhead an uair sin ann am Brìgh nam Facl. Chì iad gu bheil e ag ràdh dìreach:

**tha gnìomhair neo-riaghailteach
faic fo bi**

Ma choimheadas iad air 'bi', chì iad tòrr eisimpleirean de rosg-rannan a' cleachdadh 'tha'. Cuir nan cuimhne cuideachd gu bheil an gnìomhair seo agus gnìomhairean neo-riaghailteach eile rin lorg anns na clàran aig toiseach an fhaclair.

* Dèan an aon rud le na gnìomhairean neo-riaghailteach eile.

* Tha barrachd obrach air gnìomhairean neo-riaghailteach ann an Eòlas air Cànan (*Comhairle na Gaidhealtachd 1998*) agus air **duilleag-obrach 8**.

9. Faclan de sheòrsaichean eile

A bharrachd air ainmearan agus gnìomhairean, tha tòrr sheòrsaichean eile de dh'fhaclan rin lorg ann am faclair. Brosnaich a' chlann gus coimhead anns an fhaclair Brìgh nam Facl airson seòrsaichean eile a lorg. Cuir nan cuimhne gu bheil seòrsa an fhacail sgrìobhte ann an clò Eadailteach (ach ainmearan) agus gu bheil mìneachadh gach fear sgrìobhte aig toiseach an fhaclair. Dh'fhaodadh iad feuchainn ri 8 seòrsaichean eile a lorg:



- buadhairean **
- co-ghnìomhairean **
- naisgearan **
- clisgearan
- riochdairean (& riochdairean dàimheach)**
- roimhearan (roimhearan leasaichte & roimhearan riochdaireil)**
- ro-leasachan
- mion-fhaclan

** *Tha obair air na seòrsaichean fhaclan seo ri lorg fo Sgrìobhadh – Eòlas air Cànan.*

* Tha fiosrachadh mu dheidhinn cuid dhiubh seo (buadhair, co-ghnìomhair, roimhear agus riochdair) ann an Eòlas air Cànan (*Comhairle na Gaidhealtachd 1998*).

* Tha **duilleag-obrach 9** a' toirt cothrom don chloinn faclair a chleachdadh airson faighinn a-mach mu sheòrsaichean eadar-dhealaichte de dh'fhaclan.

10. Ath-obair: Coimhead air na faclan seo mar chlas no mar bhuidhinn leughaidh airson dèanamh cinnteach gun tuig a' chlann rudan anns an fhaclair:

Mo Chiad Fhaclair

- aithneachadh A bheil a' chlann a' tuigsinn carson a tha (*dh'aithnich*) ann an camagan? Thoir dhaibh cothrom na h-abairtean (*tha thu ga aithneachadh, tha thu ga h-aithneachadh*) a chleachdadh mu dhaoine eile anns a' bhuidhinn.
- leabaidh A bheil iad a' tuigsinn carson a tha na faclan anns na camagan ann? An urrainn dhaibh an cleachdadh ann an seantansan?
- dh' Saoil carson a tha na faclan seo sgrìobhte fo 'dh'? Iarr orra na faclan ann an clò trom a leughadh a-mach. Brosnaich iad gus an duilleig seo a chleachdadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh.
- td. 85 –94 Cuir nan cuimhne gu bheil na duilleagan seo ann airson ainmearan cumanta. Brosnaich iad gus cuid de na faclan a lorg nam faclairean fhèin (no ann am faclair eile) airson faicinn ciamar a bhios iad ag athar rachadh (m.e. sròn)
- td. 95 –96 A-rithist, cuir nan cuimhne gu bheil na duilleagan seo ann airson fhaclan chumanta. A bheil iad a' tuigsinn ciamar a chleachdas iad an clàr air td.96? Tha obair stèidhichte air seo air **duilleag-obrach 10**.

Brìgh nam Facal

- a, à, a' Carson a tha an uimhir ann? An tuig na sgoilearan na faclan ann an sgrìobhadh Eadailteach? An tuig iad dè tha 'an t-alt' a' ciallachadh?
- c An treas litir san aibidil. An tuig iad dè tha na camagan ceàrnagach a' sealltainn? [cè]
- teth An tuig iad dè tha *coim*. a' ciallachadh? An urrainn dhaibh seantans a ràdh a' cleachdadh seo? An tuig iad an dà mhìneachadh?



11. Gèam le Faclair

Seo gèam a bhrosnaicheas clann gus faclan ùra ionnsachadh fhad 's a tha iad a' leasachadh an sgilean le faclair.

- a) Bidh gach buidheann anns a' chlas a' lorg facal annasach ann am faclair mòr (m.e. Dwelly's). Mar as annasaiche am facal 's ann as fheàrr a tha an gèam!
- b) Sgrìobhaidh iad am facal agus mìneachadh ceart air pìos pàipeir gus nach fhaic na buidhnean eile e.
- c) Sgrìobhaidh iad dà mhìneachadh eile nach eil ceart. Brosnaich iad mìneachaidhean mas-fhìor a sgrìobhadh a *dh'fhaodadh* a bhith fìor!
- d) Gabhaidh buidheann mu seach cothrom am facal a thagh iad a sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh. Feumaidh iad sealltainn dè seòrsa faclan a th' ann agus dè an t-iolra a th' aige mas e ainmear a th' ann.
- e) Leughaidh aon neach anns a' bhuidhinn na trì mìneachaidhean a-mach don chlas. Feumaidh daoine anns na buidhnean eile èisteachd ri na trì mìneachaidhean (ann an òrdugh sam bith) agus am fear ceart a thaghadh. Ma thaghas iad ceart, gheibh am buidheann aca comharra. Mura tagh iad ceart, gheibh am buidheann a rinn suas am mìneachadh comharra.

m.e. mialag – (*ainmear: iolra: mialagan*)


1. tinneas a bhios gad fhàgail lag
2. cèic air a dhèanamh le mil
3. biastag bheag a bhios ag òl fuil

An seo 's e 3 am freagairt ceart.

12. Measadh

* Dh'fhaodar **duilleag-obrach 11** a chleachdadh mar dhuilleag-measaidh, airson faicinn dè cho comasach 's a tha na sgoilearan le faclairean.





Facclair - duilleag-obrach I

Ainm:

Coimhead air an ro-ràdh anns an fhaclair Brìgh nam Facal agus freagair na ceistean seo.

1. Dè seòrsa facail a tha sgrìobhte ann an clò trom anns an fhaclair?

a) b)

2. Dè tha ann an *ainmear*?.....

3. Dè tha ann an *naisgear*?.....

4. Sgrìobh 3 *roimhearan* an seo.

.....

5. Lorg '*bog*'. Dè tha *coim. buige* a' ciallachadh?

.....

6. Sgrìobh seantans le '*buige*' ann.

.....

7. Coimhead air *balg*. Carson a tha (no *bolg*) sgrìobhte ann an camagan?

.....

8. Dè thachras ma tha barrachd air aon mhìneachadh aig facal?

.....

9. Lorg am facal **cab** anns an fhaclair fhèin. Carson a tha (neo-fhoirmeil) sgrìobhte fon fhacal? Coimhead air ais air an ro-ràdh airson faighinn a-mach!

.....

10. Leugh am paragraf leis an tiotal 'Dualchainnt'.

a) Dè tha 'dualchainnt' a' ciallachadh?.....

b) Lorg '**drùidh**'. Carson a tha 'faic **draoidh**' sgrìobhte fodha?

.....

c) Lorg '**ghan**'. Carson a tha 'airson **dhan**' sgrìobhte fodha?

.....



Facclair - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Coimhead air a' chlàr airson a' ghnìomhair riaghailteach 'cuir' faisg air toiseach an fhaclair Brìgh nam Facal.

1. Dè an tràth a chleachdas tu airson rudan nach do thachair fhathast?

teachdail, caithte, cumhach, neo-choileanta

2. Cleachdaidh tu na faclan anns a' cholbh 'Aithneach' nuair a tha thu

a' faighneachd ceist/cheistean a' toirt òrdugh seachad

3. Dè an tràth a chleachdas tu airson rudan a thachair mu thràth?

cumhach teachdail caithte.

4. Tagh am facal ceart airson na beàrnan a lìonadh:

a) mi orm mo bhrògan ùra a-nochd.

b) Dè tusa ort?

c) orm mo mhiotagan nam b' urrainn dhomh an lorg!

d) An thu uisge dhan bhàsa mu thràth?

b. Coimhead a-nis air a' chlàr airson a' ghnìomhair riaghailteach 'fàg' agus lìon na beàrnan.

1. Cuin a thu am pàrtaidh an-dè?

2. sin! 'S ann leamsa a tha e!

3. i an taigh aig ochd uairean a h-uile madainn.

4. Tha mi a' smaointinn gun mi mo bhaga air a' bhus.



Faclair - duilleag-obrach 4

Ainm:

Lorg na clàran airson gnìomhairean neo-riaghailteach faisg air toiseach an fhaclair Brìgh nam Facal.

a. Coimhead air a' chlàr airson a' ghnìomhair 'thoir' agus cleachd e gus crìoch a chur air na seantansan seo.

1. "..... leat do sheacaid!" dh'èigh mo mhàthair.
2. an tidsear dhuinn trod oir bha sinn anmoch.
3. Cha m' uncail dhomh càil airson mo cho-là-breith an-uiridh.
4. An thu dhomh cuideachadh, mas e do thoil e.
5. " mi Glaschu orm a-màireach," thuirt an gille.

b. Tha na seantansan seo sgrìobhte anns an tràth teachdail. Atharraich na faclan ann an clò Eadailteach gus am bi iad sgrìobhte anns an tràth caithte.

1. **Thig** mi dhachaigh a-nochd.
2. **Gheibh** thu barrachd **a-màireach**.
3. Am **faic thu** thall an sin e?
4. 'S e latha fliuch a **bhios** ann.
5. An **dèan** e cèic?
6. Cha **tèid** mise a-steach idir.
7. **Gabhaidh** sinn biadh nuair a **ruigeas** sinn Peairt.
8. Cuin a **bhios tu** deiseil?
9. **Chì** mi solas anns an taigh sin.
10. An **cluinn thu** fuaim annasach?



Facclair - duilleag-obrach 5

Ainm:

Ainmearan

a. Cuir na h-ainmearan seo ann an òrdugh na h-aibidil.

bucas, peabar, neactar, griùlach, buidheag
.....

b. Cuir na h-ainmearan seo ann an òrdugh na h-aibidil agus an uair sin coimhead air faclair airson faicinn a bheil thu ceart.

feadhainn, fear-ceàird, feanntag, fear, fearg, feamainn, fead, feannag

.....
.....

c. Lorg gach ainmear ann am faclair agus sgrìobh a bheil e fireann **f** no boireann **b**:

lòn cunntair drochaid cuibhle-stiùiridh
cuileann tarrag taobh ùpraid

d. Lorg gach ainmear ann am faclair agus sgrìobh e leis an alt (**an** no **am**) airson faclan fireann agus **a'** no **an** airson faclan boireann. Chaidh a' chiad dhà a dhèanamh dhut.

gràineag **b** a' ghràineag druim **f** an druim bàgh

bantrach lon-dubh

tarbh criomag

long faileas

cladh



e. Anns gach seantans seo tha ainmear air a litreachadh ceàrr. Cleachd faclair airson a cheartachadh:

1. Bha na creagan còmhdhaichte le **feamann**.

.....

2. Chunnaic mi **cora-grithach** shìos anns an uisge.

.....

3. Stad an trèana aig còig **steisinnean**.

.....

4. Bha **speclerean-greine** air an duine.

.....



Faclair - duilleag-obrach 6

Ainm:

Ainmearan 2

a. Lorg gach ainmear ann am faclair agus sgrìobh an t-ìolra aige.

am màrball na màrbaill am post-oifis

am port-adhair an druma

am baile a' bhàirneach

an t-each an oidhche

b. Ath-sgrìobh gach seantans ag atharrachadh a h-uile ainmeir shingilte gu ainmear ìolra.

1. Dhùisg am balach gu h-obann.....

.....

2. Bha cù a' comhartaich a-muigh.....

.....

3. Chuala e eun a' seinn gu binn air mullach an taighe.....

.....

4. Bha duine a' tighinn a-mach às a' bhùth.....

.....



Facclair - duilleag-obrach 7

Ainm:

Gnìomhairean Riaghailteach

a. Lorg gach gnìomhair anns an fhaclair Brìgh nam Facal. Cuir ✓ ma tha e *riaghailteach* agus ✗ ma tha e *neo-riaghailteach*.

gluais comharraich abair smaoinich

chaidh ith tha fuasgail

b. Seo gnìomhairean riaghailteach a tha ri lorg ann am Brìgh nam Facal. Tagh fear freagarrach airson crìoch a chur air na seantansan gu h-ìseal. Smaoinich mu dè an riochd a bhios freagarrach. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

sgrùd	till	sruth	<u>cladhaich</u>	sgrìob
fàisg	connsaich	ràn	ionnsaich	dualaich

1. Bha duine anns a' ghàrradh a' cladhach an ùir le gràpa.
2. Cha do i idir, ged a bha a gàirdean gu math goirt.
3. "An do dh' sibh càil ùr an-diugh?" dh'fhaighnich Dad.
4. Na do ghlùn air neo chan fhàs i nas fheàrr gu bràth!
5. Bha mo sheanmhair a' suidhe air beulaibh sgàthain, a' a fuil.



6. Thòisich am poileas a' an làir le
gloinne-meudachaidh.

7. Chuala mi dìthis dhaoine a' gu feargach.

8. Bha an t-uisge a' thar nan creagan.

9. mi mo bhriogais airson an t-uisge fhaighinn
a-mach aiste.

10. "Cha mi ro ochd uairean," dh'èigh e bhon gheata.



Faclair - duilleag-obrach 8

Ainm:

Gnìomhairean neo-riaghailteach

a. Cleachd am faclair Mo Chiad Fhaclair no Brìgh nam Facal agus lorg seantansan le na gnìomhairean neo-riaghailteach seo annta. Uaireannan feumaidh tu coimhead fo fhacal eile (m.e. **thèid** faic fo **rach**). Seall dè am faclair a chleachd thu le na giorrachaidhean seo: BF airson Brìgh nam Facal agus MCF airson Mo Chiad Fhaclair. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. (thug) Thug i dhomh siùcar. (BF)
2. (bidh)
3. (a bheil)
4. (thèid)
5. (an deach)
6. (cluinn)
7. (chunnaic)
8. (is)

b. Lorg **is** ann am Brìgh nam Facal. Cuir crìoch air na seantansan seo, a' cleachdadh nan eisimpleirean anns an fhaclair airson do chuideachadh ma dh'fheumas tu.

1. a-nochd a bhios iad a' falbh.
2. an nighean mu dheireadh.
3. aithne dhut Màiri?
4. poileasman a bh' ann an Alastair.
5. caomh leis càise.
6. e tha brèagha an-diugh!



Facclair - duilleag-obrach 9

Ainm:

Cleachd am facclair Brìgh nam Facal.

a. Lorg gach facal anns an fhaclair. Sgrìobh dè seòrsa facail a th' ann agus sgrìobh seantans a' cleachdadh an fhacail. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

- | 1. tron (<i>roimhear</i>) | <i>Ruith sinn tron choille.</i> |
|-----------------------------|---------------------------------|
| 2. seo () | |
| 3. gruamach () | |
| 4. tarsainn () | |
| 5. òbh () | |
| 6. co- () | |
| 7. dhomh () | |
| 8. ach a () | |

b. Leugh am paragraf seo. Cuir loidhne **dhubh** fon h-uile buadhair. Cuir cearcall mun h-uile co-ghnìomhair. Soilleirich a h-uile roimhear. Cuir loidhne dhathte fon h-uile naisgear agus cuir rionnag air a h-uile riochdair*.

Gu h-obann bha iad uile cho glan ri prìne ùr. Choimhead iad air a chèile le iongnadh mòr. Bha iad a' dèanamh còmhradh sàmhach len sùilean - b' e bana-bhuidseach a bh' innte. Mar gu robh i a' leughadh an cuid smaointean, thuir i, "Na biodh dragh oirbh, a chloinn, 's e bana-bhuidseach mhath a th' annamsa. Cha dèan mi cron sam bith oirbh; ach 's dòcha gun urrainn dhomh ur cuideachadh?"



Faclair - duilleag-obrach 10

Ainm:

Cuideachaidh duilleagan 95 - 96 anns an fhaclair Mo Chiad Fhaclair thu leis an obair seo.

a. Seo earrann bho phàipear-naidheachd ach chaidh tòrr de na facail bheaga fhàgail às. An urrainn dhut na beàrnan a lìonadh? Tha na facail uile air td. 95 den fhaclair.

Thachair spreadhadh bholcano b' uabhasaiche
riamh an Krakatoa, 27 Lùnastal 1883.
'S e eilean bholcanach ann Indonesia tha ann an Krakatoa. Bha
a' bholcana a bhith sàmhach 200
bhliadhna a spreadh e
rabhadh sam bith. Chaidh bha tighinn às 50 meatair suas
..... adhar, chaidh dà thrian
..... eilean fodha mhuir. Thachair
..... robh bàta bathair an ìre mhath faisg, agus bha
..... sgioba sealbhach gun thàrr iad



b. Tagh faclan freagarrach bho td. 96 airson crìoch a chur air gach seantans.

1. An ann a tha am baga seo, a Shìne?

2. Choisich iad suas an t-sràid a' smèideadh

3. Thachair mi ri Ailean agus dh'innis mi gu robh baic

ùr.....

4. Chaidh sinn gu taigh m' antaidh agus thug i
bonnaich bhlàsta.

5. Lorg sinn rudan annasach anns an lòn ach cha robh fios dè a bh'

.....

6. Chunnaic Mairead a caraid Peigi. Chuir i a brògan
agus ruith i a-mach a chluich còmhla




Faclair - duilleag-obrach 10

Ainm:

Duilleag-measaidh

a. Cleachd faclair freagarrach sam bith agus freagair na ceistean seo.



1. Dè tha **ionndrainn** a' ciallachadh?

.....

2. Sgrìobh seantans leis an fhacal **lionmhor**.

3. Sgrìobh an t-ìolra airson gach ainmeir:

machair gèadh bò

4. Sgrìobh dè seòrsa facail a th' anns gach facal seo.

long geuraich gia

aig nis sinn

5. Lìon na beàrnan:

geàrr > cluasan na gearra

piob > ceòl na

muir > fuaim na

craobh > geugan na

stòr > iuchair an




6. Chuir an tidsear loidhne fon h-uile mearachd anns a' pharagraf seo. Cleachd faclair airson an litreachadh ceart a lorg.

Bha i uabhasoch fuar agus bha an loch reote. Chunnaic mi tunnagan a' seasamh air an deagh, a' coimhead caran d'imboch. Shuas anns an athair bha sgothan dorca a' crunnachadh agus bha fhios agam gun tigeadh tuiladh sneachd mus ruiginn an taigh. Ghluis mi air falbh gu slaodach agus thug mi an t-slia dhachaigh orm. Bha e doirbh a bhith a' coiseach le cho sleamann 's a bha an ceum agus na bu doirbh fhathast nuair a thoisich bleadeagan sneachda tiugha ri tuiteam. Is mi bha taingeil nuair a ranaig mi an taigh. Bha e cho blàth is seascair ri taobh an teine.



Thesaurus





Ro-ràdh

Tha e cudromach aig an ìre seo gum faigh clann tòrr chothroman faclan ùra ionnsachadh agus a chleachdadh ann an dòigh nàdarra, siùbhlach, agus gum fàs iad cofhurtail le bhith a' cleachdadh faclair agus thesaurus. Anns an earrainn seo tha gnìomhan agus duilleagan-obrach stèidhte air an leabhar Dòigh Eile air a Ràdh le Dòmhnall Iain MacLeòid (*Stòrlann 2000*).

Stiùireadh do Thidsearan:

- Dèan cinnteach an toiseach gu bheil fhios aig a h-uile duine anns a' bhuidhinn dè tha ann an thesaurus. Seall dhaibh thesaurus Beurla agus an leabhar Dòigh Eile air a Ràdh le Dòmhnall Iain MacLeòid. Brosnaich iad cùl an leabhair seo a leughadh.
- Bruidhinn mu dheidhinn an diofar eadar thesaurus agus faclair. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann nach gabh a h-uile facal air duilleig de thesaurus a chleachdadh san aon dòigh! Ann am faclair, chì thu dè tha facal a' ciallachadh. Ann an thesaurus, tha grunn fhaclan air an aon chuspair air an cur ri chèile:
 - m.e. faic (faclair) cleachd do shùilean gus am faigh thu eòlas air nithean,
gus nithean aithneachadh
faic (thesaurus) coimhead, seall, thoir sùil, amhairc
- Coimhead mar bhuidhinn no clas air aon duilleig den leabhar Dòigh Eile air a Ràdh agus dèan cinnteach gun tuig a' chlann dreach na duilleige.
 - Dè seòrsa faclan a th' anns gach seata – buadhairean, ainmearan?
 - Dè tha ann an 'abairtean'?
- Bruidhinn mu dheidhinn dè am feum a th' ann an thesaurus. Cuin a chleachdar e? Sgrìobh an earrann seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn do chuideachadh faclan eile a chur a-steach an àite 'toilichte' gus an earrann a dhèanamh nas inntinniche. Iarr orra duilleag a lorg anns an thesaurus airson an cuideachadh.



Bha Ròna toilichte. 'S e nighean thoilichte a bh' innte mar bu trice, ach bha i air leth toilichte an-diugh. Cò nach biodh toilichte air latha cho brèagha aig toiseach nan làithean-saora, gu h-àraidh nuair a bha i fhèin agus a caraaid a' dol chun na fèille. An dèidh a bracaist, dh'fhalbh i gu toilichte gu taigh Anna. Bha i toilichte nach robh fada aice ri dhol.

"Tha thusa a' coimhead toilichte," thuirt Mgr MacAmhlaigh rithe nuair a dh'fhosgail e an doras. "Trohadh a-steach. Bidh Anna toilichte d' fhaicinn."

- Seo seantansan a' cleachdadh fhaclan bho dhuilleag 38 (prìomh-fhacal **pròis**). Brosnaich a' chlann gach seantans a ràdh (no a sgrìobhadh) ann an dòigh eile a tha a' ciallachadh an aon rud airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn nach gabh a h-uile facal air an duilleig a chleachdadh anns an aon dòigh. Faodaidh iad faclair a chleachdadh ma tha iad ag iarraidh.

- a) Bha mi moiteil às mo bhràthair an-dè.
- b) Bha Eoghainn a' coimhead cho pròiseil, a' dol suas a dh'iarraidh na cuaich.
- c) B' e duine bragail a bh' ann.
- d) Bha e a' coimhead mar gu robh e gu math cinnteach às fhèin.
- e) Cha do thachair mi riamh ri duine cho umhail.

- Iarr air a' chloinn am prìomh fhacal **airgead** a lorg ann an 'Dòigh Eile air a Ràdh'. Ma tha facal sam bith ann nach eil iad a' tuigsinn, brosnach iad a lorg ann am faclair. Bruidhinn mu dheidhinn mar a tha na faclan agus abairtean air an duilleig seo den thesaurus air an seòrsachadh a-mach.

Sgrìobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh. Iarr air a' chloinn smaoinichadh air ciamar a ghabhadh gach seantans gu h-ìosal a sgrìobhadh ann an dòigh rud beag eadar-dhealaichte, a' cleachdadh nam facal agus abairtean anns an thesaurus. (Tha eisimpleirean anns na camagan.)

1. Tha sin a' cosg tòrr airgid. (*Tha sin gu math daor.*)
2. Chan eil airgead aice air fhàgail. (*Chaith i a h-uile sgillinn a bh' aice.*)
3. Cha do chosg mi sgillinn. (*Shàbhail mi m' airgead air fad.*)
4. Bha an ticead uabhasach daor. (*Bha an ticead gu math cosgail.*)
5. Cha robh airgead no càil aige. (*Bha e cho bochd ri radan eaglais.*)
6. Fhuair mi a-steach gun airgead. (*Fhuair mi a-steach an-asgaidh.*)
7. Bha tòrr airgid aig a' chaillich. (*Bha a' chailleach gu math beartach.*)

- Dh'fhaodadh a' chlann feuchainn ri seantansan a sgrìobhadh airson cuid de na faclan/ abairtean eile air an duilleig, a' cleachdadh faclair airson an cuideachadh.

* Tha obair stèidhichte air na gnìomhan gu h-àrd air **duilleag-obrach 1**.

- Tagh prìomh-fhacal ùr a h-uile seachdain no cola-deug. Sgrìobh e air pìos pàipeir mòr agus cuir air balla a' chlasruim e. Coimhead air na faclan a thèid leis a' phrìomh fhacal sin anns an thesaurus agus 'brainstorm' seantansan airson cuid de na faclan.

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gach fear. Seo eisimpleir:



Gàire (td. 32)

Gàire: Rinn sinn uile gàire.

Fiamh a' ghàire: Nochd fiamh a' ghàire air aodann Sheumais.

Tarraing às: Thòisich e a' tarraing asam.

Magadh: Cha robh Anna toilichte anns an sgoil oir bha a h-uile duine a' magadh oirre.

Lasgan: Chuala mi lasgan gàire air mo chùlaibh.


Èibhinn: Bha e a' coimhead cho èibhinn. Chaill mi mo lùths a' gàireachdainn.

Fealla-dhà: Bha Seonaidh an-còmhnaidh ri fealla-dhà air choreigin.

(... agus mar sin air adhart.)

- Seall mar a chleachdar thesaurus gus faclan an aghaidh a chèile a lorg. (m.e. td. 12, 15, 21, 34, 35, 36). Tha obair stèidhichte air seo air **duilleag-obrach 2**. (Thoir an aire! Uaireannan tha an duilleag ceàrr air a thoirt seachad anns a' chlàr fhaclan –m.e. td.14 beachdan an àite td. 15 beag agus mòr)





Thesaurus - Duilleag-obrach I

Ainm:

a. Dè tha ann an thesaurus? Cuir loidhne fo na seantansan a tha ceart.

a) 'S e thesaurus an aon rud ri faclair.

b) Cleachdaidh daoine thesaurus airson an sgrìobhadh a dhèanamh nas inntinniche.

c) Tha na prìomh-fhaclan ann an òrdugh na h-aibidil ann an thesaurus.

d) Fo gach prìomh-fhacal tha faclan eile a ghabhadh cleachdadh an àite a' phrìomh fhacail sin.

e) Ma tha thesaurus agad, chan fheum thu faclair.

f) Tha a h-uile abairt air duilleig a' ciallachadh an aon rud.

g) Feumaidh tu bhith cinnteach gun tagh thu facal freagarrach.

b. Coimhead air 'Carson?' air td. 22 den leabhar Dòigh Eile air a Ràdh.
Cleachd na faclan agus abairtean air an duilleig sin airson crìoch a chur air
na seantansan seo.

Na cleachd an aon fhacal no abairt barrachd air aon turas.

a) Ghabh mi suas ...

b) Chaidh mi dhan leabaidh ...

c) Chaidh mi a-mach air cuairt ...

d) Cha do dh'innis mi dha ...

e) Cuiridh mi orm mo sheacaid ...



C. Coimhead air td. 23 den leabhar Dòigh Eile air a Ràdh. Ath-sgrìobh gach seantans, a' cleachdadh facal no abairt eile an àite **ceart**. Tha an seantans anns na camagan a' toirt dhut 'clue' air dè facal a thaghas tu.

1. B' e duine ceart a bh' ann. (Bha fhios agam nach goideadh e an t-airgead.)

2. Tha seo ceart. (Chan e breug a th' ann.)


3. Tha na brògan seo ceart dhomh. (Chan eil iad ro mhòr no ro bheag.)

4. Cuir ort aodach ceart airson siubhal nam beann. (Aodach a chumas blàth agus tioram thu.)

5. Tha e ceart gu bheil smocadh dona dhut. (Rinn daoine rannsachadh airson faighinn a-mach.)

6. Sin an eaglais air do làimh dheis! (Chan ann air do làimh chli.)





Thesaurus - Duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Cleachd thesaurus airson seantans a sgrìobhadh a tha buileach an aghaidh gach seantans seo. Lorgaidh tu na faclan ann an clò trom anns a' chlàr fhaclan aig deireadh an thesaurus agus seallaidh sin dhut dè an duilleag a dh'fheumas tu. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1) Ruith i mar am **peilear**. (td. 36) Bha i a' dabhdail.

2) 'S e duine gu math **iargalta** a bh' ann. (td.)

3) Thachair e ri **troichealan**. (td.)

4) Is **lugha** orm sin! (td.)

5) Abair **amadan!** (td.)

6) Dh'fhairtlich e orm an obair a dhèanamh! (td.)

b. Leig ort gu bheil thu a' deasachadh stòiridh a sgrìobh thu. Chan eil thu toilichte le na faclan a chleachd thu. Cleachd an thesaurus Dòigh Eile air a Ràdh airson gach seantans a sgrìobhadh ann an dòigh eile airson an stòiridh a dhèanamh nas inntinniche. Lorgaidh tu faclan no abairtean freagarrach air na duilleagan anns na camagan. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. An oidhche sin, **chaidh** mi gu caisteal an rìgh. (td. 25) *An oidhche sin, thug mi an rathad orm gu caisteal an rìgh.*

2. Bha an t-**eagal** orm, gu h-àraidh anns a' choille dhorch. (td.35)

3. Bha **an t-uisge** ann. (td. 8)

4. Thuit mi **sìos** gu math tric. (td. 19)

5. B' e an t-àite ceart a bh' ann **gu dearbh!** (td. 34)

6. Dh'fhosgail nighean an doras. "Thig a-steach," thuirt i. (td.20)

7. Bha mi den bheachd gur e nighean shnog a bh' innte. (td. 17)

8. Bha mi toilichte nuair a thug i biadh dhomh. (td. 44)

9. Bha an t-acras mòr orm. (td 16)

10. Cha b' fhada gus an robh mi nam chadal.. (td. 43)

C. Sgrìobh an stòiridh air fad a-nis! Dèan i cho inntinneach 's a ghabhas.



Freagairtean - Thesaurus

Duilleag-obrach 1

- a.** loidhne fo b) c) d) g)
- b.** Gabh ri deireadh sam bith a tha freagarrach. Tha mòran ann. Seo eisimpleirean:
- Ghabh mi suas air *sàilleabh* na sìthe.
 - Chaidh mi dhan leabaidh a *chionn gun robh mi sgith*.
 - Chaidh mi a-mach air cuairt airson beagan eacarsaich fhaighinn.
 - Cha do dh'innis mi *dha seach nach robh e ann*.
 - Cuiridh mi orm mo sheacaid *bhon* a tha an t-uisge ann.
- C.** A-rithist tha barrachd air aon fhreagairt ceart an seo. Seo eisimpleirean:
- B' e duine *earbsach* a bh' ann.
 - Tha seo *fior*.
 - Tha na brògan seo *freagarrach* dhomh.
 - Cuir ort aodach *iomchaidh* airson siubhal nam beann.
 - Tha e air a *dhearbhadh* gu bheil smocadh dona dhut.
 - Sin an eaglais air do làimh *dheis*. (*deas*)...

Duilleag-obrach 2

- a.** Tha barrachd air aon fhreagairt ceart an seo. Seo eisimpleirean:
- Bha i a' dabhdail.
 - (td. 17) B' e duine eireachdail a bh' ann. / B' e boireannach àlainn a bh' innte.
 - (td. 15) (Ma sgrìobhas iad td. 14, 's ann air sgàth mearachd anns an leabhar!)
Thachair e ri fuamhair.
 - (td. 14) Tha mi gu math dèidheil air sin.
 - (td. 33) Abair duine ciallach!
 - (td. 31) Rinn mi a' chùis air an obair.
- b.** A-rithist, tha barrachd air aon fhreagairt freagarrach an seo. Seo dìreach eisimpleirean.
- dh'fhalbh
 - Bha mo chridhe nam uchd
 - Bha an dìle bhàthte ann.
 - an comhar mo chinn
 - gun teagamh
 - thuirt i ann an sanas
 - àlainn
 - taingeil
 - nam shuain



Teacsaichean Fiosrachaidh



Clàran-ama agus Clàran faraidhean





Ro-ràdh:

'S e sgil feumail a th' ann an leughadh agus chì a' chlann seo ma tha obair leughaidh phrathaigeach aca ri dhèanamh. Gheibh a' chlann cothrom an sgil seo a leasachadh le bhith a' cleachdadh clàran-ama.

Anns an earrainn seo tha clàr-ama airson bàt-aiseig, Ulapul-Steòrnabhagh, agus fiosrachadh mu fharaidhean. Cuideachd tha clàran-ama airson bus agus trèan agus airson dealbh-chluich a ghabhas cleachdadh còmhla. Cho fad 's as urrainn dhut, cleachd clàran-ama airson an àite agad fhèin, a bharrachd orra seo, gus an tuig a' chlann nas fheàrr cho feumail 's a tha an sgil seo. Dh'fhaodadh tu na ceistean atharrachadh rud beag gus am bi iad freagarrach airson a' chlàir-ama a tha thu a' cleachdadh.

Stiùireadh do Thidsearan:

Mus coimhead thu air clàr-ama leis a' chloinn, bruidhinn mu dè feum a th' ann, cuin a chleachdadh iad e, an robh iad riamh air a' bhàta sin (no plèana, bus, trèana), carson, agus mar sin air adhart.

Dèan cinnteach gun tuig iad an dreach (layout) agus brosnach iad gu bhith a' coimhead gu geur air an fhiosrachadh air fad, a' gabhail a-steach na tha sgrìobhte anns na bogsaichean beaga (m.e. còd, thoir fa-near, goireasan).

a. Seo clàr-ama agus fiosrachadh mu fharaidhean airson seòlaidhean eadar Ulapul agus Steòrnabhagh.

Ulapul – Steòrnabhagh				
	Ulapul a' fàgail	Steòrnabhagh a' ruighinn	Steòrnabhagh a' fàgail	Ulapul a' ruighinn
DL-DS 21D-4F agus 3M-3G	-----	-----	0715	0955
	1030	1310	1345	1625
	1730	2010	-----	-----
	-----	-----	1230A	1510A
	1545A	1825A	-----	-----
	a' fàgail	a' ruighinn	a' fàgail	a' ruighinn
	-----	-----	0715	0955
DL-DS 6F-IM	1030	1310	1345B	1625B
	1730B	2010B	-----	-----

Còd

A	Seòlaidhean air 26 Dùbhlachd agus 2 Faoilleach a-mhàin
B	Chan eil seòlaidhean ann air Diluain agus Disathairne
DL	Diluain
DS	Disathairne
D	Dàmhair
F	Faoilleach
M	Màrt
G	Giblean

Thoir fa-near

Chan eil seòlaidhean ann air 25 Dùbhlachd agus 1 Faoilleach

Airson adhbharan sàbhailteachd, thathas ag iarraidh air luchd-siubhail a bhith air bòrd a' bhàta co-dhiù deich mionaidean mus seòl i.

Goireasan:

Bàr
Àite-bidhe
Àrdaichear airson ciorramaich



Faraidhean: Ulapul – Steòrnabhagh

Tiocaidean rin ceannach mus tig thu air bòrd

	aon slighe	faradh-dùbhailte 5 latha	6 tursan
dràibhear / fear-turais (gach aon)	£11	£19.35	£58
càr (gach fear)	£52	£87	£234
carabhan / bàta / trèilear (barrachd air 2.5m) gu 5m	£52	£87	£234
carabhan / bàta / trèilear (barrachd air 2.5m) gu 8m	£78	£131	£351
motair-baighsagal	£26	£43	£117
baidhsagal	£2	-	-

Puingean ri Dheasbad:

- * Cò a chleachdadh an clàr-ama seo?
- * An robh duine agaibh riamh air a' bhàta seo?
- * A bheil e furasta no doirbh a leantainn? Carson?

Gnìomhan don Chloinn

- * Duilleag-obrach 1 – ceistean mun chlàr-ama.
- * Duilleag-obrach 2 – ceistean mu fharaidhean.



- b. Tha clasaichean 6 agus 7 bho sgoil air an dùthaich a' dol gu Sgoil a' Mheadhain ann an Inbhir Nis airson an Dealbh-chluich ùr aig Tosg fhacinn. Tha a' chlann a' cleachdadh nan clàr-ama gu h-ìosal airson an turas aca a phlanadh

Ticeadan aig an doras, £5 do dh'inbhich, £2.50 do chloinn agus lùghdaichte Clàr-ama	A' Choille Ghrumach le Sìm MacCoinnich
Àrainn Chaluim Chille, Sléite Talla Shomhairle, Àros, Port Rìgh Talla an Achaidh Mhòir, Loch Aillse Bun-sgoil a' Mheadhain, Inbhir Nis Bun-sgoil a' Mheadhain, Inbhir Nis Bun-sgoil Inbhir Pheofharain Ionad MhicPhàil, Ulapul Bun-sgoil Tholchrois, Dùn Èideann Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne, Sruighlea Bun-sgoil Chon-dobharait Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu Sgoil Chaitligeach a' Ghearastain Ionad Coimhearsnachd Mhalaig is Mhorair Talla Ath Tharracail Bun-sgoil Chomaig Mhòir, Sgairinis, Tiriodh Bun-sgoil Bhàgh a' Chaisteil, Eilean Bharraigh Bun-sgoil Dhalabroig, Uibhist a Deas Sgoil Cheann a' Bhàigh, Uibhist a Tuath Bun-sgoil Sir E Scott, An Tairbear, Na Hearadh Talla Chàrlabhaigh, Leòdhas Bun-sgoil a' Bhac, Leòdhas Bun-sgoil Lacasdail, Steòrnabhagh Bun-sgoil Lacasdail, Steòrnabhagh	<p>Cleasaichean Carina NicLeòid Daibhidh Walker Donnchadh MacNèill Màiri Alice NicDhòmhnaill</p> <p>Stiùiriche Sìm MacCoinnich</p> <p>Dealbhaiche na stèids Allan Ross</p> <p>Dealbhaiche solais Mick Andrew</p> <p>Togail stèids Andy Laing</p> <p>Iar-mhanaidsear na stèids Morag Hepburn</p> <p>Culaidh Aodaich Donna NicLeòid</p> <p>Peantair na stèids Sally NicDhòmhnaill</p> <p>Dealbhaiche grafaigeach Andrea Hall</p> <p>Rianadair Janet Ward</p>
16 an t-Samhain 18 an t-Samhain 19 an t-Samhain 20 an t-Samhain 20 an t-Samhain 21 an t-Samhain 22 an t-Samhain 25 an t-Samhain 26 an t-Samhain 27 an t-Samhain 28 an t-Samhain 29 an t-Samhain 30 an t-Samhain 2 an Dùbhlachd 4 an Dùbhlachd 7 an Dùbhlachd 9 an Dùbhlachd 10 an Dùbhlachd 11 an Dùbhlachd 12 an Dùbhlachd 12 an Dùbhlachd 13 an Dùbhlachd 13 an Dùbhlachd	6.30f 1.30f 1.30f 11.00m 1.30f 1.30f 6.30f 1.30f 1.30f 1.30f 1.30f 1.30f 6.30f 1.30f 7.00f 7.00f 10.00m 6.30f 2.00f 10.00f 2.00f 11.00f 1.30f



Diluain gu Latha na Sàbaid

Bus Sgoil gu Stèisean A' Fàgail	A' Ruighinn	A' Fàgail	Trèan Stèisean gu Baile A' Ruighinn
06.30 DL DA DH	07.05	07.15 CLS CDS	08.10
07.00 CLS	07.35	07.40	08.35
07.35 CDS	08.00	08.10 CDS	09.05
08.35	09.00	09.10 DL DA DH	10.05
09.10	09.45	09.50 CDS	10.45
10.00 LS	10.35	10.50 DL DH	11.45
11.30	12.05	12.10	13.05
12.35 DH	13.00	13.15 CLS	14.10
13.40	14.35	14.45	15.40
14.45	15.20	15.35	16.30
16.00	16.35	16.50	17.45
17.30 CLS	18.05	18.10 CLS	19.05

Clàr-samhla

DL Diluain
 DM Dimàirt
 DC Diciadain
 DA Diardaoin
 DH Dihaoine
 DS Disathairne
 LS Latha na Sàbaid
 CDS Chan eil Disathairne
 CLS Chan eil Latha na Sàbaid
 DL DA DH Diluain, Diardaoin, Dihaoine a-mhàin
 LS Latha na Sàbaid a-mhàin
 DH Dihaoine a-mhàin



Puingean ri Dheasbad:

* Tha clàran-ama de dhiofar sheòrsaichean ann: airson siubhal agus cuideachd airson sealltainn cuin a tha rudan a' tachairt.

* Airson faighinn a-mach cuin a dh'fheumas tu falbh feumaidh tu obrachadh air ais. Mar eisimpleir, ma tha thu ag iarraidh an dealbh-chluich fhaicinn aig 11 uairean, cuin a dh'fheumas tu am baile a ruighinn? Dè an trèan, ma-tà, a dh'fheumas tu glacadh. Cuin a dh'fheumadh tu an stèisean a ruighinn airson sin a ghlacadh? Dè am bus a bheir thu dhan stèisean ann an àm?

(Thoiribh an aire: 'S e sgil feumail a tha seo agus b' fhiach e barrachd chothroman a thoirt don chloinn obrachadh air ais le na clàran-ama seo no le clàran-ama eile. Tha barrachd obrach air seo air duilleag-obrach 4.)

* Dè am fiosrachadh a gheibhear bhon t-sanas aig Tosg? (*Ainm an deilbh-chluich, cò sgrìobh e, dè tha ann, cuin agus càite am faic thu an dealbh-chluich*)

* Cò sgrìobhadair na deilbh-chluiche? (Sim MacCoinnich)

* Cia mhead turas a tha an Dealbh-chluich ga sealltainn san Eilean Sgitheanach? (2)

* Ainmich an dà dhòigh air am faigh thu fiosrachadh mu dheidhinn Tosg. (fòn no eadar-lìon)

* Cò na daoine a bhios a' cleachdadh a' chlàir-ama? (Luchd-siùbhail)

* Cò na daoine a bhios a' leughadh sanas Tosg? (clann, pàrantan, tidsearan)

Gnìomhan do na Sgoilearan

* Duilleag-obrach 3

* Coimhead air a' chlàr-ama airson an deilbh-chluich a-rithist. Càit an deigheadh an clas agadsa a dh'fhaicinn an deilbh-chluich? Am feumadh sibh siubhal a dh'àiteigin airson fhaicinn? Ciamar a gheibheadh sibh ann? Càit am faigheadh sibh clàran-ama freagarrach?

* Dèan fhèin sanas agus clàr-ama airson dealbh-chluich a bhios a' dol timcheall sgoiltean anns an roinn agad fhèin an ath mhìos. Dèan cinnteach gun toir thu seachad fiosrachadh gu leòr. Dèan liosta den fhiosrachadh a bu chòir a bhith air an t-sanas agus clàr-ama mus tòisich thu.



Freagairtean

Duilleag-obrach 1

- a. Ulapul
- b. 1. Chan urrainn
2. Chan eil bàta a' fàgail Tìr-mòr gu leth uair an dèidh deich a h-uile madainn agus cha ruig i Steòrnabhagh gu deich mionaidean an dèidh uair feasgar.
- c. 1. Cairteal an dèidh seachd
2. 25 den Dùbhlachd agus 1 den Fhaoilleach
- d. 1. Chan urrainn
2. Dimàirt, Diciadain, Diardaoin, Dihaoine
- e. Dà uair agus ceathrad mionaid.
- f. Àrdaichear
- g. Is urrainn oir tha àite-bidhe ann.
- h. 1. 'S e àm trang a tha seo do dhaoine a' siubhal do na bùithtean ron Nollaig agus do dhaoine a tha a' tilleadh dhachaigh airson na Nollaig agus na Bliadhn' Ùire. 'S e àm socair a th' ann eadar 6 den Fhaoilleach agus 1 den Mhàrt oir tha an Geamhradh ann, na h-oidhcheannan fada agus cha bhi moran dhaoine a' siubhal air làithean-saora aig an àm seo.
2. Tha an t-Earrach ann, na feasgaran nas fhaide agus luchd-turais a' tòiseachadh air siubhal.
- i. 1. 13:35
2. Feumaidh tu bhith air a' bhàt-aiseig co-dhiù 10 mionaidean mus seòl i.

Duilleag-obrach 2

- a. 1. £106.35
2. £237.35 *****
- b. £192.00
- c. 1. £13
2. Mus tèid i air bòrd a' bhàta.
- d. £86
- e. £62.05
- f. £126



Duilleag-obrach 3


- a.**
1. Diluain, Diardaoin agus Dihaoine
 2. Disathairne, Latha na Sàbaid, Dimàirt agus Diciadain
 3. Latha na Sàbaid
 - 4a) Chan fhaigh. b) Tha am bus a' falbh aig 12.35 air Dihaoine a-mhàin.
 5. 07.35
 - 6a) Chan eil. b) Uaireannan tha barrachd trafaig air an rathad no 's dòcha gu bheil e a' stad ann am barrachd àitichean.
 7. 16.00
 8. 55 mionaidean

- b.**
1. aig 09.10 u (Chan eil mòran ùine aca airson coiseachd!)
 2. còig mionaidean
 - 3a) 11.30
 - b) Bidh ùine aca coiseachd oir ruigidh iad Inbhir Nis aig 13.05 agus chan eil an dealbh-chluich a' tòiseachadh gu 13.30.

Duilleag-obrach 4

- a.** 08.55 no na bu tràithe
- b.**
1. 11.15
 2. 35 mionaidean
- c.**
1. 09.05
 2. 14.15





Clàr-ama - duilleag-obrach 1

Ainm:

Coimhead gu cùramach air a' chlàr-ama airson a' bhàt-aiseig,
Ulapul - Steòrnabhagh, agus freagair na ceistean seo.

a. Dè an cala air Tìr-mòr na h-Alba às a bheil seòlaidhean gu
Eilean Leòdhais?

b. 1. An urrainn dhut seòladh fhaighinn à Tìr-mòr air latha sam bith dhen
t-seachdain airson a bhith ann an Steòrnabhagh tràth sa mhadainn?

2. Minich do fhreagairt.

c. 1. Dè an uair a tha an t-aiseag a' fàgail Steòrnabhagh a h-uile madainn?

2. Dè an dà latha sa bhliadhna nach fhaigh thu seòlaidhean idir
à Steòrnabhagh no à Tìr-mòr?

d. 1. An urrainn dhut siubhal gu Steòrnabhagh air feasgar
Diluain 17 Gearran?

2. Dè na làithean air a bheil seòlaidhean ann feasgar gu Steòrnabhagh san t-seachdain a' tòiseachadh 3 Gearran?

e. Dè an ùine a bheir an seòladh eadar Steòrnabhagh agus Tìr-mòr?

f. Dè an goireas a tha air an aiseag seo do dhaoine a tha ciorramach?

g. An urrainn dhut biadh a cheannach air a' bhàt-aiseig seo?

h. 1. Coimhead a-nis air na seòlaidhean eadar 21 Dàmhair - 4 Faoilleach, 3 Màrt - 3 Giblean agus 6 Faoilleach - 1 Màrt.

1. Carson a tha thu a' smaointinn a tha barrachd sheòlaidhean ann bhon Dàmhair gu toiseach an Fhaoilich na tha ann bho 6 Faoilleach gu 1 Màrt?

2. Carson a tha thu a' smaointinn a tha barrachd sheòlaidhean ann a-rithist a' tòiseachadh aig toiseach a' Mhàirt?

i. 1. Ma tha thu ag iarraidh siubhal à Steòrnabhagh gu Ulapul feasgar Dimàirt, cuin a bu chòir dhut a bhith air a' bhàt-aiseig?

2. Minich do fhreagairt.



Clàr-ama - duilleag-obrach 2

Ainm:

Coimhead gu cùramach air na faraidhean airson a' bhàt-aiseig, Ulapul - Steòrnabhagh, agus freagair na ceistean seo.

a. 1. Tha dùil agad siubhal gu Steòrnabhagh agus air ais a dh'Ulapul an ceann trì latha. Dè chosgas e dhut ma bheir thu leat càr?

2. Ma bheir thu leat carabhan cuideachd (tha an carabhan 6 meatairean a dh'fhaid), dè na chosgas e dhut a-nis?

b. Tha an teaghlach MacAonghais a' siubhal à Ulapul gu Steòrnabhagh air 2 Màrt agus a' siubhal air ais a dh'Ulapul air 9 Màrt.

Tha ceathrar anns an teaghlach agus tha iad a' toirt leotha càr.

Dè chosgas an turas air fad?

c. 1. Tha Brìd ag iarraidh siubhal à Steòrnabhagh a dh'Ulapul le motarbaidhsagal. Dè an iomlaid a gheibh i à £50?

2. Cuiin a dh'fheumas i a ticead a cheannach?




d. Bidh Iain a' siubhal eadar Ulapul agus Steòrnabhagh tric le càr. Dè an sàbhaladh a nì e ma cheannaicheas e Ticead 6 Turais dha fhèin agus dhan chàr an àite sia ticeadan singilte?

e. Tha Anna agus a pàrantan, Mgr agus a' Bh.Ph. Camshron, ag iarraidh siubhal gu Steòrnabhagh air a' bhàta airson ceann-seachdain. Chan eil iad a' toirt leotha càr ach tha Anna ag iarraidh a baidhsagal a thoirt a-null. Falbhaidh iad Dihaoine agus tillidh iad Diluain. Dè bhios sin a' cosg?

f. Tha Aonghas a' dràibheadh càr le trèilear a tha 3 meatair a dh'fhaid. Dè tha aige ri phàigheadh ma tha e ag iarraidh an toirt a-null a Steòrnabhagh agus air ais a dh'Ulapul an ath sheachdain? (Cuimhnich gum feum e ticead a cheannach dha fhèin cuideachd!)





Clàr-ama - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Coimhead gu mionaideach air na clàran-ama airson siubhal bhon sgoil air a' bhus agus bhon stèisean air an trèan. Freagair na ceistean seo.

1. Dè na làithean air a bheil a' chiad bhus a' fàgail na sgoile aig leth uair an dèidh sia sa mhadainn?

2. Dè na làithean air nach eil trèan a' fàgail aig deich mionaidean an dèidh naoi sa mhadainn?

3. Dè an aon latha air am faigh thu bus aig deich uairean sa mhadainn?

4. a) Am faigh thu bus bhon sgoil air feasgar Diciadain aig còig mionaidean fichead gu uair?

b) Minich do fhreagairt.

5. Tha thu airson a bhith ann an Inbhir Nis air madainn Diluain aig naoi uairean. Cuin a dh'fheumas tu bus fhaighinn bhon sgoil airson a bhith ann an àm?

6 a) A bheil an turas air a' bhus an-còmhnaidh a' toirt an aon ùine?

b) Saoil carson a tha seo?

7. Cuin a tha am bus mu dheireadh a' fàgail airson siubhal chun na stèisein air Latha na Sàbaid?

8. Dè an ùine a bheir gach trèan a' ruighinn a' bhaile?

b. Coimhead air na clàran-ama siubhail agus air a' chlàr-ama airson an dealbh-chluich 'A' Choille Ghruamach' agus freagair na ceistean seo.

1. Tha clas 7 airson an dealbh-chluich 'A' Choille Ghruamach' fhaicinn ann an Sgoil a' Mheadhain sa mhadainn (Diciadain). Cuin a dh'fheumadh iad an sgoil aca fhèin fhàgail airson ruighinn ann an àm? (Bheir e mu chòig mionaidean an sgoil a ruighinn ann an tagsaidh no cairteal na h-uarach a' coiseachd.)

2. Dè an ùine a tha a' chlann a' feitheamh mus fhalbh an trèan aca?

3 a) Tha clas 6 airson an dealbh-chluich fhaicinn feasgar. Cuin a dh'fheumadh iadsan an sgoil aca fhèin fhàgail?

b) Am bi ùine aca coiseachd no am feum iad tagsaidh a ghabhail?



Clàr-ama - duilleag-obrach 4

Ainm:

a. Coimhead gu mionaideach air na clàran-ama seo agus obraich air ais airson na ceistean a leanas a fhreagairt.

Bus 27B Bail' Eilidh – Glaschu (Stèisean a' Mheadhain)							
A' Fàgail	07.15	08.30A	09.05	11.00 B	11.15 A	12.50	14.05A
A' Ruighinn	07.50	09.05A	09.40	11.35 B	11.50 A	13.25	14.40A

Trèan – Glaschu (Stèisean a' Mheadhain) – Dùn Èideann								
A' Fàgail	08.15A	08.45	09.15	09.45A	10.15	11.15	12.15	12.45A
A' Ruighinn	09.45A	10.15	10.45	11.15A	11.45	12.45	13.45	14.15A

Còd: A = Chan eil air Disathairne no Latha na Sàbaid
B = Disathairne a-mhàin

1. Tha Sìle a' fuireach ann am Bail' Eilidh. Tha i a' dol gu Glaschu air a' bhus Disathairne agus tha i ag iarraidh a bhith ann an Glaschu ro dheich uairean. Tha a dachaigh 10 mionaidean air falbh bho stad nam busaichean. Cuin a dh'fheumas i an taigh fhàgail?

2. Tha Peadar agus Somhairle ag iarraidh a dhol à Glaschu gu Dùn Èideann air an trèana Diciadain. Tha iad a' cluich ball-basgaid ann an Dùn Èideann aig 2.00 feasgar. Tha am bus bhon stèisean chun an ionaid-spòrs a' falbh aig 13.20.

a) Dè an trèan a dh'fheumas iad glacadh?

b) Dè cho fad 's a dh'fheumas iad feitheamh aig an stèisean ann an Dùn Èideann?



3. Tha clas 7 ann am Bun-sgoil Bhail' Eilidh a' dol air turas-sgoile Dihaoine gu Dùn Èideann a dh'fhaicinn a' chaisteil. Feumaidh iad a bhith aig a' chaisteal aig 12.00 agus tha e a' toirt leth uair a thìde airson coiseachd bhon stèisean chun a' chaisteil.

a) Dè am bus a bu chòir dhaibh fhaighinn à Bail' Eilidh?

b) Ma chailleas iad am bus sin, cuin a ruigeas iad an caisteal?



Ulapul – Steòrnabhagh

	Ulapul a' fàgail	Steòrnabhagh a' ruighinn	Steòrnabhagh a' fàgail	Ulapul a' ruighinn
DL-DS 21D-4F agus 3M-3G	-----	-----	0715	0955
	1030	1310	1345	1625
	1730	2010	-----	-----
	-----	-----	1230A	1510A
	1545A	1825A	-----	-----
	a' fàgail -----	a' ruighinn -----	a' fàgail 0715	a' ruighinn 0955
DL-DS 6F-IM	1030	1310	1345B	1625B
	1730B	2010B	-----	-----

Còd

A	Seòlaidhean air 26 Dùbhlachd agus 2 Faoilleach a-mhàin
B	Chan eil seòlaidhean ann air Diluain agus Disathairne
DL	Diluain
DS	Disathairne
D	Dàmhair
F	Faoilleach
M	Màrt
G	Giblean

Thoir fa-near

Chan eil seòlaidhean ann air 25 Dùbhlachd agus 1 Faoilleach

Airson adhbharan sàbhailteachd, thathas ag iarraidh air luchd-siubhail a bhith air bòrd a' bhàta co-dhiù deich mionaidean mus seòl i.

Goireasan:

Bàr
Àite-bidhe
Àrdaichear airson ciorramaich

Faraidhean: Ulapul – Steòrnabhagh

Tiocaidean rin ceannach mus tig thu air bòrd

	aon slighe	faradh-dùbhailte 5 latha	6 tursan
draibhear / fear-turais (gach aon)	£11	£19.35	£58
càr (gach fear)	£52	£87	£234
carabhan / bàta / trèilear (barrachd air 2.5m) gu 5m	£52	£87	£234
carabhan / bàta / trèilear (barrachd air 2.5m) gu 8m	£78	£131	£351
motarbaidhsagal	£26	£43	£117
baidhsagal	£2	-	-



Bileagan-fiosrachaidh / Cuairt-litrichean





Ro-ràdh

Aig ìre D, bidh fios aig a' chloinn gun gabh teacsaichean eadar-dhealaichte a leughadh ann an dòighean eadar-dhealaichte. Uaireannan chan fheum iad a h-uile facal de theacs a leughadh bho thoiseach gu deireadh. Ann an leughadh airson fiosrachadh, bu chòir fios a bhith aca air mar a chuidicheas dreach an teacs iad am fiosrachadh a tha iad ag iarraidh a lorg: mar eisimpleir, clàr-innse, clàr-amais, tiotalan, fo-thiotalan is eile. Ann an sgrìobhadh, feumaidh iad feum a dhèanamh den eòlas seo gus bileagan-fiosrachaidh soilleir, inntinneach, tarraingeach a chur ri chèile.

Stiùireadh do Thidsearan:

Anns an aonad seo tha trì bileagan-fiosrachaidh le puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan airson an cuideachadh le bhith a' leughadh agus a' sgrìobhadh bileagan-fiosrachaidh.

- Dèan cruinneachadh de bhileagan-fiosrachaidh anns a' chlasrum gus am faigh a' chlann cothrom coimhead air mar a tha iad air an cur ri chèile, dè seòrsa dreach a thathar a' cleachdadh, dè seòrsa fiosrachaidh a tha air a thoirt seachad annta agus mar sin air adhart. 'S dòcha gum faigh sibh feadhainn bho oifis na turasachd, bho chompanaidhean anns a' choimhearsnachd, bho bhùithtean agus bhuidhnean carthannais. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin litrichean no puist-dealain a sgrìobhadh gu buidhnean no companaidhean le iarrtasan airson bileagan-fiosrachaidh. *(Faic an appendix aig deireadh an aonaid seo airson seòlaidhean bhuidhnean aig a bheil bileagan-fiosrachaidh Gàidhlig.)*
- Bruidhinn mun diofar eadar bileag-fiosrachaidh agus leabhar fiosrachaidh. Mar as trice tha barrachd mion-chunntais ann an leabhar na ann am bileag oir tha barrachd dhuilleagan ann agus tha dreach eadar-dhealaichte orra.
- Bruidhinn mun diofar eadar bileagan fiosrachaidh agus cuairt-litrichean. Tha tòrr aca ann an cumantas, gu h-àraidh a thaobh an dreach, ach tha cuairt-litir nas coltaiche ri pàipear-naidheachd beag le naidheachdan agus aithrisean goirid agus thig i a-mach gu riaghailteach. Cha tig bileagan-fiosrachaidh a-mach gu riaghailteach agus tha an sgrìobhadh annta a' feuchainn ri toirt air na leughadairean rudeigin a dhèanamh, no a' feuchainn ri rudeigin a theagasg dhaibh.



- Coimhead air cuid de na bileagan fiosrachaidh a tha sibh air a chruinneachadh.
Càit an do lorg sibh na bileagan-fiosrachaidh seo?
Carson a tha iad ann?
Cò an luchd-amais?
Ciamar a tha am fiosrachadh air a thaisbeanadh?
A bheil iad a' glacadh sùil an luchd-amais?
Ciamar a tha iad gan glacadh?

- Coimhead air na dòighean anns a bheil am fiosrachadh air a chur sìos:
Ann an sgrìobhadh a-mhàin?
A bheil dealbhan ann?
Mapaichean?
Clàran?
Diagraman?
Clàran-srutha?

(Tha eisimpleirean de gach fear dhiubh seo anns an aonad – Dòighean air Fiosrachadh a Shealltainn)

- A bheil an sgrìobhadh air a chur sìos
 - Ann am paragrafan?
 - Ann an captions?
 - Le tiotal agus fo-thiotalan?
 - Ann an ceistean agus freagairtean?
 - Le puingeagan-comharrachaidh?
 - Ann an liosta?
- Dè an stoidhle a thathar a' cleachdadh? Foirmeil/neo-fhoirmeil?
Trom/aotrom? Earailleach?
A bheil thu a' smaoinneachadh gu bheil an stoidhle seo freagarrach?
Carson?
- Iarr air a' chloinn liosta a sgrìobhadh de chòig rudan a tha iad a' smaointinn a tha cudromach ann am bileag fiosrachaidh. (Atharraich an àireamh a rèir comas nan sgoilearan.) Nuair a tha iad uile deiseil, dèan 'brainstorm' air a' bhòrd-dhubh. Seo cuid de na rudan a dh'fhaodadh a bhith anns an liosta.

Tiotal / dealbh a sheallas cuspair na bileig
Paragraf goirid airson cuspair a thoirt a-steach
Fiosrachadh air a chur sìos ann an dòigh tarraingeach
Stoidhle freagarrach don luchd-amais agus don chuspair
Prìomh phuingeagan mun chuspair
Furasta a leantainn
Stiùireadh air ciamar a gheibhear a-mach barrachd mun chuspair.



a. Seo pàirt de bhileag-fiosrachaidh a chuir a' bhuidheann carthannais Oxfam a-mach.

Ciamar a tha Oxfam a' dèanamh deagh fheum dhan dà not agadsa?

Ciamar a chuidicheas dìreach dà not sa mhìos daoine bochda?



Craobhan a chur

San latha an-diugh, cha cheannaich dà not mòran. Ma bheir thusa dà not sa mhìos do Oxfam, cuidichidh sin daoine bochda a tha ag obrachadh cho cruaidh airson gu faigh iad deagh fheum às an airgead seo. Cuidichidh an t-airgead seo 670 craobh òg a chur.

Uisge Glan airson aon Choimhearsnachd

Ann an Sudan, cuidichidh dà not sa mhìos gus innealan a cheannach airson tobar a chladhach às an tig uisge sàbhailte, glan.

Trèanadh airson dà obraiche slàinte

Ann am Bangladeis, cuidichidh dà not sa mhìos gus dà obraiche slàinte a thrèanadh. Shàbhaileadh seo beatha cheudan dhaoine.

Tha Trung airson leughadh ionnsachadh

'S e foghlam anns an sgoil a chòrdadh ri Trung. Chan eil airgead aig a phàrantan airson Trung a chuideachadh. An cuidich thusa e?

Puingean ri Dheasbad:

- Co mu dheidhinn a tha a' bhileag seo?
- Carson a chaidh a sgrìobhadh?
- Cò an luchd-amais?
- A bheil i furasta a leantainn?
- Dè an stoidhle anns a bheil i air a sgrìobhadh? (persuasive)
- Dè tha a dhìth air a' bhileig seo? (fiosrachadh air co thuige a bu chòir dhut airgead a chur)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 1
- Dèan rannsachadh air buidhinn carthannais eile, no dèan suas buidheann carthannais mas-fhìor. Dèan plana airson bileag-fiosrachaidh mun bhuidhinn sin.



Smaoinich air d' adhbhar airson sgrìobhadh agus air an luchd-amais. Ciamar a chuireas tu am fiosrachadh thairis gu soilleir agus gu h-èifeachdach? Nuair a tha do phlana deiseil, sgrìobh a' bhileag. Cuimhnich a dèanamh tarraingeach agus inntinneach. (Dh'fhaodadh sgoilearan obrachadh air seo leotha fhèin no ann am buidhnean beaga.)

b. Seo bileag le fiosrachadh mu Phàrlamaid na h-Alba.

Pàrlamaid na h-Alba

Tha sinn a' cluinntinn tòrr anns na naidheachdan mu Phàrlamaid na h-Alba, mun Phrìomh Mhinistear agus mu Bhuill Pàrlamaid. Ach cò iad agus dè tha iad a' dèanamh? Leugh air adhart airson barrachd fhaighinn a-mach.

Cò na prìomh phearsachan ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Tha 129 buill thaghte ann am Pàrlamaid na h-Alba, ris an canar na **Buill Pàrlamaid Albannach (BPA)**. Tha a' Phàrlamaid a' taghadh aon de na BPA airson a bhith na **Oifigear Riaghlaidh**. Tha dà **Leas-oifigear Riaghlaidh** ann cuideachd.

'S e obair an Oifigeir Riaghlaidh agus an dà Leas-oifigeir:

- A bhith a' stiùireadh choinneamhan Pàrlamaid
- A bhith a' gairm is a' stiùireadh choinneamhan Biùro na Pàrlamaid
- A bhith a' tighinn gu co-dhùnadh air ceistean sam bith a thaobh riaghailtean obrach na Pàrlamaid
- A bhith a' riochdachadh na Pàrlamaid ann an conaltradh le buidhnean pàrlamaid agus riaghaltasan eile.

An e an aon rud a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba?

Chan e. 'S e am pàrtaidh, no na pàrtaidhean, aig a bheil a' chuid as motha de sheataichean anns a' Phàrlamaid a bhios a' riaghladh. 'S e Riaghaltas na h-Alba an t-ainm a th' orra. Tha seo a' gabhail a-steach na leanas:

- **Am Prìomh Mhinistear** – Tha ball ga mholadh le na BPA eile airson a bhith na Phrìomh Mhinistear agus tha a' Bhànrigh ga ainmeachadh gu h-oifigeil.
- **Oifigearan Lagha na h-Alba** – Tha dà Oifigear Lagha Albannach ann, am Morair Tagraidh agus Àrd-neach Lagha a' Chrùin agus tha iad nam pàirt de Riaghaltas na h-Alba. Bidh iad a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air cùisean laghail agus bidh iad a' riochdachadh an Riaghaltais anns a' chùirt.
- **Ministearan Albannach** - 'S e am Prìomh Mhinistear a dh'ainmicheas na Ministearan Albannach, a chanas co mhead a bhios ann dhiubh agus dè na h-uallaichean, no cùraman roinne, a bhios aca, m.e. Ministear an Fhoghlaim, Ministear na h-Àrainneachd.



Ciamar a tha a' Phàrlamaid ag obair?

Tha a' Phàrlamaid ag obair ann an dà phrìomh dhòigh:

tro:-

- làn choinneamhan (ris an canar "coinneamh Pàrlamaid"), far am faod na 129 buill air fad a bhith an làthair agus
- coinneamhan comataidh (buidhnean nas lugha)

Dè th' ann an Seisean Phàrlamaideach?

Tha seisean slàn a' leantainn ceithir bliadhna bho thaghadh coitcheann. Às dèidh seo tha a' Phàrlamaid ga sgaoileadh agus tha taghadh coitcheann eile ga chumail. Faodar taghadh coitcheann a chumail mus tig na ceithir bliadhna gu ceann, ach cha tachair seo ach ann an suidheachaidhean àraidh, mar eisimpleir, ma tha bhòt cion-earbsa ann an aghaidh an Riaghaltais.

Cuin a bhios a' Phàrlamaid a' coinneachadh?

Faodaidh a' Phàrlamaid coinneachadh air latha coinneachaidh sam bith ann an seachdain àbhaisteach na Pàrlamaid, mar a leanas:

- Diluain: 14:30 – 17:30
- Dimàirt – Diardaoin: 09:30 – 17:30
- Dihaoine: 09:30 – 12:30

Cha bhì a' Phàrlamaid shlàn a' coinneachadh aig an aon àm ri comataidh. Mar sin, tha na h-uairean air an roinn mar a leanas:

- Fad an latha Dimàirt agus madainn Diciadain – comataidhean
- Feasgar Diciadain agus fad an latha Diardaoin – coinneamhan den Phàrlamaid Shlàn

Faodaidh a' Phàrlamaid suidhe nas fhaide na 17:30 air Diluain gu Diardaoin no 12:30 Dihaoine ann an suidheachaidhean àraidh, mar eisimpleir airson crìoch a chur air bhòt nach tèid a chur air ais gu latha eile.

Tha ùine, air a bheil **Àm Co-Dhùnaidh**, aig deireadh coinneimh Pàrlamaid. Mar as trice bidh seo a' tòiseachadh aig 17:00 air Diciadain agus Diardaoin. Seo an t-àm aig am bi a' Phàrlamaid a' bhòtadh air ceistean a bha mun coinneimh air an latha sin.

A bheil thu airson barrachd fhaighinn a-mach??

Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mun Phàrlamaid ma thadhlas tu air ar làrach-lìn aig www.scottish.parliament.uk/gaidhlig no mar chuireas tu fios chun na **Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich**:

Fòn: 0131 348 5000

Facs: 0131 348 5415

Post-D: Gaidhlig@scottish.parliament.uk

Litir: Public Information Service,

Pàrlamaid na h-Alba,

Dùn Èideann, EH99 1SP

A' Togail do Ghuth ann am Pàrlamaid na h-Alba.
Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.



Puingean ri Dheasbad:

- Co mu dheidhinn a tha a' bhileag seo?
- Saoil carson a chaidh a sgrìobhadh?
- Co aig a bhios ùidh innte?
- A bheil am fiosrachadh furasta a thuigsinn?
- Dè an dreach a th' air a' bhileig?
- A bheil an dreach seo na chuideachadh don leughadair, nad bheachd-sa?
- Carson a tha tiotalan agus fo-thiotalan ann?
- Carson a tha clò trom ann?
- Dè nì thu ma tha thu airson barrachd fhaighinn a-mach mun Phàrlamaid?

Stiùireadh do Thidsearan:

Mus iarr thu air a' chloinn na duilleagan-obrach a dhèanamh, seall dhaibh mar a chleachdas iad tiotalan agus fo-thiotalan gus an earrann as freagarraiche den teacs a lorg.

Airson **duilleag-obrach 3**, brosnach a' chlann gus an earrann cheart a lorg gus dèanamh cinnteach gun leugh iad gu leòr. Nuair a tha a h-uile duine deiseil, bruidhinn mu dheidhinn **carson** a thagh iad gach freagairt. Cuidichidh seo clann aig an robh duilgheadasan leis an duilleag-obrach.

Dh'fhaodadh buidheann de sgoilearan litir no post-dealain a sgrìobhadh airson barrachd fiosrachadh mun Phàrlamaid fhaighinn, no dh'fhaodadh iad tadhal air an làraich-lìn airson faicinn mar a tha sin air a chur ri chèile.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 2, 3 agus 4
- Ma tha taghadh coitcheann dìreach seachad no gus a bhith ann, dh'fhaodadh na sgoilearan coimhead air bileagan-fiosrachaidh nan tagraichean.
Dh'fhaodadh iad leigeil orra gu bheil iad fhèin a' dol a sheasamh anns an taghadh agus bileagan a sgrìobhadh airson sealltainn carson a bu chòir daoine bhòtadh air an son.
- Dèan plana airson bileag mun sgoil agad no mun chlub anns a bheil thu nad bhall.
Smaoinich air dè am fiosrachadh a bhiodh feumail anns a' bhileig agus seòrsaich am fiosrachadh sin a-mach le fo-thiotal agus paragraf ùr airson gach puing eadar-dhealaichte.
Cuimhnich a dhèanamh inntinneach is tarraingeach agus seall ciamar a gheibh leughadairean barrachd a-mach mu dheidhinn ma tha iad ag iarraidh. (*Dh'fhaodadh sgoilearan obair còmhla air seo ann am buidhnean beaga no còmhla ri caraid.*)



C. Cuairt-litir: Ma bhios an sgoil agaibh a' foillseachadh cuairt-litir, bidh fios aig a' chloinn dè th' innte. Dh'fhaodadh sibh tè fhaighinn bho bhuidhinn mar Stòrlann no Sabhal Mòr Ostaig (faic appendix) mar eisimpleir de chuairt-litir sa Ghàidhlig. Leig leis a' chloinn coimhead air cuairt-litir no dhà airson greis agus an uair sin iarr orra mìneachadh den fhacal 'cuairt-litir' a sgrìobhadh. Seo puingean ri dheasbad:

- Dè tha ann an cuairt-litir?
- Dè cho tric 's a thig i a-mach?
- Co dha a tha i?
- Dè an seòrsa fiosrachaidh a th' innte - naidheachdan, fiosrachadh mu thachartasan, fiosrachadh mu dhaoine ùra, clàr-ama ...?
- Dè an dreach a th' oirre – sgrìobhadh ann am paragrafan, *bullet points*, clò trom, clò eadailteach, sgrìobhadh ann an diofar mheudan, dealbhan, dealbhan èibhinn, diagraman, clàran ...?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Coimhead air cuairt-litir na sgoile no air cuairt-litir eile. Sgrìobh do bheachdan oirre. Tha ceistean airson cuideachadh leis an seo air **duilleag-obrach 5**.
- Sgrìobh fhèin aithris ghoirid airson cuairt-litir na sgoile mu dheidhinn rudeigin a thachair, no rudeigin a tha a' dol a thachairt, mu thidsear ùr no mu phròiseact air a bheil thu ag obair anns an sgoil.

d. Seo earrann bho bhileag-fiosrachaidh mu dheidhinn àitichean le fiadh-bheatha is seallaidhean air Taobh Siar Rois is Chataibh. Tha an earrann seo mu dheidhinn làraich ann an sgìre Dhiùranais. (*Gheibh sibh a' bhileag air fad bho Dhualchas Nàdair na h-Alba – faic Appendix*).



Cladach an Iar-Thuath

ÀITICHEAN LE FIADH-BHEATHA IS SEALLAIDHEAN AIR
TAOBH SIAR ROIS IS CHATAIBH

SAN FHARSAINGEACHD

Tha dreach na tìre air Cladach an Iar-Thuath cho sònraichte ri càil ann an Alba a thaobh mòrachd, farsaingeachd is iomallachd. San sgìre seo tha rubhannan fosgailte, lochan-mara le taobhannan casa agus bàghan fasnach. Tha srathan coillteach ann a bheir duine a-steach dhan dùthaich agus tha lochan beaga is mòra air feadh na sgìre. Tha a' mhòr-chuid de bhailtean ris a' chladach, agus tha na croitean, le achannan a' ruith suas is sìos bho na taighean, agus na togalaichean air sealladh sònraichte a thoirt air an tìr.

Tha na creagan as sine ann an Alba, Lewisian gneiss, a tha trì billean bliadhna a dh'aois, san sgìre. Tha mòran lus is sheallaidhean ann air sgàth na tha ann de sheòrsachan chreagan. Tha i a' dèanamh tòrr uisge san sgìre agus tha na samhraidhean an ìre mhath fionnar agus na geamhraidhean ciùin.


Tha an ceangal eadar an talamh, a' mhuir agus an t-adhar air cladach an iar-thuath air sealladh tìre a thoirt dhuinn a dh'fhaodas ar toileachadh, togail inntinn a thoirt dhuinn no, uaireannan, eagal a chur oirnn. Ma choimheadas duine gu faiceallach, tha cothrom ann fiadh-bheatha de iomadh sheòrsa fhaicinn na àrainn nàdarra.

LUCHD-TADHAIL

Tha fàilte ro luchd-tadhail air feadh Cladach an Iar-thuath, ach feumaidh duine a bhith faiceallach air a h-uile ceum is cuairt fad na h-ùine. Chan eil a h-uile gin air a bheil iomradh an seo freagarrach dha gach duine. Cuideachd, faodaidh a h-uile duine aig a bheil ùidh annta sùil a thoirt air beul nan uamhan ach cha bu chòir a dhol a-steach annta ach daoine le trèanadh agus uidheamachd cheart.

Tha an talamh air a riaghladh ann an iomadh dòigh a tha a' cumail obraichean san sgìre agus a tha cuideachd a' cur taic ri gach seòrsa fiadh-bheatha a tha ann. Cùm cuimhne air an seo mus dèan thu càil. Cùm smachd air coin cuideachd anns gach àite, ach gu h-àraidh aig àm breith nan uan sa Ghiblean agus sa Chèitean.

Gu meal sibh an fhiadh-bheatha agus an dùthaich air Cladach an Iar-thuath!




TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Bheir na maor-choille fiosrachadh do luchd-turais agus do mhuinntir an àite agus bidh iad a' cur chuaritean is rudan eile air dòigh. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios chun nam maor-choille ann an Diùranais:

Diùranais 01971 – 511756

'S e Bòrd Turasachd na Gaidhealtachd 's nan Eilean a tha a' ruith Ionadan Fiosrachaidh an Luchd-Turais. Cuir fios chun na h-oifis ann an Diùranais airson fiosrachadh mu àitichean-tadhail, cur-seachadan agus àitichean-fuirich:

Diùranais 01971 – 511259




(Mapaichean le Wendy Price Cartographics, North Kessock " 2003)

1 Loch Eireabol agus Srath Beag

'S e loch-mara domhain a tha ann an Loch Eireabol a bha uair air a chleachdadh mar acarsaid dhan chabhlach. Tha feur bho chloich-aoil bheartaich air an taobh an ear. Air an taobh an iar tha a' chlach-èiteig a' ciallachadh gu bheil barrachd searbhaig anns na tha fàs. Tha iomadh làrach airceòlaid san sgìre. Tha An Srath Beag aig ceann an locha far a bheil beagan de choille dhùthchasaich fhathast air na bearraidhean.

2 Uamh Smudha

Tha an uamh seo de chloich-aoil aig ceann bàgh cumhang. Tha 30m/100 troigh de leud san t-slighe a-steach innte. Tha raineach agus lusan eile a tha measail air aol san uaimh as fhaide muigh. Tha seann lagais ann cuideachd. Mar sin dh'fhaodadh gun robh daoine a' fuireach an seo ri Linn na Cloiche. Tha staran fiodha a' dol a-steach dhan uamh agus chì duine a-steach dhan dara seòmar far a bheil Allt Smudha a' tighinn tro



tholl sa mhullach. As t-samhradh tha eathar a' toirt dhaoine air chuairt dhan uamh agus chun na h-easa.

3 Baile na Cill' agus Ceann Fharaid

Tha Baile na Cill' sònraichte airson na tha ann de chloich-aoil Dhiùranais agus na lusan a tha co-cheangailte ri the. Tha Ceann Fharaid air cùl tràigh Bhaile na Cill'. 'S e rubha cumhang a tha seo le botaichean, feur-cladaich agus bearraidhean casa. As t-samhradh chithear iomadh dìthean àlainn, cuid a tha gu math tearc, mar sòbhrag na h-Alba agus gealag nan àirnean. Tha Seirbheis nam Maor-Choille ag obair à Ionad an Luchd-turais ann an Diùranais.

4 Am Parbh



Tha iomadh lus-cladaich a' fàs timcheall air A' Pharbh. 'S e Clò Mòr an stac dìreach as àirde air tìr mòr Bhreatainn agus tha an t-uabhas eòin-mhara a' gintinn air. Fad an t-samhraidh bidh Seirbheis nam Maor-Choille (Peithirean) a' cur chuairtean-coise air dòigh on taigh-sholais gu Bàgh Chearbhaig far am faicear a' bhiast-dhubh. Tha an rubha mun Pharbh ga chleachdadh mar raon airson toirm-shligean. Gheibh daoine ann air aiseig à Cealldail agus air bus beag, ged nach eil am bus a' ruith ach as t-samhradh agus nuair a tha an raon dùinte. Gheibhear fiosrachadh air uairean an aiseig agus air bacadh inntidh o Oifis a' Phuist no o Ionad an Luchd-turais ann an Diùranais.

5 Bàgh Sheannabhaid

Tha ceum 6.5 cilemeatar/4 mìle gu bàgh àlainn air a bheil Bàgh Sheannabhaid. Chan eil dòigh air faighinn ann ach le coiseachd. Tha an ceum a' fàgail an rathaid mhòir aig a' Bhlàr Mhòr agus tha e a' dol tarsainn na mòintich far am faicear lusan agus ainmhidhean na mòintich. Tha botaichean agus machair timcheall an locha agus tha siaban a' toirt buaidh air talamh na mòintich. Tha lusan nach fhaicear tric a' fàs an seo, mar an raineach rioghail agus machall-monaidh.




6 Aisir Mòr, Aisir Beag agus an Seigra

Tha machraichean mu na bàghan seo air feadhainn cho beartach 's a tha air tìr mòr Bhreatainn. Tha còrr is 200 seòrsa dìthean a' fàs an seo agus tha a h-uile seòrsa dath ann tràth as t-samhradh. Tha na lusan seo a' tighinn beò le na seann dòighean àiteachais a tha aig croitearan na sgìre.



(A' Ghàidhlig le Catriona Mhoireach)

Dualchas Nàdair na h-Alba, Sgìre Ceann a Tuath na Gaidhealtachd,
17 Sràid Pholtanaidh, ULAPUL, Ros an Iar, IV26 2UP



Puingean ri Dheasbad:

- Dè a' bhuidheann a sgrìobh a' bhileag seo agus carson?
- Cò an luchd-amais?
- Dè seòrsa fiosrachaidh a tha ann? (sgrìobhadh, mapa, dealbhan-camara)
- A bheil am fiosrachadh air a shealltainn ann an dòigh tarraingeach?
- A bheil am fiosrachadh furasta a leantainn?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 5 - (*Dh'fhaodadh a' chlann ceist C a fhreagairt mun bhileig shlàin no dìreach mun earrainn seo; tha na freagairtean airson ceist A agus B uile anns an earrainn gu h-àrd.*)
- Cleachd am fiosrachadh anns a' bhileag seo airson postair a dhealbhadh gus daoine a tharraing gu Sgìre Dhiùranais.
- Ag obair le caraid no ann am buidhinn, cuiribh ri chèile bileag-fiosrachaidh airson àite air a bheil sibhse eòlach: ur baile, ur coimhearsnachd, ur sgìre, pàirc no togalach inntinneach faisg air làimh. Dèanaibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a chuireas sibh dhan bhileig inntinneach agus fìor! Smaoinichibh air ciamar a chuireas sibh am fiosrachadh ri chèile airson bileag tharraingeach, inntinneach a dhèanamh. Smaoinichibh air na diofar sheòrsaichean fiosrachaidh a dh'fhaodadh sibh cleachdadh. Dèanaibh cinnteach gun seall sibh ciamar a gheibh daoine barrachd fiosrachaidh ma tha iad ga iarraidh. Coimheadaibh a-rithist air bileagan-fiosrachaidh bhon ionad turasachd airson beachdan eile fhaighinn.



e. Seo sanas-naidheachd mu shreath de phrògraman telebhisein. 'S e sanas-naidheachd fiosrachadh a tha air a chur gu pàipearan-naidheachd, rèidio agus telebhisean mu dheidhinn tachartas no rudeigin, gus am faigh tòrr dhaoine a-mach mu dheidhinn. Mar sin, 's e sgrìobhadh *earaileach* a th' ann.

Comataidh Craolaidh Gàidhlig

Sanas-naidheachd

An Solas Buan

Sreath de phrògraman ùra

air

Telebhisean Grampian

A' tòiseachadh 4 Lùnastal aig 6.30f

Riochdaire agus stiùiriche – Calum Mac Ìseig



Fiosrachadh mun Phrògram:

1. Tha an t-sreath seo de shia prògraman a' toirt sùil air mar a chaidh taighean-solais Alba a leasachadh agus a thogail. Tha an Solas Buan gar toirt air cuairt-adhair timcheall cladaichean bòidheach agus iomallach gus coimhead air taighean-solais cho annasach 's a chaidh riamh a thogail.
2. Tha na prògraman a' toirt sùil air mar a thug aon teaghlach de dh'innleadairean, na Stevensons, dreach ùr air eachdraidh-mara na dùthcha. Dh'fhàg iad togalaichean luachmhor a tha fhathast ag obair mar thaighean-solais ach a tha cuideachd mar chuimhne air an cuid ealain.
3. Ann an aon phrògram, chì sinn nach eil daoine air na taighean-solais a-nise mar a bha uaireigin. Tha na taighean-solais air an ruith le coimpiutairean ann an seòmair-stiùiridh ann an Dùn Èideann. Tha teicneòlas ùr air a chleachdadh agus tha cuid de na togalaichean an impis a bhith air an atharrachadh gu cumhachd na grèine.
4. Ann am prògraman eile, cluinnidh sinn gun deach iomadach bàta a dhìth air cladaichean cunnartach Alba tro na linntean. B' ann gus seo a leasachadh a chaidh Achd Pàrlamaid a ghairm ann an 1786 airson ceithir taighean-solais a thogail air na cladaichean a bu mhiosa. Chuir a' bhuidheann a chaidh a chur air chois airson coimhead thairis air an obair, an earbsa ann an aon duine, Tòmas Mac a' Ghobhainn, gobha à Dùn Èideann. Chuir a' bhuidheann romhpa taighean-solais a thogail aig Rudha Chinnaird faisg air a' Bhruaich, Ronaldsay a Tuath an Arcaibh, an t-Eilean Glas ann an Scalpaigh na Hearadh, agus Maol Chinntire. An dèidh sin thog iad Pladaigh agus Sgeirean a' Chairbh.

**An Solas Buan – a' tòiseachadh 4 Lùnastal aig
6.30f air Telebhisean Grampian**



Puingean ri Dheasbad:

- Cò a tha a' leigeil ma sgaoil an sanas-naidheachd agus carson?
- Co thuige a chuireas iad an sanas-naidheachd nad bheachd-sa?
- Dè prìomh chuspair nam prògraman?
- Saoil carson a thagh an companaidh telebhisein an cuspair seo airson prògraman?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 6
- Ma tha cuirm-chiùil gu bhith anns an sgoil no tachartas eile, dh'fhaodadh a' chlann fiosrachadh mun tachartas a sgrìobhadh ann an stoidhle sanas-naidheachd. Dèan cinnteach gun tuig iad an diofar eadar seo agus postair. Dh'fhaodadh iad an dà chuid fheuchainn airson an diofar fhaicinn gu soilleir.



Appendix – seòlaidhean airson bileagan-fiosrachaidh Gàidhlig fhaighinn:

Ged nach eil am fiosrachadh anns a h-uile bileag seo sgrìobhte do chlann, seallaidh iad dhaibh gu bheil bileagan-fiosrachaidh Gàidhlig ann agus dè seòrsa dreach a th' orra.

Sabhal Mòr Ostaig

Slèite

An t-Eilean Sgitheanach

IV44 8RQ

Post-dealain: smOOani@groupwise.uhi.ac.uk

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Ionad Chearsiadair

Cearsiadar

Na Lochan

Eilean Leòdhais

HS2 9QA

Post-dealain: oifis@storlann.co.uk

Dualchas Nàdair na h-Alba

Sgìre Ceann a Tuath na h-Alba

17 Sràid Pholtanaidh

ULAPUL

Ros an Iar

IV26 2UP

Comunn na Gàidhlig

5 Caolshràid Mhìcheil

Inbhir Nis

IV2 3 HQ

Post-dealain: oifis@cnag.org.uk

Pàrlamaid na h-Alba

Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich

Post-D: Gaidhlig@scottish.parliament.uk

Fèis na Gàidhealtachd

An Caisteal

Inbhir Nis

01463 719000


ButeLive – gheibhear fiosrachadh mun fhèis seo bho:

Ionad Taisgeulach Eilein Bhòid

(Oifis na Turasachd)

Post D: info@rothesay.visitscotland.com





Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 1

Ainm:

Coimhead a-rithist air a' bhileag-fiosrachaidh le Oxfam agus freagair na ceistean seo.

1. Dè tha thu a' smaoineachadh a tha ann an Oxfam?
2. Carson a tha Oxfam a' cur a-mach an t-sandais seo?
3. Leugh a' chiad pharagraf gu cùramach.
Ciamar a tha Oxfam a' feuchainn ri toirt ort beagan airgid a thoirt seachad do dhaoine bochda?
4. Ainmich dà rud feumail a gheibh daoine bochda ma thèid airgead a thoirt dhaibh.
5. Carson a tha thu a' smaoineachadh a bhiodh e riatanach airgead a thoirt seachad airson clann bhoichd a chuideachadh?

6. Coimhead air meudachd agus air diofar stoidhle clò-bhuailidh anns a' bhileig. Carson a tha thu a' smaointinn a chaidh a sgrìobhadh mar seo?


7. Dè a' bhuidh a tha aig na dealbhan air an leughadair?

8. Tha trì ceistean anns a' bhileig seo. Ath-sgrìobh a' cheist do **nach eil** freagairt anns a' bhileig.

9. Nad bheachd-sa, an toir a' bhileag seo air daoine airgead a thoirt do Oxfam?

Bheir / Cha toir
Mìnich do fhreagairt.





Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 2

Ainm:

Coimhead air a' bhileag-fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba. Leugh i gu luath mur do leugh thu mu thràth i. An uair sin cleachd na tiotalan, fo-thiotalan agus faclan ann an clò trom airson do chuideachadh gus am fiosrachadh a lorg gu luath airson na beàrnan seo a lìonadh.

1. Tha Oifigear Riaghlaidh Pàrlamaid na h-Alba air a thaghadh le buill na

.....

2. 'S e pàirt den obair aig an Oifigear Riaghlaidh a bhith agus

..... coinneamhan na Pàrlamaid.

3. Tha na BPA a' moladh aon airson a bhith na Phrìomh

Mhinistear agus tha ga ainmeachadh gu h-oifigeil.

4. Gheibh Riaghaltas na h-Alba mu dheidhinn an lagh bho

Oifigearan Lagha na h-Alba. 'S iad agus

.....

5. Aig coinneimh Pàrlamaid, bidh BPA cruinn còmhla.

6. As dèidh taghadh coitcheann, tha seisean Phàrlamaideach ann airson
..... bliadhna.

7. Tha làn chead aig a' Phàrlamaid
latha sam bith, ach cha bhi coinneamh aice ma tha na
a' coinneachadh.

8. Bidh a' Phàrlamaid a' suidhe nas fhaide ma dh'fheumas iad
a chrìochnachadh.

9. Aig còig uairean feasgar Diciadain agus Diardaoin tha àm
aig deireadh coinneimh Pàrlamaid.



Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 3

Ainm:

Coimhead air a' bhileag-fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba. Sgrìobh sìos **ceart** no **ceàrr** no **chan eil fiosrachadh gu leòr ann** mu choinneimh gach seantans.

1. Bidh an t-Oifigear-Riaghlaidh a' bruidhinn às leth na Pàrlamaid ri riaghaltasan eile.

2. Bidh an t-Oifigear-Riaghlaidh a' taghadh an dà leas-oifigeir.

3. Canaidh sinn Riaghaltas na h-Alba ris a' phàrtaidh no ri na pàrtaidhean aig a bheil a' chuid as motha de sheataichean anns a' Phàrlamaid.

4. Tha ball ga mholadh leis an Oifigear-Riaghlaidh airson a bhith na Phrìomh Mhinistear.

5. Tha a' Bhànrigh ag ainmeachadh a' Phrìomh Mhinistear gu h-oifigeil ann an Lunnainn.

6. Tha Ministear an Fhoghlaim air ainmeachadh leis a' Phrìomh Mhinistear.

7. Bidh na buill Pàrlamaid gu lèir an làthair aig coinneimh comataidh.

8. Bidh coinneamhan slàn den Phàrlamaid ann feasgar Diciadain agus Diardaoin.



Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 4

Ainm:

a. Seo tuilleadh cheistean mu Phàrlamaid na h-Alba. Tha cuid de na freagairtean rim faotainn anns a' bhileig, ach feumaidh tu rannsachadh a dhèanamh airson feadhainn eile a fhreagairt.

1. Sgrìobh sìos dà rud a bhios an t-Oifigear-Riaghlaidh a' dèanamh.
2. Cò a chanas cia mheud Ministear Albannach a bhios ann?
3. Dè an dà dhòigh àraidh anns a bheil a' Phàrlamaid ag obrachadh?
4. Ciamar a dh'fhaodar taghadh-coitcheann a chumail mus tig seisean slàn na Pàrlamaid gu ceann?
5. Faigh a-mach cò am BPA a tha a' riochdachadh na sgìre agadsa.
6. A bheil do BhPA na b(h)all de phàrtaidh poileataigeach?
Ma tha, dè am pàrtaidh?



b. Seo faclan a nochd anns a' bhileig-fiosrachaidh. Sgrìobh mìneachadh, ann an Gàidhlig, airson:

Buill

Coinneamhan

A' gairm

Conaltradh

A' riochdachadh

Na h-uallaichean

Taghadh coitcheann

Cion-earbsa

A' bhòtadh



Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 5

Ainm:

a. Coimhead air an earrainn agus air a' mhapa bho bhileag-fiosrachaidh Dualchas Nàdair na h-Alba agus freagair na ceistean seo.

1. Tha e ag ràdh fo 'Luchd-Tadhail' *'Chan eil a h-uile gin air a bheil iomradh an seo freagarrach dha gach duine.'* Carson?

2. Carson a tha àireamhan air a' mhapa?

3. Càite a bheil Seirbheis nam Maor-Choille anns an sgìre seo?

4. An urrainn dhut càr a thoirt gu Bàgh Sheannabhaid?
Minich do fhreagairt.

5. Cuir crìoch air an t-seantans: 'S e deagh àite-tadhail a th' ann an Sgìre Dhiùranais gu h-àraidh airson daoine aig a bheil ùidh ann an

.....

b. Leugh am fiosrachadh mu dheidhinn làraich 1 – 6 agus freagair na ceistean seo:

1. Dè chitheadh tu nan deigheadh tu gu làrach 2 air a' mhapa?

2. Dè bhios a' tachairt aig làrach 2 as t-samhradh?

3. Sgrìobh dà rud àraidh mu làrach 4.



4. Saoil dè an t-àm den bhliadhna as fheàrr airson na machraichean aig làrach 6 fhaicinn?
Minich do fhreagairt.

5. Dè an làrach a b' fheàrr leatsa fhaicinn?
Minich do fhreagairt.

C. 1. Dè anns a' bhileag-fiosrachaidh seo a bheireadh ortsa tadhail air Cladach an Iar-Thuath? Cuir cearcall mu na rudan a tha tarraingeach, nad bheachd-sa:

am fiosrachadh sgrìobhte na dealbhan an stoidhle-sgrìobhaidh

am mapa an dreach rudeigin eile


2. A bheil càil anns a' bhileig a bheireadh ort gun a bhith tadhail air? Ma tha, dè?



Bileagan-fiosrachaidh – Duilleag-obrach 6

Ainm:

a. Leugh an sanas-naidheachd mun t-sreath 'An Solas Buan' agus freagair na ceistean.



1. Sgrìobh sìos trì rudan a tha a' dèanamh an t-sanais-naidheachd seo tarraingeach agus furasta a leughadh.

2. An e ' An Solas Buan' deagh ainm airson an t-sreath phrògraman seo? Minich do fhreagairt.

3. Saoil carson a thagh an companaidh telebhisein an cuspair seo airson prògraman?

4. Co aige a bhios ùidh anns an t-sreath?

5. Dè anns an t-Sanas a bheireadh ortsa coimhead air na prògraman?

b. Leugh am fiosrachadh mu na prògraman agus sgrìobh fìrinn no beachd airson gach abairt seo:

1. Chaidh taighean-solais a thogail air cladaichean iomallach.

.....



2. Dh'atharraich na Stevensons eachdraidh-mara na dùthcha barrachd air daoine sam bith eile.

3. Tha taighean-solais an latha an-diugh air an ruith le coimpiutairean.

4. Tha na taighean-solais air a ruith nas fheàrr leis an teicneòlas ùr na bha iad nuair a bha daoine ag obair annta.

5. Chaidh tòrr bhàtaichean a chall air cladaichean Alba mus robh taighean-solais ann.

6. Thathar an dùil gun obraich taighean-solais le cumhachd na grèine san àm ri teachd.

C. Faigh am facal anns an fhiosrachadh mu na prògraman airson nan abairtean no nam faclan a leanas:

Fad air falbh (paragraf 1)

Priseil (paragraf 2)

Daoine a bhios a' togail agus a' dealbhadh (paragraf 2)

Obair (paragraf 2)

A' toirt creideas do chuideigin (paragraf 4)

Cuideigin a nì agus a chàireas rudan air an dèanamh le

iarann (para. 4)



Ciamar a tha Oxfam a' dèanamh deagh fheum dhan dà not agadsa?

Ciamar a chuidicheas dìreach dà not sa mhìos daoine bochda?



Craobhan a chur

San latha an-diugh, cha cheannaich dà not mòran. Ma bheir thusa dà not sa mhìos do Oxfam, cuidichidh sin daoine bochda a tha ag obrachadh cho cruaidh airson gu faigh iad deagh fheum às an airgead seo. Cuidichidh an t-airgead seo 670 craobh òg a chur.

Uisge Glan airson aon Choimhearsnachd

Ann an Sudan, cuidichidh dà not sa mhìos gus innealan a cheannach airson tobar a chladhach às an tig uisge sàbhailte, glan.

Trèanadh airson dà obraiche slàinte

Ann am Bangladeis, cuidichidh dà not sa mhìos gus dà obraiche slàinte a thrèanadh. Shàbhaileadh seo beatha cheudan dhaoine.

Tha Trung airson leughadh ionnsachadh

'S e foghlam anns an sgoil a chòrdadh ri Trung. Chan eil airgead aig a phàrantan airson Trung a chuideachadh. An cuidich thusa e?



Pàrlamaid na h-Alba

Tha sinn a' cluinntinn tòrr anns na naidheachdan mu Phàrlamaid na h-Alba, mun Phrìomh Mhinistear agus mu Bhuill Pàrlamaid. Ach cò iad agus dè tha iad a' dèanamh? Leugh air adhart airson barrachd fhaighinn a-mach.

Cò na prìomh phearsachan ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Tha 129 buill thaghte ann am Pàrlamaid na h-Alba, ris an canar na **Buill Pàrlamaid Albannach (BPA)**. Tha a' Phàrlamaid a' taghadh aon de na BPA airson a bhith na **Oifigear Riaghlaidh**. Tha dà **Leas-oifigear Riaghlaidh** ann cuideachd.

'S e obair an Oifigeir Riaghlaidh agus an dà Leas-oifigeir:

- A bhith a' stiùireadh choinneamhan Pàrlamaid
- A bhith a' gairm is a' stiùireadh choinneamhan Biùro na Pàrlamaid
- A bhith a' tighinn gu co-dhùnadh air ceistean sam bith a thaobh riaghailtean obrach na Pàrlamaid
- A bhith a' riochdachadh na Pàrlamaid ann an conaltradh le buidhnean pàrlamaid agus riaghaltasan eile.

An e an aon rud a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba?

Chan e. 'S e am pàrtaidh, no na pàrtaidhean, aig a bheil a' chuid as motha de sheataichean anns a' Phàrlamaid a bhios a' riaghladh. 'S e Riaghaltas na h-Alba an t-ainm a th' orra. Tha seo a' gabhail a-steach na leanas:

- **Am Prìomh Mhinistear** – Tha ball ga mholadh le na BPA eile airson a bhith na Phrìomh Mhinistear agus tha a' Bhànrigh ga ainmeachadh gu h-oifigeil.
- **Oifigearan Lagha na h-Alba** – Tha dà Oifigear Lagha Albannach ann, am Morair Tagraidh agus Àrd-neach Lagha a' Chrùn agus tha iad nam pàirt de Riaghaltas na h-Alba. Bidh iad a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air cùisean laghail agus bidh iad a' riochdachadh an Riaghaltais anns a' chùirt.
- **Ministearan Albannach** - 'S e am Prìomh Mhinistear a dh'ainmicheas na Ministearan Albannach, a chanas co mhead a bhios ann dhiubh agus dè na h-uallaichean, no cùraman roinne, a bhios aca, m.e. Ministear an Fhoghlaim, Ministear na h-Àrainneachd.



Ciamar a tha a' Phàrlamaid ag obair?

Tha a' Phàrlamaid ag obair ann an dà phrìomh dhòigh:

tro:-

- làn choinneamhan (ris an canar "coinneamh Pàrlamaid"), far am faod na 129 buill air fad a bhith an làthair agus
- coinneamhan comataidh (buidhnean nas lugha)

Dè th' ann an Seisean Phàrlamaideach?

Tha seisean slàn a' leantainn ceithir bliadhna bho thaghadh coitcheann. Às dèidh seo tha a' Phàrlamaid ga sgaoileadh agus tha taghadh coitcheann eile ga chumail. Faodar taghadh coitcheann a chumail mus tig na ceithir bliadhna gu ceann, ach cha tachair seo ach ann an suidheachaidhean àraidh, mar eisimpleir, ma tha bhòt cion-earbsa ann an aghaidh an Rìaghaltais.

Cuin a bhios a' Phàrlamaid a' coinneachadh?

Faodaidh a' Phàrlamaid coinneachadh air latha coinneachaidh sam bith ann an seachdain àbhaisteach na Pàrlamaid, mar a leanas:

- Diluain: 14:30 – 17:30
- Dimàirt – Diardaoin: 09:30 – 17:30
- Dihaoine: 09:30 – 12:30

Cha bhi a' Phàrlamaid shlàn a' coinneachadh aig an aon àm ri comataidh. Mar sin, tha na h-uairean air an roinn mar a leanas:

- Fad an latha Dimàirt agus madainn Diciadain – comataidhean
- Feasgar Diciadain agus fad an latha Diardaoin – coinneamhan den Phàrlamaid Shlàn

Faodaidh a' Phàrlamaid suidhe nas fhaide na 17:30 air Diluain gu Diardaoin no 12:30 Dihaoine ann an suidheachaidhean àraidh, mar eisimpleir airson crìoch a chur air bhòt nach tèid a chur air ais gu latha eile.

Tha ùine, air a bheil **Àm Co-Dhùnaidh**, aig deireadh coinneimh Pàrlamaid. Mar as trice bidh seo a' tòiseachadh aig 17:00 air Diciadain agus Diardaoin. Seo an t-àm aig am bi a' Phàrlamaid a' bhòtadh air ceistean a bha mun coinneimh air an latha sin.

A bheil thu airson barrachd fhaighinn a-mach??

Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mun Phàrlamaid ma thadhlas tu air ar làrach-lìn aig www.scottish.parliament.uk/gaidhlig no mar chuireas tu fios chun na **Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich**:

Fòn: 0131 348 5000

Facs: 0131 348 5415

Post-D: Gaidhlig@scottish.parliament.uk

Litir: Public Information Service,

Pàrlamaid na h-Alba,

Dùn Èideann, EH99 1SP

A' Togail do Ghuth ann am Pàrlamaid na h-Alba.
Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.



Cladach an Iar-Thuath

ÀITICHEAN LE FIADH-BHEATHA IS SEALLAIDHEAN AIR
TAOBH SIAR ROIS IS CHATAIBH

SAN FHARSAINGEACHD

Tha dreach na tìre air Cladach an Iar-Thuath cho sònraichte ri càil ann an Alba a thaobh mòrachd, farsaingeachd is iomallachd. San sgìre seo tha rubhannan fosgailte, lochan-mara le taobhannan casa agus bàghan fàsach. Tha srathan coillteach ann a bheir duine a-steach dhan dùthaich agus tha lochan beaga is mòra air feadh na sgìre. Tha a' mhòr-chuid de bhailtean ris a' chladach, agus tha na croitean, le achannan a' ruith suas is sìos bho na taighean, agus na togalaichean air sealladh sònraichte a thoirt air an tìr.

Tha na creagan as sine ann an Alba, Lewisian gneiss, a tha trì billean bliadhna a dh'aois, san sgìre. Tha mòran lus is sheallaidhean ann air sgàth na tha ann de sheòrsachan chreagan. Tha i a' dèanamh tòrr uisge san sgìre agus tha na samhraidhean an ìre mhath fionnar agus na geamhraidhean ciùin.

Tha an ceangal eadar an talamh, a' mhuir agus an t-adhar air cladach an iar-thuath air sealladh tìre a thoirt dhuinn a dh'fhaodas ar toileachadh, togail inntinn a thoirt dhuinn no, uaireannan, eagal a chur oirnn. Ma choimheadas duine gu faiceallach, tha cothrom ann fiadh-bheatha de iomadh sheòrsa fhaicinn na àrainn nàdarra.

LUCHD-TADHAIL

Tha fàilte ro luchd-tadhail air feadh Cladach an Iar-thuath, ach feumaidh duine a bhith faiceallach air a h-uile ceum is cuairt fad na h-ùine. Chan eil a h-uile gin air a bheil iomradh an seo freagarrach dha gach duine. Cuideachd, faodaidh a h-uile duine aig a bheil ùidh annta sùil a thoirt air beul nan uamhan ach cha bu chòir a dhol a-steach annta ach daoine le trèanadh agus uidheamachd cheart.

Tha an talamh air a riaghladh ann an iomadh dòigh a tha a' cumail obraichean san sgìre agus a tha cuideachd a' cur taic ri gach seòrsa fiadh-bheatha a tha ann. Cùm cuimhne air an seo mus dèan thu càil. Cùm smachd air coin cuideachd anns gach àite, ach gu h-àraidh aig àm breith nan uan sa Ghiblean agus sa Chèitean.

Gu meal sibh an fhiadh-bheatha agus an dùthaich air Cladach an Iar-thuath!




TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Bheir na maor-choille fiosrachadh do luchd-turais agus do mhuinntir an àite agus bidh iad a' cur chuairtean is rudan eile air dòigh. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios chun nam maor-choille ann an Diùranais:

Diùranais 01971 – 511756

'S e Bòrd Turasachd na Gaidhealtachd 's nan Eilean a tha a' ruith Ionadan Fiosrachaidh an Luchd-Turais. Cuir fios chun na h-oifis ann an Diùranais airson fiosrachadh mu àitichean-tadhail, cur-seachadan agus àitichean-fuirich:

Diùranais 01971 – 511259




1 Loch Eireabol agus Srath Beag

'S e loch-mara domhain a tha ann an Loch Eireabol a bha uair air a chleachdadh mar acarsaid dhan chabhlach. Tha feur bho chloich-aoil bheartaich air an taobh an ear. Air an taobh an iar tha a' chlach-èiteig a' ciallachadh gu bheil barrachd searbhag anns na tha fàs. Tha iomadh làrach airceòlaid san sgìre. Tha An Srath Beag aig ceann an locha far a bheil beagan de choille dhùthchasaich fhathast air na bearraidhean.

2 Uamh Smudha

Tha an uamh seo de chloich-aoil aig ceann bàgh cumhang. Tha 30m/100 troigh de leud san t-slighe a-steach innte. Tha raineach agus lusan eile a tha measail air aol san uaimh as fhaide muigh. Tha seann lagais ann cuideachd. Mar sin dh'fhaodadh gun robh daoine a' fuireach an seo ri Linn na Cloiche. Tha staran fiodha a' dol a-steach dhan uamh agus chì duine a-steach dhan dara seòmar far a bheil Allt Smudha a' tighinn tro



tholl sa mhullach. As t-samhradh tha eathar a' toirt dhaoine air chuairt dhan uamh agus chun na h-easa.

3 Baile na Cill' agus Ceann Fharaid

Tha Baile na Cill' sònraichte airson na tha ann de chloich-aoil Dhiùranais agus na lusan a tha co-cheangailte rithe. Tha Ceann Fharaid air cùl tràigh Bhaile na Cill'. 'S e rubha cumhang a tha seo le botaichean, feur-cladaich agus bearraidhean casa. As t-samhradh chithear iomadh dìthean àlainn, cuid a tha gu math tearc, mar sòbhrag na h-Alba agus gealag nan àirnean. Tha Seirbheis nam Maor-Choille ag obair à Ionad an Luchd-turais ann an Diùranais.

4 Am Parbh



Tha iomadh lus-cladaich a' fàs timcheall air A' Pharbh. 'S e Clò Mòr an stac dìreach as àirde air tìr mòr Bhreatainn agus tha an t-uabhas eòin-mhara a' gintinn air. Fad an t-samhraidh bidh Seirbheis nam Maor-Choille (Peithirean) a' cur chuairtean-coise air dòigh on taigh-sholais gu Bàgh Chearbhaig far am faicear a' bhiast-dhubh. Tha an rubha mun Pharbh ga chleachdadh mar raon airson toirm-shlìgean. Gheibh daoine ann air aiseig à Cealldail agus air bus beag, ged nach eil am bus a' ruith ach as t-samhradh agus nuair a tha an raon dùinte. Gheibhear fiosrachadh air uairean an aiseig agus air bacadh inntidh o Oifis a' Phuist no o Ionad an Luchd-turais ann an Diùranais.

5 Bàgh Sheannabhaid

Tha ceum 6.5 cilemeatar/4 mìle gu bàgh àlainn air a bheil Bàgh Sheannabhaid. Chan eil dòigh air faighinn ann ach le coiseachd. Tha an ceum a' fàgail an rathaid mhòir aig a' Bhlàr Mhòr agus tha e a' dol tarsainn na mòintich far am faicear lusan agus ainmhidhean na mòintich. Tha botaichean agus machair timcheall an locha agus tha siaban a' toirt buaidh air talamh na mòintich. Tha lusan nach fhaicear tric a' fàs an seo, mar an raineach rioghail agus machall-monaidh.



6 Aisir Mòr, Aisir Beag agus an Seigra

Tha machraichean mu na bàghan seo air feadhainn cho beartach 's a tha air tìr mòr Bhreatainn. Tha còrr is 200 seòrsa dìthean a' fàs an seo agus tha a h-uile seòrsa dath ann tràth as t-samhradh. Tha na lusan seo a' tighinn beò le na seann dòighean àiteachais a tha aig croitearan na sgìre.



(A' Ghàidhlig le Catriona Mhoireach)

Dualchas Nàdair na h-Alba, Sgìre Ceann a Tuath na Gaidhealtachd,
17 Sràid Pholtanaidh, ULAPUL, Ros an Iar, IV26 2UP



Comataidh Craolaidh Gàidhlig

Sanas-naidheachd

An Solas Buan

Sreath de phrògraman ùra
air

Telebhisean Grampian

A' tòiseachadh 4 Lùnastal aig 6.30f

Riochdaire agus stiùiriche - Calum Mac Ìseig



Fiosrachadh mun Phrògram:

1. Tha an t-sreath seo de shia prògraman a' toirt sùil air mar a chaidh taighean-solais Alba a leasachadh agus a thogail. Tha an Solas Buan gar toirt air cuairt-adhair timcheall cladaichean bòidheach agus iomallach gus coimhead air taighean-solais cho annasach 's a chaidh riamh a thogail.
2. Tha na prògraman a' toirt sùil air mar a thug aon teaghlach de dh'innleadairean, na Stevensons, dreach ùr air eachdraidh-mara na dùthcha. Dh'fhàg iad togalaichean luachmhor a tha fhathast ag obair mar thaighean-solais ach a tha cuideachd mar chuimhne air an cuid ealain.
3. Ann an aon phrògram, chì sinn nach eil daoine air na taighean-solais a-nise mar a bha uaireigin. Tha na taighean-solais air an ruith le coimpiutairean ann an seòmar-stiùiridh ann an Dùn Èideann. Tha teicneòlas ùr air a chleachdadh agus tha cuid de na togalaichean an ìmpis a bhith air an atharrachadh gu cumhachd na grèine.
4. Ann am prògraman eile, cluinnidh sinn gun deach iomadach bàta a dhith air cladaichean cunnartach Alba tro na linntean. B' ann gus seo a leasachadh a chaidh Achd Pàrlamaid a ghairm ann an 1786 airson ceithir taighean-solais a thogail air na cladaichean a bu mhiosa. Chuir a' bhuidheann a chaidh a chur air chois airson coimhead thairis air an obair, an earbsa ann an aon duine, Tòmas Mac a' Ghobhainn, gobha à Dùn Èideann. Chuir a' bhuidheann romhpa taighean-solais a thogail aig Rudha Chinnaird faisg air a' Bhruaich, Ronaldsay a Tuath an Arcaibh, an t-Eilean Glas ann an Scalpaigh na Hearadh, agus Maol Chinntire. An dèidh sin thog iad Pladaigh agus Sgeirean a' Chairbh.

**An Solas Buan – a' tòiseachadh 4 Lùnastal aig
6.30f air Telebhisean Grampian**





Freagairtean Bileagan-fiosrachaidh

Duilleag-obrach 1

1. Buidheann Carthannais
2. Tha iad airson daoine ann an dùthchannan bochda a chuideachadh le a bhith a' cruinneachadh airgead.
3. Tha iad ag ràdh nach ceannaich dà not mòran san latha an-diugh ach gu bheil e feumail do Oxfam.
4. Uisge glan, obraichean slàinte
5. Chuidicheadh beagan airgid foghlam a thoirt do chlann bhochda.
6. Airson d' aire a thoirt gu puingeann sònraichte.
7. Coimheadaidh daoine air dealbhan an toiseach mus leugh iad an teacsa.
Tha iomhaighean mar seo a' toirt buaidh chumhachdach air an leughadair.
8. 'An cuidich thusa e?'
9. Beachdan nan sgoilearan fhèin

Duilleag-obrach 2

1. Pàrlamaid
2. a' stiùireadh, a' gairm
3. bhall, a' Bhànrigh
4. comhairle, am Morair Tagraidh, Àrd-neach Lagha a' Chrùin
5. 129 / a h-uile
6. ceithir
7. coinneachadh, comataidh
8. bhòt
9. co-dhùnaidh

Duilleag-obrach 3

- | | | |
|----------|-------------------------------------|----------|
| 1. ceart | 2. Chan eil fiosrachadh gu leòr ann | 3. Ceart |
| 4. ceàrr | 5. Chan eil fiosrachadh gu leòr ann | 6. Ceart |
| 7. ceàrr | 8. ceart | |

Duilleag-obrach 4

1. A' stiùireadh choinneamhan den Phàrlamaid agus a' tighinn gu co-dhùnadh air ceistean sam bith a thaobh riaghailtean obrach na Pàrlamaid.
2. Am Prìomh Mhinistear
3. Tro làn choinneamhan far am faod na 129 buill a bhith an làthair agus tro choinneamhan comataidh.
4. Ma tha bhòt cion-earbsa ann an aghaidh an Riaghaltais.
5. ...
6.

b.

1. Buill - Daoine air an taghadh airson a bhith sa Phàrlamaid
2. A' gairm - Ag èigheach
3. Conaltradh – bruidhinn
4. a' riochdachadh - a' bruidhinn às leth
5. na h-uallaichean – na rudan air am bi e/i ag obair
6. taghadh coitcheann – àm nuair a bhios muinntir na dùthcha a' bhòtadh airson am Buill-Phàrlamaid
7. cion-earbsa – dìth chreideis, teagamh mu dheidhinn comasan
8. a' bhòtadh – a' taghadh, a' roghnachadh, a' sealltainn dè tha iad ag iarraidh

Duilleag-obrach 5

a.

1. Tha iad ag iarraidh gum bi a h-uile duine sàbhailte agus nach fheuch daoine rudan air nach eil iad comasach.
2. Airson sealltainn càite bheil na làraich anns an teacs.
3. Ann an Diùranais
4. Chan urrainn. Chan eil rathad a' dol ann, dìreach ceum.
5. Nàdar/ eòin/ lusan/ creagan no freagairt sam bith eile a tha freagarrach!

b.

1. Uaimh Smudha
2. Tha eathar a' toirt daoine air chuairt dhan uaimh agus chun na h-easa.
3. Tha an stac dìreach as àirde air tìr mòr Bhreatainn ann agus tha tòrr eòin-mhara rim faicinn ann.
4. tràth as t-samhradh. Tha na machraichean làn fhlùraichean dathte.
5. Beachdan nan sgoilearan fhèin

c.

1. Agus 2 Beachdan nan sgoilearan fhèin

Duilleag-obrach 6

b.

1. Litrichean mòra, dealbhan, sgrìobhadh eadailteach, trom
2. 'S e. Tha e mu dheidhinn solais ann an taighean-solais nach tèid às idir.
3. Beachdan nan sgoilearan / Tha taighean-solais cudromach ann an Alba / Tha ùidh aig tòrr dhaoine ann an taighean-solais / Tha tòrr dhaoine a' fuireach faisg air a' mhuir)



4. Daoine aig a bheil ùidh ann an eachdraidh, saidheans, innleadaireachd, anns an teaghlach Stevenson no anns a' mhuir
5. Beachdan nan sgoilearan fhèin

b.

1. firinn
2. beachd
3. firinn
4. beachd
5. firinn
6. firinn

c.

iomallach
luachmhor
innleadairean
ealain



Dòighean eile
air fiosrachadh
a shealltainn





Ro-ràdh

Ann an teacsaichean fiosrachaidh tha fiosrachadh air a shealltainn ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte a bharrachd air faclan a-mhàin. A rèir an stiùiridh nàiseanta airson Gàidhlig, aig Ìre D feumaidh sgoilearan ‘a bhith a’ faicinn cho feumail ’s a tha e caochladh dhòighean a bhith gan cleachdadh gus fiosrachadh a thional agus a chur an cèill; clàir-srutha, meatragsan, stòir-dhàta, nòtaichean, diagraman.’

Anns an aonad seo tha eisimpleirean de dhiofar dhòighean anns an gabh fiosrachadh a thional ann an leughadh agus anns an gabh a thaisbeanadh ann an sgrìobhadh nan sgoilearan.

I. Dealbhan / mapaichean / diagraman:

Teacsaichean feumail:

- Tha dealbhan tric feumail ann an teacsaichean fiosrachaidh. Tha e cudromach gun ionnsaich sgoilearan a bhith a’ coimhead gu geur air dealbhan airson fiosrachadh mionaideach a lorg agus gum faigh iad brosnachadh seo a dhèanamh. Tha e cudromach cuideachd gun ionnsaich iad dè seòrsa dhealbhan a tha feumail nuair a tha iad fhèin a’ sgrìobhadh neo-fhicsean, gus nach cosg iad ùine a’ dèanamh dhealbhan nach eil a’ freagairt an adhbhair sgrìobhaidh.
- Dh’fhaodadh sibh *brainstorm* a dhèanamh de sheòrsaichean teacsa anns am bi dealbhan a’ nochdadh: (m.e. dealbhan-camara agus dealbhan eile ann an leabhraichean eachdraidh no cruinn-eòlais, postairean agus sanasan-reic, diagraman ann an stiùireadh, dealbhan-camara ann am bileagan fiosrachaidh agus aithisgean naidheachd)

Gabhaidh teacs fiosrachaidh dealbhaichte sam bith a chleachdadh, mar eisimpleir:

- Pàipearan-naidheachd
- Irisean
- Postairean
- Bileagan-fiosrachaidh bhon oifis turasachd no bho bhuidhnean carthannais
- Leabhraichean eachdraidh (m.e. Fuadach nan Gàidheal, Alba ri Linn Bhrus, Alba san Dara Cogadh (uile Wayland/ Acair))
- Leabhraichean cruinn-eòlais (m.e. Atlas airson Alba (Acair/PRG 1995), Canada (Acair 1998))
- Cairtean SCA (Tha na pacaichean Dealain agus Uair, Fàs agus Atharrachadh gu h-àraidh math airson diagraman)
- Cairtean anns na pacaichean Aonad Àrainneachd 1 agus Aonad Àrainneachd 2



Stiùireadh do Thidsearan:

Faigh eisimpleirean de dhiofar sheòrsaichean teacsa le dealbhan, dealbhan-camara, mapaichean agus diagraman annta agus bruidhinn mu dheidhinn gach tè leis a' bhuidhinn leughaidh no leis a' chlas air fad.

Seo ceistean a dh'fhaodadh a bhith cuideachail:

- Dè seòrsa dealbhan a th' ann? (dealbhan-camara, diagraman, dealbhan-èibhinn, mapaichean etc)
- Carson a tha iad ann?
 - Airson sùil an leughadair a ghlacadh?
 - Airson an teacs a dhèanamh nas fhurasta ri thuigsinn?
 - Airson fiosrachadh a shealltainn ann an dòigh cunbhalach?
 - Airson tòrr fiosrachaidh a shealltainn ann am beagan fhaclan?
 - Airson an teacs a dhèanamh nas tarraingeach don luchd-amais?
- A bheil iad a' cuideachadh le bhith a' cur an fhiosrachaidh an cèill?
- (Airson diagram) Dè tha an diagram a' sealltainn? A bheil e furasta ri thuigsinn?
- Dè cho furasta 's a bhiodh e an aon fhiosrachadh a shealltainn ann am facail a-mhàin?

Brosnaich a' chlann gu bhith a' coimhead gu cùramach air dealbhan den h-uile seòrsa ann an teacsaichean fiosrachaidh a tha iad a' leughadh, agus a bhith a' cur nan ceistean seo riutha fhèin. Cuidichidh seo iad a bhith a' taghadh dhealbhan freagarrach airson an sgrìobhaidh aca fhèin.

Eisimpleir A – dealbh camara

Coimhead air an dealbh-camara air còmhdach an leabhair Fuadach nan Gàidheal. Tha ceistean mun dealbh seo air **duilleag-obrach 1**

Faighnich dhan chloinn a bheil iad ag aontachadh leis an abairt 'Chan innis camara breug.' Ionnsaichidh sinn tòrr bho dhealbhan camara, gu h-àraidh rudan mionaideach air nach eil iomradh air a thoirt ann an dòighean eile, ach 's dòcha nach fhaic sinn an sgeul air fad. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum bi luchd-deasachaidh a' taghadh dhealbhan a sheallas na tha iad ag iarraidh sealltainn.

Eisimpleir B – dealbhan eile

Brosnaich a' chlann gu bhith a' faighneachd cheistean dhaibh fhèin mu dheidhinn dealbhan airson an sgilean rannsachaidh a leudachadh.

Coimhead air an dealbh air td. 14 –15 de Fuadach nan Gàidheal agus bruidhinn mu na rudan a sheallas an dealbh. Seo ceistean airson cuideachadh:

Dè seòrsa mullaich a bh' air taighean Gàidhealach anns an 17mh linn?

Dè seòrsa uinneagan a bh' anns na taighean?

Saoil co ris a bhiodh e coltach fuireach ann am fear de na taighean seo?

Dè an obair a rinn boireannaich anns na glinn aig an àm seo?

Dè na beathaichean a bha aig daoine?

Dè seòrsa aodaich a bh' orra?

Ciamar a bhiodh iad a' nighe an cuid aodaich?


Dè bhiodh iad a' cleachdadh airson treabhadh?

Dè rinn iad le feur?

Tha ballachan-cloiche timcheall air tòrr de na togalaichean. Saoil carson?

Càit an robh àirighean?

Ciamar a bhiodh iad a' giùlan rudan bho àite gu àite?



Gnìomhan do na Sgoilearan:

* **Duilleag-obrach 2** (ceistean mun dealbh air td. 28 agus 38)

* Coimhead cuideachd air dealbhan eile anns an leabhar seo agus faighnich ceistean mun deidhinn.

Eisimpleir C – dealbh ann an sanas-reic

Bruidhinn mu dheidhinn an àite a tha aig dealbhan ann an sanasachd agus *propaganda*.

Dèan cinnteach gun tuig a' chlànn gum faod dealbhan claon-bheachdan a shealltainn anns an aon dòigh ri sgrìobhadh.

* Coimhead air an dealbh de bhoireannach air td. 32 den leabhar Alba san Dara Cogadh le Rìseard Dargie (*Wayland/ PRG 1997*) agus bruidhinn mu dheidhinn nan dòighean anns a bheil an dealbh a' toirt air boireannaich a bhith ag iarraidh obair ann am factaraidhean:

- boireannach a' coimhead fallain, toilichte, treun
- solas timcheall oirre; latha brèagha
- tòrr phlèanaichean agus thancaichean a' tighinn a-mach às an ffactoraidh

An uair sin bruidhinn mu dheidhinn rudan nach eil an dealbh a' sealltainn:

- factoraidh faramach, mì-thlachdmhor
- obair dhoirbh
- plèanaichean agus tancaichean ag adhbhrachadh bàs agus pian

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Obraich ann am buidhinn no còmhla ri caraaid. Dèan dà dhealbh den aon àite: fear a chleachdadh tu airson daoine a tharraing dhan àite airson làithean-saora, agus fear a chleachdadh tu airson gearain ris a' chomhairle mu dheidhinn rudan a tha ceàrr anns an àite. Dèan plana mus tòisich thu le notaichean de na rudan a sheallas tu agus nach seall thu anns an dà dhealbh.

* Coimhead air sanas-reic sam bith còmhla ri caraaid. Bruidhinn mu dheidhinn nan dòighean anns a bheil an dealbh air a chleachdadh airson toirt air an luchd-leughaidh an rud a cheannach no a dhèanamh. (m.e. daoine a tha a' coimhead fallain agus àlainn, daoine ainmeil, aodainn thoilichte, dathan soilleir, deàlrach, rud a' coimhead nas motha na tha e ann am fìrinn, dealbh nach eil a' sealltainn rudan a tha ceàrr mun rud)

* Tagh sanas-reic a tha a' feuchainn ri toirt ort rudeigin a cheannach. Dèan fhèin dealbh den rud a bheireadh air an luchd-leughaidh gun a bhith ga cheannach. (m.e. aodann brònach an àite aodainn thoilichte, dathan gruamach an àite dathan soilleir...)

Eisimpleir D – diagram

Tha diofar sheòrsaichean de dhiagram a' nochdadh ann an teacsaichean neo-fhicsean, gu h-àraidh ann an stiùireadh agus mineachadh. Anns an earrann seo tha eisimpleirean de dhiofar sheòrsaichean de dhiagram. (Dh'fhaodadh leth-bhreac den duilleig seo a bhith aig na sgoilearan.)

Airson gach fear, dèan cinnteach gun tuig na sgoilearan:-

- dè tha e a' sealltainn
- carson a chaidh a chleachdadh

Chì iad seo gu soilleir ma dh'iarraas tu orra an aon fhiosrachadh a shealltainn ann am faclan a-mhàin.



Chan eil diagraman gu feum anns a h-uile teacs mìneachaidh no anns a h-uile pìos stiùiridh, ach faodaidh iad fiosrachadh a chur an cèill ann an dòigh cunbhalach soilleir. Brosnaich a' chlann diagraman a chleachdadh ma tha iad freagarrach, nuair a tha iad a' sgrìobhadh aithisg, mìneachadh no stiùireadh.

Seall air an diagram air td. 11 den leabhar **Fuadach nan Gàidheal**. Seo seòrsa eile de dhiagram, a tha a' sealltainn mar a dh'atharraich àireamhan. Seall don chloinn mar a bhiodh am fiosrachadh seo a' coimhead ann am faclan agus figearan a-mhàin. Tha an diofar nas fhurasta fhaicinn nuair a nochdas na figearan ann an riochd deilbh. Tha an diagram seo rud beag coltach ri *graf paidh (piechart)* (faic gu h-ìosal)

Diagraman:- Gníomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 3
- Sgrìobh stiùireadh airson fear de na rudan seo, a' cleachdadh dhiagram airson am fiosrachadh a shealltainn gu soilleir.
 - Seo mar a nì thu taigh-sneachda
 - Seo mar a nì thu itealag
 - Seo mar a nì thu cuairt-dealain airson bolg a lasadh.
- Dèan rannsachadh air beathach agus sgrìobh aithisg mu dheidhinn airson daoine nach eil idir eòlach air a' bheathach sin. Cleachd co-dhiù aon diagram nad aithisg.
- Sgrìobh mìneachadh air fear de na rudan seo, a' cleachdadh dhiagram freagarrach airson am fiosrachadh a shealltainn ann an dòigh soilleir.
 - Co às a thig uisge?
 - Ciamar a tha baidhsagal ag obrachadh?
 - Ciamar a tha lus a' fàs?


Teacsaichean feumail eile:

- Tha tòrr stiùiridh agus mìneachaidh le diagraman anns na cairtean Uair, Fàs agus Atharrachadh. Dh'fhaodadh a' chlann tè de na cairtean seo fheuchainn agus am beachdan mu na diagraman annta a chur air pàipear.
 - Ma tha a' chlann a' dèanamh pròiseact air eachdraidh, gheibh iad tòrr chothroman diagraman a leantainn agus a dhèanamh anns a' phac Dealan.
 - Tha diagraman feumail anns an leabhar Slàn, Fallain airson obair air slàinte. Dh'fhaodadh a' chlann feuchainn rèidioagram a dhèanamh airson sealltainn, mar eisimpleir, mar a bhios na sgamhanan ag obrachadh; no dh'fhaodadh iad mìneachadh a sgrìobhadh airson fear de na diagraman anns an leabhar sin.
 - Tha tòrr dhiagraman cuideachd anns a' phac Aonad Àrainneachd 2 ; mar eisimpleir cairt 5.7 (Mòinteach/ Beanntan, 7.3 (cladach).




Diagraman



a. Tha diagraman feumail airson a bhith a' sealltainn diofar phàirtean de rudan. Tha feadhainn gu math coltach ri dealbhan, ach tha sanasan orra. Seo fear bho chairt 2.3 anns a' phac **Aonad Àrainneachd 2:**



b. Tha diagraman cuideachd air an cleachdadh airson sealltainn ciamar a bhios rudan a' dol ri chèile agus / no ag obrachadh. Seo eisimpleir bhon chairt mu dheidhinn breigichean (SC Uair, Fàs agus Atharrachadh):



c. Ann an cuid de dhiagraman tha am fiosrachadh air a shealltainn le samhlaidhean an àite dhealbhan. Seo eisimpleir bhon chairt Dealan SC 'Fios air Cuaritean', le iuchair a' sealltainn dè tha na samhlaidhean a' ciallachadh.



Eisimpleir E – Clàr-srutha.

'S e clàr-srutha seòrsa diagram a sheallas mar a bhios rudan ag atharrachadh no a' gluasad. Tha deagh eisimpleirean air td. 11 den leabhar Atlas airson Alba

Coimhead orra seo leis a' chlas / bhuidhinn. Seo ceistean airson cuideachadh:

- Dè tha gach diagram a' sealltainn?
- Carson a tha àireamhan anns a' chiad fhear?
- Carson a tha saigheadan anns an dara fear?
- Dè na dòighean eile anns an gabhadh am fiosrachadh seo a chur an cèill?
- A bheil clàr-srutha a' sealltainn an fhiosrachaidh gu soilleir?

Gnìomhan do na sgoilearan:

- Dèan clàr-srutha a' sealltainn mar a bhios bodach-sneachd a' leaghadh ann an teas.
- Dèan clàr-srutha a' sealltainn turas chlàimh bho chaora gu geansaidh.
- Dèan clàr-srutha, le dealbhan agus sgrìobhadh, a' sealltainn mar a bhios burras a' tionndadh na dhealan-dè.

Eisimpleir F – Cearcall-bidhe

Bruidhinn ris a' chlas no ris a' bhuidhinn mu dheidhinn diofar dhòighean as aithne dhaibh airson fiosrachadh a thaisbeanadh. Dh'fhaodar liosta a dhèanamh air a' bhòrd-dhubh. Innis dhaibh gu bheil sibh gu bhith a' coimhead air dòighean gus fiosrachadh a thaisbeanadh mu dheidhinn na bhios beathaichean ag ithe.

Dèan dealbh de na rudan seo air a' bhòrd-dhubh (no steigibh suas na dealbhan a tha an lùib seo):

feur


bò

duine

Iarr air a' chloinn smaoinichadh mun cheangal eadar na trì rudan co-cheangailte ri biadh agus an ceangal seo a shealltainn ann an sgrìobhadh. (*Mar eisimpleir: Bidh bò ag ithe feur agus bidh duine ag òl bainne bhon bhoin agus ag ithe feòil bhon bhoin*)

An uair sin seall dhaibh mar a thaisbeanas sibh am fiosrachadh seo ann an cearcall-bidhe le bhith a' cur shaighdean eadar na rudan mar seo:

Cearcall-bidhe



Dèan cinnteach gun tuig iad uile dè tha na saighdean a' sealltainn.




Gnìomhan do na Sgoilearan:


* duilleag-obrach 4


* Leugh agus dèan na gnìomhan air cairt-obrach 4.7 **Coilltean** anns a' phac Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

* Tha obair air cairtean bidhe agus lìn-bidhe air a' chairt leis an tiotal **Sealg** anns a' phac phurpaidh de chairtean SC Uair, Fàs agus Atharrachadh. (Acair 1994)









Eisimpleir G – Craobh-theaghlaich

- Dèan cinnteach gun tuig a h-uile duine dè tha ann an craobh-theaghlaich. Tha eisimpleirean ann an Alba ri Linn Bhrus (td. 17 agus 40) agus Fuadach nan Gàidheal (td. 18) no dh'fhaodadh tu craobh-theaghlaich mas-fhior a chur air a' bhòrd-dhubh agus ceistean fhaighneachd mu a deidhinn. (Mar eisimpleir: dè an t-ainm a bha air bràthair Ealasaid? Dè an cairdeas a bha eadar Seumas V agus Seumas V1?)
- Faighnich don chloinn cuin a chleachdadh iad craobh-theaghlaich ann an sgrìobhadh agus carson. Dè seòrsa teacsa anns an lorgadh iad tè?
- Dh'fhaodadh a' chlann feuchainn ri an craobh-theaghlaich fhèin a dhèanamh, 's dòcha mar phàirt de phròiseact air teaghlach, no mar phàirt de dh'aithisg mu dheidhinn cuideigin anns an teaghlach aca (m.e. bràthair an seanmhar!).
- Tha ceistean mu dheidhinn craobh-theaghlaich a' Phrionnsa Theàrlaich air **duilleag-obrach 5**.

Eisimpleir H – liosta de rudan a thachair

Uaireannan tha sgrìobhadairean ag iarraidh sealltainn cuin a thachair rudan cudromach anns a' chuspair air a bheil iad a' sgrìobhadh. Uaireannan tha seo a' nochdadh mar loidhne-tim: faic td. 10 Dè as aithne dhuinn mu na Ceiltich? (*MacDonald Young Books /PRG 1997*) no Atlas airson Alba td. 44-45 (*Acair 1995*) Ach uaireannan tha cinn-latha chudromach air an sealltainn ann an liosta. Seo eisimpleir a nochd anns a' phàipear-naidheachd An Gàidheal Ùr (An Dùbhlachd 1999).

INNLEACHDAN NA LINNE SEO

- | | |
|---|--|
| 1900 Bàt-adhair Zeppelin a' sgèith airson a' chiad uair. | 1941 Jeans gorma a' tòiseachadh a' fàs fasanta. |
| 1903 Na bràithrean Wright shuas anns a' chiad phlèana le cumhachd. | 1954 Banachagach an aghaidh polio air fheuchainn. |
| 1908 A' chiad Ford Modail-T ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1957 Chuir an USSR a' chiad saideal, Sputnik 1 a dh'fhànas. |
| 1910 A' chiad measgair-bidhe dealain ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1958 An sgiorta mini anns an fhasan. |
| 1921 A' chùbhraidheachd Chanel No 5 ri fhaighinn airson a' chiad uair. | 1959 Neil Armstrong agus Buzz Aldrin air a' ghealaich. |
| 1923 Solais-trafaig dealain ann am Paris. | 1960 Tiop microprocessor air a dhèanamh. |
| 1927 B'e Charles Lindberg a' chiad duine a chaidh tarsainn a' Chuan Shiar na aonar ann am plèana. | 1961 A' chiad choimpiutair beag dachaigh air a dhèanamh. |
| 1927 A' chiad fiolm le còmhradh – The Jazz Singer. | 1962 A' chiad dealbhan de Mars air an togail le rannsachadh fànais Viking (Na Stàitean Aonaichte). |
| 1930 Trèanaichean diesel agus dealain rim faighinn. | 1963 Speilebòrdadh a' nochdadh mar spòrs òigridh. |
| 1938 Comaig Action le Superman air a chur air bhog. | 1964 A' chiad stereo pearsanta bho Sony. |
| 1939 Dhealbh Igor Sikorsky a' chiad heileacoptair le gairdeanan Rotor. | 1965 A' chiad sheirbheis air loidhne (telecom minitel) – às an Fhraing. |
| 1940 A' chiad bhomaichean atom air an leagail. | 1966 Fònaichean làimhe rim faighinn. |
| | 1967 Fònaichean bhideo dathte rim faighinn. |
| | 1995 Dealbhan de Jupiter air an togail le rannsachadh fànais Galileo. (Na Stàitean Aonaichte). |

Deasaichte le Roinn an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar



Puingean ri Dheasbad:

- * Dè an t-òrdugh anns a bheil am fiosrachadh air a shealltainn?
- * Co aig a bhiodh ùidh anns an fhiosrachadh seo?
- * Càit am faigheadh tu a-mach barrachd mu dheidhinn gin de na h-innleachdan?
- * Dè seòrsa aithisg anns am biodh liosta mar seo feumail?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Dèan liosta de thachartasan air cuspair àraidh (m.e. cò bhuannaich Cupa na Cruinne, càit an robh geamannan Olympic air an cumail, cinn-latha chudromach ann am beatha na Bànrìghe Bhictoria, cinn-latha chudromach ann an eachdraidh do sgoile / do bhaile / do theaghlach, cinn-latha chudromach ann an eachdraidh fànais / telebhisein / chàraichean).
- * Cleachd an liosta seo airson cunntas a sgrìobhadh air a' chuspair.
- * Faigh a-mach barrachd mu dheidhinn fear de na h-innleachdan anns an liosta gu h-àrd. Dh'fhaodadh tu aithisg a sgrìobhadh mu a dheidhinn.
- * Leugh td. 8 – 9 den leabhar Alba san Dara Cogadh. Dèan liosta de na cinn-latha air a bheil iomradh anns an teacs agus na thachair orra.
(m.e. 1918 – Deireadh a' Chiad Chogaidh
1933 – Hitler na cheannard air a' Ghearmailt ...)

Eisimpleir I – mapaichean / planaichean

Chan eilear an dùil an seo gun ionnsaich a' chlann mapaichean den h-uile seòrsa a leughadh! Ach tha mapaichean feumail ann an tòrr theacsaichean fiosrachaidh (agus uaireannan ann an teacsaichean ficsean cuideachd, mapa de Narnia mar eisimpleir anns na leabhraichean aig C S Lewis). Tha e cudromach gum faic clann aig ìre D mar a tha mapaichean air an cleachdadh airson fiosrachadh a shealltainn gu soilleir agus gum faigh iad brosnachadh gus mapaichean a chleachdadh nuair a tha iad a' sgrìobhadh mu dheidhinn àite.

Seo ceistean feumail mu mhapaichean a nochdas ann an teacsaichean fiosrachaidh:

- Dè tha am mapa seo a' sealltainn?
- Carson a tha e anns an teacs?
- A bheil e a' sealltainn fiosrachadh gu soilleir?
- Dè tha a' ciallachadh? (*ceistean a' toirt air a' chlann clàr a' mhapa a chleachdadh*)

a. Coimhead air na mapaichean anns an leabhar Fuadach nan Gàidheal. Seo eisimpleir de phuingean ri dheasbad airson a' chlann a chuideachadh ann a bhith a' togail fiosrachadh ceart bho na mapaichean:

- Td 8: - Dè tha am mapa seo a' sealltainn?
- Cuin a thug na Ceiltich ionnsaigh air Galatia? (276 BC)
- An robh Ceiltich suidhichte ann an Alba idir anns an 4mh linn BC?
(*Bha, anns an taobh an ear*)



Td. 10: - Dè tha am mapa seo a' sealltainn?

- Carson nach eil ainmean àitichean air? (*chan eil iad cudromach anns a' chaibideil seo. 'S e na dathan a tha a' cur an fhiosrachaidh an cèill.*)
- An robh Gàidhlig air a bruidhinn ann an Dùn Èideann a-riamh? (*Bha*)
- Dè na ceàrnaidhean de dh'Alba anns nach robh Gàidhlig air a bruidhinn, eadhon air ais mu 1020AC? (*Gallaibh agus ceann an earra-dheis*)
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann nach eil am mapa seo a' ciallachadh nach eil Gàidhlig air a bruidhinn ach anns na h-Eileanan an Iar a-nis!

Td. 11: Seo 'mapa' de sheòrsa eile: diagram de dh'Alba airson sealltainn mar a ghluais tòrr dhaoine gu Meadhan na Galldachd eadar 1755 agus 1981.

- Càit an robh a' chuid bu mhotha de dhaoine ann an Alba a' fuireach ann an 1755? Dè mu dheidhinn ann an 1981?
- An e diagram de mhapa mar seo deagh dhòigh air am fiosrachadh seo a shealltainn? Carson?

b. Tha mapaichean agus planaichean anns an leabhar Alba ri Linn Bhrus.

Coimhead air fear de na planaichean còmhla ris a' chloinn (m.e. am fear air td. 22) agus dèan cinnteach gun tuig iad:

- carson a tha plana an sin
- dè tha e a' sealltainn
- mar a chleachdas iad an clàr
- dè tha na saigheadan a' sealltainn

Teacsaichean feumail eile:

Tha mapaichean ann an Alba san Dara Cogadh, ann an Dè as aithne dhuinn mu na Ceiltich? agus Canada (*Acair 1991*). Tha bileagan turasachd feumail cuideachd.

Puingean eile ri Dheasbad:

- * Tha mapaichean agus planaichean feumail ann an teacsaichean eachdraidh. Dè na teacsaichean fiosrachaidh eile anns a bheil iad feumail? (*aithisgean anns a bheil an sgrìobhadair ag iarraidh sealltainn càit a bheil rudan a' tachairt no rin lorg – m.e. fiadh-bheatha, cur-seachad àraidh, co-fharpais; cunntasan mu dheidhinn turas no siubhal; fiosrachadh do luchd-turais mu dheidhinn àite no sgìre ...*)
- * Ma tha thu airson mapa a chur ann an aithisg, càit am faigh thu fear freagarrach? (*Atlas, eadar-lìon, leabharlann*)
- * Carson nach eil mapaichean (m.e. am fear air td. 43 de Alba ri Linn Bhrus) a' sealltainn a h-uile baile, beinn, is abhainn? (*Tha cus fiosrachaidh ga dhèanamh doirbh a leughadh. Chan fheumar ach ainmean àitichean a tha cudromach anns an teacs, agus 's dòcha feadhainn eile airson sealltainn don leughadair càit a bheil iad.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Tha barrachd cheistean mu na mapaichean ann am Fuadach nan Gàidheal air **duilleag-obrach 6**.
- * Tha ceistean mu na mapaichean agus planaichean ann an Alba ri Linn Bhrus air **duilleag-obrach 7**.
- * Leugh agus dèan na gnìomhan air Cairt 2.2 Baile anns a' phac Aonad Àrainneachd.



- * Sgrìobh cunntas de thuras a rinn thu air làithean-saora, le mapa a' sealltainn nan àitichean a nochdas anns an sgrìobhadh.
- * Dèan plana den bhaile no sgìre agad fhèin (no pàirt den bhaile agad mas e baile mòr a th' ann) airson sealltainn do luchd-turais càit a bheil na rudan as fheàrr ri fhaicinn. Smaoinich air dè am fiosrachadh a bhios feumail dhan luchd-amais.

Gnìomhan eile do na sgoilearan:

- * Dh'fhaodadh buidheann postair a dhealbhadh airson balla a' chlasruim, a' sealltainn eisimpleirean de dhiofar sheòrsaichean dhealbh a bhios a' nochdadh ann an teacsaichean neo-fhicsean. Cuidichidh seo iad nuair a tha iad ag ullachadh plana airson an sgrìobhadh neo-fhicsean aca fhèin.



II. Clàran: meatragsan, stòir-dhàta, grafaichean

A bharrachd air dealbhan, tha fiosrachadh tric air a thoirt seachad ann an clàran no grafaichean, gu h-àraidh ann an aithisgean. A-rithist, tha e cudromach gun tuig a' clann ciamar a leughas iad fiosrachadh a tha air a thaisbeanadh mar seo, agus gur urrainn dhaibh fhèin figearan agus dàta a shealltainn gu soilleir anns an sgrìobhadh aca fhèin.

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann:

- dè am fiosrachadh a tha gach fear a' sealltainn
- carson a tha e ann
- ciamar a leughas iad am fiosrachadh
- cuin a bhiodh clàr no graf mar sin feumail nan sgrìobhadh fhèin

Clàran:

Mineachadh: Dòigh air dàta a shealltainn. Samhlaidhean agus / no àireamhan ann an sreathan agus cuilbh.

Stiùireadh do Thidsearan:

An toiseach dean cinnteach gun urrainn don chloinn clàr a leughadh, fiosrachadh ceart a tharraing às agus fiosrachadh ceart a chur a-steach. Tha obair air seo anns an leabhar MATAMATAIC AIRSON CÙRSA 5 -14 ÌRE 2 Leabhar 4 (Acair 1994) td. 62 agus 63, 67 agus 70 – 71.

Tha obair air clàran anns a' phac seo anns an aonad 'Clàir-ama'.

Air **duilleag-obrach 8** tha clàr a nochd ann am pàipear naidheachd ann an aithisg air iomain. Dh'fhaodadh a' chlann seo fheuchainn leotha fhèin, no dh'fhaodadh an clas coimhead air còmhla ris an tidsear.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Dèan suas clàr airson liog – iomain, ball-coise, hocaidh no ball-basgaid. Faodaidh tu sgiobannan fìor no mas-fhìor a chleachdadh (mu 5 's dòcha) agus na sgòran a dhèanamh an-àird. An uair sin sgrìobh aithisg stèidhichte air an fhiosrachadh anns a' chlàr.
- * Coimhead air Clàr na Sìde ann an Atlas airson Alba (td. 15). Dèan fhèin clàr airson seachdain, a' sealltainn dè seòrsa aimsir a bh' ann gach latha agus cia mheud cm de dh'uisge a thuit, no dè cho fuar 's a bha i, no cia mheud uairean grèine a bh' ann. Aig deireadh na seachdain, obraich a-mach an cuibheas agus sgrìobh aithisg mu dheidhinn sìde na seachdain. Cuimhnich an clàr a chleachdadh anns an aithisg.
- * Leugh agus dean na gnìomhan air tè de na cairtean-obrach seo. An uair sin sgrìobh aithisg mu na fhuair thu a-mach, a' cleachdadh a' chlàir.



- Aonad Àrainneachd 2 (Acair 1993)
cairt 5.6 frith-rathad
- Uair, Fàs agus Atharrachadh (Acair /PRG 1994)
Cuir Uair Ris
Uighean, Ughagan agus Slaman-Milis
Cur an t-Sil
Diogadh
Luibhean

Grafaichean:

- * Coimhead air a' chairt 5.8 anns a' phac **Aonad Àrainneachd 2**. Leugh a' chiad pharagraf agus bruidhinn mu dheidhinn na tha a' chairt-cearcaill (pie graph) a' sealltainn. Seo ceistean airson cuideachadh:
 - Dè tha a' chairt-cearcaill seo a' sealltainn? (*na cur-seachadan a tha aig luchd-tadhail ann an diofar earrannan de Phàirce Nàiseanta*)
 - Carson a tha e air a' chairt-fiosrachaidh seo? (*tha e a' sealltainn nan diofar cur-seachadan ann an dòigh ghoirid, shoilleir*)
 - Dè an cur-seachad as fheàrr leis a' chuid as motha de dhaoine? (*a' gabhail barbecue*)
 - Dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' chur-seachad seo air fiadh-bheatha ann am Pàirce Nàiseanta? (*fuaim, cunnart bho theine ...*)
 - Dè seòrsa sgrìobhaidh anns am biodh cairt-cearcaill mar seo feumail?
- * Tha eisimpleirean de ghrafaichean (paidh agus colbh) ann an sgrìobhadh anns an leabhar Atlas airson Alba. Tha ceistean mu na grafaichean seo agus mun àite a th' aca anns an teacs air **duilleag-obrach 8**.

Gnìomhan do na sgoilearan:

- * Dèan rannsachadh anns a' chlas no anns an sgoil agad airson faighinn a-mach fear de na rudan seo:-
 - dè an dath / òran / cur-seachad / beathach as fheàrr le duine
 - cuin a bhios daoine a' dol dhan leabaidh
 - dè cho mòr 's a tha casan dhaoine
 - ciamar a bhios daoine a' tighinn dhan sgoil

Clàraich na freagairtean ann an graf (bar no paidh) agus sgrìobh aithisg air na fhuair thu a-mach, a' cleachdadh do ghrafa anns an aithisg. Smaoinich mus tòisich thu air an luchd-amais. Cò bhios ga leughadh? Ciamar a sheallas tu dhaibh am fiosrachadh gu soilleir agus ann an dòigh inntinneach?
- * Dèan rannsachadh anns a' chlas air dè seòrsa criosps no suiteis as fheàrr leis a h-uile duine. Dèan graf airson na fhuair thu a-mach a shealltainn. Cleachd an graf ann an sanas-reic airson an rud a b' fheàrr leis a' chuid a bu mhotha.



INNLEACHDAN NA LINNE SEO

- | | |
|--|--|
| 1900 Bàt-adhair Zeppelin a' sgèith airson a' chiad uair. | 1941 Jeans gorma a' tòiseachadh a' fàs fasanta. |
| 1904 Na bràithrean Wright shuas anns a' chiad phlèana le cumhachd. | 1954 Banachagach an aghaidh polio air fheuchainn. |
| 1908 A' chiad Ford Modail-T ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1957 Chuir an USSR a' chiad saideal, Sputnik 1 a dh'fhànas. |
| 1910 A' chiad measgair-bidhe dealain ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1958 An sgiorta mini anns an fhasan. |
| 1922 A' chùbhraidheachd Chanel No 5 ri fhaighinn airson a' chiad uair. | 1959 Neil Armstrong agus Buzz Aldrin air a' ghealaich. |
| 1923 Solais-trafaig dealain ann am Paris. | 1960 Tiop microprocessor air a dhèanamh. |
| 1927 B' e Charles Lindberg a' chiad duine a chaidh tarsainn a' Chuan Shiar na aonar ann am plèana. | 1961 A' chiad choimpiutair beag dachaigh air a dhèanamh. |
| 1927 A' chiad fiolm le còmhraidh – The Jazz Singer. | 1962 A' chiad dealbhan de Mars air an togail le rannsachadh fànais Viking (Na Stàitean Aonaichte). |
| 1930 Trèanaichean diesel agus dealain rim faighinn. | 1963 Speilebòrdadh a' nochdadh mar spòrs òigridh. |
| 1938 Comaig Action le Superman air a chur air bhog. | 1964 A' chiad stereo pearsanta bho Sony. |
| 1939 Dhealbh Igor Sikorsky a' chiad heileacoptair le gairdeanan Rotor. | 1965 A' chiad sheirbheis air loidhne (telecom minitel) –às an Fhraing. |
| 1940 A' chiad bhomaichean atom air an leagail. | 1966 Fònaichean làimhe rim faighinn. |
| | 1967 Fònaichean bhideo dathte rim faighinn. |
| | 1995 Dealbhan de Jupiter air an togail le rannsachadh fànais Galileo. (Na Stàitean Aonaichte). |


Deasaichte le Roinn an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar

INNLEACHDAN NA LINNE SEO

- | | |
|--|--|
| 1900 Bàt-adhair Zeppelin a' sgèith airson a' chiad uair. | 1941 Jeans gorma a' tòiseachadh a' fàs fasanta. |
| 1904 Na bràithrean Wright shuas anns a' chiad phlèana le cumhachd. | 1954 Banachagach an aghaidh polio air fheuchainn. |
| 1908 A' chiad Ford Modail-T ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1957 Chuir an USSR a' chiad saideal, Sputnik 1 a dh'fhànas. |
| 1910 A' chiad measgair-bidhe dealain ga reic sna Stàitean Aonaichte. | 1958 An sgiorta mini anns an fhasan. |
| 1922 A' chùbhraidheachd Chanel No 5 ri fhaighinn airson a' chiad uair. | 1959 Neil Armstrong agus Buzz Aldrin air a' ghealaich. |
| 1923 Solais-trafaig dealain ann am Paris. | 1960 Tiop microprocessor air a dhèanamh. |
| 1927 B' e Charles Lindberg a' chiad duine a chaidh tarsainn a' Chuan Shiar na aonar ann am plèana. | 1961 A' chiad choimpiutair beag dachaigh air a dhèanamh. |
| 1927 A' chiad fiolm le còmhraidh – The Jazz Singer. | 1962 A' chiad dealbhan de Mars air an togail le rannsachadh fànais Viking (Na Stàitean Aonaichte). |
| 1930 Trèanaichean diesel agus dealain rim faighinn. | 1963 Speilebòrdadh a' nochdadh mar spòrs òigridh. |
| 1938 Comaig Action le Superman air a chur air bhog. | 1964 A' chiad stereo pearsanta bho Sony. |
| 1939 Dhealbh Igor Sikorsky a' chiad heileacoptair le gairdeanan Rotor. | 1965 A' chiad sheirbheis air loidhne (telecom minitel) –às an Fhraing. |
| 1940 A' chiad bhomaichean atom air an leagail. | 1966 Fònaichean làimhe rim faighinn. |
| | 1967 Fònaichean bhideo dathte rim faighinn. |
| | 1995 Dealbhan de Jupiter air an togail le rannsachadh fànais Galileo. (Na Stàitean Aonaichte). |

Deasaichte le Roinn an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar






Dealbhan - duilleag-obrach I

Ainm:

Seo ceistean mun leabhar Fuadach nan Gàidheal le Dòmhnall Guinne agus Màiri Spankie. (**Wayland / Acair 1993**). Mura bheil thu eòlach air cuspair an leabhair, na fuadaichean, cuir seachad beagan ùine a' coimhead air teacs agus dealbhan mus freagair thu na ceistean a leanas.



- a. Coimhead air an dealbh-camara air còmhdach aghaidh an leabhair.
1. Carson a tha caoraich ann?
 2. Dè seòrsa taighean a th' ann?
 3. A bheil thu a' smaointinn gur e dealbh math a th' ann airson còmhdach an leabhair seo?
Minich do fhreagairt.
 4. Dè tha an dealbh eile (peantadh) a' sealltainn?

b. Coimhead air an dealbh air taobh a-staigh còmhdach an leabhair.

1. Dè tha e a' sealltainn?

2. Carson a tha e anns an leabhar seo, nad bheachd-sa?

3. Dè an dealbh, nad bheachd-sa, a chleachdadh oifis thurasachd airson luchd-turais a tharraing dhan Ghàidhealtachd – an dealbh seo no an dealbh air còmhdach an leabhair?

4. Minich do fhreagairt.

c. Coimhead a-nis air na dealbhan agus na caipseanan air td. 13 den leabhar.

1. Dè tha cudromach mun dealbh den cheann-feadhna Gàidhealach?

2. Tagh fear de na dealbhan air td. 13 agus sgrìobh tuairisgeul den chaisteal no den chinn-feadhna air taobh eile na duilleige seo.

Feuch an seall thu a h-uile mion-chunntas a tha ri fhaicinn anns an dealbh.

d. Coimhead air an dealbh-camara air td. 32.

1. Carson a tha an dealbh seo anns an leabhar?


2. Sgrìobh paragraf mun dealbh seo, ag innse dè am fiosrachadh a tha e a' toirt dhut.



Dealbhan - duilleag-obrach 2

Ainm:

Faigh an leabhar Fuadach nan Gàidheal agus freagair na ceistean a leanas:



a. Leugh td. 28 agus 29 agus coimhead air an dealbh air td. 28.

1. Cò rinn an dealbh?

2. Saoil carson a rinn e an dealbh?

3. Dè tha a' tachairt anns an dealbh?

4. Ciamar a tha na daoine a' faireachdainn?

5. Tha duine a' fuasgladh ròpa anns an dealbh. Dè tha aig ceann eile an ròpa?



b. Coimhead air na dealbhan air td. 38 agus 39 den leabhar a-nis.

1. Sgrìobh 2 rud mu dheidhinn Bànrigh Bhictoria a tha an dealbh seo a' sealltainn dhuinn:

2. Sgrìobh dà rud mu dheidhinn oifigearan lagha ann an 1888 a tha an dealbh dubh is geal air td. 38 a' sealltainn dhuinn.

3. Bhon dealbh, dè an taobh as làidire nad bheachd-sa – na croitearan no an lagh?

4. Minich do fhreagairt:


5. Air taobh eile na duilleige, sgrìobh aithisg naidheachd ghoirid airson an **Illustrated London News** le tuairisgeul den t-sealladh anns an dealbh air td. 39. Cleachd am fiosrachadh anns an dealbh agus anns a' chaipsiun airson do chuideachadh



Diagraman - duilleag-obrach 3

Ainm:

Diagraman




a. Dè a th' ann an diagram?

b. Ciamar a tha diagraman feumail ann an teacsaichean fiosrachaidh?

c. A bheil diagram feumail anns a h-uile teacs fiosrachaidh?

d. Coimhead air an diagram seo. Dè am fiosrachadh a tha e a' sealltainn?



e. An gabhadh am fiosrachadh seo a shealltainn ann an dòigh nas fheàrr na diagram?



f. Minich do fhreagairt

g. Dèan rannsachadh airson faighinn a-mach co ris a tha an saoghal coltach air an taobh a-staigh. An urrainn dhut diagram a lorg dheth ann an leabhar-mòr eòlais no ann an leabhar fiosrachaidh eile? Mas urrainn, dèan lethbhreac den diagram air taobh eile na duilleige. Cuimhnich gun sgrìobh thu tiotal, ùghdar agus foillsichear an leabhair anns an do lorg thu an diagram.



Cearcall-bidhe agus Lion-bidhe duilleag-obrach 4

Ainm:

- a.** Bidh faoileagan ag ithe sgadain agus uighean. Bidh sgadain ag ithe èisg bheaga agus plancton. Bidh èisg bheaga ag ithe plancton. Seall am fiosrachadh seo ann an cearcall-bidhe.

Craobh-theaghlaich - duilleag-obrach 5

Ainm:

a. Coimhead air craobh-theaghlaich a' Phrionnsa Theàrlaich air td. 18 ann am Fuadach nan Gàidheal agus freagair na ceistean a leanas.

1. Carson a tha loidhnichean dearga agus loidhnichean gorma anns a' chraoibh?

2. Dè na h-ainmean a bha air clann Rìgh Eanraig VIII ann an Sasainn?

3. Cò a' chiad rìgh a bha na rìgh ann an Alba agus Sasainn?

4. Cuin a bha Aonadh nan Crùintean ann?

5. Dè an càirdeas a bha eadar Am Prionnsa Teàrlach agus Rìgh Seumas VII?

6. Dè an càirdeas a bha eadar Màiri Bànrigh nan Albannach agus Seumas IV?



7. An robh Seumas Eideard, athair a' Phrionnsa Theàrlaich, na rìgh ann an Alba?

8. Carson a tha a' chraobh-theaghlaich seo anns an leabhar seo?

b. Tagh cuideigin bhon chraoibh-theaghlaich seo, agus faigh a-mach barrachd mu a d(h)eidhinn. Dèan dealbh dhe/dhi agus sgrìobh nòtaichean mu a d(h)eidhinn an seo.

Dealbh de


Fiosrachadh mu dheidhinn



Mapaichean - duilleag-obrach 6

Ainm:

Coimhead air an leabhar Fuadach nan Gàidheal le Dòmhnall Guinne agus Màiri Spankie (Acair 1993). Seo ceistean mu na mapaichean anns an leabhar sin.



- a.**
1. Dè tha am mapa air td. 8 a' sealltainn?
 2. An tug na Ceiltich riamh ionnsaigh air an Ròimh?
 3. Dè an taobh de Bhreatainn anns an robh na Ceiltich suidhichte an toiseach - taobh an iar no taobh an ear?
- b.**
1. Leugh duilleagan 24 agus 25
1. Carson a tha mapa air td. 24?
 2. Sgrìobh na h-ainmean de 3 àitichean a bha ann an oighreachd Chataibh ann an 1814.



C. Coimhead air td. 36 a-nis.

1. Carson a tha mapa air an duilleig seo?

2. Sgrìobh còig dùthchannan dhan deach eilthirich à Alba aig àm nam Fuadaichean.

3. A bheil am mapa seo gad chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn na teacsa?

d. Coimhead air td. 43.

1. Dè tha am mapa seo a' sealltainn?

2. Dè tha air a riochdachdadh le ceàrnag dhubh?

3. Sgrìobh ainmean nam port às an deach daoine a-null thairis aig àm nam Fuadaichean.


4. Dè am fear dhiubh seo as fhaisge ort?



Mapaichean - duilleag-obrach 7

Ainm:

Seo ceistean mu dheidhinn cuid de na mapaichean agus planaichean a tha a' nochdadh anns an leabhar Alba ri Linn Bhrus le Màiri Spankie (**Acair 1994**)



a. Coimhead air a' mhapa air td. 6.

1. Dè tha e a' sealltainn?
2. Dè an cànan (no cànanan) a bha daoine a' bruidhinn mu 1300 anns an àite anns a bheil thusa a' fuireach?
3. Dè an cànan a bhathar a' bruidhinn anns a' chuid a bu mhotha den dùthaich mu 1300?
4. A bheil thusa a' smaointinn gur e mapa deagh dhòigh air am fiosrachadh seo a shealltainn?
5. Minich do fhreagairt.

b. Seall air a' phlana air td. 10

1. Dè am baile a tha e a' sealltainn?
2. Saoil carson a bha dìg timcheall air a' bhaile?
3. Ciamar a bhiodh daoine a' faighinn tarsainn na h-aibhne aig an àm seo?



C. Leugh td. 22 agus 23 agus coimhead air a' phlana de Bhlàr Drochaid Shruighlea.

1. Carson a tha am mapa seo ann?

2. Carson a bha Drochaid Shruighlea cudromach anns a' bhlàr seo?

3. Carson nach b' urrainn do na Sasannaich teicheadh tron uisge?

d. Coimhead air td. 30 a-nis.

1. Carson a tha mapa an seo?

2. Sgrìobh ainmean 5 de na h-àitichean anns an robh na Sasannaich làidir.

3. Dè thachair ann an Gleann an t-Sruthail ann an taobh an iar-dheas na h-Alba ri linn Bhrus?



Clàran - duilleag-obrach 8

Ainm:

Coimhead air a' chlàr seo airson **League Marine Harvest** Iomain agus freagair na ceistean a leanas:

A' Chiad Roinn (Premier Division)

	Chluich	Bhuannaich Ionnach	Gèam	Chaill	Sgòr
Cinn a' Ghiuthsaich	8	6	2	0	14
Bail' Ùr an t-Slèibh	8	5	3	0	13
An Gearastan	7	4	3	0	11
Inbhir Aora	8	3	3	2	9
Lochcarron	7	2	2	3	6
Oban Camanachd	7	1	3	3	5
Cill Mhàilidh	7	1	0	6	2
Gleann Urchaidh	7	0	0	7	0

(West Highland Free Press, 28 Gearran 2003)

- a.
1. Dè seòrsa aithisg anns an nochdadh clàr mar seo?
 2. Co aig a bhiodh ùidh ann?
 3. Dè am fiosrachadh a tha e a' sealltainn?
 4. Cò a chluich barrachd gheamannan – Inbhir Aora no Cill Mhàilidh?



5. Cia mheud comharra a gheibh sgioba ma bhuannaicheas iad gèam?

6. Cia mheud a gheibh iad airson gèam ionnannach?

7. Dè an sgioba a tha buannachdadh aig an ìre seo?

8. An e clàr deagh dhòigh air am fiosrachadh seo a shealltainn?

9. Mìnich do fhreagairt.


b. Dèan suas aithisg stèidhichte air a' chlàr seo. Leig ort gu bheil thu a' sgrìobhadh airson pàipear-naidheachd ionadail fear de na sgiobannan!



Grafaichean - duilleag-obrach 9

Ainm:

Feumaidh tu an leabhar Atlas airson Alba airson na duilleig-obrach seo.



- a.** Coimhead air a' chairt- Cearcaill air td. 10.
1. Carson a tha a' chairt- Cearcaill a' nochdadh an seo?
 2. Dè an rud a chleachdas a' chuid as motha de dh'uisge anns an dachaigh?
 3. Dè chleachdas barrachd uisge – gnìomhachas no stèiseanan dealain?
 4. A bheil thu a' smaointinn gur e cairt- Cearcaill deagh dhòigh air am fiosrachadh seo a shealltainn?
 5. Carson a tha thu a' smaointinn sin?
- b.** 1. Coimhead air a' ghraf deilbh air td. 19. Dè tha e a' feuchainn ri shealltainn?
2. Sgrìobh 2 rud a dh'ionnsaich thu bhon ghraf sin.
-
-



3. An toil leat an dòigh seo air a bhith a' sealltainn fiosrachadh?

4. Mìnich do fhreagairt.

C. Coimhead a-nis air duilleagan 24 agus 25.

1 a. Dè tha an graf bann a' sealltainn?

b. Dè na dòighean eile anns an gabh am fiosrachadh seo a shealltainn?

c. Dè an dòigh as fheàrr, nad bheachd-sa?

d. Mìnich do fhreagairt.

2 a. Dè tha an graf loidhne a' sealltainn?

b. Dè tha ceàrr air na figearan air taobh chli a' ghraf?

c. A rèir a' ghraf seo, cuin a tha a' chuid as motha de charbadan air na rathaidean?

d. Carson a tha na rathaidean cho trang aig an àm sin?

3. Cleachd am fiosrachadh anns a' chairt-cearcaill air td. 25 agus dealbhaich postair no bileag-fiosrachaidh airson toirt air daoine gun a bhith a' cleachdadh an càraichean cho tric.



Freagairtean

Duilleag-obrach 1

- 1 a. Airson sealltainn gu robh caoraich cudromach anns na Fuadaichean
b. tobhtan
c. beachdan nan sgoilear
d. taigh air a losgadh agus daoine a' teicheadh
- 2 a. sealladh de thaighean an latha an-diugh ri taobh loch
b. Airson sealltainn co ris a tha pàirtean den Ghàidhealtachd coltach a-nis.
c. agus d. beachdan nan sgoilear.
- 3 a. 'S e seo aon de na ciad dealbhan a tha a' sealltainn èideadh Gàidhealach
b. sgrìobhadh nan sgoilear fhèin
- 4 a. Airson sealltainn dè seòrsa àite anns an robh tòrr Ghàidheal a' fuireach às dèidh nam fuadaichean
b. sgrìobhadh nan sgoilear fhèin

Duilleag-obrach 2

- 1 a. Tòmas Faed
b. beachdan nan sgoilear
c. Tha daoine a' leigeil beannachd le teaghlach is caraidean a tha a' dol air falbh air long
d. Brònach
e. Long eilthireachd
2. a. Tha e a' sealltainn gum bu toil leatha a bhith a' dol dhan Ghàidhealtachd. An seòrsa aodaich a bh' oirre. Bha cuideachd mhòr aice.
b. An t-èideadh a bh' orra. Na buill-airm a bhiodh iad a' giùlan.
c. agus d. Beachdan nan sgoilear fhèin
f. Sgrìobhadh nan sgoilear fhèin.

Duilleag-obrach 3

1. Seòrsa deilbh a sheallas pàirtean de rudeigin, no a sheallas mar a bhios rudeigin ag obrachadh.
2. Tha iad a' sealltainn tòrr fiosrachaidh ann an dòigh a tha furasta ri fhaicinn.
3. Chan eil.
4. Tha e a' sealltainn dè an t-ainm a tha air diofar pàirtean de dh'eun.
5. agus 6. Beachdan nan sgoilear fhèin
7. Diagram de thaobh a-staigh an t-saoghail le tìotal, ùghdar agus foillsichear an leabhair air an sgrìobhadh.

Duilleag-obrach 5

- A.
1. Tha na loidhnichean dearga a' sealltainn rìghrean is bànrìghean Shasainn agus tha an fheadhainn ghorma a' sealltainn rìghrean is bànrìghean na h-Alba.
 2. Màiri, Ealasaid, Eideard (IV)
 3. Seumas VI agus I
 4. 1603
 5. B' e am Prionnsa Teàrlach ogha Rìgh Seumas VII
 6. B' e Màiri Bànrìgh nan Albannach màthair Rìgh Seumas VI
 7. Cha robh
 8. Tha e a' sealltainn carson a bha Am Prionnsa Teàrlach ag iarraidh bhith na rìgh agus dè dh'adhbhraich Ar-a-mach nan Seumasach.
- B. freagairtean nan sgoilear fhèin



Duilleag-obrach 6

- A. 1. Tha e a' sealltainn càit an robh na Ceiltich anns an Roinn Eòrpa (suas chun a' chòigeimh agus an dàrna linne RC)
2. Rinn, ann an 390RC
3. taobh an ear
- B. 1. Tha e a' sealltainn Cataibh, far an do thachair tòrr de na fuadaichean.
2. Srath Nabhair, Loch Nabhair, Bad an Losgainn, Bun Ildh, Srath Ildh, Brùra, Caisteal Dhùn Robain, Goillspidh, Cùl Mhàillidh, Dòrnach, An Luirg (3 dhiubh seo)
- C. 1. Airson sealltainn càit an deach eilthirich a-null thairis
2. Canada, Na Stàitean Aonaichte, Afraga a Deas, Astràilia, Sealainn Nuadh
3. beachdan nan sgoilear fhèin
- D. 1. Àitichean a nochd anns an leabhar
2. baile ùr air a thogail do dhaoine chaidh fhuadach às na glinn
3. Ceann Loch Chille Chiarain, Grianraig, An Gearastan, Loch Baghasdail, Loch nam Madadh, Ulapul, Inbhir Dheòrsa
4.

Duilleag-obrach 7

- A. 1. Tha e a' sealltainn far an robh daoine a' labhairt nan cànan a bu chumanta ann an Alba mu 1300 AC.
2.
3. Gàidhlig
4. agus 5. Beachdan nan sgoilear fhèin
- B. 1. Baile an Naoimh Eòin / Peairt
2. airson a dhion bho nàimhdean
3. aig an àth
- C. 1. Tha e a' sealltainn dè thachair ann am Blàr Drochaid Shruighlea.
2. Cha robh àite eile ann (ach an àth) far am b' urrainn do na Sasannaich faighinn tarsainn na h-aibhne airson ionnsaigh a thoirt air na h-Albannaich.
3. Bha an abhainn ro dhomhainn.
- D. 1. Tha e a' sealltainn àitichean cudromach ann an iomairt Bhrus.
2. Dùn Deagh, Peairt, Sruighlea, Dùn Èideann, Rosbrog, Loch Mhabhain, Dùn Phris, Cille Bhlathain, Inbhir Air, Bearraig, Carlisle, An Caisteal Nuadh (4 dhiubh seo)
3. Blàr

Duilleag-obrach 8

1. aithisg mu dheidhinn iomain ann am pàipear-naidheachd no iris spòrs
2. cluicheadairean agus luchd-taic iomain; daoine le ùidh ann an spòrs
3. mar a tha sgiobannan na ciad roinne a' dèanamh anns an lìog
4. Inbhir Aora
5. 2
6. 1
7. Cinn a' Ghiuthasaich
8 agus 9 ; beachdan nan sgoilear fhèin
- D. sgrìobhadh nan sgoilear fhèin, 's dòcha a' sealltainn rud beag claon-bheachd!



Duilleag-obrach 9

- A. 1. Oir tha e a' sealltainn feuman uisge agus tha an teacs ag ràdh nach urrainn dhuinn a bhith beò gun uisge.
2. taigh-beag
 3. gnìomhachas
- 4 agus 5: beachdan nan sgoilear fhèin
- B 1a. Mar a dh'atharraich an àireamh sluaigh ann an Alba gu lèir agus anns a' Ghàidhealtachd.
- b. (Tha torr fhreagairtean ceart ann!)
 - c agus d. beachdan nan sgoilear fhèin
- C 1a. Mar a dh'fhàs an àireamh de rathaidean mòra anns an Rìoghachd Aonaichte eadar 1962 agus 1994.
- b. Sgrìobhadh ann an seantansan. Clàr. Liosta de chinn latha agus cileameatairean
 - c agus d. beachdan nan sgoilear fhèin
- 2a. Mar a bhios an àireamh de charbadan air an Drochaid Severn ag atharrachadh tron latha.
- b. Chan eil iad uile anns na h-àitichean ceart.
 - c. feasgar an dèidh 18:00; mu 7 uairean feasgair
 - d. daoine a' dol dhachaigh bhon obair
3. sgrìobhadh nan sgoilear fhèin



Teacsaichean neo-fhicsean





- * Leughadh gus cnuasachadh air bun-bheachdan agus ceàird an ùghdair
- * Mothachadh air gnè
- * Sgrìobhadh gnìomhach Ìre D

Ro-ràdh

Tha iomadh seòrsa gnè neo-fhicsean ann: aithisg, aithisg-naidheachd, cunntas, mìneachadh, stiùireadh, earaileach, deasbad. Gu math tric, tha barrachd air aon seòrsa teacs a' nochdadh anns an aon leabhar. Tha a h-uile fear rud beag eadar-dhealaichte ann an structair agus ann an stoidhle, agus tha iad uile air an sgrìobhadh airson adhbharan rud beag eadar-dhealaichte cuideachd. Faodaidh tidsearan clann a chuideachadh gus na diofaran seo a mhothachadh nuair a tha iad a' leughadh neo-fhicsean. Cuidichidh sin iad gus stoidhle agus structair ceart a chleachdadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh neo-fhicsean.

Anns na h-aonadan a leanas, tha eisimpleirean de gach seòrsa air an robh iomradh gu h-àrd, le notaichean air adhbhar, structair agus stoidhle airson gach fear, puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan.

Stiùireadh do Thidsearan:

Seo rudan a ghabhas dèanamh a h-uile turas a tha buidheann leughaidh no an clas air fad a' coimhead air teacs neo-fhicsean còmhla ris an tidsear – teacsaichean anns an aonad seo agus teacsaichean eile.

An toiseach coimhead air adhbhar gach seòrsa teacsa agus air dè seòrsa fiosrachaidh a tha ann. Co dha a tha e? Carson a chaidh a sgrìobhadh? Càit' am faiceadh iad sgrìobhadh mar sin?

An uair sin coimhead air structair an teacsa. Leugh paragraf mu seach agus faighnich dè am fiosrachadh a tha ann. Brosnaich a' chlann gu bhith smaoinichadh air headings a sheallas mar a tha am fiosrachadh air a chur an òrdugh. Ma tha an structair seo aca, air balla a' chlasruim no ann am pasgan sgrìobhaidh, faodaidh iad a chleachdadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh an aon seòrsa teacsa.

Mu dheireadh, coimhead air stoidhle an teacsa. (m.e. Dè an tràth anns a bheil e? Dè seòrsa seantansan a tha ann? A bheil e sgrìobhte anns a' chiad phearsa no anns an treas phearsa?) A-rithist dh'fhaodadh notaichean mu stoidhle gach seòrsa teacsa a bhith air a thaisbeanadh air balla a' chlasruim no ann am pasgain nan sgoilearan.

Aithisg (report)

Adhbhar: Airson tuairisgeul a thoirt de rudeigin

Structair :

- * A' tòiseachadh le *abairt farsaing* (general statement)
- * Paragrafan le firinnean eadar-dhealaichte
- * Chan ann a rèir eachdraidh (*non-chronological*)
- * Uaireannan tha am fiosrachadh air òrdachadh le *sub-headings*

Stoidhle:

- * Tràth làthaireil, mar as trice
- * Cainnt theicneòlach

Eisimpleir:


Feòir

Is e feur fear de na lusas as cumanta air an t-saoghal agus tha dìofar sheòrsachan ri lorg ann an àiteachan eadar-dhealaichte, bho chòmhnard gu mullach bheanntan, 's bho bhogalaich gu fàsaichean. Tha cunntas againn air mu 10,000 seòrsa feòir. Ged nach saileadh tu an toiseach, 's e lus flùrach a th' ann am feur, le duilleagan caola agus chan eil flùr-bhileagan air na flùran.

A thuilleadh air a luach mar bhiadh agus mar fhasgadh do mheanbh-fhrìdean agus bheathaichean beaga, tha feur a' dìon craiceann na talmhainn. Ann an àiteachan far nach eil feur a' fàs no far a bheilear air cur às dha, tha gaoth agus uisge dualtach falbh leis an ùir. Uaireannan tha seo ag adhbhrachadh maoin-slèibhe mhòra de thalamh neo-sheasmhach.

Tha daoine air a bhith a' cur iomadh seòrsa feòir airson am feumalachd fhèin - 's e feur a th' ann an cruinneachd, eòrna agus coirce. Tha tuathanaich a' cur dìofar sheòrsachan feòir airson am beathaichean. Tha cuid dheth a tha iad ag ithe fhad 's a tha e a' fàs agus tha cuid air a ghearradh agus air a thiomachadh airson fodar dhaibh ann am mìosan a' gheamhraidh nuair nach eil am feur a' fàs.

Bho cairt 3.4 Croit/ Tuathanas – Aonad Àrainneachd (Acair 1991)




Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a tha am fiosrachadh air òrdachadh? (*Tìotal agus a' chiad sheantans a' sealltainn cuspair, paragrafan le prìomh phuingean eadar-dhealaichte*)
- Dè am prìomh phuing a th' anns gach paragraf?
- An smaoinich sibh air prìomh phuingean eile a dh'fhaodadh a bhith ann am paragraf fa leth?
- Dè na faclan teicneòlach a lorgas sibh anns an earrainn seo?
- An smaoinich sibh air deagh dhòigh air an aithisg seo a thoirt gu crìoch?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Gu math tric tha barrachd air aon ghnè sgrìobhaidh air cairt, no ann am bileag no leabhar. Ma choimheadas tu air a' chairt seo (3.4 Fèid), chì thu gu bheil stiùireadh ann cuideachd le diagram. Dè eile a tha air a' chairt airson am fiosrachadh a dhèanamh nas soilleire? (*dealbhan*)
- Dèan duilleag airson do chuideachadh nuair a tha thu a' planadh agus / no a' deasachadh aithisg. Tha eisimpleir air duilleag-obrach 1.
- Sgrìobh aithisg mu dheidhinn rud anns a bheil ùidh agadsa – beathach, lus, dòigh siubhail, còmhlan ciùil, leabhar, seòrsa aimsir, planaoid, dùthaich. Mus tòisich thu a' sgrìobhadh, dèan plana a' sealltainn prìomh phuing gach paragraif.



Aithisg Naidheachd *(newspaper report)*

Adhbhar: Airson naidheachdan a thoirt seachad

Structair :

- * A' tòiseachadh le ceann-naidheachd (headline)
- * A' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair ann an dòigh farsaing
- * Paragrafan le tuairisgeul den tachartas, firinnean no beachdan agus, gu math tric, piosan air an togail bho dhaoine (quotes)
- * Dealbhan le caipseanan (uaireannan)
- * Chan ann a rèir eachdraidh (non-chronological)

Stoidhle:

- * Tràth caithte (mar as trice)
- * Ceann-naidheachd a ghlacas sùil an leughadair ann an glè bheag de dh'fhacail
- * Treas pearsa (3rd person)

Eisimpleir 1:

Dragh mu atharrachadh sìde

Nochd draghan gum faodadh pàirtean de na h-Eileanan an Iar a bhith air an call air sgàth 's mar a tha a' mhuir a' sìor èirigh.

Tha aithisg ùr ag ràdh gun tig irean na mara an-àirde eadar naoi agus 69 ceudameatair sna 100 bliadhna a tha romhainn.

Thuirteach-gairm Comhairle nan Eilean Siar, Ailig Dòmhnallach: “Tha sinn mar-thà a' faicinn làn gu math àrd ann an cuid a dh'aitichean anns na h-eileanan agus tha sin air leantainn gu eathraichean a bhith air an

gluasadh bhon àite anns an deach an ceangal.


“Le làn nas àirde, dh'fhaodadh sinn barrachd crìonaidh fhaicinn air ar cladaichean. Dh'fhaodadh pàirtean dhe na h-Uibhistean a bhith fo uisge ma tha an làn gu bhith nas àirde.”

Chaidh an aithisg ullachadh dha Oifis na Side le Comhairle Bhreatainn is Èirinn. Chleachd Mgr Dòmhnallach a bhith ag obair dha Oifis na Side ann an Steòrnabhagh e fhèin.

An Gàidheal Ùr, Àireamh 67, An Lùnastal, 2003

Puingean ri Dheasbad:

- Co aig a bhios ùidh anns an aithisg seo?
- Ciamar a tha an ceann-naidheachd a' glacadh sùil an leughadair? An e seantans a th' ann? Carson nach e?
- Co mu dheidhinn a tha an aithisg seo? (*Draghan mu irean na mara ag èirigh*)
- Carson a nochd i anns a' phàipear-naidheachd aig an àm sin? (*Tha aithisg ùr dìreach air ullachadh*)
- Carson a chuir sgrìobhadair na h-aithisg faclan Ailig Dhòmhnallaich dhan aithisg? (*Is esan an neach-gairm – a bhios a' bruidhinn ri na pàipearan mu dheidhinn rudan a tha beantainn ri Comhairle nan Eilean*)
- Carson a tha an aithisg ag innse gun do chleachd Mgr Dòmhnallach a bhith ag obair dha Oifis na Side ann an Steòrnabhagh? (*Airson sealltainn gu bheil e eòlach air Side nan Eilean*)



Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Ann am buidhinn dèanaibh suas cinn-naidheachd inntinneach mun aimsir. Dèanaibh taisbeanadh dhiubh anns a' chlasrum.
- Tagh fear de na cinn-naidheachd a rinn ur buidheann gu h-àrd agus sgrìobh aithisg naidheachd mu shìde annasach. Faodaidh an aithisg a bhith fìor no mas-fhìor. Smaoinich air ceann-naidheachd a ghlacas sùil an leughadair agus feuch an sgrìobh thu na bha aig daoine eile ri ràdh mun t-side seo.

Eisimpleir 2:

Pròiseact ùr ciùil a' fosgladh stòras phrìseil na Gàidhealtachd

Chaidh pròiseact ùr a thòiseachadh bho chionn ghoirid a thatar an dòchas a chuireas ceòl na Gàidhealtachd agus tàlant an luchd-ciùil na sgìre air beulaibh luchd-amhairc eadar-nàiseanta.

'S e an companaidh Miraculous Productions à Loch Abar a tha air cùlaibh na h-ìomairt agus iad dhen bheachd gu bheil stòras phrìseil de dhualchas ciùil anns a' Ghàidhealtachd nach deach a thaisbeanadh ceart fhathast.

Thatar a-nis dol a chur ri chèile sreath ùr de chlàran CD a bhios a' togail air aon sgìre shònraichte agus ag innse barrachd mu dheidhinn an àite agus mu eachdraidh a' chiùil innte.

Cuideachd thèid prògraman sònraichte a-mach air Rèidio Alba air an 11mh agus 18mh den Mhàrt a bhios a' togail air a' phròiseact.

Chaidh a' chiad CD den t-sreath, Loch Shiel, a chlàradh san Dàmhair an-uiridh le grunn den luchd-ciùil a tha fuireachd san sgìre fhèin, mar Iain MacPhàrlain, Iain Dòmhnallach agus Ingrid NicEanraig.

Tha Miraculous Productions air a ruith le Nick Turner agus an tè-chiùil ainmeil Ghàidhlig, Màiri Anna NicUalraig, a tha

cuideachd aithnichte mar chraoladair. Mu thràth, thathas air ùidh a tharraing bho Astràilia agus Canada.

Thuir Nick: "An dèidh a bhith grunn bhliadhnachan ag obair anns an stiudio le feadhainn den luchd-ciùil traidiseanta agus co-aimsireil as fheàrr, bha e follaiseach gun robh rudeigin sònraichte a' tachairt sa Ghàidhealtachd, ach bha e doirbh a' mhargaidh mhiorbhaileach seo a thoirt don t-saoghal a-muigh. Bha sinn airson an ceòl a thoirt do luchd-èisteachd nas fharsainge, agus sealltainn dhaibh beagan dhen àite a chruthaich e.

Tha na daoine a tha a' tadhal air Gàidhealtachd na h-Alba an-diugh airson barrachd fhaighinn na dìreach ìomhaigh an tartain 's an fhraoich. Tha an t-sreath CD Miraculous a' toirt cothrom do luchd-tadhail is sluagh ionadail dealbh sònraichte fhaighinn air beartas dualchais ìomadh pàirt dhen Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, còmhla ri eachdraidh a bhith air aithris le eòlaichean ionadail agus an dualchas nàdarra a chaidh a thoirt dhan Ghàidhealtachd bheannaichte."

Bho An Gàidheal Ùr, Àireamh 63, Gearran, 2003



Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha sealltainn gur e aithisg-naidheachd a tha seo? (*ceann-naidheachd, dealbh-camara, sgrìobhte san treas pearsa le quotes bho dhaoine ...*)
- Seall mar a tha a' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair anns an fharsaingeachd.
- Seall mar a tha tuairisgeul goirid air a thoirt de gach duine ùr a tha air ainmeachadh san aithisg airson an ceangal eadar gach duine agus cuspair na h-aithisg a shealltainn:
Dè an ceangal a th' aig Nick Turner ris a' chuspair?
Dè mu dheidhinn Ingrid NicEanraig?
- Dè tha an abairt 'thathas air ùidh a tharraing bho Astràilia agus Canada' a' ciallachadh? 'S e gnìomhair neo-phearsanta a th' ann an 'thathas'. An lorg sibh gnìomhair fulangach eile anns an aithisg seo? (thathar)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 1
- Coimhead air pàipear-naidheachd Beurla. Smaoinich air cinn-naidheachd Ghàidhlig airson cuid de na h-aithisgean.
- Sgrìobh aithisg airson pàipear-naidheachd mu dheidhinn rudeigin a rinn an clas agad: cuirm, rudeigin airson airgead a thogail, iomairt. Cuimhnich quotations a chur ann. Smaoinich air an luchd-amais. Dè bhios intinneach dhaibh? Ciamar a bhrosnaicheas tu iad an aithisg agad a leughadh?



Cunntas (recount)

- Adhbhar:** Airson innse mu dheidhinn rudeigin no sreath de rudan a thachair
- Structair :**
- * Paragraf le fiosrachadh air cuin is càit an do thachair e agus cò bha an sàs ann
 - * Tachartasan anns an òrdugh anns an do thachair iad (chronological)
 - * Abairt dùnaidh
- Stoidhle:**
- * Tràth caithte
 - Chiad / Treas pearsa (1st /3rd person)
 - Paragrafan is seantansan mar as trice air an ceangal le faclan a sheallas cuin a thachair rudan (*m.e. an toiseach, an dèidh sin, mu dheireadh*)

Eisimpleir 1: Seo pàirt de chunntas a sgrìobh Christina MacQuarrie à Uibhist a Tuath mu na làithean-saora aice:


Mo Làithean-saora

Latha spòrs Uibhist a Tuath, bha latha brèagha ann. Bha iad air an cumail ann am Baile Loin agus bha mòran chleasan agus spòrs ann air an latha. Ruith mise rèis ceud meatair agus chrìochnaich mi anns an dàrna àite. Fhuair mi medal airson sin agus bha mi uabhasach toilichte. Bha tòrr dhaoine ann a dh'aithnich mi. Bhuannaich mo phiuthar, Effie Anne iasg aig aon dhe na stàilichean. Bha tòrr spòrs againn a' cluich nan geamannan. B' e slaid a' chaisteil sèididh an rud a b' fheàrr leamsa airson gu robh thu a' dol suas àrd agus a' tighinn a-nuas uabhasach luath.

Bha an co-là-breith agam air an t-seachdamh latha deug dhen Iuchair. Fhuair mi mobile fòn bho m' athair. 'S e Nokia 3410 a th' ann. Tha e a' còrdadh rium airson tha geamannan math air. Fhuair mi briogais, lèine dhearg agus seacaid bho mo chàirdean. Air an oidhche bha barbecue againn. Dh'ith mi beef burger air rola. An ath latha chaidh sinn a shnàmh ann an Lìonacleit. Bha e cianail math.

Air a' cheathramh latha dhen Lùnastal chaidh dadaidh, Joan, Effie Anne agus mi fhèin gu Inbhir Nis. Bha sinn a' fuirich ann an taigh-òsta. Anns an rum againn bha trì leapannan, sinc agus taigh beag. Chaidh sinn chun an cinema a choimhead Daddy Day Care, gu roller bowl agus cheannaich sinn tòrr anns na bùithtean. Chaidh sinn cuideachd chun na fèille anns an Eilean Dubh. Bha tòrr dhaoine ann. Bha teas uabhasach ann! Fhuair sinn cothrom a dhol air na waltzers agus na dodgems. Bha na h-innealan annasach a bha seo le suidheachain a bha a' dol suas fada àrd dhan adhar. An uair sin bha iad a' tighinn sìos uabhasach luath. Bha mi a' faireachdainn bochd. Bha stàilichean de gach seòrsa ann aig an fhèill cuideachd.

le Christina MacQuarrie, Clas 7, Sgoil Phaibil, Uibhist a Tuath Samhain 2003



Puingean ri Dheasbad

- Dè na rudan a tha a' sealltainn gur e cunntas a tha seo? (*tràth caithte, chiad pearsa, tachartasan an òrdugh ...*)
- Tha mion-chunntas feumail ann an cunntas airson tachartasan a dhèanamh beòthail agus soilleir. Dè am mion-chunntas a chleachd Christina airson an cunntas seo a dhèanamh nas inntinniche?
- Carson a tha e sgrìobhte anns a' chiad pearsa? (*Bha an sgrìobhadair fhèin a' gabhail pàirt; 's e sgrìobhadh pearsanta a tha ann.*)
- A bheil an cunntas seo a' toirt fiosrachadh air cò, cuin, ciamar, càite agus carson?
- A bheil e a' sealltainn ciamar a bha an sgrìobhadair a' faireachdainn mu na thachair?
- Seo dìreach pàirt den chunntas a sgrìobh Christina. Chan fhaic sinn an seo an abairt dùnaidh. Nam bu tusa a sgrìobh an cunntas, ciamar a chuireadh tu crìoch air?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dèan paragraf planaigh airson cunntas mu dheidhinn nan làithean-saora agad. Smaoinich air *Cò? Cuin? Càite? Ciamar? agus Carson?* Feuch am plan thu airson co-dhiù ceithir paragrafan, ach barrachd mas urrainn dhut. Dè am prìomh phuing a bhios anns gach paragraf? Dè am mion-chunntas a chuireas tu anns gach paragraf? Cò leughas an cunntas agad nuair a tha e deiseil? Dèan cinnteach gum bi thu a' sgrìobhadh mu dheidhinn rudan a bhios inntinneach dhaibh. Cuimhnich a thoirt gu crìoch le abairt dùnaidh.

Eisimpleir 2: Seo cunntas de sheòrsa eadar-dhealaichte – cunntas eachdraidheil:

Rìgh Alasdair III

B' e Alasdair III rìgh Alba o 1249 gu 1286. Bha e na rìgh làidir, agus ri linn bha Alba mar bu trice sìtheil, soirbheachail. Bha buaidh nan Ceilteach fhathast làidir. Bha ceangal math ri Sasainn, 's dòcha seach gum b' i piuthar Eideird I, Rìgh Shasainn, a bh' ann am bean Alasdair.

Bha cùisean math gus an do bhàsaich bean agus mic Alasdair aithghearr agus bha e a-nis, aig dà fhichead 's a còig, gun mhac a leanadh e. Phòs e a-rithist aig Abaid Jedburgh, far an deach a' bhanais a mhilleadh, a rèir cuid, le cnàimhnich a thàinig chun an dannsa. Bha cuid den bheachd gun robh seo na rabhadh air dè an trioblaid a bha ro Alba. Bha a dhara bean, Yolande à Dreux, òg agus brèagha.

Air an 12 den Mhàrt 1286 bha an rìgh ann an Caisteal Dhùn Èidinn a' gabhail a bhìdh còmhla ri thriathan. Bha stoirm ann agus bha e a' fàs anmoch. Smaoinich e air a mhnaoi ann an Kinghorn, fichead mìle air falbh air droch rathaidean agus aiseag thar na h-Aibhne Duibhe. Chan èisteadh e ri comhairle na bha còmhla ris agus dh'fheuch e dhachaigh anns an stoirm. Fhuair e thar na h-aibhne sàbhailte, ach chaill e a chompanaich san dorchadas agus fhuaradh a chorp an ath latha aig bonn bearraidh. Bha Alba a-nis gun rìgh. Dh'fheuch Eideard I ri smachd fhaighinn air Alba, agus thòisich strì eadar Alba is Sasainn a mhair còrr is ceud bliadhna.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa leabhair anns am faiceadh tu teacs mar seo? (leabhar eachdraidh)
- Saoil ciamar a fhuair an sgrìobhadair a-mach dè thachair, is e cho fada air ais ann an ùine? (rannsachadh ann an taighean-tasgaidh, seann sgrìobhaidhean, leabhraichean eile)
- An do sgrìobh an sgrìobhadair mion-chunntas sam bith nach eil inntinneach don leughadair no feumail don chòrr den chunntas?
- Am faic thu na thachair do Rìgh Alasdair III nad inntinn?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Leugh barrachd den leabhar Alba ri Linn Bhrus agus leabhraichean eachdraidh eile (m.e. Fuadach nan Gàidheal (*Acair 1993*), Alba san Dara Cogadh (*Acair 1997*) airson coimhead air stoidhle agus structair chunntasan eachdraidheil.
- Nuair a tha thu a' sgrìobhadh cunntas, tha e mar gu bheil thu ag innse sgeulachd de na thachair. Anns a' chunntas seo tha fiosrachadh mu cò, cuin, càite, ciamar agus carson.. Tha ceistean air seo air duilleag-obrach 1.
- Duilleag-obrach 1- Atharraich notaichean air tachartas eachdraidheil gu cunntas

Eisimpleir 3: Cunntas air spòrs: Seo cunntas (mas-fhior) air tachartas àraidh ann an spòrs

Turas gu Sporsfest – Baile Mhoire le Amy Chaimbeul

Disathairne seo chaidh, thug Mgr Moireastan buidheann à Sgoil Baile nan Creag gu Baile Mhoire airson a' chiad 'SPORSFEST' – latha de chleasan, geamannan agus co-fharpaisean beaga airson clann eadar deich agus ceithir bliadhna deug a dh'aois. Fhuair a h-uile duine ann an Clas 7 an cothrom a dhol ann agus tha mi toilichte gun do ghabh mi an cothrom sin oir bha latha sgoineil againn.

Dh'fhalbh am bus gu math tràth anns a' mhadaoin agus chan eil cuimhne agam air mòran a thachair air an turas oir bha mi nam chadal a' mhor-chuid den ùine. Nuair a ràinig sinn Pàirc nan Damh ann am Baile Mhoire ged-thà, bha an uimhir de dh'fhuaim ann 's gun do dhùisg mi gun dragh sam bith.

Thòisich an latha leis a h-uile duine a' dèanamh 'warm-up' còmhla. Bha boireannach le megafòn shuas air àrd-ùrlar, ag èigheachd a-mach stiùireadh agus a' brosnachadh a h-uile duine pàirt a ghabhail. Bha crowd mòr de dhaoine ann – feumaidh gu robh còrr is trì cheud sgoilear an làthair. Nuair a bha seo deiseil, chaidh ar cur ann am buidhnean le clann eile den aon aois agus bha againn ri ruith airson fichead mionaid. Bha seo ceart gu leòr ach bha i cho teth oir cha robh sgòth ri fhaicinn anns an speur.

Nuair a bha am fichead mionaid seo seachad fhuair sinn uile deoch, agus abair gu robh feum agam air. An uair sin, bha farpais ball-coise ann. B' e farpais Knockout a bh' ann. Bhuannaich sinn ar ciad gèam, agus mar sin fhuair sinn dhan ath chuairt. Anns an dara gèam sgòr mise tadhal an toiseach, ach cha b' fhada gus an do sgòr an sgioba eile agus dìreach ro dheireadh a' gheama sgòr iad a-rithist. 'S mar sin cha do ràinig sinn an cuairt deireannach, ach bha mi taingeil rud beag fois fhaighinn!

An dèidh dìathad bha barrachd spòrs ann. Fhuair sinn cothrom dol air cùrsa bacaidh mìorbhaileach agus tòrr spòrsan eadar-dhealaichte fheuchainn – ball-basgaid, hocaidh, teanas-bùird is iomadh fear eile. B' e an trampoline an rud a b' fheàrr leamsa.

Cha b' fhada gus an robh an t-àm ann falbh is bha sinn uile ag iarraidh fuireach na b' fhaide. Bha mi gu math sgìth ged-thà is chan fhaca mi mòran air an t-slighe dhachaigh na bu mhotha! Chòrd an latha glan rium agus tha mi an dòchas gum faigh mi cothrom a dhol ann an ath-bhliadhna a-rithist.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha a' sealltainn gur e cunntas a tha seo? (*tachartasan an òrdugh, ag innse dè thachair ann an sreath de rudan, sgrìobhte anns a' chiad phearsa*)
- A bheil fiosrachadh gu leòr anns a' chiad pharagraf? (*cò, cuin, càite*)
- Tha an sgrìobhadair a' sealltainn a faireachdainnean mun latha oir 's e sgrìobhadh pearsanta a tha seo. Lorg na h-abairtean a sheallas a faireachdainnean agus a beachdan air an latha.
- Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt a' chunntais gu crìoch? (*le beachd air an latha*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh aithisg mun Spòrsfest airson pàipear-naidheachd Baile Mhoire. Dèan plana a' sealltainn dè am fiosrachadh a chleachdas tu. Smaoinich air an diofar eadar aithisg-naidheachd agus cunntas!
- Sgrìobh cunntas mu thuras sgoile (fìor no mas-fhìor) air an deach thusa. Dèan plana den fhiosrachadh a bhiodh inntinneach do luchd-leughaidh. Cuimhnich gun sgrìobh thu do bheachdan agus faireachdainnean mun turas.
- Leugh cunntas air gèam ball-coise ann am pàipear-naidheachd. Sgrìobh fhèin cunntas air gèam ball-coise no tachartas spòrs eile a chunnaic thu, no dèan cunntas air gèam mas-fhìor!



Mìneachadh (explanation)

- Adhbhar:** Airson sealltainn ciamar no carson a bhios rudeigin a' tachairt no ag obrachadh
- Structair :**
- * Abairt aig an toiseach airson an cuspair a thoirt a-steach
 - Sreath de cheumannan a' mìneachadh carson no ciamar a bhios rudeigin a' tachairt – seantansan no puingeagan comharrachaidh.
- Stoidhle:**
- * Tràth làthaireil / teachdail
 - * Deagh fheum de fhacail a sheallas cuin a thachras rudan
 - * Abairtean a sheallas carson a thachras rudan (*m.e. oir, ma ... mar sin, tha seo a' ciallachadh gu...*)
 - * Gu tric tha ceistean agus clisgean air an cleachdadh airson ùidh an leughadair a ghlacadh

Eisimpleir: Seo earrann bhon leabhran A' Chroit agus an Traon leis an RSPB, a tha a' mìneachadh dà dhòigh anns a bheil an RSPB a' faighinn a-mach mu thraoin.

Glèidhteachas Thraon

Ciamar a tha an RSPB a' faighinn a-mach mu thraoin?

Teleameatrachd-rèidio

B' ann le fàinneachadh agus lorg-rèidio a fhuaradh air a' chuid bu mhotha den rannsachadh air traoin a dhèanamh. 'S ann mar is trice tron oidhche a thathar a' glacadh nan eun agus a' cur fàinne air aon chas. Tha àireamh air an fhàinne nach eil air gin eile, agus 's urrainn do eòlaichean saidheans innse bhon àireimh sin càite agus cuin a chaidh am fàinneachadh, rud a tha feumail ma thèid an glacadh a-rithist am badeigin eile. Tha an uair sin crann-sgaoilidh aotrom air a steigeadh air druim an eòin: insidh seo dhuinn dìreach càite bheil eun ann an achadh agus càite bheil an nead aige. Chan eil na h-aigilein rèidio a' dèanamh cron sam bith agus tha iad a' tighinn dhiubh nuair a chailleas na h-eòin an itean, mus falbh iad a dh'Afraga.

Cunntas Thraon

Tha traoin air am faicinn cho ainneamh 's gu bheil e glè dhuilich an cunntadh. 'S e an dòigh as fheàrr àireamh nan eun a tha a' seinn a chunntadh, ach bhon is e na coilich a-mhàin a tha seinn, chan eil anns a' chunntas ach na coilich agus chan e paidhrichean eun. Bho rannsachadh a rinneadh ann an Uibhist anns na 80an tha fios againn gur ann eadar meadhan-oidhche agus trì uairean sa mhadainn is dòcha iad a bhith seinn. Cuideachd sann bho mheadhan na h-àrainn as àbhaist dhaibh a bhith a' seinn aig an àm seo a dh'oidhche. Mar sin tha cunntas air a dhèanamh orra le bhith a' dol timcheall àrainnean nan traon tron oidhche agus a' cur sios co às a tha na h-eòin a' seinn. Uaireannan tha seo car duilich a chionn gu faod fuaim nan traon co-fhreagairt o thogalaichean, air no grunn eun a bhith seinn còmhla.

Td. 15 A' Chroit agus an Traon RSPB agus Dualchas Nadair na h-Alba




Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha an earrann seo a' mineachadh? (*ciamar a bhios an RSPB a' faighinn a-mach mu thraoin*)
- Ciamar a tha an cuspair air a thoirt a-steach? (*ceist, tiotal, chiad seantans den pharagraf*)
- Chaidh seo a sgrìobhadh airson clann sgoile. A bheil am mineachadh soilleir gu leòr airson an luchd-amais? A bheil càil ann a dhèanadh e na b' fhasa a thuigsinn? (*dealbhan, beag-fhaclair*)
- Dè an diofar eadar mìneachadh agus stiùireadh? (*Chan eil mòran diofar eatorra, ach tha mìneachadh ag innse mar a bhios rudeigin a' tachairt no ag obrachadh agus tha stiùireadh ag innse don leughadair ciamar a ni esan/ise rudeigin.*)
- Seo comhairle airson mìneachadh miorbhaileach a sgrìobhadh:


- * Cleachd tiotal a sheallas co mu dheidhinn a tha thu a' sgrìobhadh. Tha tiotal le ceist mar 'Ciamar' no 'Carson' feumail airson ùidh an leughadair a ghlacadh.
- * Cleachd a' chiad pharagraf airson an cuspair a thoirt a-steach agus airson faclan chudromach a mhìneachadh.
- * Dèan cinnteach gu bheil do mhìneachadh furasta a leantainn.
- * Smaoinich am biodh dealbhan, diagraman no clàran feumail airson an cuspair a mhìneachadh.
- * Ma chleachdas tu faclan sònraichte, feumaidh tu beag-fhaclair.
- * A bheil deireadh soilleir air do mhìneachadh?
- * Nuair a tha thu deiseil, leugh do mhìneachadh, a' leigeil ort nach eil thu idir eòlach mun chuspair. A bheil e soilleir? A bheil e inntinneach? A bheil e a' dèanamh ciall?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh mìneachadh de rudeigin anns a bheil ùidh agad fhèin airson cuideigin nas òige na thusa aig nach eil mòran fios mun chuspair. Cleachd ceist le 'ciamar' no 'carson' mar thìotal. (m.e. Carson a tha e dorch air an oidhche?) Dh'fhaodadh tu na duilleagean-planaidh air duilleag-obrach 1 no duilleag-obrach 2 a chleachdadh, no dh'fhaodadh tu fhèin duilleag-planaidh a dhèanamh.
- Dh'fhaodadh a' chlann mìneachadh goirid a sgrìobhadh air iomadh cuspair. Uaireannan saoilidh iad an toiseach gum bi e furasta mìneachadh a sgrìobhadh ach gu math tric gheibh iad a-mach gu bheil mìneachadh caran doirbh! Brosnaich a' chlann gun a bhith dìreach a' freagairt nan ceist, ach a bhith a' feuchainn ri barrachd fiosrachadh agus mion-chunntas air a' chuspair a sgrìobhadh cuideachd. Dh'fhaodadh iad an duilleag-planaidh a chleachdadh gach turas airson structair a thoirt don mhìneachadh aca.
Seo liosta de chuspairean feumail airson tòiseachadh!
 - Carson a tha àireamhan-clàraidh air càraichean?
 - Ciamar a tha fios agad dè 'n uair a tha e?
 - Carson a bhios daoine a' fuireach ann an taighean?
 - Carson a bhios clann a' dol don sgoil?



- Carson a tha dealbhan ann an leabhraichean chloinne?
- Carson a tha faclair sgrìobhte ann an òrdugh na h-aibidil?
- Carson a bhios daoine a' cur orra aodach aotrom as t-samhradh?
- Carson a bhios gràineagan a' cadal tron gheamhradh?
- Ciamar a bhios baidhsagal ag obrachadh?
- Carson a tha leabharlann ann an tòrr bhailtean?
- Ciamar a bhios sinn a' snàmh?
- Carson nach fhaic sinn rionnagan tron latha?
- Carson a tha coimpiutairean ann an sgoiltean?
- Carson a bhios daoine ag ithe mheasan?
- Carson nach bi mathan geala a' fàs fuar anns an Artaig?



- Ciamar a bhios fhios aig an leughadair gu bheil na seòlaidhean deiseil?
Seo seòlaidhean airson trì rudan eadar-dhealaichte a ghabhas cleachdadh le buidhinn no leis a' chlas air fad. Tha puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan an dèidh gach fear.

a. Seo na faclan air an toirt bho chairt saidheans anns an t-sreath Uair, Fàs agus Atharrachadh le SCP (*Air fhoillseachadh sa Ghàidhlig le Acair 1994*). 'S e tiotal na cairt, 'Feuman Fàis'. Cuidichidh seo a' chlann gus faicinn gu bheil uaireannan àite do dhealbhan no diagraman ann an seòlaidhean gus an dèanamh nas fhurasta a leantainn!

Todhar

Cuiridh gàirnealair todhar dhan ùir. A bheil e gu dìofar ciamar a nì iad seo? Dèan soitheach fèin-uisgeachaidh a chumas sìol, ùir agus todhar.

1. Dèan soitheach uisge.
2. Dèan soitheach ùire.
3. Ceangail iad còmhla.
4. Cuir deich sìl cruithneachd anns gach soitheach:
 - a. ann an gainmheach a-mhàin
 - b. ann an gainmheach fo thodhar
 - c. ann an gainmheach 's todhar air a mheasgachadh

Clàraich àirde nan ògan cruithneachd air graf.

Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a sheall an sgrìobhadair dhuinn co mu dheidhinn a tha a' chairt seo?
- Carson a tha na seòlaidhean seo?
- An dèidh dhut na seòlaidhean seo a leughadh, an tuig thu gu soilleir dè tha agad ri dhèanamh?
- Dè am fiosrachadh eile a chuidicheadh tu gus sin a thuigsinn?
- A bheil thu a' smaointinn gum biodh dealbhan no diagraman gu feum anns na seòlaidhean seo? Carson?
- A bheil feum air dealbhan no diagraman ann an seòlaidhean an-còmhnaidh?


Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 1
- Lean an stiùireadh air a' chairt-obrach seo no air cairt-obrach eile. Dè cho furasta 's a bha i ri leantainn? An robh càil oirre nach robh soilleir? Dè na rudan a bha math mu dheidhinn an stiùiridh?

Todhar


Cuiridh gàirnealair todhar dhan ùir. A bheil e gu diofar ciamar a nì iad seo? Dèan soitheach fèin-uisgeachaidh a chumas sìol, ùir agus todhar.

1. Dèan soitheach uisge.



Botal
plastaig
2 liotar

2. Dèan soitheach ùire.




Àirde
ann an
cm

3. Ceangail iad còmhla.

4. Cuir deich sil cruithneachd anns gach soitheach:

- a) ann an gainmheach a-mhàinn
- b) ann an gainmheach fo thodhar
- c) ann an gainmheach 's todhar air a mheasgachadh



Clàraich àirde nan ògan cruithneachd air graf.

Latha dhen mhìos



b. Seo stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth a dhèanamh:


Mar a nì thu Bailiùn Àidhear-theth

Chaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth a dhèanamh ann an 1783 agus chaidh measgachadh de fhiodh, connlach, seann bhrògan agus feòil ghrod a chleachdadh airson daoine a chuideachadh gus sgèith.

Cha bhi fàileadh grod às a' bhailiùn air a bheil tuairisgeal sgeul air a dhèanamh an seo idir! Lean thusa an stiùireadh a leanas agus bidh thu fhèin a' seòladh gu h-àrd anns na speuran!


Feumaidh tu:


- Peansail
- Pàipear treasaidh
- Pìosan mòra de chairt thana
- Siosar
- Pàipear tissue dathach
- Glaodh
- Snàithlean cotain
- Tiormadair-gruaige cumhachdach
- Dealbh air template (faic an ath dhuilleag)




Na dh'fheumas tu a dhèanamh:

1. Treas an dealbh air an template (an ath dhuilleig).
2. Steig an treasaidh air a' chairt thana agus gearr a-mach an cumadh.
3. Cleachd an cumadh seo gus ochd cumaidhean a ghearradh às a' phàipear tissue.
4. Glaodh na h-oirean aig na h-ochd cumaidhean gus cruth bailiùn a dhèanamh.
5. Dèan basgaid (ann an cumadh bogsa), a-mach à cairt agus ceangail i ris a' bhailiùn le snàithlean cotain.
6. Nis, tha an t-àm ann am bailiùn agad fheuchainn a-mach! Cùm am bailiùn os cionn tiormadair-gruaige agus nuair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh air a shocair suas dhan adhar.





Dèan mòr, gu
meudachd A3



Puingean ri Dheasbad:

- Dè a tha an seòrsa teacsa seo a' sealltainn dhuinn? (*airson innse do chloinn/dhaoine, ann an dòigh simplidh, mar a nì iad bailiùn àidhear-theth*).
- Co aig a bhiodh ùidh anns an teacsa seo? (*Duine sam bith a tha airson bailiùn a dhèanamh. 'S dòcha daoine a' dèanamh pròiseact air gaoth no dòighean-siubhail.*)
- Dè seòrsa structair a tha air an teacsa? (*tiotal, ro-ràdh, fo-thiotalan, liosta, stiùireadh le àireamhan agus dealbhan*)
- Carson a tha clisg-phuing aig deireadh an t-seantans mu dheireadh san ro-ràdh? (*oir bidh fios aig an leughadair nach eil seo ceart agus gu bheil an sgrìobhadair a' dol thar fìirinn/ airson fealla-dhà a shealltainn*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Lean an stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth a dhèanamh. Dè cho furasta 's a bha an stiùireadh a leantainn? An robh càil ann nach robh soilleir gu leòr? Ma bha, ciamar a dhèanadh tu na b' fheàrr e?
- Dèan rannsachadh air bailiùnaichean àidhear-theth. Dè eile is urrainn dhut fhaighinn a-mach mun chiad bhailiùn? Dèan liosta de rudan a bu mhath leat fhaighinn a-mach mu bhailiùnaichean àidhear-theth mus tòisich thu air rannsachadh.
- Duilleag-obrach 2. Ceistean mun stiùireadh seo.
- Duilleag-obrach 3. A' cur cheumannan dhan òrdugh cheart.
- Dèan modail le breigichean, no le cairt, ach dèan notaichean fhad 's a tha thu ga dhèanamh airson cuimhneachadh dè rinn thu. Cleachd do notaichean airson stiùireadh a sgrìobhadh do chuideigin eile. Cuimhnich tiotal agus ro-ràdh a sgrìobhadh agus dèan cinnteach gu bheil do stiùireadh soilleir agus furasta a leantainn. Feuch a-mach air caraid e! An robh càil ann nach robh soilleir gu leòr? Ma bha, feuch an dèan thu nas fheàrr e.



C. Seo stiùireadh eile a nochd anns an iris chloinne “ 'SMATHSIN! ”



1 B' àbhaist do dhoileagan arbhar a bhith air an cleachdadh airson sìol a chumail sàbhailte gus an deigheadh a chur an ath-bhliadhna. Seo dòigh shìmplidh air gasan cruinneachd, eòrna no feur fhilteadh airson cuirp dhoileagan a dhèanamh.

2 Faigh 12 gas den lus a roghnaich thu. Dèan dà bhad dhiubh agus ceangail gach fear le snàth no ribean dathte.

3 Fill na gasan airson beagan òirlich. An uair sin dèan dà leth air agus fill gach bad air leth airson nan casan. Ceangail na cinn le snàithlean.

4 Dèan an aon rud leis a' bhad eile. Ceangail na dhà ri chèile le aon bhad an urra mar a tha am fear eile agus ceangail iad sa mheadhan le tuilleadh ribein.



Puingean ri Dheasbad:

- A bheil an stiùireadh seo furasta a leantainn?
- A bheil an dreach tarraingeach agus/ no feumail?
- A bheil na h-àireamhan nan cuideachadh?
- An tuigeadh tu an stiùireadh mura biodh na dealbhan ann?
- Dè an stoidhle sgrìobhaidh a th' air a chleachdadh – foirmeil no neo-foirmeil?
- Saoil carson a thagh an sgrìobhadair an stoidhle sin?
- A bheil liosta ann de na rudan a dh'fheumas tu? Dè th' agad ri dhèanamh airson faighinn a-mach dè dh'fheumas tu? A bheil sin doirbh no furasta a dhèanamh?
- Co aig a bhiodh ùidh anns an stiùireadh seo?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 4
- Lean an stiùireadh agus dèan doileag arbhair. Ciamar a chaidh dhut?
- Coimhead air an stiùireadh air an Duilleig Uaine de “ 'Smathsin” ann an irisean eile anns an leabharlann. Tagh fear dhiubh agus lean an stiùireadh.

d. Seo stiùireadh airson fiosrachadh fhaighinn. Tha e ri lorg aig deireadh bileag-fhiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba. Dh'fhaodadh sibh seo a chleachdadh mar phàirt de phròiseact air riaghailtean no riaghaltas.



A' faotainn a-mach tuilleadh

Ciamar a gheibh mi a-mach tuilleadh?

Is tric a tha e feumail fios a bhith agad mun Phàrlamaid agus na tha dol air adhart innte mus tèid thu an sàs no mus tog thu do ghuth. Tha dìofar dhòighean air tuilleadh fiosrachadh fhaighinn mun Phàrlamaid no mu dheidhinn dad sam bith sa bhileig seo.

1. Cuir fios gu Seirbheis Fiosrachaidh Phoblach na Pàrlamaid

Tha luchd-obrach an Fhiosrachaidh Phoblaich glè chuideachail. Tha iad comasach air ceistean a fhreagairt agus air ticeadan a chur air dòigh gus a' Phàrlamaid no comataidh fhaicinn ag obair. Faodaidh tu fios a chur thuca air a' fòn, le post-D, facs no ann an sgrìobhadh; tha mion-eòlas air cùl na bileig seo.

2. Tadhair air làrach-lìn na Pàrlamaid www.scottish.parliament.uk/gaidhlig


Tha an t-uabhas fiosrachaidh mun Phàrlamaid ri fhaotainn.

Am measg nan earrannan feumail tha:

- Dè tha dol?
- Mun Phàrlamaid
- BPhA
- Foghlam

3. Tadhair air do "Leabharlann Chompanaich" ionadail.

Tha aon "Leabharlann Chompanaich" anns gach sgìre an Alba. 'S e iad seo leabharlannan poblach a tha a' cumail fiosrachadh mun Phàrlamaid. Seach gu bheil goireasan eadar-lìn aca uile, faodaidh tu làrach-lìn na Pàrlamaid a ruigheachd no post-D a chur chun a' BPhA agad. Gheibh thu a-mach càite bheil an Leabharlann Chompanaich as fhaig' ort le bhith a' cur fios chun na Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich, a' coimhead air an làrach-lìn, no a' faighneachd anns an leabharlann ionadail agad.



4. Fritheil deasbad no coinneamh comataidh

Gheibh thu ticeadan airson a dhol a dh'fhaicinn BPhA ag obair anns an t-Seòmar Deasbaid no ann an coinneamhan comataidh ma chuireas tu fios chun na Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich.

Nam bu toil leat eadar-theangaire a thighinn còmhla riut air chuairt, cuir fios gu luchd-obrach an Fhiosrachaidh Phoblaich co-dhiù 2 sheachdain mus tèid thu ann.

5. Thig gu Ionad Tadhail Pàrlamaid na h-Alba

Tha sàr thaisbeanaidhean lèirsinneach agus eadar-ghnìomhach aig an Ionad Thadhail a bheir cothrom dhut eòlas mun Phàrlamaid a sgrùdadh cho luath no cho mall 's a thogras tu.

Anns an Ionad Thadhail tha Oifigich Cheistean Poblach a fhreagras do cheistean mun Phàrlamaid agus a chuireas air dòigh ticeadan dhut airson an t-Seòmair Dheasbaid agus airson choinneamhan comataidh. Gheibh thu diofar sheòrsachan fiosrachaidh feumail leithid fios-foidhlichean agus quizzichean do luchd-tadhail òga.

6. Coimhead a' Phàrlamaid air an eadar-lìon

Mura tèid agad air faighinn chun na Pàrlamaid chì thu deasbadan agus coinneamhan comataidh beò air an eadar-lìon aig

www.scottishparliamentlive.com



Stiùireadh (instructions)

Adhbhar: Airson sealltainn mar a nithear rudeigin

Structair :


- * Tìotal a' sealltainn dè thathar an dùil a dhèanamh
- Liosta de stuthan / acfhuinn air am bi feum
- Ceumannan anns an òrdugh anns am bu chòir dhaibh tachairt
- Gu math tric tha dealbhan no diagraman ann airson stiùireadh a dhèanamh nas soilleire

Stoidhle:

- * Tràth làthaireil
- * Gníomhairean aithneach, mar as trice (m.e. gabh, dèan)
- * Seantansan / ceumannan air an ceangal le faclan a' sealltainn cuin.

Eisimpleirean: * Tha tòrr stiùiridh cuideachd anns na cairtean SCAA Uair, Fàs agus Atharrachadh agus Dealan.

- Bruidhnibh mar chlas air càit' am faicear agus cuin a chleachdar seòlaidhean sgrìobhte. Dh'fhaodadh sibh 'brainstorm' a dhèanamh air a' bhòrd-dhubh. Seo feadhainn airson tòiseachadh:
 - air geamannan agus dèideagan
 - air stuthan airson ealain (m.e. modailean ri dhèanamh)
 - air innealan anns an taigh/sgoil (m.e. microwave, coimpiutar)
 - air a' choimpiutair fhèin fo 'Help'.
 - ann an leabhraichean sgoile (m.e. matamataig) agus cairtean-obrach
- Faighnich do na sgoilearan carson a tha e cudromach gu bheil seòlaidhean soilleir agus furasta an tuigsinn.
- Iarr air a h-uile sgoilear seòlaidhean a thoirt a-steach don chlas. (m.e. seòlaidhean airson gèam, coimpiutar, reasabaidh, inneal). Coimheadaibh còmhla air na seòlaidhean. Carson a tha iad? Dè cho soilleir 's a tha iad? Am b' urrainn dhan chloinn an leantainn? Dè tha math mun deidhinn? Dè nach eil cho math?
- Tha tòrr sheòlaidhean air na cairtean saidheans a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig le Acair ann an 1994 (m.e. Dealan, Uair, Fàs agus Atharrachadh.) Coimheadaibh air cairt mar chlas no mar bhuidhinn. Tro bhith a' leughadh feadhainn dhiubh seo, fàsaidh a' chlann nas cinntiche mun stoidhle sgrìobhaidh a tha freagarrach airson sheòlaidhean agus bidh cothroman aca beachdachadh air dreach agus soilleireachd gach tè.
Seo ceistean a ghabhadh cleachdadh le gin de na cairtean seo:
 - Dè an dreach a th' oirre?
 - A bheil an dreach a' dèanamh nan seòlaidhean soilleir?
 - A bheil dìreach faclan ann no a bheil diagraman, dealbhan, fotos agus/ no clàran ann cuideachd?
 - Ciamar a tha na seòlaidhean sgrìobhte? Ann am paragrafan, le puingean comharrachaidh, le àireamhan no litichean airson an t-òrdugh a shealltainn?
 - Ma tha dealbhan ann, a bheil iad nan cuideachadh don leughadair? Ciamar?
 - A bheil ceistean ann? Ma tha, saoil carson?
 - Ciamar a tha an cuspair air a thoirt a-steach – le tìotal no le seantans/ paragraf tòiseachaidh? Dè mu dheidhinn tìotal na cairt? A bheil e a' sealltainn gu soilleir cuspair na cairt?



Puingean ri Dheasbad:

- Chan eil na h-àireamhan a' sealltainn cheumannan an seo. Dè tha iad a' sealltainn? (*diofar dhòighean air fiosrachadh fhaighinn*)
- Stoidhle: dè an stoidhle a th' air a chleachdadh anns an teacsa seo? (*neo-fhoirmeil, mar gu bheil an sgrìobhadair a' bruidhinn ris an leughadair*).
- Dreach: A bheil an stiùireadh seo furasta a thuigsinn agus a leantainn? Ciamar a tha an dreach a' cuideachadh le sin? (*priomh phuingean ann an clò trom, barrachd fiosrachaidh air gach priomh phuig sgrìobhte ann am paragrafan*)
- Structair: Bruidhinn mun structair. A bheil an tiotal feumail? Co mu dheidhinn a tha an ro-ràdh?
- Dealbhan air a' bhileig seo. A bheil thu a' smaointinn gum biodh dealbhan riatanach no dìreach nan cuideachadh airson an fhiosrachadh seo a dhèanamh soilleir?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh stiùireadh leis an aon seòrsa dreach agus structair ri seo. Dh'fhaodadh tu stiùireadh a sgrìobhadh airson sealltainn ciamar a bhios daoine a' faotainn a-mach tuilleadh mu dheidhinn club spòrs, mun sgoil agad, mu dheidhinn cuirm-ciùil, fèis no fèill-rèic.

Gnìomhan eile don chloinn:

- Coimhead air seòlaidhean airson innealan eadar-dhealaichte. Lorg samhlaidhean a th' air an cleachdadh gu tric. A bheil fhios agad dè tha gach samhla a' ciallachadh. Tha ceistean mu dheidhinn seo air duilleag-obrach 5.
- Dèan stiùireadh airson gèam-bùird a chluich. Dh'fhaodadh tu faclan no dealbhan no measgachadh de dh'fhaclan agus dhealbhan a chleachdadh.
- Uaireannan tha stiùireadh air a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin, no le glè bheag de dh'fhaclan. Tha obair stèidhichte air seo air duilleag-obrach 6.
- Tagh fear de na rudan a leanas agus sgrìobh stiùireadh air a shon a bhios freagarrach do chlann nas òige na thusa:
 - a' togail taigh le sneachd
 - a' ceangal do bhrògan
 - a' coimhead an dèidh peata
 - a' cleachdadh leabharlann
 - a' tòiseachadh ann an clas 6 no clas 7
 - a' tòiseachadh spòrs ùr (tagh spòrs is toil leat fhèin)

Smaoinich mun stoidhle agus mun dreach a tha thu a' dol a chleachdadh. Ciamar a nì thu an stiùireadh tarraingeach agus furasta a leantainn? Cuimhnich ro-ràdh agus fiosrachadh gu leòr a sgrìobhadh.

- Ionnsaich ciamar a nì thu rudeigin ùr air a' choimpiutar a' cleachdadh 'Help' (m.e. An urrainn dhut an stiùireadh a leantainn? An urrainn dhut an stiùireadh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig ann an dòigh a tha furasta a leantainn?)
- Sgrìobh stiùireadh do chlann nas òige no do chuideigin nach do chleachd an coimpiutair roimhe, a' sealltainn ciamar a nì e/i rudeigin is urrainn dhutsa a dhèanamh mu thràth. Dèan cinnteach gu bheil an stiùireadh agad furasta a thuigsinn!
- Tha obair eile air sgrìobhadh stiùiridhean ann an Adhbharan Sgrìobhaidh 2 td.23.



Reasabaidh

Bruidhinn mu dheidhinn cuin agus carson a chleachdas daoine reasabaidhean. An do rinn a' chlann riamh rudeigin a' leantainn reasabaidh no an do dh'fheuch iad riamh ri biadh a dheasachadh gun reasabaidh? Càit am faigh iad reasabaidhean? Carson a tha e cudromach gun leugh iad reasabaidh gu cùramach mur do rinn iad am biadh sin roimhe?

a. Dh'fhaodadh an clas reasabaidh a leantainn gus rudeigin a dhèanamh anns a' chlas (m.e. taois no peant – gabhaidh iad seo an cleachdadh airson obair ealain anns a' chlas agus chan fheum sibh am bèiceireachd!) Sgrìobh an reasabaidh air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chlas no bhuidhinn an reasabaidh air fad a leughadh. An uair sin thoir dhaibh cothrom na gritheidean fhaighinn agus an taois no am peant a dhèanamh. Bruidhinn mu dè thachradh nan cuireadh iad cus uisge ann no mura cuireadh iad uisge gu leòr ann.

Taois

1 $\frac{1}{4}$ cupa min-fhlùir

$\frac{1}{2}$ cupa salainn

$\frac{1}{2}$ cupa uisge

Measgaich a' mhin-fhlùir agus an salann agus an uair sin measgaich a-steach am bùrn beag air bheag. Obraich an taois le do chorragan gus am bi i min.

Peant

Bleideagan siabainn


Uisge blàth

Dath-bidhe

Buail bleideagan siabainn agus uisge ri chèile gus am bi am measgachadh mar bhuntàta pronn. An uair sin cuir ris an dath bidhe beag air bheag gus am bi an dath a tha thu ag iarraidh agad.

An dèidh dhaibh an taois no am peant a dhèanamh, iarr orra an reasabaidh a sgrìobhadh bho chuimhne (a' dèanamh cinnteach nach fhaic iad an reasabaidh air a' bhòrd-dhubh!)

Dh'fhaodadh iad seo a dhèanamh còmhla ri caraaid agus dh'fhaodadh caraidean eile coimhead air airson faicinn a bheil an reasabaidh slàn agus soilleir gu leòr.



b. Seo reasabaidh eile – airson biadh an turas seo. Tha puingean ri dheasbad, ceistean agus duilleag-obrach ga leantainn.

Currain agus Snèap Phronn

(Tha gu leòr do cheathrar an seo)

Gritheidean

250g snèip

250g currain

35g ime no margarain


1 spàin-teatha pairseil mhìn (roghainn)

shalann agus piobar

Dòigh-deasachaidh

1. Glan agus rùisg na currain agus an t-snèap.
2. Geàrr na currain agus an t-snèap ann am pìosan beaga den aon mheudachd.
3. Cuir na currain agus an t-snèap ann am poit agus còmhdach iad le uisge fuar.
4. Cuir leth spàin-teatha de shalann dhan phoit cuideachd.
5. Thoir a' ghlasraich gu goil agus an uair sin goil iad air an socair airson còig mionaidean fichead.
6. Sìolaidh na currain agus an t-snèap gu math.
7. An uair sin cuir an t-ìm no am margarain agus craiteachan piobair dhan phoit. Pronn a h-uile rud gu math.
8. Cuir am biadh ann an soitheach freagarrach agus riaraidh e, a' crathadh pairseil mhìn air uachdar ma thogras tu.

Faodaidh tu am biadh seo a dhèanamh tràth air an latha a chionn 's gun gabh e ath-theasachadh san àmhainn nuair a tha thu ga iarraidh.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa bidhe a th' ann an currain agus snèap? (*glasraich*)
- A bheil pairseil riatanach airson an reasabaidh seo? Ciamar a tha fios agad? (*Chan eil. Tha e ag ràdh gur e 'roghainn' a th' ann – faodaidh tu a chur ann mas e do thoil.*)
- Mus geàrr thu na currain agus an t-snèap, dè dh'fheumas tu a dheanamh? (*Feumaidh tu an glanadh agus an rùsgadh.*)
- Ciamar a tha thu a' còcaireachd a' bhidhe seo? (*Tha thu ga ghoil ann am poit airson còig mionaidean fichead.*)
- Tha an reasabaidh ag ràdh gu feum thu na currain agus an t-snèap a shioladh. Dè tha seo a' ciallachadh? (*An t-uisge a leigeil dhiubh*)
- Aig an deireadh tha an reasabaidh ag iarraidh ort an t-ìm no am margarain agus am piobar a chur còmhla ris a' ghlasraich. Nad bheachdsa, dè am feum a nì na gritheidean seo? (*Cuiridh ìm, margarain no piobar blas nas fheàrr air a' bhiadh.*)
- Am feum thu am biadh seo ithe sa mhionaid mus tèid e dheth? Mìnich do fhreagairt. (*Chan fheum. Aig deireadh an reasabaidh tha e ag ràdh gu faod thu am biadh ath-theasachadh san àmhainn.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 1 (ceistean air an reasabaidh airson Currain agus Snèap Phronn)
(Stiùireadh do Thidsearan: *Tha ceist c ag iarraidh air a' chloinn na ceumannan a chur anns an òrdugh cheart. Cuir nan cuimhne gun gabh seantansan a sgrìobhadh ann an dòighean eadar-dhealaichte agus gu feum iad coimhead gu cùramach airson seantans anns an reasabaidh a tha a' ciallachadh an aon rud ri gach seantans anns a' cheist. Nuair a tha iad deiseil den cheist, brosnach iad gu bhith a' leughadh nan seantansan anns an òrdugh a thagh iad (i.e. 1 an toiseach airson dèanamh cinnteach gu bheil iad anns an òrdugh cheart.)*)
- Duilleag-obrach 2 (ag iarraidh air a' chloinn reasabaidh a dheasachadh)
- Thoir a-steach reasabaidhean (air an cruinneachadh bho chàirdean agus charaidean no bho leabraichean-còcaireachd aig an taigh no anns an leabharlann) agus tagh feadhainn airson eadar-theangachadh. Cleachd iad seo gu leabhar reasabaidhean Gàidhlig a chruthachadh. Dh'fhaodadh sibh seo a dhèanamh mar obair 'iomairt'. A bharrachd air a bhith a' leasachadh sgilean eadar-theangachaidh na cloinne agus a' leudachadh an comais ann a bhith a' leughadh agus a' sgrìobhadh stiùireadh, bheir seo cothrom dhaibh smaoineachadh mu thaisbeanadh – làmh-sgrìobhadh no air a' choimpiutair – agus an sgilean sgrìobhaidh is deasachaidh a leudachadh (m.e. a' sgrìobhadh ro-ràdh agus clàr-innse, a' dealbhachadh còmhach, a' taghadh dè bu chòir a dhol ann agus carson, a' dèanamh cinnteach nach eil mearachdan ann agus gu bheil na reasabaidhean furasta an leantainn etc.)

Faclan ri aithneachadh:

Gritheidean, stuthan, na ceumannan, dòigh-obrach
buill-acfhainn, spàin-teatha, spàin-bùird, celsius
measgaich, siolaidh, lìon cupa letheach, làn spàine



Stuthan feumail eile:

- Tha reasabaidhean air na SC cairtean (*Acair/ PRG 1994*) – Uair, Fàs agus Atharrachadh: (Ìm, logart agus Càise agus Còcairean agus Builgein) a neartachas tuigse na cloinne air faclan agus stoidhle a thathar a' cleachdadh ann an reasabaidhean fhad 's a tha iad ag ionnsachadh rud beag saidheans.
- Tha reasabaidhean nas doirbhe anns An Gaidheal Ùr a ghabhas cleachdadh airson faclan agus tuigse na cloinne a leudachadh.
- Uaireannan tha reasabaidhean Gàidhlig ri lorg air an eadar-lìon (m.e. bbc.co.uk/scotland/alba/foghlam/iomarud2)

Freagairtean airson duilleag-obrach 1

- a.**
1. Ann an leabhar còcaireachd, ann an cuid de phàipearan-naidheachd no ann an iris.
 2. Ann an stoidhle phearsanta. Tha an reasabaidh air a sgrìobhadh anns an tràth làthaireach (present tense) dìreach mar gur ann ort fhèin a thathas ag iarraidh an reasabaidh a dhèanamh.
 3. Tha na cinn-naidheachd ann an clò trom, tha loidhne air a chur fon h-uile ceann-naidheachd agus tha dreach an reasabaidh ann an ceumannan a tha air an àireamhachadh. Tha dealbh agus dreach ann airson do shùil a tharraing agus tha beàrn eadar na ceumannan gus nach tèid iad troimhe-chèile.
 4. 'S dòcha gum bi barrachd ùine agad anns a' mhadainn. 'S dòcha gum bi thu ag ithe cho luath 's a ruigeas tu an taigh an dèidh na sgoile no 's dòcha gum b' fheàrr leat a bhith a-muigh a' cluich feasgar na a bhith a' còcaireachd!
- b.** Airson dithis dh'fheumadh tu: 125g sneap, 125g currain, 15–20g margarain (ma sgrìobhas a' chlann 17.5g minich dhaibh gum biodh sin doirbh ri thomhais ged a tha iad ceart!), spàin-teatha peirseil mhìn agus salann agus piobar.
- c.** $f = 1$, $b = 2$, $a = 3$, $g = 4$, $c = 5$, $l = 6$, $h = 7$, $e = 8$, $d = 9$



Currain agus Snèap Phronn

(Tha gu leòr do cheathrar an seo)

Gritheidean

250g snèip

250g currain

35g ime no margarain

1 spàin-teatha pairseil mhìn (roghainn)

salann agus piobar

Dòigh-deasachaidh

1. Glan agus rùisg na currain agus an t-snèap.
2. Geàrr na currain agus an t-snèap ann am pìosan beaga den aon mheudachd.
3. Cuir na currain agus an t-snèap ann am poit agus còmhdach iad le uisge fuar.
4. Cuir leth spàin-teatha de shalann dhan phoit cuideachd.
5. Thoir a' ghlasraich gu goil agus an uair sin goil iad air an socair airson còig mionaidean fichead.
6. Sìolaidh na currain agus an t-snèap gu math.
7. An uair sin cuir an t-ìm no am margarain agus craiteachan piobair dhan phoit. Pronn a h-uile rud gu math.
8. Cuir am biadh ann an soitheach freagarrach agus riaraidh e, a' crathadh pairseil mhìn air uachdar mas e do thoil e.

Faodaidh tu am biadh seo a dhèanamh tràth air an latha a chionn 's gun gabh e ath-theasachadh san àmhainn nuair tha thu ga iarraidh.



Sgrìobhadh Earailach (*persuasive writing*)

Adhbhar: Airson beachd(an) sònraichte a chur air adhart

Structair :

- * Seantans/ paragraf tòiseachaidh a' toirt a-steach a' chuspair
- * Argamaidean le dearbhadh, adhbharan, statistics
- * Geàrr-chunntas den argamaid aig an deireadh

Stoidhle:

- * Tràth làthaireil
- * Puingean air an ceangal le abairtean a' sealltainn reusanachadh (*m.e. mar eisimpleir, ge-tà, Tha seo a' sealltainn gu ... , A bharrachd air sin ...*)
- * Cainnt bhrosnachail, a' guidhe air an leughadair rudeigin a dhèanamh no a chreidsinn.

Eisimpleirean:

- Litrichean ag iarraidh air cuideigin rudeigin a dhèanamh (eisimpleir 1)
- Colbh ann am pàipear-naidheachd a' feuchainn ri toirt air daoine rudeigin a chreidsinn no a dhèanamh (eisimpleir 2)

Eisimpleir 1: (litir) Seo litir a sgrìobh clann gu ceannard na sgoile.

Clas 7
Bunsgoil na Drochaid
Allt na Seilich

(Ceann-latha)

A Bh.Ph. Chamshròin chòir,

Cuspair: Leabhraichean ùra airson leabharlann na sgoile

Tha sinn uile a' faireachdainn gu làidir gum feum sinn leabhraichean ùra fhaotainn airson leabharlann na sgoile.

Tha iomadh adhbhar againn airson a' bheachd seo. Anns a' chiad dol a-mach, tha tòrr de na leabhraichean a tha anns an leabharlann a-nis gu math aosta agus tha cuid dhiubh a' tuiteam às a cheile. Chan eil na h-atlasan gu feum idir oir chan eil am fiosrachadh ceart annta a-nis. Feumaidh sinn leabhraichean a bheir dhuinn fiosrachadh ceart an latha an-diugh.

Anns an dara àite, chan eil gu leòr leabhraichean leughaidh ann airson clann ann an clas seachd. Tha cuid againn air a h-uile leabhar a leughadh mu thràth! Ged is toil leinn a bhith a' leughadh na h-aon nobhailean barrachd air aon turas, bhiodh e math nam biodh cothrom againn leabhraichean ùra le ùghdaran ùra a leughadh cuideachd.

A bharrachd air sin, chan eil ach glè bheag de leabhraichean Gàidhlig anns an leabharlann. Gu tric chan eil eadhon gu leòr ann airson buidheann leughaidh agus feumaidh sinn cothrom mu seach a ghabhail leabhar a thoirt dhachaigh. A-rithist, bhiodh e math leabhraichean ùra Gàidhlig de gach seòrsa fhaicinn anns an leabharlann bho àm gu àm: nobhailean, bàrdachd, leabhraichean fiosrachaidh agus irisean cuideachd.

Mar sin, tha sinn ag iarraidh oirbh beachdachadh air dòighean gus leabhraichean freagarrach ùra fhaotainn. Feumaidh sibh aontachadh gu bheil leughadh uabhasach cudromach do chlann ann an iomadh dòigh, ach ciamar a leughas sinn gu leòr ma tha sgeilpichean an leabharlann cha mhòr falamh?

Le deagh dhùrachd,

A h-uile duine ann an Clas 7




Puingean ri Dheasbad:

- Dè am beachd a tha clann Clas 7 a' cur air adhart anns an litir seo? (*gu bheil feum air leabhraichean ùra ann an leabharlann na sgoile*)
- Ciamar a tha an cuspair air a thoirt a-steach? (*le 'heading' agus leis a' chiad pharagraf*)
- Dè na trì argamaidean a bheir iad airson am beachd? (*Tha na leabhraichean aosta agus seann-fhasanta, chan eil gu leòr thiotalan ùra ann, chan eil gu leòr thiotalan Gàidhlig ann*)
- An lorg sibh dearbhadh airson nan argamaidean? (*tha cuid de na leabhraichean a' tuiteam às a cheile, leugh cuid dhiubh a h-uile leabhar mu thràth, chan eil gu leòr ann airson buidheann leughaidh*)
- Carson a chleachd iad ceist anns a' pharagraf mu dheireadh? (*airson toirt air an leughadair smaointinn mun chuspair*)
- Dè na h-abairtean a tha a' sealltainn reusanachadh? (*Tha iomadh adhbhar ann airson am beachd seo; anns a' chiad dol a-mach; oir; anns an dara àite; ged is toil leinn ... bhiodh e math; a bharrachd air sin; a-rithist; mar sin; feumaidh sibh aontachadh*)
- Dè tha iad a' guidhe air ceannard na sgoile a dhèanamh? (*beachdachadh air dòighean leabhraichean ùra fhaotainn*)
- Dè a' chainnt bhrosnachail a chleachd iad gu seo a dhèanamh? (*a' faireachdainn gu làidir, tha sinn ag iarraidh oirbh, feumaidh sibh aontachadh*)
- An do chleachd na sgrìobhadairean 'exaggeration' idir? (*Chleachd – sgeilpichean cha mhòr falamh*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 1 (ceistean mu litir earaileach)
- Sgrìobh litir earaileach gu ceannard na sgoile mu dheidhinn fear de na rudan seo:
 - cothroman airson spòrs anns an sgoil
 - coimpiutairean a' dol ceàrr an-còmhnaidh
 - cunnartan air an rathad ri taobh na sgoile
 - latha gun aodach sgoile airson carthannais
 - dinnearan sgoileCleachd an duilleag-planaidh air duilleag-obrach 2 airson plana a sgrìobhadh airson do litreach, no dèan suas plana leat fhèin.
- Sgrìobh litir earaileach gu cuideigin air a' chomhairle ionadail, a' guidhe air/ oirre rudeigin a dhèanamh mu fhear de na cuspairean seo:
 - sgudal anns a' bhaile
 - trafaig a' dol ro luath faisg air an sgoil
 - fèis-chiùil a chur air dòigh do dh'òigridh
 - pàirc spòrs a shàbhaladh bho luchd-togail
- Sgrìobh gu foillsichear a' guidhe air/ oirre sgeulachd a sgrìobh thu a chur an clò. Tagh an sgeulachd a b' fheàrr a sgrìobh thu am-bliadhna. Dèan cinnteach gun seall thu adhbharan carson a bu chòir dhaibh an sgeulachd seo fhoillseachadh. Faodaidh tu an duilleag-planaidh a chleachdadh no am plana agad fhèin a sgrìobhadh.



Eisimpleir 2: colbh ann am pàipear-naidheachd

Àm Cunnartach den Bhliadhna

Dè nì sibhse air an 5mh den t-Samhain am-bliadhna? An tèid sibh gu teine mòr anns a' phàirc? Am bi sibh a' cluich le sparklers anns a' ghàrradh? No an tèid sibh dhan ospadal ann an carbad-eiridinn?

Airson tòrr dhaoine 's e oidhche làn spòrs a th' ann an Oidhche Guy Fawkes ach 's e oidhche gu math cunnartach a th' innte cuideachd. Bu chòir dhuinn a h-uile rud a dhèanamh as urrainn dhuinn airson a dèanamh cho sàbhailte 's a ghabhas. Nam bheachd-sa, 's e an dòigh as fheàrr sin a dhèanamh gun a bhith a' reic teintean-èibhinn anns na bùthan.

Tha iomadh adhbhar agam airson a' bheachd seo. Anns a' chiad àite, tha tòrr dhaoine air an goirteachadh gu dona gach bliadhna ann an tubaistean le teintean-èibhinn. Ged a tha stiùireadh air teintean-èibhinn a' sealltainn ciamar a chleachdar ceart iad, tha e fada ro fhurasta rudeigin a dhèanamh ceàrr. Anns a' bhaile seo an-uiridh, chaidh duine a ghoirteachadh gu dona nuair a chaidh rocaid dheth mus d' fhuair e cothrom gluasad air falbh.

'S e an dàrna adhbhar gu bheil cuid a dhaoine ag iarraidh teintean-èibhinn a chur dheth airson fealla-dhà no airson trioblaid adhrachadh do nàbaidhean. Chan ann dìreach air Oidhche Guy Fawkes ach airson iomadh seachdain ro làimh agus an dèidh làimh cuideachd. Chan eil seo sàbhailte idir agus chan eil e math do bheathaichean. Ma tha teintean-èibhinn dìreach ann an aon àite air Oidhche Guy Fawkes fhèin, faodaidh daoine am peataichean a chumail a-staigh gus nach cuir am fuaim eagal orra. Ach tha e uabhasach doirbh peataichean a dhìon bho teintean-èibhinn ma tha iad a' dol dheth an-siud 's an seo airson seachdainean gun fhios do dhuine cuin no càite.

A bharrachd air sin, ged nach fhaod daoine fo aois 18 bliadhna teintean-èibhinn a cheannach, tha e doirbh dèanamh cinnteach nach fhaigh clann grèim orra ma tha iad air an reic ann an tòrr bhùthan. Chaidh còrr is fichead pàiste a losgadh gu dona anns an sgìre seo anns na trì bliadhna a dh'fhalbh is iad uile air grèim fhaighinn air teintean-èibhinn a cheannaich am pàrantan no a lorg iad a' laighe mun cuairt.

Mar sin, ged a chanadh cuid gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine teintean-èibhinn a cheannach ma tha iad ag iarraidh, nach eil e nas fheàrr clann agus peataichean a chumail sàbhailte? Chan eil mi ag ràdh nach bu chòir spòrs sam bith a bhith aig daoine air Oidhche Guy Fawkes, ach tha e tòrr nas sàbhailte teintean-èibhinn fhaicinn aig taisbeanadh sònraichte, le daoine a tha eòlach agus a tha air trèanadh fhaighinn gan losgadh. Anns an dòigh sin, chan fheum daoine eile na rudan spreigeach cunnartach seo a cheannach no a làimhseachadh idir. Faodaidh spòrs a bhith aca ann an sàbhailteachd.

Cia mheud eile a bhios air an goirteachadh gu dona mus sguir iad a' reic teintean-èibhinn anns na bùthan?



Puingean ri Dheasbad:

- Saoil carson a chaidh seo a sgrìobhadh?
- Dè seòrsa sgrìobhaidh a th' ann? (*earaileach*)
- An do dh'atharraich e do bheachdan fhèin air a' chuspair?
- Ciamar a tha an sgrìobhadh air a thoirt gu crìoch? (*le ceist*)
- A bheil thu a' smaointinn gur e deireadh freagarrach a tha seo? Carson?


Gnìomhan do Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 3 le ceistean mun teacs seo.
- Sgrìobh ann an dòigh earaileach airson beachd air fear de na cuspairean seo a chur air adhart airson cuairt-litir na sgoile. Faodaidh tu an duilleag-planaidh (duilleag-obrach 4) a chleachdadh no tè a dhèanamh suas leat fhèin. Cuimhnich gu bheil thu a' toirt aon bheachd seachad mun chuspair agus gum feum thu argamaidean, adhbharan, agus dearbhadh a chleachdadh agus cainnt bhrosnachail:

- Bu chòir sgioba ùr ball-coise a bhith ann do nigheanan
- Bu chòir leth-latha a bhith ann a h-uile Dihaoine
- Bu chòir an sgoil a bhith air a peantadh
- Bu chòir gàrradh a bhith anns an sgoil

Tha sgrìobhadh earaileach air a chleachdadh ann an iomadh gnè eile cuideachd:-

- Bileag-fiosrachaidh a' brosnachadh dhaoine a dhol gu tachartas no àite, no airgead a thoirt do charthannais (*faic eisimpleir A ann an 'Bileagan-fiosrachaidh'*)
 - Postair a' toirt air daoine rudeigin a cheannach no a dhèanamh (*faic aonad 'postair'*)
- Sanasan-reic (*faic aonad 'Sanasan-reic'*)



Sanasan-reic

Puingean airson Deasbad:

* Smaoinich ciamar a bhios sibhse a' toirt air cuideigin rudeigin a dhèanamh - pàrant, bràthair no piuthar, caraid, an tidsear!

* Carson a bha sibh a' feuchainn ri seo a dhèanamh?

* Am faca sibh riamh sanas-reic a thug oirbh rudeigin a cheannach - suiteis ùra, CD, aodach no eile - no a thug oirbh a dhol gu àiteigin - gèam ball-coise, club òigridh, bùth ùr no dùthaich eile airson làithean-saora?

* Ciamar a bhios ur pàrantan no tidsearan a' toirt oirbh rudeigin a dhèanamh - rum a sgioblachadh, cuideachadh le obair-taighe, obair nas sgiobalta a dhèanamh?

* Uaireannan tha e furasta toirt air daoine rudeigin a cheannach no a dhèanamh. Uaireannan, ged-tà, tha e gu math doirbh!

* Uaireannan bidh daoine a' sgrìobhadh **airson beachd a chur thairis no airson toirt air daoine rudeigin a dhèanamh** (m.e. sgrùdadh, airgead a thoirt do bhuidhinn carthannais).

Dòighean a thathar a' cleachdadh ann an sanasan:

Ceist	Am bu toil leibh £1,000,000 a bhuannachadh?
Gealladh	Bidh latha sgoinneil agaibh!
Stiùireadh	Ceannaich an-diugh e! / Dèan cinnteach ...
Ath-aithris	Fèill-reic! Fèill-reic! Fèill-reic!
Iarrtas	Is urrainn dhuibh cuideachadh.
Cuireadh	Thigibh chun na fèill-reice ...
Meudachadh	... as motha anns an t-saoghal!
Tairgse	Clann fo 10 an-asgaidh! / Faigh fear an-asgaidh!
Rabhadh	Na cail! Thig gu ...
Bagairt	Tha ròidean cunnartach.



Gnìomhan do na Sgoilearan:

a. Lorg pìosan sgrìobhaidh a tha a' feuchainn ri toirt air daoine rudeigin a cheannach no a dhèanamh: sanasan-reic, postairean, sanasan, leabhraichean mu làithean-saora agus mar sin air adhart.

1) Dè na sanasan a tha a' cleachdadh:

- * teacs ghoirid ach cumhachdach
- * dealbhan a bhios a' tarraing sùil an leughadair
- * gnìomhair aig toiseach na teacsa, a' toirt seachad òrdugh
- * buadhairean làidir
- * uaim (alliteration), samhlaidhean (similes) agus meataforan
- * fìrinnean agus figearan
- * faclan fasanta (buzz-words)
- * teacs agus/no dealbhan èibhinn
- * seòladh, làrach-lìn no àireamh fòn airson tuilleadh fiosrachaidh

2) Dè an sanas as tarraingiche dhutsa?


3) Carson? (coltas (layout), dealbh, teacs, measgachadh de rudan còmhla)


4) Cò an luchd-amais (target audience) a tha aig gach sanas?

5) Ciamar a tha fios agad? (faclan, dealbhan, stoidhle a chleachd an sgrìobhadair)

b. Dèan fear dhiubh seo. Dèan cinnteach gu bheil e tarraingeach don luchd-amais!

- 1) Dèan sanas no postair airson daoine a tharraing do chlub-òigridh no club spòrs.
- 2) Dèan sanas-reic airson bùth no cafaidh is toil leat.
- 3) Dèan postair airson rudeigin a tha a' tachairt anns a' bhaile agad.
- 4) Dèan postair airson luchd-turais a tharraing do dh'àite is toil leat.
- 5) Dèan sanas-reic airson dèideag, bhideo no CD is toil leat.
- 6) Sgrìobh bileag airson toirt air daoine gun a bhith a' smocadh.





Sanas-reic

Cuimhnich gu bheil thu a' feuchainn ri toirt air cuideigin rudeigin a cheannach no a dhèanamh!


Feuch cuid de na rudan seo:-

Teacs

- * teacs ghoirid ach cumhachdach * teacs èibhinn
- * teacs shoilleir a tha furasta ri leughadh
- * teacs fhreagarrach airson an luchd-amais
- * gnìomhair aig toiseach na teacs mar òrdugh
- * buadhairean làidir * meudachadh *ath-aithris
- * geallaidhean * tairgse * cuireadh * stiùireadh
- * ceist * iarrtas * rabhadh * bagairt
- * faclan fasanta * samhla no meatafor * uaim (alliteration)
- * fìrinnean agus figearan
- * fiosrachadh gu leòr!
- * seòladh, làrach-lìn agus / no àireamh fòn airson tuilleadh fiosrachaidh

Dealbhan agus Dreach

- * dealbhan a bhios a' tarraing sùil an leughadair
- * dealbhan èibhinn
- * dathan agus dreach tarraingeach
- * sgrìobhadh **dorcha**
- * sgrìobhadh ann an clò *Eadailteach*
- * teacs agus dealbhan soilleir a tha furasta ri fhaicinn



Deasbad (discussion)

Adhbhar: Airson argamaidean bho dhiofar thaobhan a chur air adhart

Structair :

- * A' tòiseachadh le bhith ag innse dè thathar a' deasbad
- * Argamaidean airson agus an aghaidh cuspair an deasbaid, le dearbhadh
- * Geàrr-chunntas agus co-dhùnadh

Stoidhle:

- * Tràth làthaireil
- * Sgrìobhadh mu dhaoine san fharsaingeachd le abairtean mar *Tha tòrr den bheachd, Canaidh cuid a dhaoine ...*
- * Puingeann air an ceangal le reusanachadh
- * Caint a bhios a' togail fhaireachdainnean agus beachdan nan leughadairean



Eisimpleir:

Snàmh – a bheil àite ann dha anns a' bhunsgoil?

A h-uile bliadhna bidh tòrr chlann sgoile ag ionnsachadh snàmh le leasan an a gheibh iad anns a' bhunsgoil, ach chan fhaigh a h-uile sgoilear an cothrom sin. Tha cuid a dhaoine a' smaointinn gum bu chòir a h-uile duine ann an clasaichean 5 gu 7 leasan snàimh fhaighinn gach seachdain, ach tha cuid eile ag ràdh gum biodh e na b' fheàrr an ùine a chosg ann an dòighean eile airson clann a chuideachadh.

Tha tòrr den bheachd gur e cur-seachad fìor mhath a th' ann an snàmh. Is toil leis a' chuid as motha de chlann e agus 's e deagh eacarsaich aerobic a th' ann, rud a tha feumail airson deagh shlàinte agus fallaineachd. Ma gheibh clann cothrom air snàmh uair san t-seachdain co-dhiù, bidh iad nas fallain agus mar sin, bidh iad nas toilichte.

A bharrachd air sin, tha leasan snàimh air leth cudromach airson clann a chumail sàbhailte. Mur urrainn dhaibh snàmh, tha clann an-còmhnaidh ann an cunnart faisg air uisge, ge b' e càite a bheil iad. Cia mheud duine a tha air am bàthadh gach bliadhna anns a' mhuir, no ann an loch no abhainn?. 'S e àite sàbhailte airson a bhith ag ionnsachadh a th' ann an amar-snàimh, le luchd-teagaisg math agus luchd-teasairginn gu leòr a nì cinnteach gu bheil clann sàbhailte anns an uisge. Tha obair-sgoile eile feumail, ach cha chuidich e pàistean a tha ann an cunnart ann an uisge. Cuidichidh comas snàimh iad ged-tà.

A dh'aindeoin sin, tha cuid den bheachd gu bheil an turas dhan amar-shnàimh a' toirt ro fhada agus gum biodh e na b' fheàrr an ùine a chleachdadh airson obair-sgoile. Mura bheil amar-snàimh faisg, tha deagh phàirt den latha air a thoirt suas eadar siubhal, faighinn deiseil agus an leasan fhèin. Chosgadh e cus amar-snàimh a thogail faisg gu leòr air a h-uile sgoil. Agus, ged is toil le tòrr e, chan eil snàmh a' còrdadh ris a h-uile duine. B' fheàrr le cuid a bhith a' faighinn eacarsaich ann an dòighean eile – ruith no aerobics no geamannan neartmhor mar bhall-coise – rudan nach toir cho fada ach a tha ceart cho math. Ma tha clann ag iarraidh snàmh, faodaidh iad a dhol gu leasan an dèidh na sgoile no gu club snàimh. A thaobh sàbhailteachd, dh'fhaodadh tidsearan deanamh cinnteach anns a' chlasrum gun tuig clann cho cunnartach 's a tha e a bhith faisg air uisge.

Is cinnteach gu bheil leasan snàimh a' cosg airgead agus ùine agus gu bheil tòrr rudan eile feumail a' tachairt ann am bun-sgoiltean. Tha e fìor cuideachd nach eil a h-uile sgoil faisg air amar-shnàimh. Ach tha snàmh cho math mar cur-seachad, a' toirt spòrs, fallaineachd agus sàbhailteachd do chlann, gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine ionnsachadh, eadhon ma tha sin a' ciallachadh gum feum tòrr amaran-snàimh ùra a bhith air an togail. Ma shàbhalas leasan snàimh beatha, is cinnteach gun fhiach iad a h-uile mionaid – agus a h-uile sgillinn.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè an cuspair a thathar a' deasbad an seo? (*am bu chòir clann ann an clasaichean 5-7 leasan an snàimh fhaighinn anns a' bhunsgoil*)
- A bheil an deasbad cothromach don dà thaobh – airson agus an aghaidh?
- A bheil reusonachadh agus dearbhadh ann airson taic a thoirt dhan a h-uile beachd?
- Dè an co-dhùnadh a th' aig an sgrìobhadair? Dè an t-adhbhar a thug e/i airson a' cho-dhùnaidh sin?
- Dè an diofar eadar sgrìobhadh earaileach agus deasbad? (*Tha sgrìobhadh earaileach a' sealltainn beachd an sgrìobhadair ach tha deasbad a' sealltainn dà thaobh den argamaid ann an dòigh chothromach.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 1
 - Dèan 'brainstorm' mar chlas de chuspairean airson deasbad.
 - Ann am buidhinn, tagh fear de na cuspairean sin agus dèan liosta de phuingean airson agus an aghaidh na h-argamaid. (*Dh'fhaodar seo a dhèanamh leis a' chlas air fad air a' bhòrd-dhubh, an àite ann am buidhnean.*)
 - Sgrìobh deasbad air a' chuspair, a' sealltainn **argamaid** air a shon agus na aghaidh agus co-dhùnadh. Cleachd an duilleag-planaidh air duilleag-obrach 2 airson do chuideachadh no dèan fhèin plana suas.
- Seo faclan a dh'fhaodadh a bhith feumail ma tha sibh a' sgrìobhadh deasbad:

Mar sin

A' gabhail a-steach

A dh'aindeoin sin

Ge b' e

Cuideachd

Tha tòrr den bheachd

A bharrachd air sin

Air an dòigh seo

Air an làimh eile

A' leantainn air an sin

Gu cinnteach

Canaidh cuid a dhaoine

Ged-tà

Ged a


Ged nach


Ach



Teacsaichean neo-fhicsean - Gníomhan eile do Sgoilearan

- Dh'fhaodadh sibh taisbeanadh a dhèanamh air teacsaichean neo-fhicsean, a' sealltainn nam prìomh phuingean mu gach seòrsa a thaobh adhbhair, structair agus stoidhle. Seo rudan a dh'fhaodadh sibh a chur dhan taisbeanadh:
 - Dè an gnè-sgrìobhaidh a th' ann agus dè an t-adhbhar a th' aige
 - Notaichean mu dheidhinn structair agus stoidhle a' ghnè
 - Liosta de fhaclan agus abairtean feumail
 - Planaichean agus chiad *drafts* a rinn cuid de na sgoilearan
 - Eisimpleir den t-seòrsa teacsa bho phàipear-naidheachd, iris, leabhar, coimpiutair (no earrann freagarrach bhon aonad seo)
 - Pìosan sgrìobhaidh a rinn cuid de na sgoilearan anns a' ghnè sin (ma dh'fhaodte le beachdan bhon tìdear no bho sgoilearan eile air dè tha math mun deidhinn)
- Nuair a tha clann cofhurtail le adhbhar, structair agus stoidhle àbhaisteach gach seòrsa teacsa, dèan cinnteach gun tuig iad gun gabh iad seo atharrachadh gu ìre, airson sgrìobhadh nas inntinniche a dhèanamh! (m.e. dh'fhaodadh paragraf goirid mu dheidhinn tachartas èibhinn a thighinn aig toiseach cunntais, le fiosrachadh mu dheidhinn cò, cuin is càite a' tighinn anns an ath pharagraf!
- Brosnaich a' chlann gu bhith coimhead a-mach airson teacsaichean neo-fhicsean de dhiofar ghnè. Cuir nan cuimhne gu bheil iomadh gnè tric a' tighinn còmhla ann an aon leabhar m.e. aithisg le stiùireadh ann.





Aithisg - duilleag-obrach 1

Ainm:

Carson a tha thu a' sgrìobhadh?

Cò an luchd-amais?

Tuairisgeul de:
(tiotal?)

Abairt farsaing airson an cuspair a thoirt a-steach:

Prìomh phuing 1:

Fiosrachadh inntinneach ceangailte ris/ eisimpleir:

Prìomh phuing 2:

Fiosrachadh inntinneach ceangailte ris / eisimpleir:

Prìomh phuing 3:

Fiosrachadh inntinneach ceangailte ris / eisimpleir:

Ciamar a chuireas mi crìoch air an aithisg?

Dealbhan feumail:

Faclan ri mìneachadh ann am beag-fhaclair:

Chleachd mi fiosrachadh bho:

Tìotal:

Ùghdar:

Foillsichear:

Faclan fheumail:



Aithisg-naidheachd - duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh an earrann seo on phàipear-naidheachd 'An Gàidheal Ùr' agus freagair na ceistean a leanas:

Mac an t-Saoir a' faighinn duais

Tha sgrìobhaiche Gàidhlig air duais chliùiteach fhaighinn.

Bhuannaich Màrtainn Mac an t-Saoir leabhar na bliadhna bhon "Saltire Society" agus chaidh seic luach £1,500 a thoirt dha.

'S e cruinneachadh de sgeulachdan goirid a tha ann an "Ath-aithne", a' chiad leabhar a chaidh fhoillseachadh fon phròiseact Ùr-sgeul, a tha ag amas air grunn leabhraichean ùr a thoirt air a' mhargaidh.

Buinidh athair Mhgr Mhic an t-Saoir do dh'Uibhist a Deas agus ged a chaidh a thogail ann an Lenzie thog e ùidh anns a' Ghàidhlig gu math tràth.

Thug e a-mach dreuchd dotaireachd ach chaidh e gu Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach gus cùrsa telebhisean a dhèanamh.

Chaidh grunn de na sgeulachdan aige a chraoladh air Radio nan Gàidheal agus tha e a-nise ag obair air cruinneachadh de bhàrdachd.

An Gàidheal Ùr, An Dùbhlachd 2003

- a.** 1. Carson a tha an ceann-naidheachd nas motha na an còrr den teacs?
2. A bheil a' chiad pharagraf a' toirt a-steach a' chuspair gu soilleir?
3. A bheil an aithisg ann an òrdugh a rèir eachdraidh?
4. Cia mheud paragraf a tha ann?
5. Dè a' phrìomh phuing a th' anns a' pharagraf mu dheireadh?
6. Cuir loidhne fon h-uile gnìomhair anns an tràth caithte a tha anns an aithisg seo.

b. Sgrìobh aithisg mu dheidhinn chuideigin anns a' chlas agad a bhuannaich duais airson sgrìobhadh, spòrs no ceòl. Faodaidh tu sgrìobhadh mu dheidhinn duais a bhuannaich thu fhèin ach dèan cinnteach gun sgrìobh thu anns an treas pearsa!

Dèan plana airson d' aithisg:

Ceann-naidheachd:

Abairt fharsaing airson tòiseachadh:

Prìomh phuingean: -

-

-



Cunntas - duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean a leanas:

Rìgh Alasdair III

B' e Alasdair III rìgh Alba o 1249 gu 1286. Bha e na rìgh làidir, agus ri linn bha Alba mar bu trice sìtheil, soirbheachail. Bha buaidh nan Ceilteach fhathast làidir. Bha ceangal math ri Sasainn, 's dòcha seach gum b' i piuthar Eideird I, Rìgh Shasainn, a bh' ann am bean Alasdair.

Bha cùisean math gus an do bhàsaich bean agus mic Alasdair aithghearr agus bha e a-nis, aig dà fhichead 's a' còig, gun mhac a leanadh e. Phòs e a-rithist aig Abaid Jedburgh, far an deach a' bhanais a mhilleadh, a rèir cuid, le cnàimhnich a thàinig chun an dannsa. Bha cuid den bheachd gun robh seo na rabhadh air dè an trioblaid a bha ro Alba. Bha a dhara bean, Yolande à Dreux, òg agus brèagha.

Air an 12 den Mhàrt 1286 bha an rìgh ann an Caisteal Dhùn Èidinn a' gabhail a bhìdh còmhla ri thriathan. Bha stoirm ann agus bha e a' fàs anmoch. Smaoinich e air a mhnaoi ann an Kinghorn, fichead mìle air falbh air droch rathaidean agus aiseag thar na h-Aibhne Duibhe. Chan èisteadh e ri comhairle na bha còmhla ris agus dh'fheuch e dhachaigh anns an stoirm. Fhuair e thar na h-aibhne sàbhailte, ach chaill e a chompanaich san dorchadas agus fhuaradh a chorp an ath latha aig bonn bearraidh. Bha Alba a-nis gun rìgh. Dh'fheuch Eideard I ri smachd fhaighinn air Alba, agus thòisich strì eadar Alba is Sasainn a mhair còrr is ceud bliadhna.

Td. 14 – 15 Alba ri Linn Bhirus le Màiri Spankie (Acair 1994)

1. Dè seòrsa sgrìobhaidh a tha seo?
2. A bheil e sgrìobhte ann an òrdugh a rèir eachdraidh?
3. Co mu dheidhinn a tha e?
4. Cuin a thachair tubaist an rìgh?
5. Càite an do phòs Rìgh Alasdair agus Yolande à Dreux?
6. Carson nach do dh'èist an rìgh ri a thriathan?
7. Ciamar a bhàsaich e?



b. Seo notaichean air tachartas eachdraidheil eile. Cleachd na notaichean gus cunntas a sgrìobhadh. Cuimhnich gun sgrìobh thu ann an òrdugh a rèir eachdraidh. Ma dh'fheumas tu barrachd fiosrachaidh, cleachd do sgilean rannsachaidh.

Na Bràithrean Wright

Wilbur Wright (Rugadh 1867; Chaochail 1912)

Orville Wright (Rugadh 1871; Chaochail 1948)

1896 – 1903: 3 plèanaichean-seòlaidh (gun einnsean) agus > 1000 turas-adhair

Cuin: 17 an Dùbhlachd 1903

Dè: Chiad turas adhair ann am plèana le einnsean – Flyer 1

Càite: Kitty Hawk, Carolina a Tuath

Cò: Orville Wright

Ciamar: Sios cnoc ghainmhich air spèilean; einnsean 12 mph; air a thogail leis a' ghaoith – shuas airson 12 diog - 37 meatairean

Carson: ùidh aca ann an aeronautics; an dùil gun cuireadh plèanaichean stad air cogaidhean – rud nach do thachair

Barrachd oidhirpean air an aon latha: Mu dheireadh Wilbur shuas airson 59 diogan;

260m: Thuit dhan ghainmhich: Plèana air a bhriseadh air slighe air ais dhan hangar.



Mineachadh - duilleag-obrach I

Ainm:

Seo duilleag-planaidh airson do chuideachadh le structair nuair a tha thu a' sgrìobhadh mineachadh air carson a thachras rudeigin. Cuimhnich dìreach notaichean a sgrìobhadh air an duilleag-planaidh - nas lugha na sia faclan anns gach bogsa.

Tìotal:

Tha mi ag iarraidh mineachadh carson ...

Tha diofar adhbharan ann airson seo. 'S e a' chiad adhbhar ...

'S e adhbhar eile ...

Cuideachd



Mar sin, tuigidh sibh carson ...

Dealbhan / diagraman feumail:

Faclan airson beag-fhaclair:



Mineachadh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Total:

Tha mi ag iarraidh mineachadh ciamar a bhios...

Bidh seo a' tachairt mar a leanas. Anns a' chiad àite ...

An dèidh sin...


Tha seo a' ciallachadh

Mar sin,

Dealbhan/ diagraman feumail:

Faclan airson beag-fhaclair:





Stiùireadh - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Coimhead air a' chairt 'Todhar'. A bheil na diagraman feumail don leughadair?

b. Minich do fhreagairt.

c. Dè a dh'atharraicheadh tusa airson a' chairt-obrach 'Todhar' a dhèanamh na bu shoilleire fhathast?

d. Faigh cairt-obrach le dealbhan agus diagraman. Sgrìobh a' chairt a-rithist gun dhealbhan no dhiagraman. Feumaidh tu barrachd stiùireadh a thoirt don leughadair tro na faclan a chleachdas tu. (m.e. dè fheumas tu, dè nì thu leotha, co ris a bhios e coltach). Cuimhnich tiotal, ro-ràdh agus dreach soilleir a chleachdadh.



Cùm a' dol air taobh eile na duilleige ma dh'fheumas tu barrachd a sgrìobhadh.



Stiùireadh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Leugh an stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth agus freagair na ceistean seo.

a.

1. Co aige am biodh ùidh anns an teacsa seo?

2. Càit' am faigheadh tu teacsa mar seo?

3. Coimhead air dreach na teacsa. Nad bheachd-sa, dè na comharraidhean a tha a' dèanamh an teacsa soilleir, tarraigeach agus furasta a leughadh?

4. Carson a tha ro-ràdh air an teacsa?

5a. Sgrìobh sìos na stuthan a chaidh a chleachdadh gus a' chiad bhailiùn a sgèitheadh.

5b. Carson is e stuthan mar seo a chaidh a chleachdadh aig an àm seo?

5c. Dè tha thu a' smaointinn a dh'fheumadh daoine a dhèanamh le na stuthan sin gus toirt air a' bhailiùn èirigh suas?



b. Dèan dìagram den bhailiùn a dhèanadh tusa le na stuthan a chaidh a chleachdadh ann an 1783. Dèan cinnteach nach cleachd thu ach rudan a bh' ann aig deireadh an ochdamh linn deug!

c. Leig ort gur tusa fear-dealbhachaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth seo. Air taobh eile na duilleige, sgrìobh plana airson seòlaidhean do chuideigin a tha ag iarraidh am bailiùn seo a dhèanamh. Coimhead air an dìagram a rinn thu ann an ceist **b.** airson do chuideachadh.

Nuair a tha do phlana deiseil, sgrìobh na seòlaidhean gu soilleir air pìos pàipeir eile. Smaoinich gu cùramach mun dreach a b' fheàrr.



Stiùireadh - duilleag-obrach 3

Ainm:

Bailiùn àidhear-theth

a. Sgrìobh na ceumannan a leanas anns an òrdugh cheart le bhith a' cur 1 - 9 aig toiseach gach ceum.

Fhad 's a tha a' ghlaodh a' tiormachadh, cleachd barrachd cairt gus bogsa a dhèanamh.

Geàrr ochd cumaidhean às a' phàipear tissue, a' cleachdadh a' chumaidh seo mar template.

Nuair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh suas air a shocair.

Faigh gach stuth a dh'fheumas tu.

Ceangail am bogsa seo ris a' bhailiùn le snàithlean cotain, mar bhasgaid.

Steig an treiseadh air a' chairt thana agus geàrr a-mach an cumadh.

Feuch am bailiùn a-mach le a bhith ga chumail os cionn tiormadair-gruaige.

Cuir am pàipear treisidh thar an template agus treis an cumadh le peansail.

Steig oirean nan ochd cumaidhean ri chèile ann an cruth bailiùn.


b. Dèan diagram beag ri taobh ceum sam bith a tha feumach air, nad bheachd-sa.



Stiùireadh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo stiùireadh a nochd anns an iris chloinne "Smathsin". Leugh an stiùireadh agus freagair na ceistean a leanas.



1 B' àbhaist do dhoileagan arbhar a bhith air an cleachdadh airson sìol a chumail sàbhailte gus an deigheadh a chur an ath-bhliadhna. Seo dòigh shìmplidh air gasan cruinneachd, eòrna no feur fhilteadh airson cuirp dhoileagan a dhèanamh.

2 Faigh 12 gas den lus a roghnaich thu. Dèan dà bhad dhiubh agus ceangal gach fear le snàth no ribean dathte.

3 Fill na gasan airson beagan òirlich. An uair sin dèan dà leth air agus fill gach bad air leth airson nan casan. Ceangail na cinn le snàithlean.

4 Dèan an aon rud leis a' bhad eile. Ceangail na dhà ri chèile le aon bhad an urra mar a tha am fear eile agus ceangail iad sa mheadhan le tuilleadh ribein.



a. 1. A bheil an stiùireadh seo furasta a thuigsinn?

2. Càite bheil an ro-ràdh airson an stiùiridh seo?

3. Carson a chuir an sgrìobhadair dealbhan ris?

4. Carson nach eil liosta ann de na rudan a dh'fheumas tu?

5. Co aig a bhiodh ùidh anns an teacsa seo?

b. Lean an stiùireadh agus dèan doile arbhair. An robh an stiùireadh furasta a leantainn?

c. Air taobh eile na duilleige, dèan plana airson stiùireadh air ciamar a nì thu aghaidh-choimheach. Dèan plana airson sgrìobhadh agus dealbhan. Smaoinich mun dreach, stoidhle, luchd-amais. Nuair a tha am plana deiseil, sgrìobh an stiùireadh air pìos pàipeir eile. Cuimhnich a dhèanamh tarraingeach agus furasta a leantainn!




Stiùireadh - duilleag-obrach 5

Ainm:


Seo samhlaidhean a bhios a' nochdadh tric ann an stiùireadh airson innealan eadar-dhealaichte. A bheil fhios agad dè tha gach samhla a' ciallachadh? Maids na samhlaidhean ris an stiùireadh cheart.




Seo an dòigh cheart air a dhèanamh.




Bi faiceallach! Dealan!




Thoir an aire!



Na dèan seo!



Tha an t-inneal seo a' cumail ri stiùireadh Eòrpach air sàbhailteachd.



Suids Air/ Dheth



Leugh an leabhar-stiùiridh gu cùramach.








Stiùireadh - duilleag-obrach 6

Aimn:

a. Uaireannan tha stiùireadh air a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin, no le glè bheag de sgrìobhadh. An urrainn dhut an stiùireadh seo a leantainn gus nathair a dhèanamh? Feuch e!

Nathair le Pasta



1. An robh an stiùireadh furasta a leantainn?

.....

2. Nad bheachd-sa, am biodh e na b' fhasa le barrachd fhacal?

.....

3. Sgrìobh stiùiridhean airson nathair a dhèanamh le pasta airson a dhol còmhla ri na dealbhan seo. Nuair a tha thu toilichte leis an stiùireadh agad, ath-sgrìobh e air pìos pàipeir eile gus cairt-obrach a dhèanamh. Cuir dealbhan ris an stiùireadh.



Stiùireadh - duilleag-obrach 7

Ainm:

a. An urrainn dhut stiùireadh a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin? Leugh an stiùireadh seo agus an uair sin dèan dealbhan no diagraman air pìos pàipeir eile. Feumaidh na dealbhan sealltainn gu soilleir dè na rudan a dh'fheumas tu, ciamar a nì thu an rud agus dè an t-òrdugh anns an dèan thu e.

Taigh-cluiche do Phupaidean

Feumaidh tu: bogsa, pàipear dathte, peantaichean acrylic, bruis peantaidh, siosar, glaodh

Stiùireadh:

1. Dèan uinneag air bonn a' bhogsa. An toiseach dèan ceart-cheàrnach aig aon cheann den bhogsa air an taobh a-staigh. Geàrr taobhan fada a' cheart-chearnaich. An uair sin dèan còmhdhaichean-uinneige le bhith a' gearradh o mhullaich na h-uinneige chun a' bhuinn. Paisg na còmhdhaichean air ais.
2. Peant am bogsa agus na còmhdhaichean-uinneige le dathan soilleir agus pàtranan brèagha. Na dìochuimhnich taobh a-staigh na còmhdhaichean a pheantadh!
3. Dèan cùrtairean dhan taigh-cluiche le pàipear dathach. Steig aon chùrtair ri mullach an taigh-cluiche agus cùrtair eile fon uinneig.



b. 1. A bheil an stiùireadh seo furasta a leantainn?

2. Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?

c. 1. Dè seòrsa stiùiridh as fheàrr nad bheachd-sa; sgrìobhadh a-mhàin, dealbhan a-mhàin no sgrìobhadh agus dealbhan còmhla?

2. Minich do fhreagairt.

d. Dèan fhèin taigh-cluiche a-nis!



Mar a nì thu Bailiùn Àidhear-theth



Chaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth a dhèanamh ann an 1783 agus chaidh measgachadh de dh'fhiodh, connlach, seann bhrògan agus feòil ghrod a chleachdadh airson daoine a chuideachadh gus sgèith.

Cha bhi fàileadh grod às a' bhailiùn air a bheil tuairisgeul air a dhèanamh an seo idir!

Lean thusa an stiùireadh a leanas agus bidh thu fhèin a' seòladh gu h-àrd anns na speuran!

Feumaidh tu:

- Peansail
- Pàipear treasaidh
- Pìosan mòra de chairt thana
- Siosar
- Pàipear tissue dathach
- Gladh
- Snàithlean cotain
- Tìormadair-gruaige cumhachdach
- Dealbh air template





Na dh'fheumas tu a dhèanamh:

1. Treas an dealbh air an template.
2. Steig an treasadh air a' chairt thana agus geàrr a-mach an cumadh.
3. Cleachd an cumadh seo gus ochd cumaidhean a ghearradh às a' phàipear tissue.



4. Glaoth na h-oirean aig na h-ochd cumaidhean gus cruth bailiùn a dhèanamh.
5. Dèan basgaid (ann an cumadh bogsa), a-mach à cairt agus ceangail i ris a' bhailiùn le snàithlean cotain.
6. Nis, tha am t-àm ann am bailiùn agad fheuchainn a-mach!
Cùm am bailiùn os cionn tiormadair-gruaige agus an uair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh air a shocair suas dhan adhar.





Reasabaidh - duilleag-obrach 1

Ainm:

Coimhead air an reasabaidh airson Currain agus Snèap Phronn agus freagair na ceistean seo:

- a. 1. Càite am faigheadh tu an t-seòrsa teacsa seo?

2. Dè seòrsa stoidhle anns a bheil an teacsa seo air a sgrìobhadh?

3. Ciamar a tha am fiosrachadh a tha anns an reasabaidh seo air òrdanachadh airson a bhith furasta dhuinn a leughadh?

4. Aig bonn an reasabaidh tha e ag ràdh gum faod thu am biadh a dhèanamh tràth air an latha? Cuin a bhiodh seo feumail?

b. Tha an reasabaidh a' sealltainn dè na grìtheidean a dh'fheumas tu airson ceathrar dhaoine. Sgrìobh dè na dh'fheumadh tu de gach grìtheid nan robh thu ag iarraidh gu leòr airson dìthis.

c. Cuir na seantansan a leanas anns an òrdugh cheart le a bhith a' cur nan àireamh 1 - 9 anns na bogsaichean cearta.

1. Geàrr na currain agus an t-snèap nam bìdeagan beaga.

2. Nigh agus rùisg a' ghlasraich.

3. Cuir salann dhan phoit.

4. Cuir am biadh ann an soitheach agus crath peirseil mìn air uachdar.

5. Meagaich ìm agus piobar còmhla ris a' ghlasraich.

6. Cruinnich na grìtheidean còmhla.

7. Cuir a' ghlasraich ann am poit agus dòirt uisge fuar orra.

8. Sìolaidh na currain agus an t-snèap.

9. Goil a' ghlasraich air an socair airson còig mionaidean fichead.



Alastair a ghràidh,


Bha mi uabhasach toilichte cluinntinn gu robh thu airson cèic a dhèanamh dha do mhàthair. Tha mi a' smaointinn, mas math mo chuimhne, gur i seo a' chèic a b' fheàrr leatha nuair a bha i beag. Feumaidh tu tiona domhainn cruinn agus feumaidh tu a shuathadh le ìm (gus nach steig a' chèic ris) agus feumaidh tu 400g ùbhlán. Buail ìm agus siùcar ri chèile ann am bòbhla gus am bi iad aotrom - 's e sin 125g ìme agus 175g siùcair agus an uair sin measgaich 2 ugh a-steach beag air bheag. 'S e siùcar donn as fheàrr. Measgaich min (225g) a-steach agus 2 spàin-teatha de phùdar-fuine agus spàin-teatha no dhà de spìosraidh. Tha mi smaointinn gur e caineal a chuireadh mise ann. An uair sin feumaidh tu ùbhlán a chur ann. Feumaidh na h-ùbhlán a bhith air an rùsgadh agus air an gearradh ann am pìosan beaga. Nuair a tha iad uile air am measgachadh a-steach cuir am measgachadh dhan tiona agus cuir e dhan àmhainn airson 1 1/2 uair. Cuimhnich an àmhainn a theasachadh mus tòisich thu air a' chèic gus am bi i deiseil. Feumaidh e bhith aig 170°C. Nuair a tha i deiseil cuir air treidhe fuarachaidh i agus nuair a tha i fuar cuir rud beag mil agus siùcar air a mullach - nì spàin-bùird de gach fear an gnothach!

An dòchas gun còrd seo riut agus ri do mhàthair. An cùm thu pìos beag dhòmhsa?

Mòran taing a ghràidh,

Granaidh xxx





Reasabaidh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Bha Alastair ag iarraidh cèic shònraichte a dhèanamh dha mhàthair agus dh'iarr e air a seanmhair reasabaidh a chur thuige. Air an ath dhuilleig, tha an reasabaidh a fhuair e, ach tha e rud beag troimhe-chèile agus doirbh a leantainn. Leugh an reasabaidh, seòrsaich a-mach na grìtheidean agus an dòigh-obrach agus ath-sgrìobh an reasabaidh gu h-ìosal, ga òrdanachadh ann an dòigh soilleir gus am bi e furasta do dh'Alastair a leantainn.

Sgrìobhadh earraileach - duilleag-obrach 1

Ainm:

Seo pàirt de litir a sgrìobh clann ann an Clas 6 gu ceannard na sgoile.
Leugh i agus freagair na ceistean a leanas:

A Mhgr Grand chòir,

Nach leig sibh le Clas 6 falbh air turas sgoile am-bliadhna? Tha sinn a' faireachdainn gum biodh turas gu Dùn Èideann gu math fèrmail dhuinn.

Tha iomadh adhbhar againn airson seo. Anns a' chiad àite, chan eil e cothromach nach fhaigh sinne cothrom a dhol air turas sgoile nuair a gheibh clasaichean eile an cothrom. Tha sinne a' cheart cho modhail ri na clasaichean eile. Bidh sinn ag obair gu cruaidh fad na bliadhna agus a' cuideachadh clann nas òige agus tidsearan. Anns an dara àite, bu mhath leinn Dùn Èideann fhaicinn oir 's e prìomh bhaile na dùthcha a th' ann. Cha robh ach dìthis anns a' chlas riamh ann an Dùn Èideann roimhe, ach tha fios againn gu bheil tòrr rudan inntinneach ri fhaicinn ann.

A bharrachd air sin, bhiodh turas gu Dùn Èideann gar cuideachadh gu mòr barrachd ionnsachadh mu dheidhinn Màiri Bannrigh na h-Alba. 'S e sin ar prìiseact an teirm seo. Tha ar tidsear an-còmhnaidh ag ràdh gum bu chòir dhuinn Lìchairt Holyrood fhaicinn. Dh'fhaodadh sinn dealbhan a thogail agus fiosrachadh a chruinneachadh. Mar sin, dh'fhaodadh sinn sgrìobhadh nas fheàrr a dhèanamh an dèidh an turais.

Tha sinn a' guidhe oirbh smaoinichadh mu dheidhinn seo agus leigeil leinn falbh. Tha fios againn gu bheil e a' dèanamh ciall!

Le gach deagh dhìrreachd
Clas 6



1. Carson a sgrìobh Clas 6 an litir seo?
2. Dè na trì argamaidean a chuir iad air adhart anns an litir?
3. Dè an argamaid as fheàrr nad bheachd-sa?
4. Dè an reusanachadh no dearbhadh a sgrìobh iad airson na h-argamaid sin?
5. Cuir loidhne fon h-uile abairt a tha a' brosnachadh an leughadair rudeigin a dhèanamh.
6. Dè am freagairt a tha thu a' smaoinichadh a gheibh iad bho ceannard na sgoile?
7. Carson a tha thu a' smaoinichadh gum freagair e mar sin?
8. Sgrìobh litir a' guidhe air do thidsear an clas a thoirt air turas do dh'aiteigin a tha cudromach airson pròiseact a' chlas. Dèan plana de na h-argamaidean agad mus tòisich thu.



Sgrìobhadh earaileach - duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo frèam-sgrìobhaidh airson litir earaileach. Lìon a-steach e ann an notaichean, a' sealltainn nam prìomh phuingean. Cleachd na notaichean airson litir a dhèanamh suas nad cheann. Nuair a tha thu cinnteach gu bheil na h-argamaidean agad soilleir agus furasta a leantainn, sgrìobh an litir na dreach deireannach. Cuimhnich seòladh agus ceann-latha a chur rithe!

A chòir,
Tha mise làidir den bheachd

Tha iomadh adhbhar agam airson a' bheachd seo.
An toiseach,

Dearbhadh / reusanachadh:

Anns an dara àite,

Dearbhadh / reusanachadh:

Mu dheireadh,

Dearbhadh / reusanachadh:

Mar sin, bu mhath leam iarraidh oirbh ...

Tha mi an dòchas gun ...

Le gach deagh dhùrachd,



Sgrìobhadh earraileach - duilleag-obrach 3

Ainm:

Leugh an earrann 'Àm cunnartach den Bhliadhna' agus freagair na ceistean seo.

- a.** 1. Dè seòrsa sgrìobhaidh a th' anns an earrainn?
2. Dè an tràth anns a bheil i sgrìobhte?
3. Càit' am faiceadh tu sgrìobhadh mar seo?
4. Dè do bheachd air an tiotal?
5. Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri toirt air daoine a dhèanamh?
6. Carson a tha ceistean anns a' chiad pharagraf?
7. Dè na h-argamaidean a tha an sgrìobhadair a' cur air adhart?
- 6.a) An do chleachd an sgrìobhadair statistics idir airson a reusanachadh a dhearbhadh?
- b) Thoir eisimpleir:
7. A bheil thusa ag aontachadh le beachd an sgrìobhadair?
8. An do dh'atharraich an earrann seo do bheachdan air teintean-èibhinn ann an dòigh sam bith?



Minich do fhreagairt:

a. Dealbhaich postair a sheallas prìomh bheachd an sgrìobhadair seo.
Cuimhnich gun a bhith cur cus fhaclan air a' phostair. Tagh faclan
brosnachail, dealbhan agus dreachd a ghlacas sùil an luchd-amais.



Sgrìobhadh earaileach - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo frèam-sgrìobhaidh airson sgrìobhadh earaileach.

Tìotal:

Ged nach aontaicheadh a h-uile duine, tha mise ag iarraidh a ràdh ...

Tha iomadh adhbhar agam airson a' bheachd seo.
'S e mo chiad adhbhar ...

(dearbhadh/reusanachadh)

Cuideachd ...

(dearbhadh/ reusanachadh)

A bharrachd air sin ...

(dearbhadh/ reusanachadh)



Mar sin, ged a chanadh cuid a dhaoine ...

Tha mi a' smaointinn gu bheil mi air dearbhadh



Deasbad

- duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh an deasbad mu dheidhinn snàmh ann am bunsgoiltean agus cuir loidhne fon fhreagairt as fheàrr:

1. Ann an deasbad, bidh an sgrìobhadair a' sealltainn:-
 - a) a b(h)eachd fhèin
 - b) beachd chuideigin eile
 - c) barrachd air aon bheachd
2. 'S e cuspair an deasbaid seo:-
 - a) am bu chòir a h-uile duine leasan snàimh fhaighinn
 - b) am bu chòir clann ann an clasaichean 5 gu 7 leasan snàimh fhaighinn
 - c) am bu chòir amar-snàimh a bhith anns a h-uile sgoil
3. Aig toiseach deasbaid bidh an sgrìobhadair:-
 - a) ag innse dè thathar a' deasbad
 - b) a' cur a b(h)eachd fhèin an cèill
 - c) a' dèanamh co-dhùnadh mun chuspair
4. Tha deasbad mar as trice sgrìobhte anns an tràth:-
 - a) chaithte
 - b) làthaireil
 - c) theachdail
5. Anns an deasbad seo, tha an sgrìobhadair ag ràdh gu bheil:-
 - a) a h-uile duine den aon bheachd mu dheidhinn snàmh do chlann sgoile
 - b) cuid a dhaoine a' smaoinichadh nach eil ùine gu leòr ann airson leasan snàimh
 - c) cuid a dhaoine ag ràdh gu bheil leasan snàimh a' cosg cus airgid



6. Tha an sgrìobhadair ag ràdh gu bheil e fhèin den bheachd:-

- a) gu bheil leasanan-snàimh a' toirt suas cus ùine
- b) gu bheil geamannan eile nas fheàrr na snàmh do chlann sgoile
- c) gum bu chòir cothrom a bhith aig clann snàmh ionnsachadh

7. Aig deireadh an deasbaid tha an sgrìobhadair a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh:-

- a) gum bu chòir clann snàmh ionnsachadh an dèidh na sgoile
- b) gun fhiach e airgead agus ùine a chosg air leasanan snàimh
- c) nach fhiach e airgead agus ùine a chosg air leasanan snàimh

b. Sgrìobh paragraf a' sealltainn do bheachd fhèin air a' chuspair a thathar a' deasbad an seo.



Deasbad

- duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo duilleag-planaidh airson do chuideachadh nuair a tha thu a' dol a sgrìobhadh deasbad.

Puing deasbaid/ tiotal:

Geàrr-chunntas **air dà thaobh** an deasbaid:

Airson:

An aghaidh:

Argamaidean **airson**:

1.

Reusanachadh:

1.

Reusanachadh:

Argamaidean **an aghaidh**:

1.

Reusanachadh:




1.
Reusanachadh:

2.
Reusanachadh:

Geàrr-chunntas:

Co-dhùnadh:

Reusanachadh:



Feòir

Is e feur fear de na lusan as cumanta air an t-saoghal agus tha diofar sheòrsachan ri lorg ann an àiteachan eadar-dhealaichte, bho chòmhnard gu mullach bheanntan, 's bho bhogalaich gu fàsaichean. Tha cunntas againn air mu 10,000 seòrsa feòir. Ged nach saileadh tu an toiseach, 's e lus flùrach a th' ann am feur, le duilleagan caola agus chan eil flùr-bhileagan air na flùran.

A thuilleadh air a luach mar bhiadh agus mar fhasgadh do mheanbh-fhrìdean agus bheathaichean beaga, tha feur a' dìon craiceann na talmhainn. Ann an àiteachan far nach eil feur a' fàs no far a bheilear air cur às dha, tha gaoth agus uisge dualtach falbh leis an ùir. Uaireannan tha seo ag adhbhrachadh maoin-slèibhe mhòra de thalamh neo-sheasmhach.

Tha daoine air a bhith a' cur iomadh seòrsa feòir airson am feumalachd fhèin - 's e feur a th' ann an cruinneachd, eòrna agus coirce. Tha tuathanaich a' cur diofar sheòrsachan feòir airson am beathaichean. Tha cuid dheth a tha iad ag ithe fhad 's a tha e a' fàs agus tha cuid air a ghearradh agus air a thiomachadh airson fodar dhaibh ann am mìosan a' gheamhraidh nuair nach eil am feur a' fàs.

Bho cairt 3.4 Croit/ Tuathanas – Aonad Àrainneachd (Acair 1991)



Dragh mu atharrachadh sìde

Nochd draghan gum faodadh pàirtean de na h-Eileanan an Iar a bhith air an call air sgàth 's mar a tha a' mhuir a' sìor èirigh.

Tha aithisg ùr ag ràdh gun tig irean na mara an-àirde eadar naoi agus 69 ceudameatair sna 100 bliadhna a tha romhainn.

Thuirteach neach-gairm Comhairle nan Eilean Siar, Ailig Dòmhnallach: “Tha sinn mar-thà a' faicinn làn gu math àrd ann an cuid a dh'aitichean anns na h-eileanan agus tha sin air leantainn gu eathraichean a bhith air an

glusad bhon àite anns an deach an ceangal.

“Le làn nas àirde, dh'fhaodadh sinn barrachd crionaidh fhaicinn air ar cladaichean. Dh'fhaodadh pàirtean dhe na h-Uibhistean a bhith fo uisge ma tha an làn gu bhith nas àirde.”

Chaidh an aithisg ullachadh dha Oifis na Sìde le Comhairle Bhreatainn is Èirinn. Chleachd Mgr Dòmhnallach a bhith ag obair dha Oifis na Sìde ann an Steòrnabhagh e fhèin.

An Gàidheal Ùr, Àireamh 67, An Lùnastal, 2003



Pròiseact ùr ciùil a' fosgladh stòras phrìseil na Gàidhealtachd

Chaidh pròiseact ùr a thòiseachadh bho chionn ghoirid a thatar an dòchas a chuireas ceòl na Gàidhealtachd agus tàlant an luchd-ciùil na sgìre air beulaibh luchd-amhairc eadar-nàiseanta.

'S e an companaidh Miraculous Productions à Loch Abar a tha air cùlaibh na h-ìomairt agus iad dhen bheachd gu bheil stòras phrìseil de dhualchas ciùil anns a' Ghàidhealtachd nach deach a thaisbeanadh ceart fhathast.

Thatar a-nis dol a chur ri chèile sreath ùr de chlàran CD a bhios a' togail air aon sgìre shònraichte agus ag innse barrachd mu dheidhinn an àite agus mu eachdraidh a' chiùil innte.

Cuideachd thèid prògraman sònraichte a-mach air Rèidio Alba air an 11mh agus 18mh den Mhàrt a bhios a' togail air a' phròiseact.

Chaidh a' chiad CD den t-sreath, Loch Shiel, a chlàradh san Dàmhair an-uiridh le grunn den luchd-ciùil a tha fuireachd san sgìre fhèin, mar Iain MacPhàrlain, Iain Dòmhnallach agus Ingrid NicEanraig.

Tha Miraculous Productions air a ruith le Nick Turner agus an tè-chiùil ainmeil Ghàidhlig, Màiri Anna NicUalraig, a tha

cuideachd aithnichte mar chraoladair. Mu thràth, thathas air ùidh a tharraing bho Astràilia agus Canada.

Thuir Nick: "An dèidh a bhith grunn bhliadhnachan ag obair anns an stiudio le feadhainn den luchd-ciùil traidiseanta agus co-aimsireil as fheàrr, bha e follaiseach gun robh rudeigin sònraichte a' tachairt sa Ghàidhealtachd, ach bha e doirbh a' mhargaidh mhiorbhaileach seo a thoirt don t-saoghal a-muigh. Bha sinn airson an ceòl a thoirt do luchd-èisteachd nas fharsainge, agus sealltainn dhaibh beagan dhen àite a chruthaich e.

Tha na daoine a tha a' tadhal air Ghàidhealtachd na h-Alba an-diugh airson barrachd fhaighinn na dìreach ìomhaigh an tairtain 's an fhraoich. Tha an t-sreath CD Miraculous a' toirt cothrom do luchd-tadhail is sluagh ionadail dealbh sònraichte fhaighinn air beartas dualchais iomadh pàirt dhen Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, còmhla ri eachdraidh a bhith air aithris le eòlaichean ionadail agus an dualchas nàdarra a chaidh a thoirt dhan Ghàidhealtachd bheannaichte."

Bho An Gàidheal Ùr, Àireamh 63, Gearran, 2003



Mo Làithean-saora

Latha spòrs Uibhist a Tuath, bha latha brèagha ann. Bha iad air an cumail ann am Baile Loin agus bha mòran chleasan agus spòrs ann air an latha. Ruith mise rèis ceud meatair agus chrìochnaich mi anns an dàrna àite. Fhuair mi medal airson sin agus bha mi uabhasach toilichte. Bha tòrr dhaoine ann a dh'aithnich mi. Bhuannaich mo phiuthar, Effie Anne iasg aig aon dhe na stàilichean. Bha tòrr spòrs againn a' cluich nan geamannan. B' e slaoid a' chaisteil sèididh an rud a b' fheàrr leamsa airson gu robh thu a' dol suas àrd agus a' tighinn a-nuas uabhasach luath.

Bha an co-là-breith agam air an t-seachdamh latha deug dhen Iuchair. Fhuair mi mobile fòn bho m' athair. 'S e Nokia 3410 a th' ann. Tha e a' còrdadh rium airson tha geamannan math air. Fhuair mi briogais, lèine dhearg agus seacaid bho mo chàirdean. Air an oidhche bha barbecue againn. Dh'ith mi beef burger air rola. An ath latha chaidh sinn a shnàmh ann an Lìonaclait. Bha e cianail math.

Air a' cheathramh latha dhen Lùnastal chaidh dadaidh, Joan, Effie Anne agus mi fhèin gu Inbhir Nis. Bha sinn a' fuirich ann an taigh-òsta. Anns an rum againn bha trì leapannan, sinc agus taigh beag. Chaidh sinn chun an cinema a choimhead Daddy Day Care, gu roller bowl agus cheannaich sinn tòrr anns na bùithtean. Chaidh sinn cuideachd chun na fèille anns an Eilean Dubh. Bha tòrr dhaoine ann. Bha teas uabhasach ann! Fhuair sinn cothrom a dhol air na waltzers agus na dodgems. Bha na h-innealan annasach a bha seo le suidheachain a bha a' dol suas fada àrd dhan adhar. An uair sin bha iad a' tighinn sìos uabhasach luath. Bha mi a' faireachdainn bochd. Bha stàilichean de gach seòrsa ann aig an fhèill cuideachd.

le Christina MacQuarrie, Clas 7, Sgoil Phaibil, Uibhist a Tuath Samhain 2003



Rìgh Alasdair III

B' e Alasdair III rìgh Alba o 1249 gu 1286. Bha e na rìgh làidir, agus ri linn bha Alba mar bu trice sìtheil, soirbheachail. Bha buaidh nan Ceilteach fhathast làidir. Bha ceangal math ri Sasainn, 's dòcha seach gum b' i piuthar Eideird I, Rìgh Shasainn, a bh' ann am bean Alasdair.

Bha cùisean math gus an do bhàsaich bean agus mic Alasdair aithghearr agus bha e a-nis, aig dà fhichead 's a còig, gun mhac a leanadh e. Phòs e a-rithist aig Abaid Jedburgh, far an deach a' bhanais a mhilleadh, a rèir cuid, le cnàimhnich a thàinig chun an dannsa. Bha cuid den bheachd gun robh seo na rabhadh air dè an trioblaid a bha ro Alba. Bha a dhara bean, Yolande à Dreux, òg agus brèagha.

Air an 12 den Mhàrt 1286 bha an rìgh ann an Caisteal Dhùn Èidinn a' gabhail a bhìdh còmhla ri thriathan. Bha stoirm ann agus bha e a' fàs anmoch. Smaoinich e air a mhnaoi ann an Kinghorn, fichead mìle air falbh air droch rathaidean agus aiseag thar na h-Aibhne Duibhe. Chan èisteadh e ri comhairle na bha còmhla ris agus dh'fheuch e dhachaigh anns an stoirm. Fhuair e thar na h-aibhne sàbhailte, ach chaill e a chompanaich san dorchadas agus fhuaradh a chorp an ath latha aig bonn bearraidh. Bha Alba a-nis gun rìgh. Dh'fheuch Eideard I ri smachd fhaighinn air Alba, agus thòisich strì eadar Alba is Sasainn a mhair còrr is ceud bliadhna.

Td. 14 – 15 [Alba ri Linn Bhruis](#) le Màiri Spankie (Acair 1994)



Turas gu Sporsfest – Baile Mhoire le Amy Chaimbeul

Disathairne seo chaidh, thug Mgr Moireastan buidheann à Sgoil Baile nan Creag gu Baile Mhoire airson a' chiad 'SPORSFEST' – latha de chleasan, geamannan agus co-fharpaisean beaga airson clann eadar deich agus ceithir bliadhna deug a dh'aois. Fhuair a h-uile duine ann an Clas 7 an cothrom a dhol ann agus tha mi toilichte gun do ghabh mi an cothrom sin oir bha latha sgoinneil againn.

Dh'fhalbh am bus gu math tràth anns a' mhadaoinn agus chan eil cuimhne agam air mòran a thachair air an turas oir bha mi nam chadal a' mhor-chuid den ùine. Nuair a ràinig sinn Pàirc nan Damh ann am Baile Mhoire ged-thà, bha an uimhir de dh'fhuaim ann 's gun do dhùisg mi gun dragh sam bith.

Thòisich an latha leis a h-uile duine a' dèanamh 'warm-up' còmhla. Bha boireannach le megafòn shuas air àrd-ùrlar, ag èigheachd a-mach stiùireadh agus a' brosnachadh a h-uile duine pàirt a ghabhail. Bha crowd mòr de dhaoine ann – feumaidh gu robh còrr is trì cheud sgoilear an làthair. Nuair a bha seo deiseil, chaidh ar cur ann am buidhnean le clann eile den aon aois agus bha againn ri ruith airson fichead mionaid. Bha seo ceart gu leòr ach bha i cho teth oir cha robh sgòth ri fhaicinn anns an speur.

Nuair a bha am fichead mionaid seo seachad fhuair sinn uile deoch, agus abair gu robh feum agam air. An uair sin, bha farpais ball-coise ann. B' e farpais knockout a bh' ann. Bhuannaich sinn ar ciad gèam, agus mar sin fhuair sinn dhan ath chuairt. Anns an dara gèam sgòr mise tadhal an toiseach, ach cha b' fhada gus an do sgòr an sgioba eile agus dìreach ro dheireadh a' gheama sgòr iad a-rithist. 'S mar sin cha do ràinig sinn an cuairt deireannach, ach bha mi taingeil rud beag fois fhaighinn!

An dèidh dìathad bha barrachd spòrs ann. Fhuair sinn cothrom dol air cùrsa bacaidh mìorbhaileach agus tòrr spòrsan eadar-dhealaichte fheuchainn – ball-basgaid, hocaidh, teanas-bùird is iomadh fear eile. B' e an trampoline an rud a b' fheàrr leamsa.

Cha b' fhada gus an robh an t-àm ann falbh is bha sinn uile ag iarraidh fuireach na b' fhaide. Bha mi gu math sgìth ged-thà is chan fhaca mi mòran air an t-slighe dhachaigh na bu mhotha! Chòrd an latha glan rium agus tha mi an dòchas gum faigh mi cothrom a dhol ann an ath-bhliadhna a-rithist.



Glèidhteachas Thraon

Ciamar a tha an RSPB a' faighinn a-mach mu thraoin?

Teleameatrachd-rèidio

B' ann le fàinneachadh agus lorg-rèidio a fhuaradh air a' chuid bu mhotha den rannsachadh air traoin a dhèanamh. 'S ann mar is trice tron oidhche a thathar a' glacadh nan eun agus a' cur fàinne air aon chas. Tha àireamh air an fhàinne nach eil air gin eile, agus 's urrainn do eòlaichean saidheans innse bhon àireimh sin càite agus cuin a chaidh am fàinneachadh, rud a tha feumail ma thèid an glacadh a-rithist am badeigin eile. Tha an uair sin crann-sgaoilidh aotrom air a steigeadh air druim an eòin: innsidh seo dhuinn dìreach càite bheil eun ann an achadh agus càite bheil an nead aige. Chan eil na h-aigilein rèidio a' dèanamh cron sam bith agus tha iad a' tighinn dhiubh nuair a chailleas na h-eòin an itean, mus falbh iad a dh'Afraga.

Cunntas Thraon

Tha traoin air am faicinn cho ainneamh 's gu bheil e glè dhuilich an cunntadh. 'S e an dòigh as fheàrr àireamh nan eun a tha a' seinn a chunntadh, ach bhon is e na coilich a-mhàin a tha seinn, chan eil anns a' chunntas ach na coilich agus chan e paidhrichean eun. Bho rannsachadh a rinneadh ann an Uibhist anns na 80an tha fios againn gur ann eadar meadhan-oidhche agus trì uairean sa mhadainn is dòcha iad a bhith seinn. Cuideachd sann bho mheadhan na h-àrainn as àbhaist dhaibh a bhith a' seinn aig an àm seo a dh'oidhche. Mar sin tha cunntas air a dhèanamh orra le bhith a' dol timcheall àrainnean nan traon tron oidhche agus a' cur sios co às a tha na h-eòin a' seinn. Uaireannan tha seo car duilich a chionn gu faod fuaim nan traon co-fhreagairt o thogalaichean, air no grunn eun a bhith seinn còmhla.

Td. 15 A' Chroit agus an Traon RSPB agus Dualchas Nadair na h-Alba



- * Cleachd tiotal a sheallas co mu dheidhinn a tha thu a' sgrìobhadh. Tha tiotal le ceist mar 'Ciamar' no 'Carson' feumail airson ùidh an leughadair a ghlacadh.
- * Cleachd a' chiad pharagraf airson an cuspair a thoirt a-steach agus airson faclan chudromach a mhìneachadh.
- * Dèan cinnteach gu bheil do mhìneachadh furasta a leantainn.
- * Smaoinich am biodh dealbhan, diagraman no clàran feumail airson an cuspair a mhìneachadh.
- * Ma chleachdas tu faclan sònraichte, feumaidh tu beag-fhaclair.
- * A bheil deireadh soilleir air do mhìneachadh?
- * Nuair a tha thu deiseil, leugh do mhìneachadh, a' leigeil ort nach eil thu idir eòlach mun chuspair. A bheil e soilleir? A bheil e inntinneach? A bheil e a' dèanamh ciall?



Clas 7
Bunsgoil na Drochaid
Allt na Seilich

(Ceann-latha)

A Bh.Ph. Chamshròin chòir,

Cuspair: Leabhraichean ùra airson leabharlann na sgoile

Tha sinn uile a' faireachdainn gu làidir gum feum sinn leabhraichean ùra fhaotainn airson leabharlann na sgoile.

Tha iomadh adhbhar againn airson a' bheachd seo. Anns a' chiad dol a-mach, tha tòrr de na leabhraichean a tha anns an leabharlann a-nis gu math aosta agus tha cuid dhiubh a' tuiteam às a cheile. Chan eil na h-atlasan gu feum idir oir chan eil am fiosrachadh ceart annta a-nis. Feumaidh sinn leabhraichean a bheir dhuinn fiosrachadh ceart an latha an-diugh.

Anns an dara àite, chan eil gu leòr leabhraichean leughaidh ann airson clann ann an clas seachd. Tha cuid againn air a h-uile leabhar a leughadh mu thràth! Ged is toil leinn a bhith a' leughadh na h-aon nobhailean barrachd air aon turas, bhiodh e math nam biodh cothrom againn leabhraichean ùra le ùghdaran ùra a leughadh cuideachd.

A bharrachd air sin, chan eil ach glè bheag de leabhraichean Gàidhlig anns an leabharlann. Gu tric chan eil eadhon gu leòr ann airson buidheann leughaidh agus feumaidh sinn cothrom mu seach a ghabhail leabhar a thoirt dhachaigh. A-rithist, bhiodh e math leabhraichean ùra Gàidhlig dè gach seòrsa fhaicinn anns an leabharlann bho àm gu àm: nobhailean, bàrdachd, leabhraichean fiosrachaidh agus irisean cuideachd.

Mar sin, tha sinn ag iarraidh oirbh beachdachadh air dòighean gus leabhraichean freagarrach ùra fhaotainn. Feumaidh sibh aontachadh gu bheil leughadh uabhasach cudromach do chlann ann an iomadh dòigh, ach ciamar a leughas sinn gu leòr ma tha sgeilpichean an leabharlainn cha mhòr falamh?

Le deagh dhùrachd,

A h-uile duine ann an Clas 7



Àm Cunnartach den Bliadhna

Dè nì sibhse air an 5mh den t-Samhain am-bliadhna? An tèid sibh gu teine mòr anns a' phàirc? Am bi sibh a' cluich le sparklers anns a' ghàrradh? No an tèid sibh dhan ospadal ann an carbad-eiridinn?

Airson tòrr dhaoine 's e oidhche làn spòrs a th' ann an Oidhche Guy Fawkes ach 's e oidhche gu math cunnartach a th' innte cuideachd. Bu chòir dhuinn a h-uile rud a dhèanamh as urrainn dhuinn airson a dèanamh cho sàbhailte 's a ghabhas. Nam bheachd-sa, 's e an dòigh as fheàrr sin a dhèanamh gun a bhith a' reic teintean-èibhinn anns na bùthan.

Tha iomadh adhbhar agam airson a' bheachd seo. Anns a' chiad àite, tha tòrr dhaoine air an goirteachadh gu dona gach bliadhna ann an tubaistean le teintean-èibhinn. Ged a tha stiùireadh air teintean-èibhinn a' sealltainn ciamar a chleachdar ceart iad, tha e fada ro fhurasta rudeigin a dhèanamh ceàrr. Anns a' bhaile seo an-uiridh, chaidh duine a ghoirteachadh gu dona nuair a chaidh rocaid dheth mus d' fhuair e cothrom gluasad air falbh.

'S e an dàrna adhbhar gu bheil cuid a dhaoine ag iarraidh teintean-èibhinn a chur dheth airson fealla-dhà no airson trioblaid adhbhrachadh do nàbaidhean. Chan ann dìreach air Oidhche Guy Fawkes ach airson iomadh seachdain ro làimh agus an dèidh làimh cuideachd. Chan eil seo sàbhailte idir agus chan eil e math do bheathaichean. Ma tha teintean-èibhinn dìreach ann an aon àite air Oidhche Guy Fawkes fhèin, faodaidh daoine am peataichean a chumail a-staigh gus nach cuir am fuaim eagal orra. Ach tha e uabhasach doirbh peataichean a dhìon bho teintean-èibhinn ma tha iad a' dol dheth an-siud 's an seo airson seachdainean gun fhios do dhuine cuin no càite.

A bharrachd air sin, ged nach fhaod daoine fo aois 18 bliadhna teintean-èibhinn a cheannach, tha e doirbh dèanamh cinnteach nach fhaigh clann grèim orra ma tha iad air an reic ann an tòrr bhùthan. Chaidh còrr is fichead pàiste a losgadh gu dona anns an sgìre seo anns na trì bliadhna a dh'fhalbh is iad uile air grèim fhaighinn air teintean-èibhinn a cheannaich am pàrantan no a lorg iad a' laighe mun cuairt.

Mar sin, ged a chanadh cuid gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine teintean-èibhinn a cheannach ma tha iad ag iarraidh, nach eil e nas fheàrr clann agus peataichean a chumail sàbhailte? Chan eil mi ag ràdh nach bu chòir spòrs sam bith a bhith aig daoine air Oidhche Guy Fawkes, ach tha e tòrr nas sàbhailte teintean-èibhinn fhaicinn aig taisbeanadh sònraichte, le daoine a tha eòlach agus a tha air trèanadh fhaighinn gan losgadh. Anns an dòigh sin, chan fheum daoine eile na rudan spreigeach cunnartach seo a cheannach no a làimhseachadh idir. Faodaidh spòrs a bhith aca ann an sàbhailteachd.

Cia mheud eile a bhios air an goirteachadh gu dona mus sguir iad a' reic teintean-èibhinn anns na bùthan?



Snàmh – a bheil àite ann dha anns a' bhunsgoil?

A h-uile bliadhna bidh tòrr chlann sgoile ag ionnsachadh snàmh le leasan a gheibh iad anns a' bhunsgoil, ach chan fhaigh a h-uile sgoilear an cothrom sin. Tha cuid a dhaoine a' smaointinn gum bu chòir a h-uile duine ann an clasaichean 5 gu 7 leasan snàimh fhaighinn gach seachdain, ach tha cuid eile ag ràdh gum biodh e na b' fheàrr an ùine a chosg ann an dòighean eile airson clann a chuideachadh.

Tha tòrr den bheachd gur e cur-seachad fìor mhath a th' ann an snàmh. Is toil leis a' chuid as motha de chlann e agus 's e deagh eacarsaich aerobic a th' ann, rud a tha feumail airson deagh shlàinte agus fallaineachd. Ma gheibh clann cothrom air snàmh uair san t-seachdain co-dhiù, bidh iad nas fallain agus mar sin, bidh iad nas toilichte.

A bharrachd air sin, tha leasan snàimh air leth cudromach airson clann a chumail sàbhailte. Mur urrainn dhaibh snàmh, tha clann an-còmhnaidh ann an cunnart faisg air uisge, ge b' e càite a bheil iad. Cia mheud duine a tha air am bàthadh gach bliadhna anns a' mhuir, no ann an loch no abhainn?. 'S e àite sàbhailte airson a bhith ag ionnsachadh a th' ann an amar-snàimh, le luchd-teagaisg math agus luchd-teasairginn gu leòr a nì cinnteach gu bheil clann sàbhailte anns an uisge. Tha obair-sgoile eile feumail, ach cha chuidich e pàistean a tha ann an cunnart ann an uisge. Cuidichidh comas snàimh iad ged-tà.

A dh'aindeoin sin, tha cuid den bheachd gu bheil an turas dhan amar-shnàimh a' toirt ro fhada agus gum biodh e na b' fheàrr an ùine a chleachdadh airson obair-sgoile. Mura bheil amar-snàimh faisg, tha deagh phàirt den latha air a thoirt suas eadar siubhal, faighinn deiseil agus an leasan fhèin. Chosgadh e cus amar-snàimh a thogail faisg gu leòr air a h-uile sgoil. Agus, ged is toil le tòrr e, chan eil snàmh a' còrdadh ris a h-uile duine. B' fheàrr le cuid a bhith a' faighinn eacarsaich ann an dòighean eile – ruith no aerobics no geamannan neartmhor mar bhall-coise – rudan nach toir cho fada ach a tha ceart cho math. Ma tha clann ag iarraidh snàmh, faodaidh iad a dhol gu leasan an dèidh na sgoile no gu club snàimh. A thaobh sàbhailteachd, dh'fhaodadh tidsearan deanamh cinnteach anns a' chlasrum gun tuig clann cho cunnartach 's a tha e a bhith faisg air uisge.

Is cinnteach gu bheil leasan snàimh a' cosg airgead agus ùine agus gu bheil tòrr rudan eile feumail a' tachairt ann am bun-sgoiltean. Tha e fìor cuideachd nach eil a h-uile sgoil faisg air amar-shnàimh. Ach tha snàmh cho math mar cur-seachad, a' toirt spòrs, fallaineachd agus sàbhailteachd do chlann, gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine ionnsachadh, eadhon ma tha sin a' ciallachadh gum feum tòrr amaran-snàimh ùra a bhith air an togail. Ma shàbhalas leasan snàimh beatha, is cinnteach gun fhiach iad a h-uile mionaid – agus a h-uile sgillinn.



Stiùireadh

Duilleagan-obrach – Na Freagairtean

Duilleag 1 Beachdan an sgoileir fhèin.

Duilleag 2 a.

1. Duine sam bith a tha airson bailiùn a dhèanamh.
2. Air cairt-obrach, ann an iris, ann an leabhar de rudan ri dhèanamh no leabhar saidheans chloinne.
3. Toiseach: tiotal, ro-ràdh, liosta de na stuthan a dh'fheumas tu,
Meadhan: stiùireadh air na dh'fheumas tu dèanamh, air a sgrìobhadh ann an ceumannan.
Deireadh: Mar a dh'fheuchas tu am bailiùn a-mach.
4. Tha an ro-ràdh a' toirt a-steach a' chuspair agus a' toirt beagan fiosrachaidh mu bhailiùnaichean àidhear-theth don leughadair. Tha e cuideachd a' brosnachadh an leughadair gus bailiùn a dhèanamh.
- 5a. Fiodh, connlach, seann bhrògan, feòil ghrod.
- 5b. Cha robh an còrr aig daoine, cha robh dealan ann agus cha robh an saoghal cho adhartach.
- 5c. Dh'fheumadh iad an losgadh airson teas.

Duilleag 3 òrdugh ceart:

a) 6 b) 4 c) 9 d) 1 e) 7 f) 3 g) 8 h) 2 i) 5

Duilleag 4 a.

1. Beachd an sgoileir fhèin
2. Anns a' chiad pharagraf.
3. Oir tha e nas fhurasta fhaicinn dè th' agad ri dhèanamh ma tha dealbhan ann cho math ri sgrìobhadh.
4. Chan fheum thu ach glè bheag de rudan eadar-dhealaichte agus chan eil mòran rùim air an duilleig.
5. Clann a tha dèidheil air obair-làimhe, ealan. Clann aig a bheil ùidh ann an nàdar.

b agus c - beachdan agus sgrìobhadh an sgoileir fhèin.



Duilleag 5 a) Thoir an aire! b) Leugh an leabhar-stiùiridh gu cùramach c) Suids air/dheth
d) Bi faiceallach! Dealan! e) Na dèan seo! f) Seo an dòigh cheart air a dhèanamh. g) Tha an t-inneal seo a' cumail ri stiùireadh Eòrpach air sàbhailteachd.

Duilleag 6 1 & 2. Obair agus beachdan an sgoileir fhèin.

3. Nathair le Pasta *Feumaidh tu*: cumaidhean pasta tioram, bruis peantaidh, peant uaine, siosar, pàipear airson sùilean agus teanga, varnish, pìos sreanga 50cm de dh'fhaid.

Stiùireadh: 1. Peant na cumaidhean pasta uaine. 2. Fàg iad gus a bheil am peant tioram. 3. Peant gach cumadh le varnish airson am peant a dhìon. 4. Cuir na cumaidhean eile air an t-sreang. Nuair a tha thu deiseil, lùb an t-sreang timcheall agus ceangail i gus ceann 'dùbailte' a dhèanamh. 6. Dèan sùilean agus teanga na nathrach leis a' phàipear agus sgeadaich e le pàipear dathte.

Duilleag 7 Dealbhan agus beachdan an sgoileir fhèin.



Beath- eachdraidh



Mìneachadh:

Sgrìobhadh a tha ag innse mu bheatha chuideigin.

Dh'fhaodadh an duine a bhith beò no marbh.



Ro-ràdh:

Tha beath-eachdraidh nas fhurasta a sgrìobhadh do iomadh duine na stòiridh, fhad 's a tha gu leòr fiosrachaidh aca mu dheidinn 'cuspair' na beath-eachdraidh.

Stiùireadh do Thidsearan

Is toil le clann a bhith a' faighinn a-mach mu dhaoine ainmeil is toil leotha – luchd-ciùil, luchd-spòrs, daoine ann am filmichean agus mar sin air adhart. Ach 's e sgil a th' ann a bhith a' sgrìobhadh beath-eachdraidh inntinneach. Feumaidh fhios a bhith aca dè an seòrsa fiosrachaidh a chuireas iad ann am beath-eachdraidh, ciamar a lorgas iad am fiosrachadh sin agus ciamar a nì iad an aithris inntinneach don leughadair.

Anns an aonad seo tha eisimpleirean de bheath-eachdraidh le puingeann ri dheasbad air gach tè. Cuideachd tha duilleagan-obrach ann agus duilleag-planaidh airson beath-eachdraidh a sgrìobhadh. Taghaidh an tidsear dè na duilleagan as freagarraiche do na sgoilearan aice / aige.

Tha an leabhar **Curaidhean Spòrs** le Uisdean MacIlinnein gu math feumail airson sealltainn ciamar a tha beath-eachdraidh air a sgrìobhadh. Dh'fhaodadh a' chlann coimhead cuideachd ann am pàipearan-naidheachd airson fiosrachadh mu dhaoine ainmeil (m.e. *obituary*). Tha fiosrachadh mu dhaoine ainmeil ann an saoghal na Gàidhlig ri fhaotainn cuideachd anns na h-irisean '**Smathsin** agus **Gairm**

a. Leugh a' bheath-eachdraidh aig an lùth-chleasaiche ainmeil Eric Liddell (td.13-14 **Curaidhean Spòrs** le Uisdean MacIlinnein)

Puingean ri dheasbad:

* dreach (dealbh, tiotal, fad)

* am fiosrachadh a tha air a thoirt seachad.

Coimhead air gach paragraf mu seach. Dè a' phrìomh phuing a th' anns gach paragraf?

- 1) carson a bha e ainmeil (cuir an aithne)
- 2) breith agus foghlam
- 3) far-ainm agus rudan annasach mu dheidhinn
- 4) rudan ainmeil a rinn e
- 5) buaidhean a bha aige
- 6) dè bha cudromach na bheachd
- 7) obair agus teaghlach
- 8) cogadh agus bàs
- 9) mar a tha e ainmeil san latha an-diugh

* càite an do lorg an sgrìobhadair Uisdean MacIlinnein am fiosrachadh seo?
(leabhar mu eachdraidh a bheatha, pàipearan-naidheachd bhon àm, am film *Chariots of Fire*?) Dè an t-àite as fheàrr airson a bhith a' lorg fiosrachadh mu chuideigin ainmeil? Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Duilleag-obrach 1

b. Leugh mu dheidhinn Beth NicLeòid anns an leabhar **Curaidhean Spòrs** le Uisdean MacIlinnein (td.110)

Puingean ri dheasbad:

* dreach (tìotal, dealbh, fad)

* beatha-eachdraidh de chuideigin nach do ràinig deireadh a churaidheachd fhathast

* ciamar a chuir an sgrìobhadair an aithne iad?

* ciamar a rinn e am beath-eachdraidh inntinneach don leughadair?

* fiosrachadh air a thoirt seachad: carson a bu chòir dhi a bhith ainmeil,
carson nach eil i ainmeil,
càite an deach i dhan sgoil,
carson a bha ùidh aice ann an rugbaidh,
obair agus trèanadh,
ciamar a dh'fhàs i cho math air cluiche rugbaidh,
buidhean a bha aice,
duilgheadas a bha aice,
dè tha i an dùil a dhèanamh agus dè na rudan a tha i
a' smaoinichadh a tha cudromach.

* saoil ciamar a fhuair an sgrìobhadair am fiosrachadh seo?

* am bi beath-eachdraidh mar seo a' brosnachadh nigheanan/ boireannaich eile gu a bhith a' dèanamh spòrs?

Gnìomhan do na sgoilearan:

* (ag obair còmhla ri caraid no ann am buidhinn bheag)

Faigh a-mach mu chuideigin às an àite agad fhèin a tha a' dèanamh math ann an spòrs air choreigin.

Smaoinich air seo:

Càit' an lorg thu fiosrachadh mun duine? (a' bruidhinn ris/ rithe, a' bruidhinn ri cuideigin eile, ann am pàipear-naidheachd ionadail?)

Dè am fiosrachadh a tha freagarrach/ inntinneach?

Cò bhios a' leughadh na beath-eachdraidh?



Dèan plana a' sealltainn prìomh-phuing gach paragraf mus sgrìobh thu an aithris.

* (obair aon neach) Leugh mu dheidhinn luchd-spòrs ainmeil eile anns an leabhar **Curaidhean Spòrs** le Uisdean MacIllinnein agus dèan duilleag-obrach 2.

C. Tha an earrann seo air a thoirt bho aithris mu dheidhinn Ali Abbasi anns a' phàipear-naidheachd **An Gaidheal Ùr** (*Faoilleach 2003*)

Abbasi na charaid sa chùirt dha strì na Gàidhlig

Bho Pakistan gu Pabail, tha Ali Abbasi air slighe mhòr a shiubhal, gach cuid a-thaobh mhiltean agus a thaobh dùsgadh dualchais. Chan e a' chiad duine a-riamh a thòisich air a' Ghàidhlig ionnsachadh – fiù 's a' chiad Àisianach – ach tha an ùidh agus an spionnadh a tha a-nis aige airson cànan nan Gaidheal na bhrosnachadh mhòr.

Rugadh Mgr Abbasi ann an Karachi, baile mòr ann am Pakistan, agus nuair a bha e na bhalach òg shiubhal a theaghlach leth slighe timcheall an t-saoghail agus sùil aca air dachaigh a dhèanamh ann an Glaschu. 'S dòcha, a-rèist, gu bheil e gu math freagarrach gur ann mar neach-aithris siubhail air Rèidio Alba a tha Ali a' dèanamh a' chuid cosnaidh.

Thàinig Ali gu aire dhaoine an toiseach 's e air prògram "Fred MacAulay" sna madainnean far an robh e toirt seachad cleas gach latha às dèidh dha am fiosrachadh siubhail àbhaisteach a thoirt seachad. Lean sin gu e bhith a' toirt a-mach leabhar de fhealla-dhà, leis an airgead gu lèir ga thoirt seachad gu cathrannais. Fhad 's a bha e aige, thug e cuideachd a-mach leabhar le fiosrachadh mu a bhith a' còcaireachd 'curries'. Agus a-nis tha sùilean Ali air a' Ghàidhlig.

"B' àbhaist dhomh a bhith gu math dèidheil air coiseachd nam beann," thuirt e. "Leig mi seachad e gu ìre ach chleachd mi a bhith smaoineachadh dè bha ainmean nan àitean a' ciallachadh agus taobh a-staigh seachd mìosan ag ionnsachadh na Gàidhlig obraichidh mi a-mach dè a tha a h-uile càil a tha seo a' ciallachadh, mar ainmean bheann.

"Fiù 's a' siubhal tro Alba chì thu uimhir de shràidean aig a bheil ainmean a tha air an toirt bho Ghàidhlig agus fiù 's a' dràibheadh tro Ghlaschu chì thu an aon rud. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil daoine mothachail air cho beartach 's a tha a' Ghàidhlig ann an cultar Ghlaschu."

B' ann ann an Sabhal Mòr Òstaig a dh'ionnsaich Ali an cànan an toiseach bho chionn faisg air bliadhna agus às dèidh sin chaidh innse dha, mar a thuirt e fhèin, gun robh na comasan ceart aige, roghnaich e cumail a' dol. Air a' mhìos a chaidh seachad, chaidh e suas a dh'fhuireach còmhla ri teaghlach Chriselle Rois ann am baile Phabail, an Rubha, Leòdhas, airson a chomasan a neartachadh buileach.

Tha Ali (41) fileanta ann an Urdu, Hindi agus tuigidh e Punjabi, a thuilleadh air a' Bheurla.




Puingean ri dheasbad:

- * Cò an luchd-leughaidh? (daoine aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig)
- * Dè fhuair sibh a-mach mu Ali Abbasi le bhith a' leughadh seo?
- * Saoil ciamar a fhuair an sgrìobhadair am fiosrachadh?
- * Coimhead air an stoidhle. Dè tha a' sealltainn gur e pàipear-naidheachd a th' ann?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Cleachd am fiosrachadh 'mas-fhìor' air **duilleag-obrach 3** gus beath-eachdraidh a sgrìobhadh.
- * Cleachd an duilleag-planaidh air **duilleag-obrach 4** gus fiosrachadh a chruinneachadh mu do dheidhinn fhèin no mu chuideigin mas-fhìor. An uair sin sgrìobh a' bheath-eachdraidh sin.
- * Dh'fhaodadh a' chlann fiosrachadh a chruinneachadh mu chuideigin eile anns a' chlas, no anns an teaghlach aca. Dh'fhaodadh iad rannsachadh a dhèanamh anns an teaghlach mu dheidhinn an sinnsearan. Tha seo gu h-àraidh feumail ma tha an clas a' dèanamh pròiseact air eachdraidh an àite, no an dara cogadh no na fuadaichean.





Abbasi na charaid sa chùirt dha strì na Gàidhlig

Bho Pakistan gu Pabail, tha Ali Abbasi air slighe mhòr a shiubhal, gach cuid a-thaobh mhiltean agus a thaobh dùsgadh dualchais. Chan e a' chiad duine a-riamh a thòisich air a' Ghàidhlig ionnsachadh – fiù 's a' chiad Àisianach – ach tha an ùidh agus an spionnadh a tha a-nis aige airson cànan nan Gàidheal na bhrosnachadh mhòr.

Rugadh Mgr Abbasi ann an Karachi, baile mòr ann am Pakistan, agus nuair a bha e na bhalach òg shiubhal a theaghlach leth slighe timcheall an t-saoghail agus sùil aca air dachaigh a dhèanamh ann an Glaschu. 'S dòcha, a-rèist, gu bheil e gu math freagarrach gur ann mar neach-aithris siubhail air Rèidio Alba a tha Ali a' dèanamh a' chuid cosnaidh.

Thàinig Ali gu aire dhaoine an toiseach 's e air prògram "Fred MacAulay" sna madainnean far an robh e toirt seachad cleas gach latha às dèidh dha am fiosrachadh siubhail àbhaisteach a thoirt seachad. Lean sin gu e bhith a' toirt a-mach leabhar de fhealla-dhà, leis an airgead gu lèir ga thoirt seachad gu cathrannais. Fhad 's a bha e aige, thug e cuideachd a-mach leabhar le fiosrachadh mu a bhith a' còcaireachd 'curries'. Agus a-nis tha sùilean Ali air a' Ghàidhlig.

"B' àbhaist dhomh a bhith gu math dèidheil air coiseachd nam beann," thuirt e. "Leig mi seachad e gu ìre ach chleachd mi a bhith smaoineachadh dè bha ainmean nan àitean a' ciallachadh agus taobh a-staigh seachd mìosan ag ionnsachadh na Gàidhlig obraichidh mi a-mach dè a tha a h-uile càil a tha seo a' ciallachadh, mar ainmean bheann.

"Fiù 's a' shiubhal tro Alba chì thu uimhir de shràidean aig a bheil ainmean a tha air an toirt bho Ghàidhlig agus fiù 's a' dràibheadh tro Ghlaschu chì thu an aon rud. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil daoine mothachail air cho beartach 's a tha a' Ghàidhlig ann an cultar Ghlaschu."

B' ann ann an Sabhal Mòr Ostaig a dh'ionnsaich Ali an cànan an toiseach bho chionn faisg air bliadhna agus às dèidh sin chaidh innse dha, mar a thuirt e fhèin, gun robh na comasan ceart aige, roghnaich e cumail a' dol. Air a' mhìos a chaidh seachad, chaidh e suas a dh'fhuireach còmhla ri teaghlach Chriselle Rois ann am baile Phabail, an Rubha, Leòdhas, airson a chomasan a neartachadh buileach.

Tha Ali (41) fileanta ann an Urdu, Hindi agus tuigidh e Punjabi, a thuilleadh air a' Bheurla.




Beath-eachdraidh

Tha tòrr fiosrachaidh feumail ann am beath-eachdraidh ach tha e cudromach a bhith a' cuimhneachadh air an luchd-leughaidh. Dè na rudan a bhios inntinneach dhaibh?

- * ainm
- * breith agus togail
- * far-ainm, coltas agus rudan annasach
- * carson a tha e / i ainmeil
- * teaghlach
- * foghlam agus trèanadh
- * obair
- * rudan is toil leis / leatha
- * rudan nach toil leis / leatha
- * rudan ainmeil a rinn e / i
- * rudan sònraichte mu dheidhinn / mu a deidhinn
- * beachdan agus creideamh
- * rudan ainmeil a thuit e / i
- * buaidhean agus duilgheadasan
- * do bheachd fhèin air / oirre
- * na thuit daoine eile mu dheidhinn

- * fiosrachadh eile:- leabhraichean, clàran, àite-breith, iomhaigh, taigh-tasgaidh no dòighean eile anns am bi daoine a' cuimhneachadh air / oirre a-nis

CUIMHNICH! *cuir an aithne * paragrafan *ùidh an leughadair!



Beath-eachdraidh – duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh mu dheidhinn Eric Liddell anns an leabhar **Curaidhean Spòrs** le Uisdein MacIllinnein agus freagair na ceistean seo.



1. Carson a bha Eric Liddell ainmeil?
2. Cuin agus càit an do rugadh e?
3. Dè bha annasach mun dòigh anns am biodh e a' ruith?
4. Dè am far-ainm a bh' air?
5. Dè na rèisean a bha e ri ruith anns na Geamannan Oilimpigeach ann an 1924?
6. Carson nach do ruith e an rèis 100m?

7. Dè an rèis a bhuannaich e?

8. Thuir Liddell gun d' fhuair e cuideachadh bho

9. An do ruith Liddell airson airgead a bhuannachadh?

10. Carson nach do ruith e a-rithist ann an Geamannan Oilimpigeach?

11. Cò eile a bha ann an teaghlach Liddell?

12. Càite an robh Liddell anns an dàrna Cogadh?

13. Cuin a chaochail e?

14. Dè a chaidh innse anns an fhilm '*Chariots of Fire*'?



Beath-eachdraidh – duilleag-obrach 2

Ainm:

Tagh cuideigin anns an leabhar **Curaidhean Spòrs** le Uisdein MacIllinnein. Leugh a b(h)eath-eachdraidh agus freagair na ceistean seo (cho fad 's as urrainn dhut).

1. Co mu dheidhinn a tha an sgrìobhadair a' sgrìobhadh?
2. Carson a thagh thusa an duine sin?
3. Cuin agus càite an do rugadh e/i?
4. Càite an deach e/i dhan sgoil?
5. Dè an spòrs a tha e/i ris agus carson a thagh e/i an spòrs sin?
6. Dè an rud a b' fhèarr a rinn e/i nad bheachdsa?
7. Dè na duilgheadasan a bha aige/aice?
8. Dè eile a fhuair thu a-mach mu dheidhinn / mu a deidhinn a tha inntinneach?
9. Sgrìobh aithris airson pàipear-naidheachd mu dheidhinn mar a chaidh leis/leatha ann an co-fharpais. Dè am fiosrachadh a bhios feumail? Ciamar a ghlacas tu aire an leughadair? Nuair a tha thu deiseil a' sgrìobhadh na h-aithris, smaoinich air tiotal freagarrach dhi agus dèan dealbh freagarrach le 'caption'.



Beath-eachdraidh – duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo fiosrachadh mu chuideigin *mas fhior*. Cleachd am fiosrachadh gus beath-eachdraidh an duine a sgrìobhadh. Dè an t-òrdugh as fheàrr airson an fhiosrachaidh? Ciamar a nì thu an aithris inntinneach don leughadair? Am feum thu am fiosrachadh gu lèir a chleachdadh?

ainm: *Marianna Ceit NicAmhlaigh*

far-ainm: *an Smeòrach Sgitheanach*

rugadh: *cuin? 1962*

càite? *Stafainn, an t-Eilean Sgitheanach*

dachaigh: *Stafainn (1962 –1980) : Obar Dheathain (1980 →)*

teaghlach: *athair (math air seinn), màthair (math air fidheall) seanmhair (dall, math air òrain agus sgeulachdan), bràthair beag (math air spòrs agus seinn)*

obair: *nurs ann an Obar Dheathain (1980 →) Seinneadair (1985 →)*

coltas: *falt fada ruadh, sùilean uaine, an-còmhnaidh a' coimhead grinn, gàire àlainn, breacadh-seunain, àrd*

ainmeil airson: *a bhith a' seinn òrain Ghàidhlig*



rudan is toil leatha: marag dhubh ri ithe, a' falbh air làithean-saora, a' toirt a cù Bonnach air cuairtean, a' seinn, a' cluich rugbaidh, ceòl den h-uile seòrsa

foghlam: Bun-sgoil Stafainn, Àrd-sgoil Phort Rìgh, Oilthigh Obar Dheathain

trèanadh: Colaiste ann an Obar Dheathain, teagaisg bho Pheigi Chaimbeul

daoine a thug bhaidh oirre: a seanmhair, a pàrantan, Peigi Chaimbeul, Màiri Mhòr nan Òran agus tòrr sheinneadairean Gàidhlig eile,

rud a b' fheàrr a rinn i riamh: bhuannaich i bonn òir (1985)

dè tha i an dùil a dhèanamh? clàr ùr an ath-bhliadhna

fiosrachadh eile mu a deidhinn: a' chiad chlàr 1986 (Smeòrach), 2 chlàr eile, bràthair anns a' chòmhlán aice a' cluich giotàr, 2 eile anns a' chòmhlán, fhathast ag obair na nurs, a' seinn ann an Canada an ath mhìos



Beath-eachdraidh – duilleag-obrach 4

Ainm:

Sgrìobh do bheath-eachdraidh fhèin no beath-eachdraidh chuideigin mas fhìor. Lìon a-steach an duilleag-planaidh seo agus cleachd am fiosrachadh nuair a tha thu a' sgrìobhadh. Dè an t-òrdugh as fheàrr airson an fhiosrachaidh? Ciamar a nì thu an aithris inntinneach don leughadair? 'S dòcha nach fheum thu am fiosrachadh gu lèir a chleachdadh.



ainm:

far-ainm:

rugadh: cuin?

càite?

teaghlach:

daoine a thug buaidh ort/air/oirre:

obair:

coltas:

ainmeil airson:



rudan is toil leat / leis / leatha:

foghlam:


trèanadh:

buaidhean:

rud a b' fheàrr a rinn thu / e / i riamh:

dè tha thu / e / i an dùil a dhèanamh?

fiosrachadh inntinneach eile:



Postairean





Ro-ràdh:

Is toil le tòrr sgoilearan a bhith a' dèanamh phostairean agus tha cothroman an-còmhnaidh ag èirigh: fèill no cuirm sgoile, farpaisean ealain, postairean airson puingean a chur thairis mu shàbhailteachd mar eisimpleir. Tha clann a' faighinn brosnachadh postairean a dhèanamh aig ìre A, B agus C. Ach dè seòrsa postair a thathar a' sùileachadh bho chlann aig ìre D? 'S e dòigh math a th' ann am postair air a bhith a' brosnachadh sgoilearan smaoineachadh gu cùramach mu dheidhinn an luchd-amais agus an adhbhar airson sgrìobhadh. Bidh buaidh aig seo air na faclan agus air an dreach a thaghas iad.

Stiùireadh do Thidsearan

- Tha obair air postairean ann an Adhbharan Sgrìobhaidh 2 (td.24) a ghabhadh cleachdadh airson an t-aonad seo a thoirt a-steach, mura do rinn a' chlann aig ìre C e.
- Bruidhinn ris a' chlas / bhuidhinn mu dheidhinn phostairean. Cuin a tha iad air an cleachdadh? Carson a tha iad? Cia mheud seòrsa eadar-dhealaichte air an smaoinich iad? (postairean a' toirt fiosrachadh air tachartas, postairean ag iarraidh air daoine rudeigin a dhèanamh no rudeigin a cheannach, postairean a' toirt rabhadh mu shlàinte, sàbhailteachd, etc.)
- Thoir a-steach postair de gach seòrsa (no cleachd an fheadhainn anns a' phac seo air am meudachadh gu A3). Carson a tha iad? Cò an luchd-amais? A bheil iad a' glacadh sùil an leughadair? A bheil iad soilleir? A bheil fiosrachadh gu leòr orra? A bheil cus fiosrachaidh orra? A bheil iad freagarrach airson an adhbhair airson an deach an sgrìobhadh? Brosnaich a' chlann smaoineachadh air na ceistean sin nuair a tha iad fhèin a' dealbhadh phostairean.
- Dh'fhaodadh a' chlann dhol timcheall na sgoile, a' coimhead air postairean, a' smaoineachadh mu adhbhar agus luchd-amais gach fear agus a' beachdachadh air dè cho math 's a fhreagras iad an t-adhbhar sin.
- Dh'fhaodadh a' chlann postairean a dhèanamh (leotha fhèin no ann am buidhnean beaga) mu dheidhinn phostairean. Dè na seòrsaichean phostairean a tha ann? Dè as cudromaiche mu dheidhinn gach fear?

- a) Postair a' toirt fiosrachadh – feumaidh e bhith soilleir, le fiosrachadh gu leòr
- b) Sanas-obrach – feumaidh e bhith tarraingeach, soilleir airson sùil an leughadair a ghlacadh,
- c) Postair a' toirt rabhadh no comhairle – feumaidh teachdaireachd shoilleir a bhith air agus feumaidh e aire an leughadair a ghlacadh.

*Seo trì postairean eadar-dhealaichte. Tha rudeigin ceàrr air a h-uile fear. Tha puingean ri dheasbad mu gach fear agus tha gnìomhan ann don chloinn cuideachd.

- A. Postair mu chuir-m-ciùil (*tarraingeach ach chan eil fiosrachadh gu leòr air*)
- B. Postair mu làithean-saora (*chan eil e tarraingeach gu leòr*)
- C. Postair mu chunnart air baidhsagal (*cus sgrìobhaidh air*)

a. Seo postair mu chuir-m-ciùil.

Cuir-m-ciùil

Dihaoine

- ★ Eilich NicAoidh air a' Phìob
- ★ Seumas Camshron air an fhìdhill...
- ★ Dànnsadh bho 'Casan Sgiobalta'
- ★ Òrain bho Chòisir na Sgoile agus bho Iain agus Peigi Stiùbhart

**Spòrs agus
fealla-dhà gu leòr!**

Ticeadan £4
Clann fo 14 an-asgaidh!

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa postair a tha seo? (*fiosrachadh agus sanas*)
- Cò an luchd-amais? (*daoine le ùidh ann an ceòl traidiseanta, daoine a tha eòlach air na daoine a tha a' gabhail pàirt*)
- Carson a chaidh a sgrìobhadh? (*gus am bi fios aig daoine mun chuir-m-ciùil*)
- Dè tha ceàrr air? (*chan eil fiosrachadh gu leòr air: deit, àite, càit' am faighear ticeadan*)
- Dè tha math mu dheidhinn? (*tarraingeach, bidh e glacadh sùil an luchd-amais, tha am fiosrachadh furasta a leughadh, chan eil cus sgrìobhaidh air a' phostair*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Ceartaich am postair le bhith a' cur barrachd fiosrachaidh air. Dèan cinnteach nach cuir thu cus a bharrachd air!
- Dealbhaich fhèin postair le fiosrachadh mu thachartas anns an sgoil no sa choimhearsnachd agad. Smaoinich mu dhreach, adhbharan agus luchd-amais mus tòisich thu!



b. Postair mu làithean-saora

Thig gu Taigh-òsta na Creige
am-bliadhna.
Rumannan cofhurtail. Amar-snàimh.
Faisg air an tràigh.
Baidhsaglan air iasad.
Marcachd, iasgach, teanas faisg air
an taigh-òsta.


Cuir fòn gu Ailean Màrtainn
(01777 455677) airson
barrachd fiosrachaidh.

Puingean ri Dheasbad

- Dè seòrsa postair a th' ann? (*sanas-reic*)
- Dè an rud as cudromaiche airson postair mar seo? (*gun coimhead daoine air is gun glac e an aire*)
- Cò an luchd-amais? (*daoine a' cur air dòigh làithean-saora*)
- A bheil fiosrachadh gu leòr air? (*tha*)
- Dè tha ceàrr air? (*chan eil e tarraingeach gu leòr*)
- Ciamar a dhèanadh tusa na b' fheàrr e? (*dealbhan, oir, dreach nas inntinniche*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Cleachd am fiosrachadh bhon phostair seo agus dèan fhèin postair airson an aon àite. Dèan cinnteach gun glac do phostair sùil an luchd-amais, gum bi ùidh aca anns an taigh-òsta seo agus gu bheil am fiosrachadh furasta a leughadh.
- Dèan postair den aon seòrsa airson daoine a tharraing gu àite is toil leatsa: pàirc, taigh-tasgaidh, baile, dùthaich.



C. Dh'iarr na poileis air clann ann an clas 6 /7 postairean a dhealbhadh mu shàbhailteachd air baidhsagalan. Seo am postair a rinn Siùsaidh.

Tha e math a bhith falbh air baic. Ach dèan cinnteach gu bheil thu sàbhailte!

Feumaidh aodach soilleir a bhith ort air an oidhche gus am faic dràibhear agus daoine eile thu.

Feumaidh solais a bhith air do bhaic gus am faic daoine eile thu gu furasta.

Feumaidh do bhaic a bhith sàbhailte. Dèan cinnteach gu bheil na solais ag obrachadh agus nach eil am baic ro mheirgeach.

Na bruidhinn ri daoine nach aithne dhut!

Ionnsaich dè nì thu air na ròidean agus lean còd nan ròidean.

Ionnsaich do bhaidhsagal a chàradh airson a chumail sàbhailte.

Cuimhnich clogaid a chur ort a h-uile turas. Cha bhi spòrs agad air a' bhaic ma bhios tu anns an ospadal!

Innis do chuideigin càit a bheil thu a' dol air a' bhaic.


Puingean ri Dheasbad:

- Cha do chleachd na poileis am postair seo. Carson? (*Tha cus fiosrachaidh air. Tha am fiosrachadh troimhe-chèile. Chan eil an teachdaireachd soilleir gu leòr. Tha e doirbh a leughadh*).
- Dè tha math mu dheidhinn? (*Cha do chleachd i am facal 'Na' ro thrìc! Tha deagh chomhairle air ach bhiodh e na b' fheàrr ann am bileag-fiosrachaidh na air postair.*)
- Dè a' phuing as cudromaiche airson postair mar seo? (*beachdan eadar-dhealaichte*)
- Carson nach eil e math cus sgrìobhaidh a chur air postair? (*tha e nas dorra a leughadh agus a chuimhneachadh*)
- Dè eile a ghabhas cleachdadh airson fiosrachadh a chur thairis air postairean? (*dealbhan, cartoons, dreach a' phostair*)

Gnìomhan do na sgoilearan

- Duilleag-obrach 1
- Tagh an teachdaireachd a tha thusa a' smaointinn as cudromaiche air postair Siùsaidh. Feuch ri a sgrìobhadh ann an dòigh goirid soilleir (na cleachd barrachd air sia faclan!) agus dèan postair stèidhichte air an teachdaireachd sin.





Postairean - duilleag-obrach I

Ainm:

a. Leugh gach abairt gu h-ìosal agus seall a bheil e ceart (✓) no ceàrr (x) nad bheachd-sa.

1. Tha dreach a' phostair cudromach.
2. Feumaidh dealbhan a bhith air a h-uile postair.
3. Feumaidh sgrìobhadh a bhith air a h-uile postair.
4. Faodaidh cus fhaclan a bhith air postair.
5. Feumaidh postair suim a ghabhail den luchd-amais.

b. Seo cuid de na rudan a sgrìobh Siùsaidh air a postair. Sgrìobh iad ann an dòigh goirid, cumhachdach. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. Tha e math a bhith falbh air baic.
Ach dèan cinnteach gu bheil thu sàbhailte!
Biodh spòr agad! Ach gabh cùram.

2. Feumaidh aodach soilleir a bhith ort
air an oidhche gus am faic
dràibhearán agus daoine eile thu.



3. Feumaidh do bhaic a bhith sàbhailte. Dèan cinnteach gu bheil na solais ag obrachadh agus nach eil am baic ro mheirgeach.

4. Ionnsaich dè nì thu air na ròidean agus lean còd nan ròidean.

5. Cuimhnich clogaid a chur ort a h-uile turas. Cha bhi spòrs agad air a' bhaic ma bhios tu anns an ospadal!

6. Innis do chuideigin càit a bheil thu a' dol air a' bhaic.

C. Dealbhaich fhèin postair le rabhadh no comhairle air. Tagh fear de na cuspairean seo. Cleachd nas lugha na ochd faclan mas urrainn dhut ach feuch nach cleachd thu am facal 'na' idir!

- a) Postair a' comhairleachadh dhaoine barrachd eacarsaich a ghabhail.
- b) Postair a' toirt rabhadh mu dheoch-làidir, smocadh no drogaichean.
- c) Postair a' toirt rabhadh air dè thachras ma thilgeas daoine sgudal.
- d) Postair a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dol chun an fhiaclair.
- e) Postair a' comhairleachadh dhaoine gun a bhith a' bruidhinn ri strainnsearan.

Nuair a tha do phlana airson a' phostair deiseil, stad agus smaoinich: A bheil an teachdaireachd soilleir? An coimhead daoine air seo? Ciamar a nì mi nas soilleire e? An uair sin, dèan postair agus cuir suas e ann an àite far am faic an luchd-amais agad e!



Cuirm-ciùil

Dihaoine

- ★ Eilidh NicAoidh air a' Phìob
- ★ Seumas Camshron air an fhidhill...
- ★ Dànnsadh bho 'Casan Sgiobalta'
- ★ Òrain bho Chòisir na Sgoile agus bho Iain agus Peigi Stiùbhart

Spòrs agus
fealla-dhà gu leòr!

Ticeadan £4

Clann fo 14 an-asgaidh!



Thig gu Taigh-òsta na Creige
am-bliadhna.

Rumannan cofhurtail.

Amar-snàimh.

Faisg air an tràigh.

Baidhsaglan air iasad.

Marcachd, iasgach, teanas
faisg air an taigh-òsta.

Cuir fòn gu Ailean Màrtainn
(01777 455677) airson barrachd
fiosrachaidh.



Tha e math a bhith falbh air baic. Ach dèan cinnteach
gu bheil thu sàbhailte!
Feumaidh aodach soilleir a bhith ort air an oidhche gus am faic
dràibhearan agus daoine eile thu.
Feumaidh solais a bhith air do bhaic gus am faic
daoine eile thu gu furasta.
Feumaidh do bhaic a bhith sàbhailte. Dèan cinnteach gu bheil
na solais ag obrachadh agus nach eil am
baic ro mheirgeach.
Na bruidhinn ri daoine nach aithne dhut!
Ionnsaich dè nì thu air na ròidean agus lean
còd nan ròidean.
Ionnsaich do bhaidhsagal a chàradh airson a
chumail sàbhailte.
Cuimhnich clogaid a chur ort a h-uile turas. Cha bhi spòrs
agad air a' bhaic ma bhios tu anns an ospadal!
Innis do chuideigin càit a bheil thu a' dol air a' bhaic.



Foirmean





Ro-ràdh:

Anns a' chaibideil seo tha foirmean ri lionadh a-steach. 'S e sgil feumail a tha seo ach uaireannan tha e duilich do sgoilearan (agus do dh'inbhich!) na foirmean a thuigsinn. Tha diofar sheòrsaichean de fhoirm an seo: foirm-iarrtais obrach, foirm bho chatalog agus foirm ballrachd chlub spòrs.

Stiùireadh do Thidsearan:

Cruinnich foirmean de dhiofar sheòrsaichean agus bruidhinn mun deidhinn le buidhinn de sgoilearan. Carson a tha gach foirm air leth? A bheil e a' coimhead furasta no doirbh a lionadh a-steach? An robh aca ri foirmean a lionadh a-steach riamh? Carson a bha iad? Carson a tha e cudromach gun sgrìobh thu gu sgiobalta agus gu soilleir nuair a tha thu a' lionadh a-steach foirm?

a. Foirm-iarrtais obrach

Seo sanas-obrach a nochd ann am pàipear-naidheachd. Leughaidh e gu cùramach mar bhuidhinn. Tha ceistean às a dhèidh airson dèanamh cinnteach gun tuig na sgoilearan an sanas mas lion iad a-steach am foirm-iarrtais.

WWW.SMO.UHI.AC.UK FO-OIFIGEAR ÀRD ICT



Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh neach ICT ùr fhastadh anns an dreuchd, Fo-oifigear Àrd ICT, a bhios ag obair ann an Aonad ICT taobh a-staigh Roinn Seirbheisean Corporra Sabhal Mòr Ostaig fon Rianaiche ICT. Bidh an cùmhnant seo làn-tìde aig an tuarastal eadar £16,871 agus £20,637, a' crochadh air na sgilean aig an neach-tagraidh. Bidh an neach-tagraidh soirbheachail an sàs anns a h-uile siostam ICT sa Cholaiste agus ag obair còmhla ri agus a' toirt taic don luchd-cleachdaidh sa Cholaiste.

Thathar a' sireadh neach a tha sgileil am measg dhaoine agus a tha comasach air a bhith ag obair gu soirbheachail ann an sgioba sa Cholaiste. Bhiodh e math nan robh sgilean aig an neach-tagraidh ann an Netware, Windows 2000, Linux agus LAN ach chan eil a h-uile sgil seo riatanach - cho fad 's a tha an neach-tagraidh deònach agus comasach an dreuchd ionnsachadh. Bidh a' mhòr chuid den obair seo ann an Gàidhlig. Feumaidh iarrtas a bhith a-steach ro 31 Faoilleach.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-iarrtais bho Màrtainn Dòmhnallach, Rianaiche ICT;
Fòn: 01471 888 341
Facs: 01471 888 001
Post-d: sm00md@groupwise.uhi.ac.uk



Sabhal Mòr Ostaig
Colaiste Ghàidhlig na h-Alba
Slèite | An t-Eilean Sgitheanach | IV44 8RQ
Fòn: 01471 888 000 Facs: 01471 888 001
Post-d: oifis@smo.uhi.ac.uk

Puingean ri Dheasbad:

- Dè an seòrsa fiosrachaidh a tha seo? (*sanas-obrach*)
- Càite am faicheadh tu am fiosrachadh seo? (*ann am pàipear naidheachd / ionad-obrach no air an eadar-lìon.*)
- Co aige a bhiodh ùidh anns an fhiosrachadh seo? (*duine a tha a' sireadh obair agus a tha sgileil ann an coimpiutaireachd.*)
- Carson a chaidh am fiosrachadh seo a sgrìobhadh? (*Thathas a' sireadh neach-ICT ùr ann an Sabhal Mòr Ostaig.*)
- Dè tha agad ri dhèanamh ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth ort? (*Fòn, facs, no post-dealain a chur gu Màrtainn Dòmhnallach, Rianaiche ICT ann an Sabhal Mòr Ostaig.*)
- Dè tha thu a' smaointinn a th' ann an Netware, Windows 2000, Linux agus Lan? (*Siostaman obrachaidh coimpiutaireachd*)
- Cuin a thathas ag iarraidh iarrtasan airson na dreuchd seo? (*31 am Faoilleach ____*)
- Nad bheachdsa, dè na nithean a bheir aire dhaoine chun an t-sanais-obrach seo? (*dealbh, logo Sabhal Mòr Ostaig, logos eile, an tiotal air a sgrìobhadh ann an litrichean mòra agus an làrach-lìn gu h-àrd.*)
- Ma tha cuideigin ag iarraidh na h-obrach, dè bu chòir dha / dhi dèanamh? (*foirm-iarrtais iarraidh bho Màrtainn Dòmhnallach, am foirm a lionadh a-steach a' sealltainn carson a bhiodh iad math air an obair seo agus litir ghoirid a sgrìobhadh a thèid leis an fhoirm*)



Faigh facal às an teacsa airson nan abairtean no nam faclan seo:

Obair (dreuchd no cùmhnant)

Pàigheadh (tuarastal)

A rinn math no a rinn an gnothach (soirbheachail)

Cuideachadh (taic)

Uabhasach math air rudeigin (sgileil)

Do-sheachainte / feumaidh e bhith agad (riatanach)

Thoir lethbhreac den fhoirm-iarrtais dhan h-uile sgoilear anns a' bhuidhinn agus iarr orra coimhead air gu cùramach agus a leughadh air fad mus tòisich iad ga lìonadh a-steach. Bruidhinn mu dè an seòrsa fiosrachaidh a tha a' cholaiste ag iarraidh agus carson. Carson a tha iad ag iarraidh ainmean dithis a bheir teisteanas don neach-tagraidh? Cò bhiodh math airson seo?

Gnìomhan do Sgoilearan:

- Leugh agus lìon a-steach am foirm-iarrtais airson na h-obrach ann an Sabhal Mòr Ostaig. **(duilleag-obrach 1)**




b. Foirm ag iarraidh rudan bho chatalog:

Stiùireadh do Thidsearan: Dh'fhaodar catalog sam bith a chleachdadh airson seo ach chan fheum ach catalog beag no duilleag no dhà à catalog mòr a bhith aig gach sgoilear.


Gheibhear catalog Gàidhlig bho Acair (www.acairbooks.com) no Cànan www.canan.co.uk no A' Chiste Leabhraichean (www.gaelicbooks.net) no Stòrlann (www.storlann.co.uk).

Tha eisimpleir de dhuilleig bho chatalog gu h-ìosal a dh'fhaodadh iad cleachdadh no dh'fhaodadh iad catalog Beurla a chleachdadh ach am foirm Gàidhlig a lìonadh a-steach.


Coimhead air an fhoirm (duilleag-obrach 2) le buidhinn no leis a' chlas. Dèan cinnteach gun tuig iad dè thèid anns gach colbh agus gun tuig iad dè am fiosrachadh eile a th' aca ri lìonadh a-steach. Dh'fhaodadh iad fiosrachadh mas fhìor a chur ann.




S356
Uaireadair: Donn no Dubh
Pris: £15.95




S754
Camara Auto-focus
Pris: £59.50



S979
Fàinne le ruiteachan
Pris: £82.00




A282
T-lèine: Geal, Donn, Uaine,
Buidhe, Dearg no Dubh
Meud: Beag, Meadhanach no Mòr
Pris: £6.30



A377
Ceap: Uaine, dearg no gorm
Meud: Beag, Meadhanach no Mòr
Pris: £4.50



R110
Encyclopedia de Bheathaichean
Le fiosrachadh air còrr is 1000
Beathach
Pris: £12.99



R340
Racaid airson teanas: Gorm no Dearg
Pris: £14.50



C. Foirm-iarrtais airson ballrachd de Chlub-Spòrs (duilleag-obrach 3)

Stiùireadh do Thidsearan: Bruidhinn ris a' chlas mu chlubaidhean anns a bheil iad (spòrs, buidheann òigridh, ceòl, danns, etc). Dèan cinnteach gun tuig iad dè tha am facal 'ballrachd' a' ciallachadh. Am feumadh iad foirm a lionadh a-steach airson a bhith nam ball den bhuidhinn sin? No am feumadh am pàrantan foirm a lionadh a-steach. Dè an seòrsa fiosrachaidh a tha feumail do bhuidhnean mu dheidhinn nam ball? (m.e. ainm, seòladh, àireamh-fòn, aois, cur-seachadan, sgilean, ìre). Carson a tha am fiosrachadh seo feumail?

Seo sanas airson club spòrs ùr a tha a' tòiseachadh anns a' bhaile. Dèan lethbhreac mòr dhe gus am faic a h-uile sgoilear e. Bruidhinn mu dè tha math mun t-sanas. Dè na rudan a tha a' glacadh sùil an leughadair agus a' togail an ùidh? Innis dhaibh gu bheil iad a' dol a lionadh a-steach foirm airson a bhith nam buill den chlub.

(Mas fheàrr leibh, dh'fhaodadh a' chlann fhèin sanas a dhèanamh airson club anns a bheil iad no club mas-fhior agus dh'fhaodadh iad an uair sin foirm-iarrtais bhallrachd a lionadh a-steach airson a' chlub as fheàrr leotha anns a' chlas.)

Gluais le Gàire!

Club Ùr Spòrs do Chloinn Aois 10 – 14



A' Tòiseachadh Dihaoine 6 Sultain

Ann an Talla MhicAmhlaigh

Seo cothrom a bhith a' feuchainn iomadh spòrs eadar-dhealaichte!


Trampoline	Ball-basgaid	Aerobics	Badminton
Ball-làimhe	Iomain	Rugbaidh	Rèisean
Teanas-bùird	Lùth-chleasachd	agus barrachd!	

A h-uile Feasgar Dihaoine 4.00f – 5.30f

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad bhall den chlub spòrs sgoinneil ùr seo, gheibh thu foirm-iarrtais ballrachd bhon leabharlann, ionad-spòrs no bho bhùth-spòrs sam bith.

Na caill cothrom – Faigh foirm-iarrtais an-diugh!






Foirmean - duilleag-obrach 1

Ainm:

Leig ort gum faca tu sanas-obrach ann am pàipear-naidheachd no air an eadar-lìon agus gu bheil ùidh agad anns an obair sin. Lìon a-steach am foirm-iarrtais seo.



Foirm-Iarrtais Obrach

Ainm slàn:

Seòladh:

Còd-phuist: Seòladh post-dealain:

Fòn Taighe: Fòn-làimhe:

Cead-dràibhidh: Tha / Chan eil A bheil càr agad? Tha / Chan eil

Foghlam (ann an òrdugh frithealaidh)

Bho - gu	Ìre	Sgoil / Colaiste / Oilthigh
<input type="text"/>	<input type="text"/>	<input type="text"/>

Cur-seachadan:

Carson a bhiodh tu math air an obair seo?

Ainmich dithis a bheir teisteanas phearsanta dhut (nach eil nan càirdean)

1. Ainm: 2. Ainm:

Seòladh: Seòladh:


.....

Dreuchd: Dreuchd:

Tha mi a' dearbhadh gu bheil am fiosrachadh slàn agus fìor.

Ainm sgrìobhte: Ceann-latha:






Foirmean - duilleag-obrach 2

Ainm:

Cleachd am foirm seo airson rudan òrdachadh bho chatalog. Faodaidh tu suas ri còig rudan eadar-dhealaichte a thaghadh.



(Mgr/ B/Ph/ M) Ainm: Sloinneadh.....

Seòladh

..... Còd-phuist:.....

Àireamh fòn (mus bi ceistean againn dhuibh mun òrdugh agaibh)

Còd	Tuairisgeul den rud	Meud	Dath	Cia mheud	Pris an urra	Pris iomlan £
						£ .
						£ .
						£ .
						£ .
						£ .

Post & Pacadh £ 1.55

Suim £ .

An cois seo tha seic/òrdugh-puist airson £..... air a dhèanamh a-mach do 'Bùth a' Chataloig'.

Ainm sgrìobhte: Ceann-latha:

Cuinibh am foirm seo air falbh gu: Bùth a' Chataloig, 2 Rathad na Pàirce. Bail' Iain, PR1 6NT

Gheibh sibh ur n-òrdugh taobh a-staigh 2l latha.



Gluais le Gàire!

Club Ùr Spòrs do Chloinn Aois 10 – 14



A' Tòiseachadh Dihaoine 6 Sultain
Ann an Talla MhicAmhlaigh

**Seo cothrom a bhith a' feuchainn iomadh spòrs
eadar-dhealaichte!**

Trampoline Ball-basgaid Aerobics Badminton
Ball-làimhe Iomain Rugbaidh Rèisean
Teanas-bùird Lùth-chleasachd agus barrachd!


A h-uile Feasgar Dihaoine 4.00f – 5.30f

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad bhall den chlub spòrs
sgoinneil ùr seo, gheibh thu foirm-iarrtais ballrachd bhon
leabharlann, ionad-spòrs no bho bhùth-spòrs sam bith.

Na cail cothrom – Faigh foirm-iarrtais an-diugh!



Leughadh gus
Meòmhrachadh
air Bun-bheacdan
agus Stoidhle
agus Ceàird
an Ùghdair



Bun-bheachdan agus Ceàird an Ùghdair





Ro-ràdh

Tha e gu math cudromach gum faigh clann cothrom tòrr leabhraichean eadar-dhealaichte a leughadh, leis an aon ùghdar agus le ùghdaran eadar-dhealaichte. Anns an dòigh sin, ionnsachaidh iad tòrr mu dheidhinn stoidhle, caractar, plot, prìomh bhun-bheachdan agus ceàird ùghdaran eadar-dhealaichte. Tha tòrr ghniomhan a ghabhas dèanamh, stèidhichte air leabhraichean ficsean, ach tha e cudromach gun a bhith a' dèanamh *cus* sgrùdaidh air a h-uile leabhar mus caill a' chlann toileachas ann an leughadh. An àite a bhith a' coimhead gu mionaideach air a h-uile teacs, bu chòir dhan tidsear brosnachadh a thoirt do chlann aig ìrean D agus E a bhith a' smaoinichadh mu trì rudan sònraichte nuair a tha iad a' leughadh: cuspair na teacsa, neart na teacsa agus coimeas eadar teacsaichean.

Stiùireadh do Thidsearan:

Brosnaich a' chlann a bhith a' leughadh tòrr leabhraichean ficsean, a' gabhail a-steach sgeulachdan de gach seòrsa, dràma agus bàrdachd. Ged nach eil gu leòr leabhraichean Gàidhlig ann fhathast airson clann den aois seo, faodaidh iad bruidhinn ann an Gàidhlig mu leabhraichean eile a leugh iad anns an sgoil no aig an taigh.

Seo ceistean feumail a ghabhas faighneachd mu leabhar ficsean sam bith, airson clann a chuideachadh a bhith a' smaointinn mu dheidhinn prìomh bhun-bheachdan agus ceàird nan ùghdaran:

- (cuspair na teacsa) Co mu dheidhinn a tha an teacs seo?
- (neart na teacsa) Dè tha math mu dheidhinn na teacsa seo?
- (coimeas eadar theacsaichean) A bheil an teacs seo coltach ri teacs eile a leugh thu? Ciamar a tha i coltach? Ciamar a tha i diofraichte?

Cuspair na teacsa: Tha tòrr chuspairean eadar-dhealaichte a' nochdadh ann an teacsaichean ficsean airson clann aig ceann shuas na bun-sgoile. Bidh cuid de na cuspairean a' tighinn an-àird ann an tòrr theacsaichean: càirdeas, eud, a' fàs suas, eagal, a' sabaid an aghaidh olc. Ann an tòrr sgeulachdan tha iomadh cuspair diofraichte a' tighinn ri chèile. Chì sgoilearan eadar-dhealaichte cuspairean eadar-dhealaichte agus bidh freagairtean diofraichte aca don cheist: Co mu dheidhinn a tha an teacs seo?

Chan eil e an-còmhnaidh furasta do chlann prìomh chuspair na teacsa aithneachadh. Ach 's ann tro bhruithinn mu theacsaichean agus mu co mu dheidhinn a tha iad a dh'aithnicheas iad an cuspair.



Neart na teacsa: Brosnaich a' chlann gu bhith ag innse dè bha math no dè a b' fheàrr mun teacs a leugh iad. Carson a tha an leabhar a' seasamh a-mach dhaibh? Ged a tha cuid de leabhraichean sgoinneil ann an iomadh dòigh, mar as trice 's e fear no dhà de na rudan seo a nì an diofar eadar leabhar math agus leabhar sgoinneil:

plot caractaran suidheachadh
stoidhle roghainn fhacal

Seo ceistean a dh'fhaodadh sibh cleachdadh airson bruidhinn mu neart na teacsa. Ma chanas a' chlann dìreach gu robh e 'math' no 'dona', brosnach iad am freagairtean a mhìneachadh.

- Dè an rud a b' fheàrr leat mun teacs seo?
- An robh càil ann nach bu toigh leat mu a deidhinn?
- Dè do bheachd air na caractaran / a' phlota / an t-suidheachadh?
- An robh an leabhar / bàrdachd seo furasta a leughadh? Minich do fhreagairt.
- Am bu toigh leat a leughadh a-rithist? Carson?
- Am bu toigh leat leabhar eile leis an aon ùghdar a leughadh? Carson?

Coimeas eadar theacsaichean: Ionnsaichidh clann tòrr mu stoidhle an ùghdair le bhith smaoinichadh mu dheidhinn neart na teacsa. Mar seo, bidh cothrom aca faighinn a-mach cò na h-ùghdaran is toigh leotha agus carson. Ma leughas iad barrachd air aon teacs leis an aon ùghdar, brosnach a' chlann gus coimeas a dhèanamh eadar na teacsaichean a thaobh stoidhle, caractaran, cuspair, suidheachaidh, is eile.

Seo ceistean a dh'fhaodadh a bhith feumail:

- An do leugh thu rud sam bith leis an aon sgrìobhadair?
- A bheil an teacs seo coltach ri rud sam bith eile leis an aon sgrìobhadair?
- Ma leugh thu rudeigin eile leis an aon sgrìobhadair, a bheil càil anns an tè seo, a thaobh stoidhle, a tha a' sealltainn cò sgrìobh i?
- Ciamar a tha i coltach?
- Ciamar a tha i eadar-dhealaichte?

Anns an aon dòigh, brosnach iad gus coimeas a dhèanamh eadar diofar ùghdaran a' dèiligeadh ris an aon chuspair.

Seo ceistean a dh'fhaodadh a bhith feumail airson sin. Cha bhi iad uile freagarrach airson a h-uile teacs:

- Co mu dheidhinn a tha an teacs seo?
- An do leugh thu teacs sam bith eile air an aon chuspair?
- A bheil an teacs seo coltach ri tè sam bith eile a leugh thu?
- Ciamar a tha i coltach?
- Ciamar a tha i eadar-dhealaichte?
- Dè an tè a b' fheàrr leat? Carson?
- Ciamar a bha na caractaran eadar-dhealaichte?

Tha cuid de na ceistean seo air duilleagan-obrach 1 agus 2.



Eisimpleir: Teacsaichean air an aon chuspair


Seo ceithir pìosan bàrdachd a tha uile a' dèiligeadh, ann an dòighean eadar-dhealaichte, ri 'cianalas'.

A' Fàgail Bharraigh (td. 44 Ceòl nam Fèis 2)

O Teannaibh Dlùth is Togaibh Fonn (td. 23 Ceòl nam Fèis 2)

Mo Shoraidh leis a' Chòigich (td. 34 Ceòl nam Fèis 2)

Illean Bithibh Sunndach (td. 26 Ceòl nam Fèis 2)



A' Fàgail Bharraigh

le Fionnlagh MacFhionghuin

Saoil sibh fhèin nach mi bha tinn
's mo chridhe sgìth fo leòn
A' toirt mo chùl ri tìr nam beann
's nan gleann san robh mi òg;
Gur e'n Caol Arcach dh'fhàg sinn shìos,
Sruth lìonaidh bras fo sròin,
'S i stiùireadh cùrs' don àird an iar
's a' triall gu Montreal.

Bha mo chridhe brùit' nam chom
Is shìl gu trom mo dheòir
Nuair bha na h-Eileanan an Iar
A' ciaradh orm sna neòil;
Bha fear dhiubh siud sa bheil mo mhiann
ga thiodhlacadh sa cheò;
An t-eilean 's àill air 'n d' dheàlraich grian
's far robh mo mhiann 's mi òg.

Nuair thogas grian air falbh an driùchd
Gun èirich dhìom gach bròn,
's am bàta ghiùlaineas mi null
gur sunndach mi air bòrd;
Gach car den bheirt gam tharraing dlùth
Do thìr mo rùin is m' òig,
Is cobhar bàn-gheal air gach tonn
A' falbh bhon stiùir na chròic.

Dh'fhàg sinn pàrantan nar dèidh,
Gach fear is tè fo leòn,
Ag guidh' gach là is oidhch' ri Dia
Ar dìon bhon h-uile bròn;
A' stiùireadh dìreach thar an t-sàil,
Gu tìr nam bàgh 's nan òb,
Gu Eilean Bharraigh, tìr mo ghràidh,
Far 'n d' fhuair mi m' àrach òg.



Ò Teannaibh Dlùth is Togaibh Fonn

*Ò teannaibh dlùth is togaibh fonn
Mo chridhe trom air m' aineol
Mi fad' o eilean nan damh donn
'S bho thir nan gleann 's nan gallan.*

*Ò beir an t-soraidh seo nis bhuam
Thar chuain is chruaich is bheannaibh
A dh'ionnsaigh Muile nam beann fuar
Ò Eilean uaine bharraich.*

*Och a rìgh nach mi bha thall
An tìr nan gleann 's nam bealach
Tìr nan craobh 's i tìr mo ghaoil
Nan lagan fraoich 's an ràineach.*

*Ò siud na glinn 's nam faighte 'n aoidh
'S na roinn chum taobh na mara
'S tha luchd mo ghaoil-s' an-diugh ma sgaoil
'S an t-àit' fo chaoraich Shasainn.*

*Gur truagh a' Ghàidhlig bhith na càs
On dh'fhalbh na Gàidheil a bh' againn
A ghineil òig tha tighinn nan àit'
Ò togaibh àrd a bratach.*



Illean Bithibh Sunndach

*Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tighinn beò ann
Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse.*

Illean cridheil gaolach, togaibh rithe h-aodach
Tha buidheann mo ghaoil-sa Diardaoin dol a sheòladh.

Gur mise tha gu cianail, a' fàgail a' Chrìanain
A' dol don dùthaich fhiadhaich a dh'iarraidh ar lòn às.

Gur mise tha fo ghruaimean, a' dol a shiubhal chuantan
Tha 'n soitheach dubh a' gluasad gu muladach a' seòladh.

Tha sinn a' dol dh'Ameireaga far nach bi cùram eile òirn
Cho fad 's a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nobha Scotia



Mo Shoraidh leis a' Chòigich

Le Murchadh Mac' ill Eathain

'S ann a fhuair mi m' àrach an taobh tuath de Alba Mhòr,
Far 'm bheil beanntaichean tha fàs-gathach is gleanntanan gu leòr,
Far 'm bheil chlann-nighean as bòidhche 's as fìnealta tha beò
Is truagh nach robh mi thall leoth' ged bhithinn gann den òr.

Gura h-òg a bha mi a' dìreadh mach nan stùc
Le mo bhata callainn 's lem bhreacan tartan ùr
Is le mo chuilean rò-mach a b' fheàrr chaidh riamh air sgrìob
Is Màiri Ruadh gam chàineadh le cànan gun bhrìgh.

Mo bheannach mhòr le Màiri bhon 's i piuthar m' athar i,
B' aoibhneach a bhitheadh i 's i feitheamh nochd rium fhèin;
Ach 's duilich nochd 's is cianail i, 's mi sgrìob a-null air sàil,
'S mi còrr 's trì mìle mìle bho Alba ghorm an fheòir.

*(Seo dìreach pàirt den òran – faic an leabhar
Ceòl nam Fèis 2 airson barrachd rannan)*



Seo trì teacsaichean Gàidhlig anns a bheil 'càirdeas' mar aon de na prìomh chuspairean:

Rùm do Choigreach le Ann Turnbull

Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain

Diùc le Seònaid NicNèill

agus ann am Beurla: Charlotte's Web by E.White (*Puffin* 1993)

Frog and Toad are Friends by Arnold Lobel (*Harper* 1979)

The Whipping Boy by Sid Fleischman (*Harper* 2003)

Amos and Boris by William Steig (*Sunburst* 1992)

Eisimpleir 2: Teacsaichean leis an aon ùghdar

Brosnaich a' chlann gus barrachd air aon leabhar leis an aon ùghdar a leughadh, a' coimhead a-mach airson dòighean anns a bheil iad coltach agus eu-coltach ri chèile.

Tha e math cothrom a thoirt don chloinn sgeulachdan goirid a leughadh, agus sgeulachdan airson clann nas òige, cho math ri nobhailean. Dh'fhaodadh iad bruidhinn ris a' chlas no rim buidhinn-leughaidh mu na leabhraichean a leugh iad, no dh'fhaodadh iad aithisg a sgrìobhadh mu stoidhle agus neart an ùghdair. (faic **duilleag-obrach 3**)

Seo leabhraichean Gàidhlig le sgeulachdan no bàrdachd leis an aon sgrìobhadair. Tha e feumail a bhith a' coimhead air leabhraichean airson clann nas òige cuideachd. Ma tha an leabhar fhèin furasta a leughadh, bidh cothrom nas fheàrr aig na sgoilearan smaoineachadh mu dheidhinn stoidhle an ùghdair.

- a) Aonghas Pàdraig Caimbeul: Motair-baidhsagal agus Sgàthan
An Siopsaidh agus an t-Aingeal
- b) Maoilios M. Caimbeul: Caisteal nan Sgràgan
À Ulbha gu Geelong
- c) Criosaidh A. Niclomhair Cuairt chun na Gealaich (rannan)
- d) Màiri Hedderwick leabhraichean Ceitidh Mòrag (*Acair*)
- e) Flòraidh NicDhòmhnaill Diomhaireachd Caisteal Bhuirgh
An Dileab
Reubairean Roisinis
- f) Iain Mac A' Ghobhainn Rabhdan is Rudan (rannan)
- g) Iain Mac A' Ghobhainn Am Bruadaraiche
Tormod 's na Dolaichean agus
Màiri 's an t-Each Fiodh (Gairm 1976)
- h) Ruairidh MacIlleathain: Seachd Sgeulachdan às Inbhir Nis
Oidhche air Tom na h-lùbhraich




Dh'fhaodadh a' chlann leabhraichean Beurla leis an aon ùghdar a leughadh cuideachd agus bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn ùghdar is toigh leotha agus mu dè tha sònraichte mun stoidhle aca; m.e. Roald Dahl, Jacqueline Wilson, J.K Rowling, Edward Lear, C. S Lewis no ùghdar sam bith eile is toigh leotha agus a bhios iad a' leughadh aig an taigh.

Gnìomhan do Sgoilearan:

- * Bho àm gu àm, sgrìobh aithisg air leabhar a leugh thu agus a chòrd riut, a' toirt an aire do neart an leabhair (**duilleag-obrach 1**) no a' dèanamh coimeas eadar an leabhar sin agus leabhraichean eile (**duilleag-obrach 2**)
- * Sgrìobh aithisg mu dheidhinn ùghdar no bàrd is toigh leat. Faigh a-mach nas urrainn dhut mu a d(h)eidhinn.
- * Dealbhaich postair airson toirt air daoine leabhar ùr (fìor no mas-fhìor) le ùghdar is toigh leat a cheannach no sgrìobh paragraf a thèid air cùl an leabhair ùir, ga mhòladh dhan leughadair.
- * Smaoinich air agus sgrìobh liosta de cheistean a bu mhath leat fhaighneachd don ùghdar is fheàrr leat nam faigheadh tu cothrom.
- * Smaoinich mu dheidhinn cuspair no cuspairean na teacsa a tha thu a' leughadh (m.e. cianalas, eud, clann a' fàs suas, math an aghaidh olc, aonaranachd). An urrainn dhut barrachd air aon teacs leis an aon chuspair a lorg?
- * Leugh trì leabhraichean leis an aon ùghdar agus dèan coimeas eadar na leabhraichean. (Cleachd **duilleag-obrach 3** airson do chuideachadh)
- * Leugh trì rannan leis an aon bhàrd agus dèan coimeas eatorra. (Cleachd **duilleag-obrach 3** ma tha thu ag iarraidh)





Ceàird an Ùghdair - duilleag-obrach 1

Ainm:

Tìotal:

Ùghdar:

Foillsichear agus ceann-latha foillseachaidh:

Gnè-sgrìobhaidh:

Co mu dheidhinn a tha an teacs seo?

Dè an rud a b' fheàrr leat mun teacs seo?

Cuir loidhne fo na rudan a tha, **nad bheachd-sa**, gu math làidir anns an teacs seo:

plot caractaran suidheachadh cuspair

dòigh-sgrìobhaidh roghainn fhacal mac-meanmna

An robh i furasta a leughadh?

Minich do fhreagairt.

Am bu toigh leat rudeigin eile leis an aon ùghdar a leughadh?

.....

Minich do fhreagairt.



Ceàird an Ùghdair - duilleag-obrach 2

Ainm:

Coimeas eadar theacsaichean

Cleachd an duilleag seo airson notaichean a dhèanamh deiseil airson aithisg air leabhar math a leugh thu.

Tìotal:

Ùghdar:

Foillsichear / ceann-latha foillseachaidh:

Gnè-sgrìobhaidh:

Co mu dheidhinn a tha an teacs seo?

An do leugh thu teacs sam bith eile air an aon chuspair?

.....



Dè?

A bheil an teacs seo coltach ri tè sam bith eile a leugh thu?

.....

Ma tha, dè an teacs?

.....

Ciamar a tha i coltach?

Dè tha thusa a' smaoinichadh a tha sònraichte mun teacs seo?



Ceàird an ùghdair - duilleag-obrach 3

Ainm:

Coimeas eadar teacsaichean leis an aon ùghdar

Sgrìobh aithisg mu dheidhinn dà theacs a leugh thu le ùghdar is toigh leat.
Lìon a-steach an duilleag seo airson do chuideachadh leis an aithisg.

Ùghdar.....

Totalan, foillsichearan, cinn-latha foillseachaidh:

1).....

2).....

Co mu dheidhinn a tha na teacsaichean?

1)

2)



Ciamar a tha iad coltach ri chèile?

Dè an dìofar as motha a tha eatorra?

Dè an tè a b' fheàrr leat?

.....

Minich do fhreagairt:

Am bu toigh leat rudeigin eile leis an aon ùghdar a leughadh?

.....

Minich do fhreagairt.



Claon-bheachd / Fìor-chunntas



Mìneachadh:

Claon-bheachd: Sgrìobhadh no labhairt a tha a' toirt barrachd taic do aon taobh seach taobh eile. Sgrìobhadh a tha a' toirt air an leughadair rudeigin a chreidsinn agus a tha sealltainn smuaintean an sgrìobhadair no an fhir-deasachaidh.

Fìor-chunntas: Sgrìobhadh no labhairt anns nach eil ach an fhìrinn.



Ro-ràdh

Dè thachradh nan creideadh sinn a h-uile rud a leughadh sinn? Tha e cudromach gun urrainn dhuinn obrachadh a-mach an i an fhirinn a tha cuideigin a sgrìobhadh no an e ficsean a th' ann. Tha e cudromach cuideachd gun aithnich sinn an diofar eadar fìor-chunntas agus claon-bheachd, gu h-àraidh nuair a tha sinn a' leughadh phàipearan-naidheachd no chunntasan air spòrs no eachdraidh.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Sgrìobh an dà sheantans seo air a' bhòrd-dhubh. Tagh bailtean (beaga no mòra) air am bi na sgoilearan eòlach. Dh'fhaodadh tu pàirc no tràigh a sgrìobhadh an àite bùthan, fhad 's a tha an rud a thaghas tu anns an dà àite!

Tha Dùn Èideann an ear air Glaschu.

Tha bùthan nas fheàrr ann an Dùn Èideann na ann an Glaschu

Bruidhinn mun diofar eadar an dà sheantans. A bheil a h-uile duine ag aontachadh leis a' chiad sheantans? Carson? 'S e fìor-chunntas no fìrinn a th' ann. Dè mun dara sheantans? A bheil a h-uile duine ag aontachadh leis? Am bi daoine anns an àite eile ag aontachadh leis? Carson? 'S e beachd no claon-bheachd a th' ann.

- Iarr air na sgoilearan fìrinn no fìor-chunntas a sgrìobhadh mun sgoil agaibh. Cuir nan cuimhne gu bheil fìor-chunntas fìor agus gum bi a h-uile duine ag aontachadh leis. Dh'fhaodadh tu fear a sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh airson tòiseachadh. Èist ri na sgrìobh a' chlànn agus dèan cinnteach gur e fìrinnean a th' annta air fad!
- An uair sin iarr orra claon-bheachd air an sgoil a sgrìobhadh agus èist ri na sgrìobh iad. Uaireannan bidh a h-uile sgoilear ag aontachadh ged is e claon-bheachd a th' ann! Ma thachras seo, bruidhinn mu dheidhinn. Carson a tha iad uile ag aontachadh? A bheil duine ann nach biodh ag aontachadh? (m.e. pàrantan, tidsearan, clann ann an sgoil eile?)



- Iarr air na sgoilearan paragraf (no dhà no trì pharagrafan airson clann nas comasaiche) a sgrìobhadh mu dheidhinn Alba. Faodaidh iad rud sam bith a thogras iad a sgrìobhadh. Nuair a tha iad deiseil, iarr orra na sgrìobh iad a leughadh . An e fìor-chunntas a th' ann, no claon-bheachd, no measgachadh den dà chuid?
- Iarr air na sgoilearan paragraf (no aithisg airson clann nas comasaiche) a sgrìobhadh mu dheidhinn sgioba ball-coise, no còmhlan ciùil. Nuair a tha a h-uile duine deiseil, bu chòir dhaibh an sgrìobhadh aca a thoirt do sgoilear eile (aig cha mhòr an aon ìre). Bidh a h-uile duine a' leughadh agus a' coimhead airson claon-bheachdan ann an sgrìobhadh chuideigin eile. Dh'fhaodadh iad claon-bheachdan a shoilleireachadh ma lorgas iad gin.
- Dèan an aon rud le aithris phàipeir-naidheachd, (faic earrann B). Brosnaich a' chlann an aithris a leughadh agus beachdachadh an e fìor-chunntas a th' innte no claon-bheachd an sgrìobhadair no measgachadh den dà rud.
- Thoir duilleag-obrach 1 don chloinn agus iarr orra a dèanamh. Nuair a tha a h-uile duine deiseil, bruidhinn mu dheidhinn nam freagairtean a sgrìobh iad, gam brosnachadh am freagairtean a mhineachadh.



a. Coimhead air an litir seo.

12 Sràid Hyndland
GLASCHU
G2 4RF

22.11.03

Aonghas MacIomhair,
Cathraiche Chomhairle Hyndland
20 Sràid Hyndland
GLASCHU
G2 4RS

A Mhgr MhicIomhair chòir,

Tha mi a' sgrìobhadh a-rithist a ghearan mu dheidhinn na riaghailt a rinn sibh airson stad a chur air ceòl pop, ceòl an fheadain agus na fìdhle a bhith ga cluich anns na taighean againn an dèidh na sgoile agus air an oidhche. Chan e seo a' chiad uair a thug mi an gnothach seo gu ur n-aire; tha mi a' toirt iomradh air na litrichean 23mh Lùnastal agus 10mh Sultain 2003.

Is toil leam fhèin agus mo charaidean ceòl agus tha mu cheud CD againn gu lèir. Bidh sinn ag èisteachd ri ceòl còmhla an dèidh na sgoile a chionn 's gu bheil feum againn air fois a ghabhail an dèidh obrachadh gu cruaidh fad an latha.

Tha mi fhèin, Catrìona agus Anna ag ionnsachadh an fheadan agus an fhidhill a chluich anns an sgoil. Tha e cudromach gum faigh clann cothrom na h-innealan seo ionnsachadh agus 's e na taighean againn fhèin an aon àite a tha againn a-nis far am faigh sinn cothrom seo a dhèanamh.

Tha mise a' moladh dhuibh leigeil leinn ceòl a chluich air feasgaran an dèidh na sgoile. Bhiodh e na b' fheàrr buileach nan robh àite ann far am b' urrainn dhuinn cluiche còmhla - àite mar an Talla beag aig ceann Sràid Hyndland. Chan eil ar ceòl a' cur dragh air duine sam bith agus tha e math gu bheil clann ag iarraidh ceòl mar seo ionnsachadh.

Tha mi an dòchas gu smaoinich sibh mu dheidhinn a' mholaidh seo agus gu sgrìobh sibh thugam a dh'aithghearr.

Le dùrachd,

Màiri Nic an t-Saoir

Màiri Nic an t-Saoir



Puingean ri Dheasbad:

- Carson a sgrìobh Màiri an litir seo?
- Co thuige a tha i a' sgrìobhadh agus carson?
- An e firinnean no beachdan a tha Màiri a' sgrìobhadh no measgachadh den dà rud?
- Dè na beachdan a tha an sgrìobhadair a' sealltainn?
- A bheil thusa ag aontachadh le beachdan Màiri?
- Saoil cò nach biodh ag aontachadh leatha?
- Dè na firinnean a sgrìobh i?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Leugh litir Màiri a-rithist. Leig ort gur tusa an comhairliche. Sgrìobh freagairt don litir aice, a' sealltainn beachdan a' chomhairliche air a' chùis seo.
- Smaoinich air cò nach biodh ag iarraidh ceòl anns an talla bheag a dh'ainmich Màiri, agus carson. Sgrìobh litir don chomhairliche bho chuideigin a tha an aghaidh ceòl an dèidh na sgoile anns an talla bheag. Dèan cinnteach gu seall thu na h-adhbharan airson a bhith an aghaidh ceòl anns an talla. Cleachd measgachadh de dh'fhirinnean agus bheachdan.
- A bheil beachd làidir agad fhèin air rudeigin anns a' choimhearsnachd agadsa no mu dheidhinn rudeigin a tha a' tachairt anns na naidheachdan? Deasaich òraid ghoirid air a' chuspair sin agus bruidhinn ris a' chlas mu do bheachdan. Dh'fhaodadh dithis agaibh no buidheann bheag obrachadh còmhla air seo.

b. Seo earrann bho phàipear-naidheachd (mas-fhior!)

Am Beachdair Làitheil

Feasgar Glòrmhor ann an Eachdraidh Ball-coise

Aithris le Peadar MacAonghais

Tha fhios aig a h-uile duine gur e Alba an dùthaich as fheàrr anns an t-saoghal air ball-coise. Chaidh sin a dhearbhadh gun teagamh an-dè nuair a chluich Alba an aghaidh Sasainn. Cha robh suidheachan falamh aig Hampden, ged a bha an t-uisge ann agus thug an luchd-amhairc taic don sgioba bhon chiad bhreab. Fhuair Sasainn tadhal an toiseach ach chan e tadhal sònraichte a bh' ann idir. Thuit an cluicheadair Sasannach anns a' pholl agus chaidh am bàlla a-steach dhan lion gun fhios dha. Cha b' ann mar sin a

bha an ath thadhal ge-tà. Ruith an cluicheadair, Seumas Maclain, suas gu ceann eile an raoin agus bhreab e am ball a-steach dhan tadhal Shasannach ann am prioba na sùla. Cha robh cothrom sam bith aig an fhear-glèidhidh stad a chur air. Bha an luchd-amhairc nam boil agus bha Hampden làn de bhrataichean gorm is geal a' sèideadh agus le mìltean de ghuthan a' seinn le toileachas. Tron chòrr den ghèam, b' e Alba gun teagamh an sgioba a bu làidire, a' tighinn faisg air tadhal fhaighinn iomadh turas. Bha an aimsir nan

aghaidh, le uisge trom agus gaoth làidir ga dhèanamh doirbh ri fhaicinn agus a' toirt air tòrr de na cluicheadairean tuiteam anns a' pholl. Mar sin, cha deach tadhal eile fhaighinn chun a' mhionaid mu dheireadh, nuair a bhreab Marc Stiùbhart am ball tro chasan an fhir-glèidhidh. Abair gaisgeach! Chaidh Stiùbhart a ghoirteachadh nuair a thuit e dhan pholl, ach bha am ball anns an lion agus bha Alba air buannachadh dhà gu aon! Is cinnteach gum buannaich iad Cupa na Cruinne an ath bhliadhna le cluiche mar sin!



Puingean ri Dheasbad:

- An e 'Am Beachdair Làitheil' deagh ainm airson a' phàipeir-naidheachd seo nad bheachd-sa? Carson?
- Dè an sgioba as fheàrr le Peadar MacAonghais?
- Ciamar a tha fios agad?
- A bheil thu ag aontachadh leis a h-uile rud a sgrìobh e?
- Am bi Alba an-còmhnaidh a' buannachadh an aghaidh Sasainn ann am ball-coise?
- A bheil e furasta aithris a sgrìobhadh gun chlaon-bheachdan air rud ma tha beachdan làidir agad mun rud sin?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Dh'fhaodadh a' chlann rud sam bith a shoilleireachadh a tha iad a' smaointinn a tha na 'chlaon-bheachd' anns an aithris ann an earrann B.
- Ath-sgrìobh an aithris air a' ghèam bhall-coise seo eadar Alba agus Sasainn (earrann B) gun chlaon-bheachd sam bith!
- Sgrìobh aithris mu ghèam eadar an club as fheàrr leatsa (no club na sgoile) agus sgioba eile. Faodaidh an gèam a bhith mas-fhìor agus chan fheum iad a bhith a' cluich ball-coise! Nuair a tha thu deiseil, iarr air caraid coimhead airson claon-bheachdan anns an aithris agad. An do sgrìobh thu tòrr no an do sgrìobh thu fìor-chunntas a-mhàin?
- Duilleag-obrach 2

C. Propaganda: Mur do rinn a' chlann obair sam bith air propaganda roimhe, dèan cinnteach gun tuig iad dè tha ann agus cuin a tha/ bha e air a chleachdadh. Dh'fhaodadh sibh coimhead air postairean bho àm a' chogaidh no postairean a nochdas ro thaghadh phàrlamaid.

Leugh td. 24 – 25 anns an leabhar Alba san Dara Cogadh le Riseard Dargie (Wayland/PRG 1997). Seo earrann bho na duilleagan sin ach b' fhiach na duilleagan air fad a leughadh:

Bha naidheachdan a' chogaidh fo smachd an riaghaltais. Bha aig an luchd-naidheachd ri bhith faiceallach mar a dh'innseadh iad càil. Dh'innseadh iad mu bhuidh nan Saighdearan Càirdeil ach cha chanadh iad mòran nan cailleadh iad. Bha filmean, nobhailean agus irisean ag innse mu chalmachd feachdan Bhreatainn.

Bha na saighdearan againne an-còmhnaidh le gàire orra anns na dealbhan, ach bha na saighdearan Gearmailteach a' coimhead borb no gòrach. B' e 'propaganda' a bha seo. Cha robh càil ga innse mun chogadh ach na bha an riaghaltas airson innse. Bha iad airson gum fairicheadh daoine gu robh Breatainn a' buannachadh.

Td. 24 – 25 Alba san Dara Cogadh le Riseard Dargie (Wayland/ PRG 1997)



Puingean ri Dheasbad:

- An e rud math no dona a th' ann am propaganda nad bheachd-sa?
- Ciamar a tha e feumail? (a' toirt misneachd do dhaoine nuair a tha firinn ro dhoirbh ri chluinntinn)
- Ciamar a tha e dona? (chan e an fhìrinn a th' ann air fad, chan eil fios aig daoine dè tha fìor agus dè nach eil fìor, chan eil e a' sealltainn ach aon taobh)
- An ann dìreach ann an sgrìobhadh a bhios claon-bheachd a' nochdadh? (Chan ann. Nochdaidh e ann an labhairt agus ann an dealbhan is filmean cuideachd)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Leig ort gu bheil thu ag obair airson an riaghaltais aig àm an dara cogaidh. Dealbhaich postair airson toirt air daoine creidsinn gu bheil Breatainn a' dol a bhuannachadh.
- Leugh td. 24 –25 den leabhar Alba san Dara Cogadh.
- Leig ort gur tusa Lord Haw-Haw. Deasaich prògram rèidio airson toirt air daoine creidsinn gu bheil an cogadh a' dol le na Gearmailtich.

d. Nochdaidh claon-bheachd ann an stòiridhean cuideachd. Seo dà thuairisgeul den aon character.

1.

“S e duine math a th' ann an Rob, duine còir, eireachdail. Tha sinn air a bhith pòsta gu toilichte airson còrr is fichead bliadhna a-nis. Chan fhàgann Rob airson rud sam bith. Tha gàire air aodann cha mhòr fad na h-ùine agus ma tha mi a' faireachdainn brònach, cha mhair sin fada le Rob mun cuairt. Tha e cho fialaidh cuideachd. Is tric a bhios e a' toirt dhomh rudan prìseil; seudan, fàinnichean òir is airgead gu leòr. Feumaidh gu bheil e math air an obair aige. Tha e air falbh tric, 's e sin an aon trioblaid. Thug an obair aige air falbh e airson sia mìosan an-uiridh agus bha mi ga ionndrainn gu mòr. Ach feumaidh e dhol far a bheil an obair.”

2.

“Tha deagh bheachd agamsa air cò ghoid na seudan sin. Cuiridh mi geall gur e am bleigeard sin Rob Morgan a bh' ann. Duine garbh, mu ceathrad bliadhna a dh'aois. Tha e caol le falt salach dorch agus gàire ghòrach air aodann fad na h-ùine. Tha e air a bhith anns a' phrìosan iomadh turas airson goid. Tha e math air goid gun teagamh, gu h-àraidh seudan agus airgead. Chaidh a ghlacadh an-uiridh nuair a bha e a' feuchainn ri bhristeadh a-steach do bhùth sheudan air Sràid na Bànrigh. Bha e anns a' phrìosan airson sia mìosan. Tha e doirbh a lorg. Tha fios againn càite bheil e a' fuireach, ach chan eil e aig an taigh uabhasach tric.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa sgrìobhaidh a tha seo? (*ficsean, stòiridh*)
- Saoil cò tha bruidhinn anns a' chiad earrann? (*Mrs Morgan*)
- Dè do bheachd air Rob an dèidh a' chiad earrann a leughadh?
- Saoil cò tha bruidhinn anns an earrann eile? (*neach-rannsachaidh*)
- An do dh'atharraich do bheachd air Rob an dèidh an dara earrann a leughadh?
- Carson a tha na beachdan aca cho diofraichte? (*tha an dàimh le Rob diofraichte, chì iad Rob ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte*)
- A bheil breugan ann an tuairisgeul Mhrs Morgan? (*chan e breugan a th' ann, ach beachdan*)


Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dèan dealbh de Rob mar a bhiodh aig Mrs Morgan air a' bhalla anns an taigh aca. Dèan dealbh eile dheth a bhiodh aig na poilis ann an stèisean nam poileas. Timcheall air an dealbh sgrìobh buadhairean a chleachdadh na daoine sin mu dheidhinn Roib. Cuimhnich gur e an aon duine a th' ann ach air fhaicinn bho thaobhan gu math eadar-dhealaichte! Ciamar a sheallas tu sin anns na dealbhan?
- Dèan plana airson stòiridh ghoirid mu Rob Morgan. Dh'fhaodadh tu na tuairisgealan seo a chleachdadh nad stòiridh agus beachdan dhaoine eile cuideachd.

Gnìomhan eile ri Dhèanamh:

- Brosnaich a' chlann sùil a chumail a-mach airson claon-bheachdan nuair a tha iad a' leughadh.
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum faicear claon-bheachdan tric ann am ficsean cuideachd, chan ann dìreach ann an sgrìobhadh fiosrachail. Is tric a bhios sgrìobhadairean a' sealltainn am beachdan fhèin nuair a tha iad a' sgrìobhadh bàrdachd no stòiridhean.
- Coimhead air sanasan-reic ann an irisean no air an TBh. Dh'fhaodadh a' chlann sanas-reic a thoirt a-steach no bruidhinn mu shanas-reic a chunnaic iad air an TBh. Bruidhinn mu na sanasan le ceistean mar: An e fìor-chunntas a th' anns a h-uile rud anns na sanasan seo? A bheil na daoine a rinn an sanas-reic a' toirt òirnn rudeigin a chreidsinn? Ciamar a nì iad sin? A bheil sibhse ga chreidsinn?





Claon-bheachd agus Fìor-chunntas – duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Leugh na h-abairtean seo agus ceangail iad ri 'claon-bheachd' no 'fìor-chunntas' airson sealltainn dè am fear dom buin iad. Ma tha thu den bheachd gum b' urrainn gin dhiubh measgachadh de chlaon-bheachd agus fìor-chunntas a shealltainn, ceangail iad ris an dà bhogsa.

1. Aithisg nach eil a' sealltainn ach aon taobh.
2. Propaganda
3. Sgrìobhadh a tha ag innse na fìrinn, an fhirinn shlàn gun chàil ach an fhirinn!
4. Aithris ann am pàipear-naidheachd.
5. Aithisg air deuchainn saidheans
6. Sgrìobhadh a tha a' fàgail às fiosrachadh cudromach a tha a' dol an aghaidh beachd an sgrìobhadair.
7. Dealbh-èibhinn de chuideigin
8. Dealbh-camara de chuideigin.
9. Prògram TBh mu thachartas eachdraidheil.

Claon-bheachd


Fìor-chunntas

b. Leugh na seantansan seo mu dheidhinn sionnaich. Soilleirich fear sam bith a tha, nad bheachd-sa, a' sealltainn claon-bheachd an sgrìobhadair. Cuir loidhne fon fheadhainn a tha a' sealltainn fìrinnean.

1. 'S e mamail a th' ann an sionnach.
2. 'S e beathach àlainn a th' ann.
3. Tha cus shionnaich ann an Alba.
4. 'S e plàigh a th' annta agus feumaidh sinn tòrr dhiubh a mharbhadh.
5. Tha tòrr shionnaich a-nis a' fuireach ann am bailtean.
6. Bidh feadhainn eile a' fuireach ann an coilltean.
7. Gu fortanach, tha e mì-laghail sionnaich a shealg ann an Alba a-nis.

c. Sgrìobh paragraf mu dheidhinn beathach is toil leat no nach toil leat. Nuair a tha thu deiseil, soilleirich seantans sam bith a tha a' sealltainn do bheachdan. Cuir loidhne fo na fìrinnean.





Claon-bheachd agus Fìor-chunntas – duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Seo notaichean le fiosrachadh mu ghèam hocaidd:

Àite: Stadium an Eilein **Cuin:** Dihaoine 2 uair (f) **Aimsir:** fuar/ tioram

Gèam: hocaidd bun-sgoiltean **Duais:** gèam anns a' chuairt dheireannaich

Sgiobannan: Sgoil na Pàirce (P) (buidhe) v Sgoil a' Bhàigh (B) (dearg)

Rèitire: Tormod MacAmhlaigh

Luchd-amhairc: tòrr ann: 2 no 3 suidheachan falamh: beòthail ach gun strì

Tadhail: (chiad leth)

1. Sìm MacGuairne (B), 2. Eilidh NicAoidh (P) 3. Eanraig Mac a' Ghobhainn (B)
(cluicheadair as òige)

Tadhail: (dara leth)

1. Eilidh NicAoidh (P) 2. Eilidh NicAoidh (P) 3. Marc MacLeòid (B) (neach-ionaid)

Peanasan: (P) 3 Eilidh NicAoidh, Peigi Mhoireastan, Mairead NicDhòmhnaill
(B) 2 Eanraig Mac a' Ghobhainn, Marc MacLeòid

Sgòr; Bhuannaich Sgoil na Pàirce 3 –2 air peanasan.

Notaichean eile: deagh chluiche bhon dà thaobh, Màiri Dhonn (P) air a goirteachadh tràth anns a' ghèam, tubaist, thàinig Peigi Mhoireastan a-steach na h-àite; Niall Morton (B) rud beag garbh, cairt dhearg faisg air deireadh a' ghèam, cairt bhuidhe do Mhairiad NicDhòmhnaill (P) airson droch tackle.

1. Leig ort gur tusa sgoilear ann an Sgoil na Pàirce. Sgrìobh cunntas air a' ghèam airson litir-naidheachd na sgoile.

2. Leig ort a-nis gur tusa fear de na cluicheadairean à Sgoil a' Bhàigh. Air duilleag eile, sgrìobh litir mun gheama do charaid.



12 Sràid Hyndland
GLASCHU
G2 4RF

22.11.03

Aonghas MacIomhair,
Cathraiche Chomhairle Hyndland
20 Sràid Hyndland
GLASCHU
G2 4RS

A Mhgr MhicIomhair chòir,

Tha mi a' sgrìobhadh a-rithist a ghearan mu dheidhinn na riaghailt a rinn sibh airson stad a chur air ceòl pop, ceòl an fheadain agus na fìdhle a bhith ga cluich anns na taighean againn an dèidh na sgoile agus air an oidhche. Chan e seo a' chiad uair a thug mi an gnothach seo gu ur n-aire; tha mi a' toirt iomradh air na litrichean 23mh Lùnastal agus 10mh Sultain 2003.

Is toil leam fhèin agus mo charaidean ceòl agus tha mu cheud CD againn gu lèir. Bidh sinn ag èisteachd ri ceòl còmhla an dèidh na sgoile a chionn 's gu bheil feum againn air fois a ghabhail an dèidh obrachadh gu cruaidh fad an latha.

Tha mi fhèin, Catrìona agus Anna ag ionnsachadh an fheadan agus an fhidhill a chluich anns an sgoil. Tha e cudromach gum faigh clann cothrom na h-innealan seo ionnsachadh agus 's e na taighean againn fhèin an aon àite a tha againn a-nis far am faigh sinn cothrom seo a dhèanamh.

Tha mise a' moladh dhuibh leigeil leinn ceòl a chluich air feasgaran an dèidh na sgoile. Bhiodh e na b' fheàrr buileach nan robh àite ann far am b' urrainn dhuinn cluiche còmhla - àite mar an Talla beag aig ceann Sràid Hyndland. Chan eil ar ceòl a' cur dragh air duine sam bith agus tha e math gu bheil clann ag iarraidh ceòl mar seo ionnsachadh.

Tha mi an dòchas gu smaoinich sibh mu dheidhinn a' mholaidh seo agus gu sgrìobh sibh thugam a dh'aithghearr.

Le dùrachd,

Màiri Nic an t-Saoir

Màiri Nic an t-Saoir



Am Beachdair Làitheil

Feasgar Glòrmhor ann an Eachdraidh Ball-coise

Aithris le Peadar MacAonghais

Tha fhios aig a h-uile duine gur e Alba an dùthaich as fheàrr anns an t-saoghal air ball-coise. Chaidh sin a dhearbhadh gun teagamh andè nuair a chluich Alba an aghaidh Sasainn. Cha robh suidheachan falamh aig Hampden, ged a bha an t-uisge ann agus thug an luchd-amhairc taic don sgioba bhon chiad bhreab. Fhuair Sasainn tadhal an toiseach ach chan e tadhal sònraichte a bh' ann idir. Thuit an cluicheadair Sasannach anns a' pholl agus chaidh am ball a-steach dhan lìon gun fhios dha. Cha b' ann mar sin a bha an ath

thadhal ge-tà. Ruith an cluicheadair, Seumas Maclain, suas gu ceann eile an raoin agus bhreab e am ball a-steach dhan tadhal Shasannach ann am prioba na sùla. Cha robh cothrom sam bith aig an fhear-glèidhidh stad a chur air. Bha an luchd-amhairc nam boil agus bha Hampden làn de bhrataichean gorm is geal a' sèideadh agus le mìltean de ghuthan a' seinn le toileachas. Tron chòrr den ghèam, b' e Alba gun teagamh an sgioba a bu làidire, a' tighinn faisg air tadhal fhaighinn iomadh turas. Bha an aimsir nan

aghaidh, le uisge trom agus gaoth làidir ga dhèanamh doirbh ri fhaicinn agus a' toirt air tòrr de na cluicheadairean tuiteam anns a' pholl. Mar sin, cha deach tadhal eile fhaighinn chun a' mhionaid mu dheireadh, nuair a bhreab Marc Stiùbhart am ball tro chasan an fhir-glèidhidh. Abair gaisgeach! Chaidh Stiùbhart a ghoirteachadh nuair a thuit e dhan pholl, ach bha am ball anns an lìon agus bha Alba air buannachadh dhà gu aon! Is cinnteach gum buannaich iad Cupa na Cruinne an ath bhliadhna le cluiche mar sin!

Bha naidheachdan a' chogaidh fo smachd an riaghaltais. Bha aig an luchd-naidheachd ri bhith faiceallach mar a dh'innseadh iad càil. Dh'innseadh iad mu bhuidh nan Saighdearan Càirdeil ach cha chanadh iad mòran nan cailleadh iad. Bha filmean, nobhailean agus irisean ag innse mu chalmachd feachdan Bhreatainn.

Bha na saighdearan againne an-còmhnaidh le gàire orra anns na dealbhan, ach bha na saighdearan Gearmailteach a' coimhead borb no gòrach. B' e 'propaganda' a bha seo. Cha robh càil ga innse mun chogadh ach na bha an riaghaltas airson innse. Bha iad airson gum fairicheadh daoine gu robh Breatainn a' buannachadh.

Td. 24 – 25 Alba san Dara Cogadh le Riseard Dargie (Wayland/ PRG 1997)



1.

“S e duine math a th’ ann an Rob, duine còir, eireachdail. Tha sinn air a bhith pòsta gu toilichte airson còrr is fichead bliadhna a-nis. Chan fhàgann Rob airson rud sam bith. Tha gàire air aodann cha mhòr fad na h-ùine agus ma tha mi a’ faireachdainn brònach, cha mhair sin fada le Rob mun cuairt. Tha e cho fialaidh cuideachd. Is tric a bhios e a’ toirt dhomh rudan prìseil; seudan, fàinnichean òir is airgead gu leòr. Feumaidh gu bheil e math air an obair aige. Tha e air falbh tric, ’s e sin an aon trioblaid. Thug an obair aige air falbh e airson sia mìosan an-uiridh agus bha mi ga ionndrainn gu mòr. Ach feumaidh e dhol far a bheil an obair.”

2.

“Tha deagh bheachd agamsa air cò ghoid na seudan sin. Cuiridh mi geall gur e am bleigeard sin Rob Morgan a bh’ ann. Duine garbh, mu ceathrad bliadhna a dh’aois. Tha e caol le falt salach dorch agus gàire ghòrach air aodann fad na h-ùine. Tha e air a bhith anns a’ phrìosan iomadh turas airson goid. Tha e math air goid gun teagamh, gu h-àraidh seudan agus airgead. Chaidh a ghlacadh an-uiridh nuair a bha e a’ feuchainn ri bhristeadh a-steach do bhùth sheudan air Sràid na Bànrigh. Bha e anns a’ phrìosan airson sia mìosan. Tha e doirbh a lorg. Tha fios againn càite bheil e a’ fuireach, ach chan eil e aig an taigh uabhasach tric.



Seanchas anns
a' chiad/treas
pearsa





Ro-ràdh

“On cuid leughaidh faodar mothachadh a thoirt don chloinn air eadar-dhealachaidhean ann am buaidhean a tha mar thoradh air seachas anns a’ chiad no treas pearsa.”
(*Stiùireadh Nàiseanta: Gàidhlig 5-14*).

Stiùireadh do Thidsearan:

Sgrìobh an dà sheantans air a’ bhòrd-dhubh agus faighnich don chloinn dè an diofar a tha eatorra.

1. *Chuir mi orm mo sheacaid agus dh’fhosgail mi an doras.*
2. *Chuir an tidsear oirre a seacaid agus dh’fhosgail i an doras.*

Tha a’ chiad sheantans sgrìobhte *anns a’ chiad pearsa*, mar gur e an sgrìobhadair fhèin a rinn na rudan.

Tha an dàrna seantans sgrìobhte *anns an treas pearsa*, mar gu bheil an sgrìobhadair ag innse dè rinn cuideigin eile.

Minich don chloinn gun cleachd sgrìobhadairean an dà dhòigh seo airson stòiridhean, bàrdachd agus teacsaichean fiosrachaidh a sgrìobhadh. Tha an treas pearsa air a chleachdadh cha mhòr fad na h-ùine ann an cuid de theacsaichean neo-ficsean (m.e. aithisg-naidheachd) agus tha a’ chiad pearsa air a chleachdadh ann an sgrìobhadh pearsanta, ach gabhaidh an dà chuid a chleachdadh airson sgrìobhadh eile.

Seo eisimpleirean de gach fear:

Bha i a’ faireachdainn duilich air a son fhèin. Lìon na sùilean aice le deòir theth agus thàinig cnap na h-amhaich leis an tàmailt, a’ smaoinichadh oirre fhèin a’ gabhail suas an rathad na h-aonar, là fuar earraich agus gun dìù aig duine dhi.

t.d. 80 Disathairn le Donnchadh MacGill'Ìosa



Chì mi gun dail an t-àite san d' rugadh mi,
Cuirear orm fàilte sa chànain a thuigeas mi,
Gheibh mi ann aoidh agus gràdh nuair ruigeam
Nach reicinn air tunnachan òir.

Chì mi na Mòr-Bheanna t.d. 46 Ceòl nam Fèis 2

- Airson an diofar a shealltainn eadar an dà 'phearsa', dh'fhaodadh tu fear a sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh. An uair sin atharraich e don phearsa eile, ag iarraidh air a' chloinn do chuideachadh le bhith ag innse dè na faclan a dh'fheumadh tu atharrachadh. Mar eisimpleir:

Bha i a' faireachdainn duilich air a son fhèin. Lìon na sùilean aice le deòir theth agus thàinig cnap na h-amhaich leis an tàmailt, a' smaoinichadh oirre fhèin a' gabhail suas an rathad na h-aonar, là fuar earraich agus gun diù aig duine dhi.

Dh'fhaodadh tu an uair sin na faclan atharrachadh air a' bhòrd-dhubh, a-rithist le cuideachadh bhon chloinn.

Bha mi a' faireachdainn duilich air mo shon fhèin. Lìon na sùilean agam le deòir theth agus thàinig cnap nam amhaich leis an tàmailt, a' smaoinichadh orm fhèin a' gabhail suas an rathad nam aonar, là fuar earraich agus gun diù aig duine dhomh.

Faighnich don chloinn dè a' bhuaidh a tha aig na h-atharrachaidhean seo air an teacs. Dè am fear as pearsanta?

- Dh'fhaodadh a' chlann feuchainn ris an earrann eile atharrachadh leotha fhèin, bhon chiad phearsa chun an treas pearsa. Faighnich dhaibh dè an diofar a nì sin do bhuaidh na teacsa.

Puingean ri Dheasbad:


- Tha tòrr bhàrdachd sgrìobhte anns a' chiad phearsa. Saoil carson?
- Dè am pearsa a chleachdadh tu airson:-
 - a) Bàrdachd mu dheidhinn nam faireachdainnean agad fhèin (chiad)
 - b) aithisg mu dheidhinn tubaist airson pàipear-naidheachd (treas)
 - c) sgeulachd ghaisgeil (chiad no treas)
 - d) bàrdachd ag innse sgeulachd mu dheidhinn siopsaidh? (treas, no chiad ma bha thusa còmhla ris an t-siopsaidh anns an sgeulachd!)
 - e) cunntas mu turas-sgoile air an deach thu (chiad)
 - f) aithisg mu dheidhinn cuideigin ann an eachdraidh (treas)
- * Minich don chloinn gun can sinn gu bheil teacs air a sgrìobhadh anns a' chiad phearsa ma tha an sgrìobhadair a' sgrìobhadh mu a d(h)eidhinn fhèin no mar gu bheil e/ i fhèin anns an sgeulachd.



Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach
- Lorg pios bàrdachd a tha sgrìobhte anns a' chiad phearsa agus pios eile a tha sgrìobhte anns an treas pearsa.
- Lorg paragraf de sgeulachd a tha sgrìobhte anns a' chiad phearsa agus atharraich e chun an treas pearsa, no an rathad eile mun cuairt.
- Coimhead air sgeulachd a sgrìobh thu fhèin na bu tràithe. Leugh e agus atharraich e nad cheann bho threas pearsa gu chiad phearsa no an taobh eile. Dè an diofar a nì e? Dè am fear as fheàrr leat agus carson?
- Smaoinich air an stòiridh thraidiseanta Nighean Bheag a' Bhonaid Dheirg agus sgrìobh i anns a' chiad phearsa, mar gur tusa an Nighean Bheag no mar gur tusa am madadh-allaidh!
- Dèan an aon rud le stòiridh thraidiseanta eile (m.e. bhon leabhar Am Blòigh Beag le Beannachd.)
- Sgrìobh cunntas air na rinn thu an-dè. Dè am pearsa a chleachdas tu? An uair sin, atharraich e chun an treas pearsa mar gu bheil thu ag innse dè rinn caractar ann an sgeulachd.
- Sgrìobh sgeulachd mu dheidhinn oidhche ann an caisteal taibhseach anns an treas pearsa.
- Sgrìobh bàrdachd mu dheidhinn an latha mu dheireadh anns an sgoil anns a' chiad phearsa.





Chiad no Treas Pearsa - duilleag-obrach

Ainm:

a. Leugh gach seantans gu h-ìosal agus sgrìobh an ann anns a' chiad no anns an treas pearsa a tha e sgrìobhte. An uairsin, sgrìobh e anns a' phearsa eile. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



1. Chuir Seumas air a' chòta agus dh'fhalbh e. treas
Chuir mi orm mo chòta agus dh'fhalbh mi.

2. Nuair a bha mi beag, bha mi ag iarraidh a bhith nam chleasaiche.

.....

3. "Aaagh!" dh'èigh Eachann, àird a chlaiginn.

.....


4. "Dè tha thu a' ciallachadh?" dh'fhaighnich Iain dha bhràthair

.....

5. Dh'ith sinn ar biadh cho luath 's a b' urrainn dhuinn.

.....

b. Leugh an earrann seo.




Bha mi air a bhith a' coiseachd fad an latha agus bha mo chasan cho goirt. Bha mi dìreach a' dol a laighe sìos fo chraoibh, nuair a chunnaic mi mullach taighe pìos air thoiseach orm. Saoil am faighinn blàths agus biadh an sin?

Ghnog mi air an doras agus dh'fhosgail duine beag neònach e. "Cò thusa? Dè tha thu ag iarraidh?" dh'fhaighnich e gu brais. Cha mhòr nach do dh'fhalbh mi sa bhad! Abair fàilte!

1. Dè am pearsa anns a bheil e sgrìobhte?

.....



2. Ath-sgrìobh e, a' cur caractar eile a-steach dhan stòiridh an àite an sgrìobhadair.

A large, empty rectangular box with a thick grey border, intended for the student to write their answer to question 2.



C. Seo earrann bhon leabhar Fèill an Dàmhair le Seònaid NicNèill. Leig ort gur tusa Dòmhnall. Cuir loidhne fo na faclan a dh'fheumas tu atharrachadh agus an uair sin sgrìobh am paragraf anns a' chiad phearsa air cùl na duilleige.

B' e Dòmhnall a dhùisg an toiseach an ath mhadainn. Shuidh e an-àirde na leabaidh agus choimhead e ris a' ghleoc. Bha e cairteal gu naoi.

"Sheumais!" dh'èigh e. "Tha sinn air cadal a-staigh."

"Dè tha thu ag ràdh?" arsa Seumas gu cadalach.



Freagairtean:

- a.**
1. Treas. Chuir mi orm mo chòta agus dh'fhalbh mi.
 2. Chiad. Nuair a bha e/ i/ ainm beag, bha e/i ag iarraidh bhith na c(h)leasaiche.
 3. Treas. "Aaagh!" dh'èigh mi, àird mo chlaiginn.
 4. Treas. "Dè tha thu a' ciallachadh?" dh'fhaighnich mi dha mo bhràthair.
no "Dè tha thu a' ciallachadh?" dh'fhaighnich Iain dhomh.
 5. Chiad. Dh'ith iad am biadh cho luath 's a b'urrainn dhaibh.

- b.**
1. Chiad.
 2. Bha **ainm*** air a bhith a' coiseachd fad an latha agus bha **a c(h)asan** goirt. Bha **e/i** dìreach a' dol a laighe sìos fo chraoibh, nuair a chunnaic **e/i** mullach taighe pìos air thoiseach **air/oirre**. Saoil am **faigheadh e/i** blàths agus biadh an sin? Ghnog **e/i** air an doras agus dh'fhosgail duine beag neònach e. "Cò thusa? Dè tha thu ag iarraidh?" dh'fhaighnich e gu brais. Cha mhòr nach do dh'fhalbh **ainm*** sa bhad! Abair fàilte!

* 'S dòcha gum bi clann a' sgrìobhadh **e/i** anns an dàrna seantans bho dheireadh. Minich dhaibh carson a tha ainm nas fheàrr an seo airson sealltainn gu soilleir co air a tha an sgrìobhadair a' bruidhinn.

- c.** **Bu mhise** a dhùisg an toiseach an ath mhadainn. Shuidh **mi** an-àirde **nam** leabaidh agus choimhead **mi** ris a' ghleoc. Bha e cairteal gu naoi. "Sheumais!" dh'èigh **mi**. "Tha sinn air cadal a-staigh."
"Dè tha thu ag ràdh arsa Seumas gu cadalach.



Bha i a' faireachdainn duilich air a son fhèin. Lìon na sùilean aice le deòir theth agus thàinig cnap na h-amhaich leis an tàmailt, a' smaoinichadh oirre fhèin a' gabhail suas an rathad na h-aonar, là fuar earraich agus gun diù aig duine dhi.

t.d. 80 Disathairn' le Donnchadh MacGill'iosa

Chì mi gun dail an t-àite san d' rugadh mi,
Cuirear orm fàilte sa chànain a thuigeas mi,
Gheibh mi ann aoidh agus gràdh nuair ruigeam
Nach reicinn air tunnachan òir.

Chì mi na Mòr-Bheanna t.d. 46 Ceòl nam Fèis 2



Seantansan Cuspaireach agus Seantansan Geàrr-chunntasail



Mìneachadh:

Seantans cuspaireach: Seantans farsaing ag innse co mu dheidhinn a tha paragraf.

Seantans geàrr-chunntasail: seantans aig deireadh pìos sgrìobhaidh gnìomhachail, a' sealtainn na prìomh puinge a-rithist ann an dòigh pongail.



Ro-ràdh:

Bu chòir seantans cuspaireach a bhith anns a h-uile paragraf. Bidh an seantans cuspaireach ag innse co mu dheidhinn a tha am paragraf. Mar as trice, thig e aig toiseach a' pharagraif, ach uaireannan thig e anns a' mheadhan no aig an deireadh. Bu chòir a h-uile seantans eile anns a' pharagraf a bhith 'ceangailte' ris an t-seantans chuspaireach ann an dòigh air choreigin.

Tha seantans geàrr-chunntasail feumail aig deireadh pìos sgrìobhaidh, gu h-àraidh deasbad, mìneachadh, aithisg agus litir fhoirmeil (*faic an t-aonad 'Teacsaichean neo-fhicsean' airson barrachd obrach orra seo*). Uaireannan cleachdaidh sgrìobhadairean seantans geàrr-chunntasail aig deireadh stòiridh no cunntais cuideachd.

Bidh seantans geàrr-chunntasail a' toirt pìos sgrìobhaidh (no eadhon paragraf) gu crìoch shoilleir, a' dèanamh cinnteach gun tuig an leughadair prìomh phuing(ean) agus / no beachd(an) an sgrìobhadair.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Sgrìobh am paragraf seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn a leughadh agus beachdachadh air co mu dheidhinn a tha e:

'S e fìor iasgair a th' anns a' chorra-ghrìtheach eireachdail.
Bidh i a' seasamh air a casan fada ann an uisge eu-domhainn.
Tha a h-amhaich fada agus a gob biorach, geur gu math freagarrach airson a bhith a' glacadh meanbh-fhrìdean, losgann agus iasg nach eil faiceallach agus a thig ro fhaisg oirre.

Cairt 6.3 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)



Cuir loidhne fon chiad sheantans ('S e fìor iasgair ...) agus innis don chloinn gur e sin an seantans cuspaireach, a tha a' sealltainn cuspair a' pharagraif – a' chorra-ghrithreach mar iasgair. Tha na seantansan eile uile ceangailte ris, ag innse ciamar a bhios i ag iasgach, carson a tha i math air, agus dè bhios i a' glacadh.

b) Seo paragraf eile leis an t-seantans chuspaireach aig deireadh a' pharagraif. Sgrìobh am paragraf air a' bhòrd-dhubh agus faighnich don chloinn ciamar a tha na seantansan eile anns a' pharagraf ceangailte ris an t-seantans mu dheireadh:

Tha sriopan soilleir buidhe agus dubh air speach. Tha seo airson innse do fheòil-itheadairean gu bheil gath puinnseanta ann agus gu bheil e ri sheachnadh. 'S e dathan rabhaidh a tha air dathan soilleir air beathaichean is lusan cunnartach.

Cairt 4.5 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

c) Seo paragraf eile mar eisimpleir.

'S e geamhradh mìorbhaileach a bh' ann an-uiridh. Thuit sneachd mar nach do thuit e riamh roimhe. Bha e cho fuar aig toiseach an Fhaoilich 's gu robh deigh gu math tiugh air Loch an Dòbhrain. Cha do chuir am fuachd dragh orm ge-tà. Chòrd e glan rium, gu h-àraidh nuair a dh'fheumadh iad an sgoil a dhùnadh air sgàth na 'droch shìde'. Chuir mi seachad iomadh latha a' cluich' a-muigh còmhla ri mo charaidean, a' falbh air càrn-shlaoid sìos an leathad no a' feuchainn ri taigh-sneachda a thogail. Deagh gheamhradh gun teagamh!

Cairt 4.5 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

Puingean Teagaisg:

- Faighnich dhan chloinn co mu dheidhinn a tha am paragraf seo. (*geamhradh mìorbhaileach*)
- Iarr orra an seantans cuspaireach a lorg. (*a' chiad sheantans*)
- Faighnich dhaibh ciamar a tha na seantansan eile ceangailte ris an t-seantans chuspaireach. (*Tha iad uile a' sealltainn carson a shaoil an sgrìobhadair gur e geamhradh mìorbhaileach a bh'ann.*)
- Seall dhaibh gu bheil seantans gearr-chunntasail anns a' pharagraf seo cuideachd. (*an seantans mu dheireadh*)



- d) Seo eisimplier de pharagraf anns a bheil seantans nach eil ceangailte ris an t-seantans chuspaireach agus, mar sin, nach bu chòir a bhith ann.

Tha coimpiutairean gu math feumail ann an sgoiltean. Tha tòrr phrògraman math ann airson clann a chuideachadh le litreachas agus matamataig. Faodaidh a h-uile duine anns an sgoil an cleachdadh, bhon sgoil-àraich suas gu clas seachd. Tha coimpiutair agam aig an taigh. Tha an eadar-lìon feumail airson rannsachadh a dhèanamh air obair pròiseict. Ionnsaichidh clann tòrr sgilean le bhith a' cleachdadh choimpiutairean nuair a tha iad fhathast anns a' bhun sgoil.

Puingean Teagaisg:


- e) Co mu dheidhinn a tha am paragraf? (*coimpiutairean ann an sgoiltean*)
f) Dè an seantans cuspaireach? (*a' chiad fhear*)
g) Tha seantans ann nach eil ceangailte ri cuspair a' pharagraif. Dè am fear?
(*Tha coimpiutair agam aig an taigh.*)
Cha bu chòir sin a bhith ann. Fàg às e!
h) An smaoinich sibh air seantans eile a dh'fhaodadh a dhol an àite an t-seantans sin?
Dèan cinnteach gu bheil e ceangailte ri cuspair a' pharagraif – coimpiutairean feumail ann an sgoiltean!
i) Seall air an t-seantans mu dheireadh. 'S e seantans geàrr-chunntasail a th' ann.
Dè a tha ann an seantans geàrr-chunntasail?
e) Coimhead air leabhar fiosrachaidh m.e. Dè as aithne dhuinn mu na Ceiltich?
(*Wayland 1997*). Coimhead air paragraf sam bith agus broснаich a' chlann gus an t-seantans chuspaireach a lorg.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleag-obrach 1**
- Sgrìobh paragraf airson gach cuspair gu h-ìosal, a' tòiseachadh le seantans cuspaireach freagarrach. Sgrìobh co-dhiù trì seantansan eile le barrachd fiosrachaidh, eisimpleirean, no beachdan a tha a' toirt taic don t-seantans chuspaireach. Dh'fhaodadh tu seantans geàrr-chunntasail a chur aig deireadh a' pharagraif.
 - hamstair mar pheata
 - an sgioba ball-coise as fheàrr
 - am prògram TBh is fheàrr leam
 - sgudal anns a' phàirc
- Sgrìobh aithisg mu dheidhinn beathach no eun. Cuimhnich a bhith a' tòiseachadh le abairt farsaing a' toirt a-steach a' chuspair. Sgrìobh trì no ceithir paragrafan le prìomh phuing eadar-dhealaichte aig gach fear. Cuimhnich seantans cuspaireach a chur anns gach paragraf, a' sealltainn prìomh phuing a' pharagraif.
Cuir seantans geàrr-chunntasail aig deireadh na h-aithisg airson a toirt gu crìoch shoilleir.

- * Dèan an obair air 'sgrìobhadh earaileach' anns an aonad 'teacsaichean neo-fhicsean'.
Tha seo a' dèiligeadh ri seantansan cuspaireach agus geàrr-chunntasail cuideachd.





Seantansan cuspaireach/ geàrr-chunntasail - duilleag-obrach I

Ainm:

a. Cuir striochag (✓) ri taobh an fhreagairt as fheàrr:

1. Bidh seantans cuspaireach
 - a) an còmhnaidh a' tighinn aig toiseach paragraif
 - b) mar as trice a' tighinn aig toiseach paragraif
 - c) mar as trice a' tighinn aig deireadh paragraif

2. Bidh seantans cuspaireach
 - a) a' sealltainn beachd an sgrìobhadair
 - b) a' sealltainn barrachd fhiosrachaidh mun chuspair
 - c) a' sealltainn prìomh chuspair a' pharagraif

3. Thig seantans geàrr-chunntasail uaireannan
 - a) aig deireadh paragraif
 - b) ann am meadhan paragraif
 - c) aig toiseach paragraif

4. Bidh seantans geàrr-chunntasail:
- a) a' toirt a-steach cuspair a' pharagraif
 - b) a' toirt a-steach cuspair a' phìos sgrìobhaidh
 - c) a' toirt pìos sgrìobhaidh gu crìoch

b. Tagh fear de na seantansan seo mar sheantans chuspaireach. Sgrìobh paragraf a' cleachdadh an t-seantans chuspaireach sin. Feuch an sgrìobh thu ceithir no còig seantansan eile. Dh'fhaodadh tu seantans geàrr-chunntasail a chur aig deireadh a' pharagraif.

- a) 'S e dùthaich àlainn a tha ann an Alba
- b) Tha làithean-saora math dhuinn.
- c) Chan fhaca mi riamh àite cho eagalach.



Seantansan cuspaireach/ geàrr-chunntasail - duilleag-obrach 2

Ainm:

Cuir loidhne fon t-seantans chuspaireach anns gach paragraf a leanas.

a. 'S e flùr geal le gasan agus duilleagan tiugh a bhios a' fàs air creagan mara a th' ann am maraiche. Anns na seann làithean, mus robh fridsichean no biadh chanastairean ann, cha robh mòran vitamins ann am biadh nan seòladairean. Bha iad a' gabhail tinneas air an robh an tachas-tioram, agus bha seo ag adhbhrachadh, cuide ri rudan eile, gun robh na fiaclan aca a' tuiteam asta. Fhuair iad a-mach nan itheadh iad an lus seo, anns a bheil tòrr Vitamin C, nuair nach robh measan no glasraich aca, gun toireadh e leigheas dhaibh.

Cairt 7.7 Aonad Àrainneachd (Acair 1991)

b. B' e tuathanas prìomh obair nan Ceilteach. B' urrainn dhaibh na coilltean a bha a' còmhdachadh na Roinn Eòrpa aig an àm a leagail len tuaghan iarainn. Nuair sin, chuireadh iad seagal, cruithneachd, eòrna agus pònairean. Dhèanadh iad leann agus flùr leis an eòrna. Bha achaidhean eile air an cleachdadh airson ionaltradh no airson feur bheathaichean. Bha mucan aca airson feòil, crodh airson feòil is bainne, caoraich airson feòil agus clòimh a bhiodh air a snìomh agus air a fighe na h-aodach.

Td. 12 Dè as aithne dhuinn mu na Ceiltich? Le Hazel Mary Martell (Wayland 1997)



C. Bidh cuid a dhaoine a' smaoinichadh gur ann a-muigh air an dùthaich a-mhàin a chithear nàdar, ach chan eil sin fìor. Tha tòrr fiadh-bheatha ri fhaicinn ann am bailtean mòra cuideachd. Bidh eòin a' fuireach ann an craobhan agus ann an gàrraidhean, gu h-àraidh ma bhios daoine a' cur biadh a-mach dhaibh. Is toil le starragan agus faoileagan togalaichean a' bhaile. Ma thèid thu a-mach aig ciaradh an fheasgair, 's dòcha gum faic thu sionnach a' lorg biadh ann am bucaid sgudail, no gràineag a' coiseachd tron fheur ann am pàirc no gàrradh. A bharrachd air sin, tha meanbh-fhrìdean agus creutairean beaga eile a' fuireach anns a h-uile ceàrn den bhaile. Mar sin, 's e am baile dachaigh airson tòrr bheathaichean is eòin.

d. Ann an Sìona 's e 'Fèill nan Taibhsean Acrach' a chanas iad ri Oidhche Shamhna. Tha iad a' creidsinn gum bi taibhsean a' tighinn air ais air an oidhche sin a lorg blàths, biadh is crithealachd. Bidh daoine a' cleachdadh pàipear gus àirneis-taighe a dhèanamh dhaibh, agus bidh iad a' losgadh airgead-pàipeir anns an teine airson cosgaisean nan taibhsean anns an ath shaoghal a phàigheadh!

Bho 'Oidhche Shamhna' anns an iris 'Am Fannh' Samhain 2003

Dè am paragraf anns a bheil seantans gearr-chunntasail?



Freagairtean – seantansan cuspaireach agus gearr-chunntasail

Duilleag-obrach 1

1. b 2. c 3. a 4. c

Duilleag-obrach 2

a. 'S e flùr geal le gasan agus duilleagan tiugh a bhios a' fàs air creagan mara a th' ann am maraiche.

b. B' e tuathanas prìomh obair nan Ceilteach.

c. Tha tòrr fiadh-bheatha ri fhaicinn ann am bailtean mòra cuideachd

d. Ann an Sìona 's e 'Fèill nan Taibhsean Acrach' a chanas iad ri Oidhche Shamhna.

B. paragraf c



Tràth làthaireach/
seachad/teachdail

tha
bidh

dh'fhalbh

chaidh bha

falbhaidh

thèid

a' dol

a' falbh



Ro-ràdh

Tha buaidhean eadar-dhealaichte air an cruthachadh ma tha teacs air a sgrìobhadh anns an tràth làthaireach (*present tense*), anns an tràth seachad (*past tense*) no anns an tràth theachdail (*future tense*). Faodaidh ficsean a bhith air a sgrìobhadh ann am fear sam bith dhiubh, ged is e an tràth seachad as cumanta. Tha seòrsaichean eile de theacs cha mhòr an-còmhnaidh sgrìobhte anns an tràth seachad, mar eisimpleir cunntas. Chan eil na gnìomhan anns an aonad seo airson ionnsachadh don chloinn mar a sgrìobhas iad gnìomhairean ann an tràthan eadar-dhealaichte, ach airson an aire a thoirt don tràth anns a bheil teacs sgrìobhte nuair a tha iad ga leughadh agus a bhith a' smaointinn mun bhuaidh a th' aig seo air an teacs.

Stiùireadh do Thidsearan:

a. Sgrìobh am paragraf seo air a' bhòrd-dhubh:

Sin Seumas a' falbh. Tha e a' ruith sìos an staidhre, a' coimhead thar a' ghualainn airson dèanamh cinnteach nach eil duine ga leantainn. Tha an t-eagal air gun tig iad às a dhèidh. 'Dè nì mi a-nis?' tha e a' smaoinichadh ris fhèin. Tha e a-muigh air an t-sràid a-nis, agus tha e toilichte gu bheil an oidhche cho dorch. Tha sin a' toirt cothrom nas fheàrr dha teicheadh. Tha e a' ruith gun sgur, a dh'aindeoin am бага trom air a dhruim agus pian uabhasach na chois. Chan eil e a' dol a stad gus a bheil e fada air falbh.

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa sgrìobhaidh a tha seo? (*sgeulachd*)
- Dè tha annasach mu dheidhinn? (*tha e ag innse dè tha a' tachairt, an àite dè thachair*)
- Dè an tràth anns a bheil e sgrìobhte? (*tràth làthaireach*)
- Dè an tràth anns a bheil a' chuid as motha de sgeulachdan air an sgrìobhadh? (*seachad*)
- Saoil carson? (*mar as trice bidh sgeulachdan ag innse dè tha air tachairt*)

Iarr air a' chloinn do chuideachadh am paragraf seo atharrachadh chun an tràth làthaireach. Dèan cinnteach gun tuig iad nach bi còmhraidh no smuaintean nan caractaran ag atharrachadh ma tha iad ann an cromagan-cainnt.

Puingean eile ri Dheasbad:

- Dè an diofar a nì atharrachadh an tràith don teacs?
- A bheil fear seach fear a' toirt an leughadair a-steach dhan sgeulachd barrachd?
- Dè an as coltaiche ri fiolm?
- Dè an tè as fheàrr leibh agus carson?



b. Leugh sgeulachd ghoirid thraidiseanta bhon leabhar Sgeulachdan Grimm no Am Blòigh Beag le Beannachd no Bha Siud ann Reimhid.

Faighnich don chloinn dè an tràth anns a bheil i sgrìobhte. Iarr orra an tràth atharrachadh. Dè an diofar a nì sin?

C. Coimhead air leabhar de bhàrdachd no de dh'òrain. Dè na rannan a tha anns an tràth làthaireach agus dè an fheadhainn a th' anns an tràth seachad? A bheil gin anns an tràth teachdail?

Chì a' chlann gu bheil an tràth seachad air a chleachdadh mar as trice airson sgeulachd innse ann am bàrdachd, ach tha an tràth làthaireach no eadhon an tràth teachdail air a chleachdadh airson faireachdainnean no smuaintean a' bhàird a shealltainn. Uaireannan ged-tà, tha an tràth làthaireach ann an òrain no bàrdachd a' toirt iomradh no a' dèanamh tuairisgeul de rudeigin a tha a' tachairt. Air an ath dhuilleig tha trì rannan / òrain ann an tràthan eadar-dhealaichte. Seo ceistean mun deidhinn:

1. Cairistiona Chaimbeul – Puingean ri Dheasbad:

- * Co mu dheidhinn a tha an t-òran? (*nighean a' tighinn don bhaile*)
- * Dè an tràth anns a bheil an t-òran seo? (*làthaireach*)
- * Saoil carson a tha e anns an tràth làthaireach? (*airson sealltainn toileachas a' bhàird mu rud a tha a' tachairt*)
- * Dè an diofar a bhiodh ann nan robh e anns an tràth seachad? (*bhiodh e mu dheidhinn rud a thachair an àite rud a tha a' tachairt; cha bhiodh an leughadair/ neach-èisteachd buileach cho faisg air an tachartas; cha bhiodh e cho soilleir ciamar a tha am bàrd a' faireachdainn an-dràsta!*)

Atharraichibh an rann chun an tràth seachad mar bhuidhinn no mar chlas. Bruidhnibh mun diofar a nì sin.

2. An Diosgo – Puingean ri Dheasbad:

- Co mu dheidhinn a tha an rann seo? (*coimhead air adhart ri diosgo*)
- Carson a tha e sgrìobhte anns an tràth theachdail? (*Cha do thachair an diosgo fhathast; tha am bàrd a' coimhead air adhart ri rudeigin a tha a' dol a thachairt.*)

Sgrìobh an rann seo ann an tràth eile, mar gun do thachair an diosgo mu thràth.



3. Cab-gun-Thosd – Puingean ri Dheasbad

- Dè an tràth anns a bheil a' chiad dà rann sgrìobhte? (*seachad*)
- Dè mun treas rann? (*làthaireach*)
- Carson a tha an tràth ag atharrachadh? (*Tha a' chiad dà rann ag innse mu rudan a thachair ro làimh ach tha an treas rann a' sealltainn mar a tha am 'bàrd' a-nis. Tha measgachadh de dh' iomradh agus smuaintean anns an rann seo.*)

d. Tha obair air tràthan ann am ficsean agus neo-ficsean air an **duilleag-obrach**.

e. Iarr air a' chloinn bàrdachd a sgrìobhadh mun aimsir an-diugh, a' sealltainn nam faireachdainnean aca. Faighnich dhaibh dè an tràth a chleachdas iad.

f. Brosnaich a' chlann gu bhith a' smaointinn mun tràth as freagarraiche nuair a tha iad a' sgrìobhadh, gu h-àraidh bàrdachd is teacsaichean neo-fhicsean.



1.

Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona
Chaimbeul (x3)
Cairistiona, Ciorstaidh Anna, Cairistiona
Chaimbeul.

Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona
Chaimbeul (x3)
'S cuimir dìreach anns an ruidhl' i; 's cinnteach
anns an danns` i.

'S math leinn i bhith tigh'nn 'an bhaile,
Cairistiona Chaimbeul (x3)
Nì sinn cèilidh a bhios eibhinn 's bidh i fhèin
toirt rann dhuinn.

12- 1 Aon, Dhà, Tri



2.

Thèid sinn chun an dìosgo is cagnaiddh sinn ***gum***,
Seallaidh sinn timcheall cho pròiseil;
Cha chluinn sinn an còmhradh – chan eil diofar
co-dhiù,
Fhad 's tha fuaim agus ceòl agus glòir ann.

Bho 'An Diosgo' le Crìosaidh A. NicIomhair Cuairt chun na Gealaich (Leabhraichean Beaga 2000)



Cab-gun-thosd


Leum Iain null, ruith Seumas nall,
 Bhreab Aonghas mi le bhròig,
 Dhragh Calum m' fhalt, dh'èigh Sìm nam chluais,
 Stob Murchadh mheur nam shùil.

Shlaod Màiri Dhonn mi tron a' pholl,
 Shrac Sin' mo bhriogais ùr,
 Theab Peigi car a chur nam cheann,
 'S ghabh Seonag orm le dùirn.

'S e th' annam fhìn ach balach math,
 'S cha leagh an t-im nam bheul -
 Carson bho shealbh gur Cab-gun-Thosd
 A their iad uile riums'?!

le Crìosaidh A. NicIomhair Cuairt chun na Gealaich (Leabhraichean Beaga 2000)





Tràthan - duilleag-obrach

Ainm:

a. Sgrìobh dè an tràth anns a bheil gach seantans sgrìobhte.

1. Cha robh mise idir den aon bheachd ri càch.

.....

2. Ceannaich fear an-diugh!

.....

3. An dèidh sin, chaidh sinn suas an tùr.

.....

4. "Fuirich riumsa! Tha mise a' tighinn cuideachd!" dh'èigh Seonag.

.....

5. Bho chionn beagan sheachdainean bha mi ag èisteachd ris an rèidio agus chuala mi òran sgoinneil ùr.

.....

6. Ma tha sibh ag iarraidh saor-làithean sgoinneil, tha na h-Eileanan an Iar gur gairm.

.....

b. Mairs an gnè-sgrìobhaidh ris an tràth anns a bheil e a' nochdadh mar as trice.

Cunntas

caithe

Sanas / postair:

Stiùireadh

Aithisg pàipeir-naidheachd

làthaireach



C. Seo notaichean a sgrìobh ùghdar air rudan a chunnaic e na mhac-meanmna. Tha e an dùil an cleachdadh anns an ath stòiridh aige, stòiridh mu dheidhinn nighean bhoichd a bha fuireach ann an Glaschu iomadh bliadhna air ais. Cleachd na notaichean airson trì seantansan a sgrìobhadh, no paragraf beag mas fheàrr leat, a' sealltainn an t-suidheachaidh anns a bheil Ceitidh aig toiseach an leabhair.

Tagh an tràth a chleachdas tu:

.....

Grian a' deàrrsadh	sràidean salach	fàileadh grod
nighean bheag a'	caogadh a-mach bho air cùl dorais	
casan lom	deòir air a gruaidhean	Tòrr èigheachd
cairtean a' dol seachad	eich a' breabadh stùr	
Ceitidh a' faireachdainn na pòcaid	chan eil càil ann	
an t-acras oirre	Daoine a' dol seachad le glasraich is èisg	

d. Leig ort gur tusa Ceitidh. Air duilleag eile, sgrìobh pios bàrdachd a' sealltainn **nam** faireachdainnean agad.

Dè an tràth a chleachdas tu?

.....



Freagairtean

- a.**
1. Seachad
 2. Làthaireach
 3. Seachad
 4. Seachad (ged a tha na faclan a thuirte Seonag anns an tràth làthaireach, tha an seantans air fad anns an tràth seachad)
 5. Seachad
 6. Làthaireach
- b.** cunntas agus aithisg - seachad
sanas/ postair agus stiùireadh - làthaireach
- c** agus **d** Sgrìobhadh na cloinne fhèin



Ag Ionnsachadh mu Fhaclan

ceann-ceannard

ceann-cinnidh

ceannsaich

ceann-latha



Ro-ràdh

Seo dòighean a ghabhas cleachdadh gus ùidh na cloinne a thogail ann am faclan agus gus cothroman a thoirt dhaibh faclan ùra ionnsachadh agus a chleachdadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh.

Stiùireadh do Thidsearan:

a. Brosnaich a' chlann tòrr a leughadh, an dà chuid ficsean agus neo-ficsean, anns a h-uile gnè-sgrìobhaidh.

b. Tagh 'facal an latha' no 'facal na seachdain'. Cuir e air balla no doras a' chlasruim far am faic a h-uile duine e gu furasta. Iarr air a' chloinn beachdan a thoirt seachad air dè tha e a' ciallachadh mus lorg iad ann am faclair e. Dh'fhaodadh iad faclan eile a tha coltach ris ann am fuaim no litreachadh (homonyms) agus faclan a tha ciallachadh cha mhòr an aon rud (co-fhaclan no synonyms) a sgrìobhadh timcheall air an fhacal, ged nach bi gin dhiubh seo ann uaireannan. Dh'fhaodadh iad cuideachd faclan eile a sgrìobhadh leis an aon fhreumh. Seo 2 eisimpleir:



Facal na seachdain

Facal eile
leis an aon
fhreumh
dubh

dubhaich

dubhar

dubh-cheist

dubh-cheannach

dubh-fhaclan

duibhre

dubhach

dubh shùla

dubh-nota

Dubhadh (a)

Mineachadh:

A' dèanamh no a' fàs dubh no dorch.

Abairtean

Dubhadh na grèine

Dubhadh na gealaich

Dubhadh nan speur

Homonyms

Co-fhaclan

Frith-fhacal

Geal



Facal na seachdain

Faclan eile
leis an aon
stoc

a' bogadh

bogaich

bogach

nas buige

bogachadh

boganach

bog-luibh

boglag

Bog (b)

Mineachadh:

Gun a bhith cruaidh no teann;
a thèid gu furasta ann an
cumadh ùr; maoth; tais

Abairtean

Bog fliuch

Bog bàithte

Nas buige na clòimh-cotain

A' Bhealltainn bhog

Dh'fhalbh e gu bog, balbh,
bodhar

Chan eil ann ach duine bog

Cridhe bog

Homonyms

Bog (g) :
gluais gu luath,
sìos is suas

Bog (g):
dèan bog

Bog (a):
boglach

Co-fhaclan

Maoth

Tais

Min

Frith-fhacal

Cruaidh



Tha leth-bhreac den phostair seo air an ath dhuilleig. Dh'fhaodadh sin a bhith air a mheudachadh gu A3 air cairt agus 'laminated' airson balla a' chlasruim. An uair sin, faodaidh a' chlann faclan eadar-dhealaichte a steigeadh air gach seachdain. No dh'fhaodadh gach sgoilear anns a' bhuidhinn aig ìre D agus E leth-bhreac den duilleig fhaighinn airson a lionadh a-steach leotha fhèin. Gníomh feumail airson clann a tha deiseil dhen obair eile agus deagh chothrom faclairean agus thesaurus a chleachdadh.

Gníomhan eile:

* A h-uile seachdain, iarr air cuideigin eadar-dhealaichte facal a thaghadh.

C. Brosnaich a' chlann gu bhith ag ràdh dè seòrsa facail a th' ann agus a' sealltainn sin air a' phostair. (m.e. gnìomhair (g), ainmear (a), buadhair (b) ...)

d. Iarr air a' chloinn seantans a dhèanamh suas leis a' phrìomh fhacal no le fear de na faclan no abairtean eile air a' phostair.



Facal na seachdain

Facal eile
leis an aon
stoc


Co-ainmearan/
Co-fhuaimearan

Mineachadh:

Co-fhaclan

Abairtean

Frith-fhacal



- e. Coimhead air an aonad 'Uaim agus Fuaimealas' agus dèan an obair a th' ann.
- f. Brosnaich a' chlann gu bhith smaointinn a bheil facal ann as fheàrr leotha. Facal le fuaimean annasach 's dòcha, no ainm de rud is toil leotha, no ainm peata. Brosnaich iad gu bhith a' mìneachadh carson is toil leotha am facal sin. Dh'fhaodadh iad pios bàrdachd a sgrìobhadh mun fhacal. Dh'fhaodadh tusa innse don chloinn dè am facal as fheàrr leatsa agus carson airson tòiseachadh.
- g. Cluich an gèam le faclair (faic an t-aonad 'Faclair')
- h. Cluich 'Cat a' Mhinisteir'
- i. Leugh tòrr bhàrdachd agus sgeulachdan goirid don chloinn. Brosnaich iad an sgrìobhadh aca fhèin a leughadh dhan chlas ma tha iad toilichte leis.
- j. Dèan craobh-fhaclan air balla a' chlasruim, a' sealltainn freumh no stoc an fhacail agus nan iar-leasachan agus ro-leasachan a thèid a chur ris gus faclan eile a dhèanamh. Faic an t-aonad 'Litreachadh' airson barrachd obrach air ro-leasachain agus iar-leasachain.
- k. Aig deireadh an latha, no aig àm freagarrach eile, leugh a-mach tòimhseachan (riddle) agus iarr air a' chloinn obrachadh a-mach dè th' ann. Tha tòrr thòimhseachain anns an leabhar Aithris is Oideas (Scottish Council for Research in Education, 1964) ged a tha cuid dhiubh caran doirbh.

Seo feadhainn airson tòiseachadh:

1. Cailleach bheag a' chòta bhàn
Mar as tighe thig i bhàn
'S ann as fheàrr a laigheas i. *(sneachda)*
2. Crioganta, craganta, cruaidh
Is tana lom a ghruag,
Is cruaidh craiceann a dhà làimhe
A shùilean am meadhan a chlàibh
Agus fheòil am meadhan a chnàimh. *(crùbag)*
3. Drochaid air loch
Gun mhaide gun chloich. *(deigh)*
4. Chan ith thu e 's chan òl thu e,
'S cha bhi thu beò às aonais. *(anail)*

- l. Nuair a tha clann deiseil dhen obair eile, dh'fhaodadh iad tòimhseachain le faclan (*riddles*) agus tòimhseachain tarsainn ullachadh airson an caraidean.
- m. Brosnaich a' chlann gu bhith ag èisteachd ri agus a' coimhead prògraman Gàidhlig air an rèidio is telebhisean.
- n. Faigh a-mach co às a thàinig ainmean àitichean timcheall air an sgoil. Dè an cànan dom buin iad? A bheil sgeul air tùs gin de na h-ainmean?



Uaim agus Fuaimealas

BRAG!

beag

Splais

ist!

Mìneachadh:

Uaim: sreath de fhaclan ri taobh a chèile, no gu math faisg air a chèile, a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim. (Beurla: alliteration)

Fuaimealas: facal a nì fuaim mar an rud a tha e ag ainmeachadh. (Beurla: onomatopoeia)



Ro-ràdh:

Bidh sgrìobhadairean a' cleachdadh uaim (*alliteration*) agus fuaimealas (*onomatopoeia*) airson buaidhean sònraichte nan cuid sgrìobhaidh. Ma thuigeas iad mar a tha uaim agus fuaimealas air an cleachdadh ann an teacsaichean, leughaidh clann le barrachd brìgh, buaidh agus faireachdainn. Tha gnìomhan anns an aonad seo a chuidicheas a' chlann gu bhith ag aithneachadh uaim agus fuaimealas agus a bhith gan cleachdadh nan sgrìobhadh fhèin.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Seo abairtean bho òrain agus rannan a tha a' sealltainn uaim. Sgrìobh iad air a' bhòrd dhubh agus iarr air a' chloinn an leughadh a-mach còmhla riut. Faighnich dhaibh dè tha àraid mun deidhinn. Mura tuig iad dè a th' ann, leugh gach fear a-mach, le cudrom air na fuaimean *alliterative*. An uair sin cuir loidhne fo na fuaimean sin.

Clach mhìn mheallain (Clach Mhìn Mheallain, Trad.)

Moch madainn air Latha Lùnast' (Griogal Cridhe, Trad.)

Side nan seachd sian (Griogal Cridhe, Trad.)

Bha e treubhach, treun, tapaidh (Chan eil falt orm air fuireach, òran luaidh)

Am measg nam bruachan, bòidheach, buidhe ('S ann an Ìle)

Mi dualach, mi donn,
Mi gu biorshuileach, binn, (òran luaidh)


- Seo seann thòimhseachan le tòrr uaim ann bhon leabhar Aithris is Oideas (University of London Press, 1964). Sgrìobh e air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn na fuaimean *alliterative* a lorg:

Moigean molach, molach,
A shiùbhlas a' bheinn gu luireach loireach,
Cha ghobhar e 's cha chaora e,
'S chan ith daoine Moigean molach.

- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann nach ann dìreach ann am bàrdachd a tha uaim air a chleachdadh. Iarr orra smaoinichadh, mar eisimpleir, air ainmean caractaran chloinne a tha a' sealltainn uaim. Seo feadhainn ris an do thachair iad, 's dòcha, nuair a bha iad na b' òige:
Calum Clachair, Rosaidh Rabaid, Crisdean Crogall, Calum Corrag, Donaidh Dòtaman!
- Seall air uaim ann an seanfhacail, samhraidhean is abairtean eile: m.e.
cho reamhar ri ròn
cho faoin ri na faoileagan
à cochall mo chridhe
Is leisg leis an leisgean a dhol a laighe
- Faighnich don chloinn a bheil iad a' smaoinichadh gu bheil e nas fhasa iad seo a chumail nan cuimhne, air sgàth na h-uaim.
- Cluich an gèam 'Chaidh mi air turas gu ...' airson toirt air a' chloinn smaoinichadh air faclan a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim.
Seo mar a thathar ga chluich:
 - a) Canaidh aon duine gun deach iad air turas a dh'àiteigin agus gun tug iad leotha rudeigin a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim ri ainm an àite. ('S e fuaim a tha cudromach an seo, chan e an litir!)
m.e. Chaidh mi air turas gu Ulapul agus thug mi leam ugh.
 - b) Gabhaidh cluicheadairean eile turas mu seach a' cur ris an liosta de rudan;
m.e. Chaidh mu air turas gu Ulapul agus thug mi leam ugh agus uinneanan.
 - c) Cùm a' dol leis a' ghèam gus nach urrainn do chuideigin smaointinn air facal no gus an dèan cuideigin mearachd. Bidh an duine sin a' suidhe a-mach agus a' coimhead ann am faclair airson faclan eile a dh'fhaodadh e/i a bhith air cleachdadh, fhad 's a tha càch a' cluich. Cùm a' dol gus nach eil ach aon neach, no buidheann gu math beag, air fhàgail.
- Seo paragraf bhon leabhar À Ulbha gu Geelong, le tuairisgeul de charactar cruaidh, Mgr Clerk, a tha air a bhith a' fuadach nan daoine air falbh bho Ulbha. Tha seo a' sealltainn gun gabh uaim a chleachdadh ann an rosg cho math ri bàrdachd.

Thàinig e a-mach bho dhoimhneachd na h-uaimhe agus e a' marcachd eich.
Ad chruinn, chruaidh air agus e air èideadh cho spaideil, agus sùilean cruaidh cinnteach na cheann.

Td. 5 À Ulbha gu Geelong le Maoilios M Caimbeul (Acair 1992)



Puingean ri Dheasbad:

- * Dè an consan a tha air a chleachdadh tric aig toiseach facail anns an dàra seantans? (c)
- * Saoil carson a chleachd an sgrìobhadair an litir sin? (*'S e fuaim cruaidh a tha ann, agus tha e a' sealltainn gur e duine cruaidh a tha ann am Mgr Clerk*)
- * Saoil carson a bhios sgrìobhadairean a' cleachdadh uaim. (*Tha uaim tric air a chleachdadh le sgrìobhadairean airson aire an leughadair a tharraing gu faclan sònraichte, airson toirt air an leughadair cuimhneachadh air 'slogan' no dìreach airson na buaidh a bheir uaim air an sgrìobhadh.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Iarr air a' chloinn a bhith coimhead airson uaim ann an tiotalan leabhraichean (m.e. Reubairean Roisinis, Mealladh am Malta) ann an cinn-naidheachdan ann am pàipearan-naidheachd, ann an sgrìobhadh earaileach, gu h-àraidh sanasan-reic, agus ann am bàrdachd agus stòiridhean.
- Dh'fhaodadh iad deagh eisimpleirean de dh'uaim a sgrìobhadh sìos agus taisbeanadh a dhèanamh air balla a' chlasruim.
- Ionnsaich sèist an òrain 'Bàta Sheumais'. Sgrìobh e air a' choimpiutair, a' cur nam facal le uaim ann an clò trom. (*Tha an sèist seo ri lorg air duilleag-obrach 1. Tha an t-òran air fad anns an leabhar Seinneamaid Còmhla le Anna L. NicIlllòsa agus anns a' phac Aon, Dhà, Tri (PRG/HC/Cànan 1999)*)
- **Duilleag-obrach 1**

Stiùireadh do Thidsearan:

- *Innis don chloinn gun tàinig am facal Beurla airson fuaimealas, onomatopoeia, bhon Ghreigis agus gu bheil am facal onomatopoeia a' ciallachadh 'a' dèanamh fhacal'.*
- *Sgrìobh na faclan seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn an leughadh:
cuthag brag ist plub slugadh aileag a' trotan
Brosnaich iad an leughadh gus an dèan iad am fuaim a th' aig an rud/gach ni*
- *Iarr air a' chloinn na seantansan seo a leughadh, a' dèanamh fuaim freagarrach nuair a leughas iad na faclan le loidhne fodhpa:*
 - a) Ruith e a-steach agus stad e gu h-obann.*
 - b) Thòisich iad uile ri sgreuchail.*
 - c) Bha an t-àite cho sitheil, gun fhuaim ach mèile nan caorach agus glugan an uillt.*
 - d) Choisich sinn le duilgheadas tron bhoglach.*
 - e) Bha an cladach làn de glupaichean.*
 - f) Thug mi gràn do na cearcan agus choimhead mi orra ga phiocadh.*
 - g) A-muigh bha a' ghaoth a' sèideadh gu garbh. Uuuuuuuuh.*
 - h) Chuala iad am fuamhaire a' stampadh a chasan is e cho fiadhaich.*
 - i) Leum i a-steach dhan uisge le splais.*



- Leugh an rann cloinne seo, agus iarr air a' chloinn èisteachd airson fuaimealas:

Aitiù! Aitiù! Tha an cnatan air Penelope,
Aitiù! Aitiù! Abair cnatan grànda.

Fad an latha a' casadaich,
A' casadaich 's a' sreathartaich;
Fad an latha a' casadaich;
Abair cnatan grànda.

Brosnaich a' chlann fhèin an rann a leughadh a-mach, a' cleachdadh an fhuaimealais gu deagh bhuaidh.

- Seo rann eile a ghabhas cleachdadh san aon dòigh:

Co leis is toil uisg?
Is toil leis na tunnagan
Bidh iad a' slupraich
Anns na glumagan.

Co leis is toil uisg?
Is toil leis a' chloinn bhig
A' sgudalaich 's a' luidearach
A' plubadaich 's a' breabadh.

(Tha an dà rann seo rin lorg anns a' phac Aon, Dhà, Tri (PRG/HC/Cànan 1999).

- Iarr air a' chloinn liosta a dhèanamh de fhacail eile a nì fuaim mar an rud a tha iad ag ainmeachadh no a sheallas an fhuaim a nì cuideigin no rudeigin. *Bidh a' chlann 's dòcha a' faighneachd an e fuaimealas a th' ann am faclan mar 'pah', 'aaagh', 'obh obh!' 'hoigh'. 'S e clisgearan a th' anns na faclan seo agus tha iad rud beag eadar-dhealaichte bho fhuaimealas.*

- * Tha fuaimealas air a chleachdadh tric ann an dealbhan-èibhinn agus rannan cloinne (faic liosta gu h-ìosal). Seo eisimpleirean:

Brag Splais Bof Glug*

Bruidhinn mu dheidhinn adhbharan airson sin. Coimhead air irisean mar 'Am Famh' no 'Smathsin' airson eisimpleirean eile.

- * Brosnaich a' chlann a bhith coimhead a-mach airson fuaimealas nuair a tha iad a' leughadh.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

• Duilleag-obrach 2

- Dèan plana stòiridh airson pàipear-èibhinn. Smaoinich air co-dhiù 3 *onomatopoeia* a bhiodh feumail anns an stòiridh.



- Ann am buidhinn, dèan postair leis an tìotal fuaiméalais. Sgrìobh na faclan air an word-processor ann an clò eadar-dhealaichte agus cuir am postair air balla a' chlasruim nuair a tha e deiseil. Seo faclan a dh'fhaodadh a bhith air a' phostair ach tha tòrr a bharrachd ann.


a' miagail	meunan	gnùsadaich	a' plubadaich	splais
fuar	gnog	a' sileadh	diogalach	a' diosgail
slaodach	a' dòrtadh	a' sreathartaich		aitiù!
A' snàgail	a' siosarnaich	dranndan	brag	a' briosgadh

- Sgrìobh pìos bàrdachd a' cleachdadh cuid de na faclan seo. Chan fheum thu a h-uile fear a chleachdadh! Cuimhnich plana a dhèanamh an toiseach.

Seo liosta de rannan eile bhon phac Aon, Dhà, Trì a tha freagarrach airson fuaiméalais. Dh'fhaodadh a' chlann fear a thaghadh airson a leughadh do chloinn aig ceann shìos na sgoile.

2-17 Crathaidh mi mo làmhnan; 7-11 Tunnagan Beaga; 7-20 Còig uighean a-staigh san nead; 8-1 Tiog, 'tog, ars` an gleoc; 9-5 Fideag a' phoilis; 9-13 Tha gnogadh aig an doras; 9-17 An saor; 9-18 Anndra Saor; 9-19 Òrd a' bualadh; 9-22 Nì, nò, nì, nò, einnsean dearg; 9-24 An digear buidhe; 10-9 Is mise an trèan; 10-16 Tha Mamaidh a' fighe; 11-1-1 Guthan nam beathaichean; 11-1-3 Tha bò aig mo nàbaidh; 11-2-1 Cuilean Beag; 11-2-5 An Cuilean; 11-3-1 Ding Dong clag; 11-3-2 Cat ri taobh an teine; 11-3-3 Piseag a' sealg; 11-8-4 A' bhothag chearc ùr; 11-9-1 Ionsaidh Uoinsaidh; 12-4 An cluinn thu, lain?; 12-20 Nam biodh agam trustar bodaich; 13-1-4 Ri plumadaich; 13-1-7 Uisge air cùl m' amhaich; 13-1-8 An cuala tu na craobhan a' gabhail deoch?; 13-1-11 Diteag! Diteag!; 13-1-15 Thuit an t-uisg'; 13-1-18 Tha strìonagan de dh'uisge trom; 13-2-4 An deigh; 13-3-5 Cha toigh leam an geamhradh; 15-6-5 Sgrìob, Sgrìob, Sgrìob





Uaim - duilleag-obrach 1

Ainm:

1. Dè tha ann an uaim?

2. Leugh an sèist seo bhon òran 'Bàta Sheumais' agus cuir loidhne fo na faclan a tha a' sealltainn uaim. Cleachd dath diofraichte airson gach uaim.

Bàta bìodach, bàta bòidheach,
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhoichd.
Bàta dìreach, bàta deònach
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

3. Saoil carson a tha an uimhir de dh'uaim anns an t-sèist seo?

4. Smaoinich air dà bhuadhair uaimeach (**alliterative**) airson gach ainmear gu h-ìosal. Faodaidh tu faclair a chleachadh airson do chuideachadh.

a) Fuamhair g..... g.....

b) Cat d..... d.....

c) Rionnag bh..... bh.....

d) Luchag bh..... bh.....

e) Measan m..... m.....

5. Tagh fear de na rudan seo mar chuspair airson pìos bàrdachd.
Smaoinich air faclan a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim ris a' chuspair agus sgrìobh iad anns a' bhogsa. Feuch an cleachd thu faclan de dhiofar sheòrsaichean: ainmearan, buadhairean, gnìomhairean etc. Tagh na faclan as fheàrr leat airson cuspair do bhàrdachd (còig co-dhiù) agus an uair sin sgrìobh do bhàrdachd air taobh eile na duilleige.

Sgoil


Mathan

Cuilean

Rìgh

Geamhradh





Fuaimealas - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Seo ainmean rudan. Cuir loidhne fon fheadhainn a tha, nad bheachd-sa, an aon fhuaim ris an rud.

sruth gaoth bogsa amar uinneag biodag

sleamhnag tàirneanaich breab taigh drumma

b. Leugh na h-earrannan seo de bhàrdachd. Cuir loidhne fo na faclan a tha, nad bheachd-sa, nan eisimpleirean de fhuaiméalas.

i) Brig, brig, brag: brig, brag air uinneig;
Brig, brag air uinneag agus splis, splais air lòn.
Le Ceitidh Mhoireasdan, (Acair 1988)

ii) Òrd a' bualadh,
Sàbh a' riabadh,
Chuireadh am fuaim
Cha mhòr às do rian thu. (bho Penelope)

iii) Ding, dong, clag, càite bheil an cat?
Tha i air a bogadh shìos anns an tobar. (trad.)

C. Seo ainmean rudan. Smaoinich air an fhuaim a nì gach fear agus dèan suas facal eile a sheallas am fuaim sin. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Fòn - **dringeadair**

leabaidh - einnsean -

gleoc - each - muc -

d. Maids gach facal ris an rud air a bheil e toirt iomradh nad bheachd-sa:

Brag!

sluaisreadh

Siosarnaich

Pop!

Clioc!

Clang

Glug, glug.

Cagair

Rudeigin meatailt a' tuiteam air an làr.

Cuideigin a' togail dealbh le camara.

Cuideigin ag òl gu faramach.

Fuaim a nì nathair.

Spreadhadh.

Bruidhinn gu socair

Bailiùn a' spreadhadh.

A' measgachadh chlachan le spaid



Freagairtean:

Duilleag-obrach 1

1. Faclan ri taobh no faisg air a chèile a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim.
2. Loidhne fo:- bàta, biodach, bòidheach, brèagha, Bhodach, bhochd Direach, deònach
3. Airson a dhèanamh nas ceòlmhoire/ airson a dhèanamh nas fhurasta cuimhneachadh air/ airson sealltainn co ris a tha am bàta coltach le fuaim/ bu toigh leis a' bhàrd a bhith a' cluich le fuaim nam facal
4. Gabh ri buadhair sam bith a tha a' tòiseachadh leis an fhuaim cheart ach seo an fheadhainn as coltaiche 's dòcha:
 5. a) grod, greannmhor, gruamach, greannach, grànda, gràineil, (gràdhmhor, grinn!)
 - b) dubh, dàileach, dall, donn, dona, dàna, dathach, duilich, dubhach, dùr
 - c) bheag, bhrèagha, bhòidheach, bhoillsgeach, bhuidhe, bhith-bhuan,
 - d) bheag, bhìodach, bhuireasach, bhoadhmhor, bhrònach, bhrèagha, bhras
 - e) milis, matha, measgaichte, mìn, mòra,

Duilleag-obrach 2

(ma tha freagairtean eile aig a' chloinn brosnach iad am freagairtean a mhìneachadh – tha àite ann airson beachdan eadar-dhealaichte ann am fuaimealas!)

a. loidhne fo sruth, gaoth, biodag, sleamhnag, tàirneanaich, breab, drumma

b. i. Brig, brag, splis, splais
ii. sàbh, a' bualadh, a' riabadh,
iii. ding, dong, bogadh

c. freagairtean na cloinne fhèin a tha a' sealltainn fuaim an rud

d. Brag – spreadhadh
Sluaisreadh – a' measgachadh chlachan le spaid
Siosarnaich – fuaim a nì nathair
Pop – bailiùn a' spreadhadh
Clioc – cuideigin a' togail dealbh le camara
Clang – rudeigin meatailt a' tuiteam air an làr
Glug, glug – cuideigin ag òl gu faramach
Cagair – bruidhinn gu socair



Ìomhaigheachd – Samhla agus Meatafor



Mìneachadh:

Tropan. Dòighean a bhith a' mìneachadh rud, duine no tachartas le bhith a' dèanamh coimeas ri rudeigin eile.



Ro-ràdh:

'S e iomhaighean dealbhan san inntinn air an cruthachadh le faclan. Aig ìre E feumaidh a' chlann a eòlach air samhla agus meatafor.

Tha samhla agus meatafor air an cleachdadh ann an sgrìobhadh gus dealbh a chruthachadh de rudeigin no de thachartas. Tha iad rin lorg ann an iomadh seòrsa sgrìobhaidh, gu h-àraidh sgeulachdan agus bàrdachd.

Samhla: (Beurla: simile) Bidh samhla a' cleachdadh an fhacail **mar** no **coltach ri** no **cho ... ri** airson sealltainn co ris a tha rudeigin coltach (m.e. *cho dubh ri suith, ruith e mar an dealanaich*)

Meatafor: Ann am meatafor tha tuairisgeul air a thoirt air rudeigin, air duine no air gnìomh mar gur e rud eile a th' ann. (m.e. *a' dùsgadh mo bhàrdachd far a bheil an sgrìobhadair a' bruidhinn mu bhàrdachd mar gur e duine a th' ann.*) Chan eil na faclan mar **coltach ri** no **cho ... ri** air an cleachdadh idir ann am meataforan.

Pearsanachadh: (Beurla: personification) Uaireannan cleachdaidh sgrìobhadairean gnìomhairean a riochdaicheas rudan nach eil beò mar gu bheil iad beò. (m.e. *dh'fhàs na sgòthan sgith dhi*)

Stiùireadh do Thidsearan:

Sgrìobh am facal samhla air a' bhòrd-dhubh agus faighnich don chlas dè tha e a' ciallachadh. Faodaidh iad faclairean a chleachdadh airson an cuideachadh. Ann am Brìgh nam Facal 's e an treas mìneachadh:

sgeulachd, dàn, etc, a bhios ag innseadh aon rud ach a bhios mu dheidhinn rudeigin eile.

Coimhead air an dà mìneachadh eile ann am Brìgh nam Facal agus dèan coimeas eadar na mìneachaidhean. Anns a h-uile fear tha aon rud a' riochdachadh rudeigin eile. A bheil seo fìor airson a' cheathramh mìneachaidh: *taibhse?*

Dh'fhaodar an dà eisimpleir seo a chleachdadh airson an diofar a shealltainn eadar samhla agus meatafor

samhla: *'Bha na gnothaichean a bha seo a' dol air ais 's air adhart na inntinn mar dhealan-dè ag itealaich a-null 's a-nall ...'* (td. 9 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan)

meatafor: *Sgèith dealan-dè an-fhoiseil tro m' inntinn, ag itealaich bho smuain gu smuain*
(Janet Grigor)

Anns a' chiad eisimpleir tha an sgrìobhadair ag ràdh gu bheil na smuaintean coltach ri dealan-dè. Anns an dara eisimpleir 's e an dealan-dè na smuaintean!

Brosnaich a' chlann gus sùil a chumail a-mach airson samhlaidhean agus meataforan nuair a tha iad a' leughadh leotha fhèin no ann am buidheann.

a. Seo dàn goirid le Iain Mac a' Ghobhainn. Tha samhla agus meatafor ann.

An Cuala tu an Tàirneanaich?

An cuala tu an tàirneanaich
a' falbh air feadh nan sgòth
le bhrògan mòra tacaideach
le dheise throm de chlò;

Tha e dìreach mar tha famhair
's tha sginean aig' na dhòrn,
sin agad fhèin an dealanaich
bhios e sadail feadh nan neòil.

td. 1 Rabhdan is Rudan le Iain Mac a' Ghobhainn

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè an samhla a th' ann? (*Tha e dìreach mar tha famhair*)
- * Ciamar a tha fios agaibh gur e samhla a th' ann?
- * An e deagh shamhla a th' ann airson tàirneanach? Carson?
- * Anns a' chiad rann tha am bàrd a' cleachdadh meatafor. Chan eil brògan mòra tacaideach air an tàirneanach idir, ach 's e deagh ìomhaigh a th' ann, a' sealltainn don leughadair cho faramach 's a tha an tàirneanach.
- * Dè tha thu a' smaoinichadh a tha air a riochdachadh mar 'deise trom de chlò'? Deasbad.
- * Dè an ìomhaigh a tha am bàrd a' cleachdadh airson an dealanaich?
- * An e deagh ìomhaigh a th' ann nad bheachdsa? Carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

Dh'fhaodadh a' chlann dealbh a dhèanamh airson an dàn seo, a' sealltainn famhair an tàirneanaich a' sadail sginean an dealanaich 'feadh nan neòil'.



b. Seo dàn le Fearghas MacFhionnlaigh le deagh eisimpleirean de shamhla:

Eun Neònach

siet-phlèan* a' sàthadh
sgòthan an adhair
mar shnàthaid mhòir
tro chlò

is air a cùlaibh
snàthainn ceò

siet-phlèan a' srònadh
thonnan an adhair
mar iasg mòr
lann-fhionn

is air a cùlaibh
srann nan cuan

smeòrach a dhìochuimhnich
cnuimhe le clisgeadh
chun na leithid -

eun le duine
na eanchainn

td. 82 An Aghaidh na Siorraidheachd (Polygon 1991)

* Jet Plane

Puingean ri Dheasbad:

* Dè smaoinich thu a bh' ann an cuspair an dàin nuair a chunnaic thu an tiotal? Carson?

* Dè na samhlaidhean a chleachdas am bàrd airson siet-phlèan? (*snàthad tro chlò, iasg*)

* Seall mar a leudaicheas am bàrd gach samhla: (*is air a cùlaibh snàthainn ceò, is air a cùlaibh srann nan cuan*)

* Dè an samhla as fheàrr nad bheachdsa?

* Dè tha an smeòrach a' smaoinichadh a th' anns a' phlèan?

* An e samhla no meatafor a th' anns an rann mu dheireadh? Ciamar a tha fios agad?

Gnìomhan do na Sgoilearan

* Ath-sgrìobh an rann gu sgiobalta agus dèan dealbhan freagarrach airson a sgeadachadh.

* Smaoinich air samhlaidhean eile airson siet-phlèan. Sgrìobh rann eile airson an dàin seo no sgrìobh rann eile a' samhlachadh siet-phlèan ri rudeigin eadar-dhealaichte. (m.e. càr rèisidh, saighead, peilear, seillean)

* Sgrìobh dàn mu dheidhinn baidhsagal, tractar no bàta, a' cleachdadh samhlaidhean no meataforan.

Tidsearan – thoiribh fa-near! Gabhaidh an duilleag seo atharrachadh gu duilleig-obrach gu furasta le bhith a' toirt air falbh an sgrìobhaidh ann an clò eadailteach. Mar sin dh'fhaodadh clann nas comasaiche an obair seo a dhèanamh leotha fhèin.



C. Anns an earrann seo bhon leabhar Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul, tha Màiri air a bhith ag èisteachd ri coineanach ag innse dhi mu fhuadaichean agus ainmean-àite agus beul-aithris a h-àite fhèin. Tha iomagain air a' choineanach nach creid Màiri na tha e ag innse dhi. Seo na chanas e rithe:

“ ...Chan e sgàthan coimheach a th’ annams idir, a Mhàiri, ach sgàthan na fìrinn. Nuair a bhruidhneas tu riumsa, chan eil na faclan idir cùlaibh-air-beulaibh is cas-mu-seach, ach aghaidh-ri-aghaidh is sùil-ri-sùil.”

Choimhead Màiri a-steach ann an sùilean a’ choineanaich, ‘s choimhead an coineanach a-steach a shùilean Màiri. Chitheadh an dìthis aca faileas soilleir càch a chèile ann an gloinne gach sùl. Bha an sgàthan seo foirfe shaoil Màiri, ‘s bha gach rùn is dòchas a bh’ aice air an coileanadh anns an t-soilleireachd a bha nam broinn.

td. 89 Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2000)

Puingean ri Dheasbad:

- * An e meatafor no samhla a tha seo? Ciamar a tha fios agad?
- * Smaoinichibh air samhlaidhean a nì coimeas eadar sùilean agus sgàthan.
- * Tha rudan a tha troimhe-chèile agus sgàthan coimheach am measg prìomh chuspairean an leabhair seo. Tha ceangal eadar a’ mheatafor agus an còrr den sgeulachd.
- * Dè tha an coineanach a’ ciallachadh nuair a chanas e gur e sgàthan na fìrinn a th’ ann?



d. Dè mu dheidhinn samhachas?

Samhachas: (Beurla: analogy) Ann an samhachas bidh an sgrìobhadair a' sealltainn **na dàimh** eadar daoine no rudan le bhith a' sgrìobhadh mu dheidhinn suidheachadh no rudan eile le dàimheachd coltach ris.

Seo eisimpleir:

'Tha sinn uile air an aon ràmh.' (td. 41 Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain)

Dè tha seo a' ciallachadh?

A bheil an samhachas feumail don leughadair?

Chan eil na caractaran faisg air bàta agus chan eil ràmh sam bith aca. Chleachd an sgrìobhadair samhachas airson sealltainn gu bheil iad uile anns an aon shuidheachadh agus gum feumadh iad uile obrachadh còmhla. Tha an dàimheachd eadar na caractaran coltach ris an dàimheachd a tha eadar daoine a tha ag iomradh còmhla air an aon bhàta. Ma sguireas aon dhiubh bidh an obair nas doirbhe do chàch.



Iomhaigheachd – eisimpleirean eile

Samhla:

An Deigh le Iain Mac a' Ghobhainn td. 7 Rabhdan is Rudan (*Gairm 1973*)

td. 92 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)

td. 71 Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2000*)

td. 21, 23, 34, 47, 63 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

td. 6, 67 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (*Acair 1994*)

td. 42 A Pheigi a Ghràidh le Iain C. Mac a' Ghobhainn (*Acair 1994*)

An t-Eun agus Èirigh na Grèine le Fearghas MacFhionnlaigh td. 96 An Aghaidh na Siorraidheachd (*Polygon 1991*)

Meatafor:

td. 55 Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2000*)

Pearsanachadh:

- Dà Bhròig le Iain Mac a' Ghobhainn td. 2 Rabhdan is Rudan (*Gairm 1973*)

- Grian le Anne Frater td. 60 An Aghaidh na Siorraidheachd (*Polygon 1991*)


Samhlachas:

td. 61-62 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)

td. 20-21 Mealladh am Malta le Sheila NicLeòid (*Acair 1993*) *'S co-dhiù, thuirt i rithe fhèin, bha e cho nàdarrach dha Iseabail a bhith a' gearain 's a bhith a' toirt tàthag 's a bha bideadh nam meanbh-chuilleagan as t-samhradh anns a' mhòine aig an taigh.'*

td. 20-21 Inntinn Iain le Coinneach I. MacLeòid. Tha Iain ag iarraidh teicheadh bhon t-suidheachadh anns a bheil e ach chan urrainn dha. Chì e eun a-muigh. *'Choimhead Iain gàrradh a' bhaile Rug e air cliathaichen an tuill agus shlaod e e fhèin suas dhan doillearachd.*





Ìomhaigheachd - Samhla agus Meatafor duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Ceangail gach facal ris a' mhìneachadh as fheàrr:

meatafor

coimeas a' cleachdadh nam facal *coltach ri*, *cho ...ri*
no *mar*

samhla

rud nach eil beò air a riochdachdadh mar gur e
pearsa a th' ann

pearsanachadh

dealbh san inntinn air a chruthachadh le faclan

ìomhaigh

ìomhaigh ag ràdh gur e aon rud rudeigin eile, gun a bhith
a' cleachdadh nam facal *mar*, *coltach ri* no *cho ... ri*

b. Tha cuid de shamhlaidhean air an cleachdadh gu cumanta. An urrainn dhut an deireadh ceart a thaghadh airson gach aon de na leanas?

t-sùith darach ite geàrr deigh rìgh

1. cho fuar ri
2. cho beartach ri
3. cho aotrom ri
4. cho dubh ris an
5. cho luath ri
6. cho cruaidh ris an

c. Sgrìobh samhlaidhean airson crìoch a chur air gach seantans gu h-ìosal:



1. Dh'fhalbh i mar
2. Lorg mi bonn airgid a bha cho.....
3. Chaidh e suas dhan adhar mar
4. Bha fiaclan an uilebheist coltach ri
5. Dh'fheuch mi a' chèic. Bha i cho.....
7. Dh'fhairich mi mo chridhe a' bualadh mar



Ìomhaigheachd - Samhla agus Meatafor duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo measgachadh de dh'earrannan bho sgeulachdan, bàrdachd agus pàipearan-naidheachd. Cuir loidhne ghorm fon h-uile samhla agus loidhne dhearg fon h-uile meatafor. Sgrìobh dè tha gach fear a' ciallachadh.

a.

... tha chraiceann cho geal ri eala air bhàrr thonn.

bho bhàrdachd Chatriona NicGumaraid
td. 143 An Aghaidh na Siorraidheachd (Polygon 1991)

Tha seo a' ciallachadh ...

b.

A dh'aindeoin 's gu bheil faileasan dubha a' chogaidh air a bhith a' cuartachadh cùisean poileataigeach na rìoghachd o chionn ghoirid, ...

An Gàidheal Ùr – Àireamh 64 – Màirt 2003

Tha seo a' ciallachadh ..

c.

... a' tuiteam mar chlach ann an glumag gun ghrinneal ...

bho 'Tuiteam Icaruis 2' le Fearghas MacFhionnlaigh
td. 90 An Aghaidh na Siorraidheachd (Polygon 1991)

Tha seo a' ciallachadh ...



d.

Òigridh: an iuchair gu soirbheachas

An Gàidheal Ùr – Àireamh 64 – Màirt 2003

Tha seo a' ciallachadh ...

e.

Bha i mar gum biodh reòhte... A sùilean fosgailte, agus i tarraing anail - agus le sin, beò - ach reòhte, mar ìomhaigh.

td. 62 An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Acair 2002*)

Chleachd an sgrìobhadair na faclan reòhte agus ìomhaigh airson sealltainn ...


f.

Tha millean rionnag anns an adhar 's iad a' deàlradh shuas gu h-àrd 's iad a' gàireachdainn 's a' lasadh 's iad cho geal ri gruth no bàrr.

bho Rionnagan le Iain Mac a' Ghobhainn
td. 11 Rabhdan is Rudan (*GAIRM 1973*)

Am bi rionnagan a' gàireachdainn?
Carson a sgrìobh am bàrd gum bi?





Ìomhaigheachd – Prìomh Phuingean

* Tha ìomhaigheachd air a chleachdadh ann an sgrìobhadh gus dealbh nas soilleir a dhèanamh de rud, duine no tachartas.

* Cleachd ìomhaigheachd airson do chuid sgrìobhaidh a dhèanamh nas inntinniche.

* Tha diofar sheòrsaichean ìomhaigheachd ann. Nam measg tha samhla, meatafor, pearsanachadh agus samhlachas.

* Ann an **samhla (simile)** tha coimeas air a dhèanamh eadar dà rud (mar as trice dà rud nach eil ro choltach ri chèile) a' cleachdadh faclan **mar**, **coltach ri** no **cho... ri**.

m.e. Bha an driùchd air an fheur a' deàrrsadh mar dhaoimeanan.

* Ann am **meatafor** tha coimeas air a dhèanamh eadar dà rud ach chan eil na faclan 'mar', 'coltach ri' no 'cho ...ri' air an cleachdadh.

m.e. Bha am feur làn de dhaoimeanan deàlrach fon driùchd.

* Uaireannan sgrìobhaidh daoine mu dheidhinn rudan nach eil beò mar gur e pearsachan a th' annta. 'S e **pearsanachadh (personification)** an t-ainm a th' air an ìomhaigheachd seo.

m.e. Bha am feur fada a' dannsadh anns a' ghaoith.

* Ann an **samhlachas (analogy)** tha coimeas air a dhèanamh eadar suidheachaidhean no tachartasan eadar-dhealaichte.

m.e. "Tadhal!" dh'èigh na daoine agus b' ann an uair sin a thòisich an ùpraid! Lèintean uaine a' sguabadh a-null 's a-nall agus stocannan striopach air an crathadh le toileachas. Chuir an sealladh nam chuimhne gàrradh mòr làn feur fada a' sèideadh anns a' ghaoith.

* Na cleachd cus ìomhaigheachd agus dèan cinnteach gu bheil na chleachdas tu gu feum.



An Cuala tu an Tàirneanaich?

An cuala tu an tàirneanaich
a' falbh air feadh nan sgòth
le bhrògan mòra tacaideach
le dheise throm de chlò;

Tha e dìreach mar tha famhair
's tha sginean aig' na dhòrn,
sin agad fhèin an dealanaich
bhios e sadail feadh nan neòil.

td. 1 Rabhdan is Rudan le Iain Mac a' Ghobhainn



Eun Neònach

siet-phlèan* a' sàthadh
sgòthan an adhair
mar shnàthaid mhòir
tro chlà

is air a cùlaibh
snàthainn ceò

siet-phlèan a' srònadh
thonnan an adhair
mar iasg mòr
lann-fhionn

is air a cùlaibh
srann nan cuan

smeòrach a dhìochuimhnich
cnuimhe le clisgeadh
thun na leithid -

eun le duine
na eanchainn

td. 82 An Aghaidh na Siorraidheachd (Polygon 1991)

* Jet-plane



Sgriobhadh Gníomhachail



Litrichean foirmeil





Ro-ràdh:

Tha iomadh seòrsa litreach ann. Aig Ìre D thèid iarraidh air clann litrichean foirmeil a sgrìobhadh agus feumaidh fhios a bhith aca dè an stoidhle anns a bheil litrichean mar seo air a sgrìobhadh agus dè an dòigh sgrìobhadh a tha freagarrach. An seo tha litrichean eadar-dhealaichte – litir ghearain, litir a' toirt taing, litir a' cur a-steach airson obair, litir ghearain gu pàipear-naidheachd agus litir ag iarraidh fiosrachadh. Tha puingeann ri dheasbad ann agus gnìomhan do na sgoilearan.

Stiùireadh do Thidsearan:

* Cruinnich litrichean den h-uile seòrsa, sean agus ùr agus bruidhinn mun deidhinn. Cò sgrìobh iad agus carson? Coimhead air litrichean gu clann agus gu tidsearan, litrichean a tha ag iarraidh ort rudeigin a dhèanamh no rudeigin a cheannach (junk mail!), litrichean ann am pàipearan-naidheachd agus irisean.

* Coimhead air cuid de na litrichean còmhla. Dh'fhaodadh tu an dèanamh mòr air OHP gu am faic a h-uile duine iad gu furasta. Am b' aithne don sgrìobhadair an leughadair? Ciamar a tha fios againn? Coimhead air na diofar dhòighean anns a bheil litrichean a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh.

* Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè thathar a' ciallachadh le 'litir foirmeil'. Bruidhinn mu dhiofaran eadar litir foirmeil agus litir phearsanta. (m.e. 'A charaid' an àite ainm, cànan nas foirmeile, tha litir phearsanta nas coltaiche ri còmhraidh le naidheachdan agus ceistean pearsanta, an deireadh, an dreachd (seòladh, ceann-latha, le dùrachd)

* Dh'fhaodadh an clas 'brainstorm' a dhèanamh air diofar sheòrsaichean de litrichean foirmeil – litir a' gearan, litir ag iarraidh fiosrachadh, litir a' toirt taing, litir a' cur a-steach airson obair, litir le fiosrachadh mu dheidhinn rudeigin a tha a' dol a thachairt (m.e. obair-rathaid), litir ag iarraidh cuideachadh no taic (m.e. bho bhall-phàrlamaid no bho bhuidhinn carthannais), litir a' toirt rabhadh (m.e. cead TBh!).

* Nuair a dh'iarraas tu air clann litir a sgrìobhadh, dèan cinnteach an-còmhnaidh gu bheil fhios aca cò bhios ga leughadh. 'S dòcha gur e cuideigin is aithne dhut a th' ann no 's dòcha cuideigin no buidheann nach aithne dhut – ach tha e cudromach gun tuig iad gu bheil adhbhar ann airson na litreach agus gum bi cuideigin ga leughadh. Thoir dhaibh cothroman litrichean a sgrìobhadh a dh'iarraidh fiosrachadh (m.e. bho oifis turasachd no buidheann

carthannais) gus am bi cothrom aca freagairt fhaighinn. Dh'fhaodadh iad sgrìobhadh gu Aonad Gàidhlig eile ag iarraidh fiosrachadh mun phròiseact aca agus ag innse mun phròiseact aca fhèin. Dh'fhaodadh iad sgrìobhadh chun na comhairle aca ag iarraidh fiosrachadh mu rudeigin no a' gearan mu rudeigin anns an àrainneachd aca fhèin.

* Mus tòisich iad a' sgrìobhadh litir dh'fhaodadh an clas 'brainstorm' a dhèanamh de na prìomh phuingean. Brosnaich iad gu bhith a' sealltainn prìomh adhbhar na litreach anns a' chiad pharagraf agus ga bhriseadh sìos anns na paragrafan eile, a' cruinneachadh phuingean a tha coltach ri chèile anns gach paragraf. Tha eisimpleir dhe seo aig deireadh a' chaibidil agus duilleag-planaidh airson litir fhoirmeil.

a. Seo litir gearain. Leugh an litir agus smaoinich air na puingeann a leanas. An uair sin bruidhinn mun deidhinn mar chlas no bhuidhinn.

A Charaid,

Cuin a bhios sibh a' dèanamh rudeigin mun àireamh chloinne a bhios a' cluich air bùird-cuibhle sìos agus suas na h-Àrd Shràid.

Tha mi dìreach air tilleadh bho chuairt do na bùithtean agus cha mhòr nach deach mo leagail le gille mu aois deich bliadhna a bha a' dol sìos na sràide aig astar air a' bhòrd-chuibhle aige 's cha do stad e idir fiù 's airson a ràdh gun robh e duilich. Chan e mise a-mhàin a tha gearan oir tha mi air gu leòr dhaoine eile a chluinntinn ag ràdh nach mòr nach deach an goirteachadh ann an tubaist leotha. Gu h-àraidh, chan eil e uabhasach sàbhailte do sheann dhaoine no clann bheaga a bhios a' coiseachd air a' chabhsair.

Chan e dìreach an cunnart a tha annta gu daoine bhualadh, ach tha iad a' dèanamh milleadh air rudan mar bheingean air an t-sràid no rèilichean a chionn 's gum bi iad gan cleachdadh airson a bhith a' leum orra. Tha cuid de na beingean air am briseadh le cuibhlichean air na bùird.

Chan eil seo a' toirt coltas mhath dhan bhaile airson luchd-turais a bhios a' tighinn. Dè bhios iad a' smaoinichadh a' faicinn na tha seo de chloinn a' dol mun cuairt a' leagail dhaoine 's a briseadh rudan?

Nach bu chòir pàirce shònraichte a bhith ann dhaibh airson a' chleas seo? Chan eil an Àrd Shràid freagarrach airson seo co-dhiù.

Bidh mi feitheamh airson freagairt no feumaidh mi smaoinichadh air sgrìobhadh gun Bhall Pàrlamaid agam.

Le dùrachd,



Puingean ri Dheasbad:

- * Saoil dè seòrsa duine a sgrìobh an litir seo? Carson a tha thu a' smaointinn sin?
- * Carson a sgrìobh e/ i an litir?
- * Dè tha a dhìth air an litir? (seòladh agus ainm an sgrìobhadair, ceann-latha, seòladh a' sealltainn càit a bheil an litir a' dol)
- * Carson a thòisich an sgrìobhadair an litir le paragraf goirid?
- * Tha prìomh phuing eadar-dhealaichte aig gach paragraf. Dè a' phrìomh phuing a th' anns gach paragraf?
- * Dè na faclan a tha a' sealltainn gu bheil an sgrìobhadair feargach?
- * Carson a sgrìobh e/ i gun cuala e/i daoine eile a' gearan mun aon rud?
- * A bheil an sgrìobhadair an aghaidh bùird-chuibhle buileach glan? Minich do fhreagairt.
- * Co thuige a bu chòir dha/ dhi an litir a chur? Carson?
- * Ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh cinnteach gum faigh e/ i freagairt?
- * Carson a chrìochnaich e/i an litir le 'Le dùrachd'?

Gnìomhan do na Sgoilearan

* Leig ort gur tusa a sgrìobh an litir seo. Cuir an seòladh agad fhèin, ceann-latha an-diugh agus d' ainm fhèin air duilleag-obrach 1 anns na h-àitichean ceart. Faigh a-mach seòladh na comhairle agad agus sgrìobh an seòladh sin air an litir cuideachd.

* Duilleag-obrach 2

* Sgrìobh litir **phearsanta** gu caraid air an aon chuspair, ag innse dha/ dhi dè thachair dhut, do bheachd air agus dè tha thu a' dol a dhèanamh

* Sgrìobh litir don chomhairle agad fhèin a' gearan mu rudeigin (m.e. togalach grànda, fuaim air na sràidean, salchar, sgoil a' dùnadh, àite cunnartach).
Dèan cinnteach gun seall thu dè tha ceàrr, carson a tha thu mì-thoilichte mu dheidhinn, carson a bu chòir dhan chomhairle rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn, beachdan dhaoine eile agus dè tha thu ag iarraidh air a' chomhairle a dhèanamh mu dheidhinn. Cuimhnich do sheòladh, an ceann-latha agus d' ainm agus paragraf ùr airson gach puing.



b. Seo litir a chaidh a sgrìobhadh gu neach-deasachaidh phàipeir-naidheachd.

24 Sràid na Drochaid

.....
.....

25 an Cèitean

Neach-deasachaidh

.....
.....
.....

A charaid

Carson a tha e a' toirt cho fada soighnichean Gàidhlig fhaighinn air na ròidean againn? Ma bhios duine sam bith a' dol a dh'Èireann no dhan Chuimrigh chì iad gu bheil na **soighnichean rathaid uile** ann an Gàidhlig/Cuimris ach ann an Alba 's e glè bheag dhiubh a tha anns a' chànan.

Ma bhios soighnichean ann an Gàidhlig shealladh e cho **cudromach** agus **làidir** 's a tha a' chànan 's an cultar dhan sgìre anns a bheil iad. Tha seo ri fhaicinn ann an Èireann. Cuideachd, tha e math do luchd-turais a bhith faicinn gu bheil a' chànan beò.

Bidh cuid de dhaoine a' gearan 's ag ràdh gu bheil iad cunnartach air an rathad a chionn 's gu bheil cus orra. Ach chan eil seo ceart. Tha na litrichean ann an diofar dhathan agus tha ainm an àite ann am Beurla cuideachd. Tha tòrr de na h-ainmean àite ann an Alba anns a' Ghaidhealtachd is na h-Eileanan co-dhiù anns a' Ghaidhlig 's chaidh an atharrachadh dìreach gus am biodh iad na b' fhasa ri ràdh. Tha feadhainn de na soighnichean ann an Gàidhlig a-nis ach tha còir aige a bhith a' tachairt nas luaithe. Feumaidh daoine a bhith a' putadh nas cruaidhe airson nan soighnichean.

Le dùrachd,

I macEachainn

I MacEachainn



Stiùireadh do Thidsearan:

* Coimhead air an litir gu cùramach, a' bruidhinn mu dheidhinn paragraf mu seach, na prìomh phuingean, an dòigh sgrìobhaidh agus an stoidhle.

Puingean ri Dheasbad:

- * Cò bhios a' leughadh litrichean ann am pàipear-naidheachd?
- * Dè tha sgrìobhadair na litreach seo ag iarraidh air an luchd-leughaidh a dhèanamh?
- * A bheil thu a' smaoinichadh gun do chuir an sgrìobhadair a b(h)eachdan thairis gu soilleir?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Coimhead air duilleag no colbh nan litrichean ann am pàipear-naidheachd ionadail. An e litrichean gearain a th' annta air fad? Carson a bhios daoine a' sgrìobhadh litrichean gearain gu pàipearan naidheachd?

* Coimhead air a' phàipear naidheachd An Gaidheal Ùr. A bheil litrichean ann? Ma tha dè seòrsa litrichean a th' ann?

* Sgrìobh litir gu fear-deasachaidh a' phàipeir-naidheachd ionadail agad fhèin a' gearan mu rudeigin (m.e. cosgais airson dol dhan amar-snàimh, dìth ghoireasan do chloinn, àite is toil leat a' dùnadh, sgudal, aithris anns a' phàipear nach bu toil leat,).

Dèan plana a' sealltainn prìomh phuing gach paragraf. Cuimhnich an seòladh agad agus seòladh a' phàipeir a chur ann.



C. Chan ann airson gearain a tha a h-uile litir air a sgrìobhadh! Uaireannan sgrìobhaidh daoine litir airson cuideigin no rudeigin a mholadh. Seo litir a sgrìobh clas 7, a' toirt taing airson cuideachadh a fhuair iad airson pròiseact air beathaichean.

(Seòladh an sgrìobhadair)

(Seòladh a' ghabhadair)

(Ceann-latha)

A charaid

Tapadh leat airson na fhuair an clas againn de chuideachadh leis a' phròiseact againn air beathaichean.

Bha a h-uile bileag 's stuth-fiosrachail a chuir sibh thugainn mu gach diofar bheathach a bhios a' fuireach air a' Ghaidhealtachd uabhasach feumail. Ghabh a h-uile duine deagh notaichean air rudan mar na tha iad ag ithe, aois, teaghlach 's an t-àite-fuirich aca.

'S e an rud a bha air leth cuideachail ged-tà an latha a fhuair sinn aig a' phàirc-bheathaichean agaibh. Chunnaic sinn mòran de na beathaichean mu bheil sinn ag ionnsachadh anns a' chlas. Thug dithis den luchd-obrach sinn mun cuairt agus dh'innis iad dhuinn tòrr nithean eadar-dhealaichte mun deidhinn. Bha e math cuideachd a bhith a' faicinn nam beathaichean seach a bhith dìreach a' leughadh mun deidhinn. Tapadh leibh cuideachd airson a' chòc agus slisneagan a fhuair sinn aig deireadh na cuairt.

Tha sinn fada nur comain airson a' chuideachaidh a fhuair sinn agus nuair a bhios sinn deiseil de na pròiseactan cuiridh sinn lethbhreacan dhiubh thugaibh.

*Taing mhòr a-rithist
(ainm-sgrìobhte)*

Clas a seachd

Stiùireadh do Thidsearan:

- * Coimhead air dreach na litreach leis a' chlas.
- * Bruidhinn mu dheidhinn a' chiad pharagraf agus a' pharagraf mu dheireadh? Carson a tha iad ann?
- * Brosnaich a' chlann le bhith a' sealltainn am beachdan agus am faireachdainnean mu dheidhinn rudeigin an àite dìreach a bhith ag innse dè thachair. Seall air paragraf 3 airson faicinn ciamar a rinneadh sin anns an litir seo. Seo e gun beachdan no faireachdainnean:

Bha latha againn aig a' phàirc-bheathaichean agaibh. Chunnaic sinn tòrr bheathaichean. Thug dithis den luchd-obrach sinn mun cuairt agus dh'innis iad dhuinn tòrr dhiofar rudan mun deidhinn. Chunnaic sinn beathaichean an àite a bhith dìreach a' leughadh mun deidhinn. Fhuair sinn còc agus slisneagan aig deireadh na cuairt.



Bruidhinn mu dheidhinn an diofar eadar an dà pharagraf. Carson a tha a' chiad fhear nas fheàrr? Brosnaich a' chlann gu bhith a' smaointinn mun leughadair nuair a tha iad a' sgrìobhadh litir mar seo. Dè bhios inntinneach don leughadair?

Puingean ri Dheasbad:

- * Carson a chaidh an litir seo a sgrìobhadh?
- * Cuin a sgrìobhadh tusa litir mar seo?
- * Tha a' chiad pharagraf a' sealltainn co mu dheidhinn a tha an litir. Dè mu dheidhinn paragraf 2 agus 3?
- * Dè tha an sgrìobhadair a' dèanamh anns a' pharagraf mu dheireadh?
- * Dè na seantansan a tha a' sealltainn beachdan an sgrìobhadair air an turas?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Leig ort gur e an clas agad fhèin a sgrìobh an litir seo. Cuir crìoch air an litir air duilleag-obrach 3, a' sgrìobhadh seòladh an sgrìobhadair, seòladh a' ghabhadair agus an ceann-latha agus d' ainm fhèin. Sgrìobh paragraf eile a' sealltainn dè a b' fheàrr leatsa mun chuairt agus dè an rud a b' inntinniche dhut.

* Sgrìobh litir gu companaidh, taigh-tasgaidh no neach-labhairt, a' toirt taing airson cuideachadh a thug iad dhut no don chlas agad.

* Sgrìobh litir phearsanta gu caraid ag innse dha/ dhi mu dheidhinn an turais sgoile don phàirc-bheathaichean. Cuimhnich gum bi an stoidhle rud beag diofraichte bhon litir seo ach cuimhnich a bhith a' smaointinn mu dheidhinn dè bhios inntinneach do do charaid. Innis dha/ dhi do bheachdan air an turas. Dè bu thoil leat mu dheidhinn? Dè nach bu toil leat? An do thachair càil inntinneach no èibhinn? An còrdadh e ris/rithe? Carson?



d. Seo litir fhoirmeil bho chuideigin a tha a' sireadh obair.

(Seòladh an sgrìobhadair)
(àireamh fòn an sgrìobhadair)

(seòladh a' ghabhadair)
(ceann-latha)
A charaid

Obair ann an Taigh-òsta

Chunnaic mi an sanas agaibh anns a' phàipear-naidheachd an-diugh airson neach-cuideachaidh anns an taigh-òsta agaibh. Tha mi ceithir deug agus fhathast anns an sgoil ach 's urrainn dhomh obrachadh aig an deireadh sheachdain no às deidh na sgoile. B' àbhaist dhomh a bhith ag obair ann an cafaidh anns a' bhaile far am bithinn a' sgioblachadh agus a' faighinn deoch 's biadh dha na daoine. Cuideachd bha mi a' frithealadh air bùird agus a' gabhail an airgid. 'S toil leam a bhith a' coinneachadh dhaoine agus tha mi math air obair còmhla ri daoine eile. Tha mi an-còmhnaidh toilichte agus onarach 's chan eil eagal orm ro obair chruaidh.

'S e na cur-seachadan agam: a' cluich a' ghiotàir agus dannsa Gaidhealach.

Ma bhios sibh airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn 's urrainn dhuibh fios a chur thugam aig an àireimh fòn no seòladh gu h-àrd.

Leis gach dùrachd,

(ainm sgrìobhte)

Sìle NicAonghais

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè am fiosrachadh a thug an sgrìobhadair seachad anns an litir?
- * Carson a tha am fiosrachadh sin feumail?
- * A bheil thu a' smaoinichadh gum biodh an sgrìobhadair math air an obair seo? Carson?
- * Carson a sgrìobh i/e 'Leis gach dùrachd' aig an deireadh?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Smaoinich air obair a bu mhathe leatsa dèanamh. Dh'fhaodadh tu coimhead air sanasan-obrach ann am pàipear-naidheachd no obair a dhèanamh suas. Sgrìobh litir a' cur a-steach airson na h-obrach, ag innse càit' am faca tu an sanas-obrach, carson a bhiodh tu math air an obair sin agus ag innse beagan mu do dheidhinn fhèin a bhios feumail don leughadair.

Tha duilleag-planaidh airson seo air duilleag-obrach 4.



e. Seo litir ag iarraidh fiosrachadh mu dheidhinn àite:

10 St Mary's Avenue
New York 11076
Na Stàitean Aonaichte

21 am Faoilleach _____

Bòrd Turasachd Gaidhealtachd na h-Alba
Peffery House
Srath Pheofhair
IV14 9HA

A Charaid / A Bhanacharaid chòir,

Tha dùil againn tighinn a dh'Alba air saor-làithean anns a' Ghiblean agus bu mhath leinn fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn Gaidhealtachd na h-Alba air fad agus gu h-àraidh iar-thuath na Gaidhealtachd. Tha ùidh againn ann an eachdraidh na h-Alba, ann an cultar na Gàidhlig agus ann an nàdar.

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b' urrainn dhuibh fiosrachadh a chur thugainn airson ar cuideachadh le bhith a' planadh ar saor-làithean – fiosrachadh air dòighean-siubhail, air àitichean-fuirich, air dè tha dol sa Ghiblean agus dè seòrsa aimsir a th' ann aig an àm sin den bhliadhna.

Tha mi fada nur comain,

Is mise le meas,

D. MacCoinnich

Dòmhnall MacCoinnich (Mgr.)

Puingean ri Dheasbad:

- Carson a sgrìobh Mgr. MacCoinnich an litir seo?
- Dè na dòighean eile a dh'fhaodadh e chleachdadh gus am fiosrachadh seo fhaighinn? (fòn, e-mail, eadar-lìon)
- Carson a thòisich e an litir le 'A Charaid / A Bhanacharaid chòir'?
- Dè an seantans anns a bheil e a' toirt taing?
- A bheil an litir a' sealltainn gu soilleir dè tha an sgrìobhadair ag iarraidh?
- Bruidhinn mu dheidhinn dè am fiosrachadh a bhiodh feumail airson obair phròiseact a' chlas. Am b' urrainn dhuibh am fiosrachadh sin fhaighinn bho dhuine no bhuidhinn sam bith le bhith a' sgrìobhadh thuca? Càit an lorg sibh an seòladh?



Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Sgrìobh litir airson fiosrachadh fhaighinn airson pròiseact a' chlas.
Dèan cinnteach gun seall thu gu soilleir dè am fiosrachadh a bhios feumail agus gun toir thu taing don leughadair.
- Sgrìobh e-mail gu cuideigin ag iarraidh fiosrachadh air obair-phròiseict.

Stiùireadh do Thidsearan

An urrainn do na sgoilearan na faclan agus abairtean seo a chleachdadh san dòigh cheart?

Faclan agus abairtean feumail airson litrichean foirmeil

A charaid chòir A bhanacharaid chòir

Bu toil leam ur n-aire a tharraing gu ...

Bu toil leam taing a thoirt dhuibh airson ...

Tha ùidh agam ann an ...

An urrainn dhuibh ar cuideachadh?


Tha mise den bheachd ..

Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil

Tha mi fada nur comain

Le dùrachd





Litrichean - duilleag-obrach 1

Ainm:

Leig ort gur tusa a sgrìobh an litir seo. Cuir an seòladh agad fhèin, ceann-latha an-diugh agus d' ainm fhèin rithe anns na h-àitichean ceart. Faigh seòladh na Comhairle agad agus sgrìobh sin air an litir cuideachd.

Air taobh eile na duilleige, sgrìobh dè a' phrìomh phuing a th' anns gach paragraf.



A Charaid,

Cuin a bhios sibh a' dèanamh rudeigin mun àireamh chloinne a bhios a' cluich air bùird-cuibhle sìos agus suas an Àrd Shràid?

Tha mi dìreach air tilleadh bho chuairt do na bùithtean agus cha mhòr nach deach mo leagail le gille mu aois deich bliadhna a bha a' dol sìos na sràid aig astar air a' bhòrd-cuibhle aige 's cha do stad e idir fiù 's airson a ràdh gun robh e duilich. Chan e mise a-mhàin a tha gearan oir tha mi air gu leòr dhaoine eile a chluinntinn ag ràdh nach mòr nach deach an goirteachadh ann an tubaist leotha. Gu h-àraidh, chan eil e uabhasach sàbhailte do sheann dhaoine no cloinn bheaga a bhios a' coiseachd air a' chabhsair.

Chan e dìreach an cunnart a tha annta gu daoine a bhualadh, ach tha iad a' dèanamh milleadh air rudan mar bheingean air an t-sràid no rèilichean a chionn 's gum bi iad gan cleachdadh airson a bhith a' leum orra. Tha cuid de na beingean air am briseadh le na cuibhlichean a th' air na bùird.

Chan eil seo a' toirt coltas mhath dhan bhaile airson luchd-turais a bhios a' tighinn. Dè bhios iad a' smaoinichadh a' faicinn na tha seo de chloinn a' dol mun cuairt a' leagail dhaoine 's a' briseadh rudan?

Nach bu chòir pàirce shònraichte a bhith ann dhaibh airson a' chleas seo? Chan eil an Àrd Shràid freagarrach airson seo co-dhiù.

Bidh mi feitheamh airson freagairt no feumaidh mi smaoinichadh air sgrìobhadh gun Bhall Pàrlamaid agam.

Le dùrachd,



Litrichean - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. 1. Dè thèid aig mullach litir fhoirmeil?

2. Carson a bu chòir sin a bhith air an litir?

3. Carson a chuireas daoine an ceann-latha air litrichean?

4. Sgrìobh trì dòighean anns an tòisich thu litir fhoirmeil:

A A

A


5 a) Ma tha thu a' sgrìobhadh litir fhoirmeil, dè bu chòir a bhith anns a' chiad pharagraf?

5 b) Carson?

6. Dè bhios tu a' sealltainn anns na paragrafan eile?


7. Sgrìobh dòigh air crìoch a chur air litir fhoirmeil:

b. Gu math tric, nuair a sgrìobhas cuideigin litir a' gearan mu rudeigin, bidh iad a' sealltainn taobh eile na h-argamaid. Leugh an litir mu bhùird-chuibhle a-rithist. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gu bheil e/i a' tuigsinn feumalachdan na cloinne a bhios a' falbh air bùird-chuibhle?



c. Sgrìobh litir gu ceannard na sgoile, a' gearan mu rudeigin nach toil leat anns an sgoil (m.e àm-cluiche ro ghoirid, dìnnearan-sgoile, obair-dachaigh, ...) Dèan cinnteach gun toir thu a-steach cuspair na litreach anns a' chiad pharagraf agus gun sgrìobh thu paragrafan eile, a' leudachadh air a' chuspair, a' sealltainn do bheachdan agus a' daingneachadh na h-argamaid agad. An urrainn dhut taobh eile na h-argamaid a shealltainn cuideachd?






Litrichean - duilleag-obrach 3

Ainm:

Cuir crìoch air an litir seo, a' leigeil ort gur e an clas agadsa a chaidh air turas gu pàirc-bheathaichean no tuathanas faisg air an sgoil agad fhèin.

Cuimhnich seòladh an sgrìobhadair, seòladh a' ghabhadair (feumaidh tu seo a lorg!), an ceann-latha agus d' ainm a chur ris an litir.

Sgrìobh paragraf eile ag innse dè a b' fheàrr leatsa mun turas agus dè an rud a b' inntinniche dhut.



A charaid,

Tapadh leat airson na fhuair an clas againn de chuideachadh leis a' phròiseact againn air beathaichean.

Bha a h-uile bileag 's stuth-fiosrachail a chur sibh thugainn mu gach diofar bheathach a bhios a' fuireach air a' Ghaidhealtachd uabhasach feumail. Ghabh a h-uile duine deagh notaichean air rudan mar na tha iad ag ithe, aois, teaghlach 's an àite-fuirich aca.

'S e an rud a bha air leth cuideachail ged ta an latha a fhuair sinn aig _____
_____ Chunnaic sinn mòran de na beathaichean mu bheil sinn ag ionnsachadh anns a' chlas. Thug dithis den luchd-obrach sinn mun cuairt agus dh'innis iad dhuinn tòrr nithean eadar-dhealaichte mun deidhinn. Bha e math cuideachd a bhith a' faicinn nam beathaichean seach a bhith dìreach a' leughadh mun deidhinn. Tapadh leibh cuideachd airson ...


'S e an rud a b' fheàrr leamsa ...

Tha sinn fada nur comain airson a' chuideachaidh a fhuair sinn agus nuair a bhios sinn deiseil de na pròiseactan cuiridh sinn lethbhreacan dhiubh thugaibh.

Taing mhòr a-rithist

Clas a' seachd


Bun-sgoil _____



Litrichean - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo duilleag-planaidh de litir a' cur a-steach airson obair. Lìon an duilleag agus cleachd am fiosrachadh airson litir a sgrìobhadh. Dh'fhaodadh tu coimhead ann am pàipear-naidheachd airson obair no dh'fhaodadh tu cur a-steach airson obair anns an sgoil agad (m.e. a' coimhead an dèidh clas I aig àm-cluiche, no cluicheadair ann an sgioba ball-coise na sgoile). Mas fheàrr leat, smaoinich air obair mas-fhior!



Cò thuige a chuireas tu an litir?

Ainm

Seòladh:

Dè an obair a th' ann?

Càit am faca tu an sanas airson na h-obrach seo?

Fiosrachadh feumail mu do dheidhinn fhèin:

Aois obair an-dràsta: sgilean

Carson a bhiodh tu math air an obair seo?

An do rinn thu riamh obair mar seo roimhe? Ma rinn, cuin agus dè?

Fiosrachadh eile a dh'fhaodadh a bhith feumail: (mar eisimpleir cur-seachadan, cuin a b' urrainn dhut tòiseachadh,)

Ma tha an leughadair ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh dè nì e / i?

Ciamar a chuireas tu crìoch air an litir?

Na dìochuimhnich paragrafan, ceann-latha, do sheòladh fhèin agus d' ainm!

24 Sràid na Drochaid

25 an Cèitean

Neach-deasachaidh

A charaid

Carson a tha e a' toirt cho fada soighnichean Gàidhlig fhaighinn air na ròidean againn? Ma bhios duine sam bith a' dol a dh'Èireann no dhan Chuimrigh chì iad gu bheil na **soighnichean rathaid uile** ann an Gàidhlig/Cuimris ach ann an Alba 's e glè bheag dhiubh a tha anns a' chànan.

Ma bhios soighnichean ann an Gàidhlig shealladh e cho **cudromach** agus **làidir** 's a tha a' chànan 's an cultar dhan sgìre anns a bheil iad. Tha seo ri fhaicinn ann an Èireann. Cuideachd, tha e math do luchd-turais a bhith faicinn gu bheil a' chànan beò.

Bidh cuid de dhaoine a' gearan 's ag ràdh gu bheil iad cunnartach air an rathad a chionn 's gu bheil cus orra. Ach chan eil seo ceart. Tha na litrichean ann an diofar dhathan agus tha ainm an àite ann am Beurla cuideachd. Tha tòrr de na h-ainmean àite ann an Alba anns a' Ghaidhealtachd is na h-Eileanan co-dhiù anns a' Ghaidhlig 's chaidh an atharrachadh dìreach gus am biodh iad na b' fhasa ri ràdh. Tha feadhainn de na soighnichean ann an Gàidhlig a-nis ach tha còir aige a bhith a' tachairt nas luaithe. Feumaidh daoine a bhith a' putadh nas cruaidhe airson nan soighnichean.

Le dùrachd,

I macEachainn

I MacEachainn



(Seòladh an sgrìobhadair)

(Seòladh a' ghabhadair)

(Ceann-latha)

A charaid

Tapadh leat airson na fhuaire an clas againn de chuideachadh leis a' phròiseact againn air beathaichean.

Bha a h-uile bileag 's stuth-fiosrachail a chuir sibh thugainn mu gach diofar bheathaich a bhios a' fuireach air a' Ghaidhealtachd uabhasach feumail. Ghabh a h-uile duine deagh notaichean air rudan mar na tha iad ag ithe, aois, teaghlach 's an t-àite-fuirich aca.

'S e an rud a bha air leth cuideachail ged-tà an latha a fhuaire sinn aig a' phàirc-bheathaichean agaibh. Chunnaic sinn mòran de na beathaichean mu bheil sinn ag ionnsachadh anns a' chlas. Thug dìthis den luchd-obrach sinn mun cuairt agus dh'innis iad dhuinn tòrr nithean eadar-dhealaichte mun deidhinn. Bha e math cuideachd a bhith a' faicinn nam beathaichean seach a bhith dìreach a' leughadh mun deidhinn. Tapadh leibh cuideachd airson a' chòc agus slisneagan a fhuaire sinn aig deireadh na cuairt.

Tha sinn fada nur comain airson a' chuideachaidh a fhuaire sinn agus nuair a bhios sinn deiseil de na pròiseactan cuiridh sinn leth bhreacan dhiubh thugaibh.

Taing mhòr a-rithist
(ainm-sgrìobhte)

Clas a seachd



(Seòladh an sgrìobhadair)

(àireamh fòn an sgrìobhadair)

(seòladh a' ghabhadair)

(ceann-latha)

A charaid

Obair ann an Taigh-òsta

Chunnaic mi an sanas agaibh anns a' phàipear-naidheachd an-diugh airson neach-cuideachaidh anns an taigh-òsta agaibh. Tha mi ceithir deug agus fhathast anns an sgoil ach 's urrainn dhomh obrachadh aig an deireadh sheachdain no às deidh na sgoile. B' àbhaist dhomh a bhith ag obair ann an cafaidh anns a' bhaile far am bithinn a' sgioblachadh agus a' faighinn deoch 's biadh dha na daoine. Cuideachd bha mi a' frithealadh air bùird agus a' gabhail an airgid. 'S toil leam a bhith a' coinneachadh dhaoine agus tha mi math air obair còmhla ri daoine eile. Tha mi an-còmhnaidh toilichte agus onarach 's chan eil eagal orm ro obair chruaidh.

'S e na cur-seachadan agam: a' cluich a' ghiotàir agus dannsa Gaidhealach.

Ma bhios sibh airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn 's urrainn dhuibh fios a chur thugam aig an àireimh fòn no seòladh gu h-àrd.

Leis gach dùrachd,

(ainm sgrìobhte)

Sìle NicAonghais



10 St Mary's Avenue
New York 11076
Na Stàitean Aonaichte

21 am Faoilleach

Bòrd Turasachd Gaidhealtachd na h-Alba
Peffery House
Srath Pheofhair
IV14 9HA

A Charaid / A Bhanacharaid chòir,

Tha dùil againn tighinn a dh'Alba air saor-làithean anns a' Ghiblean agus bu mhath leinn fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn Gaidhealtachd na h-Alba air fad agus gu h-àraidh iar-thuath na Gaidhealtachd. Tha ùidh againn ann an eachdraidh na h-Alba, ann an cultar na Gàidhlig agus ann an nàdar.

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b' urrainn dhuibh fiosrachadh a chur thugainn airson ar cuideachadh le bhith a' planadh ar saor-làithean – fiosrachadh air dòighean-siubhail, air àitichean-fuirich, air dè tha dol sa Ghiblean agus dè seòrsa aimsir a th' ann aig an àm sin den bhliadhna.

Tha mi fada nur comain,

Is mise le meas,

D. MacCoinnich

Dòmhnall MacCoinnich (Mgr.)



Faclan agus abairtean feumail airson litrichean foirmeil

A charaid chòir A bhanacharaid chòir

Bu thoil leam ur n-aire a tharraing do ...

Bu thoil leam taing a thoirt dhuibh airson ...

Tha ùidh agam ann an ...

An urrainn dhuibh ar cuideachadh?

Tha mise den bheachd ..

Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil

Tha mi fada nur comain

Le dùrachd



A' Gabhail Notaichean





Ro-ràdh:

Tha e na chuideachadh mòr do chlann mas urrainn dhaibh notaichean matha a ghabhail nuair a tha iad a' dèanamh rannsachadh, ach tha tòrr ga fhaighinn doirbh. Faodaidh an tidsear an sgil feumail seo ionnsachadh don chloinn ann an diofar dhòighean.*

* Tha tòrr de na gnìomhan seo air an toirt bho aithisg le Maureen Lewis anns an iris Junior Education, Am Faoilleach 1999 (*Scholastic*)

Stiùireadh do Thidsearan:

- Dèan cinnteach an toiseach gun tuig a' chlann ciamar agus cuin a tha notaichean feumail. Mas iarr thu orra notaichean a ghabhail, dèan cinnteach gun tuig iad carson a tha iad gan gabhail. Seall dhaibh diofar dhòighean air notaichean goirid, feumail a dhèanamh. Feumaidh iad tòrr chothroman fhaighinn air an sgil seo a chleachdadh airson fàs math air.

- Cuin agus Carson?:

Bruidhinn mu dheidhinn suidheachaidhean anns a bheil e feumail dhaibh a bhith a' gabhail notaichean: m.e.

- airson fiosrachadh fhaighinn bho phrògram rèidio no telebhisein, no bho chuideigin a' bruidhinn ris a' chlas air cuspair sònraichte, gus am bi cuimhne aca air na chaidh a ràdh.
- nuair a tha iad a' dèanamh rannsachadh ann an leabhraichean no air an eadar-lìon
- airson smuaintean, seallaidhean, beachdan, etc. a chuimhneachadh, deiseil airson sgrìobhadh aig àm eile (faic 'Leabhar-nota Sgrìobhaidh')
- Cò chleachdas iad?: Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gur e an sgrìobhadair fhèin a chleachdas notaichean mar as trice. Mar sin, chan eil e gu diofar dè an coltas a th' orra no ciamar a tha iad air an sgrìobhadh, fhad 's a tha an sgrìobhadair fhèin gan tuigsinn!
- Seall don chloinn mar a nì thusa notaichean, mar eisimpleir bho leabhar fiosrachaidh a tha an clas a' cleachdadh airson obair pròiseict, no bho dhealbhan no prògram telebhisein:

Innis dhaibh:

- carson a tha thu a' gabhail notaichean (*mar eisimpleir, airson innse do chuideigin eile mun prògram, no airson aithisg a sgrìobhadh air cuspair an leabhair*)

Leig leotha faicinn:

- gun sgrìobh thu faclan, samhlaidhean agus giorrachaidhean an àite seantansan
- nach fheum notaichean a bhith sgiobalta
- mar a chleachdas tu cinn (*headings*) airson na notaichean a chumail ann an òrdugh
- mar a chomharraicheas tu na rudan as cudromaiche (m.e. le * no le bhith a' cur loidhne fo na faclan sin)

Seall dhaibh:

- mar a chleachdas tu na notaichean airson an rud a bha thu an dùil a dhèanamh.
- A' soilleireachadh / A' cur loidhne fodha: Seall don chloinn mar a comharraicheas iad faclan no abairt cudromach ann an teacs le bhith a' cur loidhne fodha, no ga shoilleireachadh. Dh'fhaodadh iad seo fheuchainn le aithisg ann am pàipear-naidheachd. Iarr orra an aithisg a leughadh, a' cur loidhne fo, no a' soilleireachadh, 2 no 3 rudan a tha a' sealltainn co mu dheidhinn a tha e. An uair sin, faodaidh iad na notaichean sin a chleachdadh, airson bruidhinn ris a' chlas mun aithisg. Seall don chloinn mar a chleachdas iad underline agus highlight air an word-processor.
- Geàrr-chunntas: Ma tha iad a' leughadh aithisg, cunntas, no sgeulachd ghoirid, broснаich a' chlann gus geàrr-chunntas a dhèanamh den teacs le bhith a' lorg seantans anns gach paragraf a tha a' sealltainn prìomh phuing a' pharagraif. (Dh'fhaodadh iad an seantans seo a shoilleireachadh, loidhne a chur fodha, no a sgrìobhadh a-mach air pìos pàipeir eile.) An uair sin faodaidh iad na seantansan seo a chur ri chèile agus bidh geàrr-chunntas no 'precis' aca.
- Na sgrìobh cus ach sgrìobh gu leòr! Bruidhinn mu dheidhinn dòighean air notaichean a dhèanamh nas giorra agus nas luaithe. Dh'fhaodadh liosta de dhòighean a bhith air a thaisbeanadh air balla a' chlasruim:
 - na sgrìobh ann an seantansan!
 - fàg às faclan leithid *agus, an, na*, (a tha dìreach ann gus seantansan a dhèanamh)
 - seachain ath-aithris (*repetition*)
 - fàg às mion-chunntas nach eil gu feum
 - cleachd aon fhacal an àite tòrr mas urrainn dhut (m.e. '*clann clas 7' an àite liosta de na h-ainmean aca*)
 - cleachd giorrachaidhean (m.e. '*5mh' an àite 'còigeamh'*)
 - dèan suas giorrachaidhean (m.e. '*Br' an àite 'Breatainn'*)
 - cleachd samhlaichean is dealbhan luath (m.e.  airson '*taigh*')

Brosnaich a' chlann gun a bhith a' sgrìobhadh cus le bhith toirt dhaibh dìreach pìos pàipeir beag biodach airson an notaichean. Mura bheil rum aca seantansan a sgrìobhadh, tha cothrom nas fheàrr ann nach sgrìobh iad ach na prìomh faclan.

- Cuir an òrdugh!: Chan eil notaichean gu feum mura urrainn don sgrìobhadair am fiosrachadh ceart a lorg nam measg is na faclan uile troimhe-cheile. Seo dòighean air notaichean a chumail ann an seòrsa de dh'òrdugh.
 - a) Thoir dhaibh foirm* le tìotal, cinn agus ceistean airson sealltainn dhaibh dè am fiosrachadh a tha iad a' lorg. Nuair a tha iad cleachdte ri foirmean mar seo, faodaidh iad fhèin foirmean ullachadh mus tòisich iad an rannsachadh. Cuidichidh seo iad dìreach fiosrachadh freagarrach a sgrìobhadh nuair a tha iad a' gabhail notaichean. Seo eisimpleir:



Rannsachadh air Clann anns an Dara Cogadh			
Ceistean	Freagairtean	Mion-chunntas	Co às a fhuair mi seo?
Dè thachair do chlann?	<i>Glusad</i>	<i>o bhailtean → dùthaich</i>	<i>td. 17 Alba san Dara Cogadh le Rìseard Dargie (Wayland/PRG 1997)</i>
Carson?	<i>Bomaichean Blitz</i>	<i>cunnart, sgrios, eagal mu bhàsan & leòintean</i>	
Cuin?	<i>1939 – 1941</i>	<i>thuig an riaghaltas nach robh bomadh cho dona</i>	<i>td. 18 – 19</i>
Ciamar?	<i>bus trèan</i>		
Cia mhead?	<i>Miltean</i>		
Dè thug iad leotha?	<i>Bileag ainm</i>	<i>ceud dèideag</i>	
	<i>Masgan gas</i>		
	<i>Poca aodaich</i>	<i>beag</i>	


* Tha foirm bàn mar seo aig deireadh an aonaid seo.

- b) Ma tha iad a' gabhail notaichean mar phàirt den rannsachadh air cuspair sònraichte, iarr orra smaoineachadh, mus tòisich iad, dè am fiosrachadh a tha iad a' lorg. Bheir seo dhaibh fo-chuspairean. (*Mar eisimpleir, ma tha iad a' dèanamh rannsachadh air dùthaich, bidh fo-chuspairean aca mar 'càite bheil e?' 'cànan' 'gnìomhachas', 'coltas' etc.*) Seall dhaibh mar a nì iad cearcall no cumadh eile air a' phàipear airson a h-uile fo-chuspair ùr, agus mar a nì iad notaichean air a' chuspair sin taobh a-staigh a' chumaidh.
- c) Seall dhaibh mar a sgrìobhas iad ceann (*heading*) ùr airson gach fo-chuspair eadar-dhealaichte, agus mar a sgrìobhas iad na notaichean co-cheangailte ri sin fon cheann fhreagarrach.
- d) Uaireannan tha diagram feumail airson notaichean a sgrìobhadh. Seall dhaibh mar a chleachdas iad diagram lìon-damhan-allaidh airson brainstorm a dhèanamh airson sgeulachd. Faodaidh iad an aon seòrsa diagram a chleachdadh airson notaichean a ghabhail nuair a tha iad a' dèanamh rannsachadh airson aithisg. Tha diagram mar seo feumail airson notaichean a chruinneachadh bho phrògram telebhisein no rèidio gu h-àraidh. Seo eisimpleir de fhear airson rannsachadh air ròin. Tha na bogsaichean beaga airson toirt air a' chloinn dìreach na prìomh fhaclan a sgrìobhadh.

Stuthan Feumail eile:

* Faic cuideachd an t-aonad 'Ag èisteachd ri Naidheachdan' anns a' phac seo.





Seo dòigh mhath a bhith sealltainn a' cheangail eadar rudan agus cuideachd a bhith toirt air a' chloinn gun a bhith a' sgrìobhadh cus! Ach tha e doirbh dhaibh an diagram a dhèanamh suas leotha fhèin gus am fàs iad gu math cleachdte riutha. Cha bhì an aon diagram freagarrach airson a h-uile cuspair. Thoir dhaibh diagram le faclan ann, gus am faic iad gu soilleir dè am fiosrachadh a tha iad a' lorg.

Nuair a tha iad cleachdte riutha sin, faodaidh iad fhèin smaoinichadh mu dheidhinn dè am fiosrachadh a tha iad a' lorg agus 'headings' freagarrach a chur dhan diagram.

Tha eisimpleir de dhiagram bàn aig deireadh an aonaid seo.

* **Clàradh:** Brosnaich a' chlann a bhith a' sgrìobhadh co às a fhuair iad an notaichean (m.e. tìotal, ùghdar, duilleag (td.) agus foillsichear an leabhair, tìotal agus ceann-latha a' phrògram, ainm an duine a tha a' bruidhinn). Dèan cinnteach gun tuig iad gu bheil seo riatanach oir:

- 's dòcha gum feum iad barrachd fiosrachadh fhaighinn bhon aon àite
- tha e modhail a bhith a' sealltainn co às a fhuair iad am fiosrachadh.

- Mus tòisich a' chlann air rannsachadh bho èisteachd no bho leughadh, bu chòir fios a bhith aca dè bhios aca ri dhèanamh leis an fhiosrachadh a chruinnicheas iad. An dèidh dhaibh notaichean a dhèanamh, thoir dhaibh cothrom an cleachdadh, le bhith sgrìobhadh no bruidhinn air a' chuspair. Sin mar a dh'ionnsaicheas iad a bheil iad a' sgrìobhadh gu leòr no cus!




Clàr airson rannsachadh air cuspair sònraichte:

Ainm:.....			
CUSPAIR	FREAGAIRTEAN	MION-CHUNNTAS	CO ÀS? (source)
CEISTEAN			




Diagram airson rannsachadh air cuspair sònraichte:



Stiùireadh





Sgrìobhadh gnìomhachail ìre D

Leughadh airson fiosrachadh

Ro-ràdh:

Chan e sgil ùr a th' ann an sgrìobhadh no leughadh stiùireadh aig ìre D, ach 's e sgilean feumail a th' anna agus dòighean math a bhith toirt air a' chloinn beachdachadh air an luchd-amais agus a bhith a' smaointinn air an dòigh as fheàrr cuspair a thoirt a-steach agus a thoirt gu crìoch. Uaireannan le seòlaidhean, bidh dòighean-clàraidh eile nan cuideachadh (m.e. diagraman no liostaichean).

Stiùireadh do Thidsearan:

- Bruidhnibh mar chlas air càit' am faicear agus cuin a chleachdar seòlaidhean sgrìobhte. Dh'fhaodadh sibh 'brainstorm' a dhèanamh air a' bhòrd-dhubh. Seo feadhainn airson tòiseachadh:
 - air geamannan agus dèideagan
 - air stuthan airson ealain (m.e. modailean ri dhèanamh)
 - air innealan anns an taigh/sgoil (m.e. microwave, coimpiutar)
 - air a' choimpiutair fhèin fo 'Help'.
 - ann an leabhraichean sgoile (m.e. matamataig) agus cairtean-obrach
- Faighnich do na sgoilearan carson a tha e cudromach gu bheil seòlaidhean soilleir agus furasta an tuigsinn.
- Iarr air a h-uile sgoilear seòlaidhean a thoirt a-steach don chlas. (m.e. seòlaidhean airson gèam, coimpiutar, reasabaidh, inneal). Coimheadaibh còmhla air na seòlaidhean. Carson a tha iad? Dè cho soilleir 's a tha iad? Am b' urrainn dhan chloinn an leantainn? Dè tha math mun deidhinn? Dè nach eil cho math?
- Tha tòrr sheòlaidhean air na cairtean saidheans a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig le Acair ann an 1994 (m.e. Dealán, Uair, Fàs agus Atharrachadh.) Coimheadaibh air cairt mar chlas no mar bhuidhinn. Tro bhith a' leughadh feadhainn dhiubh seo, fàsaidh a' chlann nas cinntiche mun stoidhle sgrìobhaidh a tha freagarrach airson sheòlaidhean agus bidh cothroman aca beachdachadh air dreach agus soilleireachd gach tè.
Seo ceistean a ghabhadh cleachdadh le gin de na cairtean seo:
 - Dè an dreach a th' oirre?
 - A bheil an dreach a' dèanamh nan seòlaidhean soilleir?
 - A bheil dìreach faclan ann no a bheil diagraman, dealbhan, fotos agus/ no clàran ann cuideachd?
 - Ciamar a tha na seòlaidhean sgrìobhte? Ann am paragrafan, le *bullet points*, le àireamhan no litichean airson an t-òrdugh a shealltainn?

- Ma tha dealbhan ann, a bheil iad nan cuideachadh don leughadair? Ciamar?
- A bheil ceistean ann? Ma tha, saoil carson?
- Ciamar a tha an cuspair air a thoirt a-steach – le tìotal no le seantans/ paragraf tòiseachaidh? Dè mu dheidhinn tìotal na cairt? A bheil e a' sealltainn gu soilleir cuspair na cairt?
- Ciamar a bhios fhios aig an leughadair gu bheil na seòlaidhean deiseil?

Seo seòlaidhean airson trì rudan eadar-dhealaichte a ghabhas cleachdadh le buidhinn no leis a' chlas air fad. Tha puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan an dèidh gach fear.

a. Seo na faclan air an toirt bho chairt saidheans anns an t-sreath Uair, Fàs agus Atharrachadh le SCP (*Air fhoillseachadh sa Ghàidhlig le Acair 1994*). 'S e tìotal na cairt, 'Feuman Fàis'. Cuidichidh seo a' chlànn gus faicinn gu bheil uaireannan àite do dhealbhan no diagraman ann an seòlaidhean gus an dèanamh nas fhurasta a leantainn!

Todhar

Cuiridh gàirnealair todhar dhan ùir. A bheil e gu dìofar ciamar a nì iad seo? Dèan soitheach fèin-uisgeachaidh a chumas sìol, ùir agus todhar.

1. Dèan soitheach uisge.
2. Dèan soitheach ùire.
3. Ceangail iad còmhla.
4. Cuir deich sìl cruithneachd anns gach soitheach:
 - a. ann an gainmheach a-mhàin
 - b. ann an gainmheach fo thodhar
 - c. ann an gainmheach 's todhar air a mheasgachadh

Clàraich àirde nan ògan cruithneachd air graf.

Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a sheall an sgrìobhadair dhuinn co mu dheidhinn a tha a' chairt seo?
- Carson a tha na seòlaidhean seo?
- An dèidh dhut na seòlaidhean seo a leughadh, an tuig thu gu soilleir dè tha agad ri dhèanamh?
- Dè am fiosrachadh eile a chuidicheadh thu gus sin a thuigsinn?
- A bheil thu a' smaointinn gum biodh dealbhan no diagraman gu feum anns na seòlaidhean seo? Carson?
- A bheil feum aig dealbhan no diagraman ann an seòlaidhean an-còmhnaidh?

Gnìomhan do na Sgoilearan


- Duilleag-obrach 1
- Lean an stiùireadh air a' chairt-obrach seo no air cairt-obrach eile. Dè cho furasta 's a bha i ri leantainn? An robh càil oirre nach robh soilleir? Dè na rudan a bha math mu dheidhinn an stiùiridh?



Todhar


Cuiridh gàirnealair todhar dhan ùir. A bheil e gu diofar ciamar a nì iad seo? Dèan soitheach fèin-uisgeachaidh a chumas sìol, ùir agus todhar.

1. Dèan soitheach uisge.



Botal
plastaig
2 liotar

2. Dèan soitheach ùire.




Àirde
ann an
cm

3. Ceangail iad còmhla.

4. Cuir deich sil cruithneachd anns gach soitheach:

- a) ann an gainmheach a-mhàinn
- b) ann an gainmheach fo thodhar
- c) ann an gainmheach 's todhar air a mheasgachadh



Clàraich àirde nan ògan cruithneachd air graf.

b. Seo stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth a dhèanamh:


Mar a nì thu Bailiùn Àidhear-theth

Chaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth a dhèanamh ann an 1783 agus chaidh measgachadh de fhiodh, connlach, seann bhrògan agus feòil ghrod a chleachdadh airson daoine a chuideachadh gus sgèith.

Cha bhi fàileadh grod às a' bhailiùn air a bheil tuairisgeal sgeul air a dhèanamh an seo idir! Lean thusa an stiùireadh a leanas agus bidh thu fhèin a' seòladh gu h-àrd anns na speuran!


Feumaidh tu:


- Peansail
- Pàipear treasaidh
- Piosan mòra de chairt thana
- Siosar
- Pàipear tissue dathach
- Glaodh
- Snàithlean cotain
- Tiormadair-gruaige cumhachdach
- Dealbh air template (faic an ath dhuilleag)



Na dh'fheumas tu a dhèanamh:

1. Treas an dealbh air an template.
2. Steig an treasaidh air a' chairt thana agus gearr a-mach an cumadh.
3. Cleachd an cumadh seo gus ochd cumaidhean a ghearradh às a' phàipear tissue.
4. Glaodh na h-oirean aig na h-ochd cumaidhean gus cruth bailiùn a dhèanamh.
5. Dèan basgaid (ann an cumadh bogsa), a-mach à cairt agus ceangail i ris a' bhailiùn le snàithlean cotain.
6. Nis, tha am t-àm ann am bailiùn agad fheuchainn a-mach! Cùm am bailiùn os cionn tiormadair-gruaige agus nuair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh air a shocair suas dhan adhar.





Dèan mòr, gu
meudachd A3



Puingean ri Dheasbad:


- Dè a tha an seòrsa teacsa seo a' sealltainn dhuinn? (*airson innse do chloinn/dhaoine, ann an dòigh sìmplidh, mar a nì iad bailiùn àidhear-theth*).
- Co aig a bhiodh ùidh anns an teacsa seo? (*Duine sam bith a tha airson bailiùn a dhèanamh. 'S dòcha daoine a' dèanamh pròiseact air gaoth no dòighean-siubhail.*)
- Dè seòrsa structair a tha air an teacsa? (*tiotal, ro-ràdh, fo-thiotalan, liosta, stiùireadh le àireamhan agus dealbhan*)
- Carson a tha clisg-phuing aig deireadh an t-seantans mu dheireadh san ro-ràdh? (*oir bidh fios aig an leughadair nach eil seo ceart agus gu bheil an sgrìobhadair a' dol thar fìrinn/ airson fealla-dhà a shealltainn*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Lean an stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth a dhèanamh. Dè cho furasta 's a bha an stiùireadh a leantainn? An robh càil ann nach robh soilleir gu leòr? Ma bha, ciamar a dhèanadh tu na b' fheàrr e?
- Dèan rannsachadh air bailiùnaichean àidhear-theth. Dè eile is urrainn dhut fhaighinn a-mach mun chiad bhailiùn? Dèan liosta de rudan a bu mhath leat fhaighinn a-mach mu bhailiùnaichean àidhear-theth mus tòisich thu air rannsachadh.
- Duilleag-obrach 2. Ceistean mun stiùireadh seo.
- Duilleag-obrach 3. A' cur cheumannan dhan òrdugh cheart.
- Dèan modail le breigichean, no le cairt, ach dèan notaichean fhad 's a tha thu ga dhèanamh airson cuimhneachadh dè rinn thu. Cleachd do notaichean airson stiùireadh a sgrìobhadh do chuideigin eile. Cuimhnich tiotal agus ro-ràdh a sgrìobhadh agus dèan cinnteach gu bheil do stiùireadh soilleir agus furasta a leantainn. Feuch a-mach air caraid e! An robh càil ann nach robh soilleir gu leòr? Ma bha, feuch an dèan thu nas fheàrr e.



C. Seo stiùireadh eile a nochd anns an iris chloinne “ SMATHSIN! ”



1 B' àbhaist do dhoileagan arbhar a bhith air an cleachdadh airson sìol a chumail sàbhailte gus an deigheadh a chur an ath bhliadhna. Seo dòigh shìmplidh air gasan cruinneachd, eòrna no feur fhilteadh airson cuirp dhoileagan a dhèanamh.

2 Faigh 12 gas den lus a roghnaich thu. Dèan dà bhad dhiubh agus ceangail gach fear le snàth no ribean dathte.

3 Fill na gasan airson beagan òirlich. An uair sin dèan dà leth air agus fill gach bad air leth airson nan casan. Ceangail na cinn le snàithlean.

4 Dèan an aon rud leis a' bhad eile. Ceangail na dhà ri chèile le aon bhad an urra mar a tha am fear eile agus ceangail iad sa mheadhan le tuilleadh ribein.



Puingean ri Dheasbad:

- A bheil an stiùireadh seo furasta a leantainn?
- A bheil an dreach tarraingeach agus/ no feumail?
- A bheil na h-àireamhan nan cuideachadh?
- An tuigeadh tu an stiùireadh mura biodh na dealbhan ann?
- Dè an stoidhle sgrìobhaidh a th' air a chleachdadh – foirmeil no neo-foirmeil?
- Saoil carson a thagh an sgrìobhadair an stoidhle sin?
- A bheil liosta ann de na rudan a dh'fheumas tu? Dè th' agad ri dhèanamh airson faighinn a-mach dè dh'fheumas tu? A bheil sin doirbh no furasta a dhèanamh?
- Co aig a bhiodh ùidh anns an stiùireadh seo?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 4
- Lean an stiùireadh agus dèan doileag arbhair. Ciamar a chaidh dhut?
- Coimhead air an stiùireadh air an Duilleig Uaine de “ 'Smathsin” ann an irisean eile anns an leabharlann. Tagh fear dhiubh agus lean an stiùireadh.

d. Seo stiùireadh airson fiosrachadh fhaighinn. Tha e ri lorg aig deireadh bileag-fhiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba. Dh'fhaodadh sibh seo a chleachdadh mar phàirt de phròiseact air riaghailtean no riaghaltas.



A' faotainn a-mach tuilleadh

Ciamar a gheibh mi a-mach tuilleadh?

Is tric a tha e feumail fios a bhith agad mun Phàrlamaid agus na tha dol air adhart innte mus tèid thu an sàs no mus tog thu do ghuth. Tha diofar dhòighean air tuilleadh fiosrachadh fhaighinn mun Phàrlamaid no mu dheidhinn dad sam bith sa bhileig seo.

1. Cuir fios gu Seirbheis Fiosrachaidh Phoblach na Pàrlamaid

Tha luchd-obrach an Fhiosrachaidh Phoblaich glè chuideachail. Tha iad comasach air ceistean a fhreagairt agus air ticeadan a chur air dòigh gus a' Phàrlamaid no comataidh fhaicinn ag obair. Faodaidh tu fios a chur thuca air a' fòn, le post-D, facs no ann an sgrìobhadh; tha mion-eòlas air cùl na bileig seo.

2. Tadhair air làrach-lìn na Pàrlamaid www.scottish.parliament.uk/gaidhlig

Tha an t-uabhas fiosrachaidh mun Phàrlamaid ri fhaotainn.

Am measg nan earrannan feumail tha:

- Dè tha dol?
- Mun Phàrlamaid
- BPhA
- Foghlam

3. Tadhair air do "Leabharlann Chompanaich" ionadail.

Tha aon "Leabharlann Chompanaich" anns gach sgìre an Alba. 'S e iad seo leabharlannan poblach a tha a' cumail fiosrachadh mun Phàrlamaid. Seach gu bheil goireasan eadar-lìn aca uile, faodaidh tu làrach-lìn na Pàrlamaid a ruigheachd no post-D a chur chun a' BPhA agad. Gheibh thu a-mach càite bheil an Leabharlann Chompanaich as fhaig' ort le bhith a' cur fios chun na Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich, a' coimhead air an làrach-lìn, no a' faighneachd anns an leabharlann ionadail agad.

4. Fritheil deasbad no coinneamh comataidh

Gheibh thu ticeadan airson a dhol a dh'fhaicinn BPhA ag obair anns an t-Seòmar Deasbaid no ann an coinneamhan comataidh ma chuireas tu fios chun na Seirbheis Fiosrachaidh Phoblaich.

Nam bu toil leat eadar-theangaire a thighinn còmhla riut air chuairt, cuir fios gu luchd-obrach an Fhiosrachaidh Phoblaich co-dhiù 2 sheachdain mun tèid thu ann.

5. Thig gu Ionad Tadhair Pàrlamaid na h-Alba

Tha sàr thaisbeanaidhean lèirsinneach agus eadar-ghnìomhach aig an Ionad Thadhail a bheir cothrom dhut eòlas mun Phàrlamaid a sgrùdadh cho luath no cho mall 's a thogras tu.

Anns an Ionad Thadhail tha Oifigich Cheistean Poblach a fhreagras do cheistean mun Phàrlamaid agus a chuireas air dòigh ticeadan dhut airson an t-Seòmair Dheasbaid agus airson choinneamhan comataidh. Gheibh thu dìofar sheòrsachan fiosrachaidh feumail leithid fios-foidhlichean agus quizzichean do luchd-tadhail òga.

6. Coimhead a' Phàrlamaid air an eadar-lìon

Mura tèid agad air faighinn chun na Pàrlamaid chì thu deasbadan agus coinneamhan comataidh beò air an eadar-lìon aig

www.scottishparliamentlive.com

Puingean ri Dheasbad:

- Chan eil na h-àireamhan a' sealltainn cheumannan an seo. Dè tha iad a' sealltainn? (*diofar dhòighean air fiosrachadh fhaighinn*)
- Stoidhle: dè an stoidhle a th' air a chleachdadh anns an teacsa seo? (*neo-fhoirmeil, mar gu bheil an sgrìobhadair a' bruidhinn ris an leughadair*).
- Dreach: A bheil an stiùireadh seo furasta a thuigsinn agus a leantainn? Ciamar a tha an dreach a' cuideachadh le sin? (*priomh phuingean ann an clò trom, barrachd fiosrachaidh air gach priomh phuing sgrìobhte ann am paragrafan*)
- Structair: Bruidhinn mun structair. A bheil an tìotal feumail? Co mu dheidhinn a tha an ro-ràdh?
- Dealbhan air a' bhileig seo. A bheil thu a' smaointinn gum biodh dealbhan riatanach no dìreach nan cuideachadh airson an fhiosrachadh seo a dhèanamh soilleir?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh stiùireadh leis an aon seòrsa dreach agus structair ri seo. Dh'fhaodadh tu stiùireadh a sgrìobhadh airson sealltainn ciamar a bhios daoine a' faotainn a-mach tuilleadh mu dheidhinn club spòrs, mun sgoil agad, mu dheidhinn cuirm-ciùil, fèis no fèill-rèic.

Gnìomhan eile don chloinn:

- Coimhead air seòlaidhean airson innealan eadar-dhealaichte. Lorg samhlaidhean a th' air an cleachdadh gu tric. A bheil fhios agad dè tha gach samhla a' ciallachadh. Tha ceistean mu dheidhinn seo air duilleag-obrach 5.
- Dèan stiùireadh airson gèam-bùird a chluich. Dh'fhaodadh tu faclan no dealbhan no measgachadh de dh'fhaclan agus dhealbhan a chleachdadh.
- Uaireannan tha stiùireadh air a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin, no le glè bheag de dh'fhaclan. Tha obair stèidhichte air seo air duilleag-obrach 6.
- Tagh fear de na rudan a leanas agus sgrìobh stiùireadh air a shon a bhios freagarrach do chlann nas òige na thusa:
 - a' togail taigh le sneachd
 - a' ceangal do bhrògan
 - a' coimhead an dèidh peata
 - a' cleachdadh leabharlann
 - a' tòiseachadh ann an clas 6 no clas 7
 - a' tòiseachadh spòrs ùr (tagh spòrs is toil leat fhèin)

Smaoinich mun stoidhle agus mun dreach a tha thu a' dol a chleachdadh. Ciamar a nì thu an stiùireadh tarraingeach agus furasta a leantainn? Cuimhnich ro-ràdh agus fiosrachadh gu leòr a sgrìobhadh.

- Ionnsaich ciamar a nì thu rudeigin ùr air a' choimpiutar a' cleachdadh 'Help' (m.e. An urrainn dhut an stiùireadh a leantainn? An urrainn dhut an stiùireadh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig ann an dòigh a tha furasta a leantainn?)
- Sgrìobh stiùireadh do chlann nas òige no do chuideigin nach do chleachd an coimpiutair roimhe, a' sealltainn ciamar a nì e/i rudeigin is urrainn dhutsa a dhèanamh mu thràth. Dèan cinnteach gu bheil an stiùireadh agad furasta a thuigsinn!
- Tha obair eile air sgrìobhadh stiùiridhean ann an Adhbharan Sgrìobhaidh 2 td.23.



Duilleagan-obrach – Na Freagairtean

Duilleag 1 Beachdan an sgoileir fhèin.

Duilleag 2 a.

1. Duine sam bith a tha airson bailiùn a dhèanamh.
2. Air cairt-obrach, ann an iris, ann an leabhar de rudan ri dhèanamh no leabhar saidheans chloinne.
3. Toiseach: tiotal, ro-ràdh, liosta de na stuthan a dh'fheumas tu,
Meadhan: stiùireadh air na dh'fheumas tu dèanamh, air a sgrìobhadh ann an ceumannan.
Deireadh: Mar a dh'fheuchas tu am bailiùn a-mach.
4. Tha an ro-ràdh a' toirt a-steach a' chuspair agus a' toirt beagan fiosrachaidh mu bhailiùnaichean àidhear-theth don leughadair. Tha e cuideachd a' brosnachadh an leughadair gus bailiùn a dhèanamh.
- 5a. Fiodh, connlach, seann bhrògan, feòil ghrod.
- 5b. Cha robh an còrr aig daoine, cha robh dealan ann agus cha robh an saoghal cho adhartach.
- 5c. Dh'fheumadh iad an losgadh airson teas.

Duilleag 3 òrdugh ceart:

a) 6 b) 4 c) 9 d) 1 e) 7 f) 3 g) 8 h) 2 i) 5

Duilleag 4 a.

1. Beachd an sgoileir fhèin
2. Anns a' chiad pharagraf.
3. Oir tha e nas fhurasta fhaicinn dè th' agad ri dhèanamh ma tha dealbhan ann cho math ri sgrìobhadh.
4. Chan fheum thu ach glè bheag de rudan eadar-dhealaichte agus chan eil mòran rùm air an duilleig.
5. Clann a tha dèidheil air obair-làimhe, ealan. Clann aig a bheil ùidh ann an nàdar.

b agus c - beachdan agus sgrìobhadh an sgoileir fhèin.



Duilleag 5 a) Thoir an aire! b) Leugh an leabhar-stiùiridh gu cùramach c) Suids air/dheth
d) Bi faiceallach! Dealan! e) Na dèan seo! f) Seo an dòigh cheart air a dhèanamh. g) Tha an t-inneal seo a' cumail ri stiùireadh Eòrpach air sàbhailteachd.


Duilleag 6 1 & 2. Obair agus beachdan an sgoileir fhèin.

3. Nathair le Pasta *Feumaidh tu*: cumaidhean pasta tioram, bruis peantaidh, peant uaine, siosar, pàipear airson sùilean agus teanga, varnish, pìos sreanga 50cm de dh'fhaid.

Stiùireadh: 1. Peant na cumaidhean pasta uaine. 2. Fàg iad gus a bheil am peant tioram. 3. Peant gach cumadh le varnish airson am peant a dhìon. 4. Cuir aon chumadh air a' phìos sreanga agus ceangail e mar seo. 5. Cuir na cumaidhean eile air an t-sreang. Nuair a tha thu deiseil, lùb an t-sreang timcheall agus ceangail i gus ceann 'dùbailte' a dhèanamh. 6. Dèan sùilean agus teanga na nathrach leis a' phàipear agus sgeadaich e le pàipear dathte.

Duilleag 7 Dealbhan agus beachdan an sgoileir fhèin.





Stiùireadh - duilleag-obrach 1


Ainm:

a. Coimhead air a' chairt 'Todhar'. A bheil na diagraman feumail don leughadair?

b. Minich do fhreagairt.

c. Dè a dh'atharraicheadh tusa airson a' chairt-obrach 'Todhar' a dhèanamh na bu shoilleire fhathast?

d. Faigh cairt-obrach le dealbhan agus diagraman. Sgrìobh a' chairt a-rithist gun dhealbhan no dhiagraman. Feumaidh tu barrachd stiùireadh a thoirt don leughadair tro na faclan a chleachdas tu. (m.e. dè fheumas tu, dè nì thu leotha, co ris a bhios e coltach). Cuimhnich tiotal, ro-ràdh agus dreach soilleir a chleachdadh.



Cùm a' dol air taobh eile na duilleige ma dh'fheumas tu barrachd a sgrìobhadh.



Stiùireadh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Leugh an stiùireadh airson bailiùn àidhear-theth agus freagair na ceistean seo.

a.

1. Co aige am biodh ùidh anns an teacsa seo?

2. Càit' am faigheadh tu teacsa mar seo?

3. Coimhead air dreach na teacsa. Nad bheachd-sa, dè na comharraidhean a tha a' dèanamh an teacsa soilleir, tarraigeach agus furasta a leughadh?

4. Carson a tha ro-ràdh air an teacsa?

5a. Sgrìobh sìos na stuthan a chaidh a chleachdadh gus a' chiad bhailiùn a sgèitheadh.

5b. Carson is e stuthan mar seo a chaidh a chleachdadh aig an àm seo?

5c. Dè tha thu a' smaointinn a dh'fheumadh daoine a dhèanamh le na stuthan sin gus toirt air a' bhailiùn èirigh suas?



b. Dèan diagram den bhailiùn a dhèanadh tusa le na stuthan a chaidh a chleachdadh ann an 1783. Dèan cinnteach nach cleachd thu ach rudan a bh' ann aig deireadh an ochdamh linn deug!

c. Leig ort gur tusa fear-dealbhachaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth seo. Air taobh eile na duilleige, sgrìobh plana airson seòlaidhean do chuideigin a tha ag iarraidh am bailiùn seo a dhèanamh. Coimhead air an diagram a rinn thu ann an ceist **b.** airson do chuideachadh.

Nuair a tha do phlana deiseil, sgrìobh na seòlaidhean gu soilleir air pìos pàipeir eile. Smaoinich gu cùramach mun dreach a b' fheàrr.



Stiùireadh - duilleag-obrach 3

Ainm:

Bailiùn àidhear-theth

a. Sgrìobh na ceumannan a leanas anns an òrdugh cheart le bhith a' cur 1 - 9 aig toiseach gach ceum.

Fhad 's a tha a' ghlaodh a' tiormachadh, cleachd barrachd cairt gus bogsa a dhèanamh.

Gearr ochd cumaidhean às a' phàipear tissue, a' cleachdadh a' chumaidh seo mar template.

Nuair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh suas air a shocair.

Faigh gach stuth a dh'fheumas tu.

Ceangail am bogsa seo ris a' bhailiùn le snàithlean cotain, mar bhasgaid.

Steig an treiseadh air a' chairt thana agus gearr a-mach an cumadh.

Feuch am bailiùn a-mach le a bhith ga chumail os cionn tiormadair-gruaige.

Cuir am pàipear treisidh thar an template agus treis an cumadh le peansail.

Steig oirean nan ochd cumaidhean ri chèile ann an cruth bailiùn.


b. Dèan diagram beag ri taobh ceum sam bith a tha feumach air, nad bheachd-sa.



Stiùireadh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo stiùireadh a nochd anns an iris chloinne "Smathsin". Leugh an stiùireadh agus freagair na ceistean a leanas.



1 B' àbhaist do dhoileagan arbhar a bhith air an cleachdadh airson sìol a chumail sàbhailte gus an deigheadh a chur an ath bhliadhna. Seo dòigh shìmplidh air gasan cruinneachd, eòrna no feur fhilteadh airson cuirp dhoileagan a dhèanamh.

2 Faigh 12 gas den lus a roghnaich thu. Dèan dà bhad dhiubh agus ceangal gach fear le snàth no ribean dathte.

3 Fill na gasan airson beagan òirlich. An uair sin dèan dà leth air agus fill gach bad air leth airson nan casan. Ceangail na cinn le snàithlean.

4 Dèan an aon rud leis a' bhad eile. Ceangail na dhà ri chèile le aon bhad an urra mar a tha am fear eile agus ceangail iad sa mheadhan le tuilleadh ribein.



a. 1. A bheil an stiùireadh seo furasta a thuigsinn?

2. Càite bheil an ro-ràdh airson an stiùiridh seo?

3. Carson a chuir an sgrìobhadair dealbhan ris?

4. Carson nach eil liosta ann de na rudan a dh'fheumas tu?

5. Co aig a bhiodh ùidh anns an teacsa seo?

b. Lean an stiùireadh agus dèan doile arbhair. An robh an stiùireadh furasta a leantainn?

c. Air taobh eile na duilleige, dèan plana airson stiùireadh air ciamar a nì thu aghaidh choimheach. Dèan plana airson sgrìobhadh agus dealbhan. Smaoinich mun dreach, stoidhle, luchd-amais. Nuair a tha am plana deiseil, sgrìobh an stiùireadh air pìos pàipeir eile. Cuimhnich a dhèanamh tarraingeach agus furasta a leantainn!




Stiùireadh - duilleag-obrach 5

Ainm:


Seo samhlaidhean a bhios a' nochdadh tric ann an stiùireadh airson innealan eadar-dhealaichte. A bheil fhios agad dè tha gach samhla a' ciallachadh? Maids na samhlaidhean ris an stiùireadh cheart.




Seo an dòigh cheart air a dhèanamh.




Bi faiceallach! Dealan!



Thoir an aire!



Na dèan seo!



Tha an t-inneal seo a' cumail ri stiùireadh Eòrpach air sàbhailteachd.



Suids Air/ Dheth



Leugh an leabhar-stiùiridh gu cùramach.








Stiùireadh - duilleag-obrach 6

Ainm:

a. Uaireannan tha stiùireadh air a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin, no le glè bheag de sgrìobhadh. An urrainn dhut an stiùireadh seo a leantainn gus nathair a dhèanamh? Feuch e!

Nathair le Pasta



1. An robh an stiùireadh furasta a leantainn?

.....

2. Nad bheachd-sa, am biodh e na b' fhasa le barrachd fhacal?

.....

3. Sgrìobh stiùiridhean airson nathair a dhèanamh le pasta airson a dhol còmhla ri na dealbhan seo. Nuair a tha thu toilichte leis an stiùireadh agad, ath-sgrìobh e air pìos pàipeir eile gus cairt-obrach a dhèanamh. Cuir dealbhan ris an stiùireadh.



Stiùireadh - duilleag-obrach 7

Ainm:

a. An urrainn dhut stiùireadh a thoirt seachad ann an dealbhan a-mhàin? Leugh an stiùireadh seo agus an uair sin dèan dealbhan no diagraman air pìos pàipeir eile. Feumaidh na dealbhan sealltainn gu soilleir dè na rudan a dh'fheumas tu, ciamar a nì thu an rud agus dè an t-òrdugh anns an dèan thu e.

Taigh-cluiche do Phupaidean

Feumaidh tu: bogsa, pàipear dathte, peantaichean acrylic, bruis peantaidh, siosar, glaadh

Stiùireadh:

1. Dèan uinneag air bonn a' bhogsa. An toiseach dèan ceart-cheàrnach aig aon cheann den bhogsa air an taobh a-staigh. Geàrr taobhan fada a' cheart-chearnaich. An uair sin dèan còmhdhaichean-uinneige le bhith a' geàrradh o mhullaich na h-uinneige chun a' bhunn. Paisg na còmhdhaichean air ais.
2. Peant am bogsa agus na còmhdhaichean-uinneige le dathan soilleir agus pàtranan brèagha. Na dìochuimhnich taobh a-staigh na còmhdhaichean a pheantadh!
3. Dèan cùrtairean dhan taigh-cluiche le pàipear dathach. Steig aon chùrtair ri mullach an taigh-cluiche agus cùrtair eile fon uinneig.



b. 1. A bheil an stiùireadh seo furasta a leantainn?

2. Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?

c. 1. Dè seòrsa stiùiridh as fheàrr nad bheachd-sa; sgrìobhadh a-mhàin, dealbhan a-mhàin no sgrìobhadh agus dealbhan còmhla?

2. Mìnich do fhreagairt.

d. Dèan fhèin taigh-cluiche a-nis!



Mar a nì thu Bailiùn Àidhear-theth


Chaidh a' chiad bhailiùn àidhear-theth a dhèanamh ann an 1783 agus chaidh measgachadh de dh'fhiodh, connlach, seann bhrògan agus feòil ghrod a chleachdadh airson daoine a chuideachadh gus sgèith.

Cha bhi fàileadh grod às a' bhailiùn air a bheil tuairisgeul air a dhèanamh an seo idir!

Lean thusa an stiùireadh a leanas agus bidh thu fhèin a' seòladh gu h-àrd anns na speuran!

Feumaidh tu:

- Peansail
- Pàipear treasaidh
- Pìosan mòra de chairt thana
- Siosar
- Pàipear tissue dathach
- Glaoth
- Snàithlean cotain
- Tiormadair-gruaige cumhachdach
- Dealbh air template




Na dh'fheumas tu a dhèanamh:

1. Treas an dealbh air an template.
2. Steig an treasadh air a' chairt thana agus geàrr a-mach an cumadh.
3. Cleachd an cumadh seo gus ochd cumaidhean a ghearradh às a' phàipear tissue.



4. Glòdh na h-oirean aig na h-ochd cumaidhean gus cruth bailiùn a dhèanamh.
5. Dèan basgaid (ann an cumadh bogsa), a-mach à cairt agus ceangail i ris a' bhailiùn le snàithlean cotain.
6. Nis, tha am t-àm ann am bailiùn agad fheuchainn a-mach!
Cùm am bailiùn os cionn tiormadair-gruaige agus an uair a tha an àidhear am broinn a' bhailiùn blàth, leig leis fleòdradh air a shocair suas dhan adhar.



Sgrìobhadh Pearsanta



Sgriobhadh Pearsanta





Ro-ràdh

Tha an t-aonad seo a' coimhead air diofar sheòrsaichean de sgrìobhadh pearsanta, far am bi clann a' cur an smuaintean fhèin sìos air pàipear ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Stiùireadh do Thidsearan:

Thoir cothroman don chloinn sgrìobhadh mu dheidhinn rudan a tha cudromach dhaibh fhèin. Tha diofar dhòighean ann sgrìobhadh pearsanta a thoirt a-steach do dh'obair sgrìobhaidh. Seo feadhainn a tha air an còmhachadh ann an aonadan fa leth:

Leabhar-latha

Litir

Bàrdachd

Cunntas: air rudeigin a thachair dhaibh no mu thachartas aig an robh iad
(faic aonad 'Teacsaichean Neo-fhicsean')

Anns an aonad seo tha stiùireadh agus eisimpleirean de trì sheòrsaichean de sgrìobhadh pearsanta eile:

Naidheachdan pearsanta

Beachdan

Cuimhneachadh

a. Naidheachdan: Tha àite ann do naidheachdan aig ìre D agus E, fhad 's a tha rudeigin aig a' chloinn is fhiach sgrìobhadh mu dheidhinn. An àite a bhith ag iarraidh air a h-uile duine naidheachdan a sgrìobhadh aig an aon àm, dh'fhaodadh leabhar sgrìobhaidh naidheachdan a bhith aig gach sgoilear agus dh'fhaodadh an tidsear cothroman agus brosnachadh a thoirt dhaibh rudan a sgrìobhadh ann bho àm gu àm. Dh'fhaodadh an leabhar seo a bhith air a leughadh dìreach leis an sgrìobhadair, no ma tha e/ i deònach, le buidhinn no leis a' chlas. Beachdaich air na puingean a leanas:

- Buidhinn ris a' chlas mu dheidhinn dè seòrsa rudan a tha inntinneach airson naidheachdan pearsanta.
- Dèan cinnteach gun tuig iad cò an luchd-amais – iad fhèin, an tidsear, an clas, daoine eile- agus ciamar a sgrìobhas iad ann an dòigh a ghlacas ùidh an luchd-amais sin.

- Brosnaich iad a bhith a' smaoinichadh mu dheidhinn structair an sgrìobhaidh agus a bhith a' sgrìobhadh ann am paragrafan.
- Brosnaich iad a bhith a' tòiseachadh seantansan ann an dòighean eadar-dhealaichte (chan ann le 'Bha ..' no 'An uair sin ...' fad na h-ùine), a' dèanamh deagh fheum de cho-ghnìomhairean agus naisgearan.
- Brosnaich iad a bhith a' cur am faireachdainnean agus an smuaintean mu na thachair an cèill.
- Tha naidheachdan pearsanta 'neo-intinneach' air duilleag-obrach 1. Iarr air a' chloinn a dhèanamh nas intinniche. Bruidhinn mu dhòighean air sin a dhèanamh mus tòisich iad agus smaoinich air cò an luchd-amais a bhios ga leughadh nuair a tha e deiseil.

b. Beachdan: (Faic cuideachd an t-aonad 'Teacsaichean neo-fhicsean' fo 'sgrìobhadh earaileach' agus 'deasbad').

' Gabh beachd air gach nì air an leag thu do shùil agus gheibh
thu foghlam.' bho Taisbeanadh Le Iain Mac Cormaic (bhon Rois Mhuileach) bho *Guthan o na
Beanntaibh (An Comunn Gàidhealach, 1927)*

Tha e cudromach aig an ìre seo gum faigh a' chlann cothroman gu leòr beachdachadh air rudan a tha a' tachairt mun cuairt orra (anns an sgoil, anns a' choimhearsnachd, anns na naidheachdan, anns an t-saoghal) agus mu dheidhinn teacsaichean a leugh iad. Faodaidh iad seo a dhèanamh tro labhairt agus tro sgrìobhadh.

Mus iarr thu orra am beachd(an) a sgrìobhadh air cuspair, dèan cinnteach gu bheil iad cofhurtail le abairtean feumail airson am beachdan a chur an cèill. Dh'fhaodadh tu abairtean feumail a chur air postair air a' bhalla sgrìobhaidh. Seo feadhainn airson tòiseachadh:

Chan eil fhios agam mu ur deidhinn-sa, ach tha mise den bheachd ...

Tha mi a' creidsinn Is cinnteach gur

Thàinig e a-steach orm gu bheil Tha / Chan eil mise a' tuigsinn carson ...

Gu dearbha Nam bheachd-sa ... 'S e mo bhàrtaid fhèin ...

Saoilidh mise gu Chan eil mi ag aontachadh le sin idir.

Tha mise den aon bheachd ri ..

'S e an rud as miosa / as fheàrr mu dheidhinn ...



Seo caochladh chuspairean air am b' urrainn sgoilearan am beachdan a sgrìobhadh.

- Rudan a bu chòir a bhith anns a' choimhearsnachd aca, no rudan nach bu chòir a bhith ann.
- Aodach-sgoile, fasan ùr,
- Rudeigin a thachair anns an sgoil – m.e. dealbh-chluich, latha fosgailte, cèilidh, latha-spòrs
- Pròiseact air a bheil iad ag obair anns an sgoil
- Tachartas ann an eachdraidh (m.e. Na Fuadaichean)
- Cur-seachadan– m.e. leabhar, iris, fiolm, prògram TBh no gèam coimpiutair
- Rudeigin a tha a' tachairt anns na naidheachdan ionadail, nàiseanta no eadar-nàiseanta – m.e. sgoil a' dùnadh, ionad spòrs ùr a' fosgladh, gèam ball-coise, stoirmean, tubaist mara, gort, cogadh.

Thoir an aire: Tha am beachd fhèin air cuspairean àraidh gu math prìobhaiteach do chuid a dhaoine, agus tha e doirbh dhaibh a chur sìos air pàipear ma tha eagal orra gum bi daoine eile ga leughadh. Uaireannan leig leotha am beachd air cuspair a sgrìobhadh dìreach dhaibh fhèin, gun a bhith ga cheartachadh idir. Brosnaich iad structair agus abairtean feumail a chleachdadh, ach na coimhead air an cuid sgrìobhaidh mura bheil iad ag iarraidh a chom-phàirteachadh. Mar seo, gheibh iad cothrom an dòigh sgrìobhaidh seo fheuchainn gun iomagain sam bith.

- Brosnaich a' chlann gus plana a dhèanamh airson structair a thoirt don sgrìobhadh aca. Seo structair feumail airson beachd phearsanta

- Cleachd a' chiad sheantans no pharagraf airson an cuspair a thoirt gu aire dhaoine.
- Smaoinich air puingean a bheir taic don bheachd agad (argamaidean). Cleachd paragraf ùr airson gach argamaid agus thoir taic don argamaid sin le eisimpleir no adhbhar mas urrainn dhut.
- Sgrìobh anns an tràth làthaireil (mar as trice)
- Criochnaich am pìos sgrìobhaidh le geàrr-chunntas den argamaid as cudromaiche.

C. A' cuimhneachadh:

- i) Seo earrann bhon leabhar Rosg nan Eilean (Roinn na Ceiltis, Oilthigh Ghlaschu) anns a bheil an sgrìobhadair, Cairistiona Chaimbeul, a' cuimhneachadh air a' chiad latha aice anns an eaglais.



Tha cuimhne glè mhath agam fhathast air a' chiad latha a chaidh mi don eaglais. Bha mi glè òg an uair ud agus cha robh fios uabhasach math agam dè a bha mi a' dol a dhèanamh innte. Chunnaic mi mo mhàthair a' cur shiùcaran na pòcaid agus bha sin fhèin gu leòr airson mise a thàladh innte. Tà, cha robh mi idir cho toileach a' tighinn aiste oir cho luath 's a bha mi a-mach an doras aice, thòisich mi a' faighinn throdan bho mo sheanmhair agus bho mo mhàthair airson cho mì-stòlta 's a bha mi!

Nuair a chaidh mi a-steach innte, sheall mi mun cuairt ris a h-uile duine. Lean mi mo mhàthair don t-suidheachan far an robh mo sheanmhair na suidhe agus shuidh mi eadar an dithis aca.. Bha an suidheachan seo car faisg air a' mhinistear.

Mu dheireadh thall thòisich an searmon agus cha robh mi a' tuigsinn facal a bha am ministear ag ràdh. Dh'iarr mi siùcar air mo sheanmhair ach cha b' ann da deòin a thug i dhomh e. Bha mi a' dèanamh cus fuaim leis nam bheul.

Nuair a sheas sinn airson ùrnaigh, sheall mi mun cuairt ach cha robh mi a' dèanamh sin fada nuair a chuir mo sheanmhair stad orm a-rithist. Dh'iarr mi siùcar air mo mhàthair an ath uair. Fhuair mi fear mòr cruinn ach thòisich mi a' meuranaich agus thuit e a-mach às mo bheul. Thug mo sheanmhair sùil eagalach orm agus shuidh mi sàmhach airson greiseag. An sin thug mi sùil air fàth mun cuairt agus dè a chunnaic mi ach cuileag air aid caillich a bha na suidhe air mo bheulaibh. Shèid mi oirre gus am faicinn am falbhadh i ach phut mo sheanmhair mi anns a' bhad. Thòisich mi a' gàireachdainn nuair a chunnaic mi a' chailleach a' crathadh a cinn oir bha a' chuileag a' dol a-steach na cluais. Phut mo sheanmhair mi a-rithist. Dh'fhalbh a' chuileag agus ma dh'fhalbh cha robh càil air fhàgail agam ri dhèanamh ach cunntadh nan adan. Bha mo shùilean a' dùnadh beagan is beagan agus is e an t-aon rud a bha gam chumail nam dhùisg a' bhrag a bha làmhnan a' mhinisteir a' toirt air a' chùbainn. Mu dheireadh thall dhùin mo shùilean agus bha mi trom nam chadal. Phut mo mhàthair mi uair is uair, ach bu dìomhain a ceàrd.

Chuala mi fuaim - bha an t-seirbheis seachad. Nuair a dh'èirich an slugh airson falbh, a-mach gun tug mise tro na daoine, cho luath ri gearr.

Ràinig càch dhachaigh beagan air mo chùlaibh. Cha leig mi a leas innse dhuibh dè a thachair às dèidh sin ach cha deach mi don eaglais airson iomadh seachdain - no le innse na firinn, airson iomadh bliadhna - às dèidh siud.



Puingean airson Deasbad:

- Dè tha a' sealltainn gur e sgrìobhadh pearsanta a tha seo? (rìochdairean pearsanta: mi, mo ... ; faireachdainnean, smuaintean an sgrìobhadair air an cur an cèill)
- Dè do bheachd air a' phìos sgrìobhaidh seo? A bheil e aotrom no trom? An tuig thu faireachdainnean an sgrìobhadair?
- Beachdaich air structair a' phìos sgrìobhaidh. Dè an t-òrdugh anns a bheil rudan a' tachairt? (òrdugh a rèir eachdraidh, coltach ri cunntas). Dè a' phrìomh phuing a tha anns gach paragraf?
- Coimhead air na diofar dhòighean anns an do thòisich an sgrìobhadair seantansan.

ii) Seo earrann bho chaibideil den leabhar Air mo Chuairt le Ealasaid Chaimbeul, anns a bheil an sgrìobhadair a' cuimhneachadh air làithean a h-òige ann am Barraigh aig toiseach an 20mh linn.

Dh'fheumamaid a bhith a' dol dhan sgoil; cha robh tighinn às againn. Ach bha mi air a dhol gu seòmar ùr innte, agus bha an 'Sgoilear Beag' gar teagasg agus, cha mhòr an aghaidh do thoil, bheireadh esan ort ùidh a ghabhail na sheanchas. Chan e Gàidhlig Bharraigh a bha aige-san idir ach tè neònach eile, agus thug sinn tacan mun dèanamaid bun no bàrr dhith.

B' e an Sgoilear Beag a dh'inns dhuinn an toiseach mu Bhodach na Nollaig a bhiodh a' tadhal air cloinn air tìr-mòr, a' fàgail aca san stocainn a h-uile seudan sìorraidh a thogadh cridhe cloinne. Cò nach iarradh a bhith air 'tìr-mòr' an uair sin, ge bith càit an robh e. A rèir na naidheachd, cha robh Bodach na Nollaig math gu marachd agus, co-dhiù, 's coltach gu robh an t-astar ro fhada, agus leis an sin dh'fheumadh sinne a bhith riarachtaichte gu leòr a bhith cluinntinn mu dheidhinn. An ath Nollaig, feumaidh gun d' fhuair e eathar freagarrach agus gun tàinig e air tìr am Barraigh, chionn 's dh'fhàg e agamsa coineanach a bha àlainn agus e loma-làn shuiteas. Bha am Bodach bochd cho lom de mhaoin an t-saoghail aig an àm sin 's a bha an còrr againn.

Td. 11 Air mo Chuairt le Ealasaid Chaimbeul (*Acair* 1982)

Puingean airson Deasbad:

- Dè tha a' sealltainn gur e sgrìobhadh pearsanta a tha seo? (rìochdairean pearsanta: mi, sinn... ; faireachdainnean, smuaintean an sgrìobhadair air an cur an cèill)
- Dè am beachd a bh' aig an sgrìobhadair air an sgoil?
- Saoil carson a thagh i a bhith a' sgrìobhadh mun chuimhneachan seo?
- Dè tha an seantans mu dheireadh a' ciallachadh?
- Coimhead air na diofar dhòighean anns an do thòisich an sgrìobhadair seantansan.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh pìos rosg mu dheidhinn tachartas air a bheil deagh chuimhne agad:



(m.e. do chiad latha anns an eaglais no anns an sgoil no ann an club; an latha a ghluais thu gu taigh ùr; an turas a fhuair thu peata ùr, an t-àm a fhuair thu a-mach mu dheidhinn rudeigin inntinneach ùr ...). Dèan plana mus tòisich thu airson an structair a sheòrsachadh a-mach agus dèan cinnteach gu bheil fhios agad dè a' phrìomh phuing a bhios anns gach paragraf. Cuimhnich a bhith a' sealltainn nam faireachdainnean a bha agad, agus 's dòcha a tha agad fhathast, mun tachartas. Smaoinich air ciamar a nì thu an rosg inntinneach don leughadair.

- Leugh 'A' Chiad Latha san Eaglais' le Criosaidh A. Niclomhair (Cuairt chun na Gealaich' Leabhraichean Beaga 2000) airson sealltainn mar a dhèilig sgrìobhadair eile leis an aon chuspair ann am bàrdachd.
- Sgrìobh pìos bàrdachd stèidhichte air a' phìos rosg 'Anns an Eaglais', no air tachartas air a bheil cuimhne agad fhèin.

iii) Seo pìos bàrdachd anns a bheil nighean a' cuimhneachadh air rudeigin a rinn a bràthair:

Tha bràthair mòr agamsa ris an canar Alasdair,
Is chan fhaca duine beò sionnach tha cho carach ris;
Nuair a nì e olc chan aidich e no idir chan eil nàir' air,
A' cur na coire ormsa, cantainn, "'S e rinn sin ach Màiri."

Fuirich gus an innis mi dhuibh mar thachair Là na Sàbaid
Nuair bha m' athair is mo mhàthair le chèile anns an t-searmon.
Bha mise air mo leabaidh 's mi le casadaich is fuachd
Is bha Alasdair air fhàgail a-staigh a' cumail sùil orm.

Fhuair sinn rabhadh làidir a bhith modhail mus do dh'fhalbh iad.
Bha 'm biadh air fhàgail deiseil aig mo mhàthair mar a b' àbhaist.
Ach dh'fheumadh esan làmh thoirt dhi, ged nach robh adhbhar ann dha,
Is thaom e 'm pàcaid salainn gu lèir dhan phrais bhuntàta.

Nuair a chaidh 'm buntàta a chur a-mach 's e m' athair ghabh a' chiad
fhear,
Is nuair a fhuair e 'm blas aige gu cinnteach bha e fiadhaich –
Dh'èigh e, "Cò tha ciontach?" 's e a' coimhead ri mo bhràthair,
Ach 's e am freagairt a thug Alasdair, "'S e rinn sin ach Màiri."

Td. 46 Trobhadaibh a-steach le Mairead Hulse (Acair 1989)



Puingean Teagaisg:

- Tha a' chiad rann a' toirt a-steach cuspair a' phìos bhàrdachd. Dè an cuspair a th' ann?
- Dè a' phrìomh phuing a th' anns gach rann?
- A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil Alasdair agus Màiri mì-mhodhail tric? Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?
- Dè seòrsa dàimh a tha eadar Màiri agus Alasdair?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh rann eile a' sealltainn smuaintean Màiri air an tachartas seo.
- Leugh am pìos bàrdachd air td. 47 den leabhar Trobhadaibh a-steach, a tha a' sealltainn an t-suidheachaidh mar a chì Alasdair e!
- Sgrìobh pìos bàrdachd mu dheidhinn rudeigin gòrach a rinn thusa no cuideigin is aithne dhut.

Tha tòrr bhàrdachd agus òrain eile ann, anns am bi daoine a' cuimhneachadh air tachartasan sònraichte. Feuch an leugh thu cuid dhiubh seo agus coimhead a-mach airson faireachdainnean agus smuaintean a' bhàird:

- **Thàinig am post gu mo dhoras an-dè agus Bha mise leis an eagal fad na h-oidhch' a-raoir** le Mairead Hulse (Caorann ann an Cliabh (Acair 1986))
- **'S Truagh Nach do Dh'Fhuirich mi Tioram air Tìr** le Dòmhnall Mac a' Mhaoilinn, **A' Fàgail Bharraigh** le Fionnlagh MacFhionghuin (ann an Ceòl nam Fèis 2 deasaichte le Valerie Bryan *Fèisean nan Gàidheal 2000*)
- **Buain a' Choirce, Buain nan Dearcan, Buain na Rainich Taobh Loch Eite, Cead Deireannach nam Beann, Crodh Chailein, Eilean a' Cheò, Nuair bha mi Òg, Uibhist o Ghràidh** (uile ann an Ceol nam Beann / The Ceilidh Song-Book (*Dionnasg Gàidhlig na h-Alba*))
- **An uair a bha mo mhàthair òg, Chunnaic mi raoir brùadar, Bha co-là breith Chairistiona ann an-dè** (uile ann an Trobhadaibh a-steach le Mairead Hulse (Acair 1989))



Sgrìobhadh Pearsanta

Naidheachdan - duilleag-obrach

Ainm:

Seo pìos naidheachdan pearsanta a sgrìobh sgoilear ann an clas 7 airson balla a' chlasruim. Chan eil e uabhasach inntinneach. Ciamar a dhèanadh tusa na b' inntinniche don luchd-amais e? Smaoinich dè tha inntinneach agus dè nach eil. Sgrìobh barrachd mu na rudan a tha inntinneach agus fàg às rudan nach eil. Atharraich seantansan gus an tòisich iad ann an dòighean eadar-dhealaichte. Cleachd paragraf ùr airson prìomh phuing ùir. Dè mu dheidhinn faireachdainnean agus smuaintean air na thachair?

Bha mise a' cluich a-muigh an-dè. Bha an t-uisge ann nuair a chaidh mi a-mach. An uair sin thòisich a' ghrian ri deàrrsadh. Bha mi a' cluich còmhla ri Alasdair, Màiri, Niall, Sìne, Daibhidh agus Dòmhnall Ailig. Bha sinn a' cluich anns a' phàirc ùir. Tha i faisg air a' chaisteal. Cha robh duine eile a' cluich innte. Bha sinn a' cluich air na dreallagan agus bha sinn a' cluich air a' chùrsa bacaidh. Bha againn ri dol bho thaobh gu taobh den phàirc gun a bhith a' cur cas air an talamh. Bha sin doirbh. Bha ròp fada ann ri dhìreadh airson faighinn gu mullach an tùir. An uair sin chaidh sinn gu taigh Nèill agus ghabh sinn biadh. Dh'ith mise ceapairean càise agus banana agus briosaidean. An uair sin chaidh sinn suas gu rum Nèill agus bha sinn uile a' cluich air a' choimpiutair. Tha gèam ùr aige. Fhuair e e airson a cho-là-breith. An uair sin chaidh sinn uile dhachaigh. Bha m' uncail an sin. Bha e air a bhith ann an Afraga airson bliadhna. Bha mise ag èisteachd ris airson greis agus an uair sin chaidh mi dhan leabaidh.



Tha cuimhne glè mhath agam fhathast air a' chiad latha a chaidh mi don eaglais. Bha mi glè òg an uair ud agus cha robh fios uabhasach math agam dè a bha mi a' dol a dhèanamh innte. Chunnaic mi mo mhàthair a' cur shiùcaran na pòcaid agus bha sin fhèin gu leòr airson mise a thàladh innte. Tà, cha robh mi idir cho toileach a' tighinn aiste oir cho luath 's a bha mi a-mach an doras aice, thòisich mi a' faighinn throdan bho mo sheanmhair agus bho mo mhàthair airson cho mì-stòlta 's a bha mi!

Nuair a chaidh mi a-steach innte, sheall mi mun cuairt ris a h-uile duine. Lean mi mo mhàthair don t-suidheachan far an robh mo sheanmhair na suidhe agus shuidh mi eadar an dithis aca.. Bha an suidheachan seo car faisg air a' mhinistear.

Mu dheireadh thall thòisich an searmon agus cha robh mi a' tuigsinn facal a bha am ministear ag ràdh. Dh'iarr mi siùcar air mo sheanmhair ach cha b' ann da deòin a thug i dhomh e. Bha mi a' dèanamh cus fuaim leis nam bheul.

Nuair a sheas sinn airson ùrnaigh, sheall mi mun cuairt ach cha robh mi a' dèanamh sin fada nuair a chuir mo sheanmhair stad orm a-rithist. Dh'iarr mi siùcar air mo mhàthair an ath uair. Fhuair mi fear mòr cruinn ach thòisich mi a' meuranaich agus thuit e a-mach às mo bheul. Thug mo sheanmhair sùil eagalach orm agus shuidh mi sàmhach airson greiseag. An sin thug mi sùil air fàth mun cuairt agus dè a chunnaic mi ach cuileag air aid caillich a bha na suidhe air mo bheulaibh. Shèid mi oirre gus am faicinn am falbhadh i ach phut mo sheanmhair mi anns a' bhad. Thòisich mi a' gàireachdainn nuair a chunnaic mi a' chailleach a' crathadh a cinn oir bha a' chuileag a' dol a-steach na cluais. Phut mo sheanmhair mi a-rithist. Dh'fhalbh a' chuileag agus ma dh'fhalbh cha robh càil air fhàgail agam ri dhèanamh ach cunntadh nan adan. Bha mo shùilean a' dùnadh beagan is beagan agus is e an t-aon rud a bha gam chumail nam dhùisg a' bhrag a bha làmhnan a' mhinisteir a' toirt air a' chùbainn. Mu dheireadh thall dhùin mo shùilean agus bha mi trom nam chadal. Phut mo mhàthair mi uair is uair, ach bu dìomhain a ceàrd.

Chuala mi fuaim - bha an t-seirbheis seachad. Nuair a dh'èirich an slugh airson falbh, a-mach gun tug mise tro na daoine, cho luath ri gearr.

Ràinig càch dhachaigh beagan air mo chùlaibh. Cha leig mi a leas innse dhuibh dè a thachair às dèidh sin ach cha deach mi don eaglais airson iomadh seachdain - no le innse na firinn, airson iomadh bliadhna - às dèidh siud.



Dh'fheumamaid a bhith a' dol dhan sgoil; cha robh tighinn às againn. Ach bha mi air a dhol gu seòmar ùr innte, agus bha an 'Sgoilear Beag' gar teagasg agus, cha mhòr an aghaidh do thoil, bheireadh esan ort ùidh a ghabhail na sheanchas. Chan e Gàidhlig Bharraigh a bha aige-san idir ach tè neònach eile, agus thug sinn tacan mun dèanamaid bun no bàrr dhith.

B' e an Sgoilear Beag a dh'inns dhuinn an toiseach mu Bhodach na Nollaig a bhiodh a' tadhal air cloinn air tìr-mòr, a' fàgail aca san stocainn a h-uile seudan sìorraidh a thogadh cridhe cloinne. Cò nach iarradh a bhith air 'tìr-mòr' an uair sin, ge bith càit an robh e. A rèir na naidheachd, cha robh Bodach na Nollaig math gu marachd agus, co-dhiù, 's coltach gu robh an t-astar ro fhada, agus leis an sin dh'fheumadh sinne a bhith riarachtaichte gu leòr a bhith cluinntinn mu dheidhinn. An ath Nollaig, feumaidh gun d' fhuair e eathar freagarrach agus gun tàinig e air tìr am Barraigh, chionn 's dh'fhàg e agamsa coineanach a bha àlainn agus e loma-làn shuiteas. Bha am Bodach bochd cho lom de mhaoin an t-saoghail aig an àm sin 's a bha an còrr againn.

Td. 11 Air mo Chuairt le Ealasaid Chaimbeul (Acair 1982)



Tha bràthair mòr agamsa ris an canar Alasdair,
Is chan fhaca duine beò sionnach tha cho carach ris;
Nuair a nì e olc chan aidich e no idir chan eil nàir' air,
A' cur na coire ormsa, cantainn, "'S e rinn sin ach Màiri."

Fuirich gus an innis mi dhuibh mar thachair Là na Sàbaid
Nuair bha m' athair is mo mhàthair le chèile anns an t-searmon.
Bha mise air mo leabaidh 's mi le casadaich is fuachd
Is bha Alasdair air fhàgail a-staigh a' cumail sùil orm.

Fhuair sinn rabhadh làidir a bhith modhail mus do dh'fhalbh iad.
Bha 'm biadh air fhàgail deiseil aig mo mhàthair mar a b' àbhaist.
Ach dh'fheumadh esan làmh thoirt dhi, ged nach robh adhbhar ann dha,
Is thaom e 'm pàcaid salainn gu lèir dhan phrais bhuntàta.


Nuair a chaidh 'm buntàta a chur a-mach 's e m' athair ghabh a' chiad
fhear,
Is nuair a fhuair e 'm blas aige gu cinnteach bha e fiadhaich -
Dh'èigh e, "Cò tha ciontach?" 's e a' coimhead ri mo bhràthair,
Ach 's e am freagairt a thug Alasdair, "'S e rinn sin ach Màiri."

Td. 46 Trobhadaibh a-steach le Mairead Hulse (Acair 1989)



Litrichean Pearsanta





Ro-ràdh

Chan e sgil ùr a th' ann an sgrìobhadh litrichean pearsanta do chlann aig Ìre D, ach bu chòir dhaibh cothroman fhaighinn an sgil seo a leasachadh. Ann an litrichean, is urrainn dhaibh sgilean cànan eile a chur gu feum (paragrafan mar eisimpleir). Cuideachd aig an ìre seo, thathar a' sùileachadh gun urrainn dhaibh an smuaintean agus am faireachdainnean a shealltainn ann an dòigh soilleir agus sealltainn gu bheil mothachadh aca dhan neach-leughaidh.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Air **duilleag-obrach 1** tha litir pearsanta a ghabhas cleachdadh airson teagasg air structair agus stoidhle a' ghnè-sgrìobhaidh seo.
Seo puingeagan-teagaisg airson na litreach sin:
 - Coimhead air stuctair na litreach: seòladh, ceann-latha, fàilte (*greeting?*) etc.
 - Dè a' phrìomh phuing a th' anns gach paragraf?
 - Seall air an stoidhle – lorg abairtean neo-fhoirmeil.
 - Lorg abairtean a tha a' sealltainn gur e deagh charaidean a th' ann an Seumas agus Màrtainn.
 - Lorg abairtean a tha a' sealltainn beachdan is faireachdainnean an sgrìobhadair.
 - Ciamar a tha an litir seo eadar-dhealaichte bho litir fhoirmeil?

Dh'fhaodadh a' chlann leigeil orra gur iadsan Màrtainn, agus freagairt a sgrìobhadh gu Seumas.

- Air **duilleag-obrach 2** tha litir le tòrr rudan ceàrr oirre a' cur feum air deasachadh.
Seo puingeagan teagaisg airson na litreach sin:
 - Stoidhle – measgachadh de foirmeil agus neo-foirmeil. Dè bu chòir a bhith ann?
 - Stuctair / paragrafan – dè tha ceàrr air an t-seòladh? Dè mu dheidhinn ceann-latha?
Tha am fiosrachadh uile troimhe-chèile. Cia mheud prìomh phuing a th' anns an litir? Cia mheud paragraf a bu chòir a bhith innte?
 - Content – a bheil càil ann nach eil freagarrach, nach bi inntinneach do charaid-pinn ùr?
Dè am fiosrachadh nach eil ann a bhiodh inntinneach dhi/dha?



- Faireachdainnean / beachdan – a bheil an sgrìobhadair a’ sealltainn faireachdainnean / beachdan idir? Càit am b’ urrainn dhi barrachd dhiubh a sgrìobhadh?
 - Mothachadh air luchd-amais – An do dh’fhaighnich i ceistean sam bith? An do sheall i gu bheil ùidh aice ann am beatha a caraid-pinn ùr? A bheil an litir inntinneach? Dè dhèanadh na b’ inntinniche i?
 - Dh’fhaodadh a’ chlann am fiosrachadh a sheòrsachadh a-mach ann am paragrafan agus litir nas fheàrr a sgrìobhadh bho Ealasaid gu Iona.
- Coimhead air litrichean pearsanta ann an sgeulachdan. Seo feadhainn a dh’fhaodadh a bhith feumail:
 - td. 11, 30, 40 An Leabhar-latha Ùr le Mòrag Stiùbhart (*Stòrlann/Acair 2003*)
Tha an litir agus na puist-dealain seo rud beag ro fhurasta airson ìre D, le tòrr sheantansan a’ tòiseachadh anns an aon dòigh agus dìreach aon pharagraf anns gach tè, ach tha iad a’ sealltainn structair agus stoidhle sgrìobhaidh airson puist-dealain agus litrichean pearsanta.
Tha an leabhar seo air leth math airson sgrìobhadh pearsanta. A bharrachd air litrichean agus puist-dealain, tha an nighean aig a bheil an seanchas a’ sgrìobhadh anns an leabhar-latha aice mar gu bheil i a’ sgrìobhadh litrichean pearsanta dha.
 - td. 17-19, 44-45 An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)
 - Seall don chloinn mar a nì iad plana airson litir gu caraid mu dheidhinn an làithean-saora. Ma bha a’ chlann air falbh ann an àite inntinneach air làithean-saora, dh’fhaodadh iad leigeil orra gu bheil iad air ais an sin, agus litir a sgrìobhadh mu dheidhinn dè tha iad a’ dèanamh agus dè na rudan inntinneach/annasach a tha ann. No dh’fhaodadh iad leughadh mu dheidhinn àite (ann am bileig-siubhail, mar eisimpleir, no encyclopedia, no atlas) agus leigeil orra gu bheil iad an sin air làithean-saora agus a’ sgrìobhadh litir gu caraid. Cuidichidh na ceistean air **duilleag-obrach 3** iad le seo.


Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Iarr air a’ chloinn leigeil orra gur e cuideigin eile a th’ annta, a’ sgrìobhadh litir gu caraid. Seo deagh dhòigh air a bhith a’ measadh an urrainn dhaibh suidheachadh caractair ann an sgeulachd no cuideigin ann an obair pròiseict a thuigsinn. (m.e. pàiste aig àm nam fuadaichean a’ sgrìobhadh gu caraid, evacuee anns an dàrna cogadh a’ sgrìobhadh gu a p(h)àrantan, Lochlannach a’ sgrìobhadh litir gu a mhnaoi, Bànrigh Bhictoria a’ sgrìobhadh cairt-phuist bhon Ghàidhealtachd ...)
- Brosnaich a’ chlann gu a bhith a’ sgrìobhadh gu ‘caraid-pinn’ (pen-pal) ann an aonad Gàidhlig eile.

Measadh: Airson Ìre D bu chòir na rudan seo a bhith ann an litir phearsanta:

- seòladh, ceann-latha
- paragraf tòiseachaidh le fàilte
- paragrafan eile le naidheachan, beachdan, fiosrachadh, faireachdainnean
- paragraf crìochnachaidh le dùrachdan
- stoidhle a tha siùbhach agus furasta ri leughadh, le seantansan a’ tòiseachadh ann an dòighean eadar-dhealaichte, ceistean agus clisg-phuingean
- naidheachdan is beachdan air an cur an cèill ann an dòigh inntinneach
- stoidhle a tha a’ sealltainn gu bheil an sgrìobhadair eòlach air an leughadair





Litrichean Pearsanta - duilleag-obrach I

Ainm:

`Grianan`
Caolshràid na Bànrìghe
PEAIRT
PH6 7RT

24 Ògmhios 2005

A Mhàrtainn chòir,

Nach mi bha toilichte do litir fhaighinn. Bha e cho math fhaighinn a-mach gu bheil thu a' faireachdainn nas fheàrr a-nis. A bheil feum agad air croitseachan fhathast?

Tha mi air a bhith trang on turas mu dheireadh a sgrìobh mi thugad. An do dh'innis mi dhut gun d' fhuair mi àite ann an sgioba ball-basgaid na sgoile? Uill, bhuannaich sinn tòrr gheamannan agus fhuair sinn troimhe dhan chuairt dheireannaich. Cha b' urrainn dhomh fhèin a chreidsinn! Tha deagh sgioba againn gun teagamh, ged nach eil mise mi fhèin ro mhath! Co-dhiù, bidh sinn a' cluich anns a' chuairt dheireannaich an ath sheachdain - an aghaidh na sgoile a bhuannaich an cupa an-uiridh. Chan urrainn dhomh feitheamh, ach tha mi rud beag iomagaineach mu dheidhinn cuideachd. Innsidh mi dhut mar a thèid dhuin.

O, rud eile. Tha cat ùr agam. Cat mòr dubh a th' ann. Thàinig e dhan taigh againn Disathairne, a' coimhead gu math zinn agus truagh. Thug sinn biadh dha agus rinn e e-fhèin cofhurtail ri taobh an teasadair. Thug mise Brus air mar ainm, oir tha e coimhead mar gu bheil e air a bhith a' sabaid tòrr! Chuir sinn sanas anns a' bhùth gun fhios nach biodh cuideigin ga lorg, ach tha mi làn dòchais nach tig duine ga iarraidh. Bhithinn ga ionndrainn gu mòr!

A bheil fhios agad fhathast dè bhios tu a' dèanamh anns na làithean-saora? Tha sinne a' dol a champadh ri taobh Loch Laomainn. Bha sinn ann an-uiridh agus bha e sgoinneil. Tòrr spòrs agus rudan ùra ri fheuchainn a-mach. Thuirt m' athair gum faod thu tighinn còmhla rinn an-bliadhna, ma tha thu ag iarraidh. Bidh sinn a' falbh air an 8mh den Iuchar agus a' tilleadh seachdain an dèidh sin, no nas tràithe ma tha cus uisge ann! Còrdaidh e riut, oir tha tòrr fhiadh-bheatha ri fhaicinn. Tha mi an dòchas gur urrainn dhut tighinn.

Uill, 's fheàrr dhomh seo a thoirt gu crìoch. Cha do rinn mi m' obair-dachaigh fhathast agus cha leig m' athair leam a dhol a-mach a chluich gun a bheil e deiseil. Bah!

Sgrìobh air ais thugam cho luath 's a gheibh thu cothrom, no cuir fòn thugam.

Tioraidh an-dràsta,

Seumas

Litrichean Pearsanta

- duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo litir a sgrìobh nighean gu caraaid-pinn ùr a tha a' fuireach air an dùthaich. Tha tòrr rudan ceàrr anns an litir. Dè tha ceàrr oirre?

Beachdaich air na rudan seo:

structair, paragrafan, stoidhle, 'content',
faireachdainnean, beachdan, mothachadh air luchd-amais

51 Rathad Mòr

A bhana-charaid chòir,

Hi! Is mise Ealasaid Nic an t-Saoir. Is mise an caraaid-pinn ùr agad. Tha thu a' fuireach air tuathanas air an dùthaich, tha bràthair mòr agus piuthar mhòr agad agus is toil leat eich agus ceòl. Tha mise a' fuireach ann an Dùn Èideann. 'S e baile mòr a th' ann. Tha tòrr bhùthan ann. Tha bràthair beag agam. 'S e Iain an t-ainm a th' air. Tha e trì bliadhna a dh'aois. Is toil leam a bhith a' cluich a' bhogsa. Bidh m' athair a' cluich a' bhogsa cuideachd. Bidh mi a' dol gu sgoil ann an Dùn Èideann. Tha còrr is trì cheud sgoilear anns an sgoil agam. Bha cleasachd againn an-dè. 'S e peantair a tha nam athair. Tha bhan aige agus bidh e dol timcheall a' peantadh thaighean agus thoglaichean eile. Tha mo mhàthair ag obair anns an ospadal ach chan e nurs a th' innte. Is toil leam dràma agus ceòl. Fhuair mi d' ainm agus do sheòladh ann an iris. Tha peataichean agam. Tha cù agam agus piseag agus iasg. Tha caisteal ann an Dùn Èideann cuideachd le gunna air a bheil Mons Meg. Tha tòrr chàraichean ann an Dùn Èideann. Tha mo ghranaidh a' fuireach faisg òirnn.

Bhithinn fada nur comain nan sgrìobhadh sibh air ais thugam.

Is mise le meas

Ealasaid Nic an t-Saoir

Litrichean Pearsanta - duilleag-obrach 3

Ainm:

Cleachd na ceistean seo airson do chuideachadh le bhith a' planadh litir gu caraid mu dheidhinn do làithean-saora:

Co thuige a tha thu a' sgrìobhadh?

Dè na rudan anns a bheil ùidh aige /aice?

.....

Càite bheil thu air làithean-saora?

Tagh 3 de na prìomh phuingean seo airson sgrìobhadh mun deidhinn. No tagh fhèin prìomh phuingean eadar-dhealaichte mas fheàrr leat.

An turas. An aimsir. An t-àite-fuirich. Dè rinn thu an-dè?

Dè bu mhath leat fhaicinn? Turas gu àite inntinneach eile.
(m.e. pàirc, caisteal, taigh-tasgaidh, uaimh ...)

Rudeigin èibhinn a thachair. Coltas an àite.



Litrichean Pearsanta - duilleag-obrach 3

Ainm:

Prìomh-phuing 1:

Rudan co-cheangailte ris a' phrìomh phuing sin:

Prìomh-phuing 2:

Rudan co-cheangailte ris a' phrìomh phuing sin:

Prìomh-phuing 3:

Rudan co-cheangailte ris a' phrìomh phuing sin:

Rud sam bith eile ri chur aig deireadh na litreach:



Leabhar-latha



Mìneachadh:

leabhar san sgrìobh thu dè a thachair no dè a thachras tron latha.



Stiùireadh do Thidsearan

Bruidhinn mu dheidhinn carson a bhios daoine a' cumail leabhar-latha; airson cuimhneachadh air rudan a thachair, mar sheòrsa de charaid don innis iad an smuaintean diomhair. Am bi duine sam bith anns a' chlas a' cumail leabhar-latha? An leigeadh iad le duine eile coimhead air na sgrìobh iad ann? Bruidhinn mu dheidhinn leabhar-latha ainmeil Ann Frank. Dè seòrsa rudan a bhios daoine a' sgrìobhadh ann an leabhar-latha? Rudan inntinneach no èibhinn a thachair dhaibh fhèin, am beachdan air tachartasan san t-saoghal, na smuaintean aca fhèin, cunntas air na rinn iad air an làithean-saora ...

Seo earrann bhon leabhar Bliadhna Theàrlaich le Alasdair Caimbeul. An àite a bhith a' sgrìobhadh rudeigin anns an leabhar-latha aige gach latha tha pìos sgrìobhte airson gach mìos. Anns na faclan aige fhèin tha Teàrlach ag ràdh:

Chan eil mi gu bhith lionadh an leabhar-latha a-steach a h-uile latha idir, tha mi air m' inntinn a dhèanamh an-àirde. Tha làithean ann nach eil càil a' tachairt ... Mar sin, chan eil mi dol a sgrìobhadh anns an leabhar-latha ach air làithean anns a bheil rudeigin a' tachairt, chan eil fhios dè. No ma tha mi a' faireachdainn coltach ris. '

Bliadhna Theàrlaich td. 6 le Alasdair Caimbeul (Acair 1995)

Leugh na sgrìobh 'Teàrlach' airson an Fhaoillich (td. 5 agus 6)

Latha fuar ach tioram. Thug mi Oileabhar, sin an cù agam, cuairt suas dhan Chladach Ruadh. Carson gur e an Cladach Ruadh a th' air, chan eil fhios am. Chan eil càil ruadh mu dheidhinn. "Dh'fhaighnich mi dham athair nuair a thill mi dhachaigh," thuirt e, "Dè fios a th' agams'?" Thuirt e 'n uair sin, "Dh'fheumadh iad rudeigin a thoirt air 's dhùin e shùilean a-rithist."

.....

(gu deireadh td.6)

Puingean airson o easbad:

- * stoidhle – tha Teàrlach a' sgrìobhadh mar a bhiodh e a' bruidhinn – cainnt neo-fhoirmeil gun a h-uile rud a bhith sgrìobhte ann an seantansan no faclan slàn.
- measgachadh de chòmhradh, tachartasan agus faireachdainnean.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Leugh an leabhar Bliadhna Theàrlaich le Alasdair Caimbeul air fad. Coimhead gu h-àraidh air **stoidhle neo-fhoirmeil** an sgrìobhadair.

* Sgrìobh fhèin leabhar-latha airson mìos. Cuimhnich nach fheum thu rudeigin a sgrìobhadh airson a h-uile latha, dìreach '*làithean anns a bheil rudeigin a' tachairt, chan eil fhios dè. No ma tha mi faireachdainn coltach ris.*'

* Tha Tearlach a' cur **sheanfhaicail** dhan leabhar-latha aige. Lorg na seanfhaicail a chuir e ann agus sgrìobh iad an seo no air pìos pàipeir eile. A bheil fhios agad dè tha iad a' ciallachadh?

Seo seanfhacal a chaidh fhoillseachadh anns a' phàipear-naidheachd An Gaidheal Ùr anns a' Chèitean 2002. Tha Alexina Ghreumach a' toirt seachad mineachadh den t-seanfhaicail.

Seanfhacal na mìos

Bha là eile aig fear na mònach

Thagh mi an seanfhacal seo airson dà adhbhar; seach gur e àm na mònach a th' ann agus seach gun cuala mi sgeulachd bheag mu dheidhinn o chionn ghoirid - sgeulachd a dh'fheumas mi a ràdh nach eil mi a' creidsinn idir!

Canar seo mu neach sam bith a tha air a thighinn a-nuas ann an inbhe, 's dòcha gun robh e beartach 's gu bheil e a-nis bochd no eadhon gun robh e a' dèanamh rudeigin sònraichte ris nach eil e a-nis is mar sin air adhart.

Ach seo mar a chuala mise a thòisich an seanfhacal:

Nuair a bha am Prionnsa Teàrlach fon choill ann an Èirisgeigh san 18mh linn bha fios aig mòran de mhuinntir an àite cò a bh' ann ged nach leigeadh iad sin orra.

An latha bha seo nach ann a chaidh e a bhuaibh na mònach còmhla ri fear de na h-eileanaich. Thàinig fear eile mun cuairt agus nuair a chuir e a' cheist air a nàbaidh mu cò a bha mun tairseir còmhla ris cha robh an duine airson innse ann am briathran cò a bh' ann is tha coltach gur e a thuirt e, mar fhuasgladh den cheist a chaidh a chur air ach,

Bha latha eile aig fear na mònach.

Airson adhbhar air choreigin chan urrainn dhomh fhaicinn a' dol fodha ann am poll-mònach. An urrainn dhuibhse?

Alexina Ghreumach

Faigh a-mach barrachd mu sheanfhaicail. Dh'fhaodadh tu dealbhan freagarrach a dhèanamh airson cuid de na seanfhaicail.



Tha seòrsa eile de leabhar-latha ann: fear a tha a' sealltainn dè an uair a thachair rudan no cùin a tha rudan a' dol a thachairt.

Seo fiosrachadh a chaidh fhoillseachadh anns a' phàipear-naidheachd An Gaidheal Ùr anns a' Chèitean 2002:

Cuin is Càite

Disathairne 25 Cèitean

Taigh-cluiche Eden Court, Inbhir Nis: An còmhlan beothail Canadianach "La Bottine Souriante" a' cluich measgachadh de cheòl eadar-nàiseanta.

Dimàirt 28 Cèitean gu Didòmhnaich 2 Ògmhios

Seatail, Ameireaga: Ceòl Gaidhealach air taobh eile a' Chuain Shìair. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh le bhith cèilidh air www.slighe.com.

Dihaoine 7 Ògmhios

Taigh-cluiche Eden Court, Inbhir Nis: Cuir-m-chiùil air leth air a cur air dòigh le Macmeanmna bhon Eilean Sgitheanach. Cluinnear seainneadairean leithid Donaidh Murdo MacLeòid, Kenna Chaimbeul, na peathraichean NicChoinnich à Griaies ann an Leòdhas agus an còmhlan cliùiteach, "Clìar".

Dihaoine 21 gu Didòmhnaich 23 Ògmhios

Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach: òigridh à Alba 's Èirinn a' tighinn còmhla airson an ath Phàrlamaid nan Oileanach air an dearbh làraich far an do thòisich an sgeama.

Disathairne 22 Ògmhios gu Disathairne 27 Iuchar

An Lanntair, Steòrnabhagh: Taisbeanadh air fear dhe na Gaidheil as ainmeil a bh' ann, Murchadh MacPhàrlain, Bàrd Mhealaboist, a bhuineadh do sgìre an Rubha ann an Leòdhas.

Diciadain 28 Ògmhios

Taigh-òsta a' Mhilton, An Gearastan: Danns is cèilidh far am bi fàilte air a h-uile duine.

Diluain 1 gu Dihaoine 5 Iuchar

Uibhist: Ceòl is crac gu leòr tro na còig latha agus na h-eileanan a deas air bhoil le Fèis Tìr an Eòrna ann an Uibhist a Tuath agus Fèis Tìr a' Mhurain ann an Uibhist a Deas.

Didòmhnaich 7 gu Dihaoine 12 Iuchar

Uibhist a Deas: An ath sgoil chiùil shamhraidh "Ceòlas", iomairt a tha a' sìor dol am meud. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air www.ceolas.co.uk no le bhith fònadh 01870 620333.

Puingean airson Deasbad:

* Dè am fiosrachadh a tha ann? (Ceann-latha, àite, tuairisgeul den rud a tha dol a thachairt agus ciamar a gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn)

*Bruidhinn mu dheidhinn an dòigh anns a bheil **clò trom** agus *clò Eadailteach* air a chleachdadh gu fiosrachadh a dhèanamh nas soilleire.



Gnìomhan eile do na Sgoilearan:

* Dèan suas prògram de thachartasan anns a' bhaile agad airson na h-ath mhios.

Teacsaichean eile ri leughadh:


* cairtean-obrach purpaidh SC **Ag Ionnsachadh le Saidheans Uair, Fàs agus Atharrachadh**

Cuir Uair Ris

* pàipear-naidheachd **An Gaidheal Ùr** (a h-uile mìos)

* (sa Bheurla) **The Diary of Anne Frank**





Seo seanfhacal a chaidh fhoillseachadh anns a' phàipear-naidheachd An Gàidheal Ùr anns a' Chèitean 2002. Tha Alexina Ghreumach a' toirt seachad mìneachadh den t-seanfhacal.

Seanfhacal na mìos

Bha là eile aig fear na mònach

Thagh mi an seanfhacal seo airson dà adhbhar; seach gur e àm na mònach a th' ann agus seach gun cuala mi sgeulachd bheag mu dheidhinn o chionn ghoirid - sgeulachd a dh'fheumas mi a ràdh nach eil mi a' creidsinn idir!

Canar seo mu neach sam bith a tha air a thighinn a-nuas ann an inbhe, 's dòcha gun robh e beartach 's gu bheil e a-nis bochd no eadhon gun robh e a' dèanamh rudeigin sònraichte ris nach eil e a-nis is mar sin air adhart.

Ach seo mar a chuala mise a thòisich an seanfhacal:

Nuair a bha am Prionnsa Teàrlach fon choill ann an Èirisgeigh san 18mh linn bha fios aig mòran de mhuintir an àite cò a bh' ann ged nach leigeadh iad sin orra.

An latha bha seo nach ann a chaidh e a bhuaibh na mònach còmhla ri fear de na h-eileanaich. Thàinig fear eile mun cuairt agus nuair a chuir e a' cheist air a nàbaidh mu cò a bha mun tairsgeir còmhla ris cha robh an duine airson innse ann am briathran cò a bh' ann is tha coltach gur e a thuir e, mar fhuasgladh den cheist a chaidh a chur air ach,


Bha latha eile aig fear na mònach.

Airson adhbhar air choreigin chan urrainn dhomh fhaicinn a' dol fodha ann am poll-mònach. An urrainn dhuibhse?


Alexina Ghreumach

Faigh a-mach barrachd mu dheidhinn sheanfhacal. Dh'fhaodadh tu dealbhan freagarrach a dhèanamh airson cuid de na seanfhacail.

Teacsaichean Mac-meanmnach




Caractaran / Pearsachan



Mìneachadh:

na daoine (no uaireannan beathaichean) ann an sgeulachd no dealbh-chluich; pearsachan

Prìomh character – am pearsa as cudromaiche ann an sgeulachd no dealbh-chluich.



Leughadh airson meòrachadh air
ceàird an ùghdair – Ire D.
Sgrìobhadh macmeanmnach – Ire D.

Ro-ràdh:

Tha caractaran inntinneach, creideasach cudromach ann an sgeulachdan.

Stiùireadh do Thidsearan

Faighnich don chlas no don bhuidhinn-leughaidh carson a tha caractaran cudromach ann an sgeulachdan agus sgrìobh am beachdan air a' bhòrd-dhubh no air pìos mòr pàipeir. Seo feadhainn airson tòiseachadh:

- * Chì an leughadair dè tha a' tachairt tro shùilean nan caractaran
- * Às aonais caractaran cha bhi càil a' tachairt!

Bruidhinn mu caractaran is toil leis a' chloinn ann an leabhraichean, prògramman TBh no filmichean. Iarr orra innse dhan chlas mun character. Dh'fhaodadh iad an duilleag Character is toil leam a lionadh a-steach no dh'fhaodadh iad an duilleag-planaidh Character a chleachdadh airson an òraid seo a dheasachadh no am plana fhèin a sgrìobhadh.

Dh'fhaodadh tu iarraidh air ùghdar tighinn a-steach dhan sgoil airson bruidhinn ris a' chlas mu ciamar a bhios esan no ise a' cruthachadh caractaran.

Tha earrann an seo a sgrìobh an t-ùghdar agus am bàrd Aonghas Pàdraig Caimbeul mu na dòighean a chleachdas esan airson caractaran a chruthachadh dha stòiridhean leithid Motair-Baidhsagal agus Sgàthan agus An Siopsaidh & an t-Aingeal. Cuidichidh seo a' chlann airson a bhith a' faighinn a-mach mu cheàird an ùghdair agus a bhith a' faighinn *ideas* iad fhèin airson caractaran.

Anns a' chaibidil seo tha earrannan a tha a' sealltainn cuid de na dòighean a bhios sgrìobhadairean a' cleachdadh gus caractaran a chruthachadh airson nobhailean agus stòiridhean goirid. An dèidh gach earrainne tha puingeann rin deasbad. Tha duilleagan-obrach ann cuideachd airson sgiòran sgrìobhaidh na cloinne a leudachadh.

Aig deireadh a' chaibidil tha duilleag le na prìomh phuingeann mu caractaran. Dh'fhaodadh lethbhreac den duilleig seo a bhith aig gach sgoilear.

Ann an tòrr de na gnìomhan do sgoilearan, thathar ag iarraidh orra plana airson stòiridh a sgrìobhadh. Le bhith a' sgrìobhadh plana, feumaidh iad smaoinichadh air na rudan as cudromaiche airson an 'leasain' sin. Faodaidh tu iarraidh orra an stòiridh a sgrìobhadh cuideachd, ach cha bhi ùine ann a h-uile stòiridh a sgrìobhadh. Nuair a tha sibh deiseil leis an obair seo air caractar, dh'fhaodadh a' chlann fhèin coimhead air na planaichean a rinn iad, am plana as fheàrr leotha a thaghadh agus an stòiridh sin a sgrìobhadh.

Tha duilleag eile ann le na prìomh phuingean, a ghabhas cleachdadh mar phostair.

Cosgaidh clann torr uine a' smaoinichadh air ainmean airson caractaran ann an sgeulachdan. Uaireannan tha an t-ainm fhèin a' cruthachadh dealbh den caractar, mar eisimpleir Ciorstaidh Chruinn anns an leabhar An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul no Snape anns na leabhraichean Harry Potter le J.K. Rowling. Brosnaich a' chlann ainmean mar sin a chleachdadh nan sgeulachdan. Ach airson ùine a shàbhaladh nuair a tha clann a' sgrìobhadh sgeulachdan, ullachibh postair le ainmean air, a chì a h-uile duine anns an oisean sgrìobhaidh. Dh'fhaodadh a h-uile duine anns a' chlas ainmean a sgrìobhadh, (mu chòig 's docha) – feadhainn àbhaisteach agus feadhainn annasach. Tha e feumail cuideachd leabhar làn ainmean a chur faisg air na faclairean ann an leabharlann a' chlas – leabhar ainmean do phàistean leithid Ainmean Chloinne, mar eisimpleir, no leabhar àireamhan fòn.

Airson barrachd mu caractaran, coimhead air a' chaibidil air 'Eadar-dhàimh'.



A. Measgaich tuairisgeul de na caractaran le còmhradh agus tachartasan

Uaireannan tha tuairisgeul de character a' tighinn aig toiseach stòiridh, ach mar as trice bidh sgrìobhadairean a' toirt seachad fiosrachadh mu caractaran tron stòiridh, a' measgachadh tuairisgeul le còmhradh agus tachartasan.

1. Seo earrann bhon leabhar Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill. An seo tha clann a' toirt airgead do dhaoine a tha a' feitheamh ri fhaighinn.

Dh'fhosgail doras an t-seada agus bha dìthis gam feitheamh.

"Tha sibh deich mionaidean air dheireadh," dh'èigh am fear bu mhotha. 'S e duine mòr borb eile a bha seo, mu shia troighean a dh'àirde. Bha gruag is feusag mhòr dhubh air agus coltas cruaidh olc air.

Sheas am fear eile ri thaobh agus shìn e a-mach a làmh. 'S e duine àrd caol a bha seo agus sùilean biorach cruaidh na cheann. Bha coltas giobach salach air. 'S e reubairean dha-rìribh a bha seo.

"A bheil a h-uile sgillinn ann?" thuirt an reubair caol ann an sgreuch àrd nuair a chuir Anne Marie a' phacaid na làimh. ...

"Falbhaibh a-nis, a-mach à seo. Aon rud eile, thug sinn an aire gu bheil teanta shìos faisg air a' chladach, thigibh sìos agus faighibh a-mach cò th' innte," thuirt am fear caol biorach, 's e a' sealltainn orra le dà shùil a bha coltach ri sùilean nìosa. Chunnaic iad gu robh an dà fhiacail aghaidh às aonais.

td. 21 Reubairin Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

Puingean ri Dheasbad:

- * Seo an sgrìobhadair a' toirt caractaran ùra a-steach dhan stòiridh. A bheil an tuairisgeul feumail don leughadair?
- * Tha measgachadh de chòmhradh, thuairisgeul agus thachartasan ann. Carson?
- * Tha an sgrìobhadair a' sealltainn co ris a tha na caractaran coltach agus ciamar a bhios iad a' bruidhinn. Dè seòrsa caractaran a th' annta?

2. Leugh an earrann seo bho Iain agus na Drogaichean le Maoilios M. Caimbeul



“Tha sinn gu bhith nar daoine beartach,” arsa Hardy, duine beag le sùilean biorach dubha, agus e a’ suathadh a làmhan ri chèile gu h-aighearach.

“Na can sin gus am bi sinn air ais an Lunnainn,” arsa Toff. “Bithidh. Bidh sinn beartach an uair sin.”

“Tha thu ceart,” dh’aontaich Sgiobair, seann sheòladair a bha air a bhith ann an iomadh tachartas ainmeil.

“Don’t count your chickens, a bhalaich.”

Bha an triùir aca nan suidhe ann an caban brèagha a’ Mhary-Jane ag òl uisge-beatha agus a’ dol thairis air na planaichean aca. Cha robh riamh a leithid de sgioba air ceangal ri cidhe Phort Rìgh.

’S ann le Toff, an duine beag bragail sin, a bha am bàta. Chaidh a dheagh ainmeachadh, le a dheise dhaor ghleansach agus a lèine is a thaidh shìoda. Chanadh a’ mhòr chuid gun robh e beartach mu thràth, ach ’s e bha beartach a’ ciallachadh dha Toff gum biodh na milleanan aige anns a’ bhanca.

td. 8 – 9 **lain agus na Drogaichean** le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1993)

Puingean ri Dheasbad:

- * Tha measgachadh de chòmhradh, thachartasan agus thuairisgeul ann. Tha an còmhradh a’ sealltainn plana nan caractaran.
- * Tha an sgrìobhadair a’ dèanamh tuairisgeul de dh’aodach Toff airson sealltainn gu bheil e beartach.
- * Coimheadaibh gu faiceallach air an t-seantans:

“Tha thu ceart,” dh’aontaich Sgiobair, seann sheòladair a bha air a bhith ann an iomadh tachartas ainmeil.

Tha fiosrachadh mun character air a thoirt seachad gu cuimhir.

Dè am fiosrachadh a gheibh sinn bhon t-seantans seo? (*’s e seòladair a tha ann, tha e sean, ainm, thachair tòrr rudan inntinneach dha mu thràth, bidh e ag aontachadh uaireannan!*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 1



b. A' sealltainn caractar tro choltas

Tha iomadach dòigh ann air caractaran a chruthachadh. Mar as trice bidh sgrìobhadairean a' cleachdadh barrachd air aon dòigh. Tha iad a' feuchainn ri caractaran a chruthachadh ann an dòigh anns am bi e furasta don leughadair am faicinn na inntinn le bhith a' sealltainn co ris a tha iad coltach, ciamar a bhios iad a' bruidhinn agus a' smaoinichadh, ciamar a bhios iad a' gluasad agus a' fuireach nan tàmh. Tha e feumail cuideachd a bhith a' sealltainn na beachdan a th' aig caractaran eile mun caractar agus a' bhuaidh a tha aige no aice air caractaran eile anns an stòiridh.

Anns an earrainn seo coimheadaidh sinn air tuairisgeul de **choltas** bho ùghdaran eadar-dhealaichte.

1. Seo earrann eile bhon leabhar Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill. An seo tha 3 caractaran ùra a' nochdadh anns an stòiridh.

Is e Ruairidh am fear a bu shine. Bha e mu shia bliadhna deug agus mòr, garbh, tiugh. Bha bun feusaig air agus gruag ghiobach, dhubh. Bha an t-aodann aige làn ghuireanan agus bha fìor choltas a' bhurraidh air.

Bha an nighean, Anne Marie, mu cheithir bliadhna deug. Cha robh coltas laghach idir oirre. Bha i cho caol 's cho biorach 's cho grànda agus a' coimhead gu math droch nàdarach. Bha i na seasamh ri taobh Ruairidh agus a h-uile coltas oirre gu robh i fon smachd aige. Is e Aonghas an treas fear dhen chuideachd. Bha e dusan bliadhna a dh'aois. Is e gille beag, meanbh a bha seo, agus coltas duilich, truagh, gealtach air.

"A bheil an t-airgead agad?" dh'fhaighnich Ruairidh, am buraidh mòr, dheth. Chùm Aonghas a shùilean air an làr, cha b' urrainn dha sealltainn air an dìthis leis cho gealtach is cho grod is a bha e a' faireachdainn.

td. 18 – 19 Reubairin Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (Stòrlann/Acair 2001)

Puingean ri Dheasbad:

- * A bheil e furasta na caractaran seo fhaicinn nad inntinn?
- * An toil leat na caractaran? Carson?
- * Tha an sgrìobhadair a' sealltainn co ris a tha na caractaran coltach tro an gnìomhan cuideachd. Coimheadaibh air an t-seantans mu dheireadh den earrainn.



2. Anns an earrainn seo bhon leabhar Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul tha tuairisgeul soilleir de charactar ùr.

Thàinig cailleach chun an dorais. Bha i cho sean ri cailleach a chunnaic duine aca riamh, le aodann fhrògach, làn loidhnichean na h-aoise, agus sùilean dubha, dìomhair suidhichte gu domhainn na h-aodann. Bha a falt liath agus tana, ag èirigh na shopachan bhàrr a cinn.

td. 46 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)

* A bheil dealbh agaibh den chaillich nur n-inntinn?

A bheil thu a' smaoinichadh gum bi an charactar seo coibhneil no fiadhaich? Carson?

3. Seo a-nis earrann bhon leabhar An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul far a bheil an sgrìobhadair a' toirt a-steach an siopsaidh bho thotal an leabhair. An seo tha Annag a' coimhead airson cailleach a chunnaic i roimhe ach chan urrainn dhi a lorg.

Cha robh sgeul air a' chaillich, ged a bha boireannach àrd le brèid dathach mu a ceann a' reic fhlùraichean a-mach à seann chairt. Coltas siopsaidh oirre, le fàinnean airgeadach crochte ri a cluasan, 's grìogagan purpaidh is dearg is buidhe is gorm mu a h-amhaich 's mu chaol a dùirn 's mu a h-adhbrainnean.

Chaidh Annag suas thuite.

"Am faca tu seann chailleach an seo uair sam bith?" dh'fhaighnich Annag. "Seòrsa de dhìol-dèirc, na cadal ann am poca?"

Rinn an siopsaidh gàire. Fiaclan brèagha geal innte, a' deàrrsadh mar na rionnagan air oidhche gheamhraidh.

td. 41 An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)

Puingean ri Dheasbad:

* Dè am fiosrachadh a tha agaibh mun t-siopsaidh a-nis?

* A bheil fhios agaibh dè seòrsa aodaich a th' oirre, dè an obair a th' aice? Saoil carson a tha sin feumail airson na stòiridh?



4. Seo paragraf bhon sgeulachd ghoirid Na Stocainnean anns an leabhar Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac A' Ghobhainn. Tha an sgeulachd mu dheidhinn Iain agus balach eile agus dè thachras aon latha anns an sgoil.

Làrna-mhàireach bha Iain – am mac a b' òige a bh' aig a' bhantraich – anns an sgoil. Ged a bha e beag bha e làidir agus bhiodh e an-còmhnaidh a' sabaid. 'S ann an clas Miss Macdonald a bha e. Bha Miss Macdonald cruaidh air a' chloinn, bha i àrd, tana, coltach ri peansail, ach bha teanga bhiorach aice. Bha i a' teagasg cunntais 's cha robh Iain math air cunntas.

td. 6 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè fhuair sibh a-mach mu dheidhinn Iain anns a' pharagraf ghoirid seo?
- * Dè fhuair sibh a-mach mu dheidhinn an tidseir anns a' pharagraf ghoirid seo?
- * An e deagh thuirisgeul a th' ann? Carson?
- * Am bu toil leibhse a bhith ann an clas Miss Macdonald? Carson?
- * Seall mar a rinn an t-ùghdar tuairisgeul de na caractaran le bhith a' sgrìobhadh mun **coltas** agus mun **gnìomhan**.
- * Leugh an sgeulachd air fad. Ciamar a tha am fiosrachadh a tha an sgrìobhadair a' toirt seachad mu na caractaran feumail don phlota? (*Chì sinn co ris a tha iad coltach, gum biodh Iain an-còmhnaidh a' sabaid, gu robh a' bhanachair cho bochd 's gun do chuir i truas air a' bhantraich, gu robh teaghlach Iain fhèin bochd, agus nach robh Iain toilichte ann an clas Miss Macdonald – tòrr phuingean tòiseachaidh airson plota làn strì!*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- * Duilleag-obrach 2
- * Leugh duilleagan 46 agus 47 den leabhar Caisteal nan Sgràgan airson barrachd fhaighinn a-mach mun chaillich 'le aodann fhrògach'.
- * Sgrìobh stòiridh no dàn mun chaillich a nochd ann an Caisteal nan Sgràgan no ann an An Siopsaidh agus an t-Aingeal.
- * Leugh an leabhar An Siopsaidh agus an t-Aingeal air fad, a' toirt fa-near sònraichte do earrannan a tha a' toirt a-steach caractaran ùra.#

#Nòta do Thidsearan: Tha tòrr obair stèidhichte air an nobhail An Siopsaidh agus an t-Aingeal anns a' chaibidil 'Eadar-dhàimh'. Ma tha dùil agad a' chaibidil air 'eadar-dhàimh' a dhèanamh leis a' bhuidhinn-leughaidh no leis a' chlas, fàg an leughadh seo gus an toisich sibh ag obair air eadar-dhàimh. B' fhiach 'character' agus 'eadar-dhàimh' a dhèanamh faisg air a chèile oir tha iad a' cuideachadh a chèile.



C. A' Sealltainn Character tro a Smuaintean

Le bhith ag innse dè tha caractaran a' smaoinichadh tha sgrìobhadairean a' sealltainn barrachd mun character. Tha e nas fhurasta don leughadair gnìomhan a' character a thuigsinn ma tha fios aige / aice dè tha dol air adhart na intinn.

1. Seo earrann bhon leabhar Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind. Tha Eilidh a' lìonadh a màileid airson siubhal air ais gu Dail Chuinnidh oir bha tubaist air a bhith aig a piuthar Catriona.

Fhad 's a bha Eilidh a' lìonadh na màileid am feasgar sin, bha i a' beachdachadh air na rudan nach d' fhuair Catriona cothrom innse dhi. Cha robh aice ri thoirt leatha ach aodach latha no dhà. Bha fios aice gum faigheadh i air fuireach aig taigh a peathar ann an Dail Chuinnidh – an taigh, gu dearbh, san deach i fhèin a thogail.

Bha làn-chuimhne aice fhathast air an latha, bliadhnaichean air ais, a dh'fhàg i am baile beag agus i a' dèanamh air Dùn Èideann air cùrsa gruagaireachd. Bha cuimhne aice cuideachd air latha eile nuair a thòisich i air obair air a ceann fhèin sa bhùth ann am Bearaig a Tuath. Baile snog dha-rìribh agus bu toigh leatha na daoine. Bha a' mhuir ann air am faodadh i coimhead gach latha, 's i cho farsaing, tarraingeach. Uaireannan, gun teagamh, bhiodh i ag ionndrainn nam beanntan mòra a bha mun cuairt oirre 's i òg. Bhiodh i a' cur seachad cola-deug a h-uile samhradh aig taigh a peathar.

td. 5–6 Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind (Clàr 2000)

Puingean ri dheasbad:

- * Co air a tha Eilidh a' smaointinn?
- * Dè am fiosrachadh a fhuair sibh a-mach mu dheidhinn Eilidh le bhith a' leughadh na h-earrainne seo?
- * Ciamar a gheibheadh sibh am fiosrachadh seo mura b' e 's gun do dh'innis an sgrìobhadair co air a bha bha Eilidh a' beachdachadh?
- * A bheil sibh a' smaointinn gu bheil Eilidh toilichte ann am Bearaig a Tuath?
- * An robh i toilichte ann an Dail Chuinnidh? Ciamar a tha fios agaibh?



2. Seo a-nis earrann bho sheann sgeulachd thraidiseanta anns a bheil smuaintean na bànrigh gu math cudromach don phlota agus tha iad a' sealltainn tòrr mun character aice.

An ceann bliadhna ghabh an rìgh bean eile. B' e boireannach brèagha a bh' innte, ach bha i pròiseil 's chan fhuingeadh i tè sam bith eile a bhith na bu bhòidhche na ise.

... ..
Ach bha Ròs Bhàn a' fàs mòr, 's a' fàs brèagha, 's mun àm a bha i seachd bliadhna bha i cho bòidheach ri latha geal, agus na bu bhrèagha na bha a' Bhànrigh fhèin.

Aon latha 's i air a ràdh ris an sgàthan,

*"A sgàthain, a sgàthain air a' bhalla,
Cò as brèagha th' againn ann?"*

fhreagair e,

*"A Bhànrigh, sibhse 's brèagha tha san rum,
Ach Ròs Bhàn as maisich' a th' againn ann."*

Chuir seo uabhas air a' Bhànrigh 's chaidh i na boil le farmad. Às dèidh sin, nam faiceadh i Ròs Bhàn bha i a' dol às a ciall, le mar a bha i cho lugha oirre.

Chùm a farmad 's a pròis a' fàs na bu mhotha, mar lusan a' fàs, 's cha robh fois aice a dh'oidhche no latha.

bho **Ròs Bhàn** td. 75 -76 **Sgeulachdan Grimm** le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè am fiosrachadh a tha agaibh mu Ròs Bhàn bhon earrainn seo?
- * Dè am fiosrachadh a tha agaibh mu na bànrigh?
- * Ciamar a tha fios againn gur e character dona a th' innte?
- * Tha smuaintean feumail airson **faireachdainnean** characteran a shealltainn cuideachd.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 3. B' fhiach a dhol thairis air seo mar bhuidhinn no mar chlas mus tòisich na sgoilearan air, a' coimhead gu geur air a' pharagraf mun chù, a' bruidhinn mu nan dòighean anns a bheil a character air a thoirt far comhair, a smuaintean, a gnìomhan, na faireachdainnean aige.

Dèanaibh cinnteach gu bheil na sgoilearan a' tuigsinn dè tha aca ri dhèanamh.



* Dèan nòta de na faireachdainnean agad an dràsta. Dè tha dol tro d' inntinn?
Sgrìobh paragraf a' toirt caractar a-steach do stòiridh, ach tòisich do pharagraf le bhith a' sealltainn dè tha an caractar a' smaoinichadh. Dh'fhaodadh tu na smuaintean agad fhèin a chleachdadh!

***Nòta do thidsearan:** B' fhiach seo a dhèanamh air a' bhòrd-dhubh gus am faic na sgoilearan ciamar a sgrìobhas iad paragraf mu caractar, stèidhichte air smuain.
Seo eisimpleir:

Smuain: "B'fheàrr leam gun tigeadh am bus..."

'B' fheàrr leam gun tigeadh am bus,' smaoinich Aonghas, a' stobadh a làmhnan a-steach dha na pòcaidean aige airson an cumail blàth. Cha robh duine sam bith eile a' feitheamh. B' fheàrr leis gu robh. Bha e a' faireachdainn cho beag 's cho fann. 'S dòcha nach robh bus a' dol a thighinn idir. Dh'fheuch e ri beagan fhasgadh fhaighinn bhon ghaoith agus bhon uisge ach bha e fhathast air chrith leis an fhuachd ... agus leis an eagal. "Greas ort a bhus ghòraich!" thuir e fo anail. "Greas ort mus tig iad!"

Dè tha e a' sealltainn mun caractar?

Dè na ceistean a bhios e a' dùsgadh ann an ceann an leughadair?



d. A' Sealltainn Character tro Ghnìomhan

Smaoinichibh air daoine eadar-dhealaichte as aithne dhuibh. Am bi iad uile a' dèanamh rudan anns an aon dòigh? An toil leibh uile na h-aon rudan?

Am bi iad a' bruidhinn san aon dòigh? Am bi iad a' coiseachd san aon dòigh?

Tha tuairisgeul de ghnìomhan characteran a' toirt dhuinn beachd air co ris a tha iad coltach.

Smaoinichibh oirbh fhèin. Am bi sibh a' dèanamh rudan anns an aon dòigh fad na h-ùine? Ciamar a bhios sibh a' coiseachd ma tha sibh a' faireachdainn treun? Ciamar a bhios sibh a' coiseachd ma tha an t-eagal oirbh? Tha e feumail do sgrìobhadairean a bhith a' sealltainn **ciamar** a bhios characteran a' gluasad agus a' bruidhinn airson sealltainn ciamar a tha iad a' faireachdainn.

1. Seo earrann bho stòiridh ghoirid anns an leabhar Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn. Tha Iain shuas ann an lobhta a thaighe air an latha a dh'fhàg e an sgoil is e a' coimhead thairis air a' bhaile anns an do thogadh e agus a' smuaintinn mu na daoine a tha a' fuireach ann.

An ath thaigh a-rithist taigh Seòrdag. Bha i fèir air bàsachadh 's bha i fhèin cho bodhar ri cloich. Nuair a bhiodh i bruidhinn riut bhiodh i ag èigheachd. Bha dìthis mhac aice 's cha bhiodh iad a' tighinn a-mach às an taigh.

bho **Shuas anns an Lobhta** td.50 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Stòrlann/Acair 1996)

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè fhuair sibh a-mach mu dheidhinn Seòrdag bhon earrainn ghoirid seo?
- * Saoil carson nach biodh a dìthis mhac a' tighinn a-mach às an taigh idir?
- * Dè am facal a tha a' sealltainn **ciamar** a bhiodh Seòrdag a' bruidhinn?
- * Tha samhla anns an earrainn seo. An urrainn dhuibh a lorg?



2. Seo tuairisgeul de Sheumas, fear de na prìomh charactaran anns an leabhar Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill.

“Thugainnibh a-mach às an seo, feuch dè a chì sinn,” thuirt Seumas an dèidh na dìneir. “Tha i a’ fàs anmoch agus chan eil dad ri fhaicinn an seo,” fhreagair Iain.

Cha b’ e sin nàdar Sheumais, a bhith a’ suidhe a-staigh. Bha e mar a bha e a h-uile turas eile a bha e an Uibhist. Bha e a’ cleachdadh a shùilean ‘s a chluasan is a mhac-meanmna, agus e daonnan a’ smaointinn air rudeigin. Bha inntinn cho geur ri sgithinn.

“Thugainnibh, chan fhaigh sinn mòran fiosrachaidh air an àite a-staigh an seo,” aig Seumas a-rithist.

td.12 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 2001)

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè fhuair sibh a-mach mu Sheumas bhon earrainn ghoirid seo agus gu h-àraidh bhon t-seantans ‘Cha b’ e sin nàdar Sheumais, a bhith a’ suidhe a-staigh.’
- * A bheil Seumas coltach ribh ann an dòigh sam bith?
- * Tha an sgrìobhadair a’ sealltainn gu bheil Seumas an-fhoiseil tro a chainnt (Seallaibh mar a chanas e *Thugainnibh* dà thuras) agus a ghnìomhan.
- * Coimheadaibh air na co-ghnìomhairean anns an earrainn: (*m.e. a h-uile turas, daonnan, a-rithist*). Tha iad cuideachd a’ sealltainn gu bheil Seumas an-fhoiseil.



3. Seo earrann bhon leabhar **An Siopsaidh agus an t-Aingeal** le Aonghas Pàdraig Caimbeul, a' toirt a-steach cuid de na caractaran anns an stòiridh.

Bha màthair Ruairidh cuideachd reamhar – o, tha mi duilich – cruinn. Ciorstaidh Chruinn a bh' aca oirrese san sgìre. Ach bha athair mar a bha Annag, tana agus èasgaidh.

Bhiodh esan an-còmhnaidh a' ruith – jogging a chanadh iad ris – a là 's a dh'oidhche. Uaireannan nuair dhùisgeadh Ruairidh no Annag aig ceithir uairean sa mhadainn, chluinneadh iad e a' ruith suas is sìos an staidhre a' dol, fo anail, "aon, dhà, trì ..." suas gu "naoi-ceud naochad 's a h-ochd, naoi-deug naochad 's a naoi, mìle!"

'S dh'èisteadh iad ris ùine mhòr anns an dorchadas a' tarraing anail, an toiseach mar ailbhean, an uair sin mar sioraf, gus mu dheireadh bhiodh e cho sàmhach ri cat, no luch ann an camhanaich ghlais na maidne.

Cha bhiodh am màthair a' dèanamh eacarsaich idir idir. Idir, idir, idir, tha mi a' ciallachadh. Bha i uabhasach dèidheil air teòclaid ged-tà, gu h-àraidh an fheadhainn mhòra mhilis chruinn còmhdachichte le pàipear purpaidh le Juicy Delight sgrìobht air a' bhogsa. Daonnan, nuair dhùisgeadh Ruairidh no Annag aig ceithir uairean sa mhadainn, chluinneadh iad, chan e a-mhàin esan a' ruith sìos is suas an staidhre a' cunntais fo anail, ach ise a' cnuasachadh am measg nam bogsaichean, agus an uair sin a' cnagadh a' phàipeir, 's teòclaid mòr milis a' dol a-steach na beul agus an sùghadh agus an slùpradh agus an sluaisreadh a thigeadh na chois 's i na laighe an sin san leabaidh a' cunntais gach teòclaid a dh'itheadh i, "aon, dhà, trì ..." gus an ruigeadh i "naochad 's a h-ochd, naochad 's a naoi, ceud!"

'S dh'èisteadh iad rithe ùine mhòr anns an dorchadas a' tarraing a h-anail, an toiseach sèimh, socair mar luch bhig ann an camhanaich ghlais na maidne, no mar chat a' crònan, 's an uair sin an anail nas truime 's nas doimhne gus am biodh fead aice na cadal, mar sioraf, no srann mhòr eagalach mar ailbhean.

"Garbh," chanadh Roly-Poly ris fhèin, 's gun e fhèin dad na b' fheàrr.

td. 6 – 7 **An Siopsaidh agus an t-Aingeal** le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)



Puingean ri Dheasbad:

* Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh shamhlaidhean airson tuairisgeul a dhèanamh. An urrainn dhuibh an lorg?

A bheil iad nan cuideachadh don leughadair?

* Dè fhuair sibh a-mach mu Chiorstaidh bhon earrainn seo? A bheil dealbh agaibh dhith nur n-intinn? Dè mu dheidhinn Ruairidh?

* A bheil an sgrìobhadair a' deànamh tuairisgeul de **choltas** nan caractaran an seo no dìreach de na gnìomhan agus cleachdaidhean aca?

* Coimhead air na gnìomhan a chleachdas an sgrìobhadair airson sealltainn **ciamar** a bhiodh Chiorstaidh ag ithe. (*me. a' cnuasachadh, a' sùghadh, a' slùpradh*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Cleachdaibh am fiosrachadh anns an earrainn le Aonghas Pàdraig Caimbeul (earrann C) airson dealbh a dhèanamh de Chiorstaidh no de Ruairidh, a' sealltainn nan cleachdaidhean aca. Na coimheadaibh air an leabhar fhèin gus an dèan sibh seo.

* Leughaidh an leabhar An Siopsaidh agus an t-Aingeal air fad. Tha tòrr dheagh thuairisgeulan de caractaran ann!

4. Tha caractar annasach a' nochdadh ann an leabhar eile le Aonghas Pàdraig Caimbeul Motair-baidhsagal agus Sgàthan. Seo toiseach an treas caibideil anns an leabhar.

Nise, bha Granaidh glè annasach aig Màiri. Sa chiad àite, bhiodh i siubhal do gach àite air motair-baidhsagal, agus san dara àite bha obair àraid aice – b' e einnsinnear eadar-lìon a bh' innte! Nuair a bhristeadh coimpiutairean na Gaidhealtachd sìos, bhiodh iad a' gairm Granaidh 'IcAsgaill air a' m'obile, agus siud i, mar speuradair, na deise-airgeadach a-mach air a' Khawasaki.

td. 26 Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann Acair 2000*)

Puingean ri Dheasbad:

* Dè tha annasach mu dheidhinn Granaidh 'IcAsgaill?

* An aithne dhuibh Granaidh eile a bhios a' falbh air motair-baidhsagail agus a' càradh choimpiutairean?

* Tha an sgrìobhadair a' deànamh coimeas neo-sgrìobhte eadar a' caractar seo agus Granaidhean eile.



Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Dèan suas stòr-fhacail de ghnìomhairean agus co-ghnìomhairean a chleachdas sibh nuair a tha sibh a' sgrìobhadh stòiridh airson sealltainn ciamar a bhios caractaran a' bruidhinn agus a' gluasad. Dh'fhaodadh sibh an thesaurus Dòigh Eile air a Ràdh a chleachdadh.

* Duilleag-obrach 4. 'S dòcha gum b' fhiach eisimpleir no dhà a dhèanamh còmhla mar chlas no mar bhuidhinn gus an tuig na sgoilearan dè tha aca ri dhèanamh. An uair sin leig leotha an fheadhainn eile a dhèanamh leotha fhèin no le caraid. Aig an deireadh coimhead air freagairtean a h-uile duine.

Seo eisimpleir a dh'fhaodadh sibh dèanamh air a' bhòrd-dhubh:

Dh'fhosgail i an doras.

(cuideigin ann an cabhag)

(cuideigin fiadhaich)

(cuideigin socair)

(cuideigin carach)

(cuideigin beòthail)

Thilg i an doras fosgailte gu chùl...

Shàth i an doras fosgailte le brag.

Phut i an doras gu socair agus dh'fhosgail e gun fhuaim.

Choimhead i timcheall oirre gu ciontach agus shleamhnaich i a-steach tron doras.

Shàth i an doras fosgailte le gàire mhòr.



e. A' Sealltainn Caractar tro Chainnt

Ciamar a bhios cuideigin coibhneil a' bruidhinn? Dè mu dheidhinn cuideigin brònach, no tinn, no làn eagail? Am bi iad uile a' bruidhinn san aon dòigh?

Tha cothrom aig sgrìobhadairean fiosrachadh mu na caractaran aca a thoirt seachad, an dà chuid **tro na faclan a chanas iad** agus le bhith a' sealltainn **ciamar** a bhios iad a' bruidhinn. Anns na h-earrannan seo coimheadaibh airson ghniomhairean agus co-ghniomhairean co-cheangailte ri bruidhinn.

Dh'fhosgail doras na teanta is choisich gille òg a-steach. Sheall an ceathrar ri chèile. Thòisich Seumas.

"Co às a thàinig thu?"

"À Bail' a' Mhanaich," thuirt an gille ann an guth ìosal, air chrith leis an eagal. Is e gille beag mu aois Iain a bh' ann ach bha e a' coimhead truagh agus duilich.

"Dè an t-ainm a th' ort?" dh'fhaighnich Fiona.

"Aonghas Mac a' Phì à Bail' a' Mhanaich."

"Carson a thàinig thu seo leat fhèin?" arsa Sìleas anns an ath cheist.

"Ciamar a bha fios agad gu robh sinn an seo?" aig Seumas.

"Tha thu a' coimhead gu math gealtach: a bheil rudeigin ceàrr?" aig Iain.

Thòisich Aonghas air bruidhinn is cha stadadh e.

"Thàinig mi seo a dh'innse dhuibh gu bheil sibh ann an cunnart mòr ma dh'fhuiricheas sibh an seo.

"Tha eagal mo bheatha ormsa, thachair mi air dìthis ann am Bail' a' Mhanaich a bha a-staigh an seo, Anne Marie agus Ruairidh. Chan eil sgillinn airgid agam a phàigheas iad agus tha iad a' dol gam mharbhadh. Feumaidh sibh teicheadh a-mach às an seo cho luath 's as urrainn dhuibh."



Puingean ri Dheasbad:

- * Carson a bhruidhinn an gille ‘ann an guth ìosal’?
- * Coimheadaibh air an t-seantans ‘Thòisich Aonghas air bruidhinn is cha stadadh e.’ Dè tha seo a’ sealltainn dhuinn mu Aonghas?
- * Ciamar a bhios sibhse a’ bruidhinn ma tha an t-eagal oirbh no ma tha sibh a’ faireachdainn mì-chinnteach?

1. Seo earrann bhon leabhar Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill. Tha an sgrìobhadair a’ dèanamh coimeas eadar an dòigh anns am bi an caractar Freydis a’ bruidhinn mar as trice agus an dòigh a tha i a’ bruidhinn nuair a tha i a’ toirt taic do na prìomh characteran.

Freydis, ge-tà – cha tàinig aon fhacal magaidh aiste-se, ged is e tè a bh’ innte a bheireadh làn a beòil do dhuine sam bith, nan saoileadh i nach robh aca ach a’ ghòraiche. Thàinig i nall far an robh iad, a’ leantainn an t-sluaigh a bha nis a’ tilleadh gu na bàtaichean.

“Tha mise gur creidsinn,” thuirt i anns a’ ghuth shàmh, “agus fuirich thus’ Eachainn – saoilidh mi gun creid iadsan fhathast thu.”

td. 33 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)

Puingean ri Dheasbad:

- * Coimheadaibh air na faclan ‘is e tè a bh’ innte a bheireadh làn a beòil do dhuine sam bith, nan saoileadh i nach robh aca ach a’ ghòraiche.’ An aithne dhuibh cuideigin mar sin? A bheil na faclan sin a’ togail dealbh de Freydis nur n-inntinn?
- * Duilleag-obrach 5



Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Coimheadaibh airson gnìomhairean agus co-ghnìomhairean a sheallas ciamar a bhios caractaran a' bruidhinn nuair a tha sibh a' leughadh agus a' dèanaibh suas stòr-fhacail ann an Writers' Journal no airson balla a' chlasruim.

Seo feadhainn airson tòiseachadh: Cuin a chleachdadh sibh iad seo?

thuirte fo anail le sgreuch a' lachanaich

dh'èigh ann an sanais aig àrd a chlaiginn a' caoineadh

sgreuch gu sàmhach ann an guth fiadhaich a' trod

rànaich gu socair le gàire a' magadh

ghearain gu grad ann an cabhaig

chagair le osna gu moiteil dh'fhaighnich

bhris e a-steach gu luath fhreagair

a' seachnadh a sùilean ann an guth ìosal ann an guth soilleir

bha e doirbh a chluinntinn Cha tigeadh facal a-mach. Rinn e cnead.

"Mmm ..." *A ..a.. ach .." "Cuidich mi!"

Cha b' urrainn dhomh facal a ràdh. Dh'fheuch mi ri bruidhinn ach ...



f. Buaidh a' charactair air caractaran eile agus am beachdan air / oirre

Gheibh sinn a-mach co ris a tha caractar coltach ann an stòiridh le bhith a' leughadh dè am beachd a tha aig caractaran eile air no oirre agus dè a' bhuidhe a th' aige / aice air caractaran eile.

1. Anns an earrainn seo bhon leabhar Am Fear Farchluais le Calum MacMhaoilein, mar eisimpleir, chì sinn dè am beachd a bha aig gillean òga na sgìre air Seònaid..

Aig fichead bliadhna a dh'aois bha Seònaid math air danns agus cha bhiodh danns a' dol air feadh nam bailtean timcheall air Ulapul nach biodh i an làthair. Bha i bòidheach agus pearsanta le falt fada bàn a' sliobadh a guaillein, agus bha gillean òga na sgìre, co-dhiù a' chuid mhòr dhiubh, dèidheil air a bhith na cuideachd, agus a bhith còmhla rithe anns an danns.

td. 10 Am Fear Farchluais le Calum MacMhaoilein (Stòrlann/Acair 2000)

Puingean ri Dheasbad:

* Saoil an e caractar math no dona a th' ann an Seònaid? Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn sin?

* Tha an sgrìobhadair a' sealltainn gur toil le daoine eile Seònaid. A bheil e a' sealltainn carson is toil leotha i?

2. Seo na beachdan aig Seònaid eile, prìomh caractar anns an leabhar Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain, air caractar ùr, Pòl.

Choimhead Seònaid air Pòl. Bha sùilean geura gorma ann agus falt goirid dubh air. Bha cuideigin air a ràdh, nan cuireadh tu stais air, gu robh e air a bhith coltach ri Adolf Hitler. Chan e sin a bha a' cur dragh air Seònaid ach dìreach gu robh i a' faireachdainn nach robh i uabhasach eòlach air. Cha robh e air a bhith anns an sgoil ach seachdain agus, ged a bha Anndra eòlach air roimhe sin, agus ged a thuirte Anndra gur e 'fìor dheagh dhuine a bh' ann', bha ise a' faireachdainn rudeigin mì-chofhurtail còmhla ris. Bha i toilichte gu robh Anndra ann cuideachd.

td. 20 –21 Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (Stòrlann/Acair 2001)



Puingean ri Dheasbad:

- * A bheil Seònaid agus Anndra a' faireachdainn an aon dòigh mu Phòl?
- * Dè ur beachd fhèin air Pòl às dèidh seo a leughadh?
- * Seallaibh air na faclan '*bha ise a' faireachdainn rudeigin mì-chofhurtail còmhla ris*'. A bheil sibhse an-còmhnaidh a' faireachdainn mar sin mu dhaoine ùra?
Dè seòrsa daoine a dhèanadh mì-chofhurtail sibh?
Tha faireachdainnean nan caractaran eile feumail ann a bhith a' cruthachadh caractar.
- * Seallaibh air an dòigh anns a bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh dòighean eadar-dhealaichte airson dealbh a chruthachadh den caractar ùr seo.
Coltas: *Bha sùilean geura gorma ann agus falt goirid dubh air.*

Samhla: *Bha cuideigin air a ràdh, nan cuireadh tu stais air, gu robh e air a bhith coltach ri Adolf Hitler.*

Beachdan: *thuirt Anndra gur e 'fìor dheagh dhuine a bh' ann'.*

Faireachdainnean: *bha ise a' faireachdainn rudeigin mì-chofhurtail còmhla ris.*

3. Anns an sgeulachd thraidiseanta Cinderella tha sinn ag ionnsachadh tòrr mu dheidhinn leth-pheathraichean Cinderella bhon dòigh anns am bi iad a' dèiligeadh rithe.

Bha dìthis nighean aig a' bhean ùr seo. Bha iad bòidheach is aotrom, ach bha an cridhe dorch agus olc. Cha b' fhada gus an robh iad a' dèanamh a beatha searbh dham piuthar ùir.

"Carson a tha ise na suidhe a-staigh an seo còmhla rinne?" chanadh iad. "Feumaidh i a cosnadh a dhèanamh ma tha dùil aice fuireach an seo."

Agus thug iad air falbh a h-aodach math agus thug iad dhi seann aodach glas agus brògan trom fiodha a bhitheadh oirre.

"Abair nighean sgiobalta," chanadh iadsan 's iad a' fanaid. Bha iad a' lachanaich, 's shàth iad sìos dhan chidsin i.

bho Cinderella td. 59 Sgeulachdan Grimm le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)

Puingean ri Dheasbad:

- * Am feum droch chleachdaidhean an-còmhnaidh a bhith grànda?
- * Dè an seantans as fheàrr a sheallas a' bhuidh a tha aig na leth-pheathraichean air Cinderella? (*Chan eil freagairt ceart ann ach dh'fhaodadh tòrr dheasbad èirigh às a' cheist seo!*)



4. Chan fheum an sgrìobhadair an-còmhnaidh tòrr a sgrìobhadh airson sealltainn gu soilleir na buaidh a tha aig caractar air caractar eile. Seallaibh air an earrainn seo bhon leabhar Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill.

Thorhall an t-sealgair – thàinig gaoid na feòil leis an eagal,
a' smaoinichadh air.

td. 15 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)

Puingean ri Dheasbad:

- * Dè seòrsa caractair a th' ann an Thorhall?
- * Tha an sgrìobhadair air faclan a thaghadh gu cùramach airson dealbh a chruthachadh den caractar seo ann an glè bheag de dh'fhaclan.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Nuair a tha sibh a' leughadh cumaibh sùil airson beachdan agus fhaireachdainnean a tha aig caractaran mu caractaran eile agus airson tuairisgeulan goirid làidir mar an fhear de Thorhall.
- * Duilleag-obrach 6
- * Sgrìobh tuairisgeul de chuideigin a tha brèagha no eireachdail ach olc aig an aon àm. Sgrìobh plana airson stòiridh stèidhichte air a' caractar seo. Dè tha daoine eile a' smaoinichadh mu a d(h)eidhinn aig toiseach an stòiridh? A bheil am beachdan ag atharrachadh? Carson?
- * Sgrìobh tuairisgeul de chuideigin a tha a h-uile duine a' seachnadh air sgàth 's gu bheil iad grànda no air sgàth droch ghnàthannan a th' aca. Sgrìobh plana airson stòiridh no dàn stèidhichte air a' caractar seo. Dè na beachdan a tha aig daoine eile air/oirre? Ciamar a bhios na beachdan seo ag atharrachadh? Carson?



9. Coimeas eadar caractaran

Tha e doirbh tòrr caractaran inntinneach a chruthachadh ann an aon stòiridh. Ann an stòiridh ghoirid tha e nas fhurasta mura bheil cus caractaran innte – 's dòcha dìreach dhà no trì. Faodaidh an sgrìobhadair coimeas a dhèanamh eadar na caractaran sin airson dealbh nas fheàrr a chruthachadh.

1. Seo eisimpleir bho thoiseach seann sgeulachd thraidiseanta An Dà Bhràthair.

Uaireigin bha dà bhràthair ann, 's bha aon aca beartach 's am fear eile bochd. Am bràthair beartach, 's ann air gleocaichean òir a bhitheadh e ag obair, agus b' e duine suarach a bh' ann. Am bràthair bochd, b' ann a' dèanamh sguaban a bhitheadh e, agus b' e duine math is ceart a bh' ann.

bho An Dà Bhràthair td. 178 Sgeulachdan Grimm le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)

2. Anns an earrainn seo bhon leabhar Iain agus na Drogaichean tha an t-ùghdar Maoilios M. Caimbeul, a' toirt a-steach trì caractaran ùra agus a' dèanamh coimeas eatorra.

B' ann le Toff, an duine beag bragail sin, a bha am bàta. Chaidh a dheagh ainmeachadh, le a dheise dhaor ghleansach agus a lèine is a thaidh shìoda. Chanadh a' mhòr chuid gun robh e beartach mu thràth, ach 's e bha beartach a' ciallachadh dha Toff gum biodh na milleanan aige anns a' bhanca.

Cha b' ionann sin agus Sgiobair le aodach robach agus dòighean a cheart cho robach. B' esan a bha coma ged nach biodh sgillinn aige sa bhanca fhad 's a gheibheadh e an ath phinnt. B' ann ann an Dùn Deagh a thogadh e ach bha e a-nis a' fuireach ann an Lunnainn far an robh bean fhad-fhulangach gu tric a' feitheamh ris mar Phenelope a' feitheamh Ulysses.

Chaidh Hardy a thogail ann an Glaschu, ged a bha esan cuideachd a' fuireach ann an Lunnainn. Bha aodach iasgair air. Duine cruaidh, le sùilean cruaidh. B' ann ainneamh a dhèanadh e gàire.

td. 8 – 9 Iain agus na Drogaichean le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1993)



Puingean ri Dheasbad:

- * Dè thathar a' ciallachadh le '**Cha b' ionann sin ...**'?
- * Dè an diofar as motha eadar Toff agus Sgiobair?
- * Dè tha na faclan '**bean fhad-fhulangach**' ag innse dhuinn mu dheidhinn Sgiobair?
- * Dè bha an t-ùghdar a' ciallachadh nuair a sgrìobh e gur e **duine cruaidh** a bh' ann an Hardy? Saoil carson nach dèanadh e gàire tric?
- * Carson a tha e cudromach caractaran eadar-dhealaichte a chur ann an stòiridh?

Gnìomhan do na sgoilearan:

- * Leugh an sgeulachd 'An Dà Bhràthair'. Ciamar a tha na bràithrean eadar-dhealaichte? Cò am bràthair is fheàrr leat agus carson? A bheil na thachair dhaibh anns an sgeulachd crochte air co ris a tha iad coltach?
- * Duilleag-obrach 7
- * Dèan plana airson stòiridh mu dheidhinn dìthis charaidean nach eil idir coltach ri chèile. Ciamar a bhios iad a' faighinn air adhart? Carson a tha iad nan caraidean?
- * Dè thachras nuair nach urrainn dhaibh aontachadh?



h. Tuairisgeul mu aodach, dachaigh, teaghlach no obair airson barrachd mun character a shealltainn

1. Seo earrann bho thoiseach an leabhair A Pheigi a Ghràidh le Iain C. Mac a' Ghobhainn.

A h-uile latha a bhiodh Coinneach is Peigi a' coinneachadh anns a' chafaidh bhiodh cailleach na suidhe faisg orra aig bòrd leatha fhèin. Bha còta ragach donn oirre 's bhiodh i na suidhe an siud fad an latha ag òl an aon chupan cofaidh 's a' sealltainn a-mach ris a' mhuir anns an robh bàtaichean Steòrnabhaigh aig fois mar ìomhaighean ann an sgàthan.

... ..

Bho bhàsaich a fear fichead bliadhna air ais, b' e seo a beatha, na suidhe anns an aon àite gach latha ach Là na Sàbaid, a' feuchainn ri cumail fhèin blàth, 's an taigh a dh'fhàg i air a cùlaibh làn de threallaich de gach seòrsa, seann phàipearan a bha air a dhol buidhe, botail fhalamh de dh'uisge-beatha, agus am bùrn a' ruith gun sgrur às a' ghoc.

td. 1 agus 3 A Pheigi a Ghràidh le Iain C. Mac a' Ghobhainn (Acair 1993)

Puingean ri Dheasbad:

- * A bheil a' chailleach bochd no beartach? Ciamar a tha fios agad?
- * A bheil i toilichte no brònach? Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?
- * Carson nach bi i anns a' chafaidh Là na Sàbaid?
- * Carson a tha an taigh aice làn de threallaich?
- * Tha an sgrìobhadair a' **sealltainn** co ris a tha an character seo coltach an àite a bhith dìreach **ag innse**. Mar eisimpleir tha e a' sealltainn gu bheil i bochd (tha a còta ragach agus cha ghabh i ach aon chupa cofaidh) ach cha do sgrìobh e am facal **bochd** idir. San aon dòigh tha e a' leigeil leis an leughadair inntinn a dhèanamh suas a bheil i brònach no toilichte ach tha e a' fàgail *clues*.



2. A-rithist, chan fheum an tuairsgeul a bhith fada airson fiosrachadh mun character a thoirt seachad. Seo earrann bheag bhon leabhar Caisteal an Reubadair le Dòmhnall Dòmhnallach.

Ràinig Uilleam taigh a sheanar 's bha am fear sin mar a b' àbhaist na shuidhe aig deagh theine mònach. Ged is e an samhradh fhèin a bh' ann bu toigh leis blàths.

Td. 45-46 Caisteal an Reubadair le Dòmhnall Dòmhnallach (*Acair 1989*)


Puingean ri Dheasbad:

- * A bheil an tuairsgeul seo a' togail dealbh nad inntinn?
- * An robh thu riamh ann an taigh chuideigin mar seanair Uilleim?
- * Na sgrìobh tuairsgeul fada den dachaigh no den teaghlach mura bheil e feumail don stòiridh.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Dèan dealbh den chailleach seo, a' cleachdadh an fhiosrachaidh a tha air a thoirt seachad mu deidhinn.
- * Duilleag-obrach 8 - a' sealltainn, an àite bhith ag innse
- * Sgrìobh tuairsgeul de:-
 - a) Cuideigin mì-sgiobalta a' feuchainn ri rudeigin a lorg anns a' chidsin aige/aice.
 - b) Boireannach uabhasach sgiobalta nuair a thig cù le spògan salach a-steach dhan rum-suidhe aice.
 - c) Caractar beartach, còir a' toirt balach bochd a-steach dhan taigh aige/aice airson biadh is aodach tioram a thoirt dha.
- no*
- d) Slaointear a' faighinn deiseil airson dhol dhan leabaidh!





Caractaran - ceàird an ùghdair

Tha na sgeulachdan aig an ùghdar Aonghas Pàdraig Caimbeul làn de caractaran fìrinneach, inntinneach. Tha e air tòrr sgeulachdan agus bàrdachd a sgrìobhadh, nam measg 'Motair-baidhsagal agus Sgàthan' agus 'An Siopsaidh & an t-Aingeal'. Seo a bheachdan air rudan a tha cudromach ann a bhith a' cruthachadh caractaran:

A' cruthachadh caractaran

1. 'S e an rud as cudromaiche, na mo bheachd-sa, gu bheil na caractaran beò, làn shaorsa aca na thogras iad a dhèanamh.

Cha bu chòir do dh'ùghdar sam bith smachd no grèim cho teann a bhith aige air caractar gu ìre 's nach urrainn dhan caractar trod air ais ris an ùghdar, no falbh a dhèanamh rudan mar a thogras e, ge b' oil leis an ùghdar. Feumaidh tu saorsa agus cead beatha a thoirt dha na caractaran.

2. 'S e an dara rud a tha cudromach gu feum dàimh (relationship) air choreigin a bhith aig an ùghdar ri na caractaran. Feumaidh gràdh no gràin (no an dà chuid - uaireannan tha thu toilichte riutha 's uaireannan tha thu crosta riutha) a bhith aig an ùghdar dha na caractaran. Chan urrainn dhut dìreach a bhith coma mun deidhinn, oir ma tha thu coma co leis a tha iad coltach (a bheil iad àrd no ìosal, caol no reamhar, èagsaidh no leisg etc.), no ma tha thu coma dè a tha iad a' faireachdainn (brònach no toilichte, tùrsach no dòchasach etc) bidh sin

glè shoilleir dhan leughadair. Ma tha thusa, mar sgrìobhadair, coma mu na caractaran bidh sin a' sealltainn anns an sgrìobhadh agus bidh an leughadair coma mun deidhinn cuideachd.

3. Bu chòir dha na caractaran a bhith 'fìrinneach' – le sin tha mi a' ciallachadh gu feum na faireachdainnean aca a bhith ann an da-rìribh ('real'). Ged a bhiodh iad ann an suidheachaidhean annasach – can air a' ghealaich no fon talamh – saoilidh mise fhathast ann an sgeulachd gu feum iad a bhith faireachdainn rudan mar eagal is toileachas airson a bhith fìrinneach.

3. Leig leotha rudan spòrsail a dhèanamh: tha gàire is suidheachaidhean eibhinn nas trice fada nas cumhachdaile na rud sam bith eile.

Seo na sgrìobh Aonghas Pàdraig Caimbeul mu dheidhinn dithis character làidir a tha a' nochdadh anns na sgeulachdan aige.

1. An Granaidh ann am 'Motair-baidhsagal agus Sgàthan'

Tha an character aig Granaidh, tha mi creidsinn, mu dheidhinn a bhith briseadh sìos mic-samhail ('stereotypes').

'S àbhaist Granaidhean (agus Seanairean) a bhith air an dealbh sean, crùbach, lapach a' fighe stocainnean ri taobh an teine no a' gàirneirealachd.

Bha mi airson Granaidh a chruthachadh a bha tur eadar-dhealaichte bhon ìomhaigh àbhaistich sin: Granaidh a bha beòthail agus air-leth comasach, nach robh dìreach na suidhe air taobh an teine, ach a dhèanamh iomadh rud 'annasach', mar dràibheadh motair-baidhsagal agus a bha na h-einnseiner eadar-lìn. Ach aig an aon àm bha mi airson a dèanamh 'sàbhailte' agus 'àbhaisteach' anns an t-seagh 's gum biodh na h-oghaichean a' tadhal oirre airson sgiորraidhean – seòrsa de chèilidh neo-àbhaisteach mar a chuirinn e.



Bha mi airson Granaidh a dhèanamh na gaiseach, no bana-ghaisgeach (heroine) an àite caractar dìreach air an oir a bhiodh a' dèanamh na teatha anns an oisean!

Gu ìre,'s e caran an aon smuain a tha seo 's a chì thu anns an dàn bhrèagh (Beurla) ud

- *Warning*, le Jenny Joseph:

When I am an old woman I shall wear purple

With a red hat which doesn't go and doesn't suit me ...

2. Ruairidh anns 'An Siopsaidh & an t-Aingeal'

Bha pàirt dhen leabhar mu dheidhinn nan rudan a tha gar beò-ghlacadh: an t-athair, Seòras Seang air a bheò-ghlacadh le ruith; am màthair, Giorstaidh Chruinn, air a beò-ghlacadh le mìlsean, agus bha aig an nighean, Annag, (nach robh air a beò-ghlacadh le rud sam bith) ri cur suas riutha.

Bha Ruairidh reamhar agus caran leisg gun dragh mu mhòran eile ach dìreach geamachan air a' choimpiutair.

Anns an latha th' ann saoilidh mise gu bheil an t-uabhas bhalaich òga air cur-seachadan cluich a-muigh, leithid ball-coise, no iomain, no iasgach, no dìreach 'cluich' a leigeil seachad agus iad a' cosg an t-uabhas ùine a' cluich geamachan coimputaireachd air neo Playstations no mar sin air adhart.

Coltach ri beagan ruith no suiteas an-dràsta 's a-rithist chan eil dad ceàrr air a leithid an-dràsta 's a-rithist ach bha an sgeul mu dheidhinn a' ghrèim a gheibh a leithid air do bheatha agus a' bhuidh (mhillteach) a tha aig rud sam bith a gheibh grèim ort.



Puingean Teagaisg:

- Leig leis a' chloinn na h-earrannan a sgrìobh Aonghas Pàdraig Caimbeul a leughadh.
- Brosnaich iad a bhith smaoinichadh gu cùramach mu characteran a chuireas iad dha na sgeulachdan aca fhèin agus cuideachd mu characteran a nochdas ann an sgeulachdan dhaoine eile. Seo ceistean airson an cuideachadh le seo:

- Dè seòrsa caractair a tha ann?
- Dè a' bhuidhe a tha aig a' character air dè thachras?
- Dè tha inntinneach mun character?
- An e character fìrinneach a th' ann?
- A bheil faireachdainn agus smuaintean a' caractair soilleir?
- A bheil an character coltach riut ann an dòigh sam bith, no coltach ri cuideigin is aithne dhut?
- A bheil gràdh, no gràin, no an dà chuid dhiubh agad don character? Carson?



Measgaich tuairisgeul de na caractaran le còmhradh agus tachartasan.

a.

Dh'fhosgail doras an t-seada agus bha dìthis gam feitheamh.

"Tha sibh deich mionaidean air dheireadh," dh'èigh am fear bu mhotha. 'S e duine mòr borb eile a bha seo, mu shia troighean a dh'àirde. Bha gruag is feusag mhòr dhubh air agus coltas cruaidh olc air.

Sheas am fear eile ri thaobh agus shìn e a-mach a làmh. 'S e duine àrd caol a bha seo agus sùilean biorach cruaidh na cheann. Bha coltas giobach salach air. 'S e reubairean dha-rìribh a bha seo.

"A bheil a h-uile sgillin ann?" thuirt an reubair caol ann an sgreuch àrd nuair a chuir Anne Marie a' phacaid na làimh.

"Falbhaibh a-nis, a-mach à seo. Aon rud eile, thug sinn an aire gu bheil teanta shìos faisg air a' chladach, thigibh sìos agus faighibh a-mach cò th' innte," thuirt am fear caol biorach, 's e a' sealltainn orra le dà shùil a bha coltach ri sùilean niosa. Chunnaic iad gu robh an dà fhiacail aghaidh às aonais.

td. 21 **Reubairean Roisinis** le Flòraidh NicDhòmhnaill (Stòrlann/Acair 2001)



Measgaich tuairisgeul de na caractaran le còmhradh agus tachartasan

b.

“Tha sinn gu bhith nar daoine beartach,” arsa Hardy, duine beag le sùilean biorach dubha, agus e a’ suathadh a làmhan ri chèile gu h-aighearach.

“Na can sin gus am bi sinn air ais an Lunnainn,” arsa Toff. “Bithidh. Bidh sinn beartach an uair sin.”

“Tha thu ceart,” dh’aontaich Sgiobair, seann sheòladair a bha air a bhith ann an iomadh tachartas ainmeil.

“Don’t count your chickens, a bhalaich.”

Bha an triùir aca nan suidhe ann an caban brèagha a’ Mhary-Jane ag òl uisge-beatha agus a’ dol thairis air na planaichean aca. Cha robh riamh a leithid de sgioba air ceangal ri cidhe Phort Rìgh.

’S ann le Toff, an duine beag bragail sin, a bha am bàta. Chaidh a dheagh ainmeachadh, le a dheise dhaor ghleansach agus a lèine is a thaidh shìoda. Chanadh a’ mhòr chuid gun robh e beartach mu thràth, ach ’s e bha beartach a’ ciallachadh dha Toff gum biodh na milleanan aige anns a’ bhanca.

td. 8 – 9 Iain agus na Drogaichean le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1993)



A' sealltainn caractar tro choltas

a.

Is e Ruairidh am fear a bu shine. Bha e mu shia bliadhn' deug agus mòr, garbh, tiugh. Bha bun feusaig air agus gruag ghiobach, dhubh. Bha an t-aodann aige làn ghuireanan agus bha fìor choltas a' bhurraidh air.

Bha an nighean, Anne Marie, mu cheithir bliadhna deug. Cha robh coltas laghach idir oirre. Bha i cho caol 's cho biorach 's cho grànda agus a' coimhead gu math droch nàdarrach. Bha i na seasamh ri taobh Ruairidh agus a h-uile coltas oirre gu robh i fon smachd aige. Is e Aonghas an treas fear dhen chuideachd. Bha e dusan bliadhna a dh'aois. Is e gille beag meanbh a bha seo, agus coltas duilich, truagh, gealtach air.

"A bheil an t-airgead agad?" dh'fhaighnich Ruairidh, am buraidh mòr, dheth. Chùm Aonghas a shùilean air an làr, cha b'urrainn dha sealltainn air an dìthis leis cho gealtach is cho grod is a bha e a' faireachdainn.

td. 18 – 19 **Reubairin Roisinis** le Flòraidh NicDhòmhnaill (Stòrlann/Acair 2001)

b.

Thàinig cailleach chun an dorais. Bha i cho sean ri cailleach a chunnaic duine aca riann, le aodann fhrògach, làn loidhnichean na h-aoise, agus sùilean dubha, dìomhair suidhichte gu domhainn na h-aodann. Bha a falt liath agus tana, ag èirigh na shopachan bhàrr a cinn.

td. 46 **Caisteal nan Sgràgan** le Maoilios M. Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)



A' sealltainn caractar tro choltas

C.

Cha robh sgeul air a' chaillich, ged a bha boireannach àrd le brèid dathach mu a ceann a' reic fhlùraichean a-mach à seann chairt. Coltas siopsaidh oirre, le fàinnean airgeadach crochte ri a cluasan, 's griogagan purpaidh is dearg is buidhe is gorm mu a h-amhaich 's mu chaol a dùirn 's mu a h-adhbrainnean.

Chaidh Annag suas thuice.

"Am faca tu seann chailleach an seo uair sam bith?" dh'fhaighnich Annag. "Seòrsa de dhìol-dèirc, na cadal ann am poca?"

Rinn an siopsaidh gàire. Fiaclan brèagha geal innte, a' deàrrsadh mar na rionnagan air oidhche gheamhraidh.

td. 41 **An Siopsaidh agus an t-Aingeal** le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)

d.

Làrna-mhàireach bha Iain – am mac a b' òige a bh' aig a' bhantraich – anns an sgoil. Ged a bha e beag bha e làidir agus bhiodh e an-còmhnaidh a' sabaid. 'S ann an clas Miss Macdonald a bha e. Bha Miss Macdonald cruaidh air a' chloinn, bha i àrd, tana, coltach ri peansail, ach bha teanga bhiorach aice. Bha i a' teagasg cunntais 's cha robh Iain math air cunntas.

td. 6 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)



A' Sealltainn Caractar tro a Smuaintean

a.

Fhad 's a bha Eilidh a' lìonadh na màileid am feasgar sin, bha i a' beachdachadh air na rudan nach d' fhuair Catrìona cothrom innse dhi. Cha robh aice ri thoirt leatha ach aodach latha no dhà. Bha fios aice gum faigheadh i air fuireach aig taigh a peathar ann an Dail Chuinnidh – an taigh, gu dearbh, san deach i fhèin a thogail.

Bha làn-chuimhne aice fhathast air an latha, bliadhnaichean air ais, a dh'fhàg i am baile beag agus i a' dèanamh air Dùn Èideann air cùrsa gruagaireachd. Bha cuimhne aice cuideachd air latha eile nuair a thòisich i air obair air a ceann fhèin sa bhùth ann am Bearaig a Tuath. Baile snog dha-rìribh agus bu toigh leatha na daoine. Bha a' mhuir ann air am faodadh i coimhead gach latha, 's i cho farsaing, tarraingeach. Uaireannan, gun teagamh, bhiodh i ag ionndrainn nam beanntan mòra a bha mun cuairt oirre 's i òg. Bhiodh i a' cur seachad cola-deug a h-uile samhradh aig taigh a peathar.

td. 5–6 Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind (Clàr 2000)



A' Sealltainn Caractar tro a Smuaintean

b.

An ceann bliadhna ghabh an rìgh bean eile. B' e boireannach brèagha a bh' innte, ach bha i pròiseil 's chan fhuingeadh i tè sam bith eile a bhith na bu bhòidhche na ise.

... ..
Ach bha Ròs Bhàn a' fàs mòr, 's a' fàs brèagha, 's mun àm a bha i seachd bliadhna bha i cho bòidheach ri latha geal, agus na bu bhrèagha na bha a' Bhànrigh fhèin.

Aon latha 's i air a ràdh ris an sgàthan,

***“A sgàthain, a sgàthain air a' bhalla,
Cò as brèagha th' againn ann?”***

fhreagair e,

***“A Bhànrigh, sibhse 's brèagha tha san rum,
Ach Ròs Bhàn as maisich' a th' againn ann.”***

Chuir seo uabhas air a' Bhànrigh 's chaidh i na boil le farmad. Às dèidh sin, nam faiceadh i Ròs Bhàn bha i a' dol às a ciall, le mar a bha i cho lugha oirre.

Chùm a farmad 's a pròis a' fàs na bu mhotha, mar lusan a' fàs, 's cha robh fois aice a dh'oidhche no latha.

bho **Ròs Bhàn** td. 75 -76 **Sgeulachdan Grimm** le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)



A' Sealltainn Caractar tro Ghnìomhan

a.

An ath thaigh a-rithist taigh Seòrdag. Bha i fèir air bàsachadh 's bha i fhèin cho bodhar ri cloich. Nuair a bhiodh i bruidhinn riut bhiodh i ag èigheachd. Bha dìthis mhac aice 's cha bhiodh iad a' tighinn a-mach às an taigh.

bho **Shuas anns an Lobhta** td.50 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

b.

"Thugainnibh a-mach às an seo, feuch dè a chì sinn," thuirt Seumas an dèidh na dìneir. "Tha i a' fàs anmoch agus chan eil dad ri fhaicinn an seo," fhreagair Iain.

Cha b' e sin nàdar Sheumais, a bhith a' suidhe a-staigh. Bha e mar a bha e a h-uile turas eile a bha e an Uibhist. Bha e a' cleachdadh a shùilean 's a chluasan is a mhac-meanmna, agus e daonnan a' smaointinn air rudeigin. Bha inntinn cho geur ri sgithinn.

"Thugainnibh, chan fhaigh sinn mòran fiosrachaidh air an àite a-staigh an seo," aig Seumas a-rithist.

td.12 **Reubairean Roisinis** le Flòraidh NicDhòmhnaill (Stòrlann/Acair 2001)



A' Sealltainn Caractar tro Ghnìomhan

C.

Bha màthair Ruairidh cuideachd reamhar – o, tha mi duilich – cruinn. Ciorstaidh Chruinn a bh' aca oirrese san sgìre. Ach bha athair mar a bha Annag, tana agus èasgaidh.

Bhiodh esan an-còmhnaidh a' ruith – jogging a chanadh iad ris – a là 's a dh'oidhche. Uaireannan nuair dhùisgeadh Ruairidh no Annag aig ceithir uairean sa mhadainn, chluinneadh iad e a' ruith suas is sìos an staidhre a' dol, fo anail, "aon, dhà, trì ..." suas gu "naoi-ceud naochad 's a h-ochd, naoi-deug naochad 's a naoi, mìle!"

'S dh'èisteadh iad ris ùine mhòr anns an dorchadas a' tarraing anail, an toiseach mar ailbhean, an uair sin mar sioraf, gus mu dheireadh bhiodh e cho sàmhach ri cat, no luch ann an camhanaich ghlais na maidne.

Cha bhiodh am màthair a' dèanamh eacarsaich idir idir. Idir, idir, idir, tha mi a' ciallachadh. Bha i uabhasach dèidheil air teòclaid ged-tà, gu h-àraidh an fheadhainn mhòra mhilis chruinn còmhdachichte le pàipear purpaidh le Juicy Delight sgrìobht air a' bhogsa. Daonnan, nuair dhùisgeadh Ruairidh no Annag aig ceithir uairean sa mhadainn, chluinneadh iad, chan e a-mhàin esan a' ruith sìos is suas an staidhre a' cunntais fo anail, ach ise a' cnuasachadh am measg nam bogsaichean, agus an uair sin a' cnagadh a' phàipeir, 's teòclaid mòr milis a' dol a-steach na beul agus an sùghadh agus an slùpradh agus an sluaisreadh a thigeadh na chois 's i na laighe an sin san leabaidh a' cunntais gach teòclaid a dh'itheadh i, "aon, dhà, trì ..." gus an ruigeadh i "naochad 's a h-ochd, naochad 's a naoi, ceud!"

'S dh'èisteadh iad rithe ùine mhòr anns an dorchadas a' tarraing a h-anail, an toiseach sèimh, socair mar luch bhig ann an camhanaich ghlais na maidne, no mar chat a' crònan, 's an uair sin an anail nas truime 's nas doimhne gus am biodh fead aice na cadal, mar sioraf, no srann mhòr eagalach mar ailbhean.

"Garbh," chanadh Roly-Poly ris fhèin, 's gun e fhèin dad na b' fheàrr.

td. 6 – 7 An **Siopsaidh agus an t-Aingeal** le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2002)



A' Sealltainn Caractar tro Ghnìomhan

d.

Nise, bha Granaidh glè annasach aig Màiri. Sa chiad àite, bhiodh i siubhal do gach àite air motair-baidhsagal, agus san dara àite bha obair àraid aice – b' e einnsinnear eadar-lìon a bh' innte! Nuair a bhristeadh coimpiutairean na Gàidhealtachd sìos, bhiodh iad a' gairm Granaidh 'IcAsgaill air a' mhobile, agus siud i, mar speuradair, na deise-airgeadach a-mach air a' Khawasaki.

td. 26 **Motair-baidhsagal agus Sgàthan** le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2000)



A' Sealltainn Caractar tro Chainnt

a.

Dh'fhosgail doras na teanta is choisich gille òg a-steach. Sheall an ceathrar ri chèile. Thòisich Seumas.

"Co às a thàinig thu?"

"À Bail' a' Mhanaich," thuirt an gille ann an guth ìosal, air chrith leis an eagal. Is e gille beag mu aois Iain a bh' ann ach bha e a' coimhead truagh agus duilich.

"Dè an t-ainm a th' ort?" dh'fhaighnich Fiona.

"Aonghas Mac a' Phì à Bail' a' Mhanaich."

"Carson a thàinig thu seo leat fhèin?" arsa Sìleas anns an ath cheist.

"Ciamar a bha fios agad gu robh sinn an seo?" aig Seumas.

"Tha thu a' coimhead gu math gealtach: a bheil rudeigin ceàrr?" aig Iain.

Thòisich Aonghas air bruidhinn is cha stadadh e.

"Thàinig mi seo a dh'innse dhuibh gu bheil sibh ann an cunnart mòr ma dh'fhuiricheas sibh an seo.

"Tha eagal mo bheatha ormsa, thachair mi air dìthis ann am Bail' a' Mhanaich a bha a-staigh an seo, Anne Marie agus Ruairidh. Chan eil sgillinn airgid agam a phàigheas iad agus tha iad a' dol gam mharbhadh. Feumaidh sibh teicheadh a-mach às an seo cho luath 's as urrainn dhuibh."



A' Sealltainn Caractar tro Chainnt

b.

Freydis, ge-tà – cha tàinig aon fhacal magaidh aiste-se, ged is e tè a bh' innte a bheireadh làn a beòil do dhuine sam bith, nan saoiladh i nach robh aca ach a' ghòraiche. Thàinig i nall far an robh iad, a' leantainn an t-sluaigh a bha nis a' tilleadh gu na bàtaichean.

“Tha mise gur creidsinn,” thuir i anns a' ghuth shàmh, “agus fuirich thus' Eachainn – saoilidh mi gun creid iadsan fhathast thu.”

td. 33 **Sràid na h-Eala** le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)



Buaidh a' charactair air caractaran eile agus am beachdan air / oirre

a.

Aig fichead bliadhna a dh'aois bha Seònaid math air danns agus cha bhiodh danns a' dol air feadh nam bailtean timcheall air Ulapul nach biodh i an làthair. Bha i bòidheach agus pearsanta le falt fada bàn a' sliobadh a guaillein, agus bha gillean òga na sgìre, co-dhiù a' chuid mhòr dhiubh, dèidheil air a bhith na cuideachd, agus a bhith còmhla rithe anns an danns.

td. 10 **Am Fear Farchluais** le Calum MacMhaoilein (Stòrlann/Acair 2000)

b.

Choimhead Seònaid air Pòl. Bha sùilean geura gorma ann agus falt goirid dubh air. Bha cuideigin air a ràdh, nan cuireadh tu stais air, gu robh e air a bhith coltach ri Adolf Hitler. Chan e sin a bha a' cur dragh air Seònaid ach dìreach gu robh i a' faireachdainn nach robh i uabhasach eòlach air. Cha robh e air a bhith anns an sgoil ach seachdain agus, ged a bha Anndra eòlach air roimhe sin, agus ged a thuirte Anndra gur e 'fìor dheagh dhuine a bh' ann', bha ise a' faireachdainn rudeigin mì-chofhurtail còmhla ris. Bha i toilichte gu robh Anndra ann cuideachd.

td. 20–21 **Oidhche air Tom na h-lùbhraich** le Ruairidh MacIlleathain (Stòrlann/Acair 2001)



Buaidh a' charactair air caractaran eile agus am beachdan air / oirre

c.

Bha dìthis nighean aig a' bhean ùr seo. Bha iad bòidheach is aotrom, ach bha an cridhe dorch agus olc. Cha b' fhada gus an robh iad a' dèanamh a beatha searbh dham piuthar ùir.

"Carson a tha ise na suidhe a-staigh an seo còmhla rinne?" chanadh iad. "Feumaidh i a cosnadh a dhèanamh ma tha dùil aice fuireach an seo."

Agus thug iad air falbh a h-aodach math agus thug iad dhi seann aodach glas agus brògan trom fiodha a bhitheadh oirre.

"Abair nighean sgiobalta," chanadh iadsan 's iad a' fanaid. Bha iad a' lachanaich, 's shàth iad sìos dhan chidsin i.

bho Cinderella td. 59 **Sgeulachdan Grimm** le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)

d.

Thorhall an t-sealgair - thàinig gaoir na feòil leis an eagal,
a' smaoinichadh air.

td. 15 **Sràid na h-Eala** le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)



Coimeas eadar caractaran

a.

Uaireigin bha dà bhràthair ann, 's bha aon aca beartach 's am fear eile bochd. Am bràthair beartach, 's ann air gleocaichean òir a bhitheadh e ag obair, agus b' e duine suarach a bh' ann. Am bràthair bochd, b' ann a' dèanamh sguaban a bhitheadh e, agus b' e duine math is ceart a bh' ann.

bho **An Dà Bhràthair** td. 178 **Sgeulachdan Grimm** le Fionnlagh MacLeòid (Acair 1990)

b.

B' ann le Toff, an duine beag bragail sin, a bha am bàta. Chaidh a dheagh ainmeachadh, le a dheise dhaor ghleasach agus a lèine is a thaidh shìoda. Chanadh a' mhòr chuid gun robh e beartach mu thràth, ach 's e bha beartach a' ciallachadh dha Toff gum biodh na milleanan aige anns a' bhanca.

Cha b' ionann sin agus Sgiobair le aodach robach agus dòighean a cheart cho robach. B' esan a bha coma ged nach biodh sgillinn aige sa bhanca fhad 's a gheibheadh e an ath phinnt. B' ann ann an Dùn Deagh a thogadh e ach bha e a-nis a' fuireach ann an Lunnainn far an robh bean fhad-fhulangach gu tric a' feitheamh ris mar Phenelope a' feitheamh Ulysses.

Chaidh Hardy a thogail ann an Glaschu, ged a bha esan cuideachd a' fuireach ann an Lunnainn. Bha aodach iasgair air. Duine cruaidh, le sùilean cruaidh. B' ann ainneamh a dhèanadh e gàire.

td. 8 – 9 **Iain agus na Drogaichean** le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1993)



Tuairisgeul mu aodach, dachaigh, teaghlach no obair airson barrachd mun character a shealltainn

a.

A h-uile latha a bhiodh Coinneach is Peigi a' coinneachadh anns a' chafaidh bhiodh cailleach na suidhe faisg orra aig bòrd leatha fhèin. Bha còta ragach donn oirre 's bhiodh i na suidhe an siud fad an latha ag òl an aon chupan cofaidh 's a' sealltainn a-mach ris a' mhuir anns an robh bàtaichean Steòrnabhaigh aig fois mar ìomhaighean ann an sgàthan.

... ..
Bho bhàsaich a fear fichead bliadhna air ais, b' e seo a beatha, na suidhe anns an aon àite gach latha ach Là na Sàbaid, a' feuchainn ri cumail fhèin blàth, 's an taigh a dh'fhàg i air a cùlaibh làn de threallaich de gach seòrsa, seann phàipearan a bha air a dhol buidhe, botail fhalamh de dh'uisge-beatha, agus am bùrn a' ruith gun sgur às a' ghoc.

td. 1 agus 3 **A Pheigi a Ghràidh** le Iain C. Mac a' Ghobhainn (Acair 1993)

b.

Ràinig Uilleam taigh a sheanar 's bha am fear sin mar a b' àbhaist na shuidhe aig deagh theine mònach. Ged is e an samhradh fhèin a bh' ann bu toigh leis blàths.

Td. 45-46 **Caisteal an Reubadair** le Dòmhnall Dòmhnallach (Acair 1989)



Teacsaichean Eile le Tuairisgeul de Character:

Measgachadh de thuirisgeul, chòmhradh agus thachartasan:

td. 5 –7 Na Solais anns a' Bhàgh le Seònaid NicNèill (*Acair 1990*)

td. 7 – 10 Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (*Stòrlann/Acair 2001*)

td. 59 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

coltas: td. 8 Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind (*Clàr 2000*)

td. 1 – 2 An Dannsa mu Dheireadh le Iain C Mac a' Ghobhainn (*Acair 1992*)

td. 12 – 13 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (*Acair 1991*)

Tubaist td. 27 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn (*Acair 1996*)

smuaintean: td.1-3 Uisge na Beatha ann an Sgeulachdan Grimm le Fionnlagh MacLeòid

td. 48 An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach (*Acair 1994*) "*Càit an cuir sinn ... an seo.*"

td. 6, 9, 13 is eile ann an Bliadhna Theàrlaich le Alasdair Caimbeul

gnìomhan: td.5, 10 , 25 An Dannsa mu Dheireadh le Iain C. Mac A' Ghobhainn (*Acair 1992*)

td. 25 –27 Disathairn' le Donnchadh MacGill'losa (*Acair 1992*) '*Co aige riamh ...*'

td. 31 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)

cainnt:

td.6 – 7 Rum do Choigreach le Ann Turnbull (*Acair 1998*)

td. 8 Mealladh am Malta le Sheila NicLeòid (*Acair 1993*)

td 40 – 43 An Dannsa mu Dheireadh le Iain C. Mac A' Ghobhainn (*Acair 1992*)

td. 32 – 33 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

beachdan:

td. 26 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (*Acair 1994*)

'Rinn Freydis gàire mus saoiladh iad gun robh i bog ...'

td.9, 52 An Dannsa mu Dheireadh le Iain C. Mac A' Ghobhainn (*Acair 1992*)

td. 31 Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (*Stòrlann/Acair 2001*)



buaidh air caractaran eile:

td 20 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann Acair 2002*)

td. 43 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann Acair 2001*) 'Bha rudeigin mu dheidhinn Aonghais ..

Anns an Sgoil td. 22 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn (*Acair 1996*)


coimeas eadar caractaran:

td.12, 18 Rum do Choigreach le Ann Turnbull (*Acair 1998*)

td.2, 12 Fèill an Dàmhair le Seònaid NicNèill (*Acair 1992*)

td. 5, 8, 33, 52 An Siopsaidh & an t-Aingeal





Duilleag-planaidh – Character

Ainm a' charactair:.....

Ainm:

Ann an leabhar / film / prògram TBh?

Tìotal: Sgrìobhadair:

An e seo am prìomh charactar no charactar eile?

Dè nì an charactar anns an sgeulachd?

Dè is toil leatsa mu dheidhinn a' charactair seo?

Cuir cearcall mu na 3 buadhairean as fheàrr a sheallas co ris a tha an caractar coltach:

àbhaisteach	annasach	sunndach	gruamach
math dheth	truagh	càirdeil	droch nàdarrach
calma	gealtach	àlainn	grànda
olc	còir	èibhinn	glic
gòrach	leisg	beòthail	cinnteach às fhèin

Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gu bheil an caractar mar seo?

Am bu toil leat a bhith ann am brògan a' charactair sin?

Carson?

Ciamar a tha an caractar coltach riutsa?



Caractar is toil leam

Ainm:

Smaoinich air caractar is toil leat ann an leabhar, film no prògram TBh. Leugh seo. Lìon a-steach na beàrnan (.....). Ma tha roghainn ann tha na faclan ann an **clò eadailteach**. Sgòr às na faclan nach eil freagarrach. (m.e. ~~leabhar~~ / film / ~~program TBh~~). Nuair a tha thu deiseil leugh an duilleag a-rithist agus dèan cinnteach gu bheil i ceart.

Is toil leamsa an caractar anns an

leabhar / film / program TBh a

sgrìobh **'S e / Chan e** an caractar

seo am prìomh caractar. Anns an sgeulachd bidh an caractar

seo


.....

Is toil leam an caractar seo oir tha e / i

(treun, èibhinn, dona, coibhneil, glic, inntinneach, neo-àbhaisteach, càirdeil, coltach ri)

Tha / Chan eil an caractar coltach riumsa.

Tha mi a' smaointinn gu bheil an caractar a' coimhead mar seo:




Caractar - duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh earrannan **a.** agus **b.** a-rithist agus freagair na ceistean seo.

a. A bheil tuairisgeul de caractar an-còmhnaidh a' tighinn aig toiseach stòiridh?



b. Carson a tha e math a bhith a' measgachadh tuairisgeul de caractar le còmhradh agus tachartasan?

c. Cleachd am fiosrachadh a th' air a thoirt seachad gus dealbh a dhèanamh de fhear de na caractaran à earrann **a.** no à earrann **b.**

Seo

Thagh mi e oir: (✓ no x)

Tha tuairisgeul math dhe ann.

Tha e furasta fhaicinn nam inntinn.



d. Ath-sgrìobh faclan bho gach earrann a sheallas
ciamar a bha na caractaran a' bruidhinn no a' gluasad.

earrann **a**:

earrann **b**:



e. Seo fiosrachadh mu charactar:

Tha i goirid agus caol le sùilean gorma agus falt brèagha. Is toil leatha
teanas agus beathaichean. Tha i rud beag diùid ach bidh i a'
gaireachdainn tòrr. Tha i air ùr thighinn dhan sgoil agad ach tha i rud
beag nas òige na thusa.


Leig ort gu bheil thu a' sgrìobhadh stòiridh agus tha an nighean seo
a' tighinn a-steach dhan stòiridh. Gu h-ìosal sgrìobh an earrann a sheallas
don leughadair co ris a tha i coltach. **Cleachd measgachadh de
thuaisgeul, còmhradh agus tachartasan.**



Caractar - duilleag-obrach 2

Ainm:

Leugh earrannan **a.** **b.** agus **c.** a-rithist agus freagair na ceistean seo.



a. Dè an caractar as fheàrr leat? (*Ruairidh, Anne Marie, Aonghas ann an earrann a. a' chailleach ann an earrann b., an siopsaidh bho earrann c. no Iain no Miss Macdonald ann an earrann d.*)

b. Carson?

c. Cleachd am fiosrachadh a th' air a thoirt seachad gus dealbh a dhèanamh de fhear de na caractaran seo.

Seo

Thagh mi e/i oir: (✓ no x)

1. Tha tuairisgeul math dhe / dhi ann.

2. Tha e furasta fhaicinn / a fhaicinn nam inntinn.



d. Tagh cuideigin anns a' chlas no lorg dealbh de chuideigin ann an iris agus sgrìobh tuairisgeul dhe no dhi. Feuch an seall thu don leughadair:

- * gur e caractar laghach a th' ann / innte
- * dè seòrsa aodainn a th' aige / aice
- * ciamar a bhios e / i a' gluasad
- * dè seòrsa aodaich a tha air /oirre.



.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

Nuair a tha thu deiseil, leugh na sgrìobh thu. An urrainn dhut an tuairisgeul a dhèanamh nas inntinniche ann an dòigh sam bith?
Coimhead air ais air na h-earrannan **a.** **b.** agus **c.** a-rithist airson dùsgadh-inntinn fhaighinn.



Caractar - duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo paragraf mu dheidhinn cuilean aighearach agus na smuaintean is faireachdainnean aige air latha fliuch.

Chaidh Ruadh chun an dorais agus choimhead e a-mach. 'S e latha garbh a bh' ann le uisge a' dòrtadh sìos à speur dorch. Bha e air a dhòigh glan. "Sgoinneil", smaoinich e ris fhèin. "Is toil leam an t-uisge. Thèid mi dhan phàirc agus cluichidh mi anns na pollagan. Chan eil càil as fheàrr leam na plubadaich!" Le sin, ruith e a-mach, a' crathadh earbaill agus a' gàireachdainn le toileachas.



Seo caractaran eadar-dhealaichte:

cailleach ghreannach nighean bheag shunndach cat pròiseil
balach a tha dèidheil air spòrs bodach truagh gun dachaigh

a. Tagh fear de na caractaran agus ath-sgrìobh am paragraf shuas airson sealltainn smuaintean a' caractair sin air latha fliuch. A bheil e/i toilichte no mì-thoilichte? Dè chanas e ris fhèin no dè chanas i rithe fhèin? Dè nì e / i ? Carson a tha e / i a' faireachdainn mar sin?

b. Feuch an aon rud a-rithist le caractar eadar-dhealaichte bhon liosta shuas no le caractar agad fhèin.



Caractar - duilleag-obrach 4

Ainm:

Nì caractaran eadar-dhealaichte an aon rud ann an dòighean eadar-dhealaichte. Is urrainn dhut na diofaran a shealltainn le bhith a' taghadh ghnìomhairean, co-ghnìomhairean agus samhlaidhean freagarrach.

a. Atharraich an seantans seo airson an caractar anns na camagan a shealltainn. Chaidh a' chiad tè a dhèanamh dhut.

Dh'ith e a' chèic.

(cuideigin ann an cabhaig) Stob e a' chèic na bheul cho luath 's a b' urrainn dha.

(cuideigin tinn)

(cuideigin àrdanach)

b. Feuch an aon rud le na seantansan agus caractaran seo:

1. Shreap i a' chraobh.

(cuideigin treun)

(cuideigin lag)

(cuideigin sean)

(cuideigin gòrach)



2. "Cha do rinn mise e," thuir am balach.

(balach mì-mhodhail)

(balach fo eagal)

(balach sàmhach)

3. Choimhead i orm.

(nighean choibhneil)

(burraidh)

(nighean bhrònach)



Caractar - duilleag-obrach 5

Ainm:

Seo earrann bho stòiridh ach cha do chleachd an sgrìobhadair ach 'thuirt' a h-uile turas agus cha do chleachd i co-ghnìomhairean sam bith.

Leugh an earrann agus dèan nas fheàrr i le bhith a' cleachdadh gnìomhairean agus co-ghnìomhairean freagarrach a sheallas barrachd mu na caractaran. Faodaidh tu rudan eile atharrachadh cuideachd airson an stòiridh a dhèanamh nas inntinniche.

"Càite an robh thusa fad an fheasgair?" thuirt Màiri ri Peadar. Bha i feargach. Bha i air a bhith a' feitheamh ris airson ùine mhòr.

"Tha mi duilich," thuirt Peadar. Bha e brònach. "Thuit mi far mo bhaidhsagail agus thug e ùine mhòr dhomh coiseachd air ais." thuirt e.

"A bheil thu ceart gu leòr?" thuirt Màiri.

"Tha," thuirt Peadar. Choisich an dìthis aca dhan phàirc. "Tha taibhse anns a' phàirc seo," thuirt Peadar.

"Chan eil mi gad chreidsinn," thuirt Màiri. Chùm iad orra agus chluich iad anns a' phàirc gus an do dh'fhàs i dorch.

"S fheàrr dhuinn a dhol dhachaigh," thuirt Peadar. Air an t-slighe a-mach às a' phàirc chuala iad fuaim neònach air an cùlaibh. "Dè bha siud?" thuirt iad le chèile. An uair sin chuala iad cuideigin ag ràdh

"Cuidich mi."




Caractar - duilleag-obrach 6

Ainm:

a. Leugh an cuibhreann seo bho earrann a. a-rithist.

... bha gillean òga na sgìre, co-dhiù a' chuid mhòr dhiubh, dèidheil air a bhith na cuideachd, agus a bhith còmhla rithe anns an danns.



Ath-sgrìobh an cuibhreann mu chuideigin nach eil cho taitneach, cuideigin a bhios daoine a' seachnadh.

.....

.....

.....

.....

.....

.....



b. Seo samhla bho earrann b:

Bha cuideigin air a ràdh, nan cuireadh tu stais air, gu robh e air a bhith coltach ri Adolf Hitler.

Smaoinich fhèin air caractar agus dèan coimeas eadar an caractar agad agus cuideigin ainmeil. (m.e. seinneadair, cuideigin ann an eachdraidh no ann am film no stòiridh ainmeil, a' bhànrigh, cuideigin ainmeil ann an saoghal spòrs...)



C. Coimhead a-rithist air an earrainn seo bhon sgeulachd Cinderella. Cuir loidhne fon h-uile cuibhreann a tha a' sealltainn gu bheil na leth-pheathraichean olc.

Bha dìthis nighean aig a' bhean ùr seo. Bha iad bòidheach is aotrom, ach bha an cridhe dorch agus olc. Cha b' fhada gus an robh iad a' dèanamh a beatha searbh dham piuthar ùir.


"Carson a tha ise na suidhe a-staigh an seo còmhla rinne?" chanadh iad. "Feumaidh i a cosnadh a dhèanamh ma tha dùil aice fuireach an seo."

Agus thug iad air falbh a h-aodach math agus thug iad dhi seann aodach glas agus brògan trom fiodh a bhiodh oirre.

"Abair nighean sgiobalta," chanadh iadsan 's iad a' fanaid. Bha iad a' lachanaich, 's shàth iad sìos dhan chidsin i.

d. 'Thorhall an t-sealgair – thàinig gaoir na feòil leis an eagal, a' smaoinichadh air.'

Air cùl na duilleige sgrìobh barrachd tuairisgeul de Thorhall (m.e. a choltas, gnìomhan, a chainnt, dòigh-beatha) agus dèan dealbh dhe.




Caractar - duilleag-obrach 7

Ainm:

Coimeas eadar Caractaran

a. Leugh an tuairisgeul seo de caractar:




Choisich boireannach agus duine a-steach dhan rum. Bha am boireannach àrd agus caol – mar bhior. Bha aodach spaideil oirre agus seudan luachmhor.

Thuig mi anns a' mhionaid gu robh i gu math cinnteach aiste fhèin ach cha robh coltas càirdeil oirre idir. Bha gàire air a h-aodann gun teagamh, ach 's e gàire uaibhreach fuar a bh' ann agus nuair a choimhead i orm mhothaich mi nach robh gàire sam bith na sùilean.

Smaoinich air a' bhoireannach. Am faic thu i nad inntinn? Sgrìobh fhèin tuairisgeul den duine a thàinig a-steach còmhla ris a' bhoireannach seo, a' dèanamh coimeas eatorra. A bheil iad coltach ri chèile no a bheil an duine gu math eadar-dhealaichte? Dè seòrsa caractair a th' anns an duine? A bheil thu ag iarraidh gun toil no nach toil leis an leughadair e? Dè an coltas a th' air? Ciamar a bhios e a' gluasad? A bheil e càirdeil?



b. Leig ort gu bheil thu a' sgrìobhadh stòiridh anns a bheil thusa a' tachairt ri character ùr bho linn eile. Cùm a' dol leis an tuairisgeul seo den character ùr, a' dèanamh coimeas eadar e fhèin agus thusa.



Chuala mi fuaim air mo chùlaibh agus thionndaidh mi gu luath. Chunnaic mi cuideigin a' ruith air falbh tron choille. Ruith mi às a dhèidh agus cha b' fhada gus an d' fhuair mi grèim air a chòta. Cò bh' ann ach balach òg, rud beag na b' òige na mi fhèin. Bha ...




Caractar - duilleag-obrach 8

Ainm:

Na Innis! Seall!

a. Leugh an seantans seo bhon leabhar
A Pheigi a Ghràidh a-rithist.



Bha còta ragach donn oirre 's bhiodh i na suidhe an siud fad an latha ag òl an aon chupan cofaidh 's a' sealltainn a-mach ris a' mhuir ...

td. 1 A Pheigi a Ghràidh le Iain C. Mac a' Ghobhainn

Dè tha seo a' sealltainn mun caractar? Cuir loidhne fo na rudan a tha thusa a' smaointinn a tha fìor mun chaillich.

- | | | |
|--------------------|---------------------|---------------------|
| 1. Tha i beartach. | 2. Tha i bochd. | 3. Tha i toilichte. |
| 4. Tha i brònach. | 5. Tha i aonranach. | 6. Tha i fallain. |



b. Feuch fhèin ri seantans a sgrìobhadh mu dheidhinn gach caractair, a' sealltainn co ris a tha iad coltach. Na cleachd am facal anns na camagan idir. Chaidh a' chiad tè a dhèanamh dhut.

1. Sìne (leisg) Cha bhiodh Sìne ag èirigh idir ro dheich uairean anns a' mhadainn.

2. Ailean (beartach)

3. Ealasaid (dìcheallach)

4. Murchadh (tinn)

5. Liusaidh (droch-nàdarrach)

6. Boris (dèidheil air coimpiutairean)

7. Mairead (coibhneil)



Caractaran / Pearsachan


Seo dòighean air caractaran a chruthachadh airson stòiridhean:-

- * Na cleachd cus caractaran – tha 3 gu leòr airson stòiridh ghoirid.
- * Mus tòisich thu, smaoinich dè seòrsa caractaran a tha gu bhith anna.
(*èibhinn, neònach, diùid, glic, feargach, gòrach, bragail, dona, mì-mhodhail, bochd ...*)
- * Cleachd dealbhan de dhaoine no smaoinich air daoine is aithne dhut airson caractar a chruthachadh
- * Smaoinich mu na caractaran agad agus dèan dealbh dhiubh nad cheann. Dè dhèanadh iad ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte?
- * A bheil thu ag iarraidh gur toil no nach toil leis an leughadair an caractar?
- * Chan fheum an tuairisgeul uile a bhith aig toiseach na stòiridh. Thoir seachad fiosrachadh eile mun caractar aig àitichean freagarrach.
- * Measgaich tuairisgeul de na caractaran le còmhraidh agus tachartasan.
- * **Seall** co ris a tha caractar coltach. **Na innis** an-còmhnaidh!

Seall caractar tro :

- * a choltas
- * a smuaintean
- * a ghnìomhan
- * a chainnt
- * beachdan caractaran eile air
- * a bhuidh air caractaran eile anns an stòiridh
- * coimeas eadar caractaran
- * Tuairisgeul de dh'aodach agus dachaigh airson sealltainn a bheil caractaran bochd, beartach, salach, sgiobalta etc. agus dè an obair a th' aca.
- * Tuairisgeul den teaghlach agus dachaigh ma tha e feumail anns an stòiridh. (m.e. Dad cruaidh, Mamaidh ro thrang airson èisteachd, bràthair beag draghail)
- * Tagh gnìomhairean a tha a' sealltainn barrachd mun caractar
(m.e. **dh'èalaich** an àite **chaidh**)





Caractaran

Coltas

Dòigh-labhairt

Smuaintean

Faireachdainnean

Gnìomhan


Dòigh-beatha

Buaidh air caractaran eile

Beachdan caractaran eile

Coimeas le caractaran eile

Eadar-dhàimh



Mìneachadh:

An càirdeas no dìth càirdeis eadar caractaran ann an stòiridh.
Mar a bhios caractaran a' faighinn air adhart le chèile.



Ro-ràdh

A bharrachd air na caractaran fhèin ann an stòiridh, tha an dàimh (*relationship*) eadar na caractaran cudromach. Gu math tric 's e an eadar-dhàimh seo a bhios a' toirt strì a-steach dhan stòiridh. Anns an earrainn seo, chì sinn mar a bhios sgrìobhadairean a' sealltainn an dàimh eadar na prìomh caractaran.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Bruidhinn mu na faclan 'dàimh' agus 'eadar-dhàimh'. Dh'fhaodadh a' chlann 'dàimh' a lorg ann am faclair. Brosnaich iad gus mìneachadh airson nam faclan a sgrìobhadh nan leabhraichean-nota sgrìobhaidh.
- Iarr air na sgoilearan paragraf no dhà a sgrìobhadh mun dàimh eadar iad fhèin agus bràthair, piuthar no caraid. Dèan cinnteach gun tuig iad nach e dìreach tuairisgeul den duine a tha aca ri sgrìobhadh ach gu bheil aca ri sealltainn am beachd air an duine agus carson a tha iad a' faireachdainn mar sin mu dheidhinn. Dèan 'brainstorm' mus tòisich iad air faclan agus abairtean a dh'fhaodadh a bhith feumail. Brosnaich iad an thesaurus [Dòigh Eile air a Ràdh](#) a chleachdadh. Seo feadhainn airson tòiseachadh:

deagh charaid a' faighinn air adhart gu math coibhneil rium

ag argamaid a' trod a' cur dragh orm gam thuigsinn

a-mach air a chèile gam dhèanamh fiadhaich làn dhe / dhi fhèin

a' tarraing mo choise moiteil à ag eudach ri sgìth dhe / dhi

mar as trice fad na h-ùine an-còmhnaidh

an-dràsta 's a-rithist a latha 's a dh'oidhche

- Seo earrannan bho stòiridhean a tha a' sealltainn eadar-dhàimh gu math. Tha tòrr de na h-earrannan bho na leabhraichean aig Aonghas Pàdraig Caimbeul. Gu dearbh, 's e eadar-dhàimh nan caractaran fear de na cuspairean as làidire anns an leabhar aige An Siopsaidh & an t-Aingeal. Dh'fhaodadh an clas no a' bhuidheann an stòiridh seo a leughadh air fad, mar phàirt den obair air eadar-dhàimh agus caractaran ann an leughadh.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Tha an t-ùghdar, Aonghas Pàdraig Caimbeul, math air sgrìobhadh mu dheidhinn eadar-dhàimh nan caractaran anns na sgeulachdan aige. Leugh an leabhar seo no leabhar eile leis an aon sgrìobhadair, a' toirt sùil gheur air mar a sgrìobhas e mu caractaran agus an dàimh eatorra.



a. Seo earrann bho thoiseach an leabhair An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul, far am faic sinn an dàimh eadar Annag is Ruairidh.

B' e piuthar is bràthair a bh' ann an Annag is Ruairidh. Bha esan ceithir mionaidean na bu shine na ise, ach bha ise ceithir ceudameatar na b' àirde na esan.

"Nì nì nì nì nì," chanadh esan. "Tha mise nas motha na thusa!"

"Chan eil thu," chanadh ise. "Seall, tha mise fada nas àirde na thusa," 's sheasadh i air a chùlaibh a' dèanamh aodann stùirceach grànda.

'S ruitheadh i air falbh an uair sin, chun a' choimpiutair, no a-mach dhan gharaid, far an robh i a' togail plèan dhi fhèin.

Td. 5 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/ Acair 2002*)

Puingean ri Dheasbad:

- A bheil thu a' smaointinn gu bheil deagh dhàimh eadar Annag is a bràthair?
- Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?
- A bheil dàimh mar seo eadar thu fhèin agus duine sam bith?
- A bheil thu a' smaointinn gu bheil an dithis aca coltach ri chèile?
- Tha Ruairidh a' magadh air Annag. Ciamar a sheall an sgrìobhadair sin?
(*Nì nì nì nì nì - tha seo a' sealltainn ciamar a bha e a' bruidhinn.*)
- An e seo rud a thachair dìreach aon turas no tric? (*tric*)
- Ciamar a tha fios agad? (*Chleachd an sgrìobhadair 'chanadh' an àite 'thuirt'*)



b. Seo earrann eile bhon aon chaibideil, far a bheil Annag a' beachdachdadh air a pàrantan.

“Feumaidh mi rudeigin a dhèanamh,” bheachdaich Annag. “Chan eil Mam 's Dad cho neònach 's cho annasach ri seo aig neach eile san t-saoghal. Tha iad dìreach eagalach, dìreach tàmailteach fhèin.”

Td. 8 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/ Acair 2002*)

Puingean ri Dheasbad:

- Faodaidh sgrìobhadair eadar-dhàimh a shealltainn tro chòmhradh is gnìomhan (mar ann an earrainn A) no tro smuaintean nan caractar (mar ann an earrainn B).
- Saoil carson a tha an eadar-dhàimh seo cudromach airson na stòiridh? (*Tha e a' toirt a-steach cuspair na sgeulachd, gu bheil Annag mì-riaraichte is gum bi i a' feuchainn ri rudeigin atharrachadh.*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleag-obrach 1** (*Chan eil seo furasta. Tha na ceistean a' toirt air na sgoilearan beachdachdadh mu eadar-dhàimh nan caractaran. Tha am beachdachdadh nas cudromaiche an seo na freagairtean ceart. Airson cuid de na ceistean dh'fhaodadh barrachd air aon fhreagairt a bhith ceart. Brosnaich a' chlann gus adhbharan a thoirt dhut airson an roghainn.*)
- Sgrìobh còmhradh goirid eadar dithis caractaran airson sealltainn gum bi iad tric a' dol a-mach air a chèile.
- Sgrìobh paragraf airson toiseach stòiridh, far a bheil am prìomh caractar a' beachdachadh air caractar eile a bhios a' cur dragh air/oirre fad na h-ùine.
- Leugh An Siopsaidh & an t-Aingeal suas gu mullach td. 66.



C. Tha an càirdeas eadar daoine agus beathaichean cudromach ann an cuid de stòiridhean. Seo mar a sheallas an t-ùghdar, Aonghas Pàdraig Caimbeul, an dàimh eadar Annag agus a cù ann an An Siopsaidh an t-Aingeal:

“A Dhìlis,” thuirte Annag an uair sin, ‘s i a’ coimhead gu geur air a’ chù, a bha air a bhith ga leantainn mu chuairt an taighe. “Eil fhios agadsa air rudeigin? Dè thachair? Eil fhios agad?”

Bha Dìleas a’ coimhead oirre gu gràdhach. A shùilean mòra donna, soilleir agus bàidheil. Ach gun chomas labhairt.

“Trohad. Trohad an seo,” thuirte Annag ris, ‘s ghluais Dìleas a-null thuice gu socair.

Shlìob Annag a cheann gu dùrachdach, gaolach.

“A Dhìlis. Nis. Coimhead orm, ‘s innis dè thachair.”

Choimhead Dìleas gu dìreach air Annag.

Chuir iad an aodainn ri chèile, sròn ri sròn, cha mhòr sùil ri sùil.

O, am breisleach a bha dol ann an eanchainn Dhìlis bhochd! Na chunnaic e ‘s na bha e airson innse, ‘s nach b’ urrainn dha!

Td. 66 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/ Acair 2002*)

Puingean ri Dheasbad:

- A bheil an t-ùghdar a’ sealltainn an dàimh eadar Annag agus Dìleas gu math?
- Ciamar a nì e sin, nuair nach urrainn don chù bruidhinn?
- Bruidhinn mu dheidhinn leabhraichean eile a leugh a’ chlann, anns a bheil dàimh cudromach eadar daoine agus beathaichean.
- Ciamar a tha an dàimh eadar beathaichean is daoine eadar-dhealaichte bhon dàimh eadar daoine fhèin?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleag-obrach 2**
- Sgrìobh dàn mun deagh chàirdeis eadar balach/ nighean agus beathach. Dèan ‘brainstorm’ air faclan agus abairtean feumail mus tòisich thu.
- Leugh An Siopsaidh & an t-Aingeal suas gu td. 90. Seall gu h-àraidh air td. 80-81 far a bheil Annag a’ bruidhinn ris an aingeal.



d. Seo earrann eile bho faisg air deireadh an leabhair far an ionnsaich Annag dè tha aice ri dhèanamh gus rudan a chur ceart anns an dachaigh aice.

“... tha fhios ‘am glè mhath dè bha iad ag iarraidh co-dhiù: ise ag iarraidh tuilleadh teòclaid, esan ag iarraidh gun cunntainn dha, ‘s Roly-Poly ag iarraidh gu ruithinn a-mach a bhùth nan coimpiutairean airson gèam ùr. Mar nach robh gu leòr dhe na rudan sin aca cheana! Cha leigeadh iad a leas mise an cuideachadh gus tuilleadh fhaighinn: nach eil mo mhàthair faisg air spreadhadh le teòclaid; nach eil m’ athair faisg air a dhol às a rian a’ ruith; ‘s nach eil Ruairidh Reamhar coma co-dhiù mu dheidhinn rud sam bith fhad ‘s a tha e ceangailte ri coimpiutair! Chan eil feum sam bith aca ormsa!”

Chuir an siopsaidh a làmhan timcheall làmhan Annaig. “Annag! Annag! Coimhead orm!”

‘S rinn i sin.

“Na creid sin idir, idir – na thuirt thu, tha mi a’ ciallachadh. Tha feum mhòr aca ortsa – ‘s e sin am feum as motha a th’ aca san t-saoghal. Chan eil feum aca air teòclaid ‘s air na trealaich mhillteach tha sin, ceart gu leòr, ach tha feum mhòr aca ortsa.”

“‘S dè am feum tha sin?” dh’fhaighnich Annag.

“Tha,” ars an t-aingeal, “gràdh a shealltainn dhaibh. Rud a dhèanamh dhaibh nach do rinn duine o chionn ùine mhòir, mhòir: cùram mòr a ghabhail mun deidhinn.”

“‘S ciamar a nì mi sin? Oir ged a bhithinn ag iarraidh, cha b’ urrainn dhomh, oir chan eil gràdh agam orra. ‘S beag orm iad: tha iad iargalta. Nas miosa na na Munsters! Ciamar as urrainn dhòmhsa gràdh a shealltainn dha Mamaidh a tha na laighe an sin a là ‘s a dh’oidhche ag ithe theòclaidean ‘s a’ sìor fhàs reamhar, ‘s dha Dadaidh aig nach eil dragh sam bith mu rud sam bith ach ruith, is ruith, is ruith, ‘s dha bràthair a tha coma co-dhiù ged bhiodh an saoghal a’ bàsachadh fhad ‘s tha gèam coimpiutair aige airson cluich air!”

“Bheir mi cumhachd dhut,” thuirt an siopsaidh.



Puingean ri Dheasbad:

- Carson a thuir Annag “Chan eil feum sam bith aca ormsa!”?
- A bheil an siopsaidh ag aontachadh leatha?
- Carson a chuir an siopsaidh a làmhann timcheall làmhann Annaig?
- Am bi e furasta do dh’Annag gràdh a shealltainn don teaghlach aice? Carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleag-obrach 3**
- Leugh gu deireadh an leabhair.
- Sgrìobh mun dòigh a dh’atharraich an dàimh eadar Annag agus a teaghlach, no eadar Annag agus an siopsaidh anns an leabhar. Beachdaich air na puingeann seo: Dè seòrsa eadar-dhàimh a bh’ ann aig toiseach an leabhair? Carson a bha e mar sin? Dè bha ceàrr mu dheidhinn? Cò/dè a dh’adhbaraich an t-atharrachadh? Dè an eadar-dhàimh a bh’ ann aig deireadh an leabhair?



e. Seo earrann mu eadar-dhàimh eadar dithis nighean ann an sgoil bhon sgeulachd ghoirid A' Gabhail Bratha le Iain C. Mac a' Ghobhainn.

... bha nighean anns an sgoil, mu h-aois fhèin, còig bliadhna deug, a' gabhail bratha oirre. Bhiodh i a' fanaid air a h-aodach, oir bha aodach brèagha oirre fhèin an-còmhnaidh. Dh'fheumadh Catrìona, bho dh'fhàg a h-athair (bha iad bochd), aodach na sgoile no uniform a chur oirre. Agus cha robh mòran de na sgoilearan a bha a' dèanamh sin.

Agus cuideachd bha i feuchainn ri a dìcheall a dhèanamh le a leasanan. Agus cha bhiodh an nighean seo, b' e Barbara a bh' oirre, a' dèanamh a leasanan idir idir. Agus bha beul salach aice cuideachd 's bhiodh i mionnan ri Catrìona.

Dè b' urrainn do Chatrìona a dhèanamh? Mu dheireadh cha robh i airson a dhol don sgoil idir.

Td. 41 Seallaidhean Sùla le Iain Mac a' Ghobhainn (Acair 1996)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha a' gabhail bratha a' ciallachadh?
- Tha an dàimh doirbh eadar an dithis nighean air a shealltainn tro choimeas eatorra. Tha an t-ùghdar a' sealltainn nach eil iad idir coltach ri chèile ach ann an aois a-mhàin. Dè na dòighean anns a bheil iad eadar-dhealaichte?
- Saoil ciamar a bhios seo cudromach airson plota na sgeulachd?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Dèan plana airson stòiridh ghoirid mu dheidhinn dithis characteran a tha gu math eu-coltach ri chèile. Seall mar a thig iad gu bhith nan deagh charaidean. (Tha duilleag-planaidh airson seo air **duilleag-obrach 4** no dh'fhaodadh na sgoilearan am planaichean fhèin a dhèanamh.)



f. Anns an earrann seo, bhon leabhar Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul, tha an t-ùghdar a' cleachdadh còmhradh airson an dàimh eadar prìomh charactaran na sgeulachd a shealltainn:

Choimhead (Màiri) air a' choineanach bheag neo-chiontach. An innseadh i dha, no nach innseadh? Ach, thuirte i leatha fhèin, tha e cheart cho math dhomh. "Disneyland," thuirte i an uair sin. "Sin a bha a' cur orm. Eil fhios agad air an seo, a choineanaich bhig, tha h-uile neach sa chlas agamsa air a bhith ann an Disneyland no ann an Disneyworld – cuid dhiubh air a bhith san dà àite – 's chan eil mise. Chan eil airgead gu leòr againn. Uill, sin a bhios mo mhàthair ag ràdh co-dhiù."

"Do mhàthair bhoichd," thuirte an coineanach.

"Dè tha thu a' ciallachadh: Do mhàthair bhoichd?"

"Uill, 's i tha," ars an coineanach, "'s aice ri cur suas riutsa, 's ri do bhràthair Iain. An t-seachdain seo bha do cho-là-breith ann, 's dè fhuaire i dhut – Walkman; an t-seachdain ron sin, co-là-breith Iain – geansaidh Man U an sin. An uair sin Nollaig, is Samhain, is Càisg. Brògan is briogaisean is sgiortaichean dhut airson na sgoile, peansailean is pinn is leabhraichean do dh'Iain. Ticeadan airson panto, is cuairtean dhan cinema, is burgers is bhidiothan! Do mhàthair bhoichd!"

Bha Màiri a' faireachdainn beagan duilich airson a màthar ceart gu leòr. "Ach tha h-uile duine eile a' faighinn sin, agus barrachd. Seall Emma – tha ise dìreach air tilleadh à Disneyworld, airson an dàrna turas, 's iad a' dol gu Disneyland as t-Fhoghar."

Aig an sin, rinn an coineanach cruinn-leum, 's land e air a glùn. "Phhh," thuirte e. "Na gabh thusa dragh. Chan fhiach e."



Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a sheall an t-ùghdar nach robh Màiri buileach cinnteach mu dheidhinn a dàimh leis a' choineanach an toiseach? (*cha robh i cinnteach am bu chòir dhi rudeigin innse dha.*)
- Carson a rinn i suas a h-inntinn gun innseadh? (*bha earbsa gu leòr aice ann, shaoil i gu robh e 'neo-chiontach'.*)
- Tha an coineanach a' toirt comhairle do Mhàiri? Saoil carson?
- Tha caractar eile feumail ann a bhith ag atharrachadh eadar-dhàimh nan caractaran ann an stòiridhean. Tha an coineanach a' toirt air Màiri smaointinn mu a màthair ann an dòigh eile. Ciamar? (*Chì e rudan bho thaobh a màthar, chì esan gu bheil i a' dèanamh tòrr dhi, bha Màiri dìreach a' gearan mu na rudan nach robh i a' faighinn dhi.*)
- Dè am faireachdainn as làidire a tha aig Màiri mu Emma? (*farmad / eud*)



g. Tha eud eadar caractaran cudromach ann an tòrr stòiridhean. 'S e eud no farmad a bhios a' brosnachadh caractaran rudan a dhèanamh gu math tric. Leugh an earrann bheag seo bhon sgeulachd Clann Lìr.

Bha duine ann aon uair dom b' ainm Lìr. Bha triùir mhac aige agus aon nighean.

Fhuair bean Lìr bàs agus an ceann greise ghabh e bean eile. Smaoinich a' bhean seo gu robh barrachd gràidh aig Lìr don chloinn na bha aige dhise. Bhuail eud i.

Aon latha dh'iarr i air a' chloinn a dhol a shnàmh anns an loch. Bhuail i iad leis an t-slaic dhraoidheachd agus rinn i ceithir ealachan dhiubh.

Bho 'Clann Lìr', sgeulachd thraidiseanta

Puingean ri Dheasbad:

- Carson a tha an dàimh eadar bean ùr Lìr agus a' chlann cudromach airson plota na sgeulachd seo? (*'S e eud a thug oirre an tionndadh nan ealachan.*)
- Smaoinich air stòiridhean eile anns a bheil eud cudromach. (*m.e. Ròs Bhàn – Sgeulachdan Grimm td. 74*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dèan plana airson stòiridh ghoirid air a' chuspair 'eud'. Cò tha eudach ri cò agus carson? Dè thachras air sgàth seo? Faodaidh an stòiridh a bhith fìor no mac-meanmach!



h. Seo earrann eile bhon leabhar Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul, a' sealltainn eas-aonta eadar caractaran.

"Seall an uair," ars an Ceann Suidhe, 's e air tighinn air ais a-staigh a-rithist, an turas seo dìreach leis fhèin. "Deich mionaidean gu meadhan-latha. Chan eil againn ach deich mionaidean, a Ghranaidh 'IcAsgaill. Carson nach eil thu air sin a chàradh?"

Stad Granaidh 'IcAsgaill is choimhead i air.

"A chionn 's nach eil fhios 'am dè tha cearr, 's co-dhiù," thuirt i gu geur, "chan e mise chuir ceàrr e sa chiad àite. 'S chan e mise a chuir an t-amaideas prògram a-steach sa chiad àite. 'S chan e mise a cheangail e ris an armachd niuclasach. 'S chan e mise a thog an armachd niuclasach. Chan e mise as coireach ma thèid sian ceàrr. Chan eil ùghdarras agamsa mar a tha agadsa stad a chur air na rudan grànda sin. Chan eil annam-sa ach einnseanar. Thusa Ceann Suidhe nan Stàitean Aonaichte. 'S ann agadsa a tha an cumhachd stad a chur air an uabhas seo. 'S ann agadsa a tha an cumhachd – ma chuireas mise an coimpiutair air dòigh anns na h-ochd mionaidean a th' air fhàgail – dèanaibh cinnteach nach urrainn dha leithid tachairt a-rithist. 'S ann agadsa a tha an cumhachd cur às do na bomaichean uile gu lèir."

Chaidh an Ceann Suidhe air a ghlùinean air a beulaibh.

"A Ghranaidh 'IcAsgaill," thuirt e, "tha mi a' mionnachadh an seo, air mo ghlùinean, gun dèan mi sin ma chàiricheas tusa an coimpiutair 's ma shàbhalas tu sinn uile an-diugh."

Thug Granaidh sùil air Màiri, 's thàinig Màiri a-nall far an robh an dithis aca.

"Eil thu cinnteach?" dh'fhaighnich Màiri dha. "Eil thu toirt gealladh dhòmhsa, ma chuireas sinne air dòigh an coimpiutair, gun cuir thusa às dha na bomaichean niuclasach?"

"Tha," thuirt an Ceann Suidhe, 's e a' gal. "Tha. Tha. Tha. Tha mi a' toirt gealladh.

Bha an gleoc a' sealltainn dà mhionaid gu meadhan-latha.



Puingean ri Dheasbad:

- Cò an caractar as làidire nad bheachd-sa, Granaidh 'IcAsgaill no an Ceann-Suidhe?
- Uaireannan bidh an dàimh eadar caractaran ag atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh anns a bheil iad. Carson a tha 'làmh-an-uachdair' aig Granaidh 'IcAsgaill an seo? (*Is ise an aon neach a shàbhalas a h-uile duine.*)
- Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil Granaidh 'IcAsgaill feargach ris a' Cheann Suidhe? (*Tha i ga choireachadh airson ioma rud le ath-aithris 'chan e mise... chan e mise ... chan e mise ...*)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Dèan plana airson stòiridh mu chuideigin (thu fhèin 's dòcha) a' cuideachadh neach ainmeil. Ciamar a fhuair thu a-steach dhan t-suidheachadh sin? Carson a bha an duine ainmeil feumach air cuideachadh? Carson a chaidh thusa a thaghadh? Dè rinn thu? Feuch an seall thu an dàimh eadar thu fhèin agus an duine ainmeil aig toiseach na sgeulachd. Ciamar a tha an dàimh sin ag atharrachadh? Dè an dàimh a tha eadaraibh aig deireadh na sgeulachd?



Teacsaichean feumail eile airson eadar-dhàimh

Rum do Choigreach le Ann Turnbull (*PRG/Acair 1998*) 'S e an dàimh eadar Doreen agus Rhoda fear de na prìomh chuspairean anns an nobhail seo agus is fhiach an leabhar air fad a leughadh airson faicinn mar a bhios an dàimh sin ag atharrachadh. Seo earrannan a tha a' dèiligeadh gu h-àraidh leis an eadar-dhàimh: td. 12-13, td. 30, td.40, td.45-46, td.53-55, td.59-60, td. 63-68, 71-77, td. 84

Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fidler (*PRG/Acair 1997*) Leabhar math airson coimhead air an dàimh eadar Tenko, balach à àiteigin eile, agus na daoine ann an Skara Brae – tha cuid dhiubh càirdeil ris ach tha feadhainn ann a tha na aghaidh.
Td. 13, 18-19, 31, 45, 81-82, 85


Oidhche air Tom na h-Iùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (*Stòrlann/Acair 2001*)
Tha caibideil 2 a' sealltainn gu math an dàimh eadar Seònaid agus a bràthair òg Seumas.
Tha tòrr ann mun dàimh eadar Seònaid agus a h-athar agus a caraidean.
Seo cuid dhiubh: td. 16-17, 28, 39, 43, 51, 59-60, 81-85

Na dìochuimhnich òrain is bàrdachd!

Seo feadhainn fheumail bhon phasgan Aon, Dhà, Tri (*PRG/HC/Cànan 1999*)

- 'Fraochan' le Dòmhnall MacDhòmhnaill 11-2-4
- 'Mi fhìn is mo chuilean' 11-2-3
- O luaidh 12-3
- Ho rì, ho rò, mo nionag 12-7





Eadar-dhàimh - duilleag-obrach I

Ainm:

a. Leugh td. 5-20 den leabhar An Siopsaidh & an t-Aingeal agus freagair na ceistean seo le bhith a' taghadh an fhreagairt as fheàrr.



1. Dè seòrsa dàimh a tha eadar Annag agus a bràthair?

- a) Gheibh iad air adhart gu dòigheil mar as trice
- b) tha iad cho rèidh ri dà cheann eich
- c) chan eil iad a' tuigsinn a chèile ro mhath



2. Dè tha aca ann an cumantas?

- a) Is toil leotha na h-aon rudan.
- b) Tha iad cha mhòr an aon aois.
- c) Tha iad a' coimhead gu math coltach ri chèile.

3. Chanadh athair Annag rithe, "Chan eil mi airson gu fàs thusa coltach ri d' mhàthair" oir:

- a) Cha bu toil leis a bhean.
- b) Bha e ag iarraidh gum biodh Annag coltach ris fhèin
- c) Cha robh e ag aontachadh ri a bhean

4. Cha d' fhuair an teaghlach litir airson bliadhnachan oir:

- a) Cha bhiodh iad a' freagairt litir sam bith.
- b) Cha robh fios aig duine sam bith càit' an robh iad a' fuireach.
- c) Cha robh caraidean aca air fhàgail.

5. Shrac Dìleas an litir na trì pìosan oir:

- a) Bu toil leis Giorstaidh, Ruairidh agus Annag gu mòr.
- b) Bha e smaointinn nach fhaigheadh e càil bho athair Annag.
- c) 'S e cù gòrach a bh' ann.

6. Chaidh Seòras seang às a rian (td.15) oir:

- a) Bha e fiadhaich nach d' fhuair e pìos den litir.
- b) 'S e litir dhàsan a bh' innte
- c) Is toil leis a bhith a' roinn rudan.

7. Thuirt Giorstaidh, Ruairidh agus Annag "Thalla thusa 's ruith!" ri Seòras (td.16) oir:

- a) Bha iad airson a chuideachadh a bhith cumail fallain.
- b) Bha iad ga iarraidh a-mach às an rathad.
- c) Bha fhios aca gu robh e ag iarraidh ruith.

b.

"Feumaidh mi rudeigin a dhèanamh," bheachdaich Annag. "Chan eil Mam 's Dad cho neònach 's cho annasach ri seo aig neach eile san t-saoghal. Tha iad dìreach eagalach, dìreach tàmailteach fhèin." td. 8

Nam bu tusa Annag, dè dhèanadh tu airson an dàimh eadar thu fhèin agus do phàrantan a dhèanamh na b' fheàrr? Smaoinich air trì rudan eadar-dhealaichte a dh'fhaodadh Annag fheuchainn. Sgrìobh do bheachdan air duilleag eile.



Eadar-dhàimh - duilleag-obrach 2

Ainm:

- a. Seall a-rithist air an earrann seo bhon leabhar An Siopsaidh & an t-Aingeal:

Bha Dìleas a' coimhead oirre gu gràdhach. A shùilean mòra donna, soilleir agus bàidheil. Ach gun chomas labhairt.

"Trohad. Trohad an seo," thuirte Annag ris, 's ghluais Dìleas a-null thuice gu socair.

Shliob Annag a cheann gu dùrachdach, gaolach.

"A Dhìlis. Nis. Coimhead orm, 's innis dè thachair."

Choimhead Dìleas gu dìreach air Annag.

Chuir iad an aodainn ri chèile, sròn ri sròn, cha mhòr sùil ri sùil.

1. Dè na co-ghnìomhairean a chleachd an t-ùghdar airson an càirdeas eadar Annag agus Dìleas a shealltainn? Lorg 3.

2. Dè am facal bhon earrainn seo, nad bheachd-sa, as fheàrr a sheallas gu bheil earbsa aig Dìleas ann an Annag?



3. Tha gnìomhan nan caractaran a' sealltainn an eadar-dhàimh glè mhath anns an earrainn seo. Dèan dealbh de dh'Annag agus Dìleas a sheallas an eadar-dhàimh seo.



4. An e deagh ainm dhan chù seo a th' ann an Dìleas? _____

Minich do fhreagairt.

b. Dèan plana airson stòiridh mu dheidhinn a' chàirdeis eadar thu fhèin, no caractar mas-fhìor, agus beathach. Feuch an seall thu carson a tha deagh dhàimh eadaraibh, an robh an dàimh an-còmhnaidh math agus, mura robh, dè dh'atharraich e.


Nuair a tha thu toilichte leis a' phlana agad, sgrìobh an stòiridh. Cuimhnich gur e an eadar-dhàimh an rud as cudromaiche anns an stòiridh seo!



Eadar-dhàimh - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Leugh an earrann seo bhon leabhar An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul. Tha an t-aingeal a' bruidhinn ri Annag mun teaghlach aice.



Tha feum mhòr aca ortsa - 's e sin am feum as motha a th' aca san t-saoghal. Chan eil feum aca air tèòclaid 's air na trealaich mhillteach tha sin, ceart gu leòr, ach tha feum mhòr aca ortsa."

"'S dè am feum tha sin?" dh'fhaighnich Annag.

"Tha," ars an t-aingeal, "gràdh a shealltainn dhaibh. Rud a dhèanamh dhaibh nach do rinn duine o chionn ùine mhòir, mhòir: cùram mòr a ghabhail mun deidhinn."

"'S ciamar a nì mi sin? Oir ged a bhithinn ag iarraidh, cha b' urrainn dhomh, oir chan eil gràdh agam orra. 'S beag orm iad: tha iad iargalta. Nas miosa na na Munsters!

1. Am bi e furasta do dh'Annag gràdh a shealltainn don teaghlach aice?
2. Carson?
3. A bheil Annag a' tuigsinn a pàrantan?
4. Saoil carson a tha iad mar a tha iad?



5. Thuirt Annag, *“Oir ged a bhithinn ag iarraidh, cha b’ urrainn dhomh, oir chan eil gràdh agam orra.”* Dè nach eil i ag iarraidh a dhèanamh?

b. Seo earrann bhon leabhar *Am Fear Òg 's an Tuagh Umha* le Kathleen Fiddler. Cuir loidhne fo na faclan is abairtean a tha a’ sealltainn gu bheil Kali agus Tenko dèidheil air a chèile.

Bha Kali anns an leabaidh chloiche aice fhèin agus thug i an aire dha a’ falbh. Dh’èirich i mar gum biodh faileas agus lean i e a-mach. An uair a ràinig i iomall a’ bhaile dh’èigh i às a dhèidh, “Fuirich riumsa, Tenko.”

Thionndaidh esan an uair a chuala e a guth agus dh’fhuirich e rithe. “Càit a bheil thu a’ dol, Tenko?” dh’fhaighnich i agus crith na guth.

“Direach a choimhead air a’ mhuc-mhara.”

“Cha robh, cha robh thu dol a dh’fhalbh anns a’ bhàta agad?”

“Tha fhios gu dearbh nach robh!” fhreagair Tenko.

Ann an solas na gealaich chunnaic e na deòir ann an sùilean Kali.

“Dè tha ag obair ort, Kali?” dh’fhaighnich Tenko gu socair.

“An geall thu dhòmhsa nach fhalbh thu gu bràth às an eilean gun mise thoirt leat?” dh’fhaighnich ise gu dùrachdach.

Td. 81 *Am Fear Òg 's an Tuagh Umha* le Kathleen Fiddler


c. Sgrìobh mu dheidhinn dìthis characteran, mar gu bheil thu gan toirt a-steach do stòiridh a tha thu a’ sgrìobhadh. Seall tron còmhradh, tron smuaintean no tron gnìomhan gu bheil iad nan deagh charaidean agus gur toigh leotha a bhith a’ dèanamh a h-uile rud còmhla.



Eadar-dhàimh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Cleachd an duilleag-planaidh seo airson plana a dhèanamh airson stòiridh mu dheidhinn dìthis characteran a tha gu math eu-choltach ri chèile, ach a thig gu bhith nan deagh charaidean.



Character 1

Ainm

Tuairisgeul

Character 2

Ainm

Tuairisgeul

Ciamar agus càit' an tachair iad ri chèile an toiseach?

Dè am beachd a tha aig character 1 air character 2?

Dè nì e/i?

Carson?

Faclan airson sealltainn nach toil leotha a chèile



Dè thachras airson am beachd seo atharrachadh?

Cuin?

Càit'?

Ciamar?

Dè seòrsa dàimh a tha eatorra aig
deireadh na sgeoil?

An seall thu seo tron:
còmhradh
smuaintean
gnìomhan

Notaichean is faclan eile a bhios feumail dhomh anns an stòiridh seo:



B' e piuthar is bràthair a bh' ann an Annag is Ruairidh. Bha esan ceithir mionaidean na bu shìne na ise, ach bha ise ceithir ceudameatar na b' àirde na esan.

"Nì nì nì nì nì," chanadh esan. "Tha mise nas motha na thusa!"

"Chan eil thu," chanadh ise. "Seall, tha mise fada nas àirde na thusa," 's sheasadh i air a chùlaibh a' dèanamh aodann stùirceach grànda.

'S ruitheadh i air falbh an uair sin, chun a' choimpiutair, no a-mach dhan gharaid, far an robh i a' togail plèan dhi fhèin.

Td. 5 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/ Acair 2002)

"Feumaidh mi rudeigin a dhèanamh," bheachdaich Annag. "Chan eil Mam 's Dad cho neònach 's cho annasach ri seo aig neach eile san t-saoghal. Tha iad dìreach eagalach, dìreach tàmailteach fhèin."

Td. 8 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/ Acair 2002)



"A Dhìlis," thuir Annag an uair sin, 's i a' coimhead gu geur air a' chù, a bha air a bhith ga leantainn mu chuairt an taighe. "Eil fhios agadsa air rudeigin? Dè thachair? Eil fhios agad?"

Bha Dìleas a' coimhead oirre gu gràdhach. A shùilean mòra donna, soilleir agus bàidheil. Ach gun chomas labhairt.

"Trohad. Trohad an seo," thuir Annag ris, 's ghluais Dìleas a-null thuice gu socair.

Shlìob Annag a cheann gu dùrachdach, gaolach.

"A Dhìlis. Nis. Coimhead orm, 's innis dè thachair."

Choimhead Dìleas gu dìreach air Annag.

Chuir iad an aodainn ri chèile, sròn ri sròn, cha mhòr sùil ri sùil.

O, am breisleach a bha dol ann an eanchainn Dhìlis bhochd! Na chunnaic e 's na bha e airson innse, 's nach b' urrainn dha!

Td. 66 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/ Acair 2002)



“... tha fhios ’am glè mhath dè bha iad ag iarraidh co-dhiù: ise ag iarraidh tuilleadh teòclaid, esan ag iarraidh gun cunntainn dha, ’s Roly-Poly ag iarraidh gu ruithinn a-mach a bhùth nan coimpiutairean airson gèam ùr. Mar nach robh gu leòr dhe na rudan sin aca cheana! Cha leigeadh iad a leas mise an cuideachadh gus tuilleadh fhaighinn: nach eil mo mhàthair faisg air spreadhadh le teòclaid; nach eil m’ athair faisg air a dhol às a rian a’ ruith; ’s nach eil Ruairidh Reamhar coma co-dhiù mu dheidhinn rud sam bith fhad ’s a tha e ceangailte ri coimpiutair! Chan eil feum sam bith aca ormsa!”

Chuir an siopsaidh a làmhan timcheall làmhan Annaig. “Annag! Annag! Coimhead orm!”

’S rinn i sin.

“Na creid sin idir, idir – na thuirt thu, tha mi a’ ciallachadh. Tha feum mhòr aca ortsa – ’s e sin am feum as motha a th’ aca san t-saoghal. Chan eil feum aca air teòclaid ’s air na trealaich mhillteach tha sin, ceart gu leòr, ach tha feum mhòr aca ortsa.”

“’S dè am feum tha sin?” dh’fhaighnich Annag.

“Tha,” ars an t-aingeal, “gràdh a shealltainn dhaibh. Rud a dhèanamh dhaibh nach do rinn duine o chionn ùine mhòir, mhòir: cùram mòr a ghabhail mun deidhinn.”

“’S ciamar a nì mi sin? Oir ged a bhithinn ag iarraidh, cha b’ urrainn dhomh, oir chan eil gràdh agam orra. ’S beag orm iad: tha iad iargalta. Nas miosa na na Munsters! Ciamar as urrainn dhòmhsa gràdh a shealltainn dha Mamaidh a tha na laighe an sin a là ’s a dh’oidhche ag ithe theòclaidean ’s a’ sìor fhàs reamhar, ’s dha Dadaidh aig nach eil dragh sam bith mu rud sam bith ach ruith, is ruith, is ruith, ’s dha bràthair a tha coma co-dhiù ged bhiodh an saoghal a’ bàsachadh fhad ’s tha gèam coimpiutair aige airson cluich air!”

“Bheir mi cumhachd dhut,” thuirt an siopsaidh.



... bha nighean anns an sgoil, mu h-aois fhèin, còig bliadhna deug, a' gabhail bratha oirre. Bhiodh i a' fanaid air a h-aodach, oir bha aodach brèagha oirre fhèin an-còmhnaidh. Dh'fheumadh Catrìona, bho dh'fhàg a h-athair, (bha iad bochd), aodach na sgoile no uniform a chur oirre. Agus cha robh mòran de na sgoilearan a bha a' dèanamh sin.

Agus cuideachd bha i feuchainn ri a dìcheall a dhèanamh le a leasanan. Agus cha bhiodh an nighean seo, b' e Barbara a bh' oirre, a' dèanamh a leasanan idir idir. Agus bha beul salach aice cuideachd 's bhiodh i mionnan ri Catrìona.

Dè b' urrainn do Chatrìona a dhèanamh? Mu dheireadh cha robh i airson a dhol don sgoil idir.

Td. 41 Seallaidhean Sùla le Iain Mac a' Ghobhainn (Acair 1996)



Choimhead (Màiri) air a' choineanach bheag neo-chiontach. An innseadh i dha, no nach innseadh? Ach, thuirte i leatha fhèin, tha e cheart cho math dhomh. "Disneyland," thuirte i an uair sin. "Sin a bha a' cur orm. Eil fhios agad air an seo, a choineanaich bhig, tha h-uile neach sa chlas agamsa air a bhith ann an Disneyland no ann an Disneyworld - cuid dhiubh air a bhith san dà àite - 's chan eil mise. Chan eil airgead gu leòr againn. Uill, sin a bhios mo mhàthair ag ràdh co-dhiù."

"Do mhàthair bhoichd," thuirte an coineanach.

"Dè tha thu a' ciallachadh: Do mhàthair bhoichd?"

"Uill, 's i tha," ars an coineanach, "'s aice ri cur suas riutsa, 's ri do bhràthair Iain. An t-seachdain seo bha do cho-là-breith ann, 's dè fhuair i dhut - Walkman; an t-seachdain ron sin, co-là-breith Iain - geansaidh Man U an sin. An uair sin Nollaig, is Samhain, is Càisg. Brògan is briogaisean is sgiortaichean dhut airson na sgoile, peansailean is pinn is leabhraichean do dh'Iain. Ticeadan airson panto, is cuairtean dhan cinema, is burgers is bhidiothan! Do mhàthair bhoichd!"

Bha Màiri a' faireachdainn beagan duilich airson a màthar ceart gu leòr. "Ach tha h-uile dui' eile a' faighinn sin, agus barrachd. Seall Emma - tha ise dìreach air tilleadh à Disneyworld, airson an dàrna turas, 's iad a' dol gu Disneyland as t-Fhoghar."

Aig an sin, rinn an coineanach cruinn-leum, 's land e air a glùn. "Phhh," thuirte e. "Na gabh thusa dragh. Chan fhiach e."



Bha duine ann aon uair dom b' ainm Lìr. Bha triùir mhac aige agus aon nighean.

Fhuair bean Lìr bàs agus an ceann greise ghabh e bean eile. Smaoinich a' bhean seo gu robh barrachd gràidh aig Lìr don chloinn na bha aige dhise. Bhuail eud i.

Aon latha dh'iarr i air a' chloinn a dhol a shnàmh anns an loch. Bhuail i iad leis an t-slaic dhraoidheachd agus rinn i ceithir ealachan dhiubh.

Bho 'Clann Lìr', sgeulachd thraidiseanta



“Seall an uair,” ars an Ceann Suidhe, ‘s e air tighinn air ais a-staigh a-rithist, an turas seo dìreach leis fhèin. “Deich mionaidean gu meadhan-latha. Chan eil againn ach deich mionaidean, a Ghranaidh ‘IcAsgaill. Carson nach eil thu air sin a chàradh?”

Stad Granaidh ‘IcAsgaill is choimhead i air.

“A chionn ‘s nach eil fhios ‘am dè tha ceàrr, ‘s co-dhiù,” thuirt i gu geur, “chan e mise chuir ceàrr e sa chiad àite. ‘S chan e mise a chuir an t-amaideas prògram a-steach sa chiad àite. ‘S chan e mise a cheangail e ris an armachd niuclasach. ‘S chan e mise a thog an armachd niuclasach. Chan e mise as coireach ma thèid sian ceàrr. Chan eil ùghdarras agamsa mar a tha agadsa stad a chur air na rudan grànda sin. Chan eil annam-sa ach einnseanar. Thusa Ceann Suidhe nan Stàitean Aonaichte. ‘S ann agadsa a tha an cumhachd stad a chur air an uabhas seo. ‘S ann agadsa a tha an cumhachd – ma chuireas mise an coimpiutair air dòigh anns na h-ochd mionaidean a th’ air fhàgail – dèanaibh cinnteach nach urrainn dha leithid tachairt a-rithist. ‘S ann agadsa a tha an cumhachd cur às do na bomaichean uile gu lèir.”

Chaidh an Ceann Suidhe air a ghlùinean air a beulaibh.

“A Ghranaidh ‘IcAsgaill,” thuirt e, “tha mi a’ mionnachadh an seo, air mo ghlùinean, gun dèan mi sin ma chàiricheas tusa an coimpiutair ‘s ma shàbhalas tu sinn uile an-diugh.”

Thug Granaidh sùil air Màiri, ‘s thàinig Màiri a-nall far an robh an dìthis aca.

“Eil thu cinnteach?” dh’fhaighnich Màiri dha. “Eil thu toirt gealladh dhòmhsa, ma chuireas sinne air dòigh an coimpiutair, gun cuir thusa às dha na bomaichean niuclasach?”

“Tha,” thuirt an Ceann Suidhe, ‘s e a’ gal. “Tha. Tha. Tha. Tha mi a’ toirt gealladh.

Bha an gleoc a’ sealltainn dà mhionaid gu meadhan-latha.




Strì



Mìneachadh:

spàirn, duilgheadas, teanntachd, na faireachdainnean a tha aig cuideigin nuair a tha e/i ann an suidheachadh doirbh, mì-chinnteach no dòchasach.



Leughadh gus meòrachadh
air bun-bheachdan agus
ceàird an ùghdair - Ìre D.

Ro-ràdh:

Ann an cha mhòr a h-uile stòiridh tha trioblaid air choreigin; rudeigin no cuideigin air chall, caractaran ag iarraidh rudan eadar-dhealaichte, caractaran a' feuchainn ri àite a ruighinn no a' feitheamh gus an tachair rudeigin math no dona agus mar sin air adhart.

Tha an t-ùghdar ag iarraidh gum fairich an leughadair an suidheachadh anns a bheil na caractaran anns an stòiridh. Chì sinn an seo cuid de na dòighean a bhios sgrìobhadairean a' cleachdadh airson strì a shealltainn anns an sgrìobhadh aca.

Stiùireadh do Thidsearan:

Bruidhinn an toiseach mu dheidhinn dè tha strì a' ciallachadh. Dè an trioblaid a tha ro caractaran ann an sgeulachdan ainmeil:

m.e. An t-Isean Grànda – chan eil caraidean aice,
Na Tri Mucan Beaga – feumaidh iad am madadh-allaidh a sheachnadh
Cinderella – tha i ag iarraidh a dhol chun bhàla
Pinocchio – tha e ag iarraidh bhith na bhalach cheart

Ma tha an clas no a' bhuidheann leughaidh anns a' chlas a' leughadh leabhar le deagh eisimpleirean de strì ann bruidhinn mu dheidhinn dè an seòrsa strì a th' ann, ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn na strì sin agus dè an diofar a nì e don phlota.

Tha ceithir earrannan an seo airson sgrùdadh còmhla ris a' chlas air fad no ri buidhinn leughaidh. An dèidh gach earrainn tha liosta de phuingeann airson deasbad. Tha duilleag-obrach ann airson gach earrainn agus gnìomhan sgrìobhaidh eile.

Dh'fhaodadh lethbhreac den earrainn a bhith aig gach sgoilear no dh'fhaodadh iad coimhead air an earrainn anns an leabhar. Dh'fhaodadh iad na freagairtean a sgrìobhadh air na duilleagan-obrach no dh'fhaodar na duilleagan-obrach a chleachdadh airson bruidhinn mu dheidhinn na teacsa ann am buidhinn no clas. Gu math tric chan eil freagairt ceart ann. 'S e beachdan nan sgoilearan (agus an tidseir!) a tha cudromach. B' fhiach deasbad a dhèanamh air beachdan diofraichte na cloinne agus an tidseir.

Aig deireadh a' chaibidil tha liosta le teacsaichean eile a tha a' sealltainn strì ann an dòighean eadar-dhealaichte. Gabhaidh seo a chur ris.

Tha duilleag ann cuideachd a' sealltainn nam prìomh phuingeann ann an dòigh nas soilleire. Dh'fhaodadh an duilleag seo a bhith aig gach sgoilear nam pasganan sgrìobhaidh airson an cuideachadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh.

a. Seo earrann bhon leabhar Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind. Tha Eilidh dìreach air tilleadh don seann dachaigh aice ann an Dail Chuinnidh. Chan eil rudan mar bu chòir dhaibh a bhith:

Ach nuair a chaidh i a-steach cha b' urrainn dhi an sealladh a chunnaic i a chreidsinn. B' ann dhan chidsin a chaidh i an toiseach. Bha na dràthraichean aicean uile air am fosgladh 's na bh' annta nan cruachan air an làr. Gach sgian, gach forc, gach spàin air a dhòrtadh a-mach. Cha robh cùisean dad na b' fheàrr anns an rum-chòmhnaidh, far an robh a h-uile leabhar air a leagail far nan sgeilpichean 's iad nan laighe hibealag-hobalag feadh an ùrlair. 'S bha cuideigin air a bhith a' tionndadh an t-sòfa bun-os-cionn agus bha cuiseanan nan cathraichean air a thilgeil air feadh an àite.

Le eagal na h-uchd, chaidh Eilidh suas an staidhre agus b' e an aon rud a thachair rithe anns na seòmraichean cadail. Gach stiall aodaich a bha sna preasan air an ùrlar.

Dè idir a bha air tachairt? 'S dè bu chòir dhi a dhèanamh? Bha e coltach gur e mèirlich a bha air a bhith ann ach, mas e, dè ghoid iad? Cha robh càil a dh'fhios aig Eilidh. Am bu chòir dhi am poileas fhaighinn? Chaidh i sìos an staidhre agus a-mach leatha air an t-sràid na deann-ruith. Cha robh solas aig na nàbaidhean ach ghnog i air an doras co-dhiù. Cha d' fhuair i freagairt. Feumaidh gu robh iad air falbh.

td. 13-14 Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind (Clàr 2000)

Puingean ri Dheasbad:

* **ceistean** - Cia mheud ceist a th' ann? Ciamar a tha iad a' sealltainn na stri? A bheil freagairtean air a thoirt seachad? Co ris a tha Eilidh a' bruidhinn? (rithe fhèin) Cuin a bhios tusa a' faighneachd cheistean dhut fhèin?



* **seantansan goirid** – Lorg seantansan goirid. A bheil iad a' cuideachadh gu a bhith a' sealltainn an-fhois? A bheil a h-uile seantans goirid?

* **co-ghnìomhairean** – a' sealltainn *ciamar* a ghluais Eilidh.

na deann-ruith – dè an co-ghnìomhair a chleachdadh tusa mun t-strì a bh' air Eilidh? An smaoinich thu air co-ghnìomhair eile a bhiodh freagarrach an seo airson strì a shealltainn?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Duilleag-obrach 1

* Ann am buidheann, tòisich stòr-fhacail de cho-ghnìomhairean a bhiodh feumail gus strì a shealltainn ann an sgrìobhadh.



b. Seo earrann bhon leabhar Inntinn Iain le Coinneach L. MacLeòid. Tha Ealasaid a' suidhe anns a' chàr aice ann an cathadh sneachda agus a' bhataraidh a' ruith a-mach:

Bha rudeigin air atharrachadh. Dh'èist i.

Bha ghaoth a' sèideadh na bu làidire na bha i a-riamh. Chuir i air na solais. Bha 'n sneachda a' cnapadh suas ri cliathaich a' chàir, an ìre mhath suas chun na glainne.

Gu h-obann thòisich deàrrsadh solais a' chàir a' lapadh. Choimhead Ealasaid ris an daisbòrd – bha 'n t-einnean air a dhol dheth! Chuir i car dhen iuchair ... Rinn e fuaim mar caora a' mèaranaich. Chuir i dheth na solais agus dh'fheuch i a-rithist. Cha mhòr gun do chuir an t-einnean car. Bha a' bhataraidh gu bhith flat!

Chàin i an dearbh rud a tharraing i chun a' BhMW sa chiad àite; cho sèimheil, socair 's a bha an t-einnean! Cha robh i air fhidreachdainn a' stad, 's a-nis cha robh de neart anns a' bhataraidh ach na chumadh an teasadair a' dol, agus sin fhèin a' fàilligeadh.

Dh'aithnich i sa bhad cho cudromach 's a bha cùisean. Bha an aimsir a' dùnadh mun cuairt oirre 's cha robh dòigh aice fios a leigeil do dhuine – bha fòn-siubhail na laigh air an leabaidh aig an taigh. Choimhead i mach airson solas càir no taighe, ach cha robh càil ri fhaicinn ...

td. 43–44 Inntinn Iain le Coinneach L. MacLeòid (Acair 1993)

Puingean ri Dheasbad:

* **seantansan goirid agus fada** – Lorg an seantans as giorra. Seall mar a chleachd an t-ùghdar measgachadh de sheantansan goirid agus seantansan nas fhaide. Mar seo tha barrachd buaidh aig na seantansan goirid.

* **suidheachadh agus atmosphere** – ma tha pearsachan ann an suidheachadh doirbh bidh iad a' faireachdainn na strì nas motha. An seo tha an aimsir a' dèanamh rudan nas miosa do dh'Eilidh.



* **dotagan agus clisg-phuingean** – Ciamar a tha iad seo a' sealltainn strì?

* **strì a' meudachadh** – (*agus bha sin fhèin a' fàilligeadh, gaoth a' sèideadh na bu làidire na bha i a-riamh, an aimsir a' dùnadh mun cuairt oirre*) – uile a' sealltainn gu bheil rudan a' fàs nas miosa!

* dith cuideachaidh – chan eil am fòn faisg oirre, chan eil duine ri fhaicinn, no solas, chan eil fhios aice ciamar a gheibh i cuideachadh.

* **co-ghnìomhairean** – *gu h-obann, sa bhad, na bu làidire*

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Duilleag-obrach 2

* Cuir ris an stòr-fhacail de cho-ghnìomhairean a bhiodh feumail gus strì a shealltainn ann an sgrìobhadh.



C. Seo earrann bhon leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler a tha a' sealltainn na strì a tha ann nuair a mhothaicheas Garth gu bheil Tenko air falbh leis an tuagh aige. Tha Garth agus a charaidean a' ruith às a dhèidh agus tha Tenko agus a charaidean Kali agus Brocan a' feuchainn ri teicheadh anns na bàtaichean a dh'fhàg iad am falach air an tràigh.

Rinn e (*Tenko*) air an allt agus chùm e ris a' bhruaich os a chionn. Bha fhios aige gun toireadh seo e chun na tràghad. Cha do stad e idir ach bha e gu math faiceallach càit an cuireadh e a chasan. Nan tuiteadh e dh'fhaodadh càch breith air. Bha e gan cluinntinn a' glaothaich às a dhèidh. Mu dheireadh sgaoil an t-allt air an tràigh.

Ghabh Tenko na leum sìos chun a' chladaich. "Càit a bheil sibh, Kali agus a Bhrocain?" dh'èigh e.

Nochd iad bho chùl creige.

"Ruithibh! Ruithibh dhan uaimh!" dh'èigh iad riutha. "Feumaidh sinn na bàtaichean fhaighinn a-mach mus ruig Garth an cladach!"

"Seall, Tenko, seall!" dh'èigh Brocan, le iomagain na ghuth.

Bha Tenko air dìochuimhneachadh gum biodh an làn na b' àirde na bha e aig èirigh na grèine an latha roimhe sin. Bha an sàl a' flodraich mu bheul na h-uamha! Bhiodh e ro dhomhainn dha Brocan coiseachd troimhe.

"Coisich a-mach dhan uaimh cho fada 's as urrainn dhut," dh'èigh Tenko. "Thèid mise a dh'iarraidh nam bàtaichean."

Sheot e a thuagh ann an làmhnan Kali agus ruith e tro na glumagan, agus a' chlann air a shàil. Cha b' fhada gus an robh e gu a mheadhan anns an uisge agus thòisich e a' snàmh gu làidir. Ràinig e beul na h-uamha agus chaidh e às an t-sealladh, a-steach na broinn. B' e an t-eagal fhèin a thug neart dha. Shlaod e an catamaran sìos am banca cas chun an uisge. Rug e air ràmh agus phut e sìos a dh'uisge na bu doimhne e agus an uair sin chaidh e air bòrd. Dhà no trì de bhuillean cruaidhe 's bha e aig beul na h-uamha. Thug e sùil a-nall air a' bhàgh. Bha treubh Saebar a' dòrtadh sìos bho na bacannan gainmhich. Cha bhiodh ach mionaid no dhà gus am beireadh iad air a' chloinn.

"Air an t-snàmh! Air an t-snàmh, an dithis agaibh!" dh'èigh e ri Kali agus ri Brocan. "Leig às an tuagh, Kali, agus thig a-nall an taobh seo."

Chuir Kali an aghaidh Tenko dhan turas seo. Rug i air cas na tuaghach le a fiaclan agus chaidh i air an t-snàmh, agus Brocan air a sàil. Shlaod Tenko air bòrd iad dìreach an uair a thòisich Garth air grunnachadh gus a dhol às an dèidh.

"Seo dhut an tuagh, Tenko!" thuirt Kali.

Thilg Tenko i a dheireadh a' bhàta.

"Nis, ma-tà," dh'èigh e ris an dithis eile, "cho luath 's a rinn sibh a-riamh!"



Puingean ri Dheasbad:

- * **na faclan a thagh an t-ùghdar** – m.e. gnìomhairean a' sealltainn cabhag (*cha do stad, ghabh Tenko na leum, ruith, sheot, dh'èigh, thilg*) agus co-gnìomhairean (*mu dheireadh, air a sàil, dìreach, às an dèidh, luath, gu làidir*)
- * **seantansan goirid agus clisg-phuingean** (m.e. *Ruithibh! Ruithibh dhan uaimh!*)
- * **measgachadh de chòmhradh agus thuairisgeul** – a' sealltainn suidheachadh agus faireachdainnean
- * **ath-aithris** (m.e. *“Seall, Tenko, seall!”*, *“Air an t-snàmh! Air an t-snàmh, an dithis agaibh!”*)
- * **trioblaidean a' meudachadh** (Garth a' tighinn nas fhaisge, an làn a-staigh, tuagh aig Kali ri gualainn oir tha e priseil do Tenko)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 3
- * Leig ort nach eil e a' cur dragh sam bith air Tenko, Kali agus Brocan gu bheil Garth agus treubh Saebar a' tighinn às an dèidh. Ath-sgrìobh an earrann seo gus nach bi strì ann. Dè na faclan a dh'fheumas tu atharrachadh? Dè mu dheidhinn puingeachadh?



d. Seo earrann eile bhon aon leabhar, Am Fear Òg 's an Tuagh Umha. Anns an earrainn seo tha Kali, Tenko agus Brocan ann an uaimh.

* Mus tòisich sibh a' deasbad air an earrainn seo, thoir lethbhreac dhi (faic deireadh a' chaibidil) do gach sgoilear agus iarr orra a leughadh gu cùramach agus loidhne a chur fo na rudan (pongadh, faclan, seantansan) a tha a' sealltainn strì.

Sheas iad far an robh iad greiseag anns an dorchadas dhubh.

"Tenko," thuit Kali mu dheireadh, "saoilidh mise nach eil i buileach cho dorcha pìos bhuainn. Nach e creag a tha mi a' faicinn?"

"Leanaidh sinn òirn air ar socair. Ach feuch am bi sibh faiceallach. Tha an sgeilp chreige seo a' fàs cumhang agus tha uisge shìos fodhainn anns a' gheodha. Lean iad Tenko, ceum air cheum, agus mac-talla-nan-creag aig na guthan aca anns an uaimh.

B' e Brocan a chunnaic an rud neònach anns an uisge shìos fodhpa.

"Seallaibh siud! Dè tha ann? Dè tha ann?" dh'fhaighnich e, le crith na ghuth 's na chnàmhan. "Dè an rud dubh a tha sin, le na làmhan mòra uabhasach? An e spiorad na h-uamha a tha ann, a' tighinn gar n-iarraidh?"

Rinn e airson teicheadh agus bha e air tuiteam sìos dhan uisge mura b' e gun do rug Tenko air 's gun do chùm e grèim teann air. Bha cridhe Tenko fhèin air a bhith a' leum 's a' bualadh gu luath gus an tug e an aire nach robh an rud a bha ann a' tighinn dad na b' fhaisge orra. Thuig e nis dè bha ann.

"Fanaibh an seo, na gluaisibh!" thuir e ri càch. "Tha mise dol a dh'fhaighinn sealladh ceart air an rud a tha ann."

"Chan eil, chan eil, Tenko," dh'èigh Brocan. "Chan eil fhios nach fhalbh e leat!"

"Chan eil mi an dùil gu falbh. Mas e an rud a tha mi an dòchas a tha ann cha dèan e cron sam bith òirn.

Thug Tenko an tuagh umha às a' phòcaid a bha na sheacaid. Ged a bha gàirdeanan an rud a bha ann a' gluasad anns an uisge cha robh iad idir a' feuchainn ri grèim fhaighinn air. Chrùb e sìos ag èaladh na b' fhaisge agus na b' fhaisge air mar gum biodh e a' sealg air nàmhaid. Bha fear de na gàirdeanan sìnte a-mach thuige. Thug Tenko a' bhuille chruaidh ud dha leis an tuagh. Leig an gàirdean brag ach cha do ghluais e. Sheas Tenko agus leig e èigh às leis an toileachas.

"Thigibh an seo! Greasaibh oirbh!" dh'èigh e. "Dìreach an rud a bha dùil agam a bha ann."

Chaidh Kali agus Brocan a-null air an socair, car eagalach.

"Dè idir a tha ann, Tenko?" dh'fhaighnich Kali fo a h-anail.



Puingean ri Dheasbad:

- * **suidheachadh agus atmosphere** (uaimh dhorch, mac-talla, cunnartach)
- * **ath-aithris** (m.e. *“Dè tha ann? Dè tha ann?”*)
- * **teagamh** – chan eil fhios aig an leughadair fhèin dè an rud a tha ann! Tha an t-ùghdar gar cumail ann an imcheist!
- * **strì a’ meudachadh** (m.e. *na b’ fhaisge agus na b’ fhaisge*)
- * **ceistean, clisg-phuingean**
- * mar a sheallas an t-ùghdar **ciamar** a bha a’ chlann a’ bruidhinn: (m.e. *le crith na ghuth, dh’èigh e, fo h-anail*)
- * chan fheum an rud a tha toirt strì a bhith dona; aig an deireadh tha fhios aig Kali agus Brocan gu bheil Tenko a’ smaointinn gu bheil an rud ceart gu leòr ach tha strì ann fhathast oir chan eil fhios aca dè an rud a tha ann.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 4
- * Leugh caibidil 5 den leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha.
- * Sgrìobh paragraf mu dheidhinn duine no daoine ann am fear de na suidheachaidhean a leanas:
 - a) a’ teicheadh bho theine
 - b) ag argamaid mu dheidhinn co leis a tha rudeigin
 - c) air chall ann am baile
 - d) a’ feuchainn ri cuideigin a chuideachadh
 - e) a’ feitheamh ri trod às dèidh dhaibh rudeigin dona a dhèanamh

Brosnaich a’ chlann gu a bhith a’ cur gu feum cuid de na dòighean a bha aig na h-ùghdaran gu h-àrd gus strì a shealltainn nan cuid sgrìobhaidh:


suidheachadh
seantansan goirid
teagamh
ath-aithris
ceistean
clisg-phuingean
tuairisgeul agus còmhraidh air am measgachadh
gnìomhairean agus co-ghnìomhairean feumail



Teacsaichean eile ri leughadh a tha a' sealltainn stri:

- * Am Fear Òg 's an Tuagh Umha td. 10-12 "*Seo agad ... Fanaibh far a bheil sibh!*"
- * Am Fear Òg 's an Tuagh Umha td. 42 "*Seall siud ... à creig.*"
- * An Rathad Dhachaigh caibideil 6 (Iseabail glaiste ann an càr ann an cathadh sneachda)
- * An Rathad Dhachaigh caibideil 19 (daoine a' feuchainn ri coiseachd dhachaigh tro chathadh sneachda)
- * Inntinn Iain caibideil 7 (Iain shuas ann an lobhta na sgoile)
- * Sràid na h-Eala caibideil 8
- * Reubairean Roisinis caibideil 9
- * Sneachd air Druim Uachdair caibideil 17





Strì - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Leugh an earrann bho Sneachd air Druim Uachdair agus freagair na ceistean seo.

1. Càite bheil Eilidh?



2. Ath-sgrìobh don seantans a tha a' sealltainn nach eil rudan mar bu chòir dhaibh a bhith.


3. Co ris a tha Eilidh a' bruidhinn nuair a tha i a' faighneachd cheistean?



4. A bheil freagairtean ann dha na ceistean a tha i a' faighneachd?

5. Ath-sgrìobh an seantans, nad bheachd sa, as fheàrr a tha a' sealltainn faireachdainnean Eilidh.

b. Leugh a' chiad dà dhuilleag den leabhar Sneachd air Druim Uachdair agus lorg rudan eile a tha a' sealltainn strì. Ath-sgrìobh an seo iad. Feuch an lorg thu co-dhiù trì rudan.



c. Air taobh eile na duilleige sgrìobh fhèin paragraf mu chuideigin a' tilleadh dhachaigh an dèidh do mhèirlich a bhith anns an taigh aca. Cuir tòrr strì ann!



Strì - duilleag-obrach 2

Ainm:

Leugh earrannan **a.** agus **b.** (bho Sneachd air Druim Uachdair agus bho Inntinn Iain)

a. 1. Dè an earrann a tha, nad bheachdsa, a' sealltainn barrachd strì?


2. Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?

3. Am b' fheàrr leat a bhith ann an suidheachadh Eilidh ann an Sneachd air Druim Uachdair no ann an suidheachadh Ealasaid ann an Inntinn Iain?

4. Carson a thagh thu an suidheachadh sin?



b. 1. Ath-sgrìobh an seantans anns an earrainn bhon leabhar Inntinn Iain as fheàrr a sheallas strì, nad bheachdsa.



2. Carson a thagh thu an seantans sin?

3. Dè an ath rud a thachras anns an leabhar, nad bheachdsa?


c. Sgrìobh paragraf, no stòiridh, mu dheidhinn chuideigin a tha steigte ann an àite far nach eil iad ag iarraidh a bhith. Cuimhnich a bhith a' sealltainn suidheachadh, faireachdainnean an duine agus tòrr strì!



Strì - duilleag-obrach 3

Ainm:

Leugh earrann c. bhon leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha agus freagair na ceistean seo. Tha barrachd air aon fhreagairt ceart. 'S dòcha nach bi an aon bheachd aig a h-uile duine anns a' bhuidhinn agad!



a. Coimhead gu mionaideach air an t-seantans

“Seall, Tenko, seall!” dh’èigh Brocan, le iomagain na ghuth.’

Tha an seantans seo a’ sealltainn tòrr de na rudan a bhios sgrìobhadairean a’ cleachdadh gus strì a shealltainn. Lorg trì dòighean anns a bheil e a’ sealltainn barrachd strì na an seantans seo:

“Seall Tenko,” thuir Brocan.

*

*

*



b. 1. Dè an seantans a tha a' sealltainn nach eil na daoine a tha air tòir Tenko fada air a chùlaibh?

2. Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil an t-eagal air Tenko? Ath-sgrìobh an seantans as fheàrr a sheallas seo.

3. Tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil treubh Saebair a' tighinn gu math luath. Ath-sgrìobh an seantans as fheàrr a sheallas seo.

4. Nad bheachdsa, dè an seantans as fheàrr a sheallas strì san earrainn seo?

c. Sgrìobh paragraf mu chuideigin a' ruith air falbh bho chuideigin eile. Feuch an seall thu na rudan seo:

- * Carson a tha e / i a' teicheadh?
- * Càite bheil e / i a' dol?
- * Dè cho faisg 's a tha an duine a tha ga ruith?
- * Dè tha a' cur bacadh air / oirre?
- * Ciamar a tha e / i a' faireachdainn?
- * Dè na smuaintean a tha a' dol tron inntinn aige / aice?



Strì - duilleag-obrach 4

Ainm:

Leugh earrann **d.** (bhon leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler) agus freagair na ceistean seo.

a. 1. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn strì anns a' chiad pharagraf?



2. Ath-sgrìobh seantans a tha a' sealltainn faireachdainnean Bhrocain.

3. Coimhead air an t-seantans seo:

'Chaidh Kali agus Brocan a-null air an socair, car eagalach.'

Chan eil uimhir de dh'iomagain air Kali no Brocan an seo, aig deireadh na h-earrainne, 's a bha orra aig an toiseach.

a) Carson nach eil?

b) Dè na faclan anns an t-seantans gu h-àrd a tha a' sealltainn nach eil uimhir de dh'eagal orra?



b. Chan eil an earrann seo a' sealltainn idir dè an rud a lorg a' chlann. Tha an sgrìobhadair a' cumail an leughadair an imcheist.


1. Dè tha thusa a' smaoineachadh a lorg iad?

2. Carson a tha thu a' smaoineachadh sin?

c. Sgrìobh cuid de na dòighean anns a bheil an sgrìobhadair a' sealltainn strì anns an earrainn seo.



d. Dèan dealbh freagarrach airson na h-earrainn gu h-àrd. Feuch an seall thu ciamar a tha a' chlann a' faireachdainn agus feuch nach seall thu don leughadairean dè an rud a tha anns an uaimh. Cùm ann an imcheist iad!



Strì

Airson strì a shealltainn ann an sgrìobhadh feuch cuid de na rudan seo:

- * seantansan goirid
- * measgachadh de chòmhradh agus thuairisgeul
- * strì a' meudachadh (m.e. na bu luaithe agus na bu luaithe)

* ceistean

* clisg-phuingean

* teagamh aig an leughadair

* imcheist

* ath-aithris

* gnìomhairean agus co-ghnìomhairean feumail

(m.e. theab, ruith, mu dheireadh, air a sàil, dìreach, cha mhòr, às a dhèidh, na deann-ruith, gu h-obann, le crith na ghuth, fo h-anail, sgreuch, cho sàmhach 's a ghabhas)



Earrann a

Ach nuair a chaidh i a-steach cha b' urrainn dhi an sealladh a chunnaic i a chreidsinn. B' ann dhan chidsin a chaidh i an toiseach. Bha na dràthraichean uile air am fosgladh 's na bh' annta nan cruachan air an làr. Gach sgian, gach forc, gach spàin air a dhòrtadh a-mach. Cha robh cùisean dad na b' fheàrr anns an rum-chòmhnaidh, far an robh a h-uile leabhar air a leagail far nan sgeilpichean 's iad nan laighe hibealag-hobalag feadh an ùrlair. 'S bha cuideigin air a bhith a' tionndadh an t-sòfa bun-os-cionn agus bha cuiseanan nan cathraichean air a thilgeil air feadh an àite.

Le eagal na h-uchd, chaidh Eilidh suas an staidhre agus b' e an aon rud a thachair rithe anns na seòmraichean cadail. Gach stiall aodaich a bha sna preasan air an ùrlar.

Dè idir a bha air tachairt? 'S dè bu chòir dhi a dhèanamh? Bha e coltach gur e mèirlich a bha air a bhith ann ach, mas e, dè ghoid iad? Cha robh càil a dh'fhios aig Eilidh. Am bu chòir dhi am poileas fhaighinn? Chaidh i sìos an staidhre agus a-mach leatha air an t-sràid na deann-ruith. Cha robh solas aig na nàbaidhean ach ghnog i air an doras co-dhiù. Cha d' fhuair i freagairt. Feumaidh gu robh iad air falbh.

td. 13-14 **Sneachd air Druim Uachdair** le Màiri Rhind (Clàr 2000)



Earrann b

Bha rudeigin air atharrachadh. Dh'èist i.

Bha ghaoth a' sèideadh na bu làidire na bha i a-riamh. Chuir i air na solais. Bha 'n sneachd a' cnapadh suas ri cliathaich a' chàir, an ìre mhath suas chun na glainne.

Gu h-obann thòisich deàrrsadh solais a' chàir a' lapadh. Choimhead Ealasaid ris an daisbòrd – bha 'n t-einnean air a dhol dheth! Chuir i car dhen iuchair ... Rinn e fuaim mar caora a' mèaranaich. Chuir i dheth na solais agus dh'fheuch i a-rithist. Cha mhòr gun do chuir an t-einnean car. Bha a' bhataraidh gu bhith flat!

Chàin i an dearbh rud a tharraing i chun a' BMW sa chiad àite; cho sèimheil, socair 's a bha an t-einnean! Cha robh i air fhidreachdainn a' stad, 's a-nis cha robh de neart anns a' bhataraidh ach na chumadh an teasadair a' dol, agus sin fhèin a' fàilligeadh.

Dh'aithnich i sa bhad cho cudromach 's a bha cùisean. Bha an aimsir a' dùnadh mun cuairt oirre 's cha robh dòigh aice fios a leigeil do dhuine – bha fòn-siubhail na laigh air an leabaidh aig an taigh. Choimhead i mach airson solas càir no taighe, ach cha robh càil ri fhaicinn ...

td. 43–44 Inntinn Iain le Coinneach I. MacLeòid (Acair 1993)



Earrann C

Rinn e (*Tenko*) air an allt agus chùm e ris a' bhruaich os a chionn. Bha fhios aige gun toireadh seo e chun na tràghad. Cha do stad e idir ach bha e gu math faiceallach càit an cuireadh e a chasan. Nan tuiteadh e dh'fhaodadh càch breith air. Bha e gan cluinntinn a' glaothaich às a dhèidh. Mu dheireadh sgaoil an t-allt air an tràigh.

Ghabh Tenko na leum sìos chun a' chladaich. "Càit a bheil sibh, Kali agus a Bhrocain?" dh'èigh e.

Nochd iad bho chùl creige.

"Ruithibh! Ruithibh dhan uaimh!" dh'èigh iad riutha. "Feumaidh sinn na bàtaichean fhaighinn a-mach mus ruig Garth an cladach!"

"Seall, Tenko, seall!" dh'èigh Brocan, le iomagain na ghuth.

Bha Tenko air dìochuimhneachadh gum biodh an làn na b' àirde na bha e aig èirigh na grèine an latha roimhe sin. Bha an sàl a' fiodraich mu bheul na h-uamha! Bhiodh e ro dhomhainn dha Brocan coiseachd troimhe.

"Coisich a-mach dhan uaimh cho fada 's as urrainn dhut," dh'èigh Tenko. "Thèid mise a dh'iarraidh nam bàtaichean."

Sheot e a thuagh ann an làmhnan Kali agus ruith e tro na glumagan, agus a' chlann air a shàil. Cha b' fhada gus an robh e gu a mheadhan anns an uisge agus thòisich e a' snàmh gu làidir. Ràinig e beul na h-uamha agus chaidh e às an t-sealladh, a-steach na broinn. B' e an t-eagal fhèin a thug neart dha. Shlaod e an catamaran sìos am banca cas chun an uisge. Rug e air ràmh agus phut e sìos a dh'uisge na bu doimhne e agus an uair sin chaidh e air bòrd. Dhà no trì de bhuillean cruaidhe 's bha e aig beul na h-uamha. Thug e sùil a-nall air a' bhàgh. Bha treubh Saobar a' dòrtadh sìos bho na bacannan gainmhich. Cha bhiodh ach mionaid no dhà gus am beireadh iad air a' chloinn.

"Air an t-snàmh! Air an t-snàmh, an dithis agaibh!" dh'èigh e ri Kali agus ri Brocan. "Leig às an tuagh, Kali, agus thig a-nall an taobh seo."

Chuir Kali an aghaidh Tenko dhan turas seo. Rug i air cas na tuaghach le a fiaclan agus chaidh i air an t-snàmh, agus Brocan air a sàil. Shlaod Tenko air bòrd iad dìreach an uair a thòisich Garth air grunnachadh gus a dhol às an dèidh.

"Seo dhut an tuagh, Tenko!" thuirt Kali.

Thilg Tenko i a dheireadh a' bhàta.

"Nis, ma-tà," dh'èigh e ris an dithis eile, "cho luath 's a rinn sibh a-riamh!"



Earrann d

Sheas iad far an robh iad greiseag anns an dorchadas dhubh.

"Tenko," thuit Kali mu dheireadh, "saoilidh mise nach eil i buileach cho dorcha pìos bhuainn. Nach e creag a tha mi a' faicinn?"

"Leanaidh sinn òirnn air ar socair. Ach feuch am bi sibh faiceallach. Tha an sgeilp chreige seo a' fàs cumhang agus tha uisge shìos fodhainn anns a' gheodha.

Lean iad Tenko, ceum air cheum, agus mac-talla-nan-creag aig na guthan aca anns an uaimh.

B' e Brocan a chunnaic an rud neònach anns an uisge shìos fodhpa.

"Seallaibh siud! Dè tha ann? Dè tha ann?" dh'fhaighnich e, le crith na ghuth 's na chnàmhan. "Dè an rud dubh a tha sin, le na làmhan mòra uabhasach? An e spiorad na h-uamha a tha ann, a' tighinn gar n-iarraidh?"

Rinn e airson teicheadh agus bha e air tuiteam sìos dhan uisge mura b' e gun do rug Tenko air 's gun do chùm e grèim teann air. Bha cridhe Tenko fhèin air a bhith a' leum 's a' bualadh gu luath gus an tug e an aire nach robh an rud a bha ann a' tighinn dad na b' fhaisce orra. Thuig e nis dè bha ann.

"Fanaibh an seo, na gluaisibh!" thuir e ri càch. "Tha mise dol a dh'fhaighinn sealladh ceart air an rud a tha ann."

"Chan eil, chan eil, Tenko," dh'èigh Brocan. "Chan eil fhios nach fhalbh e leat!"

"Chan eil mi an dùil gu falbh. Mas e an rud a tha mi an dòchas a tha ann cha dèan e cron sam bith òirnn.

Thug Tenko an tuagh umha às a' phòcaid a bha na sheacaid. Ged a bha gàirdeanan an rud a bha ann a' gluasad anns an uisge cha robh iad idir a' feuchainn ri grèim fhaighinn air. Chrùb e sìos ag èaladh na b' fhaisce agus na b' fhaisce air mar gum biodh e a' sealg air nàmhaid. Bha fear de na gàirdeanan sìnte a-mach thuige. Thug Tenko a' bhuille chruaidh ud dha leis an tuagh. Leig an gàirdean brag ach cha do ghluais e. Sheas Tenko agus leig e èigh às leis an toileachas.

"Thigibh an seo! Greasaibh oirbh!" dh'èigh e. "Dìreach an rud a bha dùil agam a bha ann."

Chaidh Kali agus Brocan a-null air an socair, car eagalach.

"Dè idir a tha ann, Tenko?" dh'fhaighnich Kali fo a h-anail.



Tachartasan





Leughadh gus meòmhrachadh air
ceàird an ùghdair Ìre D / Sgrìobhadh
mac-meanmnach Ìre D

Ro-ràdh

Tha na tha a' tachairt ann an stòiridh uabhasach cudromach. Mura bheil càil a' tachairt, chan eil stòiridh ann! Ach tha an dòigh anns a bheil an sgrìobhadair ag innse dè thachair a cheart cho cudromach. Feumaidh an sgrìobhadair ùidh an leughadair a chumail, 's dòcha a' toirt air an leughadair creidsinn gu bheil e/i an làthair no eadhon a' gabhail pàirt anns na tha a' tachairt. Dè an diofar a tha eadar tuairisgeul meadhanach de thachartasan agus deagh thuairisgeul?

Stiùireadh do Thidsearan:

- Leugh an sgeulachd ghoirid seo a-mach don chlas / bhuidhinn:

B' e gille beag sunndach a bh' ann an Crìstean. Bha gàire air aodann cha mhòr fad na h-ùine agus bha e cho càirdeil 's gun do chuir e gàire air aodann dhaoine eile a h-uile latha. Bha e a' fuireach ann an baile beag shuas anns na beanntan còmhla ri athair, a mhàthair agus a phiuthar bheag Siùsaidh.

Bha tòrr charaidean aig Crìstean ach b' e Rolaidh an caraid a b' fheàrr aige. 'S e cù molach beòthail a bh' ann an Rolaidh agus bha tòrr spòrs ann nuair a bha esan mun cuairt!

Aon latha ann an teis mheadhan a' gheamhraidh nuair a bha sneachda domhainn ann agus reothadh deàlrach air feadh an àite, chaidh Crìstean, Siùsaidh agus Rolaidh a-mach a chluich.

Chaill iad an slighe. Bha an t-eagal air an dìthis chloinne.

Mu dheireadh lorg Rolaidh an t-slighe dhachaigh agus bha iad uile toilichte solais an taighe fhaicinn. Thill a' ghàire gu aghaidh Chrìstein. Nach math gu robh Rolaidh còmhla riutha!



Faighnich dhaibh dè tha dhith anns an stòiridh. Tha caractaran ann, tha suidheachadh ann, tha faireachdainnean ann, ach cha do thachair mòran ann am meadhan na sgeòil. 'S ann ann am meadhan sgeòil a bu chòir tòrr tachairt.

Iarr air a' chloinn plana a dhèanamh airson dè thachair ann am meadhan na stòiridh mu dheidhinn Chrisdein agus Rolaidh (faic gu h-àrd). Tagh aon phlana agus obraich air còmhla ris a' bhuidhinn/ chlas airson meadhan na stòiridh a sgrìobhadh. Seall dhaibh mar a sgrìobhas tu paragraf stèidhichte air gach pàirt den phlana, le tuairisgeul den tachartas, de faireachdainnean agus smuaintean nan caractaran agus 's dòcha rud beag còmhraidh.

A' cleachdadh tuairisgeul airson tachartasan cudromach a dhèanamh nas inntinniche

Uaireannan faodaidh an sgrìobhadair gu leòr innse mu thachartas ann an dìreach seantans no dhà – gu h-àraidh ma tha tòrr dhiofar rudan a' tachairt. Nan sgrìobhadh tu tuairisgeul fada den h-uile tachartas, dh'fhaodadh an stòiridh a bhith ro fhada. Airson am plot a' gluasad air adhart gu luath, feumaidh dìreach seantans no dhà a bhith ann airson gach rud a thachras. Ach le beagan tuairisgeil, faodaidh an sgrìobhadair tachartas sam bith a dhèanamh nas inntinniche. Seo eisimpleir:

Ràinig Alastair an taigh le anail na uchd. Cha robh solas sam bith a' deàrrsadh ach bha an doras fosgailte. Chuala e fuaimnean eagalach air a chùlaibh ach cha do stad e airson coimhead dè bh' ann. Ruith e a-steach agus dhùin e an doras air a chùlaibh le brag. Dh'fheuch e ris an doras a ghlasadh, rud nach robh furasta idir is a làmhan air chrith leis an eagal.

An àite

Ruith Alastair a-steach dhan taigh airson teicheadh bhon uilebheist.

Uaireannan is fhiach e barrachd tuairisgeal a dhèanamh air tachartas airson barrachd a shealltainn mun t-suidheachadh, no airson dealbh nas soilleire a chruthachadh ann an inntinn an leughadair. Seall air an leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler. Air t.d. 57 tha an t-ùghdar a' sgrìobhadh mu chlann a' cur bàta a-steach dhan uisge.

Rinn Tenko agus a' chlann a' ghainmheach rèidh, còmhnhard, a' gluasad chlachan a-mach às an rathad. Phut iad am bàta fiodha an uair sin sìos chun na mara. Bha i tiugh agus trom, ach rinn iad a' chùis, beag air bheag, air a toirt sìos dhan t-sàl. Aon uair 's gu robh i aca am beul na mara cha robh duilgheadas idir aca. Cho luath 's a chaidh i air bhog chanadh tu gur e creutair beò a bh' innte. Phut iad i an uair sin a-mach gu uisge beagan nas doimhne. Chaidh Tenko dhan deireadh aice agus thug e timcheall i leis an ràmh gus an robh a toiseach a-mach ri cuan.



Puingean ri Dheasbad:

- Tha tòrr ghnìomhairean agus co-ghnìomhairean anns a' pharagraf seo. Lorg iad.
- Ciamar a tha na co-ghnìomhairean a' cuideachadh an leughadair gus an tachartas seo fhaicinn?
- Dè an tràth anns a bheil an stòiridh seo sgrìobhte? (*seachad*)
- Dè an tràth anns a bheil a' chuid as motha de stòiridhean sgrìobhte? (*seachad*) Carson?
- Dè a tha an tachartas seo a' sealltainn dhuinn mu dheidhinn nan caractaran agus mun dàimh eatorra? (*Tha iad math air obrachadh còmhla*)
- Dè tha an t-ùghdar a' ciallachadh le 'chanadh tu gur e creutair beò a bh' innte'? Seo ìomhaigheachd. Tha e a' cur ìomhaigh ann an ceann an leughadair.
- Ciamar a sgrìobhadh tu mun tachartas seo ann an dìreach aon seantans?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleag-obrach 1** – sgrìobh tuairisgeul de thachartas a' cleachdadh ghnìomhairean agus co-ghnìomhairean anns a' bhogsa.
- **Duilleag-obrach 2** – sgrìobh paragrafan beaga mu thachartasan eadar-dhealaichte.
- Dèan stòr-fhacail airson balla a' chlasruim de ghnìomhairean a bhiodh feumail ann an stòiridhean.

A' gluasad air adhart eadar tachartasan.

Ciamar a sheallas an sgrìobhadair gu bheil ùine a' dol seachad? Ann an stòiridh dh'fhaodadh gu bheil ùine mhòr ann eadar na prìomh thachartasan. Chan urrainn don sgrìobhadair tuairisgeul mionaideach a dhèanamh den h-uile rud no bhiodh an stòiridh ro fhada 's chailleadh an leughadair ùidh.

Seo mar a dh'innseas Kathleen Fiddler dhuinn ciamar a bha cùisean ann an Skara Brae eadar dà thachartas mòr. Uaireannan tha *cìon* thachartasan sònraichte cudromach airson plot na sgeulachd!



Nuair a dh'fhalbh othail Fèill na Grèine dh'fhàs Tenko an-fhoiseil. Cha robh mòran sam bith a' dol ann an Skara. Cha robh Tresko agus Korwen a' tighinn na chòir. Bha a' chlann a' cuideachadh le ciòbaireachd is buachailleachd. Thug iad na bàtaichean a-mach gu na sgeirean creagach agus thug iad dhachaigh bàirnich is crùbagan is lèabagan. Bha na feasgaran samhraidh fada, soilleir agus bha muinntir Skara gan cur seachad a' dèanamh thuaghan cloiche agus rudan grinne cnàimh.

Latha de na làithean bha Tenko na shuidhe air baca gainmhich os cionn Bàgh Sgaille agus coltas rudeigin gruamach air. Bha e a' coimhead gu geur air an dà bhàta.

"Dè tha a' cur dragh ort, Tenko?" dh'fhaighnich Kali.

"Chan eil sìon idir a' dol anns an àite seo. Bu cho math dhomh a bhith nam laogh no nam chaora."

Td. 99 Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler (PRG /Acair 1997)

Puingean ri Dheasbad:

- Tha an t-ùghdar a' sealltainn gu luath dè bha dol ann an Skara Brae tron t-samhradh, gun a bhith sgrìobhadh cus mu dheidhinn tachartasan nach eil cudromach don phlota.
- An seo, 's ann air sgàth nach eil mòran a' tachairt a tha Tenko an-fhoiseil.
- Ciamar a tha an earrann seo a' gluasad am plot air adhart? (*Tha dùil aig an leughadair a-nis gu bheil Tenko am beachd rudeigin eile a dhèanamh.*)

A' Measgachadh thachartasan le smuaintean, faireachdainnean no còmhraidh.

Seo earrann eile bhon leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha. An seo tha a' chlann a' feuchainn ri faighinn a-mach dè tha air cùl rubha far nach robh iad riamh roimhe.



"A bheil thu dol a leantainn ort gu tuath, Tenko?" dh'fhaighnich Kali agus beagan teagaimh anns a' ghuth aice.

"Tha toil agam faighinn a-mach dè tha air cùl an rubha sin, Kali. 'S dòcha gu ruig sinn na h-eileanan a chuala mi mun deidhinn." Stiùir Tenko am bàta seachad air a' chop gheal a bha na stuaghannan a' fàgail aig bonn an rubha. Sheall iad an-àirde ri na sgeilpichean mòra cloiche a bha os an cionn. Bha na mìltean de dh'èid mara a' sgreuchail shuas an sin eadar faoileagan is buthaidean is sùlairean. Bha a' chlann a' coimhead orra a' dol fon uisge an tòir air iasg agus a' slaodadh na ghlacadh iad gu na h-iseanan anns na neadan, shuas anns na sgoran. Ghluais iad na ràimh a-rithist agus chaidh iad timcheall an rubha. Cha robh romhpa an sin ach tuilleadh chreagan casa. Fad uair a thide laigh iad air na ràimh gun sgar. Cha robh duine ag ràdh dad, 's iad ag iomradh len uile neart. Bha na sgeirean gu tuath orra mar gum biodh cearcall cunnartach. Saoil an robh eilean air an cùl? Shaoil le Tenko gu faca e cnuc ghorma a' deàrrsadh anns a' ghrèin. "Saoil thusa," arsa esan, "an e seo a' chiad fhear de na h-eileanan a tuath?"

Thàinig sgòth eadar iad 's a' ghrian.

Dh'fhàs a' mhuir glas agus fuar. Thàinig crith air Kali.

"Tenko!" dh'èigh i le iomagain na guth, "chan eil mi idir a' faicinn an eilein cho soilleir 's a bha e an toiseach."

"Chì thu e an uair a thig a' ghrian a-mach a-rithist," fhreagair Tenko, gu cinnteach.

Ach an uair a nochd a' ghrian a-rithist bha an t-eilean fhathast am falach. Cha robh aon sgeul air - bha e air a dhol às an t-sealladh buileach glan.

"Tha ceò thugh air tighinn òirn," arsa Kali gu gruamach.



Puingean ri Dheasbad:

- Coimhead air mar a chleachd an t-ùghdar seantansan fada nuair a bha rudan ceart gu leòr agus seantansan goirid nuair a thòisich rudan ri dhol ceàrr. Lorg eisimpleirean de seo.
- Ciamar a tha i a' sealltainn faireachdainnean nan caractaran?
- Ciamar a tha i a' sealltainn smuaintean nan caractaran?
- Seall air mar a chleachd i còmhraidh airson barrachd mun tachartas seo a shealltainn.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Leugh t.d. 105 – 108 den leabhar Am Fear Òg 's an Tuagh Umha.
- Leig ort gu bheil thu a' sgrìobhadh stòiridh anns a bheil fear de na rudan seo a' tachairt. Sgrìobh paragraf mu a dheidhinn. Smaoinich greis mu dheidhinn plot na sgeulachd agus na caractaran mus tòisich thu gus am bi fios agad co mu dheidhinn a tha an còrr den sgeulachd. Feuch an toir thu seachad mion-chunntas gu leòr gus am faic an leughadair dè tha a' tachairt. Cuimhnich smuaintean agus faireachdainnean nan caractaran a shealltainn cuideachd.
 - a) bhris an càr sìos
 - b) thàinig cuideigin chun dorais le litir dhaibh
 - c) chaill iad an slighe
 - d) thòisich stoirm
 - e) thuit iad uile nan cadal
- Seo gearr-chunntas de phlota airson sgeulachd. Smaoinich air trì no ceithir rudan a dh'fhaodadh tachairt ann am meadhan na sgeulachd. An uair sin sgrìobh paragraf mu dheidhinn gach fear ann an dòigh a ghlacas ùidh an leughadair.

Tha Ronaidh brònach agus an-fhoiseil.
Tha e a' ruith air falbh bhon taigh agus tha tòrr a' tachairt dha.
Thèid e dhachaigh.

A' fàgail às tachartasan nach eil cudromach don phlota

Tha e a cheart cho furasta cus a sgrìobhadh 's a tha e ro bheag a sgrìobhadh. Brosnaich a' chlann gu bhith smaoineachadh mu dheidhinn nan tachartasan a tha inntinneach agus carson a tha iad cudromach airson plot na sgeulachd nuair a tha iad a' leughadh sgeulachdan le daoine eile agus nuair a tha iad a' dèanamh phlanaichean airson na sgeulachdan aca fhèin. Ann an sgrìobhadh mac-meanmnach agus pearsanta bidh clann tric a' sgrìobhadh cus mu dheidhinn rudan nach eil cho cudromach don leughadair (mar eisimpleir, dè ghabh iad airson an diathad!) Seo ceistean airson an cuideachadh a bhith taghadh dè tha gu feum agus dè nach eil:

- Carson a tha an tachartas sin anns an sgeulachd?
- A bheil e a' sealltainn dhuinn barrachd mu dheidhinn caractar / suidheachadh?
- A bheil e cudromach airson plot na sgeulachd?
- A bheil gu leòr mion-chunntais ann?
- A bheil cus mion-chunntais ann?



Gnìomhan do na Sgoilearan:


* Coimhead air ais air sgeulachd a sgrìobh thu fhèin an-uiridh no am-bliadhna. Coimhead air mar a sgrìobh thu mu dheidhinn tachartasan. Dè am pàirt a b' fheàrr nad bheachd-sa? A bheil tachartas ann nach eil a' cuideachadh plot na sgeulachd ann an dòigh sam bith? A bheil mion-chunntas gu leòr ann? A bheil cus ann no a bheil e dìreach ceart?

* **Duilleag-obrach 3** – a' toirt mion-chunntas neo-fheumail a-mach à sgeulachd.

Tachartasan aig toiseach agus aig deireadh sgeulachd

* Cuimhnichibh! Chan ann dìreach ann am meadhan sgeulachd a bhios rudan cudromach a' tachairt. Faodaidh tòrr a bhith a' tachairt aig toiseach na sgeulachd airson aire an leughadair a ghlacadh, agus tha na thachras aig an deireadh cudromach airson an sgeulachd a thoirt gu crìoch.





Tachartasan - duilleag-obrach 1

Ainm:

Seo trì rudan a dh'fhaodadh tachairt ann am meadhàn stòiridh.

- Chaidh a' chlann a-steach don uaimh.
- Dh'fhàg Artair an caisteal.
- Thàinig duine beag neònach a-steach dhan rum.

Tagh fear dhiubh agus sgrìobh tuairisgeul dhen tachartas. Dèan e cho inntinneach 's a ghabhas. Cuimhnich faireachdainnean agus smuaintean nan caractaran a shealltainn agus 's dòcha rud beag còmhraidh. Cleachd cuid de na gnìomhairean agus co-ghnìomhairean anns a' bhogsa airson do chuideachadh.

Dè? (Gnìomhairean)

Chrùb	Ghreas	Nochd
Leum	Shreap	Dh'fhosgail
Dhùn	Chan fhaca	Sheall
A' cumail	A' briobadh	A' feuchainn
Dh'fheuch	Cha b' urrainn	Theich

Ciamar? (co-ghnìomhairean agus abairtean co-ghnìomhaireach)

air corra-biod	gu socair
gu faiceallach	mar an dealanaich
gu dìcheallach	le duilgheadas
beag is beag	gu amharasach
gu teagmhach	làn dòchais

Tachartasan - duilleag-obrach 2

Ainm:

Le beagan tuairisgeil, faodaidh sgrìobhadair tachartas a dhèanamh nas inntinniche.

Seo eisimpleir:

Ràinig Alastair an taigh le anail na uchd. Cha robh solas sam bith a' deàrrsadh ach bha an doras fosgailte. Chuala e fuaimean eagalach air a chùlaibh ach cha do stad e airson coimhead dè bh' ann. Ruith e a-steach agus dhùin e an doras air a chùlaibh le brag. Dh'fheuch e ris an doras a ghlasadh, rud nach robh furasta idir is a làmhan air chrith leis an eagal.

An àite

Ruith Alastair a-steach dhan taigh airson teicheadh bhon uilebheist.

Air an ath dhuilleig, chi thu seantansan ag innse dè thachair ann an stòiridhean. Chan eil na seantansan a' sealltainn mòran don leughadair. Sgrìobh paragraf beag airson gach fear, mar gur e tachartas cudromach anns an stòiridh a th' ann. Seall don leughadair dè thachair ann an dòigh 's gum faic e/i gu soilleir na inntinn. Cleachd gnìomhairean agus co-ghnìomhairean eadar-dhealaichte agus feuch an seall thu faireachdainnean nan caractaran agus 'atmosphere' an t-suidheachaidh.



1) Lorg Nina sporan air an t-sràid.

2) Thàinig Raibeart far na trèana.

3) Bhris Sìle a cas anns an t-sneachd.



Tachartasan - duilleag-obrach 3

Ainm:

Uaireannan tha cus a' tachairt ann an sgeulachd. Mar as trice, tha tachartasan a' sealltainn barrachd mu dheidhinn caractar no mun t-suidheachadh anns a bheil e/i no tha iad feumail airson plot na sgeulachd, ach uaireannan tha mion-chunntas ann nach eil gu feum ann an dòigh sam bith.

Leugh an earrann seo bho sgeulachd ghoirid mu dheidhinn balach a tha mì-thoilichte anns an sgoil agus a tha faighinn deiseil airson teicheadh aiste. Tha e ro fhada. Leig ort gu bheil thusa a' deasachadh na sgeulachd. Cuir loidhne tro thachartas sam bith nach eil gu feum don phlota nad bheachd-sa no a bhiodh na b' fheàrr ann am beagan fhacail.

Dh'èirich Somhairle aig sia uairean madainn Diluain. Thilg e na cuibhrigean far na leapa. Choisich e a-mach às an rum-cadail. Chaidh e dhan rum-ionnlaid, chìr e fhalt agus nìgh e e fhèin. An uair sin chuir e air a stocainnean, a bhriogais, a lèine, agus geansaidh na sgoile. Rinn e cinnteach nach robh a bhràthair beag na dhùisg. Cha robh e ag iarraidh gum faiceadh Anndra e a' cur aodach is biadh a-steach dhan bhaga sgoile aige. Ach bha Anndra fhathast na shuain chadail. Bha e ag aisling mu dheidhinn ball-coise gun teagamh. Ma bha, feumaidh gu robh an sgioba aigesan a' buannachadh oir bha gàire mhòr air aodann. Dh'fhàg Somhairle e na chadal. Chaidh e air ais dhan taobh aige den rum agus stob e rudan a-steach dhan bhaga-sgoile aige - geansaidh eile, t-lèine no dhà, toirds agus dhà no trì rudan eile. Dhùin e a bhaga agus chaidh e sìos an staidhre.



Cha robh duine anns a' chidsin. Bha athair fhathast na leabaidh oir bha e air a bhith ag obair cruaidh an latha roimhe. Bha e a' togail oifisean ùra aig ceann eile a' bhaile. Cha robh duine eile nan dùisg. Bha Somhairle toilichte mu dheidhinn sin. Shuidh e aig a' bhòrd. Cho socair 's a b' urrainn dha, ghabh e a bhracaist. An toiseach ghabh e cornflakes le bainne fuar agus rud beag siùcair ann am bobhla gorm. An uair sin ghabh e tost le marmalade agus deoch orains. Bha e ag iarraidh tòrr ithe oir cha robh fhios aige cuin a gheibheadh e grèim bidh a-rithist. "S fheàrr dhomh biadh a thoirt leam cuideachd," smaoinich e ris fhèin. Dh'fhosgail e am preas agus lorg e ubhal, pacaid bhriosgaidean agus deoch cola. Cheannaich iad tòrr nuair a bha iad aig a' bhùth an latha roimhe.

Bha e fhathast a' gabhail a bhracaist nuair a dh'fhosgail Anndra doras a' chidsin agus thàinig e a-steach, a' coimhead gu math cadalach fhathast. Fhuair esan bobhla cornflakes cuideachd agus dh'innis e do Shomhairle dè thachair anns an aisling aige. Bhuannaich an sgioba aige cupa na Cruinne an aghaidh Argentina agus fhuair esan còig tadhail. Rinn Somhairle gàire bheag ach cha robh e toilichte. Cha robh e ag iarraidh a bhràthair beag fhàgail ach cha b' urrainn dha fuireach anns an sgoil na b' fhaide. Bha inntinn air a dhèanamh suas.

An dèidh a bhracaist, thug Somhairle biadh dhan chat agus nigh e na soithichean. An uair sin ghlan e fhiaclan le bruis-fhiaclan ùr. Chuir e air a chòta agus a bhrògan agus thog e a bhaga. Choisich e gu stad nam busaichean còmhla ri Anndra. Thàinig càr uaine seachad, an uair sin càr purpaidh agus bodach air baidhsagal. Mu dheireadh thàinig bus na sgoile. 'S e seann bhus gorm a bh' ann. Leum Somhairle a-steach agus shuidh e sìos air suidheachan. Chuir e a bhaga ri a thaobh. Cha do bhruidhinn e ri duine fad an t-slighe dhan sgoil. Bha e ro thrang a' dèanamh phlanaichean.



Nuair a dh'fhalbh othail Fèill na Grèine dh'fhàs Tenko an-fhoiseil. Cha robh mòran sam bith a' dol ann an Skara. Cha robh Tresko agus Korwen a' tighinn na chòir. Bha a' chlann a' cuideachadh le ciòbaireachd is buachailleachd. Thug iad na bàtaichean a-mach gu na sgeirean creagach agus thug iad dhachaigh bàinnich is crùbagan is lèabagan. Bha na feasgaran samhraidh fada, soilleir agus bha muinntir Skara gan cur seachad a' dèanamh thuaghan cloiche agus rudan grinne cnàimh.

Latha de na làithean bha Tenko na shuidhe air baca gainmhich os cionn Bàgh Sgaille agus coltas rudeigin gruamach air. Bha e a' coimhead gu geur air an dà bhàta.

"Dè tha a' cur dragh ort, Tenko?" dh'fhaighnich Kali.

"Chan eil sìon idir a' dol anns an àite seo. Bu cho math dhomh a bhith nam laogh no nam chaora."

Td. 99 Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler (PRG /Acair 1997)



"A bheil thu dol a leantainn ort gu tuath, Tenko?" dh'fhaighnich Kali agus beagan teagamh anns a' ghuth aice.

"Tha toil agam faighinn a-mach dè tha air cùl an rubha sin, Kali. 'S dòcha gu ruig sinn na h-eileanan a chuala mi mun deidhinn." Stiùir Tenko am bàta seachad air a' chop gheal a bha na stuaghannan a' fàgail aig bonn an rubha. Sheall iad an-àirde ri na sgeilpichean mòra cloiche a bha os an cionn. Bha na mìltean de dh'èoin mara a' sgreuchail shuas an sin eadar faoileagan is buthaidean is sùlairean. Bha a' chlann a' coimhead orra a' dol fon uisge an tòir air iasg agus a' slaodadh na ghlacadh iad gu na h-iseanan anns na neadan, shuas anns na sgoran. Ghluais iad na ràimh a-rithist agus chaidh iad timcheall an rubha. Cha robh romha an sin ach tuilleadh chreagan casa. Fad uair a thìde laigh iad air na ràimh gun sgur. Cha robh duine ag ràdh dad, 's iad ag iomradh len uile neart. Bha na sgeirean gu tuath orra mar gum biodh cearcall cunnartach. Saoil an robh eilean air an cùl? Shaoil le Tenko gu faca e cnuic ghorma a' deàrrsadh anns a' ghrèin. "Saoil thusa," arsa esan, "an e seo a' chiad fhear de na h-eileanan a tuath?"

Thàinig sgòth eadar iad 's a' ghrian.

Dh'fhàs a' mhuir glas agus fuar. Thàinig crith air Kali.

"Tenko!" dh'èigh i le iomagain na guth, "chan eil mi idir a' faicinn an eilein cho soilleir 's a bha e an toiseach."


"Chì thu e an uair a thig a' ghrian a-mach a-rithist," fhreagair Tenko, gu cinnteach.

Ach an uair a nochd a' ghrian a-rithist bha an t-eilean fhathast am falach. Cha robh aon sgeul air - bha e air a dhol às an t-sealladh buileach glan.

"Tha ceò thiugh air tighinn òirn," arsa Kali gu gruamach.



Plot



Mineachadh:

plana de phrìomh thachartasan ann an sgeulachd,
bàrdachd no dràma.



Ro-ràdh

'S e am plot cnàmh-droma na sgeulachd. Feumaidh sgeulachd plot airson seasamh an-àird. Seo gnìomhan a chuidicheas clann gus plotaichean ullachadh agus a chur gu feum ann an sgeulachdan.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Faighnich don chloinn dè tha am facal *plot* a' ciallachadh dhaibh. Sgrìobh am mìneachadh as fheàrr, no am mìneachadh a th' air a' chòmhdach, air a' bhòrd-dhubh.
- Iarr orra sgeulachd shìmplidh airson clann nas òige a leughadh agus nota a chumail de na prìomh thachartasan anns an sgeulachd. Iarr orra innse no sgrìobhadh dè thachair ann an trì gu seachd seantansan. Bheir seo orra smaointinn air plot na sgeulachd. Brosnaich iad gu bhith ag innse dè thachair aig an toiseach, anns a' mheadhan agus aig an deireadh.

Eisimpleir: Caileag le Kim Lewis (*Acair 1993*)

- Ghluais coilidh òg o bhaile gu tuathanas airson ionnsachadh a bhith na cù-chaorach.
- Dh'ionnsaich i gu math ach bha i ag ionndrainn cluich cuide ris a' chloinn.
- Aon latha ruith i air falbh a chluiche le ball agus theich na caoraich.
- Bha an tuathanach feargach agus bha Caileag troimhe-chèile
- Dh'ionnsaich i a-rithist agus rinn i math.
- Fhuair i cothrom cluiche cuide ris a' chloinn.

* Tha obair air seo air **duilleag-obrach 1** (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas de sgeulachd)

- Iarr air a' chloinn geàrr-chunntas de sgeulachdan furasta eile innse don bhuidhinn leughaidh no don chlas. Brosnaich iad dìreach a bhith ag innse nam prìomh rudan a thachair. Tha na leabhraichean Speileabord math airson seo.



- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum bu chòir toiseach, meadhan agus deireadh a bhith anns na sgeulachdan aca. Smaoinich air plotan simplidh. Dèan stòr dhiubh seo air balla a' chlasruim. Cuidichidh sin clann aig a bheil duilgheadasan a' smaoinichadh air structar airson stòiridh. Brosnaich a' chlann gus plotan simplidh a tharraing bho leabhraichean deilbh anns an leabharlann agus bho stòiridhean is aithne dhaibh. Seo feadhainn airson tòiseachadh:

1. Tha caractar ag iarraidh rudeigin – gheibh e e – chan eil e gu feum.
2. Tha caractar ag iarraidh rudeigin – tha e còir ri cuideigin – cuidichidh an duine / am beathach sin e. (*Snow White*)
3. Bha a h-uile rud a' dol glè mhath – thachair rudeigin uabhasach– chaidh sin a chur ceart.
4. Tha caractaran a' sabaid – ionnsachaidh iad rudeigin mu dheidhinn a chèile – tha iad nan caraidean.
5. Tha caractar a' smaointinn gu bheil e gun fheum – tha e dàna nuair a thachras rudeigin dona – 's e gaisgeach a th' ann.
6. Tha caractar aonranach – nì e / i rudeigin gaisgeil / còir – lorgaidh e caraidean / gaol (*Beauty and the Beast*)

- Sgrìobh gearr-chunntas de phlot air a' bhòrd-dhubh. Ag obair còmhla ri buidhinn sgrìobhaidh no còmhla ris a' chlas, tagh tè de na prìomh phuingeann agus sgrìobh am pàirt sin den sgeulachd. Faodaidh a' chlann beachdan a chur air adhart air rudan mar suidheachadh, caractaran, faireachdainnean. Faodaidh iad seantansan is facail a *chur air adhart (suggest)* cuideachd.

Seo eisimpleir de ghèarr-chunntas:

- Tha teaghlach a' campachadh air làithean-saora.
 - Air an oidhche tha stoirm ann agus tha an teanta air a leagail.
 - Thèid iad gu taigh a dh'iarraidh fasnadh.
 - Tha rudan annasach a' tachairt anns an taigh
 - Teaghlach a' teicheadh ann an làraidh
 - Chan eil an taigh annasach ann an ath latha
- Thoir gearr-chunntas de phlot (faic **duilleag-obrach 2**) don chloinn agus iarr orra a chleachdadh gus sgeulachd a sgrìobhadh. Ma tha structar aca, chì iad mar a thèid a leasachadh gu bhith na sgeulachd.
 - Airson clann aig ìre E, thoir a-steach obair air fosglaidhean, tionndaidhean agus fuasglaidhean. Brosnaich iad gu bhith a' bruidhinn mu dheidhinn sgeulachdan a tha iad a' leughadh le ceistean mar a leanas:
 - Ciamar a tha am plot a' fosgladh?
 - Dè tha am prìomh caractar a' feuchainn ri / ag iarraidh dhèanamh?
 - Carson?
 - Cait a bheil am plot a' tionndadh?
 - A bheil seo math / dona don phrìomh caractar? Carson?
 - Dè an strì a tha anns a' phlot?
 - Ciamar a tha sin air fhuasgladh?



Tha ceistean mar seo air **duilleag-obrach 3** airson clann a tha ag obair gu ruige ìre E. Faodaidh iad an duilleag seo a chleachdadh airson sgrìobhadh mu dheidhinn leabhar a leugh iad, no airson an cuideachadh a bhith smaointinn mu dheidhinn plot airson sgeulachd a tha iad fhèin a' dol a sgrìobhadh.

- Seall dhaibh dòighean gus am beachdan fhèin airson stòiridh a chur gu feum. Seo trì dòighean eadar-dhealaichte air plana a dhèanamh airson plot:-
 1. Mapa le facail – sgrìobh do bheachdan air dè dh'fhaodadh tachairt, no facail chudromach a tha thu ag iarraidh anns an stòiridh, air pìos pàipeir. Tarraing loidhne airson na beachdan seo a chur ann an òrdugh.
 2. Mapa le dealbhan – dèan dealbhan beaga de rudan / àitichean anns an stòiridh agus tarraing loidhne airson sealltainn dè an t-òrdugh anns am bi iad a' nochdadh anns an stòiridh.
 3. Storyboard – Air pìos pàipeir tarraing bogsa airson gach 'sealladh' / pàirt den sgeulachd. Sgrìobh faclan a sheallas na rudan cudromach a tha a' tachairt ann, cò tha an sàs ann, co ris a tha an t-àite coltach; faireachdainnean etc.

Dh'fhaodadh tu a' chlann a chuideachadh gu *story-board* a lionadh a-steach airson sgeulachd thraidiseanta, agus an uair sin iarr orra an sgeulachd a sgrìobhadh nam facail fhèin bhon *storyboard*. Tha seo a' toirt structar don chloinn, agus a' sealltainn dhaibh mar a chleachdas iad *storyboard*, ach a' leigeil leotha an stoidhle agus am mac-meanmna fhèin a chleachdadh. Tha *storyboard* bàn air **duilleag-obrach 4** agus fear air a lionadh a-steach airson na sgeulachd 'Seoc agus an Stoc Pònair' air **duilleag-obrach 5**.

Plot devices: Bidh sgrìobhadairean a' cleachdadh diofar dhòighean air sgeulachd innse. Brosnaich a' chlann gu bhith a' coimhead a-mach airson gach fear dhiubh seo nuair a tha iad a' leughadh.)


1. Mar as trice, tha sgeulachd air a sgrìobhadh ann an òrdugh a rèir eachdraidh, a' leantainn an òrduigh anns an do thachair rudan.
2. Uaireannan tha an seachas air a bhriseadh suas le '*flashback*'; far a bheil an sgrìobhadair a' toirt an leughadair air ais gu rudeigin a thachair ron chiad thachartas anns an sgeulachd. Tha eisimpleir de phlana airson sgeulachd le *flashback* air **duilleag-obrach 6** agus air duilleag-planaidh bàn air **duilleag-obrach 7**. Ma tha clann (ìre E) a' feuchainn air sgeulachd le '*flashback*', brosnach iad gus rudeigin a chur ann a cheanglas na diofar phàirtean den sgeulachd ri chèile. Anns an eisimpleir air duilleag-obrach 6, mar eisimpleir, tha foto air a' bhalla, tha a h-uile pàirt den sgeulachd suidhichte anns an aon àite agus tha an aon suidheachadh ann aig toiseach agus deireadh na sgeòil. Bruidhinn mu dheidhinn carson a tha rudan mar seo cudromach airson am plot a cheangal ri chèile. Tha seòrsa de *flashback* air td. 9-10 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan
3. Uaireannan cleachdaidh sgrìobhadairean aisling, no litir airson fiosrachadh a tha cudromach airson plot na sgeulachd a shealltainn don leughadair.



'S e litir dòigh feumail a bhith sealltainn dè thachair roimhe, anns an aon dòigh ri *flashback*. Tha litrichean air td. 51 lagan le Pat Thomson (leabhraichean Speileabord – *Acair 1992*) agus td. 37 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*). Tha aisling air a chleachdadh air td. 21 An Dannsa mu Dheireadh le Iain C. Mac A' Ghobhainn agus aig toiseach Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul.

4. Gu math tric tha trioblaid air a thoirt a-steach aig toiseach na sgeòil agus tha am plot a' sealltainn mar a bhios na caractaran a' dèiligeadh leis an trioblaid sin. Leughaidh td. 3- 5 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill agus faighnich don chloinn dè an trioblaid a th' aig Eilidh agus Eachann.
 5. Uaireannan bidh an t-ùghdar a' toirt a-steach rudan a ghabhas cleachdadh leis a' phrìomh character. Tha seo a' toirt air an leughadair leughadh air adhart airson faighinn a-mach dè nì e/i leotha. Faic, mar eisimpleir, td. 52 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul
 6. Ma thòisicheas sgeulachd le rudeigin annasach a' tachairt, bidh an leughadair ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach. (td. 12 An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul). Bidh Aonghas Pàdraig Caimbeul tric a' measgachadh rudan annasach agus rudan àbhaisteach. Mar seo, ged a tha rudan annasach a' tachairt, tha gu leòr rudan ann ris a bheil an leughadair cleachdte gus nach caill e/i am plot. Tha an leabhar Motair-baidhsagal agus Sgàthan làn de seo ach faic gu h-àraidh td. 17 (far a bheil an coineanach a' cleachdadh leiteis airson elastoplast) agus td. 53 (far a bheil Màiri ag iarraidh dhachaigh airson scòran a' bhall-coise fhacinn).
 7. Uaireannan tha plot de sgeulachd stèidhichte air 'moral' le caractar ag ionnsachadh rudeigin bho dè thachras dha/dhi. (mar eisimpleir Aesop's fables)
 8. Faodaidh sgeulachd pàtran a leantainn, leis an aon rud a' tachairt barrachd air aon turas. Tha seo cumanta ann an sgeulachd thraidiseanta (mar eisimpleir 'Na Trì Cànanan' td. 166 Sgeulachdan Grimm). Ach bidh an aon seòrsa rud a' tachairt a-rithist ann an sgeulachdan ùra cuideachd. Ann am Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul, mar eisimpleir, tha sgrìobhadh neònach a' tighinn an-àird barrachd air aon turas mar phàirt den phlota (td.16 agus 39)
 9. Ann an cuid de sgeulachdan, tha an duine a tha ag innse na sgeulachd ag èisteachd ri agus a' beachdachadh air sgeulachd chuideigin eile. (Tha eisimpleirean de seo ann an 'Sgeulachd Cogaidh' td. 9 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac A' Ghobhainn agus td. 2 Caisteal an Reubadair le Dòmhnall Dòmhnallach (*Acair 1989*))
 10. Uaireannan tha fiosrachadh aig an leughadair nach eil aig a' phrìomh character. Bidh an leughadair ag iarraidh faighinn a-mach ciamar a gheibh an caractar a-mach. Tha seo cumanta ann an sgeulachdan fir-rannsachaidh ach tha e feumail ann an sgeulachdan eile cuideachd. Tha eisimpleir de seo ann an An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul, td. 68-73.
- Nuair a tha clann a' deasachadh sgeulachdan a sgrìobh iad, brosnach iad gus dèanamh cinnteach gu bheil toiseach, meadhan agus deireadh orra agus gu bheil am plot soilleir agus inntinneach gu leòr airson aire an leughadair a chumail.
 - Airson barrachd obrach air tuairisgeul de ghniomhan ann an stòiridh, coimhead air an aonad 'Tachartasan'.






Plot - duilleag-obrach I

Ainm:

a. Leugh sgeulachd airson clann nas òige. Fhad 's a tha thu a' leughadh, dèan nota an seo de na prìomh thachartasan anns an sgeulachd. Na sgrìobh a h-uile rud beag a thachras, dìreach na prìomh rudan.



Tìotal an leabhair:

Ùghdar:

Foillsichear:

Prìomh thachartasan:

b. Tagh leabhar furasta le caibideilean ann. (mar eisimpleir, fear de na leabhraichean Speileabord.) Sgrìobh prìomh thachartas gach caibideil anns a' bhogsa.

Tìotal an leabhair:

Ùghdar:

Foillsichear:

Caibideil	Prìomh Thachartas
1	
2	
3	
4	
5	
6	

c. Sgrìobh geàrr-chunntas de fear de na leabhraichean seo air taobh eile na duilleige. Na cleachd barrachd air seachd seantansan airson do gheàrr-chunntais.



Plot - duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo geàrr-chunntas de phlota. Cha d' fhuair an sgrìobhadair cothrom an sgeulachd air fad a sgrìobhadh. Cleachd an geàrr-chunntas aige agus dèan plana airson sgeulachd. Sgrìobh do bheachdan fhèin agus faclan feumail anns a' phlana cuideachd.

- Bha Marc agus Emma a' sgioblachadh an lobhta air latha fliuch.
- Lorg Emma bogsa le rudan annasach ann agus pàipear le stiùireadh air.
- Lean iad an stiùireadh agus rinn iad soitheach.
- Thug an soitheach iad air ais ann an tìm agus chunnaic iad an seanmhair nuair a bha i an aon aois riutha.
- Dh'ionnsaich iad co ris a bha e coltach a bhith a' fuireach aig àm an dàrna cogaidh.
- Theich iad anns an t-soitheach nuair a thòisich am blitz.

Toiseach:



Meadhan:

Deireadh:

Cleachd do phlana airson an sgeulachd a sgrìobhadh.



Plot - duilleag-obrach 3

Ainm:

Freagair na ceistean seo mu dheidhinn nobhail no sgeulachd ghoirid a leugh thu o chionn ghoirid.

1. Tital / ùghdar / foillsichear / ceann-latha foillseachaidh an leabhair:
2. Ciamar a tha am plot a' fosgladh?
3. Dè tha am prìomh character (no na prìomh characteran) a' feuchainn ri dhèanamh?
4. Carson?
5. Dè na rudan a tha a' cur bacadh air /orra?
6. Dè thachras airson am plot a thionndadh?



7. A bheil seo math no dona don phrìomh character?

8. Mìnich do fhreagairt.

9. Dè an strì a tha anns a' phlota?

10. Ciamar a tha sin air fhuasgladh?

11. Sgrìobh geàrr-chunntas den phlota ann an dìreach trì seantansan.
Dè thachras aig an toiseach, anns a' mheadhan, aig an deireadh?



Plot - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo storyboard bàn a ghabhas cleachdadh airson plana de phlota a dhèanamh.

1.

2.

3.

4.

5.

6.



Plot - duilleag-obrach 5

Ainm:

Seo eiseimpleir de storyboard airson na sgeulachd thraidiseanta 'Seoc agus an Stoc Pònair'. Cleachd e gus an sgeulachd a sgrìobhadh nad fhaclan fhèin.

1. Seoc a' falbh dhan mhargaid leis a' bhoin:-
còmhraidh le a mhàthair a' sealltainn carson suidheachadh, coltas an taighe agus caractaran (bochd)
faireachdainnean Sheoc agus a mhàthar is e a' falbh

2. A' tachairt ri bodach le pònairean:-
tuairisgeul den duine
còmhraidh eadar Seoc agus an duine
faireachdainnean Seoc nuair a gheibh e na pònairean
a' ruith dhachaigh gu toilichte

3. Stoc pònair a' fàs:-
faireachdainnean & coltas a mhàthar nuair a chì i na pònairean
còmhraidh ri Seoc (seall fearg)
a' tilgeil phònairean a-mach air an uinneig
stoc pònair a' fàs, (tuairisgeul)
faireachdainnean Sheoc anns a' mhadainn

4. A' sreap an stuic pònair:-
faireachdainnean a' dol suas an stuic
coltas a' chaisteil (tuairisgeul)
a' tachairt ri bean an fhuamhaire (coltas, còmhraidh)
Seoc a' goid airgead an fhuamhaire
coimeas eadar Seoc agus am fuamhaire

5. Seoc a' goid cearc dhraoidheil:-
faireachdainnean a' dol suas
tuairisgeul den fhuamhaire na chadal
tuairisgeul den chearc
facaill an fhuamhaire a' dùsgadh
faireachdainnean Sheoc a' teicheadh

6. A' cur stad air an fhuamhaire:-
tuairisgeul goirid de chruit òir
ciamar a gheibh Seoc i (tuairisgeul)
fhuamhair fiadhaich (coltas)
eagal air Seoc a' teicheadh (stri)
a mhàthair a' gearradh sìos an stuic
sàbhailte, beartach is toilichte.



Plot - duilleag-obrach 6

Ainm:

Seo plana airson sgeulachd le *flashback* innte, far am bi am plot a' leum air ais gu rudeigin a thachair na bu tràithe.

Fosgladh: (an t-àm seo)

Caractaran: seann chailleach aonranach

Suidheachadh: a' suidhe aig an uinneig, latha brèagha samhraidh, cas ghoirt ga cumail a-staigh, cat air a glùin a' dèanamh crònan; seann dhealbh dubh is geal de dhithis nighean air a' bhalla; seann ghleoc ann an oisean den ruim

Tachartasan: a' coimhead a-mach, a' smaoinichadh mu dheidhinn nuair a bha i na nighinn òg a' fàs suas anns an taigh sin

Meadhan: *Flashback:* (50 bliadhna na bu tràithe)

Caractaran: nighean òg agus a caraidean; dreasa agus ribeanan; toilichte; cat; pàrantan

Suidheachadh: sàmhradh anns a' ghàrradh; dubharach fo na craobhan; fàileadh nam flùraichean; tuairisgeul de dhathan, fhuaimean (cat, seilleanan), blàths

Còmhradh: clann a' bruidhinn mu dheidhinn dè chluicheas iad

Tachartasan: a' cluich falach-fead; caraid Mairead a' dol air chall; ga long anns a h-uile àite



Deireadh: (an latha an-diugh a-rithist)

Caractaran: seann chailleach agus a cat

Suidheachadh: air ais anns an rum ri taobh na h-uinneige; aodann a' sealltainn iomagain

Tachartasan: ag èigheachd air a caraid Mairead; air a dùsgadh bho a h-aisling le gnogadh aig an doras; cat a' leum sìos; nighean òg coltach ri Mairead aig an doras

Cha chreid a' chailleach a sùilean; an uair sin chì i cailleach eile (Mairead) a' tighinn air chèilidh oirre le flùraichean; 's i an nighean bheag a h-ogha.

Còmhradh: cailleach agus Mairead a' dèanamh coimeas eadar an nighean òg agus an nighean anns an dealbh.



Plot - duilleag-obrach 7

Ainm:

Fosgladh: (an t-àm seo)

Caractaran:

Suidheachadh:

Tachartasan:

Còmhradh:

Meadhan: *Flashback:* (..... na bu tràithe)

Caractaran:

Suidheachadh:

Tachartasan:

Còmhradh:



Deireadh: (an latha an-diugh a-rithist)

Caractaran:

Suidheachadh:

Tachartasan:

Còmhradh:



Suidheachadh / atmosphere



Mìneachadh:

'suidheachadh' - àite agus àm anns a bheil sgeulachd a' gabhail àite;

'atmosphere' - na faireachdainnean a thig à suidheachadh

(m.e. càirdeil, fuar, eagalach, beothail, mì-chofhurtail)



Ro-ràdh:

Tha deagh thuaisgeul den t-suidheachadh agus an 'atmosphere' gu math feumail ann am ficsean oir tha e leigeil leis an leughadair faireachdainn co ris a tha e coltach a bhith anns an t-suidheachadh anns a bheil caractaran na sgeulachd. Gu ìre, tha tuairisgeul de shuidheachadh a' gabhail àite nan dealbhan ann an sgeulachdan. Tha an t-ùghdar a' feuchainn ri dealbh den t-suidheachadh a pheantadh le faclan. Tha seo cudromach ann am bàrdachd aithriseach cuideachd. Anns an aonad seo, coimheadaidh sinn air cuid de na dòighean a bhios ùghdaran a' cleachdadh gus 'atmosphere' a chruthachadh gus am fairich an leughadair gu bheil e/i ann.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Bruidhinn mu dè tha na faclan 'suidheachadh' agus 'atmosphere' a' ciallachadh. Dh'fhaodadh a' chlann mìneachaidhean a sgrìobhadh airson 's gum faic sibh dè cho math 's a tha iad a' tuigsinn nam briathran sin. Chan eil e idir furasta mìneachadh a sgrìobhadh airson 'atmosphere' ach broснаich a' chlann fheuchainn oir bheir seo orra smaoinichadh gu geur mu dheidhinn.
- Brosnaich a' chlann gu bhith coimhead gu cùramach air sgeulachdan a leugh iad agus a chòrd riutha gu mòr, airson faighinn a-mach ciamar a chruthaich an t-ùghdar 'atmosphere' aig toiseach na sgeulachd. Seo ceistean a ghabhas cleachdadh mu sgeulachd sam bith:
 - Càite bheil an caractar / na caractaran aig toiseach na sgeulachd?
 - Cuin a tha an sgeulachd a' gabhail àite?
 - An robh thusa riamh ann an suidheachadh coltach ri sin?
 - Dè seòrsa 'atmosphere' a th' ann?
 - Dè na faclan is abairtean a chleachd an t-ùghdar gus an 'atmosphere' seo a chruthachadh?
 - An do chleachd an t-ùghdar iomhaigheachd sam bith?
 - An do chleachd an t-ùghdar gin dhiubh seo airson an suidheachadh a shealltainn: dathan, fuaimnean, fàilidhean, gluasad, coimeas, faireachdainnean nan caractar?
 - An do chleachd an t-ùghdar seantansan neo-choileanta airson 'mood' no 'atmosphere' a chruthachadh: (*m.e. 'Sith. Mu dheireadh thall.'*)
(Tha na ceistean seo air **duilleag-obrach 1**).

• Brosnaich a' chlann gu bhith a' smaoinichadh mu shuidheachadh agus 'atmosphere' ann am bàrdachd. Cuidichidh na ceistean air **duilleag-obrach 2** iad le seo.

* Air na duilleagan a leanas, tha eisimpleirean bho sgeulachdan agus bàrdachd, puingean ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan airson an cuideachadh le bhith a' beachachadh air ciamar a bhios ùghdaran a' cruthachadh suidheachadh agus 'atmosphere'. Cuidichidh e cuideachd le bhith a' sgrìobhadh tuairisgeul inntinneach de na suidheachaidhean anns a bheil na sgeulachdan aca fhèin a' gabhail àite. Tha còig earrannan ann:

- A. Seall, na innis / mothachaidhean
- B. Cuin agus càite / Suidheachadh ag atharrachadh tron sgeulachd
- C. Atmosphere / Mood
- D. Coimeas
- E. Astar - slaodach no luath
- F. A' taghadh suidheachadh airson sgeulachd

A. Seall, na innis!

Tha e nas inntinniche don leughadair ma sheallas an sgrìobhadair càite bheil sgeulachd a' tachairt, an àite a bhith ag innse an-còmhnaidh. Seo mar a thòisich caibideil 1 anns an leabhar O Raonaid! le Marion agus Derek Halpin.

a.


Bha i dorch anns an rum. Ach bha deàrrsadh de sholas a' priobadh a-steach do sheòmar-cadail Raonaid nuair a bha geug a' sèideadh air ais 's air adhart air beulaibh lampa-sràid aig taobh a-muigh na h-uinneig.

Dh'fhosgail Raonaid a sùilean. Cha robh i buileach na dùisg no na cadal. Choimhead i timcheall. Bha a h-uile càil socair, sàmhach agus bha fhios aice nach robh duine eile anns an rum ach i fhèin.

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa àite anns a bheil an sgeulachd seo a' tòiseachadh? Ciamar a tha fios agad?
- Dè seòrsa aimsir a th' ann a-muigh? Ciamar a tha fios agad?
- Dè na h-abairtean a tha a' sealltainn don leughadair gu bheil an oidhche ann?
- Nan robh thusa anns an t-suidheachadh sin, ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn? Carson?

Seo paragraf eile far a bheil an sgrìobhadair a' sealltainn dè an suidheachadh a th' ann, gun a bhith ag innse:



b.

Dh'fhosgail na dorsan automatic gu luath agus chaidh Sìne tromhpa, a-mach às an fhuachd. Air a cùlaibh chuala i dùdach sheasmhach ag iarraidh air a h-uile duine faighinn a-mach às an rathad. Ghreas i oirre sìos trannsa leathann gleansach, a' toirt sùil ghoirid air na sanasan ioma-dhathach airson faicinn càit am bu chòir dhi dhol. Air a beulaibh dh'fhosgail dorsan dùbailte ann an cabhaig, agus thàinig troilidh seachad oirre, air a phutadh le daoine ann an còtaichean geala agus le aodannan iomagaineach. Dh'fhairich i am fàileadh làidir de dh'antiseptic aig cùl a h-amhaich. Chum i oirre tro na dorsan aig ceann eile an trannsa agus ràinig i rum mòr soilleir làn shèithrichean plastaig. Bha a h-uile sèithear làn. Bha pian ri fhaicinn anns a h-uile aodann. Ach chan fhaca i an t-aodann a bha i a' lorg. Bha fhios aice gun robh Peigi an seo ann an àiteigin. Ach càite?

Puingean ri Dheasbad:

- Càite a bheil an stòiridh seo a' gabhail àite?
- Dè na faclan agus abairtean a tha a' sealltainn sin?
- Dè na seallaidhean a th' ann? Dè na fàilidhean? Dè na fuaimean? Dè na faireachdainnean?
- Nan robh thusa ann an àite Sìne, ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn?
- Dè na faclan/abairtean a tha a' toirt ort faireachdainn mar sin?

Puingean Teagaisg:

- Tha an sgrìobhadair a' sealltainn suidheachadh na sgeulachd, gun a bhith a' cleachdadh an fhacail *ospadal* idir.
- Airson suidheachadh soilleir a chruthachadh, faodaidh tu feum a dhèanamh de dhiofar mhothachaidhean – sealladh, claisneachd, faireachdainn, fàileadh, làimhseachadh. Na cleachd iad uile a h-uile trup, ach smaoinich dè an fheadhainn as fheàrr a sheallas co ris a tha an suidheachadh coltach.

d) Uaireannan cleachdaidh sgrìobhadairean tuairisgeul de shuidheachadh airson barrachd a shealltainn mu dheidhinn caractar. Seo eisimpleir bhon leabhar Disathairn' le Donnchadh MacGill'Ìosa:

Rinn e (Calum) air a' chlàsaid. Air an rum bheag a bh' aige dha fhèin, le uinneag a' sealltainn a-mach gu Tràigh a' Phuirt, 's a-mach gu Àird Thalasdaidh. Bòrd is sèithear socair. Agus leabhraichean air sgeilp; *Woodworkers World*, *Mathematics for the Builder*, *Readers Digest Condensed Books*, *Charles Dickens*, am Bioball. Piob agus tombaca na pioba. Teine electric. Agus dealbhan air a' bhalla. Athair 's a mhàthair. Iseabail na nighinn bhig còmhla ri h-athair, Seonaidh Mòr, thall ann an Stròineiseadar an Rubha ...

Td.21 Disathairn' le Donnchadh MacGill'Ìosa



Puingean ri Dheasbad:

- Dè dh'ionnsaich thu mu Chalum bhon earrainn seo?
- A bheil thu a' smaoinichadh gur e tuairisgeul de rum deagh dhòigh a bhith a' sealltainn barrachd mu character? Minich do fhreagairt.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- **Duilleagan-obrach 3 agus 4.**

- Sgrìobh paragraf le tuairisgeul de shuidheachadh airson toiseach sgeulachd. Feuch an seall thu an suidheachadh don leughadair gun a bhith ag innse dè tha ann. Cleachd fear de na suidheachaidhean seo:

uaimh coille na teine tràigh anns a' gheamhradh

leabharlann clasrum sràid thrang

Smaoinich air rudan a chitheadh tu agus a chluinneadh tu nan robh thu ann. Ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thu anns an t-suidheachadh sin? Dè na faclan agus abairtean a chleachdas tu gus an 'atmosphere' sin a chruthachadh airson an luchd-leughaidh?

- Sgrìobh bàrdachd de mhothachaidhean (faic **duilleag-obrach 5**)

- Nuair a tha thu a' leughadh ficsean, coimhead a-mach airson faclan agus abairtean a bheir deagh thuirisgeul air suidheachadh. Dh'fhaodadh tu feadhainn a sgrìobhadh nad leabhar-nota sgrìobhaidh.

- Sgrìobh tuairisgeul den rum a bhiodh aig:-

- a) Balach aois deich aig a bheil tòrr charaidean, a tha dèidheil air ball-coise, ceòl agus leughadh, agus a tha gu math sgiobalta.
- b) Nighean aois dhà-dheug a tha dèidheil air dannsadh, eich agus cluich dhrumaichean, agus a tha gu math mì-sgiobalta.



b. Cuin agus càite / Suidheachadh ag atharrachadh tron sgeulachd

Tha tuairisgeul den àite agus den àm anns a bheil sgeulachd suidhichte a' cuideachadh an leughadair a bhith faicinn a' phlot na inntinn. Faodaidh an tuairisgeul tighinn aig toiseach sgeulachd, mar gu bheil an sgrìobhadair a' peantadh 'backdrop' airson dealbh-chluich, no faodaidh sgrìobhadair pìosan beaga de thuairisgeul a dhèanamh beag air bheag tron sgeulachd, far a bheil iad feumail don phlot.

Bidh am plot ann an tòrr sgeulachdan a' gluasad bho àite gu àite, agus uaireannan bho àm gu àm. Feumaidh an sgrìobhadair tuairisgeul gu leòr a dhèanamh den t-suidheachadh ùr gus an lean an leughadair am plot gu furasta.

- Iarr air a' chloinn èisteachd ris an sgeulachd 'An Gobha Sanntach' (Am Blòigh Beag le Beannachd), agus èisteachd gu h-àraidh airson tuairisgeul de shuidheachadh mar a nochdas e tron sgeulachd.

- Leugh sgeulachd ghoirid dhan chlas no dhan bhuidhinn leughaidh / sgrìobhaidh. Mus tòisich thu, iarr orra èisteachd airson abairtean a tha a' sealltainn gu bheil an t-àm no an t-àite air atharrachadh.

a) Seo tuairisgeul de shuidheachadh bho toiseach sgeulachd:

Bha Cogadh a' Cheusair air tighinn gu crìch, agus air an latha mu dheireadh de 1918 bha an trèana bho Inbhir Nis gu Caol Loch Aillse làn de shaighdearan agus de sheòladairean a bha tilleadh an dèidh an saorsa fhaighinn bho uabhas nan ceithir bliadhna a chaidh seachad. Bha mòr thoileachas air gach duine a bh' air an trèana, an dùil gum biodh iad còmhla ri an luchd-dàimh aig an taigh an oidhche sin fhèin, agus nach biodh aca tuilleadh rin aghaidh a chur air gàbhaidhean agus cunnartan a' chogaidh oillteil a bha a-nise seachad.

Bha òrain Ghàidhlig rin cluinntinn air feadh na trèana, agus iomadh fear a' cur fàilte air caraid nach robh e air fhaicinn o chionn fhada. An-dràsta 's a-rithist chluinneadh tu fear a' bruidhinn gu tùrsach, a' cuimhneachadh air fear de chompanaich òige nach biodh a' tilleadh, ach an ceann ùine bheireadh an subhachas na bha mun cuairt air aire air falbh bho na smuaintean brònach.

Td. 1 Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein (Acair 1992)

Puingean ri Dheasbad:

- Càite a bheil an sgeulachd seo a' tòiseachadh?
- Cuin a tha an sgeulachd seo a' tòiseachadh?
- Dè na h-abairtean as fheàrr a sheallas don leughadair co ris a bha e coltach a bhith anns an t-suidheachadh sin?
- Dè an tuairisgeul a rinn an t-ùghdar de sheallaidhean, fhuaimnean, fhaireachdainnean?
- Dè seòrsa 'atmosphere' a th' ann?



b) Seo dà earrann bhon aon leabhar, À Ulbha gu Geelong le Maoilios M. Caimbeul. Tha an sgeulachd mu theaghlach a chaidh fhuadach à Ulbha ann am meadhan an 19mh linn agus a chaidh a-null a dh'Astràilia air bàta. Anns a' chiad earrainn tha iad air a' bhàta, anns an dàrna earrainn tha iad air Astràilia a ruighinn.

i.

(td.47) Gu h-obann bha ruith mo smaointean air am briseadh le èigheach os ar cionn.
“Ceangailibh na siùil àrda, greasaibh oirbh ...” Chaill mi na faclan mu dheireadh le fuaim na gaoithe agus na mara.
Bha an t-side a-nis a' fàs gu math na bu mhiosa. Thòisich daoine a' dùsgadh. Bha clann òga a' sgiamhail. Bho àm gu àm bhuaileadh tonn le buille air cliathaich a' bhàta. Thòisich daoine ag èirigh.

ii.

Fhuair sinn air tìr ann an Geelong air madainn bhrèagha gheamhraidh aig deireadh an luchair.
“Cuimhnich gur e an geamhradh a th' aca seo,” arsa Lachlann rium agus sinn a' dol air tìr.
Ach ged a b' e cha robh e fuar idir.
Bha mòran bhàtaichean eile a-staigh ris a' chala. B' e àite trang a bh' ann. Albannaich is Sasannaich, Èireannaich is Gearmailtich, uile gualainn ri gualainn.
Agus bha aon fhacal air bilean gach duine – òr! Òr ann am Balarat, òr ann am Bathurst – cha robh càil ach òr, òr, òr.
Daoine air chuthaich a' ceannach spaidean, phicean agus innleachdan airson an t-òr a dhealachadh ris an t-salchair. Agus iad a' tarraing orra gu tuath gu dùthaich an òir.
Chan fhaca mi a-riamh leithid de shealladh. Ùpraid, èigheach, sabaid. Agus daoine le cairtean, ann an gigeachan agus le baraichean a' togail orra mu thuath. Feadhainn eile a' coiseachd le ultaichean air an druim. Feadhainn eile a bha air an obair no an dreuchd fhàgail agus a bha a' falbh còmhla ris na ceudan eile. Ciobairean agus luchd-ciùird, fir-lagha agus luchd-malairt – a h-uile seòrsa agus iad uile an dòchas gun robh fortan a' feitheamh riutha.

Puingean ri Dheasbad:

- Anns a' chiad earrainn, dè na h-abairtean a tha a' sealltainn 'fuaimean' an t-suidheachaidh?
- Saoil carson a chleachd an t-ùghdar an seantans 'Bha clann òga a' sgiamhail'? A bheil e gad chuideachadh a bhith a' faicinn no a' cluinntinn an t-suidheachaidh?
- Dè an seantans as fheàrr, nad bheachd-sa, a sheallas gu bheil na caractaran ann an suidheachadh cunnartach?
- Dè seòrsa 'atmosphere' a tha anns an dàrna earrainn? Ciamar a chruthaich an t-ùghdar an 'atmosphere' sin?



Puingean Teagaisg:

- Airson dealbh a pheantadh den t-suidheachadh anns an dàrna earrainn, tha an t-ùghdar a' sealltainn dè an aimsir a th' ann, dè seòrsa daoine a th' ann agus dè tha iad a' dèanamh. Tha an sluagh mòr dhaoine cudromach airson an t-suidheachaidh an seo. Tha tuairisgeul de na tha a' tachairt feumail ann a bhith a' sealltainn suidheachadh airson sgeulachd.
- Tha an t-ùghdar a' sealltainn 'ùpraid' le seantansan goirid agus le seantansan neo-choileanta, (m.e. ùpraid, èigheach, sabaid) agus le 'liostaichean' (m.e. ciobairean agus luchd-ciùird, fir-lagha agus luchd-malairt ...).

c) Seo tuairisgeul de bhaile a nochd anns an nobhail An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul:

Bha am baile uile ri fhaicinn fodha: an Stadium far an do rinn sgioba ball-coise a' bhaile a' chùis air Real Madrid 3-1; an Àrd Eaglais far an deach am Prìomhaire adhlacadh o chionn sia mìosan; an Department Store a chaidh fhosgladh an-uiridh le Madonna. Baile ainmeil a bha seo, a bha glè thric sna naidheachdan. Hud, nach robh Daibhidh Beckham agus Robbie Williams agus Mick Jagger agus Caprice agus Posh Spice agus Britney air a bhith ann o chionn là no dhà, aig pàrtaidh.

Td. 27 An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Storlann/ Acair 2002*)

Puingean Teagaisg:

- Tha na thachair no na tha a' tachairt ann an àite a' cur ris an t-suidheachaidh.
- Le bhith a' cleachdadh ainmean dhaoine ainmeil, tha an sgrìobhadair a' glacadh àire an leughadair.



d) (airson clann aig Ìre E) Seo tuairisgeul de dh'àite bho thoiseach an leabhair Disathairn' le Donnchadh MacGill' Iosa. Seall mar a chuireas e tòrr fiosrachaidh ann an seantansan neo-choileanta:

Shuas air falbh bho rathad an Rìgh, baile beag dhà no trì thaighean. Shuas seachad air Clach Steinn, a-mach às an t-sealladh air an sgìre. Shuas air a' chùl, eadar an Cnoc Àrd agus am Port, ann an ceann a tuath Eilein Leòdhais, tìr nan gaisgeach. Far a bheil fraoch, is raineach is feur. Machraichean, tràighean gainmhich is sgòthan geala caistealach. Uisgeachan mìn, mòinteach agus ceò. Muir agus loch. Creagan garbha, eathraichean, tractaran is càraichean. Agus air làithean samhraidh fèathach ciùin, 's air làithean socair foghair, chì thu gu fada fad às bhual, tarsainn a' chuain, beanntan na mòr-thìr. Beanntan casa, purpaidh-ghorm, a tha cho sàmhach ri dealbh air truinnsear. Gun sgread faoileig air an àrainn. No brag na mara. Tìr àlainn chèin...

Bha dorchadas a' gheamhraidh seachad ach cha robh sgeul fhathast air meanbh-chuileag, no air greimire. Cha robh sgeul fhathast air na cuileagan beaga aotrom a bhios ri danns còmhla anns an àidhir, fad an fheasgair shamhraidh. 'S bha an dealan-dè gu teann na chèis bhig, steigte ri balla a' ghàrraidh. Ach cha b' fhada gus am biodh daoine ri falbh a-mach dhan mhòine, len deisichean oillsgin, 's a' ghaoth cho fuar 's cho geur ri faobhar tairsgeir.

Td. 5-6 Disathairn' le Donnchadh MacGill' Iosa (*Acair 1992*)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè tha diofraichte mun stoidhle sgrìobhaidh seo?
- A bheil e a' cruthachadh dealbh soilleir nad inntinn?
- Chleachd an t-ùghdar ìomhaigheachd. Lorg dà eisimpleir de seo.
- Tha an t-ùghdar ag innse dè nach eil ann cho math ri dè tha ann. Lorg eisimpleir de rudeigin nach eil ann fhathast. Saoil carson a tha sin feumail airson tuairisgeul den t-suidheachadh?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh tuairisgeul de chuideigin (thu fhèin no cuideigin eile) a' tilleadh don bhaile/dachaigh agad fhèin an dèidh a bhith air falbh airson ùine mhòir. Beachdaich air ciamar a bha an caractar a' siubhal, dè chunnaic e/i, dè na fuaimean a bh' ann, ciamar a bha e/i a' faireachdainn, dè na rudan a bha ùr agus dè nach do dh'atharraich idir on dh'fhalbh e/i.
- Leugh caibideilean 8 agus 9 den leabhar À Ulbha gu Geelong le Maoilios M. Caimbeul, a' coimhead airson tuairisgeul de shuidheachadh agus mar a tha an suidheachadh ag atharrachadh.
- **Duilleag-obrach 6** (sgrìobh pàirt de sgeulachd leis an aon seòrsa suidheachaidh)
- **Duilleag-obrach 7** (a' coimhead gu mionaideach air mar a tha suidheachadh air a chruthachadh ann an aon eisimpleir)
- Sgrìobh paragraf làn tuairisgeil airson sgeulachd mu thuras air bàta ann an stoirm. Cuimhnich a bhith a' cleachdadh mothaichidhean eadar-dhealaichte (m.e. fradharc, claisneachd, blas ...), agus a bhith a' sealltainn dè a' bhuidheachadh a th' aig an t-suidheachadh air faireachdainnean nan caractaran.
- Leugh an sgeulachd 'Hansel agus Gretel' anns an leabhar Sgeulachdan Grimm (*Acair 1990*) còmhla ri caraidean no ann am buidhinn bhig, agus coimhead airson abairtean a tha a' sealltainn gu bheil an suidheachadh air atharrachadh. Tha tòrr ann. Seo feadhainn airson tòiseachadh:



Bho chionn fhada, bhaa' fuireach ri taobh coille mhòir.

Air an oidhche ...

'A' chiad char anns a' mhadainn ... a-mach dhan choille.

..S cho luath 's a bha na seann daoine air tuiteam seachad ...

' ...chaidh e a-mach air a shocair. Bha a' ghealach na h-àirde, agus bha na clachan beaga geala a bh' air beulaibh an taighe ...

'Thill e a-steach ..

- Leugh duilleagan 28 – 29 den leabhar An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul. An uair sin sgrìobh tuairisgeul den bhaile agad, no de bhaile air a bheil thu eòlach no baile mas-fhìor mas fheàrr leat, anns an aon stoidhle, mar gu bheil caractar a' coiseachd tron bhaile agus a' dol seachad air diofar thogalaichean agus rudan eile. Seall mar a tha Aonghas Pàdraig a' dèanamh tuairisgeul beag mionaideach de gach rud, a' sealltainn dè an coltas a th' air (*m.e. 'stòran mòra falamh'*), no dè bhios a' tachairt ann (*m.e. 'far an robh mu dhusan fear nan laighe air an t-sràid ...'*).
- (Ìre E) Leugh an earrann bhon leabhar Disathairn' a-rithist. Cleachd cuid de na faclan agus abairtean a tha ann gus pìos bàrdachd a chruthachadh mun àite seo. Faodaidh tu barrachd rudan a chur ann cuideachd airson dealbh soilleir a chruthachadh.



C. Atmosphere

Gu math tric ann an sgeulachdan tha ceangail eadar faireachdainnean agus suidheachadh. Cruthaichidh ùghdaran 'atmosphere' le bhith a' smaoinneachadh mu dheidhinn nam faireachdainnean a bhios suidheachadh a' dùsgadh agus le bhith a' dèanamh deagh thuairisgeul dheth. Anns an aon dòigh, faodaidh sgrìobhadair beachdan fhaighinn airson suidheachadh agus 'atmosphere' le bhith smaoinneachadh air faireachdainnean nan caractaran, no air na faireachdainnean a tha e/i ag iarraidh a dhùsgadh anns an leughadair.

a) Seo earrann bho thoiseach leabhair, far a bheil ceangal gu math dlùth eadar faireachdainnean a' phrìomh caractair agus an suidheachadh anns a bheil e:

Bha Coinneach sàraichte sgith.

A' coiseachd dhachaigh às an sgoil, bha e cho sàraichte 's gu robh e doirbh dha sgur de mhèaranaich. Bu ghann gum b' urrainn dha fuireach na dhùisg. A h-uile latha bhiodh e a' gabhail an aon shlighe dhachaigh aig an aon àm, tro na h-aon shràidean neo-inntinneach. Cha robh Coinneach a' tuigsinn carson nach robh an ionad-thaighean aige aithnichte mar an t-àite bu shàraichte anns an t-saoghal gu lèir.

Bha Coinneach den bheachd gu robh a h-uile càil sàraichte. Na togalaichean.

Na cabhsairean. Na ballachan. A H-UILE RUD!

Bha dìreach aon rud a' cur dath air an àite air fad. B' e sin a' ghrian a' dol fodha thar an òtraich ionadail. Agus chan e buileach dealbh àlainn a bh' ann an sin.

Air eadar-theangachadh bho td. 3-4 Colour me Crazy le Andrew Donkin (A & C Black 1996)

Puingean ri Dheasbad:

- Ciamar a tha Coinneach a' faireachdainn?
- Dè na faclan agus abairtean a tha a' sealltainn nam faireachdainnean aige?
- Carson a tha e a' faireachdainn mar sin?
- Dè a' bhuaidh a tha aig an àite air na faireachdainnean aige?
- Carson a tha na faclan 'A H-UILE RUD' sgrìobhte ann an litrichean mòra?
- Ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thu ann an àite Choinnich?
- Dè seòrsa àite anns am biodh tusa a' faireachdainn sàraichte?
- Dè an dath a chleachdadh tu airson na faireachdainn sin a shealltainn? Carson?



b) Seo earrann bhon leabhar Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill, a' sealltainn faireachdainnean nan caractaran nuair a thèid iad a-steach do bhothaig dhìomhair far am bi eucoraich ag obair:

B' e bothag bheag chloiche a bh' ann le mullach meirgeach sinc oirre, is bha i dìreach an oir a' chladaich.

Nuair a ràinig Seumas an doras thug e an aire gu robh e glaiste. Bha Aonghas na sheasamh air a chùlaibh.

"Tha fios agamsa càit' a bheil an iuchar," is e a' togail na lic a bha ri taobh an dorais. Shìn e an iuchar dha Seumas.

Chrùb a' chlann uile a-steach cho luath 's a bh' aca. B' e seann bothag iasgairean a bha seo.

Chùm iad grèim air an anail, na sùilean aca sìor fhàs mòr mar a bha iad a' laighe air a h-uile uabhas a bha staigh an seo. Bha an t-àite loma-làn de bhogsaichean èisg. Bha iad air an stobhadh bho mhullach gu bonn, mun cuairt nan ceithir ballaichean. Bha seann lìon èisg ann, bha seann àircean ann, ròpaichean, seann ìnean ghiomach is chrùbag, bha lanntair crochte air a' bhalla, bha dà ràmh is boiteag nan seasamh ri taobh an dorais, bha tiona còig ghallan parabhain ann is e glè mheirgeach.

Bha rudeign mì-nàdarra ged-tà mu dheidhinn nam bogsaichean a bha air an stobhadh cho sgiobalt is cho rianail san àite. Bha na smuaintean a' ruith sa cheann aig Seumas nuair a phut Aonghas e, a' stiùireadh a chorraig air na bogsaichean. Shlaod e a-mach am bogsa anns an t-sreath a b' fhaisge air. B' fheudar dha seasamh air a chorra-biod. Bha sàmhchair cho domhainn ri abhainn a-staigh an seo, grèim aig a' chloinn air an cridheachan agus a' sealltainn tro sgàineadh a bha san doras.

Td. 48-49 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

Puingean Teagaisg

- Tha coimeas air a tharraing eadar rudan àbhaisteach a bu chòir a bhith ann am bothaig iasgaireachd, agus rudan 'mì-nàdarra' a tha a' dùsgadh amharas anns na caractaran.
- Coimhead a-rithist air a' pharagraf a' tòiseachadh 'Chùm iad grèim...'. Bruidhinn mu dheidhinn structair a' pharagraif agus an seantans fada mu dheireadh. Tha liosta fhada ann de na rudan a chunnaic a' chlann anns a' bhothaig. Carson a sgrìobh an t-ùghdar liosta mar seo? A bheil e gad chuideachadh a bhith a' faicinn an àite nad inntinn? Saoil carson a chleachd i cromagan an àite stad-phuingean? Seall don chloinn diofar dhòighean air am paragraf seo a sgrìobhadh, mar eisimpleir a' fàgail às cuid de na faclan 'bha', no a' cleachdadh stad-phuingean. Dè an diofar a nì na h-atharrachaidhean seo do 'astar' a' pharagraif?

Puingean ri Dheasbad:

- Tha tòrr mhion-chunntasan ann den dòigh anns an d' fhuair iad a-steach dhan bhothaig. Saoil carson nach do sgrìobh an t-ùghdar dìreach 'Chaidh iad a-steach.'? A bheil am mion-chunntas mionaideach seo a' sealltainn an t-suidheachaidh gu soilleir? Ciamar a tha e feumail don phlot? A bheil e a' cuideachadh an leughadair a bhith a' faireachdainn co ris a bhiodh e coltach a bhith an làthair?
- Ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thusa anns a' bhothaig ud? Carson a bhiodh tu faireachdainn mar sin? Dè an abairt as fheàrr a thug ort smaointinn gum biodh tu a' faireachdainn mar sin?
- An lorg sibh eisimpleir de 'ìomhaigheachd' anns an earrainn seo? (*Bha sàmhchair cho domhainn ri abhainn a-staigh an seo*). A bheil an samhla seo cuideachail le bhith a' cruthachadh 'atmosphere'?



c) Faodaidh dìreach seantans no dhà tòrr innse don leughadair mu dheidhinn ‘atmosphere’ agus mu na faireachdainnean a tha sin a’ dùsgadh anns na caractaran. Seo earrann bhon leabhar An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan. Tha balaich a’ feuchainn ri faighinn a-mach dè tha dol air eilean air nach robh iad riamh roimhe. An seo tha iad a’ leantainn frith-rathad a tha a’ dol tro chraobhan:

“Nach e tha sàmhach,” arsa Seòras ri Seumas ann an cagair, mar gu robh eagal air gun deigheadh a chluinntinn.

“Shaoileadh tu gum biodh eòin anns na craobhan,” fhreagair Seumas, “ach chan eil aon bhìog.”

Td. 56 -57 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)

Puingean ri Dheasbad:

- Saoil carson a tha eagal air Seòras gun tèid a chluinntinn?
- Dè tha annasach mun àite seo?
- Ciamar a bhios tusa a’ faireachdainn nuair a tha thu ann an àite sàmhach?

d) Seo tuairisgeul eile de shuidheachadh bho stòiridh a tha làn ‘atmosphere’; Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul.

Fhuair iad gu cùl a’ chaisteil gun chus spàirn agus thòisich iad a’ gluasad air an socair agus gu ro-chùramach gu an aghaidh. Bha oiteagan gaoithe a’ bualadh le sgàl aognaidh air an togalach a bha ag èirigh gu h-àrd os an cionn. Air an cùlaibh, agus air gach taobh, bha a’ choille dhorch, a’ maoidheadh orra gu h-eagalach agus gu neo-ghealltanach. Cha robh sìon a dh’fhios nach robh sùilean nàimhdeil a’ goradaireachd orra bho dhlùths nan craobh.

Ràinig iad na dorsan mòra daingeann. Bha cearcall mòr umha an crochadh bho gach doras. Gu faiceallach agus cho socair agus a b’ urrainn dha, rug Fionnlagh air a’ chearcall agus chuir e car dheth. Bha an triùir eile ri a shàil ga choimhead. Bha iad uile deiseil airson ruith nan cluinneadh iad fuaim bhon taobh a-staigh. Gu fortanach, cha robh an doras glaiste. Dh’fhairich Fionnlagh a chridhe a’ dol na chom aig peilear a bheatha. Beag air bheag dh’fhosgail an doras.

Td. 61- 62 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul. (Stòrlann/ Acair 2002)



Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa atmosphere a tha an t-ùghdar a' cruthachadh an seo?
- Dè an seantans as fheàrr a sheallas sin, nad bheachd-sa?
- Am bu toil leat a bhith anns an t-suidheachadh seo? Carson?
- Dè na fuaimean a tha rin cluinntinn?
- Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil eagal air a' chloinn?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

• Leugh caibidil 7 agus 8 den leabhar An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan. Tha tòrr thuirisgeul den eilein anns na caibideilean seo.

• **Duilleag-obrach 8**

• Smaoinich air àite a tha làn spòrs agus 'excitement' dhut. Sgrìobh liosta de na rudan, fuaimean, fàilidhean, tachartasan a tha ga dhèanamh gu sònraichte inntinneach dhut. Cleachd do liosta airson pìos bàrdachd a sgrìobhadh mun t-suidheachadh sin. Feuch an seall thu an 'atmosphere' don luchd-leughaidh.

• Leig ort gu bheil thu a' sgrìobhadh sgeulachd mu dheidhinn dithis charaid a lorgas àite eagalach (taigh, uaimh, caisteal, cladh) nuair a tha iad a' coimhead airson fasnachadh bho stoirm. Sgrìobh tuairisgeul den àite mar a chì iad an toiseach e. Smaoinich co ris a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thu ann agus feuch an toir thu air an leughadair faireachdainn mar sin. Cuimhnich: seallaidhean, fuaimean, iomhaigheachd, dathan, seall, na innis!



d. Coimeas

Uaireannan, seallaidh sgrìobhadairean co ris a tha suidheachadh coltach le bhith a' dèanamh coimeas le suidheachadh eile. Seo eisimpleir:

a)

Shuidh Ragnall ri taobh an teine anns an rum seasgair sìtheil, a' coimhead a-mach air an uinneig. Bha e garbh a-muigh gun teagamh. Chluinneadh e na clachan-meallainn a' bualadh air mullach an taighe agus a' ghaoth a' feadalaich anns an t-similear. Mhothaich e gu robh tè de na craobhan air taobh eile an rathaid air tuiteam sìos, a' fàgail toll mòr anns an talamh is bha geugan fhathast a' laighe air an rathad. Choimhead e air a' ghleoc air a' bhalla agus rinn e osna. Stoirm ann no às, dh'fheumadh e an taigh fhàgail ann am mionaid no dhà.

Puingean ri Dheasbad:

- Dè an coimeas a rinn an sgrìobhadair an seo? (*eadar taobh a-staigh seasgair agus taobh a-muigh garbh*)
- Carson a rinn Ragnall osna?
- Dè seòrsa latha a th' ann a-muigh?
- Dè na faclan a tha a' sealltainn nach eil Ragnall ag iarraidh a dhol a-mach?

b) Tha tuairisgeul de dh'àitean cudromach ann am bàrdachd cuideachd. Seo dà rann bho òran anns a bheil am bàrd a' dèanamh coimeas eadar am baile anns a bheil e agus a dhachaigh ann am Baile Chaolais, dha bheil e a' tilleadh.

Chì mi a' ghrian ann an liath nam flaitheanas
Chì mi san iar a ciar nuair laigheas i;
Cha 'n ionnan 's mar tha i a ghnàth anns a' bhaile seo
'N deatach a' falach a glòir.

Fàgaidh mi ùpraid, sùrd agus glagarsaich,
Dh'fhaicinn an fhuinn anns an cluinnteadh a' chagarsaich,
Fàgaidh mi cùirtean dùing' agus salach,
A dh'amharc air gleannaibh nam bò.

Bho 'Chì mi na Mòr-Bheanna' Ceòl nam Fèis 2 (Fèisean nan Gàidheal 2000)



Puingean ri Dheasbad:

- Dè na faclan a chleachd am bàrd airson sealltainn co ris a tha am baile coltach?
- Dè na faclan a chleachdas e airson sealltainn co ris a tha a dhachaigh coltach?
- A bheil thu a' smaointinn gur e tuairisgeul cothromach a tha seo den bhaile / den dùthaich? Minich do fhreagairt.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

• **Duilleag-obrach 9**

- Leugh no èist ris an òran seo air fad, agus feuch an lorg thu abairtean eile a dh'inneas co ris a tha an t-àite coltach ann am beachd a' bhàird.
- Dèan brainstorm de fhaclan a dh'inneas co ris a tha an t-àite as fheàrr leat fhèin coltach. Cleachd feadhainn aca gus pìos bàrdachd a sgrìobhadh a' moladh an àite.
- Sgrìobh faclan agus abairtean a dh'inneas co ris a tha àite nach toil leat coltach. Sgrìobh pìos bàrdachd mun àite sin, a' dèanamh coimeas eadar sin agus an t-àite as fheàrr leat.

c) Seo pìos bhon leabhar Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul:

Chaidh sgòth tarsainn na gealaich agus dh'fhàs e beagan dorcha. Chitheadh iad solais bhlàth a' bhaile pìos air an cùlaibh. Chuala iad sgiamhail is meigeall chat a' sabaid fada air falbh anns an dorchadas.

Td. 15 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul (*Acair 2002*)

Puingean Teagaisg:

- Tha an t-ùghdar a' dèanamh coimeas eadar solas agus dorchadas airson sealltainn gu bheil na caractaran a' dol a-steach do dh'àite diomhair, dorch. Tha solais a' bhaile pìos air falbh a-nis agus tha a' ghealach còmhdaichte le sgòth.

Gnìomhan do na sgoilearan:

* **Duilleag-obrach 10** (*coimeas*). Dh'fhaodadh caraidean no buidhnean beaga obrachadh còmhla air seo airson barrachd bheachdan fhaiginn.



e. Astar – slaodach no luath

Tha an t-astar aig am bi rudan a' tachairt cudromach ann an sgeulachdan. Tha sgeulachd a tha a' dol aig an astar cheàrr a cheart cho dona ri òran air a chluich aig an astar cheàrr! Ma tha sgeulachd a' dol air adhart ro luath no ro shlaodach, tha cunnart ann gun caill na leughadairean am plot no gun chaill iad ùidh. Ach ma tha am plot a' gluasad air adhart aig an astar cheart, tha seo a' cuideachadh le bhith a' leasachadh an 'atmosphere' agus faireachdainnean nan caractaran.

Uaireannan bidh an sgrìobhadair ag iarraidh gluasad air adhart gu suidheachadh no tachartas ùr gu math luath. Uaireannan bidh e/i ag iarraidh an leughadair a chumail air bhioran, a' feitheamh gus an tachair rudeigin sònraichte. Uaireannan bidh e/i ag iarraidh dealbh soilleir monaideach a chruthachadh de dh'àite.

a) Seo dà earrann a tha a' toirt tuairisgeul den aon shuidheachadh ... aig astaran eadar-dhealaichte

a)

Chòimhead Emma mun cuairt oirre le sùilean mòra. Chòrd an t-àite seo rithe gu mòr. Sheas i airson ùine mhòir, ag èisteachd ri na faoileagan shuas os a cionn agus ris a' ghaoith a' sèideadh gu socair tron fheur. Ghabh i anail mhòr a-steach, a' feuchainn fàileadh na mara, agus chuimhnich i mar a b' àbhaist dhi a bhith a' cluich air a' ghainmhich an seo còmhla ri a bràithrean agus a piuthar bhig nuair a bha i na b' òige. Bha a' ghainmheach cho glan agus cho farsaing 's a bha i riamh, agus cho falamh. Cha robh duine ann ach i fhèin. Choisich i sìos gu oir na mara air a socair agus choimhead i greis air na tuinn a' sluaisreadh air na creagan aig ceann eile na tràghad. An uair sin, chuir i dhith a brògan agus bhog i a h-òrdagan dhan t-sàl. Rinn i gaire. Bha an t-uisge cho deàlrach 's cho gorm 's gun robh i air dìochuimhneachadh gum biodh e gu math fuar fhathast! Shuidh i air an tràigh agus thilg i gainmheach blàth thar a casan gus an robh iad blàth a-rithist. An uair sin thionndaidh i agus choisich i a-null chun na h-uaimh.

b)

Ruith Emma sìos an leathad. Thug i sùil gheur air an tràigh. Cha robh sgeul air duine fhathast. Chan fhaca i ach gainmheach, creagan ... agus muir. Bha an t-uisge a' coimhead cho àlainn, ach cha robh ùine aice an-dràsta. Latha eile 's dòcha. Chùm i oirre a' ruith, roic nam faoileag agus fuaim na mara na cluasan, gus an d' ràinig i an uaimh, a h-anail na h-uchd, a cridhe a' bualadh na com.



Puingean ri Dheasbad:

- Dè an suidheachadh a th' anns an dà earrainn?
- Ciamar a tha iad coltach ri chèile? Ciamar a tha iad diofraichte?
- Ciamar a tha thu a' smaoinneachadh a tha Emma a' faireachdainn anns a' chiad earrainn? Dè tha a' toirt ort sin a smaoinneachadh?
- Ciamar a tha i a' faireachdainn anns an dàrna earrainn? Dè na faclan /abairtean a tha a' sealltainn sin?
- Saoil carson a tha Emma air an tràigh ann an earrainn 1? Ann an earrainn 2?

Puingean Teagaisg:

- Is urrainn do sgrìobhadairean 'astar' atharrachadh le bhith smaoinneachadh mu na gnìomhairean a chleachdas iad (m.e. choisich /ruith). Gluaisidh am plot air adhart nas luaithe nuair a tha tòrr rudan a' tachairt ann an cabhaig, fèar an dèidh a chèile. Tha 'astar' nas slaodaiche air a chruthachadh nuair a tha barrachd mion-chunntas air a chur sìos, nuair a tha an caractar a' beachdachadh air rudan no a' cuimhneachadh air rudan agus nuair a tha e soilleir nach eil an caractar ann an cabhaig.
- Tha seantansan goirid, stad-phuingean agus cromagan anns an dàrna earrainn a' briseadh suas nan gnìomhan agus a' gluasad rudan air adhart nas luaithe. Tha an seantans fada air a bhriseadh suas le cromagan. Tha barrachd sheantansan fada anns a' chiad earrainn, far a bheil ùine ann airson barrachd mion-chunntas.
- Faodaidh an 't-astar' atharrachadh tro sgeulachd, a' gluasad gu slaodach aig amannan agus gu math luath aig amannan eile.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Nuair a tha thu a' leughadh, coimhead a-mach airson earrannan a tha a' gluasad air adhart gu luath agus feadhainn far a bheil an 't-astar' gu math slaodach. Beachdaich air ciamar a tha an t-ùghdar a' gluasad rudan air adhart gu luath no gu slaodach, agus carson.
- Sgrìobh tuairisgeul den rum agad mar gu bheil thu a' laighe nad leabaidh anns a' mhadainn, is nach eil thu ann an cabhaig sam bith èirigh. Tha ùine agad coimhead air a h-uile rud gu mionaideach agus na smuaintean agad a sgrìobhadh, 's dòcha a' cuimhneachadh air ais air an uair a fhuair thu cuid de na rudan a th' agad anns an rum.
- An uair sin, sgrìobh tuairisgeul eile den rum agad, ach an turas seo leig ort gu bheil thu ann an cabhaig mhòir, a' feuchainn ri rudeigin a lorg gus am faigh thu a-mach a chluich còmhla ri do charaidean. Cuimhnich, tòrr rudan a' tachairt ann an cabhaig, seantansan goirid, seantansan nas fhaide air am briseadh suas le cromagan.
- Cleachd fear de na tuairisgeul a sgrìobh thu gu h-àrd mar a' chiad pharagraf de sgeulachd. Obraich a-mach am plot an toiseach agus dèan plana. Cuimhnich gum bi an 't-astar' ag atharrachadh tron sgeulachd – uaireannan luath, uaireannan slaodach.
- Dèan plana airson sgeulachd stèidhichte air fear de na paragrafan mu dheidhinn Emma air an tràigh. Càit' an cuir thu am paragraf sin anns an sgeulachd – aig an toiseach, anns a' mheadhan no aig an deireadh?

f. A' taghadh suidheachadh airson stòiridh

- Tha e na chuideachadh mhòr do sgoilearan ma tha stòr aca de dh'aitichean a dh'fhaodadh iad cleachdadh mar shuidheachadh airson sgeulachd. Seo diofar dhòighean air an cuideachadh gu bhith smaoinneachadh air 'suidheachaidhean' airson sgrìobhadh mac-meanmnach.



- a) Dh'fhaodadh an clas no a' bhuidheann sgrìobhaidh 'brainstorm' a dhèanamh de dhiofar àitichean anns am b' urrainn sgeulachd gabhail àite. Dh'fhaodadh iad an fheadhainn a b' fheàrr leotha a sgrìobhadh nan leabhraichean-nota sgrìobhaidh, no dh'fhaodadh iad uile a bhith rim faicinn air balla a' chlasruim.
- b) Dh'fhaodadh lethbhreac de **dhuilleag-obrach 11** a bhith aig gach sgoilear. Air an duilleig sin tha diofar àitichean far am b' urrainn sgeulachd tòiseachadh no crìochnachadh. Dh'fhaodadh an tidsear an duilleag seo a chleachdadh airson iarraidh air a' chloinn tuairisgeul a sgrìobhadh de shuidheachadh eadar-dhealaichte.
- c) Dh'fhaodadh a' chlann lethbhreac bàn den duilleig sin fhaighinn, (faic **dhuilleag-obrach 12**) agus a lionadh a-steach nuair a thig smuain thuca, no nuair a chì iad suidheachadh inntinneach ùr ann an leabhar a tha iad a' leughadh.
- d) Dh'fhaodadh an tidsear no a' chlann fhèin foto no dealbh a thoirt dhan sgoil airson a chleachdadh mar shuidheachadh airson stòiridh.

- Nuair a tha a' chlann a' dèanamh plana airson stòiridh, no a' sgrìobhadh stòiridh, brosnach iad gu bhith a' beachdachadh air 'mood' a' charactair. Ciamar a tha e/i a' faireachdainn? Iarr orra cuimhneachadh air suidheachadh anns an robh iad-fhèin a' faireachdainn mar sin. Tha ceistean a dh'fhaodadh a bhith cuideachail airson seo air **dhuilleag-obrach 13** (Tha seo caran doirbh agus, mar sin, nas freagarraiche airson clann a tha ag obair gu ruige Ìre E.)

- Seo eacarsaich eile airson cothrom a thoirt do sgoilearan 'practice' fhaighinn ann a bhith a' sgrìobhadh tuairisgeul de dh'àite.

- a) Smaoinich air àite. Feuch an faic thu e gu soilleir nad inntinn mar gu bheil thu ga choimhead air TBh no a' faicinn dealbh dhe. Smaoinich air dè na rudan a tha ann; dè na fàilidhean; an e àite aonranach no trang a th' ann; ma tha daoine ann, dè tha iad a' dèanamh, dè seòrsa aimsir a tha ann; an e madainn, feasgar no oidhche a th' ann; ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thu anns an t-suidheachadh sin?
- b) Sgrìobh tuairisgeul den àite.
- c) Leugh an tuairisgeul agad. Smaoinich air aon fhacal a dh'innseas dè seòrsa 'atmosphere' a th' anns an àite.

- Smaoinich air faclan a tha an aghaidh a chèile, a dh'innseas dè seòrsa atmosphere a dh'fhaodadh a bhith ann an àite. (Seo faclan an aghaidh a chèile, a dh'fhaodadh a bhith feumail. Iarr air a' chloinn obair còmhla ri caraid no ann am buidhinn bhig. Thoir dhaibh, no leig leotha taghadh, dà fhacal an aghaidh a chèile, m.e. 'beothail' agus 'cadalach'. Seo feadhainn a dh'fhaodadh tu chleachdadh:

càirdeil/ nàimhdeil
sìtheil/ fiadhaich
frionasach/ sèimh
sgòthach/ soilleir
beothail/ cadalach
aighearach/ tùrsach

eagalach/ foiseil
àbhaisteach/ annasach
socair/ anshocrach
bruthainneach/ fionnar
sàraichte/ inntinneach

sàbhailte/ cunnartach
diomhair/ soilleir
pianail/ cofhurtail
stoirmeil/ ciùin
trom/ aotrom

Iarr orra 'brainstorm' a dhèanamh den h-uile rud a thig nan inntinn nuair a chluinneas iad na faclan sin. Dh'fhaodadh iad na beachdan aca a sgrìobhadh air duilleag-obrach 14. An uair sin, iarr orra cuid de na faclan air an do smaoinich iad a chleachdadh airson tuairisgeul de gach suidheachadh a sgrìobhadh.



Suidheachadh – Teacsaichean feumail eile

Airson 'suidheachadh' agus 'atmosphere' ann an leabhraichean eile, coimhead air gnìomhan leis a' chòd D20 anns a' phac 'Leum gu Leughadh 4'.

Seo feadhainn eile a dh'fhaodadh a bhith feumail:

Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

Td.13 'Bha an seada ..' a' toirt a-steach suidheachadh ùr

Td.67 *tuairisgeul de 'cùin'*

An Siopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2001*)

Td.21 'Nuair chaidh ...' *tuairisgeul de bhaile*

Td. 41-42 , 60, 61-62 *atmosphere*

Mealladh am Malta le Sheila NicLeòid (*Acair 1993*)

Td. 11 'Rinn iad ...fhèin' *tuairisgeul de bhùth*

Td. 26 'Suas leotha ...rithe'. *Coimeas*

Td. 43 'Agus às dèidh ...a' chladach' *tuairisgeul de bhaile*

Disathairn le Donnchadh MacGill'losa (*Acair 1992*)

Td. 49 'Bha 'n taigh ...aig am bun.' *deagh thuairisgeul den side*

An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach (*Acair 1994*)

Td. 40. 'Bha piosan dhen bhaile far an robh na taighean gus a dhol fodha uile gu lèir anns an t-sneachd. Chan fhaiceadh tu gàrradh no geata no feansa no uinneag. Chan fhaiceadh tu an talamh air an robh thu eòlach. Chan fhaiceadh tu bò no caora no cearc, ach chitheadh tu cù an siud 's an seo a' ruith air mullach an taighe no na shuidhe air a' cheann-simileir, a' coimhead air an t-saoghal gheal, rèidh a bha mu chuairt air.

"Tha mi creidsinn gur ann mar seo a tha Siberia," thuirt athair Choinnich, is e air a dhol fodha gu achlaisean.'

Td. 48 'Bha Cailean a' coimhead mu chuairt is a shùilean a' fàs cleachdte ris an dorchadas. Bothan cloiche le ballachan ìosal agus seòrsa de phreasan cloiche sa bhalla an siud is an seo. Frèam iarainn leapa is e dearg le meirg. Sèithear fiodha. Stòl na laighe air a chliathaich. Sa cheann a b' fhaighe dhen doras, bha àite-teine am meadhan a' bhalla, far an robh leacan air gach taobh agus piosan iarainn nan laighe tarsainn eatarra. Cha robh uinneag idir ann. Le shùil, rinn e tuairmeas nach robh an t-àite ach mu thrì meatair a dh'fhaid agus dhà gu leth a leud.'

Td. 67 'Bha a' ghaoth ri sior-neartachadh. Bha fead aice mu oiseanan nan taighean agus cha b' fhada gus an robh measgachadh de shneachd is chlachan-mheallain na lùib. Nuair a chaidh Seonaidh a-mach còmhla ri athair a thoirt biadh dha na beathaichean, bha a shùilean a' sruthadh cho dona leis an fhuachd 's nach fhaiceadh e an robh an igloo fhathast an-àirde.'

Am Fear Òg 's an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler (*Acair 1997*)

Td. 7 ' Shuidh Kali ... Brodgar' (*tuairisgeul de shuidheachadh aig toiseach teacs*)

Td. 36 'Bha muinntir ...an iar' (*deagh thuairisgeul den bhaile agus na daoine ann*)

Td. 125-126 'Mun àm a thill ... shiab i air falbh e.' (*tuairisgeul de stoirm, le faireachdainnean agus iomhaigheachd*)



Oidhche air Tom na h-Iùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (Stòrlann/Acair 2001)

Td. 39 'Bha a' ghormachd ...ris an t-sùith' (tuairisgeul den tom aig toiseach na h-oidhche)

Td. 44- 47 '“Siud e a-nise! ... le Seumas ann an Inbhir Nis.’ (Airson sealltainn mar a thèid tuairisgeul de shuidheachadh a mheasgachadh le còmhradh agus tachartasan)

Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Stòrlann/Acair 2000)

Td. 8 '“Thugainn m' eudail .. dhèanadh e chùis' (tuairisgeul de dh'àite àbhaisteach)

Td. 55 –56 'Choimhead i air ...aig an triùir eile' (measgachadh de thuairisgeul agus thachartasan)

Td. 78 ' Choimhead Màiri ...mu oir a' chladaich'. (tuairisgeul de shealladh gu math cumanta anns na h-eileanan)

Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)


Td. 8- 9 'Cha robh ...air chall' (tuairisgeul de shuidheachadh dona)

Td. 10-11 '“Tir!còmhla ris a' chòrr' (tuairisgeul de shuidheachadh mhath ùr)

Td. 26 'Sheòl iad is sheòl iad ..oirre'. (atmosphere)

Td. 27 'S e a' ghrian ... air an cùl' (suidheachadh ùr)





Suidheachadh - duilleag-obrach l sgeulachdan

Ainm:

Cleachd an duilleag-obrach seo airson beachdachadh air mar a chruthaicheas ùghdar suidheachadh agus 'atmosphere' ann an sgeulachd.

Tìotal an leabhair:

Ùghdar:

Foillsichear / ceann-latha foillsichidh:

1. Càite bheil an caractar / na caractaran aig toiseach na sgeulachd?
2. Cuin a tha an sgeulachd a' gabhail àite?
3. An robh thusa riann ann an suidheachadh coltach ri sin?
- 4 Ath-sgrìobh seantans no dhà bhon sgeulachd a dh'innseas beagan mun t-suidheachadh

5. Lorg earrann a tha a' sealltainn 'atmosphere' an t-suidheachaidh. Dè seòrsa 'atmosphere' a tha ann?

6. Dè na faclan is abairtean a chleachd an t-ùghdar gus an 'atmosphere' sin a chruthachadh?

7. An do chleachd an t-ùghdar ìomhaigheachd sam bith? Sgrìobh eisimpleir:

8. An do chleachd an t-ùghdar gin dhiubh seo airson an t-suidheachadh a shealltainn? Cuir loidhne fon fheadhainn a chleachd e/i.

dathan

fuaimean

fàilidhean

coimeas

faireachdainnean nan caractar

blas

aimsir

9. An do chleachd an t-ùghdar seantansan neo-choileanta airson 'atmosphere' a chruthachadh? (mar eisimpleir: 'Sìth. Mu dheireadh thall.')

Sgrìobh eisimpleir:



Suidheachadh - duilleag-obrach 2 bàrdachd

Ainm:

Cleachd an duilleag-obrach seo airson beachdachadh air mar a chruthaicheas bàrd 'atmosphere' ann am bàrdachd.

Bàrd:

Tìotal a' phìos bàrdachd:

Leabhar:

1. Dè seòrsa bàrdachd a tha ann? Tuairisgeul (**descriptive**) no aithriseach (**narrative**)?

2. Ath-sgrìobh pàirt den bhàrdachd a tha a' sealltainn suidheachadh no 'atmosphere'.

3. Dè an suidheachadh a tha ann?



4. An bu toil leat a bhith anns an t-suidheachadh sin?
5. Mìnich do fhreagairt.

6. Dè an 'atmosphere' a tha ann?

7. An do chleachd am bàrd ìomhaigheachd sam bith?
Sgrìobh eisimpleir:

8. An do chleachd am bàrd gin dhiubh seo airson an t-suidheachadh a shealltainn, no airson 'atmosphere' a chruthachadh? Cuir loidhne fon fheadhainn a chleachd e/i.

dathan fuaimean co-ghnìomhairean buadhairean

fàilidhean làimhseachadh blas aimsir



Suidheachadh - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Leugh am paragraf seo bho thoiseach stòiridh. Chan eil e ag innse càite bheil an stòiridh air a suidheachadh, ach tha tòrr 'clues' ann le tuairisgeul de sheallaidhean agus fhuaimnean.

Phut Seumas an geata fosgailte. Rinn e diosgadh sgriosail, a ghoirtich a chluasan, agus thuit bleideagan de sheann pheanta chun na talmhainn. Bha Seumas taingeil gu robh bòtannan air oir bha poll air feadh an àite an dèidh uisge trom an oidhche raoir. Cha robh sgeul air duine, ged a bha a' ghrian àrd anns an speur a-nis. Ghairm coileach thall aig taigh nan cearc. Gairm aonranach am measg an t-sàmhchair mhi-nàdarra. Cha robh Seumas a' tuigsinn. B' àbhaist fuaimean a bhith ann an seo an-còmhnaidh, eadar beathaichean agus innealan agus èighean dhaoine. Sheas e airson greis a' coimhead mun cuairt air agus thuit a shùil air an taigh fhèin. Mhothaich e gu robh uinneagan a dhith ann agus bha e soilleir nach robh duine a' fuireach ann a-nis, ach damhain-allaidh agus radain 's dòcha. Bha an gàrradh làn de dheanntagan àrda agus cluaranan, agus feur nach deach a ghearradh airson ùine mhòir. An robh e air a bhith air falbh cho fada sin?

1. Càite, nad bheachd-sa, a bheil an stòiridh seo a' gabhail àite?
2. Cuir loidhne fo na faclan agus abairtean a thug ort smaoineachadh gur e sin an t-àite a th'ann.
3. Ciamar a tha Seumas a' faireachdainn mun t-suidheachadh anns a bheil e?
4. Sgrìobh fhèin paragraf mu dheidhinn an aon àite mar a bha e mus do dh'fhalbh Seumas. Feuch an seall thu àite beòthail, trang, làn ghluasaid agus fuaim. Dèan liosta de sheallaidhean, fuaimean agus fàilidhean mus tòisich thu. Tagh rudan inntinneach. Cuimhnich a bhith a' dèanamh tuairisgeul de na rudan a chitheadh tu agus a chluinneadh tu nan robh thu ann. Na innis don leughadair ann an dòigh dìreach!



Suidheachadh - duilleag-obrach 4

Ainm:

a. Leugh am paragraf seo agus freagair na ceistean a leanas:

Ruith Pàdraig a-steach agus shàth e a thicead ann an làmh a' bhoireannaich. Reub i i agus dh'fhosgail i an doras gun fhiamh a' ghàire, a' coimhead air a h-uaireadair. Chaog Pàdraig a-steach dhan dorchadas agus rinn e a shlighe sìos na ceumannan gu ruige suidheachan falamh. Bhiodh daoine a' tionndaidh agus a' coimhead air gu gruamach a h-uile turas a sheasadh e air criosp no seann bhotal phlastaig, ach bha e gu math doirbh an seachnadh. B' iongnadh gum b' urrainn dhaibh càil a chluinntinn thar an fhuaim a bha tighinn bho na glaochairean. Gu fortanach bha suidheachan falamh ri taobh an trannsa. Shuidh Pàdraig sìos le osna agus thuit a chòta chun làir. Mhòthaich e le gruaim gu robh seòrsa de fhuamhaire air a bheulaibh agus chan fhaiceadh e mòran den sgrìon idir. Ach cha bu dùraig dha gluasad a-rithist!

1. Càite a bheil Pàdraig nad bheachd-sa?
2. Sgrìobh còig rudan a tha a' sealltainn dhut gur e sin an t-àite.
 - a)
 - b)
 - c)
 - d)
 - e)
2. A bheil thu a' smaoineachadh gun do ràinig Pàdraig an t-àite ann an tìde?
3. Mìnich do fhreagairt.
4. Sgrìobh paragraf le tuairisgeul de chuideigin a' tighinn a-steach gu pàrtaidh. Feuch an seall thu don leughadair co ris a tha an suidheachadh coltach agus ciamar a tha an caractar a' faireachdainn a bhith ann, gun a bhith a' cleachdadh am facal 'pàrtaidh'. Airson do chuideachadh, dèan liosta de rudan a chitheadh tu agus a chluinneadh tu aig pàrtaidh mus tòisich thu. Dh'fhaodadh tu fàilidhean a chur ann cuideachd. Nuair a tha thu deiseil, leugh do pharagraf. A bheil e soilleir dè seòrsa pàrtaidh a th' ann, càite bheil e, a bheil tòrr ann no glè bheag de dhaoine, a bheil e a' còrdadh ris a h-uile duine.



Suidheachadh - duilleag-obrach 5

Ainm:

Tha e feumail a bhith a' smaoinichadh agus a' cleachdadh nam mothachaidhean air fad nuair a tha thu a' sgrìobhadh tuairisgeul de shuidheachadh. Seo pìos bàrdachd a' cleachdadh nan còig mothachaidhean airson tuairisgeul a dhèanamh de thuras ann am bàta seòlaidh.

(fradharc)

An tìr a-nis cho fada bhuan,
Càil ach sàl timcheall orm;

(làimhseachadh)

Ròpannan garbh dol tro mo làmhan,

(blas)

Uisge saillte air mo bhilean;

(claisneachd)

Ròic nam faoileag agus gaoth sna siùil,

Tuinn a' briseadh air cliathaich a' bhàta,

(fàileadh)

Agus faileadh mìorbhaileach na mara.



Tagh fear de na cuspairean a leanas agus smaoinich air corra fhacal airson gach fear de na mothachaidhean. An uair sin, nuair a tha abairt no dhà agad airson gach fear de na mothachaidhean, tagh an fheadhainn as inntinniche agus as dealbhaiche. Obraich a-mach dè an t-òrdugh as fheàrr anns an cuir thu iad airson bàrdachd a chruthachadh. An uair sin, sgrìobh do bhàrdachd air pìos pàipeir eile.

Cuspairean: tuathanas làrach campachaidh sù ann an trèana

Fèill drochaid ri taobh eas gàrradh dìomhair cidsin

Blas:

Fradharc:

Claisneachd:

Làimhseachadh:

Fàileadh:



Suidheachadh - duilleag-obrach 6

Ainm:

Leugh an earrann seo bhon leabhar Sràid na h-Eala:

'S e a' ghrian a' deàrrsadh na sùilean a dhùisg Eilidh – agus sa mhionaid thuig i air gluasad socair a' bhàta gun robh iad air acaire. Leum i gu a casan, is rinn i air an àradh suas chun na deice: o, chunnaic i seo roimhe! Tràigh mhòr fhada dheàlach air an làimh dheis, bàgh a' fosgladh a-mach gu clì; raointean gorma os cionn na tràghad, is pailteas chraobhan is phreasan air an cùl.

Td. 27 Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)

- a. 1. Dè seòrsa àite anns a bheil bàta Eilidh air acaire, nad bheachd-sa?

2. A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil i toilichte a bhith anns an àite sin?

3. Mìnich do fhreagairt.

4. Cuir loidhne fo na faclan agus abairtean a tha gad chuideachadh an t-àite seo fhaicinn gu soilleir nad inntinn.



b. Leig ort gu bheil thusa air bàta. Tha thu air a bhith aig muir airson ùine mhòir ach aon latha thig am bàta gu pòrt. Dh'fhaodadh gur e port air a bheil thu eòlach, no port ann an dùthaich cèin, annasach, ùr a th' ann. Dèan liosta de na rudan a chì thu, agus de na fuaimean agus fàilidhean a tha ann.

Rudan a chì mi faisg air a' bhàta	Rudan a chì mi nas fhaide air falbh
Fàilidhean, fuaimean,	Faireachdainnean

c. A-nise, sgrìobh paragraf airson stòiridh, le tuairisgeul den phort sin, agus na faireachdainnean a tha aig cuideigin air a' bhàta nuair a chì iad an t-àite bho deic a' bhàta.



Suidheachadh - duilleag-obrach 7

Ainm:

Seo tuairisgeul de shuidheachadh bhon leabhar *Am Fear Òg 's an Tuagh Umha* le Kathleen Fiddler. Leugh e gu cùramach agus freagair na ceistean a leanas:

Thòisich na caoraich air sgapadh air taobh na beinne. Shuidh a' chlann air tom creagach gus sùil a chumail orra. Shìos fodhpa bha an talamh a' cromadh sìos gu Loch Sgaille. Nuair a shealladh iad dhan àird an iar chitheadh iad mullaich taighean Skara agus ceò na mònachd ag èirigh an-àird asta. Air cùlaibh Skara bha Bàgh Sgaille. Bha a' ghainmheach mhìn gheal air an tràigh dheis aige a' deàlradh gu soilleir anns a' ghrèin agus air an rubha gu tuath chitheadh iad creagan glasa sglèata agus adhar liath-ghlas air an cùl. Bha rubha an dèidh rubha an sin cho fada 's a chitheadh sùil gus mu dheireadh a chaill iad sealladh orra anns a' cheò, agus stuaghan mòra a' bualadh orra 's a' dol nan cop geal. Bha a' ghrian a-nis a' dìreadh anns an iarmailt agus a' blàthachadh an fheòir. Bha srann nan seillean ri chluinntinn anns na badan conaisg a bha fo bhlàth.

Td. 38-39 *Am Fear Òg 's an Tuagh Umha* le Kathleen Fiddler (Acair 1997)

- 1) Dè seòrsa àite anns a bheil na caractaran?
- 2) Cuir loidhne fon h-uile abairt a tha a' cuideachadh gus dealbh den àite a chruthachadh nad inntinn.
- 3) Am bu toil leat a bhith anns an àite seo?
- 4) Minich do fhreagairt.



5) Dè na fuaimhean a tha rin cluinntinn anns an àite seo?

6) A bheil thu a' smaointinn gu bheil a' chlann ann an cabhaig no aig fois?

7) Minich do fhreagairt.

C. Seo abairtean a dh'innseas cuid de na rudan a tha ann an suidheachadh airson sgeulachd. Cleachd na h-abairtean ann am paragraf air taobh eile na duilleige, gus tuairisgeul a sgrìobhadh den àite. Cuimhnich diofar mhothachaidhean a chleachdadh. Faodaidh tu rudan eile a chur dhan tuairisgeul cuideachd.

làraidh an sgudail

glag na sgoile

dùdag einnsein-smàlaidh

sràidean salach

toglaichean àrda

uisge trom

sgòthan dorcha

cafaidh trang

cat caol

balla àrd

daoine ann an cabhaig



Suidheachadh - duilleag-obrach 8

Ainm:

Leugh an earrann seo bhon leabhar An t-Eilean Dorch a-rithist.

“Nach e tha sàmhach,” arsa Seòras ri Seumas ann an cagair, mar gu robh eagal air gun deigheadh a chluinntinn.

“Shaoileadh tu gum biodh eòin anns na craobhan,” fhreagair Seumas, “ach chan eil aon bhìog.”

Td. 56 -57 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)

a. 1. Cuir loidhne fon bhuidheair as fheàrr a sheallas, nad bheachd-sa, an seòrsa ‘atmosphere’ a tha anns an àite seo.

beothail eagalach annasach aoibhneach faramach

2. Ciamar a tha Seòras a’ faireachdainn?

3. Carson a tha e a’ faireachdainn mar sin?

4. An robh thusa riamh a’ faireachdainn mar sin?

b. Smaoinich air àite far am biodh eagal ort gun deigheadh do chluinntinn. Sgrìobh tuairisgeul den àite. Dèan cinnteach gun seall thu carson a tha thu ann, carson a dh’fheumas tu bhith sàmhach agus ciamar a bhios tu a’ faireachdainn nuair a nì thu fuaim an aghaidh do thoil!



Suidheachadh - duilleag-obrach 9

Ainm:

Leugh am pìos bàrdachd seo le Criosaidh A. NicIomhair, agus freagair na ceistean a leanas:

Fadachd

Tha mi nam shuidhe san sgoil
'S mo shùil a-mach air an uinneig –
Faoileagan a' sgèith san adhar.
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
Cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
'S mi 'g èisteachd fuaim na gaoithe
Ag ràdh, "Tugainn, Tugainn."
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
Cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
'S mi faicinn bheanntan àrda
Ag ràdh, "Dirich mi, dirich mi."
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
Cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
Ag èisteachd guth na tidseir fad' air falbh
Ag ràdh, "Èist! Èist!"
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
Cho sgìth!

Td. 20 Cuairt chun na Gealaich le Criosaidh A. NicIomhair (*Leabhraichean Beaga 2000*)

- a. 1. Ciamar a tha am pàiste anns a' phrìosan seo a' faireachdainn?
2. Dè na rudan a b' fheàrr leis/leatha a bhith a' dèanamh?
3. Carson a chleachd e/i am facal 'prìosan'?



b. Leig ort gu bheil thusa ann an suidheachadh a tha a' cur fadachd ort. Sgrìobh pìos bàrdachd le tuairisgeul den àite agus na faireachdainnean agad ann. Smaoinich air na rudan seo mus tòisich thu: Dè tha ceàrr anns an àite? Carson nach eil thu ga fhaighinn inntinneach? Dè a b' fheàrr leat a bhith a' dèanamh? Sgrìobh faclan is abairtean feumail an seo. An uair sin, sgrìobh do phìos bàrdachd air pìos pàipeir eile.



Suidheachadh - duilleag-obrach 10

Ainm:

Coimhead air gach suidheachadh a leanas. A h-uile turas tha caractar a' dol bho aon àite gu àite eadar-dhealaichte. Dèan 'brainstorm' de dh'fhaclan a dh'fhaodadh tu cleachdadh airson tuairisgeul a sgrìobhadh de gach suidheachadh, a' dèanamh coimeas leis an àite às an tàinig an caractar. (cuimhnich air na còig mothachaidhean) Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh mar eisimpleir.

a) balach a' fàgail sràid agus a' dol a-steach gu dìosgo:

A-muigh: sràid, dorch, sgòthan anns an speur, sàmhach ach airson càr no dhà, fuar agus fionnar, feumach air còta tiugh

a-staigh: dìosgo, làn solais dhathach, ceòthach, trang, làn dhaoine, a' dannsadh, ag èigheachd, ceòl àrd, teth, fallas a' ruith, fàileadh de 'perfume'

b) nighean a' tighinn a-steach do chidsin a seanmhar air latha fliuch:

a-muigh

a-staigh

c) balach a' dol tro dhoras dìomhair ann an taigh agus a' lorg saoghal annasach, ùr

Rum a' bhalaich

Saoghal annasach, dìomhair



2. Tagh fear de na suidheachaidhean gu h-àrd agus sgrìobh dè thachair nuair a chaidh an caractar dhan àite ùr. Feuch an seall thu co ris a tha an t-àite ùr coltach, ciamar a tha e coltach/ eu-coltach ris a' chiad àite, ciamar a tha an caractar a' faireachdainn nuair a thig e/i a-steach don dàrna àite. Dh'fhaodadh an sgrìobhadh agad a bhith ann an rosg, mar gu bheil thu a' dol ga chleachdadh ann an sgeulachd, no dh'fhaodadh tu a sgrìobhadh mar bhàrdachd.



Suidheachadh - duilleag-obrach II

Ainm:

Seo liosta de shuidheachaidhean a dh'fhaodadh tu cleachdadh airson sgeulachd:

	1	2	3	4	5	6
1	siorcas	Clachan Chalanais	Biorramaid anns an Èiphit	Taigh-solais diomhair	Air cùl easa	Bùth ri Linn Bhictoria
2	Gàrradh diomhair	Skara Brae	Taigh chuideigin ainmeil	Air trèana / plèana	Air planaid eile	An sgoil agad anns an àm ri teachd
3	Aig fèill	Broch	Sloc làn nathraichean	Stèisean-fànais	Air grund na mara	Eilean ri Linn nan Lochlannach
4	Air tràigh fhada gheal	Caisteal Dhùn Èideann	Mionach muc-mhara	priosan	Ann an dlùth-choille	Coille ri linn nan dìneasaran
5	Air eilean aonranach	Antartaig	Tir-nan-Òg	Bùth a' rèic seann-rudan	Ann an eaglais	Am baile agad nuair a bha do ghranaidh beag
6	An sgoil as motha san t-saoghal	Àite-campaidh	Rocaid	cafaidh	Ann an cladh	Baile beag mìle bliadhna air ais
7	Air tuathanas	Carabhan	Saoghal bun-os-cionn	Meadhan baile trang	Air mullach togalaich	Dùn ri linn nan Ròmanach
8	Shuas anns na beanntan	Lobhta ann an seann taighe	Toll domhainn	Tèarmann aig àm a' chogaidh	fàsach	An dachaigh agad anns a' bhliadhna 3000
9	Air rathad trang ann an càr	Air turas mara air bàta spaideil	Abhainn phuinnseanta	Stèisean-poilis	leabharlann	Loch anns a' gheamhradh
10	Am broinn craoibh	Aig crois an rathaid	Beinn-theine (bholcano)	Aig na Geamannan Olympic	Dlùth-choille	Ri linn na deighe

Suidheachadh - duilleag-obrach 12

Ainm:

Ma smaoinicheas tu air suidheachadh math airson sgeulachd, sgrìobh e anns a' chlàr seo. Ma leughas tu leabhar le deagh shuidheachadh inntinneach ann, dèan nòta dhe an seo. An uair sin, nuair a tha thu a' dol a sgrìobhadh stòiridh, coimhead air a' chlàr airson beachdan inntinneach, eadar-dhealaichte fhaighinn airson suidheachadh.

	1	2	3	4
1				
2				
3				
4				
5				
6				
7				
8				

Suidheachadh - duilleag-obrach 13

Ainm:

Seo ceistean airson do chuideachadh gus a bhith a' smaoinichadh air 'suidheachadh' nuair a tha thu a' sgrìobhadh sgeulachd no bàrdachd.

1. Cuin a tha an sgeulachd a' tachairt? (m.e. o chionn fhada, ceud bliadhna air ais, an-dè, anns an àm ri teachd)

2. Ciamar a tha a' phrìomh character a' faireachdainn? (m.e. sona, sàraichte, sgìth, feargach)

3. Dè an dath as fheàrr a sheallas am faireachdainn sin? (m.e. dearg airson fearg, buidhe airson sonas ...)

4. Dè seòrsa sìde a tha coltach ris an faireachdainn sin? (m.e. uisge airson gruamach, grianach airson aoibhneach ...)

5. Dè an t-àm den bhliadhna, dè an t-àm den latha, a dhùisgeas na faireachdainnean sin?



6. Dè seòrsa àite anns am biodh tu a' faireachdainn mar sin?

7. Smaoinich mun àite sin nad inntinn.

Dè chì thu ann?

Dè chluinneas tu?

Dè na fàilidhean a th' ann?

Am faic thu rudan den aon dath ris an fhaireachdainn anns an àite?


Dè?



Suidheachadh - duilleag-obrach 14

Ainm:

Cleachd an duilleag seo airson 'brainstorm' a dhèanamh air rudan co-cheangailte ri 'atmosphere' Cleachd a' chiad 'rionnag' airson aon seòrsa atmosphere agus an rionnag eile airson atmosphere gu math eadar-dhealaichte (m.e. dìomhair agus soilleir). Dè thig nad inntinn nuair a chluinneas tu na faclan sin? Sgrìobh do bheachdan timcheall air na rionnagan. Feuch an smaoinich thu air 12 facal no abairt airson gach fear. Cuimhnich a bhith cleachdadh nan còig mothachaidhean (fradharc, claisneachd, blas, fàileadh, làimhseachadh) airson do chuideachadh.




Tuairisgeul de Shuidheachadh – Prìomh Phuingean

- Seall càite agus cuin a tha stòiridh a' tachairt.
- Tha suidheachadh a' toirt a-steach àite (*m.e. dùthaich, togalaichean, seallaidhean*), àm (*m.e. latha, ciaradh, oidhche, sìth no cogadh*) agus atmosphere (*m.e. eagalach/ aotrom, aimsir, mothachaidhean*)
- Cuimhnich air na còig mothachaidhean: fradharc, claisneachd, fàileadh, blas agus làimhseachadh/faireachadh. Na cleachd iad uile a h-uile trup, ach smaoinich dè an fheadhainn as fheàrr a sheallas co ris a tha an suidheachadh coltach.
- Smaoinich dè seòrsa àite as fheàrr airson do sgeulachd:
 - àite is aithne dhut no nach aithne dhut
 - àite faisg no fada air falbh
 - àite fìor no mas-fhìor
 - àite àbhaisteach no annasach
- Beachdaich air dè an t-àm as fheàrr airson do sgeulachd:
 - an latha an-diugh
 - o chionn fhada
 - an t-àm a dh'fhalbh
 - an t-àm ri teachd
- Faigh beachdan bho dhealbhan de dh'àite no dealbhan – camara
- Dèan coimeas eadar àitichean: m.e blàth, seasgair a-staigh; fliuch is fiadhaich a-muigh.
- Dèan stòr de dh'fhaclan airson do chuideachadh le bhith a' sgrìobhadh tuairisgeul de shuidheachadh.
- Atharraich seantansan: na tòisich a h-uile seantans le 'Bha' no 'Tha'. Tòisich le gnìomhairean eadar-dhealaichte (*m.e. Chunnaic, Chluinneadh, Sheall mi le iongnadh air, Dh'fhairich e*), no le ro-bhriathran (*m.e. fon, fada air falbh, ri taobh, eadar ..*)



Tuairisgeul - faireachdainnean



Mìneachadh:

a' sealltainn ciamar a tha caractaran a' faireachdainn mu dheidhinn nan rudan a tha a' tachairt.



Ro-ràdh:

Tha clann (agus inbhich!) gu math tric ga fhaighinn doirbh a bhith a' bruidhinn mu fhaireachdainnean agus chan eil e na iongnadh gu bheil e doirbh dhaibh sgrìobhadh mun deidhinn. Tha e feumail ma-thà a bhith a' coimhead gu cùramach air mar a tha sgrìobhadairean eile a' dèiligeadh ri faireachdainnean agus a bhith a' cruthachadh stòr de dh'fhaclan agus abairtean a dh'fhaodadh a' chlann a chleachdadh anns an sgrìobhadh aca fhèin.

Stiùireadh do Thidsearan

Seo earrannan bho sgeulachdan eadar-dhealaichte a tha a' sealltainn nam faireachdainnean (gu ìre) aig cuid de na pearsachan. Dh'fhaodadh tu an cleachdadh airson coimeas a dhèanamh eadar na dòighean eadar-dhealaichte a tha sgrìobhadairean a' cleachdadh gus faireachdainnean a shealltainn, no airson faclan agus seantansan a lorg a tha a' sealltainn faireachdainnean gu soilleir.

Dh'fhaodadh an clas stòr-fhaclan a dhèanamh airson balla a' chlasruim no anns na *jotteran* aca fhèin, de dh'fhaclan agus thuairisgeulan feumail mu fhaireachdainnean.

An dèidh gach earrainn tha liosta de phuingean ri dheasbad – mar chlas no mar bhuidhinn leughaidh. Uaireannan tha aon seantans air a thoirt bhon earrainn airson coimhead air gu mionaideach, an tidsear a' sealltainn rudan don bhuidhinn leughaidh.

Tha duilleagan-obrach ann airson cuid de na h-earrannan. Gu math tric chan eil freagairt ceart ann. 'S e beachdan nan sgoilearan a tha cudromach agus b' fhiach bruidhinn mu dheidhinn nam freagairtean eadar-dhealaichte aca an dèidh dhaibh an duilleag-obrach a dhèanamh.

Tha gnìomhan eile ann don chloinn cuideachd, gu h-àraidh sgrìobhadh airson nan rudan a dh'ionnsaich iad a chur gu feum.

Iarr air a' chloinn coimhead a-mach airson tuairisgeulan de fhaireachdainnean anns na nobhailean agus leabhraichean eile a tha iad a' leughadh anns an sgoil agus aig an taigh.

a. Anns an earrainn seo bhon leabhar Mealladh am Malta le Sheila NicLeòid, tha an t-ùghdar a' sealltainn ciamar a tha dithis charaid a' faireachdainn air an t-slighe dhachaigh bho Mhalta. Aig a' phort-adhair ann am Malta thug Mario, duine ris an do thachair iad air an làithean-saora, pacaid do Cheit is chan eil fhios aice, no aig a caraid Iseabail, dè tha ann.

Ged a bha iad ceithir uairean a thìde anns an adhar air an t-slighe dhachaigh, cha do dh'fhairich Ceit an tìde a' dol seachad. Bha i cho glaiste innte fhèin le na bha air tachairt aig a' phort-adhair còmhla ri Mario 's nach robh i a' toirt mòran feart air na bha de rudan a' dol air adhart - an luchd-frithealaidh suas is sìos le biadh 's le deoch, daoine air ais 's air adhart dhan taigh-bheag, Iseabail a' cur dhith aig peilear a beath', a' càineadh Mhario 's a' caoidh an t-saorsa nach robh i fhathast air a chall. Leòinte 's gun robh i, cha b' urrainn dha Ceit cus càineadh a dhèanamh air Mario 's gun cinnt aice fhathast air a chiont.

td.53 Mealladh am Malta le Sheila NicLeòid Acair 1993

Puingean airson deasbad:

* faclan mu faireachdainnean - (*cha do dh'fhairich, glaiste innte fhèin, a' toirt feart air, a' càineadh 's a' caoidh, leòinte 's gun robh i*)

* measgachadh de thachartasan agus faireachdainnean

Gnìomhan do na sgoilearan:

* Cruthaich stòr-fhacal mu faireachdainnean airson balla a' chlasruim.

* Sgrìobh stòiridh mu do dheidhinn fhèin agus caraid. Tha sibh air turas còmhla ach tha sibh ag iarraidh rudan eadar-dhealaichte a dhèanamh. Seall na beachdan eadar-dhealaichte a bha agaibh agus dè thachair.

* Leugh an leabhar Mealladh am Malta air fad.

b. An seo, tha an sgrìobhadair a' sealltainn faireachdainnean Ealasaid. Tha a càr air briseadh sìos ann an cathadh sneachda às dèidh dhi a bhith a' tadhal air caraid sgoile, Iain, is e gu math tinn 's e gun chothrom gluasaid no labhairt.

Chuir i an stoc na bu tinne mu h-amhaich agus b' fheàrr leatha gun robh stocainnean na bu tiugha oirre am broinn a brògan àrda.

Thill a smuaintean gu Iain. 'N dùil an ann mar seo a bha e do dh'Iain? Anranach am broinn an t-saoghail bhig aige fhèin, gun chothrom gluasaid no dòigh air e fhèin a dhèanamh aithnichte?

Shuidh i ann an sin san dorchadas, fuachd agus eagal na cridhe.

Td.44 Inntinn Iain le Coinneach I. MacLeòid Acair 1993



Puingean ri dheasbad:

- * faclan mu fhaireachdainnean - (*b' fheàrr le, thill a smuaintean, 'n dùil ..., fuachd is eagal na cridhe*)
- * ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil Ealasaid fuar?
- * an e dìreach an aimsir a tha ga fàgail fuar?
- * ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh feum de cheistean airson mì-chinnt a shealltainn.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 1

C. Seo earrann bhon leabhar **Am Fear Òg 's an Tuagh Umha** le Kathleen Fiddler, stòiridh suidhichte ann an Linn nan Clach. Tha Kali, Tenko agus Brocan a' feuchainn ri craobh a shlaodadh a-mach à uaimh airson a toirt air ais gu Skara Brae oir bha craobhan gu math ainneamh agus luachmhor ann an Arcaibh aig an àm sin. An seo, tha Kali ag iarraidh air Tenko, am balach as sine, falbh a dh'iarraidh a' bhàta còmhla ri a bràthair beag Brocan. Tha ise anns an uisge am broinn na h-uaimh, a' feitheamh gus an till iad.

“S dòcha gur e sin a b' fheàrr, gun teagamh,” fhreagair Tenko. “An dèan thu a' chùis an sin?”
“Nì,” fhreagair Kali, ged a bha beagan crith anns a' ghuth aice, “ach feuch nach bi sibh ro fhada. Tha i gu math fuar anns an uisge.” Fhuair i grèim air a' chraoibh leis an làimh a bha saor aice agus chuir i a cas timcheall oirre. Beag air bheag dhìrich i suas a' chraoibh gus an robh i a-mach às an uisge. Bha sin cus na b' fheàrr. Bha an t-uisge ud cho fuar ris a' phuinnsean agus bha i taingeil faighinn às. Bha e neònach a bhith an siud, na suidhe anns an uaimh 's gun ach beagan solais mun cuairt oirre, agus mac-talla-nan-creag aig an uisge a' dòrtadh a-nuas ri a taobh. Bha Kali a' feuchainn gun a bhith a' cuimhneachadh air na sgeulachdan a bhiodh i a' cluinntinn mu spioradan na mara agus nan uamh, agus mu na creutairean neònach a bhiodh a' tighinn a-mach às a' chuan. Chùm i grèim teann air a' chraoibh. Cha b' e am fuachd bu mhiosa dhi, ach an t-eagal.

Td. 65 **Am Fear Òg 's an Tuagh Umha** le Kathleen Fiddler, a' Ghàidhlig le Murchadh MacLeòid PRG/ Acair 1997

Puingean airson deasbad:

- * Seantansan fada agus goirid.
- * faclan mu fhaireachdainnean (*ged a bha beagan crith anns a' ghuth aice, cho fuar ris a' phuinnsean, bha sin cus na b' fheàrr, taingeil, neònach, a' feuchainn gun a bhith a' cuimhneachadh air, grèim teann, cha b' e am fuachd bu mhiosa dhi, ach an t-eagal*)
- * mar a sheallas an t-ùghdar carson a bha na faireachdainnean sin aig Kali: (m.e. an seantans a' tòiseachadh *Bha e neònach a bhith an siud ...*)



Coinhead gu mionaideach air an t-seantans:

'Bha an t-uisge ud cho fuar ris a' phuinnsean, is bha i taingeil faighinn às.'

An seo tha an t-ùghdar a' sealltainn ciamar a bha Kali a' faireachdainn na **corp agus na h-inntinn**.

Tha i a' cleachdadh samhla airson sealltainn dè cho fuar 's a bha an t-uisge.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Duilleag-obrach 2

d. Tha an leabhar **Saoghal Ùr** le Calum MacMhaoilein mu eilthirich a' fàgail Leòdhas às dèidh a' chiad Chogaidh agus a' dol a-null gu Canada. Seo tuairisgeul de na h-eilthirich a' faighinn deiseil gu falbh agus na faireachdainnean aca:

Bha slugh mòr ann an Steòrnabhagh, oidhche Haoine an fhicheadamh latha den Ghiblein, oir thàinig gach duine a bha falbh air a' Mhetagama a-steach don bhaile, agus còmhla riutha thàinig pàrantan, peathraichean, bràithrean, luchd-dàimh agus càirdean a' leigeil beannachd le na h-eilthirich. Bha an fheadhainn a b' aosta cinnteach nach fhaiceadh iad duine a dheigheadh air a' bhàta gu bràth tuilleadh, agus bha mòran dhen a bha falbh an dùil nach fhaigheadh iad gu sìorraidh air de dh'airgead a chruinneachadh na bheireadh dhaiùb cothrom Eilean Leòdhais fhaicinn rim beò.

Is e fìor mheasgachadh de fhaireachdainn a bha air inntinnean nan eilthireach - a' toirt sùil air adhart le toileachas gu dùthaich ùir agus obair ùir - cianalas a' dealachadh rin luchd-dàimh, agus ris an eilean anns an do rugadh iad - agus beagan eagail ron Chuan Shiar agus ro chur na mara.

Td.10 Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein Acair 1992

Puingean airson deasbad:

* coinhead air mar a tha an t-ùghdar a' sealltainn an t-suidheachaidh agus nam faireachdainnean aig an aon àm.

Coinhead gu mionaideach air an t-seantans

_____ *'Is e fìor mheasgachadh ro chur na mara.'*

* Carson a chleachd an t-ùghdar sgrìoban (-)?

* An robh faireachdainn mar sin aig na sgoilearan fhèin? Cuin? Carson?

Gnìomhan eile do na sgoilearan:

* Dèan dealbh de na h-eilthirich a' falbh air a' bhàta Metagama. Cleachd builgeanan cainnt airson na smuaintean aca a shealltainn.

* Leugh a' chiad chaibidil den leabhar Saoghal Ùr



e. Seo a-nis measgachadh de rannan bho òrain is bàrdachd a tha a' sealltainn fhaireachdainnean:

Tillidh Mi

Tha 'n samhradh bliadhn' eile air tighinn
'S cha tog mo ghrian an-àird,
Mo chasan trom 's iad 'g iarraidh dhachaigh
'S m' inntinn døl mun cuairt;
Tha mi fallain, tha mi òg,
Ach lag 's mi bàthadh gun do phòg,
Cha chaidil mi gun till mi gu mo ghràdh.

Bho àm gu àm bidh mis' a' coiseachd
Nam ònrachd sìos an t-sràid
Mi smuaineachadh air abhainn fhada
Tha laighe fad bhon rathad;
'S i gu bhith làn le bric a' snàmh
'S tachais daingeann na mo làimh
Cha chaidil mi gun till mi gu mo ghràdh.

Tillidh Mi le Calum Dòmhnallach bho **Ceòl nam Fèis 2**

bho 'S fhada leam an oidhche gheamhraidh

'S fhada leam an oidhche gheamhraidh -
'S fhada, 's fhada, 's fhada leam i,
Is chan fhaic ach prèiridh lom mi;
Cha chluinn tonn a' tigh'nn gu tràigh mi.

'S fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh le Murchadh MacPhàrlain bho **Ceòl nam Fèis 2**

bho 'S e an Gille Dubh as àille

'S e an gille dubh as àille
'S e dh'fhàg an-diugh fo phràmh mi;
On dh'fhalbh e bhuam air uchd a' chuain
Air luingeas luath nan àrd-chrann,
'S e an gille dubh as àille.

Tha mise dubhach cràiteach
A' bleoghainn chruidh air àirigh;
Tha gàir nan tonn gam fhàgail trom
Cha tog mi fonn 's cha ghàir mi,
'S e an gille dubh as àille.

Gur measail, fearail, àlainn
Tha fleasgach òg nam blàth-shùil,
Gun siubhlainn leis an cuan mu dheas,
Ri fuachd no teas bhiodh gàbhaidh,
'S e an gille dubh as àille.

Gum b' òg thug mi mo ghràdh dha
'S rim bheò cha dèan mi àicheadh;
'S mo dhùrachd bhlàth a h-uile latha,
Gun till e dhachaigh sàbhailt'
'S e an gille dubh as àille.



Seo faireachdainnean nas toilichte!

bho Taobh mo Theine Fèin

'S e taobh mo theine fèin;
Gum b' e siud àite blàth mo ghaoil,
Aig taobh mo theine fèin.

Nuair thig mi dhachaigh anns an oidhch',
'S mi fann, is fliuch, is sgìth;
An saoghal cosmhail ri bhith 'n gruaim,
Cho duaichnidh bidh gach nì,
'S a chì mi 'n solas tigh'nn gu m' shùil,
Tron uinneig dhùint', mar reul,
Gun tog mo chridhe suas le sunnd,
Bhith dlùth dom theine fèin

'S gach àite sguabte grinn,
Is fiamh a' ghàir' 's gach aghaidh ghràidh,
'S gach aon toirt fàilte bhinn;
O càit' bheil sonas cosmhail ris
An saoghal bochd a' bhròin?
Cha tugainn taobh mo theine fèin
Air mìle bonn den òr ...

Bho Taobh mo Theine Fèin le Iain Caimbeul 'Bàrd Ledaig' bho **Modern Gaelic Bards** Stirling 1908

Puingean airson deasbad:

- * Carson a chaidh tòrr òrain a sgrìobhadh mu eilthireachd?
- * Bruidhinn air suidheachaidhean eile anns a bheil faireachdainnean làidir aig daoine - (m. e. gaol agus bàs)
- * A bheil e nas fhurasta no nas doirbhe faireachdainnean a shealltainn ann am bàrdachd na sgeulachdan?



Teacsaichean eile ri leughadh - faireachdainnean:

Ionmhas an Taigh-Sholais le Seònaid NicNèill (*Acair 2002*)

- td. 18 (tàmailt) (“*An do lorgCeart, b’ fheàrr dhomh falbh.*”)
- td.59 - 61 (eagal, fearg) (*Ach mus d’ fhuair ...Cò bh’ ann?*)

Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind (*Clàr 2000*)

- td.20, (an-fhoiseil)
- caibideil 3, td. 80 agus 81 (iongnadh)

Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)

- td. 19, 28, 64, 68 (eagal)
- td. 36 (furtachd)
- td. 56 (mì-chinnt, uabhas)
- td. 90 (bròn, truas)

Na Solais anns a’ Bhàgh le Seònaid NicNèill (*Acair 1990*)

- td. 5, (toileachas)
- td. 29 -32 (iomagain / gàireachdainn)(*Bha e faisg air uairDh’fhalbh an ceathrar ’s iad a’ gàireachdainn.*)
- td. 114 - 115 (fo ghlais / mì-chofhurtail)

Iain agus na Drogaichean le Maoilios M. Caimbeul (*Acair 1993*)

- caibideil 4 (bròn agus fearg)
- td. 41 (eagal agus tàmailt)

Oidhche air Tom na h-Iùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (*Stòrlann/Acair 2001*)

Tha tòrr thuairisgeul de faireachdainnean tron leabhar seo. Seo eisimpleirean:

- td. 7 (na boil)
- td. 10 (gràdh)
- td. 37 (farmad)
- td.39 (beachdan air daoine eile)
- td. 60 (mì-thoileachas)
- td. 65 (mealladh)
- td 93 (teagamh) ‘*Bha ceann Phòil ...*’

Am Fear Farchluais le Calum MacMhaoilein (*Stòrlann/Acair 2000*)

- td. 12 (gaol)
- td. 18, 25 (air buaireadh)

An Siopsaidh agus an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2002*)

- td 14 – 15 (air boil)
- td. 32 – 33 (neo-àbhaisteach)
- td 48 (fearg)
- td. 46, 82 – 83 (troimhe-chèile)



Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (*Stòrlann/Acair 2000*)

- td. 3-4, 70-71 (air boil)
- td. 5 (briseadh-dùil)
- td. 16 (pròiseil) “*Clever, eh?*”....
- td. 52 (taingeil)
- td. 63 (iongnadh)
- td. 64 (cabhag)..

Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn

- td 18-21 (teas, mì-chinnt, eagal)
- td. 41-45 A' Gabhail Brath (faireachdainnean ag atharrachadh)


Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Stòrlann/Acair 2001*)

- td 16 (taingeil)
- td 19 (gealtach is grod)
- td. 33, 64 (eagal)
- td. 54-55 (dona, a' fàs nas miosa)
- td. 66 (eagal, troimh-chèile)

An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (*Acair 1991*)

- td. 51-53 (eagal, misneachd)
- td. 82 (toilichte)





Faireachdainnean - duilleag-obrach I

Ainm:

Leugh an earrann bhon leabhar Inntinn Iain agus an earrann bhon leabhar Mealladh am Malta.

a. 1. Dè am fear, nad bheachdsa, as fheàrr a sheallas faireachdainnean nan caractaran?

2. Carson a tha thu a' smaointinn sin?

b. 1. Anns an earrainn bho Mealladh am Malta dè am prìomh fhaireachdainn a tha aig Ceit?

2. Dè am prìomh fhaireachdainn a tha aig Iseabail?

3. Ath-sgrìobh faclan no seantans a tha a' sealltainn an t-suidheachaidh anns a bheil Ceit agus Iseabail.

4. Ciamar a bhiodh tusa a' faireachdainn nan robh thusa anns an t-suidheachadh sin? Am biodh tu nas coltaiche ri Iseabail no ri Ceit?

C. 1. Anns an earrainn bho Inntinn Iain ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil Ealasaid fuar?

2. Dè eile, a bharrachd air an aimsir, a tha ga fàgail fuar?


d. Sgrìobh paragraf mu dheidhinn chuideigin a tha glaiste ann an taigh no am prìosan leis /leatha fhèin agus a' feuchainn ri faighinn às. Seall na faireachdainnean agus na smuaintean aige /aice.



Faireachdainnean - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Leugh an earrann bhon leabhar, Am Fear Òg 's an Tuagh Umha td.65 agus freagair na ceistean seo:



1. Carson a bha beagan crith ann an guth Kali?

2. Carson a bha Kali *'a' feuchainn gun a bhith a' cuimhneachadh air na sgeulachdan a bhiodh i a' cluinntinn mu spioradan na mara agus nan uamh...'*?

3. Ath-sgrìobh an seantans as fheàrr a sheallas, nad bheachdsa, faireachdainnean Kali anns an uaimh.

b. An robh thusa riann ann an suidheachadh far an robh an t-eagal ort no far an robh thu a' faireachdainn gu math mì-cofhurtail is tu a' dèanamh rudeigin do chuideigin eile?

c. Sgrìobh paragraf mu chuideigin a tha a' ruith air falbh bho chunnart air choreigin - (m.e. teine, trod, burraidhean, cù fiadhaich!) Feuch an cleachd thu cuid de na rudan seo:



- tuairisgeul den t-suidheachadh anns a bheil e /i
- seantansan fada agus goirid
- clisg-phuingean agus ceistean
- faclan a' sealltainn faireachdainnean an duine
- samhla (cho ri



Faireachdainnean - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Leugh na ceithir piosan bàrdachd agus freagair na ceistean seo:

1. Dè am fear as theàrr leat?

2. Carson?

3. Dè am fear as brònaiche nad bheachdsa?

4. Dè am faireachdainn as làidire a tha am bàrd a' sealltainn ann an:-

a) 'S Fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh.....

b) Tillidh Mi.....

c) 'S e an Gille Dubh.....

d) Taobh mo Theine Fèin.....

5. Carson a chaidh tòrr òrain a sgrìobhadh mu dheidhinn eilthireachd?



b. 1. Obraich ann am buidhinn. Feuch an lorg sibh pìos bàrdachd no òran a tha a' sealltainn gach fear de na faireachdainnean seo. Sgrìobh tiotal agus ainm a' bhàird anns a' bhogsa.

bròn

sonas


gaol

cianalas

2. Obraich leat fhèin. Tagh aon rann bho fear de na h-òrain no pìosan bàrdachd a lorg a' bhuidheann agad. Ath-sgrìobh e gu sgiobalta agus cuir dealbhan freagarrach timcheall air. Sgrìobh carson a thagh thu am fear sin agus cuir loidhne fo na faclan a tha a' sealltainn faireachdainnean ann.

C. Sgrìobh fhèin pìos bàrdachd mu dheidhinn fear de na faireachdainnean sin, no mu dheidhinn fearg no eagal no eud.





Faireachdainnean – Prìomh Phuingean

Tha e cudromach gun tuig leughadairean ciamar a tha caractar a' faireachdainn. Tha buaidh aig seo air dè thachras ann an sgeulachd agus tha e a' cruthachadh caractaran fìor.

Feuch cuid de na dòighean seo gus faireachdainnean a shealltainn: -

* Seall faireachdainnean tro na leanas:

còmhradh "Ach ... dè ... dè a th' ann?" dh'fhaighnich e le eagal na ghuth.

gluasad Rinn mi grad-leum às an leabaidh agus ruith mi sìos an staidhre is mi nam bhoil.

tuairisgeul Shaoileadh tu gum faca i taibhse is i cho bàn.

smuaintean "B' fheàrr leam gu robh mise dol ann," smaoinich Eilidh rithe fhèin.

* Sgrìobh tuairisgeul den t-suidheachadh **gus an tuig an leughadair fhèin** ciamar a tha caractaran a' faireachdainn.

* Seall **smuaintean** nan caractaran.

* Measgaich tachartasan agus faireachdainnean. Cuimhnich a bhith a' sealltainn ciamar a tha na caractaran a' faireachdainn aig deireadh na stòiridh.



* Seall an àite a bhith ag innse.

m.e. Dh'fhairich e na deòir a' cruinneachadh

na shùilean agus thionndaidh e air falbh an àite Bha e brònach.

* Cleachd **samhlaidhean**: m.e. **cho toilichte ri rìgh**

* Cleachd **pongadh**: ! airson iongantas no uabhas no
neo-chreideamh

? airson teagamh no
breisleach

... airson mì-chinnt no eagal

* Cruthaich stòr-fhaclan de fhaireachdainnean agus
cleachd e nuair a tha thu a' sgrìobhadh stòiridhean.



Ged a bha iad ceithir uairean a thìde anns an adhar air an t-slighe dhachaigh, cha do dh'fhairich Ceit an tìde a' dol seachad. Bha i cho glaiste innte fhèin le na bha air tachairt aig a' phort-adhair còmhla ri Mario 's nach robh i a' toirt mòran feart air na bha de rudan a' dol air adhart - an luchd-frithealaidh suas is sìos le biadh 's le deoch, daoine air ais 's air adhart dhan taigh-bheag, Iseabail a' cur dhith aig peilear a beath', a' càineadh Mhario 's a' caoidh an t-saorsa nach robh i fhathast air a chall. Leòinte 's gun robh i, cha b' urrainn dha Ceit cus càineadh a dhèanamh air Mario 's gun cinnt aice fhathast air a chiont.

td.53 **Mealladh am Malta** le Sheila NicLeòid Acair 1993

Chuir i an stoc na bu tinne mu h-amhaich agus b' fheàrr leatha gun robh stocainnean na bu tiugha oirre am broinn a brògan àrda.

Thill a smuaintean gu Iain. 'N dùil an ann mar seo a bha e do dh'Iain? Aonranach am broinn an t-saoghail bhig aige fhèin, gun chothrom gluasaid no dòigh air e fhèin a dhèanamh aithnichte?

Shuidh i ann an sin san dorchadas, fuachd agus eagal na cridhe.

Td.44 **Inntinn Iain** le Coinneach I. MacLeòid Acair 1993



“S dòcha gur e sin a b’ fheàrr, gun teagamh,” fhreagair Tenko. “An dèan thu a’ chùis an sin?”

“Nì,” fhreagair Kali, ged a bha beagan crith anns a’ ghuth aice, “ach feuch nach bi sibh ro fhada. Tha i gu math fuar anns an uisge.” Fhuair i grèim air a’ chraoibh leis an làimh a bha saor aice agus chuir i a cas timcheall oirre. Beag air bheag dhìrich i suas a’ chraobh gus an robh i a-mach às an uisge. Bha sin cus na b’ fheàrr. Bha an t-uisge ud cho fuar ris a’ phuinnsean agus bha i taingeil faighinn às. Bha e neònach a bhith an siud, na suidhe anns an uaimh ’s gun ach beagan solais mun cuairt oirre, agus mac-talla-nan-creag aig an uisge a’ dòrtadh a-nuas ri a taobh. Bha Kali a’ feuchainn gun a bhith a’ cuimhneachadh air na sgeulachdan a bhiodh i a’ cluinntinn mu spioradan na mara agus nan uamh, agus mu na creutairean neònach a bhiodh a’ tighinn a-mach às a’ chuan. Chùm i grèim teann air a’ chraoibh. Cha b’ e am fuachd bu mhiosa dhi, ach an t-eagal.

Td. 65 **Am Fear Òg 's an Tuagh Umha** le Kathleen Fiddler, a’ Ghàidhlig le Murchadh MacLeòid PRG/Acair 1997

Bha sluagh mòr ann an Steòrnabhagh, oidhche Haoine an fhicheadamh latha den Ghiblein, oir thàinig gach duine a bha falbh air a’ Mhetagama a-steach don bhaile, agus còmhla riutha thàinig pàrantan, peathraichean, bràithrean, luchd-dàimh agus càirdean a’ leigeil beannachd le na h-eilthirich. Bha an fheadhainn a b’ aosta cinnteach nach fhaiceadh iad duine a dheigheadh air a’ bhàta gu bràth tuilleadh, agus bha mòran dhen a bha falbh an dùil nach fhaigheadh iad gu sìorraidh air de dh’airgead a chruinneachadh na bheireadh dhaibh cothrom Eilean Leòdhais fhaicinn rim beò.

Is e fìor mheasgachadh de fhaireachdainn a bha air inntinnean nan eilthireach - a’ toirt sùil air adhart le toileachas gu dùthaich ùir agus obair ùir - cianalas a’ dealachadh rin luchd-dàimh, agus ris an eilean anns an do rugadh iad - agus beagan eagail ron Chuan Shiar agus ro chur na mara.

Td.10 **Saoghal Ùr** le Calum MacMhaoilein Acair 1992



Tillidh Mi

Tha 'n samhradh bliadhn' eile air tighinn
'S cha tog mo ghrian an-àird,
Mo chasan trom 's iad 'g iarraidh dhachaigh
'S m' inntinn dol mun cuairt;
Tha mi fallain, tha mi òg,
Ach lag 's mi bàthadh gun do phòg,
Cha chaidil mi gun till mi gu mo ghràdh.

Bho àm gu àm bidh mis' a' coiseachd
Nam ònrachd sìos an t-sràid
Mi smuaineachadh air abhainn fhada
Tha laighe fad bhon rathad;
'S i gu bhith làn le bric a' snàmh
'S tachais daingeann na mo làimh
Cha chaidil mi gun till mi gu mo ghràdh.

Tillidh Mi le Calum Dòmhnallach bho **Ceòl nam Fèis 2**

bho 'S fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh

'S fhada leam an oidhche gheamhraidh -
'S fhada, 's fhada, 's fhada leam i,
Is chan fhaic ach prèiridh lom mi;
Cha chluinn tonn a' tigh'nn gu tràigh mi.

'S fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh le Murchadh MacPhàrlain bho **Ceòl nam Fèis 2**



bho 'S e an Gille Dubh as àille

'S e an gille dubh as àille
'S e dh'fhàg an-diugh fo phràmh mi;
On dh'fhalbh e bhvam air uchd a' chuain
Air luingeas luath nan àrd-chrann,
'S e an gille dubh as àille.

Tha mise dubhach cràiteach
A' bleoghainn chruidh air àirigh;
Tha gàir nan tonn gam fhàgail trom
Cha tog mi fonn 's cha ghàir mi,
'S e an gille dubh as àille.

Gur measail, fearail, àlainn
Tha fleasgach òg nam blàth-shùil,
Gun siubhlainn leis an cuan mu dheas,
Ri fuachd no teas bhiodh gàbhaidh,
'S e an gille dubh as àille.

Gum b' òg thug mi mo ghràdh dha
'S rim bheò cha dèan mi àicheadh;
'S mo dhùrachd bhlàth a h-uile latha,
Gun till e dhachaigh sàbhailt'
'S e an gille dubh as àille.



bho Taobh mo Theine Fèin

'S e taobh mo theine fèin;
Gum b' e sud àite blàth mo ghaoil,
Aig taobh mo theine fèin.


Nuair thig mi dhachaigh anns an oidhch',
'S mi fann, is fliuch, is sgith;
An saoghal cosmhail ri bhith 'n gruaim,
Cho duaichnidh bidh gach nì,
'S a chì mi 'n solas tigh'nn gu m' shùil,
Tron uinneig dhùint', mar reul,
Gun tog mo chridhe suas le sunnd,
Bhith dlùth dom theine fèin

'S gach àite sguabte grinn,
Is fiamh a' ghàir' 's gach aghaidh ghràidh,
'S gach aon toirt fàilte bhinn;
O càit' bheil sonas cosmhail ris
An saoghal bochd a' bhròin?
Cha tugainn taobh mo theine fèin
Air mìle bonn den òr ...

Bho **Taobh mo Theine Fèin** le Iain Caimbeul 'Bàrd Ledaig' bho
Modern Gaelic Bards Stirling 1908




Còmhradh



Mineachadh:

bruidhinn eadar dìthis no barrachd charactaran.



Ro-ràdh:

Tha còmhradh feumail ann an sgeulachdan airson diofar adhbharan ach ma tha cus còmhraidh ann dh'fhaodadh am plota a bhith doirbh a leantainn agus ro choltach ri sgrìopt airson dealbh-chluich!

Cleachdaidh sgrìobhadairean còmhradh airson:

- * plana, faireachdainnean no smuaintean nan caractaran a shealltainn
- * eas-aonta eadar caractaran a shealltainn
- * am plota a ghluasad air adhart
- * briseadh a dhèanamh eadar tachartasan no tuairisgeul

Feumaidh an sgrìobhadair cuimhneachadh nach e dealbh-chluich a th' ann agus mar sin chan fhaic an leughadair cò an neach a tha bruidhinn. Mar sin feumaidh an sgrìobhadair **sealltainn** cò tha bruidhinn no dh'fhaodadh e bhith doirbh don leughadair am plota a leantainn.

Stiùireadh do Thidsearan:

Bidh e nas fhurasta do sgoilearan còmhradh a chleachdadh gu h-èifeachdach anns na stòiridhean aca ma tha cothrom aca coimhead gu geur air mar a tha sgrìobhadairean eile ga chleachdadh. Seo earrannan bho leabhraichean eadar-dhealaichte a tha a' sealltainn mar a thèid còmhradh a chleachdadh airson diofar adhbharan.

Airson gach earrainn tha puingeann ri dheasbad mar chlas no mar bhuidheann-leughaidh agus tha seo a' toirt cothrom dhaibh cuideachd coimeas a dhèanamh eadar ùghdarran agus stoidhlichean eadar-dhealaichte.

Tha duilleagan-obrach ann airson na puingeann seo a leudachadh.

Nam measg tha duilleag-obrach air puingeachadh airson còmhradh. Thèid an duilleag-obrach seo atharrachadh airson a cleachdadh le earrann bho leabhar sam bith a tha na sgoilearan a' leughadh. Bheir seo an cothrom dhaibh an obair fhèin a cheartachadh.

Aig toiseach a' chaibidil seo tha gnìomhan airson teagasg do na sgoilearan mar a chleachdas iad cromagan chainnt airson còmhradh a shealltainn. Ma rinn iad obair air seo mu thràth, dh'fhaodadh iad an obair seo a dhèanamh mar ath-obair.

Aig deireadh a' chaibidil seo tha duilleag ann le prìomh phuingeann a' chaibidil. Dh'fhaodadh an tidsear leth-bhreac dhen seo a thoirt do gach sgoilear airson am pasgan sgrìobhaidh no dh'fhaodadh am meudachadh airson taisbeanadh air balla a' chlasruim.

Brosnaich a' chlann gus a bhith coimhead gu geur air mar a tha còmhradh air a chleachdadh anns na nobhailean (Gàidhlig agus Beurla) a tha iad fhèin a' leughadh anns an sgoil agus aig an taigh. A bheil an còmhradh feumail, inntinneach agus furasta a leantainn?

a. Ciamar a sheallas sgrìobhadairean gu bheil daoine a' bruidhinn?

* Sgrìobh an dà sheantans seo air a' bhòrd-dhubh:

1. Thuir Ealasaid gu robh i a' dol a-mach. (còmhradh neo-dhireach)

2. "Tha mi a' dol a-mach," thuir Ealasaid. (còmhradh dìreach)

* Faighnich do na sgoilearan dè an diofar a tha eadar an dà sheantans. Anns a' chiad fhear chan eil na faclan aig Ealasaid sgrìobhte ach anns an dara fear tha iad sgrìobhte.

* Iarr orra eisimpleir de chòmhradh dìreach a lorg ann an leabhar a tha iad a' leughadh. Ciamar a tha fios aca gur e còmhradh dìreach a th' ann? Feuch seo a-rithist le còmhradh neo-dhireach.

* Brosnaich iad gus an dà sheòrsa labhairt a chleachdadh nuair a tha iad a' sgrìobhadh stòiridhean.

* Coimhead air an t-seantans seo a-rithist:

cromagan-
cainnt

litir mhòr nuair a
thòisicheas cuideigin a' bruidhinn

"Tha mi a' dol a-mach," thuir Ealasaid.

cromag nuair a sguireas cuideigin a bhruidhinn

* Coimhead air a' chòmhradh seo bhon leabhar Caisteal nan Sgràgan le Maolios M. Caimbeul:

"Ciamar a tha sinn a' coimhead?" dh'fheòraich Fionnlagh dhe mhàthair.
Thug i sùil èibhinn orra. "A bheil sibh ag iarraidh orm innse dhuibh?"
thuir i gu sgairteil.

"Tha," ghuidh iad uile.

"Ma thà, innsidh mi dhuibh. Chuireadh sibh eagal air an deamhain
fhèin!"

td. 9 Caisteal nan Sgràgan le Maolios M. Caimbeul



Puingean ri Dheasbad:

- * comharraidhean-labhairt
 - * cromagan
 - * comharraidhean ceist
 - * paragraf ùr nuair a thòisicheas cuideigin eile a' bruidhinn
 - * faclan a bharrachd air 'thuir' (dh'fheòraich, ghuidh)
 - * tha e soilleir cò tha bruidhinn
- * Sgrìobh an còmhradh seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn am puingeachadh ceart a chur ann.

Dè th' ann Dh'fhuaimnich Eddy a' cheist a bha orra uile.

Tha e neònach, beagan coltach ri caisteal arsa Caitlin ann an guth làn uabhais.

Feumaidh sinn tilleadh arsa Rob.

Chan urrainn dhuinn tilleadh a-nis. Seall, tha Am Bodach Liath a' smèideadh rinn chomhairlich Fionnlagh.

Caisteal an Sgràgain, cuiridh mi geall ghlaodh Rob


td. 60 Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul

- * Ma tha duilgheadasan aca le seo, tagh còmhradh à leabhar sam bith agus sgrìobh e air a' bhòrd-dhubh, a' fàgail às nan comharraidhean-labhairt agus nan cromagan aig deireadh labhairt. Bheir seo cothroman eile dhaibh an eacarsaich seo fheuchainn.

Dèan cinnteach gun tuig iad gun tòisich paragraf ùr a h-uile turas a thòisicheas cuideigin eile a' bruidhinn.

Gnìomhan do na sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 1



b. Measgachadh de chòmhradh agus thachartasan

Anns an earrainn seo bhon sgeulachd Na Stocainnean le Iain C. Mac a' Ghobhainn tha argamaid a' tòiseachadh oir tha Iain a' smaoinichadh gun do ghoid balach eile anns a' chlas na stocainnean aige. Chan eil fhios aig Iain gun tug a mhàthair na stocainnean do bhanacheard latha no dhà roimhe sin agus gum b' e sin màthair a' bhalaich eile.

Bha an clas dìreach air a thighinn a-steach 's bha àireamhan air a' bhòrd-dhubh a dh'fheumadh iad a chur ri chèile, nuair a chunnaic Iain gu robh a stocainnean uaine air mac na banacheaird. Leum e a-mach às a dheasg ag èigheachd, "Mo stocainnean, mo stocainnean, tha mo stocainnean air," agus thug e buille do mhac na banacheaird.

"Stad sin anns a' bhad," dh'èigh Miss Macdonald, ach cha do stad Iain. Bha e fhèin 's mac na banacheaird a' sabaid ann am meadhan an làir.

"Stad sin anns a' bhad," dh'èigh Miss Macdonald a-rithist, agus Iain a' feuchainn ri na stocainnean a spionadh bho mhac na banacheaird.

"Càit an d' fhuair thu iad? Ghoid thu iad." Bha falt ruadh air mac na banacheaird 's bha e beagan na b' àirde na Iain ach cha robh sin a' dèanamh mòran feum dha oir bha Iain uabhasach làidir.

Rug Miss Macdonald air an dithis aca 's shad i iad bho chèile. Bha a sùilean a' lasadh le feirg.

"Iain MhicAoidh, stad sin anns a' bhad," bha i ag èigheachd. Ach bha Iain e fhèin a' sealltainn le feirg ri mac na banacheaird.

"Dè a-nis a tha seo?" arsa Miss Macdonald.

"Tha mo stocainnean air," dh'èigh Iain, 's cha mhòr gum b' urrainn dha bruidhinn leis an droch nàdar.

"A bheil sin ceart?" arsa Miss Macdonald ri mac na banacheaird.

"Mo màthair a thug dhomh iad," arsa esan, 's e a' gal.

"Leamsa a tha iad," bha Iain ag èigheachd.

Thug Miss MacDonald a-mach strap 's thug i trì stràicean do Iain, ach cha tug i gin do mhac na banacheaird. Chaidh Iain air ais gu a dheasg 's e faireachdainn gu math goirt. "Ma chluinneas mise càil tuilleadh ..." arsa Miss Macdonald, 's chaidh i na tàmh.



Puingean ri Dheasbad:

- * measgachadh de chòmhradh agus thachartasan
- * an dòigh anns a bheil an sgrìobhadair a' sealltainn mar a tha na caractaran a' bruidhinn.
(... a sùilean a' lasadh le feirg, 's cha mhòr gum b' urrainn dha bruidhinn leis an droch nàdar,
's e a' gal)
- * mar a tha an sgrìobhadair a' toirt a' chòmhradh gu crìch. ('s chaidh i na tàmh.)
- * an diofar eadar còmhradh dìreach (mar a tha seo) agus còmhradh neo-dhìreach.
- * abairtean goirid agus ath-aithris a' sealltainn fearg ("Stad sin anns a' bhad," "Leamsa a tha iad,")

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Duilleag-obrach 2



C. Còmhradh airson am plota a ghluasad air adhart

Seo earrann bhon leabhar An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan. Tha dithis charaidean, Derek agus Seumas a' coinneachadh agus a' bruidhinn mu dè nì iad.

Bha Derek an sin ga fheitheamh aig geata an taighe nuair a ràinig e.

"Halò," ars esan agus fiamh a' ghàire air aodann, 's e a' dèanamh toileachadh mòr ri charaid.

"Halò," arsa Seumas, agus e fhèin toilichte a charaid fhaicinn.

"Càit an tèid sinn?" dh'fheòraich Derek.

"Chan eil fhios am mur eil fhios agad fhèin," ars am fear eile.

"Dè mu dheidhinn a dhol sìos ri taobh na h-aibhne ach am faic sinn dè tha dol?" arsa Derek. "Eil cuimhne agad gu robh Mrs Young ag ràdh gu bheil cùisean a' dol air adhart airson Fèis Mhòr a' Ghàrraidh a chur air chois."

"Thugainn sìos ach am faic sinn, ma-tà," arsa Seumas.

Rinn iad às sìos an rathad mòr, a' cumail a-mach às an rathad air na càraichean 's gach uile seòrsa carbaid eile a bha a' dol aig astar sìos agus suas an rathad mòr.

td. 18 An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)

Puingean ri Dheasbad:

* Chan eil an còmhradh ro fhada agus tha measgachadh de thuirisgeul is còmhradh ann.

* paragraf ùr nuair a thòisicheas cuideigin eile a' bruidhinn.

* ceistean anns a' chòmhradh

* uaireannan tha an t-ùghdar **ag innse** cò tha bruidhinn agus uaireannan tha i **a' sealltainn** cò tha bruidhinn.

* Coimhead a-rithist air a' pharagraf a' tòiseachadh "Dè mu dheidhinn"

Sgrìobh an t-ùghdar cò bha bruidhinn ann am **meadhan** a' pharagraf agus chan ann aig an deireadh. Saoil carson?



d. Còmhradh airson rudeigin a mhìneachadh

Seo earrann eile bhon aon leabhar. An seo tha Seumas, a phiuthar Peigi agus am màthair air Leòdhas a ruighinn agus tha iad anns a' chàr a' dol gu taigh an seanmhar airson nan saor-làithean.

"Cuin a bhitheas Dadaidh a' tilleadh?" arsa Peigi ri màthair. Bha a màthair gu faiceallach a' stiùireadh a' chàir tron cheò 's an uisge, ach thuit i, "Nach eil fhios agad nach eil Dadaidh a' tilleadh airson cola-deug fhathast. Bha dùil agam gun do dh'innis mi sin dhuibh. Mar a tha Dadaidh ag obair shìos an Sasainn an-dràsta, chan fhaigh e a làithean-saora gus am bi an obair aige crìochnaichte. Agus tha e an dòchas gum bi sin ann an dà sheachdain eile."

td. 38 **An t-Eilean Dorch** le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)

Puingean ri Deasbad:

- * Uaireannan tha còmhradh **a' mìneachadh** rudeigin don leughadair.
- * An e còmhradh dìreach no neo-dhìreach a tha seo?
- * Tha an t-ùghdar **a' sealltainn** dè tha màthair Peigi a' dèanamh fhad 's a tha i a' bruidhinn, a' tarraing dealbh gus am **faic** an leughadair na caractaran a' bruidhinn.



e. Measgachadh de chòmhradh, tuairisgeul agus tachartasan / còmhradh airson am plota a ghluasad air adhart

Seo còmhradh eile bhon leabhar **An t-Eilean Dorch**. Anns an earrainn seo tha Seumas agus a charaidean a' feuchainn ri fhaighinn a-mach mun Eilean Dhorch, àite a bha a' cur iongnadh air Seumas.

Cha robh càil annasach ann a ghlac an aire an toiseach, ach nuair a chaidh iad a-steach dhan bhàgh ceart, a' leantainn a' chladaich, dh'aithnich iad gu robh àite mar uaimh aig a' cheann a-staigh. Uill, bha fhios nach robh na seòid a' dol a leigeil seo seachad gun rannsachadh.

"S math a bha fhios agam gun tachradh rudeigin dhuinn," arsa Seumas ri chompanaich.

Sgap iad am fraoch a bha timcheall air beul na h-uaimhe mar bhrat-sgàile.

'S ann a chanadh tu gu robh e air a tharraing mar sin airson an uaimh fhalach bho shùilean dhaoine.

Nuair a sgap iad am brat fraoich seo, cha deigheadh aca air càil fhaicinn an toiseach, bha an t-àite cho dorch. Co-dhiù, nuair a dh'fhàs an sùilean cleachdte ris an dorchadas b' ann a chunnaic iad geòla bheag air a ceangal ri cloich a bh' air a' chladach.

Bha coltas ùr air a' gheòla, 's i air a peantadh geal le srian dhearg sìos a' chliathaich aice.

"Ach chan eil fhios co leis a tha i no dè tha i a' dèanamh an seo?" arsa fear de na balaich.

"Ach carson a tha i air a cur air falach?" dh'fheòraich Seumas.

"Cuiridh mise geall gum bi an duine leis a bheil i ga cleachdadh airson a bhith ag aiseag a-null dhan Eilean Dhorch."

"A bheil thu a' smaoinachadh? arsa Seòras ris. "Bha dùil agam nach biodh duine a' tadhal an eilein sin."

"Uill, chan eil againn ach faighinn a-mach, nach e, fhearaibh?" arsa Seumas.

"Dè tha thu a' ciallachadh, a Sheumais?" dh'fhaighnich Aonghas, agus a shùilean gus tuiteam às. "Chan eil thusa ag ràdh gu bheil thu a' dol a-null dhan eilean, a bheil?"

"Is e sin dìreach a tha mi ag ràdh," arsa Seumas.

Sheas iad uile ga choimhead.

"Ceart, co agaibh a tha a' tighinn còmhla rium, no am feum mi falbh leam fhèin?" ars esan.



Puingean ri Dheasbad:

- * measgachadh de thuairisgeul agus còmhradh
- * ceistean – carson a tha iad ann?
- * A bheil e an-còmhnaidh soilleir cò tha bruidhinn anns a' chòmhradh?

(NB. tidsearan! Tha mearachd anns an earrainn seo. Cha bu chòir paragraf ùr a bhith ann airson “ Cuiridh mise geall ...” oir 's e fhathast Seumas a tha a' bruidhinn. Bruidhinn mu dheidhinn nan duilgheadasan a tha mearachd mar seo a' dèanamh ann a bhith a' leantainn a' chòmhradh).

Gnìomhan do na Sgoilearan

- * Duilleag-obrach 3



f. Còmhradh dìreach agus neo-dhìreach

Seo earrann bhon leabhar **Am Fear Farchluais** le Calum MacMhaoilein. Tha am prìomh character Anndra air beulaibh cùirt aig deireadh an dara cogaidh. Thàinig e a dh'Alba às a' Ghearmailt dà bhliadhna ron chogadh mar fhear farchluais ach thug e e fhèin suas agus chaidh a chur an grèim. An seo tha daoine a' toirt seachad teisteanas air Anndra: Seònaid a leannan, sgiobair a' bhàta air an robh Anndra ag obair agus am poileas Niall.

Thug an sgiobair deagh theisteanas air cho math 's a bha e air obair, agus thuir e nach do thuig esan fad na h-ùine bha e còmhla ris nach b' e Albannach a bh' ann, agus nach robh càil a chunnaic na chuala esan a shealladh gu robh e ri obair eile ach an t-iasgach a-mhàin. Dh'aidich Seònaid gun tug Anndra a car aiste nuair a choinnich iad an toiseach, gu robh beagan teagamh innte nuair a bha e a' dol chun Allt-bheithe cho tric ach gu robh i cinnteach gun do rinn e fìor aithreachas agus gu robh e nise na dheagh charaid do Bhreatainn. Ach 's e teisteanas Nèill a bha am fàbhar Anndra thar chàich. "Cuin a chunna tu an duine seo an toiseach?" dh'fhaighnich am procadair dha.

"Fhuair mi eòlas air nuair a bha e ag iasgach a-mach à Ulapul."

"Na chuir thu umhail sam bith gu robh obair eile an urra ris a thuilleadh air an iasgach?"

"Cha do chuir, gus an tàinig e far an robh mi gus e fhèin a thoirt suas."

"Na ghabh thu iongnadh nuair a dh'innis e dhut mun obair eile a bh' aige?"

"Bha e duilich dhomh a chreidsinn."

"An robh an sluagh ann an Ulapul càirdeil ris?"

"Bha e na dhuine tlachdmhor agus na charaid dha na h-uile, ach thionndaidh mòran na aghaidh nuair a chaidh a chur an grèim."

"Dè am beachd a th' aig muinntir an àite air a-nis?"

"Cha shaoil mi gun tachradh mòran nàimhdheis ris ged a bhiodh cuid den t-sluagh feargach airson mar a bha e a' brath a' choibhneis a chaidh a shealltainn dha."

Nuair a chaidh Anndra a cheasnachadh, dh'aidich e gu saor gu robh e ri obair farchluais às leth na Gearmailt nuair a thàinig e dh'Alba an toiseach, ach thuir e gun do sguir e den obair sin nuair a chunnaic e gu robh e a' cur beatha dhaoine neo-chiontach ann an cunnart leis an obair a bh' aige.



Puingean ri Dheasbad:

- * còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach – tha measgachadh an seo. Carson?
- * chan fheum an sgrìobhadair an-còmhnaidh innse cò tha bruidhinn oir tha e soilleir gu leòr.
- * paragraf ùr nuair a thòisicheas caractar eile a' bruidhinn.
- * puingeachadh (cromagan, cromagan-cainnt, còmharraidhean-ceist)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- * Obraich còmhla ri caraaid. Leugh a' chiad pharagraf a-rithist. Sgrìobh an t-agallamh ann an còmhradh dìreach eadar an sgrìobair agus am procadair no eadar Seònaid agus am procadair. Cuimhnich am pongadh ceart a chur ann!
Nuair a tha an t-agallamh deiseil leugh a-mach e a' gabhail pàirt mu seach.
A bheil an còmhradh furasta a leantainn?
Cuimhnich paragraf ùr nuair a thòisicheas caractar eile a' bruidhinn.
A bheil e furasta tuigsinn cò tha bruidhinn?
- * Obair ann am buidhinn. Leugh an còmhradh eadar am procadair agus Niall am poileas. Ath-sgrìobh e ann an còmhradh neo-dhìreach. Tòisich mar seo:

'An uair sin bhruidhinn am procadair ri Niall. Thuirt esan gun ...

- * Leugh an leabhar **Am Fear Farchluais** air fad, gu h-àraidh duilleagan 18 – 20 far a bheil an sgrìobhadair Calum MacMhaoilein a' cleachdadh còmhradh gu h-èifeachdach airson **faireachdainnean** na prìomh characteran a shealltainn.



9. Còmhradh a' sealltainn eas-aonta eadar characteran

Seo earrann bhon leabhar **Oidhche air Tom na h-lùbhraich** le Ruairidh MacIlleathain. Tha Seònaid ag iarraidh falbh a champachadh ach chan eil a h-athair ro chinnteach mun chùis.

"Chan eil fhios am. Tha thu dìreach sia-deug agus chan eil mi cinnteach a bheil e ceart dhut a bhith a' falbh a champachadh le gillean. Gun inbheach sam bith cuide ribh. Dè thachras ma thèid càil ceàrr?" Bha Uilleam Moireasdan a' sgrìobadh fheusaig agus a' coiseachd air ais 's air adhart ann an cidsin an taigh' aige. Bha Seònaid na suidhe aig a' bhòrd agus cha robh i fhèin no a h-athair ann an sunnd ro mhath.

"Bidh fòn agam airson fònadh dhachaigh ma thèid càil ceàrr. Dh'inns mi sin dhuibh."

"Aidh, ach 's dòcha gum bi e ro anmoch an uair sin."

"Dè thèid ceàrr co-dhiù? Bidh còignear againn ann. Chan e gum bi mise agus ... gille ... a' falbh leinn fhèin."

"Cha do mhinich thu fhathast carson a tha thu a' falbh a champachadh," thuirt Uilleam. "Cha do sheall thu ùidh sam bith ann an campachadh nuair a bha thu òg, ged a thug mise air falbh thu iomadh triop. Agus tu a' gearan fad an t-siubhail. Ach le bleigeardan mar seo, tha thu a' falbh cho luath 's a tha iad ag ràdh 'teanta'. Canaidh iad 'Leum a Sheònaid' riut, agus bidh thus' a' faighneachd, 'Dè cho àrd?' Bha e a' fàs fiadhaich agus mì-reusanta.

"Chan e bleigeardan a th' annta. 'S iad mo charaidean, is chan eil còir agaibh rud mar sin a chantainn." Chuir Seònaid a h-aodann sìos air a gairdeanan, agus sgaoil a falt fada ruadh thairis air a' bhòrd. Thòisich i air gal. Bha an dearg chaoch oirre agus cha do thuig i gur e farmad a bh' air cùl beachd a h-athar 's gu robh an t-eagal air gu robh e a' call a nighinn, agus i a' tighinn gu ìre.

Bha an dìthis aca sàmhach airson tiotan agus thog Seònaid a ceann far a' bhùird.

"Tha mi a' falbh agus chan eil càil as urrainn dhuibh a dhèanamh airson stad a chur orm." Thàinig na faclan a-mach mar pheilearan a-mach à gunna. "Ach bidh fòn agam agus coimpiutair agus cuiridh sinn e-mails gu Seumas. Fad na h-oidhche ma thogras sibh. Fanaidh mi nam dhùisg fad na h-oidhche ... an uair sin cha bhi dragh oirbh gu bheil mi 'a' cadal' le balach ... An sàsaich sin sibh?"

An uair sin dh'fhosgail an doras.



Puingean ri Dheasbad:

- * measgachadh de thuairisgeul agus còmhradh
- * tha an sgrìobhadair a' sealltainn ciamar a bha na caractaran a' bruidhinn
(‘Bha e a’ fàs fiadhaich agus mì-reusanta.’ ‘Thàinig na faclan a-mach mar pheilearan...’)
- * ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn fearg agus eas-aonta? (ceistean nach faigh freagairtean, casaidean, caractaran a' cur an aghaidh a chèile ...)
- * carson a chleachd an sgrìobhadair dotagan (‘Chan e gum bi mise agus gille ... a’ falbh leinn fhèin’)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Duilleag-obrach 4



Teacsaichean eile ri leughadh airson còmhradh:

còmhradh airson plota a ghluasad air adhart

Caisteal nan Sgràgan td.11-12, 32
Am Fear Farchluais td. 27 →, td. 42
An Siopsaidh agus an t-Aingeal td.81
À Ulbha gu Geelong le Maoilios M. Caimbeul td.1
Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind td. 57

còmhradh airson tachartasan no tuairisgeul a bhriseadh suas

Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein td. 17-18, 44
An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach td.17
Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn td.24
Rum do Choigreach le Ann Turnbull td. 31-32

còmhradh a' sealltainn plana no smuaintean nan caractaran

An Siopsaidh agus an t-Aingeal td.41-42
Reubairean Roisinis td.6, 23-26
Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein td.7-8, 107
Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn td.18-21

*a' sealltainn **ciamar** a tha caractar a' bruidhinn*

Reubairean Roisinis td.19
Sgeulachdan Grimm td. 167
An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach td.21, 42, 65, 71
Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain td. 7, 30, 62-63

còmhradh a' sealltainn fhaireachdainnean

Am Fear Farchluais td. 18-20
An Siopsaidh agus an t-Aingeal td.38-39, td. 66, td. 82-85
Reubairean Roisinis td. 44, 54-55, 65, 69
Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein td.11, 51
Rum do Choigreach le Ann Turnbull td. 5



còmhradh a' sealltainn eas-aonta

An Siopsaidh agus an t-Aingeal td.33

Reubairean Roisinis td.34-35

Rum do Choigreach le Ann Turnbull td. 6

còmhradh a' sealltainn co ris a tha caractar coltach

An Siopsaidh agus an t-Aingeal td.56-57

Sgeulachdan Grimm td. 50, 76-77

Rum do Choigreach le Ann Turnbull td. 12-13

còmhradh a' mineachadh rudeigin don leughadair

Sgeulachdan Grimm td 85, 99, 139, 190

Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac a' Ghobhainn td.32-36

Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind td. 18-25

còmhradh neo-dhireach


Sgeulachdan Grimm td. 1, 5, 6, 7, 31-32, 33

Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind td. 6, 10

An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan td.78

Diomhaireachd Caisteal Bhuirgh le Flòraidh NicDhòmhnaill td.70





Còmhradh - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Cuir cromagan-cainnt anns na seantansan seo airson còmhradh dìreach a shealltainn:



1. Trobhad an seo! dh'èigh Sile. Long mise uaimh!
2. Choimhead Eardsaidh orm le iongnadh. A bheil thu cinnteach? dh'fhaighnich e.
3. Thàinig Mgr. Gordain a-steach. Bithibh sàmhach! dh'èigh e.
4. Seall air an duine sin, thuirte Magaidh le gàire. Tha ad air bun-os-cionn!

b. Seo seantansan ann an còmhradh neo-dhìreach. Sgrìobh iad ann an còmhradh dìreach. Cuimhnich gum feum thu cuid de na faclan atharrachadh agus am puingeachadh ceart a chleachdadh! Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



1. Dh'iarr Granaidh orm pàipear a cheannach dhi.
"An ceannaich thu pàipear dhomh," dh'fhaighnich Granaidh.
2. Thuirte e gu robh e deiseil.

3. Dh'fhaighnich an tidsear co leis a bha an luch.
4. Dh'èigh i gu robh i ceart gu leòr.
5. Thuirt Ailean ann an guth ìosal nach robh fhios aige.

C. Seo còmhradh goirid ach chan eil am puingeachadh ann. Ath-sgrìobh e aig bonn na duilleige agus cuir ceart e!....

Mar sin leat dh'èigh Moira agus Somhairle chì sinn Diluain sibh ceart thuirt am màthair a bha a' seasamh aig an doras tha min dòchas gum bi tòrr spòrs agaibh tha sinn cinnteach gum bi fhreagair a' chlann chan urrainn dhuinn feitheamh tioraidh ma-tà thuirt am màthair



Còmhradh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Leugh an earrann bho Na Stocainnean le Iain C. Mac a' Ghobhainn.

a. Tha an còmhradh seo airson: (cuir ✓ ri taobh nam freagairtean a tha thusa a' smaointinn a tha ceart)

plana a shealltainn
faireachdainnean / smuaintean a shealltainn
eas-aonta eadar caractaran a shealltainn
am plota a ghluasad air adhart
tachartasan a bhriseadh an-àirde



b. Cò a bhruidhinn an toiseach anns an earrainn?

c. Coimhead a-rithist air a' pharagraf a' tòiseachadh "**Stad sin anns a' bhad,**" dh'èigh Miss Macdonald a-rithist...

1. Dè a' cheist a dh'fhaighnich Iain?
2. An tug e cothrom do mhac na banacheaird a' cheist a fhreagairt?
3. Carson?

d. Ged is e còmhradh a tha seo chan eil am facal **thuir** ri fhaicinn. Dè na faclan a chleachd an sgrìobhadair an àite **thuir**?



e. Coimhead a-rithist air an t-seantans seo aig deireadh na h-earrainne:
“Ma chluinneas mise càil tuilleadh ...” arsa Miss Macdonald, 's chaidh i
na tàmh.

1. Carson a chleachd an sgrìobhadair dotagan (...)? (Cuir ✓ ri taobh a h-uile
fear a tha thu a' smaoinichadh a tha ceart.)

- a) Cha do chrìochnaich Miss Macdonald na bha i dol a ràdh.
- b) Dhìochuimhnich Miss Macdonald na bha i dol a ràdh.
- c) Bhrist cuideigin a-steach air Miss Macdonald.
- d) Chan fheumadh Miss Macdonald crìoch a chur air a rabhadh.

2. Sgrìobh fhèin deireadh airson rabhadh Miss Macdonald. Cuimhnich
clisg-phuing (!) agus cromagan-cainnt (") a chur aig an deireadh.

“Ma chluinneas mise càil tuilleadh ...



Còmhradh - duilleag-obrach 3

Ainm:

Leugh na 3 earrannan bhon leabhar An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan agus freagair na ceistean seo.

a. Seo liosta de dh'adhbharan airson còmhradh a chleachdadh ann an stòiridh. Sgrìobh dè na h-earrannan (b, c no d) a tha coileanadh an adhbhair sin. 'S dòcha gum bi barrachd air aon ga choileanadh!

- * Tha còmhradh a' briseadh suas tachartasan.
- * Tha còmhradh a' sealltainn faireachdainnean nan caractaran.
- * Seallaidh còmhradh dè tha na caractaran a' dol a dhèanamh.
- * Seallaidh còmhradh co ris a tha caractaran coltach.
- * Tha còmhradh a' mìneachadh rudan don leughadair.
- * Gluaisidh còmhradh am plot air adhart.

b. Coimhead a-rithist air an t-seantans seo bho earrann b:
' "Halò," ars esan agus fiamh a' ghàire air aodann, ...'

An seo tha an sgrìobhadair a' sealltainn **ciamar** a bha Derek a' bruidhinn. Coimhead air earrainn c agus d a-rithist agus feuch an long thu eisimpleir eile anns gach tè a tha a' sealltainn **ciamar** a bha caractaran a' bruidhinn no dè bha iad a' dèanamh fhad 's a bha iad a' bruidhinn.

1. (ann an earrainn c)
2. (ann an earrainn d)



C. Coimhead air na seantansan seo bhon leabhar le **còmhradh dìreach** annta. Sgrìobh gach fear ann an dòigh eile le **còmhradh neo-dhìreach**. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut:

1. "Cuin a bhitheas Dadaidh a' tilleadh? arsa Peigi ri màthair.

Dh'fhaighnich Peigi dha màthair cuin a bhiodh Dadaidh a' tilleadh.

2. "Tha mi a' dol a-mach air a' bhàidhsagal còmhla ri Derek airson greiseag," fhreagair Seumas. "Cha bhi mi fada."

3. "Trobhadaibh a-steach," ars an seanmhair riutha.



Còmhradh - duilleag-obrach 4

Ainm:

Leugh an earrann bho Oidhche air Tom na h-Iùbhraich agus freagair na ceistean seo

- a.**
1. An e còmhradh dìreach no neo-dhìreach a tha ann?
 2. Cò bhruidhinn an toiseach?
 3. Cò bhruidhinn mu dheireadh?
 4. An robh na caractaran ag aontachadh ri chèile aig an deireadh?
 5. Cò tha thusa a' smaointinn a tha ceart?
 6. Carson a tha thu a' smaointinn sin?
 7. Ciamar a thug an t-ùghdar an còmhradh gu crìoch?
- b.**
1. Am faic thu na caractaran nad inntinn?
 2. Dè tha Seònaid a' dèanamh?
 3. Dè tha a h-athair a' dèanamh?



C. Ath-sgrìobh no *comharraich* na rudan anns an earrainn a tha a' sealltainn **faireachdainnean** nan caractaran.


d. Sgrìobh còmhradh eadar thu fhèin agus pàrant a' sealltainn eas-aonta. Smaoinich air na rudan seo mus tòisich thu:

- * co mu dheidhinn a tha an argamaid?
- * dè tha sibh a' dèanamh nuair a thòisicheas an argamaid?
- * càite bheil sibh?
- * cò tha bruidhinn an toiseach?
- * ciamar a sheallas tu gu bheil thu feargach?
- * cleachd tuairisgeul agus còmhradh
- * ciamar a thig an argamaid gu crìch?

Sgrìobh an argamaid air pìos pàipeir. Nuair a tha thu deiseil leugh agus ceartaich i.

- * am faic an leughadair an suidheachadh na inntinn?
- * a bheil e soilleir cò tha bruidhinn?
- * a bheil e soilleir gu bheil sibh feargach agus carson?
- * a bheil am puingeachadh agus an litreachadh ceart?





Còmhradh

Cleachd còmhradh ann an sgeulachd airson:-

- * plana / faireachdainnean / smuaintean nan caractaran a shealltainn
- * eas-aonta eadar caractaran a shealltainn
- * am plota a ghluasad air adhart
- * tachartasan a bhriseadh an-àirde

Stoidhle

Cleachd seantansan eadar-dhealaichte – fada, goirid, ceistean ...

Cleachd còmhradh dìreach.....

“Tha fios agam,” thuir Bob.

...agus còmhradh neo-dhìreach

Thuir Bob gu robh fios aige.

Seall **ciamar** a tha caractaran a’ bruidhinn (m.e. aig àird a chlaiginn, gu socair, gu h-obann, ann an cabhaig, fo anail, le crith na ghuth, a’ coimhead an taobh eile, le gàire, le duilgheadas ...)

Thoir an Aire!

- * Tha cus còmhraidh ann an sgeulachd doirbh a leantainn.
- * Measgaich còmhradh le tuairisgeul agus tachartasan.
- * Na sgrìobh **'thuirt'** ro thrì. (Coimhead air *Dòigh eile air a Ràdh* td.20 airson fhaclan freagarrach eile.)

Pongadh

cromagan-cainnt litir mhòr cromag cromagan-cainnt

“Thèid mise ann,” thuirt Somhairle.

“Mise cuideachd, “dh’èigh Dòmhnall a’ ruith suas an staidhre. “Fuirich gus am faigh mi am mapa!”

paragraf ùr nuair
a thòisicheas cuideigin
eile a’ bruidhinn

stad-phuing, clisg-phuing
no comharra-cheist
aig an deireadh



a.

Bha an clas dìreach air a thighinn a-steach 's bha àireamhan air a' bhòrd-dhubh a dh'fheumadh iad a chur ri chèile, nuair a chunnaic Iain gu robh a stocainnean uaine air mac na banacheaird. Leum e a-mach às a dheasg ag èigheachd, "Mo stocainnean, mo stocainnean, tha mo stocainnean air," agus thug e buille do mhac na banacheaird.

"Stad sin anns a' bhad," dh'èigh Miss Macdonald, ach cha do stad Iain. Bha e fhèin 's mac na banacheaird a' sabaid ann am meadhan an làir.

"Stad sin anns a' bhad," dh'èigh Miss Macdonald a-rithist, agus Iain a' feuchainn ri na stocainnean a spionadh bho mhac na banacheaird.

"Càit an d' fhuair thu iad? Ghoid thu iad." Bha falt ruadh air mac na banacheaird 's bha e beagan na b' àirde na Iain ach cha robh sin a' dèanamh mòran feum dha oir bha Iain uabhasach làidir.

Rug Miss Macdonald air an dìthis aca 's shad i iad bho chèile. Bha a sùilean a' lasadh le feirg.

"Iain MhicAoidh, stad sin anns a' bhad," bha i ag èigheachd. Ach bha Iain e fhèin a' sealltainn le feirg ri mac na banacheaird.

"Dè a-nis a tha seo?" arsa Miss Macdonald.

"Tha mo stocainnean air," dh'èigh Iain, 's cha mhòr gum b' urrainn dha bruidhinn leis an droch nàdar.

"A bheil sin ceart?" arsa Miss Macdonald ri mac na banacheaird.

"Mo mhàthair a thug dhomh iad," arsa esan, 's e a' gal.

"Leamsa a tha iad," bha Iain ag èigheachd.

Thug Miss MacDonald a-mach strap 's thug i trì stràicean do Iain, ach cha tug i gin do mhac na banacheaird. Chaidh Iain air ais gu a dheasg 's e faireachdainn gu math goirt. "Ma chluinneas mise càil tuilleadh ..." arsa Miss Macdonald, 's chaidh i na tàmh.



b.

Bha Derek an sin ga fheithiamh aig geata an taighe nuair a ràinig e.

"Halò," ars esan agus fiamh a' ghàire air aodann, 's e a' dèanamh toileachadh mòr ri charaid.

"Halò," arsa Seumas, agus e fhèin toilichte a charaid fhaicinn.

"Càit an tèid sinn?" dh'fheòraich Derek.

"Chan eil fhios am mur eil fhios agad fhèin," ars am fear eile.

"Dè mu dheidhinn a dhol spin sìos ri taobh na h-aibhne ach am faic sinn dè tha dol?" arsa Derek. "Eil cuimhne agad gu robh Mrs Young ag ràdh gu bheil cùisean a' dol air adhart airson Fèis Mhòr a' Ghàrraidh a chur air chois."

"Thugainn sìos ach am faic sinn, ma-tà," arsa Seumas.

Rinn iad às sìos an rathad mòr, a' cumail a-mach às an rathad air na càraichean 's gach uile seòrsa carbaid eile a bha a' dol aig astar sìos agus suas an rathad mòr.

td. 18 **An t-Eilean Dorch** le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)

c.

"Cuin a bhitheas Dadaidh a' tilleadh?" arsa Peigi ri màthair.

Bha a màthair gu faiceallach a' stiùireadh a' chàir tron cheò 's an uisge, ach thuir i, "Nach eil fhios agad nach eil Dadaidh a' tilleadh airson cola-deug fhathast. Bha dùil agam gun do dh'innis mi sin dhuibh. Mar a tha Dadaidh ag obair shìos an Sasainn an-dràsta, chan fhaigh e a làithean-saora gus am bi an obair aige crìochnaichte. Agus tha e an dòchas gum bi sin ann an dà sheachdain eile."

td. 38 **An t-Eilean Dorch** le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991)



d.

Cha robh càil annasach ann a ghlac an aire an toiseach, ach nuair a chaidh iad a-steach dhan bhàgh ceart, a' leantainn a' chladaich, dh'aithnich iad gu robh àite mar uaimh aig a' cheann a-staigh. Uill, bha fhios nach robh na seòid a' dol a leigeil seo seachad gun rannsachadh.

"S math a bha fhios agam gun tachradh rudeigin dhuinn," arsa Seumas ri chompanaich.

Sgap iad am fraoch a bha timcheall air beul na h-uaimhe mar bhrat-sgàile.

'S ann a chanadh tu gu robh e air a tharraing mar sin airson an uaimh fhalach bho shùilean dhaoine.

Nuair a sgap iad am brat fraoich seo, cha deigheadh aca air càil fhaicinn an toiseach, bha an t-àite cho dorch. Co-dhiù, nuair a dh'fhàs an sùilean cleachdte ris an dorchadas b' ann a chunnaic iad geòla bheag air a ceangal ri cloich a bh' air a' chladach.

Bha coltas ùr air a' gheòla, 's i air a peantadh geal le srian dhearg sìos a' chliathaich aice.

"Ach chan eil fhios co leis a tha i no dè tha i a' dèanamh an seo?" arsa fear de na balaich.

"Ach carson a tha i air a cur air falach?" dh'fheòraich Seumas.

"Cuiridh mise geall gum bi an duine leis a bheil i ga cleachdadh airson a bhith ag aiseag a-null dhan Eilean Dhorch."

"A bheil thu a' smaoinichadh? arsa Seòras ris. "Bha dùil agam nach bitheadh duine a' tadhal an eilein sin."

"Uill, chan eil againn ach faighinn a-mach, nach e, fhearaihb?" arsa Seumas.

"Dè tha thu a' ciallachadh, a Sheumais?" dh'fhaighnich Aonghas, agus a shùilean gus tuiteam às. "Chan eil thusa ag ràdh gu bheil thu a' dol a-null dhan eilean, a bheil?"

"Is e sin dìreach a tha mi ag ràdh," arsa Seumas.

Sheas iad uile ga choimhead.

"Ceart, cò agaibh a tha a' tighinn còmhla rium, no am feum mi falbh leam fhèin?" ars esan.



e.

Thug an sgiobair deagh theisteanas air cho math 's a bha e air obair, agus thuir e nach do thuig esan fad na h-ùine bha e còmhla ris nach b' e Albannach a bh' ann, agus nach robh càil a chunnaic na chuala esan a shealladh gu robh e ri obair eile ach an t-iasgach a-mhàin. Dh'aidich Seònaid gun tug Anndra a car aiste nuair a choinnich iad an toiseach, gu robh beagan teagamh innte nuair a bha e a' dol chun Allt-bheithe cho tric ach gu robh i cinnteach gun do rinn e fìor aithreachas agus gu robh e nise na dheagh charaid do Bhreatainn. Ach 's e teisteanas Nèill a bha am fàbhar Anndra thar chàich. "Cuin a chunna tu an duine seo an toiseach?" dh'fhaighnich am procadair dha.

"Fhuair mi eòlas air nuair a bha e ag iasgach a-mach à Ulapul."

"Na chuir thu umhail sam bith gu robh obair eile an urra ris a thuilleadh air an iasgach?"

"Cha do chuir, gus an tàinig e far an robh mi gus e fhèin a thoirt suas."

"Na ghabh thu iongnadh nuair a dh'innis e dhut mun obair eile a bh' aige?"

"Bha e duilich dhomh a chreidsinn."

"An robh an sluagh ann an Ulapul càirdeil ris?"

"Bha e na dhuine tlachdmhor agus na charaid dha na h-uile, ach thionndaidh mòran na aghaidh nuair a chaidh a chur an grèim."

"Dè am beachd a th' aig muintir an àite air a-nis?"

"Cha shaoil mi gun tachradh mòran nàimhdheis ris ged a bhiodh cuid den t-sluagh feargach airson mar a bha e a' brath a' choibhneis a chaidh a shealltainn dha."

Nuair a chaidh Anndra a cheasnachadh, dh'aidich e gu saor gu robh e ri obair farchluais às leth na Gearmailt nuair a thàinig e dh'Alba an toiseach, ach thuir e gun do sguir e den obair sin nuair a chunnaic e gu robh e a' cur beatha dhaoine neo-chiontach ann an cunnart leis an obair a bh' aige.

td. 49-50 **Am Fear Farchluais** le Calum MacMhaoilein Acair 2000



f.

“Chan eil fhios am. Tha thu dìreach sia-deug agus chan eil mi cinnteach a bheil e ceart dhut a bhith a’ falbh a champachadh le gillean. Gun inbheach sam bith cuide ribh. Dè thachras ma thèid càil ceàrr?” Bha Uilleam Moireasdan a’ sgrìobadh fheusaig agus a’ coiseachd air ais ‘s air adhart ann an cidsin an taigh’ aige. Bha Seònaid na suidhe aig a’ bhòrd agus cha robh i fhèin no a h-athair ann an sunnd ro mhath.

“Bidh fòn agam airson fònadh dhachaigh ma thèid càil ceàrr. Dh’inns mi sin dhuibh.”

“Aidh, ach ‘s dòcha gum bi e ro anmoch an uair sin.”

“Dè thèid ceàrr co-dhiù? Bidh còignear againn ann. Chan e gum bi mise agus ... gille ... a’ falbh leinn fhèin.”

“Cha do mhinich thu fhathast carson a tha thu a’ falbh a champachadh,” thuirt Uilleam. “Cha do sheall thu ùidh sam bith ann an campachadh nuair a bha thu òg, ged a thug mise air falbh thu iomadh triop. Agus tu a’ gearan fad an t-siubhail. Ach le bleigeardan mar seo, tha thu a’ falbh cho luath ‘s a tha iad ag ràdh ‘teanta’. Canaidh iad ‘Leum a Sheònaid’ riut, agus bidh thus’ a’ faighneachd, ‘Dè cho àrd?’” Bha e a’ fàs fiadhaich agus mì-reusanta.

“Chan e bleigeardan a th’ annta. ‘S iad mo charaidean, is chan eil còir agaibh rud mar sin a chantainn.” Chuir Seònaid a h-aodann sìos air a gàirdeanan, agus sgaoil a falt fada ruadh thairis air a’ bhòrd. Thòisich i air gal. Bha an dearg chaoch oirre agus cha do thuig i gur e farmad a bh’ air cùl beachd a h-athar ‘s gu robh an t-eagal air gu robh e a’ call a nighinn, agus i a’ tighinn gu ìre.

Bha an dìthis aca sàmhach airson tiotan agus thog Seònaid a ceann far a’ bhùird.

“Tha mi a’ falbh agus chan eil càil as urrainn dhuibh a dhèanamh airson stad a chur orm.” Thàinig na faclan a-mach mar pheilearan a-mach à gunna. “Ach bidh fòn agam agus coimpiutair agus cuiridh sinn e-mails gu Seumas. Fad na h-oidhche ma thogras sibh. Fanaidh mi nam dhùisg fad na h-oidhche ... an uair sin cha bhì dragh oirbh gu bheil mi ‘a’ cadal’ le balach ... An sàsaich sin sibh?”

An uair sin dh’fhosgail an doras.



Planaiichean



Leabhar-nota Sgrìobhaidh



Mìneachadh: Leabhar-nota aig gach duine anns an sgrìobh iad beachdan airson sgeulachdan, faclan agus abairtean feumail agus deagh eisimpleirean de dhìofar sheòrsaichean sgrìobhaidh a leugh iad.



Ro-ràdh:

Tha e doirbh uaireannan sgrìobhadh ann am ‘vacuum’. Dè cho tric ‘s a shuidh thu le pios pàipeir air do bheulaibh agus gun càil a dh’fhios co air a sgrìobhadh tu?

Uaireannan, ged-tà, thig smuaintean a-steach oirnn a bhiodh feumail ann an sgrìobhadh – deagh smuain airson caractar ‘s dòcha, no faclan leis an aon fhuaim a bhiodh math còmhla ann am bàrdachd. Nuair a tha sgrìobhadairean a’ cruthachadh suidheachadh no caractaran airson sgeulachd, gu math tric bidh iad a’ smaoinichadh air ais air suidheachadh anns an robh iad fhèin, no air daoine ris an do thachair iad. Direach mar fhir-ealain a bhios a’ toirt leotha ‘sketch-pad’ anns gach àite dhan tèid iad, gun fhios nach fhaic iad rudeigin a bhiodh math ann an dealbh, bidh tòrr sgrìobhadairean a’ toirt leotha leabhar-nota. Nuair a smaoinicheas iad air rudeigin a dh’fhaodadh a bhith feumail nan cuid sgrìobhaidh, ‘s urrainn dhaibh a sgròbadh sìos mus dìochuimhnich iad dè bh’ ann.

Anns an aon dòigh tha leabhar-nota feumail do sgoilearan, a’ toirt dhaibh àite airson an smuaintean fhèin a sgròbadh sìos agus cuideachd airson stòr a dhèanamh de caractaran, suidheachaidhean, faclan cumhachdach, etc, a lorg iad ann an leabhraichean, irisean, prògraman TBh, bàrdachd agus am beatha làitheil.

Stiùireadh do Thidsearan:

• Buidhinn ris a’ chlas mu dheidhinn co às a gheibh daoine beachdan airson sgrìobhadh. (Mas urrainn dhut, iarr air sgrìobhadair thighinn a-steach a bhruidhinn ris a’ chlas mu dheidhinn seo.) Innis dhaibh co às a gheibh thu beachdan airson sgeulachdan no bàrdachd. Co às am faigh iadsan beachdan? Dèan liosta dhiubh. Seo cuid de na rudan a dh’fhaodadh a bhith ann an liosta:

- daoine ris an do thachair iad
- caraidean, càirdean, nàbaidhean, tidsearan, clann eile anns an sgoil
- beathaichean (fiadhaich no peataichean)
- caractaran ann an sgeulachdan
- cuideigin ainmeil
- dealbhan de dhaoine ann an irisean / pàipearan-naidheachd / leabhraichean
- àitichean anns an robh iad fhèin
- dealbh de dh’àite air an TBh, ann am film, ann an leabhar, iris, cairt-phuist no brochure
- togalach dìomhair

- film no prògram TBh
- sgeulachd as aithne dhaibh gu math (m.e. sgeulachd thraidiseanta)
- rudeigin a thachair ann an eachdraidh no anns na naidheachdan
- faclan cumhachdach ann an leabhar, dàn, òran
- ìomhaigheachd (gu h-àraidh aig ìre E)
- còmhradh a chuala iad air a' bhus, air an t-sràid, ann am bùth, etc
- aisling a bh' aca
- miann a th' aca
- rudeigin àbhaisteach no annasach a chunnaic iad

Bruidhinn mu dheidhinn gach fear – ciamar a dh'fhaodadh e beachd a thoirt dhuibh airson sgeulachd, dàn no sgrìobhadh eile? (Mar eisimpleir, 's dòcha gum faca iad prògram dràma air TBh le deireadh neo-àbhaisteach a dh'fhaodadh iad atharrachadh airson stòiridh. 'S dòcha gum faca iad dealbh de bhodach ann am pàipear-naidheachd a dhèanadh caractar inntinneach. 'S dòcha gun do leugh iad deagh thuairisgeul den aimsir ann an nobhail a thug dhaibh beachd airson bàrdachd.) Ciamar a bhiodh cuimhne aca air nuair a thigeadh iad gu sgrìobhadh?


- Faighnich / innis dhaibh dè th' ann an leabhar-nota sgrìobhaidh. Cò bhiodh ga chleachdadh? Cuin? Carson?
- Seall dhaibh leabhar-nota sgrìobhaidh. (Ma tha fear agad a chleachd cuideigin roimhe, seall sin dhaibh. Mura bheil, dèan fear ùr.*)
- Bruidhinn mu dheidhinn dè na h-earrannan a dh'fhaodadh a bhith ann agus dèan liosta dhiubh air a' bhòrd-dhubh. Seo feadhainn a dh'fhaodadh sibh cleachdadh ach broснаich a' chlann airson am beachdan fhèin a chur air adhart air dè bhiodh feumail.

- a) Caractaran
- b) Beachdan airson stòiridhean / plota
- c) Suidheachadh / atmosphere
- d) Faireachdainnean
- e) Dòighean tòisichidh
- f) Deireadh
- g) Buadhairean
- h) Co-ghnìomhairean
- i) Faclan a bhiodh math ann am bàrdachd
- l) Leabhraichean a chòrd rium gu mòr
- m) Thesaurus
- n) Faclair

* A' Dèanamh Leabhar-nota Sgrìobhaidh

Tha diofar dhòighean ann leabhar-nota sgrìobhaidh a dhèanamh ach tha e nas fheàrr ma tha e furasta don chloinn an leabhraichean-nota a thoirt dhachaigh agus air ais dhan sgoil cho tric 's a tha iad ag iarraidh. Dèan liosta de fo-thiotalan a tha thu ag iarraidh nad leabhar-nota (faic gu h-àrd). Obraich a-mach cia mheud duilleag den leabhar a chleachdas tu airson gach earrainn agus sgrìobh fo-thiotal gach earrainn air an duilleig cheart. An uair sin gearr a-mach pìosan beaga cairt (mu 2cm x 3cm) agus sgrìobh fo-thiotal eadar-dhealaichte air gach tè. Ma chleachdas tu dathan eadar-dhealaichte tha e nas fheàrr an earrann cheart a lorg gu luath. Steig gach cairt ri oir duilleig cheart an leabhair-nota le sellotape, gan sgaoileadh a-mach gus am faicear gach fo-thiotal gu furasta.

Dh'fhaodadh iad còmhdach sònraichte a chur air an leabhar-nota



- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè seòrsa rudan a dh'fhaodadh iad cur anns gach earrainn. Brosnaich iad an smuaintean fhèin agus am faclan fhèin a chur ann cho math ri faclan agus beachdan a lorgas iad ann an leabhraichean is eile. Cuir nan cuimhne gu bheil dealbhan de characteran no suidheachadh gu tric a cheart cho feumail ri faclan sgrìobhte agus gun gabh dealbhan a chur dhan leabhar-nòta gu furasta fhad 's nach eil iad ro mhòr. Seo cuid de na rudan a thèid ann an leabhar-nòta sgrìobhaidh. Thèid a' mhòr-chuid dhiubh ann am barrachd air aon earrainn.

- rudan air an do smaoinich iad fhèin
- na faireachdainnean aca fhèin
- tuairisgeul goirid de dh'àite, duine, tachartas a thug buaidh orra
- faclan cumhachdach bho sgeulachdan
- nòta de chòmhradh a chuala iad a bha èibhinn, annasach, dìomhair ...
- deagh thuairisgeulan a chunnaic iad ann an leabhraichean, etc
- dealbhan (a' sealltainn characteran inntinneach no suidheachadh làn atmosphere mar eisimpleir)
- pìosan air an gearradh a-mach à pàipearan-naidheachd
- faclan ùra a dh'ionnsaich iad

Brosnaich iad an leabhraichean-nòta a chumail faisg orra nuair a tha iad a' leughadh, a' sgrìobhadh agus an lìonadh a-steach a h-uile turas a thig deagh smuain thuca no a chì iad rudeigin a dh'fhaodadh a bhith na chuideachadh dhan sgrìobhadh fhèin.



Duilleagan- planaidh





Ro-ràdh

Seo measgachadh de dhuilleagan-planaidh a ghabhas cleachdadh le sgoilearan aig ìre D airson diofar sheòrsachan de sgrìobhadh.


Stiùireadh do Thidsearan:

- * Tha duilleagan planaidh eile rin lorg taobh a-staigh aonadan eile agus tha liosta ann an seo ag innse càit am faighear iad. Tha feadhainn eile ann an seo cuideachd a dh'fhaodadh a bhith feumail. Ma tha duilleagan-planaidh agaibh no aig a' chloinn mu thràth a tha nan cuideachadh dhaibh, cumaibh oirbh gan cleachdadh! Tha duilleagan-planaidh eadar-dhealaichte feumail do dhaoine eadar-dhealaicht, agus tha e cudromach gum faigh clann cothrom feadhainn a chleachdadh a tha a' toirt taic don sgrìobhadh aca.
- * Brosnaich a' chlann duilleagan a chleachdadh a tha cuideachail dhaibh fhèin.
- * Thoir dhaibh cothroman gu leòr duilleagan planaidh a dheasachadh dhaibh fhèin cuideachd. Bheir seo dhaibh cothrom a bhith a' beachdachadh mu structair an sgrìobhadh agus feumalachdan an luchd-amais.
- * Feumaidh a' chlann tòrr bhrosnachadh fhaighinn a bhith a' cur an duilleagan-planaidh gu feum. Cuir nan cuimhne a bhith a' coimhead air ais air na duilleagan-planaidh, fhad 's a tha iad a' sgrìobhadh agus a-rithist mus sgrìobh iad an lethbhreac mu dheireadh.
- * Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum faod iad an duilleagan-planaidh atharrachadh ma thig smuain nas fheàrr thuca an dèidh dhaibh tòiseachadh (m.e. airson plot no caractar). Bu chòir duilleagan-planaidh a bhith nan taic don sgrìobhadair, ga c(h)uideachadh deagh sgrìobhadh siùbhlach, inntinneach a dhèanamh. Cha bu chòir dhaibh bacadh a chur air smuaintean no mac-meanmna an sgrìobhadair.
- * Brosnaich a' chlann faclan a sgrìobhadh air na duilleagan-planaidh a tha iad a' smaointinn a bhios feumail. Cuideachd, brosnach iad faclair agus thesaurus a chleachdadh aig an ìre seo, mus sgrìobh iad a' chiad dhreach, airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a' litreachadh faclan ceart agus a' cleachdadh faclan freagarrach, inntinneach.

Seo na duilleagan-planaidh a tha rim faotainn anns a' phac seo:-

- **aithisg** – faic *Aithisg* – duilleag-obrach 1
- **aithisg** air leabhar - faic
 - a) *Leughadh airson Toileachas* –dg/ob 2;
 - b) *Ceàird an ùghdair* –dg/ob 2 agus 3
 - c) duilleag 1 anns an aonad seo
- **Bàrdachd/ òran** – faic
 - a) *Suidheachadh* – dg/ob 5
 - b) duilleag 2 anns an aonad seo
- **beachd** – faic *Sgrìobhadh earaileach* dg/ob 2 agus 4
- **beatha-eachdraidh** – faic *Beatha-eachdraidh duilleagan-obrach* 3 agus 4
- **bileag-fiosrachaidh** – dg/ob 3 anns an aonad seo
- **caractar** faic
 - a) *Caractar* – duilleag-planaidh:
 - b) *Eadar-dàimh* – duilleag-obrach 4
- **dealbh-chluich** – duilleag 4 anns an aonad seo
- **deasbad:** - faic *Teacsaichean Neo-fhicsean* – deasbad – duilleag-obrach 2
- **litir:**- faic
 - a) *Teacsaichean Neo-fhicsean* – sgrìobhadh earaileach- dg/ob2:
 - b) *Litrichean Foirmeil* – dg/ob 4:
 - c) *Litrichean Pearsanta* – dg/ob 4
- **mineachadh** - faic *Teacsaichean Neo-fhicsean* – **mineachadh** – duilleagan-obrach 1 agus 2
- òraid **mu dheidhinn sgrìobhadair:** faic *Leughadh airson Toileachas* – dg/ob 1
- plot / sgeulachd –
 - a) faic *Plot* dg/ob 2, 4, 5,6 agus 7:
 - b) *Tòiseachadh Stòiridh* – dg/ob 7
 - c) duilleagan 5 agus 6 anns an aonad seo
- **sgrìobhadh ann am paragrafan** (aithisg, cunntas)
 - a) faic *Teacsaichean Neo-fhicsean* – aithisg – duilleag-obrach 1
 - b) faic *Paragrafan* dg/ob 1 & 2
- **sgrìobhadh earaileach:** - faic *Teacsaichean Neo-fhicsean* – sgrìobhadh earaileach- duilleagan-obrach 2 agus 4
- **sgrìobhadh pearsanta** – Cunntas – duilleag 7 anns an aonad seo
- **stùireadh** – duilleag 8 anns an aonad seo





aithisg air leabhar - Duilleag-planaidh 1

Ainm:

Tìotal:

Ùghdar:

Leabhraichean eile leis an aon ùghdar:

Foillsichear / ceann-latha foillseachaidh:

Gnè-sgrìobhaidh: sgeulachd ghoirid nobhail

Dè seòrsa sgeulachd a th' ann?

fir-rannsachaidh; saidheans ficsean; eachdraidheil; sgiorradh;

eile:

Cuspair an leabhair:

Geàrr-chunntas den phlota:

Rudan a tha math mun leabhar: (plot, caractaran, cànan, suidheachadh, cuspair, dealbhan, stoidhle etc.)

Mholainn an teacs seo do dhaoine eile oir:

bàrdachd /òran

- Duilleag-planaidh 2

Ainm:

Cuspair:

Faclan feumail:

Tha mi a' dol a chleachdadh:

Ìomhaigheachd:

Uaim:

Rannan: (rhyme)

Seòrsa de bhàrdachd: tuairisgeul aithriseach haiku limerick saor
Cumadh acrosticòran liosta tòimhseachan

Pàtran de lidean: (7 anns gach loidhne; 5, 7, 5; 6,8,6,8)



bileag-fiosrachaidh

- Duilleag-planaidh 3

Ainm:

Cuspair:

Luchd-amais:

Adhbhar:

Prìomh phuing gach paragraif:

Toiseach:

1

2

3

4

5

6

Deireadh:

Cait am faigh an leughadair barrachd a-mach?

Dealbhan / mapaichean / grafaichean / fiosrachadh eile a bhiodh feumail anns a' bhileig seo:



dealbh-chluich - Duilleag-planaidh 4

Ainm:

Cuspair:

Luchd-amais:

Caractaran:

Seallaidhean:

1:

2:

3:

Geàrr-chunntas den phlot:

Deireadh:



Plot airson sgeulachd - Duilleag-planaidh 5

Ainm:

Plana airson sgeulachd mu dheidhinn

Dèan notaichean anns gach bogsa. Na sgrìobh seantansan!

Cò tha anns an sgeulachd? Dè an coltas a th' air/oirre? Dè tha eadar-dhealaichte /annasach mu a d(h)eidhinn?
Càite bheil e/i? Tuairisgeul den t-suidheachadh: dè chì e/i, dè chluinneas e/i' ciamar a tha e/i a' faireachdainn agus carson?

Ciamar a bhios an caractar a' faighinn bho thoiseach na sgeulachd gu far a bheil e/i a' faighinn ann an trioblaid / a' tachairt ri duilgheadas

Dè an trioblaid / duilgheadas a th' ann? Ciamar a fhuair an caractar dhan duilgheadas sin?

Ciamar a bhios rudan a' fàs nas miosa? Ciamar a sheallas mi strì ann am meadhan na sgeulachd?
Dè mu dheidhinn faireachdainnean a' caractair?

Cò / dè a chuidicheas an caractar? Ciamar a chuidicheas e/i/iad?

Ciamar a thig an sgeulachd gu crìoch? (m.e. Caractar a' falbh dhachaigh, ag atharrachadh ann an dòigh air choreigin, a' falbh air turas eile, a' beachdachdadh air dè dh'èirich dha/dhi)



Plot airson sgeulachd - Duilleag-planaidh 6

Ainm:

Sgrìobh notaichean agus faclan feumail anns na bogsaichean airson plana a dhèanamh airson sgeulachd anns a bheil caractar a' feuchainn ri rudeigin a dhèanamh.

Toiseach: Amas a' charactair: Tuairisgeul den caractar / suidheachadh/ rud a tha e /i a' feuchainn ri dhèanamh no ri fhaotainn.. Faireachdainnean.

Duilgheadas / Cnap-starra 1 - faireachdainnean; fuasgladh (ciamar a gheibh an caractar thairis air an duilgheadas sin)

Duilgheadas / Cnap-starra 2 - faireachdainnean; fuasgladh

Duilgheadas / Cnap-starra 3 - faireachdainnean; fuasgladh

Àite tionndaidh: cuin, ciamar, càite an tòisich rudan ri dhol ceart...?

Fuasgladh mu dheireadh: amas air a choileanadh, faireachdainnean / smuaintean a' charactair



Cunntas pearsanta - Duilleag-planaidh 7

Ainm:

Cleachd an duilleag-planaidh seo airson do chuideachadh le bhith a' sgrìobhadh cunntas mu rudeigin a rinn thu no tachartas aig an robh thu.

Cuspair a' chunntais:

Luchd-amais:

Adhbhar sgrìobhaidh:

Prìomh phuing gach paragraif:

Toiseach: beagan fiosrachaidh mun tachartas, cuin is cait an do thachair e, cò bha an sàs ann, carson a bha thusa ann?

Meadhan: tachartasan anns an òrdugh anns an do thachair iad; do smuaintean mu na thachair; faireachdainnean

1

2

3

4

5

Abairt dùnaidh: do bheachd air an tachartas (m.e. am bu toil leat a dhol gu rudeigin eile coltach ris, ciamar a bha thu faireachdainn nuair a bha e deiseil, ciamar a b' urrainn dha a bhith na b' fheàrr)



Stiùireadh - Duilleag-planaidh 8

Ainm:

Tìotal a' sealltainn dè thathar an dùil a dhèanamh:

Ro-ràdh: (a' brosnachadh an leughadair an rud seo a dhèanamh no a' toirt seachad beagan a bharrachd fiosrachaidh mun rud)

Stuthan /achfhuinn air am bi feum:

Dealbhan / diagraman a bhiodh feumail airson an stiùireadh a dhèanamh nas soilleire:

Ceumannan anns an òrdugh anns am bu chòir dhaibh tachairt. (Dìreach sgrìobh na prìomh phuingean anns a' phlana seo. 'S dòcha gum feum thu beagan a bharrachd fiosrachadh / mion-chunntas a chur ann nuair a sgrìobhas tu an stiùireadh a-mach)

Dèan cinnteach! Leugh na ceumannan. An do dh'fhàg thu càil às? Beachdaich air dè eile a dh'fheumas tu sgrìobhadh airson gach ceum a dhèanamh soilleir gu leòr.



Toiseach Sgeulachd





Ro-ràdh:

Bidh fhios aig a h-uile sgoilear aig an ìre seo gur feum toiseach, meadhan agus deireadh a bhith ann an stòiridh agus gu feum iad smaoineachadh orra seo nuair a tha iad a' dèanamh plana. Air na duilleagan a leanas tha stiùireadh air dè nì toiseach math, le earrannan bho stòiridhean, puingeann ri dheasbad agus gnìomhan do na sgoilearan.

Stiùireadh do Thidsearan:

* Tagh stòiridh bhon leabharlann. Sgrìobh a' chiad sheantans air a' bhòrd-dhubh agus iarr air na sgoilearan smaoineachadh air dara seantans freagarrach gun a bhith a' coimhead air an leabhar. Tagh fear dhiubh seo (dh'fhaodadh a' chlann fhèin taghadh) agus sgrìobh e air a' bhòrd-dhubh cuideachd. Carson a thagh iad an t-seantans sin? Dè seòrsa sgeulachd a tha gu bhith ann?

Puingean ri Dheasbad

- Carson a tha e cudromach gu bheil stòiridh a' tòiseachadh ann an dòigh inntinneach?
- Dè seòrsa toisich a ghlacas d' aire?
- An do sheachain thu riamh leabhar air sgàth mar a thòisich e?

Dèan cruinneachadh de leabhraichean ficsean agus coimhead air a' chiad pharagraf no dhà de gach fear. Dh'fhaodadh leabhar eadar-dhealaichte a bhith aig gach duine anns a' chlas no anns a' bhuidhinn. Bruidhinn mu dheidhinn an dòigh anns a bheil gach fear a' tòiseachadh. Dèan liosta de dhòighean eadar-dhealaichte air a' bhòrd-dhubh. Dh'fhaodadh sibh feuchainn ri eisimpleir de gach fear a lorg ann an leabharlann a' chlas agus a thotal a sgrìobhadh ann an camagan. Seo liosta airson ur cuideachadh.

Dòighean Tòiseachaidh

- tòiseachadh traidiseanta 'Uair bha siud ... / Bho chionn fhada ..' (Sgeulachdan Grimm)
- tuairisgeul de shuidheachadh (Disathairn' / Mealladh am Malta)
- tuairisgeul de character(an) (An Siopsaidh & an t-Aingeal)
- tuairisgeul de na tha character(an) a' dèanamh (Fèill an Dàmhair)

- còmhradh (Sneachd air Druim Uachdair)
- glaoth (Oidhche air Tom na h-lùbhraich / Motair-baidhsagal agus Sgàthan)
- ceist (Sràid na h-Eala / Rum do Choigreach)
- rabhadh ('Tubaist' anns an leabhar Seallaidhean Sùla)
- miann / faireachdainnean (m.e "B' fheàrr leam gu robh")

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa toisich as fheàrr leat? Carson?
- Dè seòrsa toisich as cumanta? Saoil carson?
- Carson a tha tòrr sgeulachdan a' tòiseachadh le tuairisgeul den t-suidheachadh?
- An do lorg thu toiseach sam bith a bheireadh ort an leabhar a sheachnadh? Dè bha ceàrr air?
- Bruidhinn mu dheidhinn structar stòiridhean – toiseach, meadhan, deireadh. Faighnich don chloinn carson a tha an toiseach cudromach. Dè bhios an t-ùghdar a' feuchainn ri dhèanamh?
 - sealltainn don leughadair dè seòrsa sgeulachd a bhios ann
 - ùidh an leughadair a ghlacadh
- Càit' am faigh sgrìobhadairean brosnachadh no 'inspiration' airson toiseach stòiridh? Bruidhinn mu dheidhinn seo leis a' bhuidhinn no leis a' chlas. Coimheadaibh air a' chiad sheantans de nobhailean còmhla agus beachdaichibh air co às a fhuair an sgrìobhadair a' chiad sheantans. Dh'fhaodar seo a dhèanamh le stòiridhean a sgrìobh a' chlann fhèin na bu tràithe san teirm cuideachd.
 - rudeigin a chunnaic iad a thug buaidh orra
 - caractar a chunnaic iad a thug buaidh orra
 - rudeigin a chuala iad anns an dol-seachad
 - sanas no sanas-naidheachd
 - sanas-reic
 - a' chiad sheantans a chuala iad nuair a bha fhios aca gu robh iad a' dol a sgrìobhadh stòiridh! (anns a' chlasrum, air an rèidio, air TBh)
 - faclan bho òran
- Ciamar a chleachdas an sgrìobhadair a' chiad pharagraf no dhà airson sealltainn don leughadair dè seòrsa sgeulachd a bhios ann?
 - a' cruthachadh suidheachadh le 'atmosphere' (m.e. *taigh dorch eagalach airson sgeulachd taibhseach / planaoid eile airson stòiridh saidheans-ficsean*)
 - a' toirt a-steach caractaran (m.e. *tuairisgeul de chreachadair-mara airson stòiridh chloinne*)
 - a' taghadh stoidhle agus faclan freagarrach (m.e. *'Uair bha siud ...' airson stòiridh traidiseanta*)
- * Ciamar a ghlacas sgrìobhadairean ùidh an leughadair gus am brosnachadh leughadh air adhart?
Tha iomadh dòigh ann. Seo cuid dhiubh le eisimpleirean agus puingeann ri dheasbad.



a. A' tòiseachadh le 'brag' – glaodh, rabhadh, fuaim,

Seo eisimpleirean:-

"Eilidh! Eilidh, càit a bheil thu? Eil-i-idh!"

caibidil 1 **Sràid na h-Eala** le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)

"Na bi a' dol cho luath air a' mhotair-baidhsagal sin," arsa Màiri ri Coinneach.

'Tubaist' td. 27 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

"Wow," arsa Màiri, 's an itealan a-nis a' tighinn a-nuas chun a' phuirt-adhair.

"Wow – seall, Iain, an abhainn! Na h-eaglaisean! Seall na th' ann de charbadan 's de bhusaichean! Am Pàirc de Triomphe! Disneyland!"

Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Acair 2000)

"Sgoinneil! Fòn-làimhe! An dearbh rud a bha mi ag iarraidh!" Thilg Seònaid am pàipear dathte gu an dàrna taobh agus thog i am fòn gu h-àrd mar gu robh i a' sealltainn Cuach na Cruinne do na mìltean de luchd-amhairc. Thug i pòg mhòr dhan chuaich.

"Tha an saoghal a-nise," thuirt i le gàire, "aig bàrr mo chorraig."

Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIlleathain (Acair 2001)

Puingean ri Dheasbad

- A bheil toiseach le glaodh a' glacadh d' aire? Ciamar?
- Coimhead air gach toiseach mu seach. Dè am fear as fheàrr leat? Carson?
- Dè am fiosrachadh a tha anns gach fear.
- Dè na 'clues' a tha a' chiad sheantans / pharagraf a' toirt dhut mu dheidhinn cuspair na sgeulachd?



Gnìomhan do na Sgoilearan

* Dèan 'brainstorm' de rudan a bhios daoine ag èigheach no fuaimean àrda agus sgrìobh iad air pìos pàipeir. Tagh fear a tha thu a' smaoinichadh a bhiodh math aig toiseach stòiridh. Feuch ris a' chiad pharagraf a sgrìobhadh. An uair sin sgrìobh plana airson a' chòrr den stòiridh. An dèidh am plana a sgrìobhadh, 's dòcha gum bi thu ag iarraidh a' chiad pharagraf atharrachadh rud beag.

An aire ort! Stad! Cuidich mi! Fuirich thusa ort!

Sin thu fhèin, a Mhàiri! Aaaah! Seall air sin!

Obh, obh! Greasaibh oirbh! Oidhche mhath!

Thig air ais an seo! Sgoinneil! Chan eil sin ceart!

Mach à seo leinn! Ho! A Sheumais! Mo chreach!

Abair teas! Tugainn ach am faic thu seo! Brag!

Mar sin leat! Siuthadaibh! Riabhach! Tadhal!

Èistibh!

* Duilleag-obrach 1 Rabhaidhean



b. A' leum dìreach a-steach dhan phlot agus a' toirt a-steach characteran tron chòmhradh no tro na gnìomhan

Anns na h-earrannan seo, tha an t-ùghdar a' leum dìreach a-steach dhan phlot agus tha gach stòiridh a' tòiseachadh le rudeigin a' tachairt.

Thàinig iad a-steach air uinneig na sgoile, Crazy agus Dopey. Thuir Crazy gu robh am fear-cùraim sgoile a' sealltainn air a mhàthair a bh' anns an ospadal. Bhiodh e dol don ospadal a h-uile oidhche Haoine. Bha fhios aig Crazy air gach nì, smaoinich Dopey le iongnadh.

Bha an sgoil sàmhach air a feadh, agus na rumannan glan. Chaidh Crazy a-steach gu aon rum, 's chunnaic e sgrìobhte air a' bhòrd-dhubh na facail, tabula, tabulam, tabulae, tabulae, tabula.

Thàinig an droch nàdar air a-rithist agus shad e smugaid air a' bhòrd.

'Anns an Sgoil', td. 22 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

Nuair dh'fhairich Seonag deireadh a' chàir a' bualadh air a' phòile-solais bha e mar gun cuireadh duine sgian na cridhe. B' e a' chiad rud a thàinig a-staigh oirre: "Ciamar a dh'innseas mi seo do Mhurchadh? Bha fios agam nach robh astar gu leòr eadar an dà chàr eile. O carson a dh'fheuch mi ri faighinn a-staigh an seo?"

'An Càr' le Iain MacLeòid td. 1 **Eadar Peann is Pàipear** (Gairm 1985)

Mhothaich an dithis aca an càr a' sleamhnachadh a-null gu taobh an rathaid, ged a bha e fhathast a' gluasad air adhart. Bha Aonghas a' feuchainn ri a chumail air an rathad, a' strì ris a' chuibhle-stiùiridh. Dh'èigh e, "Freagair, a throc!"

An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach (Acair 1994)



Puingean ri Dheasbad

- Dè tha math mun dòigh tòiseachaidh seo?
- Ged is e tuairisgeul de thachartasan a th' anna, tha sinn ag ionnsachadh beagan mu na caractaran cuideachd. Dè dh'ionnsaich thu mu dheidhinn caractaran anns gach fear? Ciamar a tha na h-ùghdaran a' sealltainn sin?
- Am feum stòiridh an-còmhnaidh tòiseachadh le tuairisgeul de character no de shuidheachadh? Dè na dòighean eile a th' ann air fiosrachadh air caractaran agus suidheachadh fhoillseachadh.

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Tagh fear de na tòiseachaidhean gu h-àrd agus smaoinich air an ath pharagraf gun a bhith a' coimhead air an leabhar. Am bi tòrr fhathast a' tachairt ann, no an cleachd thu an ath pharagraf airson barrachd fiosrachadh mun t-suidheachadh no mun character a thoirt don leughadair? Feuch an sgrìobh thu an ath pharagraf agus an uair sin dèan coimeas eadar na sgrìobh thusa agus na sgrìobh daoine eile anns a' bhuidhinn agad.
- Sgrìobh plana airson stòiridh mu dheidhinn clann a' feuchainn ri teicheadh bho shaighdearan anns a' chogaidh no mu chlann a' chluich gèam cudromach an aghaidh sgoil eile. Dèan cinnteach gun cruthaich thu suidheachadh agus caractaran làidir ach feuch an cuir thu tòrr 'action' dhan chiad pharagraf! Dè am pàirt as fheàrr airson tòiseachadh? A' chlann am falach ag èisteachd ri na saighdearan a' tighinn nas fhaisge? No a' ruith tro shràidean a' bhaile anns an dorchadas le fuaim nan gunnaichean air gach taobh? Cluicheadairean air a' bhus a' dol chun gheama? No a' sgòradh a' chiad phuing anns a' ghèam? Nuair a tha am plana deiseil, sgrìobh toiseach an stòiridh. Leugh e nuair a tha thu deiseil agus dèan cinnteach gun glac e aire an leughadair agus gum bi e/i ag iarraidh barrachd a leughadh. Dh'fhaodadh tu an stòiridh air fad a sgrìobhadh ma gheibh thu cothrom, ach 's e an toiseach as cudromaiche an seo!



C. A' cur cheistean ann an ceann an leughadair

Ma chuireas sgrìobhadair ceist ann an ceann an leughadair, tha adhbhar aig an leughadair leughadh air adhart airson freagairt a lorg don cheist. 'S dòcha gun tig freagairt anns an ath sheantans no anns an ath pharagraf. 'S dòcha nach tig e ach aig deireadh an stòiridh agus 's dòcha nach tig e idir ma tha an sgrìobhadair ag iarraidh an leughadair a chumail ann an teagamh. Tha diofar dhòighean ann air ceistean a chur ann an ceann an leughadair.

- * Dh'fhaodadh caractar ceist fhaighneachd
- * Dh'fhaodadh an sgrìobhadair suidheachadh neònach / neo-àbhaisteach a chruthachadh gus am bi aig an leughadair ri barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn
- * Dh'fhaodadh an sgrìobhadair caractar annasach a thoirt a-steach, a' brosnachadh an leughadair gus ceistean fhaighneachd mu a d(h)eidhinn.

Seo earrannan bho stòiridhean a tha a' cur cheistean ann an diofar dhòighean.

1.

Thionndaidh Doreen oisean Sràid Lion agus chunnaic i càr taobh a-muigh a dachaigh fhèin.

Cò 'n càr a bh' ann? Cha b' aithne dhìse duine aig an robh càr ach an dotair.

Bhuail an t-eagal i agus ruith i chun an taighe.

Rum do Choigreach le Ann Turnbull (PRG/Acair 1996)



2.

Shuidh Kali an-àirde anns an leabaidh chloiche a bha làn fraoich agus thilg i an dàrna taobh an craiceann caorach a bha air a h-uachdar. Dh'èist i gu cùramach. A-nall thuice o Bhàgh Sgaille chual i sgreuchail chruaidh ghearaineach nam faoileagan. Fhreagair curracag iad gu tiamhaidh o na monaidhean gu deas agus chluinneadh i thall aig Loch Sgaille guthan faramach nan ealachan. Bha na fuaimean sin air fad nan dearbhadh dhi gu robh deàrrsadh na camhanaich a-nis ri fhaicinn anns an àird an ear. Bha a màthair fhathast na cadal anns an leabaidh chloiche air taobh eile na cagailt. Bhiodh Stempsì daonnan a' cadal na b' fhaide an uair a bha an duin' aice air falbh on dachaigh ag obair air a' chloich mhòir a bha e a' dol a chur ann an Cearcall Bròdgar. Ghluais bràthair Kali anns an leabaidh eile. Cha robh esan ach sia bliadhna dh'aois. Ann an tiotan bha e na dhùisg, mar gum b' e ainmhidh beag fiadhaich a bh' ann. "Kali, Kali," thuirte e fo anail, "tha mi cluinntinn nan ealachan. A bheil an t-àm againn a bhith air falbh?"

Td. 7 **Am Fear Òg 's An Tuagh Umha** le Kathleen Fidler (Acair 1997)

3.

Bha an ath-shealladh aig Raibeart. Thàinig e bho theaghlach aig an robh an ath-shealladh. Aon bhruadar a bha tighinn thuige bho bha e òg, agus 's e sin gu robh beathach mòr a' leum air. Cha robh e dèanamh a-mach ceart dè seòrsa beathaich a bh'ann ach bha am bruadar a' cur eagal air. B' ann dubh a bha an t-ainmhidh a' coimhead.

'An Ath-shealladh' td. 46 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)



Puingean ri Dheasbad

- Dè na ceistean a tha nad cheann an dèidh gach fear a leughadh?
- A bheil gin de na ceistean air am freagairt taobh a-staigh a' chiad pharagraif?
- An urrainn don sgrìobhadair ceistean a chur ann an ceann an leughadair gun a bhith gan sgrìobhadh mar cheistean le ? (faic earrann c)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Leugh a' chiad duilleag den leabhar Sneachd air Druim Uachdair le Màiri Rhind. Sgrìobh na ceistean a tha nad cheann an dèidh dhut an duilleag sin a leughadh.
- Duilleag-obrach 2



d. Toiseach a sheallas planaichean, faireachdainnean no smuaintean nan caractaran, no trioblaid a th' aca ri obrachadh a-mach.

Seo dòigh eile air ùidh an leughadair a ghlacadh. Ma chì an leughadair aig toiseach an stòiridh dè dh'fhaodadh a bhith a' tachairt, 's ma smaoinicheas iad gum biodh sin inntinneach, bidh iad airson barrachd a leughadh.

Seo mar a thòisich Iain Mac A' Ghobhainn an sgeulachd 'An Leum'

Bha na balaich nan seasamh air bruaich na h-aibhne, 's iad ag argamaid.

"Tha e furasta gu leòr leum a thoirt a-null", arsa Murchadh.

"Chan eil na", ars Iain, 's eagal air.

"Uill, tha mise dol a dh'fheuchainn co-dhiù", arsa Murchadh.

'An Leum' td. 39 **Na Guthan** le Iain Mac A' Ghobhainn (Gairm 1991)

Puingean ri Dheasbad

- Co mu dheidhinn a tha an stòiridh seo nad bheachd-sa?
- A bheil thu a' smaoinichadh gum bi an stòiridh inntinneach? Carson?
- Dè dh'fhaodadh a bhith a' dol ceàrr?
- A bheil thu a' smaoinichadh gum bi stri ann? Carson?
- Ciamar a sheallas an sgrìobhadair nach e rud furasta a th' ann leum thairis air an abhainn?
- Dè tha thu a' smaoinichadh a thachras anns an sgeulachd?

Seo toiseach an stòiridh, An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan.

Cha robh fhios aig Seumas dè dhèanadh e ris fhèin. Bha e na sheasamh aig an uinneig a' coimhead a-mach air an dìle bhàit a bha fo chomhair a dhà shùil a' tuiteam às an adhar.

"A bheil an t-uisge seo a' dol a sgur idir?" dh'fheòraich e dha fhèin, agus inntinn làn de na bha dùil aige a dhèanamh mura biodh an t-uisge ann. Cha b' urrainn dha a shùilean a thoirt air falbh bho shealladh nam boinneagan mòra uabhasach a bha a' dòrtadh a-nuas às na speuran chun na talmhainn.

Td. 1 **An t-Eilean Dorch** le Beathag Mhoireasdan. (Acair 1991)



Puingean ri Dheasbad

- Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gu bheil planaichean aig Seumas?
- Saoil co mu dheidhinn a tha an stòiridh seo?
- Saoil dè tha e airson a dhèanamh?
- Dè thachras, nad bheachd-sa, nuair a sguireas an t-uisge?
- An toil leat an toiseach seo? Carson?

Seo toiseach sgeulachd thraidiseanta.

Ghabh am bràthair làmh a pheathar 's thuir e, "Bhon latha a bhàsaich ar màthair chan eil mionaid shòlasach air a bhith againn. Tha ar muime a' gabhail dhuinn a h-uile latha, 's nuair a tha sinn a' dol an taobh a tha i, tha i gar bualadh air falbh le a cois. Chan fhaigh sinn càil ri ithe ach seann phiosan cruaidh arain. Tha barrachd ga fhaighinn aig a' chuirean tha fon bhòrd - tha i uaireannan a' tilgeadh piosan feòla thuige-san. Gu sealladh sealbh orm, nam biodh fios aig ar màthair! Tugainn, thèid sinn còmhla a-mach dhan t-saoghal mhòr."

'Am Bràthair 's a' Phiuthar' td. 97 **Sgeulachdan Grimm** (Acair 1990)

Puingean ri Dheasbad

- Ciamar a sheallas an t-ùghdar an trioblaid a th' aig a' chloinn?
- Dè an trioblaid a th' aca?
- Dè tha duil aca a dhèanamh agus carson?
- Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn cho dona 's a tha an suidheachadh aca?
- Co mu dheidhinn a bhios an còrr den stòiridh?

Gnìomhan do na Sgoilearan

Duilleag-obrach 3 (a' taghadh beachd airson stòiridh agus a' sgrìobhadh còmhraidh eadar na caractaran a sheallas an trioblaid aca agus/no am planaichean)



Miann – Uaireannan tòisichidh stòiridh le caractar ag iarraidh rudeigin:

B' fheàrr leam gum b' urrainn dhòmhsa falbh air làithean-saora," thuirt Micheal ris fhèin, 's e a' coimhead air na postairean dathach ann an uinneig bùth-shiubhail MhicLeòid.

"O tha mi 'n dòchas nach dìochuimhnich mi na faclan an trup seo!" smaoinich Caitlin, a' coimhead air a' phìos pàipeir airson a' cheudamh uair.

Puingean ri Dheasbad

- 'S e dòigh mhath a tha seo air cuspair na sgeulachd a thoirt a-steach. A bheil sibh ag aontachadh? Carson?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 4. Tagh tè de na miannan gu h-àrd. Smaoinich air dè dh'fhaodadh a bhith a' tachairt anns an stòiridh. Feuch ris a' chiad phàirt den stòiridh a sgrìobhadh.
- Obraich còmhla ri caraid. Dèanaibh 'brainstorm' de mhiannan a dh'fhaodadh a bhith aig toiseach stòiridh. Feuch an sgrìobh sibh co-dhiù seachd miannan eadar-dhealaichte. Taghaibh fear de na seantansan agus sgrìobhaibh plana airson na stòiridh.
- Smaoinich air miannan a dh'fhaodadh a bhith aig toiseach stòiridh. Sgrìobh iad anns an leabhar-nota sgrìobhaidh agad.
- Dè am miann as motha a th' agad fhèin? Dèan plana airson stòiridh no dàn stèidhichte air a' mhiann sin. Dh'fhaodadh tu fhèin a bhith anns an stòiridh no dh'fhaodadh tu caractar eile a chur innte nad àite. Sgrìobh a' chiad pharagraf den stòiridh.



e. A' cruthachadh suidheachadh làn 'atmosphere' gus am fairich an leughadair gu bheil e / i anns an stòiridh.

1. Seo tuairisgeul de shuidheachadh a dh'fhaodadh a bhith aig toiseach stòiridh.

Bha am baile uabhasach trang. Daoine nan cabhag air ais agus air adhart le bagannan trom ioma-dhathach. Busaichean agus càraichean a' tighinn 's a' falbh le fuaim an-fhoiseil. Solais a' boillsgeadh anns a h-uile àite, a' briseadh dorchadas na h-oidhche agus a' soilleireachadh aodannan aoibhneach nan daoine. An-dràsta 's a-rithist ged-tà, chluinneadh tu cuideigin a' gearan ri caraaid mun droch shìde agus a' ruith a-steach do bhùth airson fasgadh bhon uisge.

Puingean ri Dheasbad:

- Càite a bheil an stòiridh seo suidhichte?
- Saoil dè an àm den bhliadhna a th' ann?
- Ciamar a tha an leughadair air a t(h)oirt a-steach don t-suidheachadh?
- Co mu dheidhinn a bhios an stòiridh seo, nad bheachd-sa?
- Dè dh'fhaodadh a bhith a' tachairt innte?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Sgrìobh plana airson stòiridh, a' cleachdadh a' pharagraif seo mar a' chiad pharagraf. Duilleag-obrach 5



2. Seo a' chiad pharagraf anns an nobhail Caisteal an Reubadair le Dòmhnall Dòmhnallach.

B' e latha brèagha bruthainneach a bh' ann, "ann an tùs a' Chèitein," mar a thuirte am bàrd. Bha Uilleam is Seumas a sheanair, nan suidhe air beinge bheag chugallach air beulaibh taigh Sheumais, taigh tughaidh blàth seasgair a thog am bodach dìcheallach sin le a làmhan fhèin. Bha iad le chèil ag òl a-staigh na grèine 's a' coimhead le tlachd air an t-sealladh a bha mun coinneimh, agus abair thusa a luaidh gun robh sealladh an sin. Cnuic shnasail uaine cho fad 's a chitheadh an t-sùil, leanagan seamragach àlainn, tomain de ghainmhich cho geal ri canach, is flùraichean air a h-uile dath a' togail am bàrr an cinn 's a' feuchainn le dìcheall ri fianais a thoirt air tighinn an t-samhraidh, agus cò ach a' chuthag, a' cur a gug-gùg an cèill air bidean biorach am bàrr Beinn Sgrithinn. Bha an Staca ri fhaicinn fada mu dheas, Giodhaigh is Fudaigh an iar air, is Lingaidh ga fhalach fhèin beagan gu tuath. Chitheadh iad cuideachd Barraigh is Uibhist 's iad car air chall ann an ceòthragaich an latha. Seo latha toiseach an t-samhraidh.

Td. 1 Caisteal an Reubadair le Dòmhnall Dòmhnallach. (Acair 1989)

Puingean ri Dheasbad

- Am faic thu an suidheachadh gu soilleir?
- Am bu mhath leat a bhith an sin? Carson?
- Cò na caractaran a th' anns an sgeulachd?
- A bheil thu smaoinichadh gu bheil an t-ùghdar a' toirt seachad 'clues' sam bith mu chuspair na sgeulachd?

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Leugh a' chiad chaibidil de Caisteal an Reubadair. Carson a sgrìobh an t-ùghdar uimhir anns a' chiad pharagraf mu dheidhinn nan eilean a bha rim faicinn?
- Leugh a' chiad dà pharagraf de Saoghal Ùr le Calum MacMhaoilein (Acair 1992). Seall mar a chleachdas an t-ùghdar seallaidhean, fuaimean agus faireachdainnean airson an suidheachadh a chruthachadh.



f. Sgrìobhadair a' bruidhinn ris an leughadair, ag iarraidh air /oirre èisteachd ris / rithe airson barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn na thachair dha / dhi, no a' cur ceist air an leughadair

A bheil fhios agad dè thachair dhòmhsa a-raoir? Fuirich gus an cluinn thu seo! ...

Saoil co ris a bhiodh e coltach nan dùisgeadh tu aon mhadainn dìreach airson faighinn a-mach gun do dh'fhàs thu na bu lugha tron oidhche agus nach robh thu cho mòr ri putan? Sin dìreach na thachair do

An cuala tu riamh mun dìthis bhalach a rugadh ann am plaosg peasarach?

Uill, vair bha siud bha rìgh agus bànrìgh ann aig nach robh clann. Bha an rìgh a' fàs sean agus 's tric a chanadh e ri a mhnaoi, "O is mi a bhiodh sona air leabaidh mo bhàis nan robh clann againn."

Air eadar-theangachadh bho 'Peapods' td. 37 **Tales, Myths & Legends** (Scholastic Publications 1993)

Puingean ri Dheasbad

- An toil leat an dòigh tòiseachaidh seo? Carson?
- A bheil na toisich seo a' sealltainn cuspair gach sgeulachd?
- A bheil iad a' glacadh ùidh an leughadair? A bheil iad a' tarraing an leughadair a-steach don stòiridh?



Gnìomhan do na Sgoilearan

- Ag obair ann am buidhnean beaga, dèanaibh stòr de toisich den t-seòrsa seo - dìreach seantans no dhà airson gach fear. Dèanaibh cinnteach gun glac sibh ùidh nan leughadairean agus gun tarraing sibh a-steach don stòiridh iad. Feuch gun smaoinich ur buidheann air deich toisich eadar-dhealaichte agus gun sgrìobh sibh iad air pìos pàipeir. (Tidsearan: thoiribh cothrom do gach buidhinn an toisich a leughadh a-mach don chlas gus am faigh a' chlann cothrom beachdan buidhnean eile a chluinntinn. Iarraibh air gach buidhinn am fear as fheàrr leotha a thaghadh agus sgrìobhaibh sin air a' bhòrd-dhubh.)
- Bho na toisich a rinn ur buidheann gu h-àrd no an fheadhainn a sgrìobh buidhnean eile anns a' chlas, tagh na trì as fheàrr leatsa. Sgrìobh iad nad leabhar-nòta sgrìobhaidh.
- Tagh aon thoiseach bhon liosta gu h-àrd agus sgrìobh plana airson stòiridh stèidhichte air. Nuair a tha thu toilichte leis a' phlana, dh'fhaodadh tu an stòiridh a sgrìobhadh.



9. A' toirt a-steach caractar inntinneach

Bha bodach anns a' bhaile dom b' ainm Ruaraidh. Bha Murchadh a' smaoinichadh gu robh e a' coimhead uabhasach aost' agus leis an fhìrinn innse bhiodh e cleachdadh bata. Nuair a shealladh tu ris gu geur shaoileadh tu gu robh a làmh air chrith agus bha spotan geala air a dhùirn. Ach nam faighnicheadh tu ciamar a bha e, chanadh e gu robh e ceart gu leòr.

'Sgeulachd Cogaidh' td. 9 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

An latha bha seo thàinig fear chun an dorais. Bha e coimhead coltach ri ceàrd, agus bha e soilleir gu robh e air mòran siubhail a dhèanamh. Bha a shùilean gorm 's aodann donn leis a' ghrèin.

'Fear-siubhail' td. 29 **Na Guthan** le Iain Mac a' Ghobhainn (Gairm 1991)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè an caractar as inntinniche nad bheachd-sa?
- Ma tha caractar inntinneach a' nochdadh tràth ann an stòiridh, bidh na leughadairean ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach mu d(h)aidhinn. A bheil sibh ag aontachadh?
- An smaoinich sibh air stòiridhean ainmeil a leugh sibh a thòisich le tuairisgeul de characteran? (Leabhraichean 'Harry Potter' le J.K. Rowling, 'The Secret Garden' le F. Hodgson-Burnett, 'Lord of the Rings' le J.R.R Tolkien)
- Ciamar a nì thu cinnteach gu bheil an tuairisgeul de caractar a chuireas tu aig toiseach stòiridh feumail don phlota agus gun seall e gu ìre dè seòrsa stòiridh a th' innte? Bruidhinn mu dheidhinn dè seòrsa tuairisgeil a bhiodh feumail airson gach stòiridh seo:
 - stòiridh èibhinn mu dheidhinn balach a tha an-còmhnaidh a' diocuimhneachadh rudan
 - stòiridh dhiomhair mu bhoireannach a tha a' cur eagal air a h-uile duine
 - stòiridh traidiseanta mu dheidhinn rìgh aonranach.
 - stòiridh saidheans-ficsean mu chreutairean bho phlanaid eile.



Stiùireadh do Thidsearan

- Leugh a-mach a' chiad pharagraf de stòiridh is toil leat fhèin a tha a' toirt a-steach caractar inntinneach. Bruidhinn rud beag mun leabhar agus carson is toil leat e agus mun caractar anns an tuairisgeul.
- Faigh dealbhan de dhaoine (bho irisean, fotos, pàipearan-naidheachd, miosachain, etc) agus leig le na sgoilearan fear a thaghadh airson a bhith ann an stòiridh. Seachain dealbhan de dhaoine ainmeil! Bruidhinn mu dheidhinn carson a thagh iad an dealbh sin, dè tha inntinneach mun caractar, dè seòrsa stòiridh a sgrìobhadh iad mu d(h)eidhinn agus carson, ciamar a tha an caractar coltach riutha (ma tha!) no dè tha annasach mun caractar. Brosnaich iad gus plana de stòiridh a dhèanamh mun caractar sin agus a' chiad pharagraf a sgrìobhadh.
- Coimhead air a' chiad pharagraf a sgrìobh cuideigin anns a' chlas a tha a' tòiseachadh le tuairisgeul den caractar ach a tha cuideachd a' glacadh aire an leughadair agus a' toirt seachad 'clues' air cuspair an stòiridh. Leig leis a h-uile duine seo a leughadh agus bruidhinn mu dheidhinn mar a ghlac an toiseach d' aire agus mar a sheall an sgrìobhadair dè dh'fhaodadh a bhith tachairt anns an stòiridh.

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Coimhead a-mach airson stòiridhean a tha a' tòiseachadh le tuairisgeul de caractar. A bheil an caractar inntinneach? Leugh an stòiridh. A bheil thu a' smaoinneachadh gu robh an toiseach feumail don stòiridh? Ciamar?
- Duilleag-obrach 6 – a' cleachdadh dealbhan de charactaran airson notaichean agus paragraf tòiseachaidh a sgrìobhadh.



h. A' cur na prìomh charactaran a-steach dhan t-suidheachadh anns a bheil an stòiridh a' tachairt.

Gu math tric bidh sgrìobhadairean a' sealltainn cò, cuin agus càite gu math tràth ann an stòiridh, le tuairisgeul den t-suidheachadh leis na caractaran ann. Uaireannan 's e suidheachadh a dh'aithnicheas na leughadairean gu math a th' ann, uaireannan 's e suidheachadh gu math eadar-dhealaichte no rud beag annasach a th' ann.

Seo mar a tha Dìomhaireachd Caisteal Bhuirgh le Flòraidh NicDhòmhnaill a' tòiseachadh.

Bha Seumas agus Fiona air an dòigh. Bha iad a-nis air làithean-saora an t-samhraidh agus a' dèanamh deiseil airson falbh a Bheinn a' Bhaoghla còmhla ri am pàrantan.

Dìomhaireachd Caisteal Bhuirgh le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 1993)

Seo toiseach an leabhair 'Disathairn' le Donnchadh MacGill'losa.

Disathairn' a bh' ann, mu dheireadh thall, agus bha an dithis nighean còmhla rin seanair 's rin seanmhair anns an Àird Bheag. Madainn Disathairn' a bh' ann, hooray, 's cha bhiodh sgoil ann gu Diluain. An Àird Bheag àite a b' fheàrr leotha a bh' air an talamh. B' fheàrr leotha e na Tàbost fhèin.

Disathairn' le Donnchadh MacGill'losa (Acair 1992)

Seo toiseach sgeulachd ghoirid le Iain MacLeòid:

Bha Mairead ag obair leis am vacuum agus an toiseach cha do dh'fhairich i an gnogadh idir. B' e seann vacuum a bha ann agus nuair bhiodh i ag obair leis bha e a' dèanamh a leithid a dh'fhuaim 's gu saoilleadh tu nach cluinneadh i bomb a' dol dheth a-muigh air an t-sràid. Ach b' e a' chiad vacuum a bha aice riamh agus bha seòrsa de thaobh aice ris.

'Am Vacuum' le Iain MacLeòid td.19 Eadar Peann is Pàipear (Gairm 1985)



Agus seo toiseach sgeulachd ghoirid bhon leabhar Seallaidhean Sùla:

Bha gealach àrd anns an adhar is i cho glan 's cho geal ri truinnshear ùr. Bha a' chlann a' falbh air feadh a' bhaile oir b' e Oidhche Shamhna a bh' ann. O na h-aodannan àraid a bh' orra. Bha feadhainn ann a' coimhead coltach ri muncaidhean, feadhainn coltach ri leòmhainn, feadhainn coltach ri bana-bhuidsichean le adan àrda dubha biorach orra. Shaoileadh tu gu robh treubh àraid air a thighinn don bhaile. Coigrich à saoghal a bha fada marbh, no ri thighinn.

'Oidhche Shamhna' td. 14 Seallaidhean Sùla le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

Puingean ri Dheasbad:

- Tha tòrr stòiridhean a' tòiseachadh mar seo. Saoil carson?
- Ciamar a tha toiseach mar seo coltach ri film no ri dealbh. (Chì an leughadair an suidheachadh gu math luath)
- Dè an toiseach as fheàrr leat den cheithir? Carson?
- Am faic thu an suidheachadh nad inntinn airson gach stòiridh seo?
- Am faic thu na caractaran nad inntinn?
- Dè seòrsa stòiridh a tha thu a' smaoinneachadh a bhios a' leantainn gach toiseach seo?

Gnìomhan do na Sgoilearan

Duilleag-obrach 7 - a' cruthachadh suidheachadh agus caractaran anns a' chiad pharagraf

Faic cuideachd: Na Solais anns a' Bhàgh le Seònaid NicNèill (Acair 1990)

Fèill an Dàmhair le Seònaid NicNèill (Acair 1992)



Ì. Le toiseach traidiseanta

Tha grunn dhòighean tòiseachaidh air an cleachdadh gu tric ann an sgeulachdan traidiseanta agus gabhaidh na dòighean seo a chleachdadh ann an sgrìobhadh ùr.

Ach tha toiseach traidiseanta a' toirt air an leughadair rudan àraidh a shùileachadh bhon stòiridh.

Stiùireadh do Thidsearan

- Faighnich don chloinn dè smaoinicheas iad nuair a chluinneas iad na facail 'Bho chionn fhada an t-saoghail ...' no 'Uair bha siud ...' no 'Iomadh bliadhna air ais ...'.
- Leugh sgeulachd thraidiseanta don chlas agus bruidhinn mu dheidhinn na th' anns a' chiad pharagraf. Gu math tric tha caractar air a thoirt a-steach (no barrachd air aon), cho math ris an t-àite anns a bheil an stòiridh a' tachairt, agus 'clue' mu dheidhinn cuspair na stòiridh.

Seo eisimpleir:

Bha seann duine-uasal a' fuireach anns an Eilbheis bho chionn fhada.
Cha robh aige ach aon mhac, a bha glè ghòrach 's nach do ionnsaich
càil air thalamh.

'Na Tri Cànanan' td. 166 **Sgeulachdan Grimm** (Acair 1990)

Puingean ri Dheasbad:

- Cò na caractaran a tha ann?
- Carson a dh'innis an sgeulaiche anns a' chiad pharagraf gu robh mac an duin'-uasail 'glè ghòrach'?
- Càite bheil an stòiridh a' tachairt?
- Bhon tìotal agus bhon chiad pharagraf dè tha thu a' smaoinichadh a thachras anns an stòiridh?
- Carson a tha an suidheachadh 'bho chionn fhada' ann an tòrr stòiridhean traidiseanta?
- Am b' urrainn dhut toiseach mar seo a chleachdadh airson stòiridh innse no a sgrìobhadh mu caractar le fòn-làimhe no 'gameboy'? Carson? (Bidh beachdan eadar-dhealaichte aig daoine air seo!)



Seo toiseach stòiridh eile:

Uaireigin an t-saoghal, bha cailleach mhòr fhiadhaich a' còmhnaidh sa ghleann a bha seo. Bha ainm aice a bhith comharraichte air buidseachd. Ach am measg gach buaidh eile bh' air a' chaillich, bha gaol mòr aic' air cnothan. Bhiodh poca chnò aice crochte air stob a h-uile latha sa bhliadhna. Sin mar a fhuair i 'n t-ainm Cailleach nan Cnò.

'Cailleach nan Cnò agus Taillear nan Clàr' td. 53 **Bha Siod ann Reimhid** le Lisa Storey (Club Leabhar 1975)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa stòiridh a tha seo? (*traidiseanta*) Ciamar a tha fhios agad?
- Co mu dheidhinn a tha an sgeulachd?
- Dè dh'fhaodadh a bhith a' tachairt innte?

Seo toiseach sgeulachd ann an stoidhle thraidiseanta.

Bho chionn fhada ann an Gaidhealtachd na h-Alba bha dithis bhràthair ann air an robh Dòmhnall agus Eairdsidh. Bha croit bheag aca far an robh iad a' fuireach gu toilichte. Ach Eairdsidh bochd – cha toireadh Dòmhnall, a bha na bu shine na esan, sgillinn dha. Fad na seachdain bhiodh Eairdsidh ag obair gu trang, a' bleoghan na bà, a' lorg fiodh don teine, a' toirt a-steach na mòine. Dhèanadh e an obair air fad ach cha toireadh Dòmhnall dha ach sia sgillinn san t-seachdain. Fhuair Eairdsidh biadh gu leòr agus a chuid aodach agus mar sin bha e toilichte gu leòr le sia sgillinn san t-seachdain. Ach dh'atharraich sin.

Air eadar-theangachadh bho 'Archie's Besom' **Tales, Myths & Legends** (Scholastic 1993)




Gnìomhan do na Sgoilearan

- Duilleag-obrach 8
- Leugh stòiridh thraidiseanta ach an uair sin atharraich an toiseach gus stoidhle an stòiridh atharrachadh.
- Leugh a' chiad pharagraf de Hans mo Ghràineag (ann an Sgeulachdan Grimm) agus atharraich e gus am bi e coltach ri toiseach stòiridh detective, do chloinn òga, eachdraidheil ...
- Leugh a' chiad chaibidil de nobhail Ghàidhlig anns an leabharlann (m.e. An t-Eilean Dorch) agus feuch ri a sgrìobhadh mar a' chiad pharagraf de sgeulachd thraidiseanta. Cuimhnich dè seòrsa rudan a bhios a' dol innte agus dè bhios agad ri atharrachadh. An robh e furasta no doirbh seo a dhèanamh? Carson?
- Nuair a tha thu deiseil leig le daoine eile anns a' chlas do pharagraf a chluinntinn agus èist ri daoine eile a' leughadh nam paragrafan acasan a-mach.

Gnìomhan eile ri dhèanamh

- Coimhead air cruinneachadh sgeulachdan do chlann nas òige. Ciamar a tha iad a' tòiseachadh? Dè seòrsa toisich as cumanta anns a' chruinneachadh? Saoil carson a tha sin? Ma 's e cruinneachadh Beurla a tha thu a' cleachdadh, dh'fhaodadh tu feuchainn ris a' chiad pharagraf de gach fear eadar-theangachadh gu Gàidhlig.
- Ma chì thu toiseach is toil leat ann an nobhail no sgeulachd ghoirid, cuimhnich a sgrìobhadh nad leabhar-nota sgrìobhaidh.
- Nuair a leughas tu stòiridh, smaoinich rud beag mun toiseach. Dè seòrsa toisich a bh' ann? Carson a thòisich an t-ùghdar mar sin? An do chòrd e riut? Carson? Dè dh'atharraicheadh tusa?





A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 1

Ainm:

Rabhaidhean



a. Tha an stòiridh 'Tubaist' le Iain C. Mac A' Ghobhainn anns an leabhar Seallaidhean Sùla a' tòiseachadh le rabhadh:

"Na bi a' dol cho luath air a' mhotor-baidhsagal sin," arsa Màiri ri Coinneach.'

1. Carson a tha thu a' smaoinichadh a thòisich an t-ùghdar an stòiridh mar seo?


2. A bheil an toiseach seo a' glacadh d' aire?

3. A bheil an toiseach seo a' toirt 'clues' don leughadair mu chuspair an stòiridh?

4. Dè tha thu a' smaoinichadh a thachras anns an stòiridh?

5. Leugh an stòiridh. An do thachair rudan mar a bha dùil agad?

b. Tagh fear de na rabhaidhean anns a' bhogsa gu h-ìosal agus dèan plana airson stòiridh stèidhichte air. Faodaidh tu am plana a dhèanamh ann an dòigh sam bith a thogras tu ach cuimhnich gum bi thu a' toiseachadh leis an rabhadh. Sgrìobh do phlana air taobh eile na duilleige.



"Na bean ri càil, cuimhnich!" dh'èigh màthair Eoghainn ris is e a' dol a-mach an doras.

"Dèan cinnteach gun till thu mus fàs i dorch!"

"Na tèid faisg air an abhainn! Bha uisge trom ann a-raoir!"

"A bheil thu cinnteach gun do ghlas thu an doras Iain? Chuala mi air na naidheachdan gun do theich mèirleach às a' phrìosan agus gu bheil e timcheall air seo ann an àiteigin. Tha na poileis a' rabhadh gu bheil e gu math cunnartach!"



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 2

Ainm:

Ceistean



- a.** Carson a bhios sgrìobhadairean tric a' feuchainn ri ceistean a chur ann an ceann an leughadair aig toiseach stòiridh?



b. Tha Uilleam a' feuchainn ri stòiridh a sgrìobhadh. Aig toiseach na stòiridh, a rèir plana Uilleim, tha na caractaran a' cluich anns a' phàirc nuair a thachras rudeigin annasach. Chan eil Uilleam toilichte leis a' chiad pharagraf aige. Tha e smaoinichadh nach eil e a' cur cheistean ann an ceann an leughadair. Cuidich e gus sin atharrachadh.

Bha Seonag agus a bràthair Ruairidh a' cluich falach-fead anns a' phàirc. Chaidh Seonag am falach agus chunnt Ruairidh gu deich.

"Tha mi a' tighinn!" dh'èigh e agus chaidh e a lorg a phiuthair. Lorg e i gu math luath air cùl tè de na craobhan. An uair sin chaidh Ruairidh am falach air cùl an t-seada. Fhad 's a bha e a' feitheamh ri Seonag, mhothaich e gu robh doras an t-seada briste agus chaidh e a-steach. Cho luath 's a rinn e sin, thuit e sìos toll.



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 3

Ainm:

Uaireannan tha còmhradh a' tighinn aig toiseach stòiridh. Tron chòmhradh tha cothrom aig an sgrìobhadair suidheachadh, faireachdainnean, trioblaidean no planaichean nan caractaran a shealltainn don leughadair.

a. Tagh fear de na cuspairean seo airson stòiridh. Smaoinich mu na caractaran a bhios innte (na cleachd barrachd air trì) agus dèan plana goirid den phlota air taobh eile na duilleige. An uair sin sgrìobh còmhradh eadar na caractaran airson an stòiridh a thòiseachadh.

- *bràthair agus piuthar a' cur air dòigh pàrtaidh airson am màthar gun fhios dhi*
- *caraidean a' rannsachadh rudeigin airson pròiseact sgoile agus a' faighinn a-mach barrachd na bha dùil aca*
- *UFO a' tighinn gu baile beag iomallach*
- *clann a' feuchainn ri beathaichean a shàbhaladh bho chuideigin nach eil a' coimhead às an dèidh ceart*

(Sgrìobh do chòmhradh air an ath dhuilleig)





b. Dèan cinnteach! An glac an toiseach seo ùidh an leughadair?

.....

A bheil e a' sealltainn rud beag mu chuspair an stòiridh?

.....

A bheil e a' sealltainn faireachdainnean, planaichean, suidheachadh no trioblaidean nan caractaran?

.....



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 4

Ainm:


Ma tha stòiridh mu dheidhinn cuideigin a' feuchainn ri miann a choileanadh, faodaidh am miann sin tighinn aig fìor thoiseach an stòiridh.

'B' fheàrr leam gum b' urrainn dhòmhsa falbh air làithean-saora,"
thuirt Micheal ris fhèin, 's e a' coimhead air na postairean dathach ann
an uinneig bùth-shiubhail MhicLeòid.

'O tha mi 'n dòchas nach dìochuimhnich mi na faclan an trup seo!"
smaoinich Caitlin, a' coimhead air a' phìos pàipeir airson a' cheudamh uair.

Tagh tè de na miannan gu h-àrd. Smaoinich air dè dh'fhaodadh a bhith
a' tachairt anns an stòiridh. Dèan plana goirid air cùl na duilleige no air
duilleag-planaidh eile.

Sgrìobh a' chiad trì paragrafan den stòiridh an seo.




A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 5

Ainm:

Is urrainn dhut stòiridh a thòiseachadh le tuairisgeul den t-suidheachadh anns a bheil i a' tachairt.

a. Seo tuairisgeul de bhaile. Leugh e agus feuch ri dealbh fhaighinn den àite nad inntinn. Dè dh'fhaodadh a bhith a' tachairt ann an stòiridh a' tòiseachadh san àite seo? Sgrìobh plana airson stòiridh, a' cleachdadh a' pharagraif seo mar a' chiad pharagraf.



Bha am baile uabhasach trang. Daoine nan cabhag air ais agus air adhart le bagannan trom ioma-dhathach. Busaichean agus càraichean a' tighinn 's a' falbh le fuaim an-fhoiseil. Solais a' boillsgeadh anns a h-uile àite, a' briseadh dorchadas na h-oidhche agus a' soilleireachadh aodannan aoibhneach nan daoine. An-dràsta 's a-rithist ged-tà, chluinneadh tu cuideigin a' gearan ri caraid mun droch shìde agus a' ruith a-steach do bhùth airson fasgadh bhon uisge.

Dèan do phlana air duilleag-planaidh no air cùl na duilleige seo.



b. Tagh fear dhiubh seo mar shuidheachadh airson stòiridh. Smaoinich air dè chitheadh tu 's dè chluinneadh tu nan robh thu ann. Dè seòrsa 'atmosphere' a bhiodh ann? Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn nan robh thu ann? Nuair a tha dealbh soilleir den àite nad inntinn sgrìobh paragraf mu dheidhinn airson a shealltainn don leughadair. Feuch gun glac thu ùidh an leughadair le suidheachadh làn 'atmosphere' far am b' urrainn rudan inntinneach a bhith a' tachairt.

1. bùth thrang aig àm na Nollaige
2. tràigh ann an stoirm
3. baile mòr aig àm a' chogaidh
4. pàirc air latha fliuch
5. taigh do sheanmhar no do sheanar
6. sràid aig meadhan-oidhche



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 6

Ainm:

A' tòiseachadh le tuairisgeul de character

Tha tòrr stòiridhean stèidhichte air caractaran inntinneach agus tha iad a' tòiseachadh le tuairisgeul den character airson ùidh an leughadair a ghlacadh.

Seo trì caractaran - feadhainn àbhaisteach, feadhainn annasach! Smaoinich mu dheidhinn gach fear agus sgrìobh notaichean mun deidhinn anns na bogsaichean. Cleachd na notaichean agus an dealbh airson tuairisgeul a sgrìobhadh mu gach fear air pìos pàipeir eile. Cuimhnich gum bi an tuairisgeul agad a' tighinn aig fìor thoiseach stòiridh agus gum feum thu ùidh an leughadair a ghlacadh.

Smaoinich air na rudan seo:

- An e character èibhinn / còir / olc / brònach ... a th' ann?
- A bheil thu ag iarraidh gun toil no nach toil leis an leughadair an character agad?
- Dè tha annasach mun character?
- Carson a bhios an leughadair ag iarraidh barrachd a leughadh mu a d(h)eidhinn?



a.



A large empty rectangular box for writing.

b.



A large empty rectangular box for writing.

c.




A large empty rectangular box for writing.



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 7

Ainm:



Tha Ealasaid a' dol a sgrìobhadh stòiridh mu dheidhinn balach beag aonaranach a nì caraid annasach. Seo am plana aice.

Toiseach	Fionnlagh ann an sgoil ùr - aonaranach (carson?) - daoine a' magadh air - smuaintean aige - planaichean airson teiche
Meadhan (stri)	àm-cluiche - tidsear air falbh - clann crost' ris - ruith a-mach tron gheata - am falach ann an seann taigh (taibhseach?) Dorch, làn treallaich - cluinnidh e cuideigin a' seinn - eagal - dol a theicheadh ach cluinnidh e a' chlann eile a' feitheamh ris a-muigh
Àite-tionndaidh	Chì F. balach eile -(taibhse) - còmhradh eatorra - gu math coltach ri chèile - nì iad planaichean coinneachadh a-rithist
Faireachdainnean	F. a' faireachdainn nas fheàrr anns an sgoil - toilichte mun charaid ùr - dè nì iad le chèile - F. ag ionnsachadh tòrr bhon bhalach - (cleasan, geamannan seann-fhàsanta) - clann eile a' fàs measail air F. air sgàth seo.
Deireadh (diomhair)	Chan eil sgeul air a' bhalach taibhseach - dìreach sgàthan briste anns an taigh - faireachdainnean F



Tha Ealasaid ag iarraidh tòiseachadh le tuairisgeul de Fhionnlagh anns an sgoil airson sealltainn don leughadair cho aonaranach 's a tha e, ach tha duilgheadas aice leis a' chiad pharagraf. An cuidich thu i? Sgrìobh faclan anns a' bhogsa a bhios feumail dhut (tha feadhainn ann airson do chuideachadh) agus nuair a tha thu deiseil, sgrìobh a' chiad pharagraf anns an dàrna bogsa, a' cleachdadh nan notaichean seo.

Toiseach- Fionnlagh - pàrantan dealaichte - fuireach còmhla ri Antaidh (cha toil leatha balaich - dìreach cait!) - seann aodach air F. - caol agus lag - sgoil ùr -



A' Tòiseachadh Stòiridh - duilleag-obrach 8

Ainm:

Sgeulachdan Traidiseanta

a. Coimhead air leabhraichean de sgeulachdan traidiseanta. Dè na dòighean tòiseachaidh a lorgas tu a sheallas gur e sgeulachd thraidiseanta a th' innte? Feuch an lorg thu còig dòighean eadar-dhealaichte a bharrachd air an fhear seo.

1. *Bha siud ann roimhe ...*

2.....

3.....

4.....

5.....

6.....

b. Tha thu a' dol a sgrìobhadh sgeulachd, ann an stoidhle thraidiseanta, mu dheidhinn nighinn bhoichd aig a bheil eun mar charaid agus droch fhuamhaire.

Dè bhios tu a' feuchainn ri dhèanamh aig toiseach an stòiridh?

Cuir 1 ri taobh an rud as cudromaiche nad bheachd-sa, 2 ri taobh an dàrna rud as cudromaiche agus mar sin air adhart. (Chan eil freagairt ceart ann - bidh beachdan eadar-dhealaichte aig diofar dhaoine!)



1. na prìomh characteran a thoirt a-steach.

2. dealbh den fhuamhaire a chur ann an ceann an leughadair

3. faireachdainnean mun nighinn a chruthachadh dhan leughadair

4. sealltainn càite a bheil an sgeulachd a' gabhail àite, agus cuin.

5. Sealltainn dè seòrsa stòiridh a th' innte.

6. Ùidh an leughadair a ghlacadh.

C. Sgrìobh plana airson an stòiridh air taobh eile na duilleige.



d. Tagh fear de na dòighean tòiseachaidh a sgrìobh thu ann am pàirt **a.** gu h-àrd agus sgrìobh a' chiad pharagraf den sgeulachd, a' dèanamh cinnteach gun dèan thu na 3 rudan a shaoil thu a bu chudromaiche ann am pàirt **b.**



"Eilidh! Eilidh, càit a bheil thu? Eil-i-idh!"

caibidil 1 **Sràid na h-Eala** le Màiri Anna NicDhòmhnaill (Acair 1994)

"Na bi a' dol cho luath air a' mhotair-baidhsagal sin," arsa Màiri ri Coinneach.

'Tubaist' td. 27 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

"Wow," arsa Màiri, 's an itealan a-nis a' tighinn a-nuas chun a' phuirt-adhair.

"Wow - seall, Iain, an abhainn! Na h-eaglaisean! Seall na th' ann de charbadan 's de bhusaichean! Am Pàirc de Triomphe! Disneyland!"

Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Pàdraig Caimbeul (Acair 2000)

"Sgoinneil! Fòn-làimhe! An dearbh rud a bha mi ag iarraidh!" Thilg Seònaid am pàipear dathte gu an dàrna taobh agus thog i am fòn gu h-àrd mar gu robh i a' sealltainn Cuach na Cruinne do na mìltean de luchd-amhairc. Thug i pòg mhòr dhan chuaich.

"Tha an saoghal a-nise," thuirt i le gàire, "aig bàrr mo chorraig."

Oidhche air Tom na h-lùbhraich le Ruairidh MacIleathain (Acair 2001)



Thàinig iad a-steach air uinneig na sgoile, Crazy agus Dopey. Thuir Crazy gu robh am fear-cùraim sgoile a' sealltainn air a mhàthair a bh' anns an ospadal. Bhiodh e dol don ospadal a h-uile oidhche Haoine. Bha fhios aig Crazy air gach nì, smaoinich Dopey le iongnadh.

Bha an sgoil sàmhach air a feadh., agus na rumannan glan. Chaidh Crazy a-steach gu aon rum, 's chunnaic e sgrìobhte air a' bhòrd-dhubh na facail, *tabula, tabulam, tabulae, tabulae, tabula.*

Thàinig an droch nàdar air a-rithist agus shad e smugaid air a' bhòrd.

'Anns an Sgoil', td. 22 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

Nuair dh'fhairich Seonag deireadh a' chàir a' bualadh air a' phòile-solais bha e mar gun cuireadh duine sgian na cridhe. B' e a' chiad rud a thàinig a-staigh oirre: "Ciamar a dh'innseas mi seo do Mhurchadh? Bha fios agam nach robh astar gu leòr eadar an dà chàr eile. O carson a dh'fheuch mi ri faighinn a-staigh an seo?"

'An Càr' le Iain MacLeòid td. 1 **Eadar Peann is Pàipear** (Gairm 1985)

Mhothaich an dìthis aca an càr a' sleamhnachadh a-null gu taobh an rathaid, ged a bha e fhathast a' gluasad air adhart. Bha Aonghas a' feuchainn ri a chumail air an rathad, a' strì ris a' chuibhle-stiùiridh. Dh'èigh e, "Freagair, a throc!"

An Rathad Dhachaigh le Iain Moireach (Acair 1994)



Thionndaidh Doreen oisean Sràid Lion agus chunnaic i càr taobh a-muigh a dachaigh fhèin.

Cò 'n càr a bh' ann? Cha b' aithne dhìse duine aig an robh càr ach an dotair.

Bhuail an t-eagal i agus ruith i chun an taighe.

Rum do Choigreach le Ann Turnbull (PRG/Acair 1996)

Shuidh Kali an-àirde anns an leabaidh chloiche a bha làn fraoich agus thilg i an dàrna taobh an craiceann caorach a bha air a h-uachdar. Dh'èist i gu cùramach. A-nall thuice o Bhàgh Sgaille chual i sgreuchail chruaidh ghearaineach nam faoileagan. Fhreagair curracag iad gu tiamhaidh o na monaidhean gu deas agus chluinneadh i thall aig Loch Sgaille guthan faramach nan ealachan. Bha na fuaimean sin air fad nan dearbhadh dhi gu robh deàrrsadh na camhanaich a-nis ri fhaicinn anns an àird an ear. Bha a màthair fhathast na cadal anns an leabaidh chloiche air taobh eile na cagailt. Bhiodh Stempsì daonnan a' cadal na b' fhaide an uair a bha an duin' aice air falbh on dachaigh ag obair air a' chloich mhòir a bha e a' dol a chur ann an Cearcall Bròdgar. Ghluais bràthair Kali anns an leabaidh eile. Cha robh esan ach sia bliadhna dh'aois. Ann an tiotan bha e na dhùisg, mar gum b' e ainmhidh beag fiadhaich a bh' ann. "Kali, Kali," thuirt e fo anail, "tha mi cluinntinn nan ealachan. A bheil an t-àm againn a bhith air falbh?"

Td. 7 **Am Fear Òg 's An Tuagh Umha** le Kathleen Fidler (Acair 1997)

Bha an ath-shealladh aig Raibeart. Thàinig e bho theaghlach aig an robh an ath-shealladh. Aon bhruadar a bha tighinn thuige bho bha e òg, agus 's e sin gu robh beathach mòr a' leum air. Cha robh e dèanamh a-mach ceart dè seòrsa beathaich a bh' ann ach bha am bruadar a' cur eagal air. B' ann dubh a bha an t-ainmhidh a' coimhead.

'An Ath-shealladh' td. 46 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)



Bha na balaich nan seasamh air bruaich na h-aibhne, 's iad ag argamaid.

"Tha e furasta gu leòr leum a thoirt a-null", arsa Murchadh.

"Chan eil na", ars Iain, 's eagal air.

"Uill, tha mise dol a dh'fheuchainn co-dhiù", arsa Murchadh.

'An Leum' td. 39 **Na Guthan** le Iain Mac A' Ghobhainn (Gairm 1991)

Cha robh fhios aig Seumas dè dhèanadh e ris fhèin. Bha e na sheasamh aig an uinneig a' coimhead a-mach air an d'ile bhàit a bha fo chomhair a dhà shùil a' tuiteam às an adhar.

"A bheil an t-uisge seo a' dol a sgur idir?" dh'fheòraich e dha fhèin, agus inntinn làn de na bha dùil aige a dhèanamh mura an t-uisge ann. Cha b' urrainn dha a shùilean a thoirt air falbh bho shealladh nam boinneagan mòra uabhasach a bha a' dòrtadh a-nuas às na speuran chun na talmhainn.

Td. 1 **An t-Eilean Dorch** le Beathag Mhoireasdan. (Acair 1991)

Ghabh am bràthair làmh a pheathar 's thuirt e, "Bhon latha a bhàsaich ar màthair chan eil mionaid shòlasach air a bhith againn. Tha ar muime a' gabhail dhuinn a h-uile latha, 's nuair a tha sinn a' dol an taobh a tha i, tha i gar bualadh air falbh le a cois. Chan fhaigh sinn càil ri ithe ach seann phiosan cruaidh arain. Tha barrachd ga fhaighinn aig a' chùilean tha fon bhòrd - tha i uaireannan a' tilgeadh piosan feòla thuige-san. Gu sealladh sealbh orm, nam biodh fios aig ar màthair! Tugainn, thèid sinn còmhla a-mach dhan t-saoghal mhòr."

'Am Bràthair 's a' Phiuthar' td. 97 **Sgeulachdan Grimm** (Acair 1990)



Bha am baile uabhasach trang. Daoine nan cabhag air ais agus air adhart le bagannan trom ioma-dhathach. Busaichean agus càraichean a' tighinn 's a' falbh le fuaim an-fhoiseil. Solais a' boillsgeadh anns a h-uile àite, a' briseadh dorchadas na h-oidhche agus a' soilleireachadh aodannan aoibhneach nan daoine. An-dràsta 's a-rithist ged-tà, chluinneadh tu cuideigin a' gearan ri caraid mun droch shìde agus a' rith a-steach do bhùth airson fasgadh bhon uisge.

B' e latha brèagha bruthainneach a bh' ann, "ann an tùs a' Chèitein," mar a thuirte am bàrd. Bha Uilleam is Seumas a sheanair, nan suidhe air beinge bheag chugallach air beulaibh taigh Sheumais, taigh tughaidh blàth seasgair a thog am bodach dìcheallach sin le a làmhan fhèin. Bha iad le chèil ag òl a-staigh na grèine 's a' coimhead le tlachd air an t-sealladh a bha mun coinneimh, agus abair thusa a luaidh gun robh sealladh an sin. Cnuic shnasail uaine cho fad 's a chitheadh an t-sùil, leanagan seamragach àlainn, tomain de ghainmhich cho geal ri canach, is flùraichean air a h-uile dath a' togail am bàrr an cinn 's a' feuchainn le dìcheall ri fianais a thoirt air tighinn an t-samhraidh, agus cò ach a' chuthag, a' cur a gug-gùg an cèill air bidean biorach am bàrr Beinn Sgrithinn. Bha an Staca ri fhaicinn fada mu dheas, Giodhaigh is Fudaigh an iar air, is Lingaidh ga fhalach fhèin beagan gu tuath. Chitheadh iad cuideachd Barraigh is Uibhist 's iad car air chall ann an ceòthragaich an latha. Seo latha toiseach an t-samhraidh.

Td. 1 **Caisteal an Reubadair** le Dòmhnall Dòmhnallach. (Acair 1989)



A bheil fhios agad dè thachair dhòmhsa a-raoir? Fuirich gus an cluinn thu seo! ...

Saoil co ris a bhiodh e coltach nan dùisgeadh tu aon mhadainn dìreach airson faighinn a-mach gun do dh'fhàs thu na bu lugha tron oidhche agus nach robh thu cho mòr ri putan? Sin dìreach na thachair do

An cuala tu riamh mun dithis bhalach a rugadh ann am plaosg peasarach?

Uill, uair bha siud bha rìgh agus bànrìgh ann aig nach robh clann. Bha an rìgh a' fàs sean agus 's tric a chanadh e ri a mhnaoi, "O is mi a bhiodh sona air leabaidh mo bhàis nan robh clann againn."

Air eadar-theangachadh bho 'Peapods' td. 37 **Tales, Myths & Legends** (Scholastic Publications 1993)



Bha bodach anns a' bhaile dom b' ainm Ruaraidh. Bha Murchadh a' smaoinichadh gu robh e a' coimhead uabhasach aost' agus leis an fhirinn innse bhiodh e cleachdadh bata. Nuair a shealladh tu ris gu geur shaoileadh tu gu robh a làmhan air chrith agus bha spotan geala air a dhùirn. Ach nam faighnicheadh tu ciamar a bha e, chanadh e gu robh e ceart gu leòr.

'Sgeulachd Cogaidh' td. 9 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)

An latha bha seo thàinig fear chun an dorais. Bha e coimhead coltach ri ceàrd, agus bha e soilleir gu robh e air mòran siubhail a dhèanamh. Bha a shùilean gorm 's aodann donn leis a' ghrèin.

'Fear-siubhail' td. 29 **Na Guthan** le Iain Mac a' Ghobhainn (Gairm 1991)



Bha Seumas agus Fiona air an dòigh. Bha iad a-nis air làithean-saora an t-samhraidh agus a' dèanamh deiseil airson falbh a Bheinn a' Bhaoghla còmhla ri am pàrantan.

Dìomhaireachd Caisteal Bhuirgh le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 1993)

Disathairn' a bh' ann, mu dheireadh thall, agus bha an dìthis nighean còmhla rin seanair 's rin seanmhair anns an Àird Bheag. Madainn Disathairn' a bh' ann, hooray, 's cha bhiodh sgoil ann gu Diluain. An Àird Bheag àite a b' fheàrr leotha a bh' air an talamh. B' fheàrr leotha e na Tàbost fhèin.

Disathairn' le Donnchadh MacGill'losa (Acair 1992)

Bha Mairead ag obair leis am vacuum agus an toiseach cha do dh'fhairich i an gnogadh idir. B' e seann vacuum a bha ann agus nuair bhiodh i ag obair leis bha e a' dèanamh a leithid a dh'fhuaim 's gu saoiladh tu nach cluinneadh i bomb a' dol dheth a-muigh air an t-sràid. Ach b' e a' chiad vacuum a bha aice riann agus bha seòrsa de thaobh aice ris.

'Am Vacuum' le Iain MacLeòid td.19 **Eadar Peann is Pàipear** (Gairm 1985)

Bha gealach àrd anns an adhar is i cho glan 's cho geal ri truinnsear ùr. Bha a' chlann a' falbh air feadh a' bhaile oir b' e Oidhche Shamhna a bh' ann. O na h-aodannan àraid a bh' orra. Bha feadhainn ann a' coimhead coltach ri muncaidhean, feadhainn coltach ri leòmhainn, feadhainn coltach ri bana-bhuidsichean le adan àrda dubha biorach orra. Shaoileadh tu gu robh treubh àraid air a thighinn don bhaile. Coignich à saoghal a bha fada marbh, no ri thighinn.

'Oidhche Shamhna' td. 14 **Seallaidhean Sùla** le Iain C. Mac A' Ghobhainn (Acair 1996)



Bha seann duine-uasal a' fuireach anns an Eilbheis bho chionn fhada. Cha robh aige ach aon mhac, a bha glè ghòrach 's nach do ionnsaich càil air thalamh.

'Na Tri Cànanan' td. 166 **Sgeulachdan Grimm** (Acair 1990)

Uaireigin an t-saoghal, bha cailleach mhòr fhiadhaich a' còmhnaidh sa ghleann a bha seo. Bha ainm aice a bhith comharraichte air buidseachd. Ach am measg gach buaidh eile bh' air a' chaillich, bha gaol mòr aic' air cnothan. Bhiodh poca chnò aice crochte air stob a h-uile latha sa bhliadhna. Sin mar a fhuair i 'n t-ainm Cailleach nan Cnò.

'Cailleach nan Cnò agus Taillear nan Clàr' td. 53 **Bha Siod ann Reimhid** le Lisa Storey (Club Leabhar 1975)

Bho chionn fhada ann an Gaidhealtachd na h-Alba bha dithis bhràthair ann air an robh Dòmhnall agus Eairdsidh. Bha croit bheag aca far an robh iad a' fuireach gu toilichte. Ach Eairdsidh bochd – cha toireadh Dòmhnall, a bha na bu shine na esan, sgillinn dha. Fad na seachdain bhiodh Eairdsidh ag obair gu trang, a' bleoghan na bà, a' lorg fiodh don teine, a' toirt a-steach na mòine. Dhèanadh e an obair air fad ach cha toireadh Dòmhnall dha ach sia sgillinn san t-seachdain. Fhuair Eairdsidh biadh gu leòr agus a chuid aodach agus mar sin bha e toilichte gu leòr le sia sgillinn san t-seachdain. Ach dh'atharraich sin.

Air eadar-theangachadh bho 'Archie's Besom' **Tales, Myths & Legends** (Scholastic 1993)



Meadhan Sgeulachd





Ro-ràdh:

Ged a tha toiseach agus deireadh inntinneach uabhasach cudromach airson sgeulachd mhath a sgrìobhadh, tha na thachras anns a' mheadhan a cheart cho cudromach. Feumaidh an sgrìobhadair ùidh an leughadair a chumail tron sgeulachd air fad. Gu math tric, tha am plot a' fàs doirbh a leantainn ann am meadhan sgeulachd, no chan eil ceangal eadar na thachras anns a' mheadhan agus na thachras aig an toiseach no aig an deireadh. Anns an aonad seo tha stiùireadh air mar a nì sgoilearan cinnteach gu bheil am meadhan inntinneach agus freagarrach nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh sgeulachdan.

Tha gnìomhan agus earrannan feumail airson seo cuideachd anns na h-aonadan 'Tachartas', 'Plot', 'Duilleagan-planaidh' agus 'Strì'.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn dè nì stòiridh mhath.
- Dè seòrsa rudan is toil leotha a bhith a' tachairt ann an sgeulachdan?
- Dè na rudan a bhrosnaicheadh iad barrachd de sgeulachd a leughadh?
- An do leugh iad riamh sgeulachd nach b' urrainn dhaibh cur sìos? Dè an sgeulachd? Dè thug orra cumail orra a leughadh?
- Dèan an obair anns an aonad 'Tachartasan' leis a' bhuidhinn sgrìobhaidh no leis a' chlas air fad.
- Dèan an obair anns an aonad 'Plot' leis a' bhuidhinn sgrìobhaidh no leis a' chlas air fad. Brosnaich iad gus na duilleagan-planaidh anns an aonad sin, gu h-àraidh 6 agus 7, a chleachdadh airson structair a thoirt dha na sgeulachdan aca.
- Faic earrann D anns an aonad 'Strì' agus dèan an obair stèidhichte air.
- Brosnaich a' chlann gus cuid dhiubh seo a chleachdadh airson an cuid sgeulachdan a chumail a' dol agus a dhèanamh nas inntinniche:
- Cuir **ceistean** ann an ceann an leughadair (feumaidh an leughadair barrachd a leughadh airson na freagairtean a lorg – m.e. ann an sgeulachd luchd-rannsachaidh)

- Tha e nas fhasa plot simplidh, siùbhlach a sgrìobhadh mura bheil cus characteran ann.
- **tuairisgeul** inntinneach de characteran ùra no suidheachaidhean ùra
- **astar** – dèan cinnteach nach eil rudan a' tachairt ro shlaodach no caillidh an leughadair ùidh; sgrìobh ann am paragrafan
- **stoidhle** – seantansan fada agus goirid, a' tòiseachadh ann an diofar dhòighean, iomhaigheachd, pongadh a chuidicheas an leughadair
- **strì** – feumaidh an leughadair barrachd a leughadh gus an strì fhuasgladh.
- **rudan a' tachairt ris nach robh dùil** – cuir iongnadh air an leughadair gus nach tuit e/i na c(h)adal!
- **pàtran** – bidh cuid de sgeulachdan a' leantainn pàtran, gu h-àraidh sgeulachdan traidiseanta: an aon rud a' tachairt trì tursan le atharrachadh beag gach turas; an gaisgeach a' faighneachd an aon cheist do characteran eadar-dhealaichte; cuideigin a' sireadh rudeigin agus ga lorg ann an diofar àitichean.
Is toil le cuid a dhaoine a bhith a' cleachdadh pàtran mar sin airson structair a thoirt dhan sgeulachd aca.

a. Seo sgeulachd a sgrìobh nighean ann an clas 7 ann an Sgoil Phaibil, Uibhist a Tuath. Leugh an sgeulachd còmhla ri buidhinn sgrìobhaidh no leis a' chlas air fad. Tha puingeann ri dheasbad as a dèidh. Dh'fhaodadh sibh na puingeann deasbaid a chleachdadh le sgeulachdan eile anns an aon dòigh.

Dìomhaireachd Mhadrid

"Nach eil e snog," thuirt Anna.

"Tha e uabhasach mòr le gàrradh agus amar-snàmh," arsa Dadaidh.

Bha Anna agus Dadaidh a' bruidhinn mu dheidhinn taigh ann am Madrid san Spàinn far an robh iad a' dol a dh'fhuireach. B' e Hamish agus Gilly a' chlann aig Dadaidh ach b' e Anna dìreach a mhùime aca.

Cha robh Hamish no Gilly ag iarraidh a dhol dhan Spàinn ach bha Dadaidh air obair fhaighinn an sin.

Nuair a bha Gilly anns an rum-cadail ùr aice, chunnaic i duine a' coiseachd timcheall anns a' ghàrradh. Dh'èigh i a mach, "ANNA!!! Tha cuideigin anns a' ghàrradh againn."

"Cò?" dh'fhaighnich Anna, a bha dìreach a' coiseachd a-steach dhan rum.

"Chan eil fhios agam!" dh'èigh Gilly.

Chaidh iad a-mach a dh'fhaighneachd dhan duine dè a bha e a' dèanamh.
"Carson a tha thu as a' ghàrradh againn? Cò thu?" dh'fhaighnich dadaidh.



“Chan eil sibh ag iarraidh fuireach an seo. Tha e dìomhair. Dìomhair ... Dona ... eagalach. Tha rum as an taigh agad tha ... e ...”

“Chan eil mi ag iarraidh a bhith cluinntinn seo!” thuirt Anna. “Tha mi a’ dol a dh’fhònadh a’ phoileas a-nis.”

Ruith an duine a-mach an geata. Bha an teaghlach uabhasach uallachail agus eagal orra gun tilleadh e air ais. Thàinig na poileis aig còig uairean feasgar.

“Co ris a bha e coltach?” dh’fheòraich fear dhe na poileis de Dhadaidh.

“Uill. Bha falt donn air, sùilean gorma fiadhaich, beul beag agus fiaclan neònach biorach. ”

“Dè an t-ainm a bh’ air?”

“Chan eil fios agam, cha tuirt e.”

“Mmm..., tha mi smaointinn gur e an duine seo a bha ann,” arsa am poileas is e a’ toirt pàipear a-mach às a phòcaid le dealbh duine air.

“S e Francis an t-ainm a tha air. Tha sinn ga lorg airson foill.”

“Sin e!!!” dh’èigh a h-uile duine.

“Ma chì sibh e a-rithist, cuiribh fòn thugainn” thuirt am poileas.

Bha Gilly is Hamish a’ dol dhan àrd-sgoil ann an seachdain. Bha iad a’ smaointinn gum feumadh iad Spàinntis a bhruidhinn ach bha iad a’ dol gu sgoil a bha a’ teagasg Beurla.

Thòisich Dadaidh ag obair ann an oifis le coimpiutairean. Bha Anna a’ feuchainn ri obair fhaighinn ann an bùth. Bha sanas anns a’ phàipear-naidheachd mu dheidhinn na h-obrach anns a’ bhùth agus bha an tuarastal uabhasach àrd. B’ e bùth airson suiteis agus rudan mar sin a bh’ innte agus bha i ri taobh an taighe aca, ach cha robh mòran dhaoine a’ dol innte.

Aig àm dìneir anns an sgoil, cha robh duine sam bith a’ suidhe ri taobh Gilly agus Hamish. Anns a’ chlas fhuair Gilly nota bho nighinn a bha a’ suidhe air a cùlaibh.



Thuir e, 'Chan eil sinn gur n-iarraidh anns an sgoil againn airson gu robh murt anns an taigh agaibh. Thallaibh air ais gu Alba'.

Bha Gilly dìreach na suidhe an sin cho stòlta ri clach!!!

Cò mu dheidhinn a bha i a' bruidhinn? An robh murt anns an taigh aca?

"Gilly MacDuff, dè tha thu a dèanamh?!" thuir Senora Pedrosa, an tidsear.

"Chan...chan eil càil, Senora," fhreagair Gilly.

"Uill, dèan an obair agad!"

Bha Gilly gun mhothachadh fad an latha as dèidh an nota. Nuair a chaidh i dhachaigh thuir i ri Anna "Anna, thuir nighean anns a chlas agam gu robh murt anns an taigh seo!"

"Dè?!" thuir Anna agus i a' gàireachdainn. "Murt anns an taigh seo, na bi gòrach! Cò thuir sin?"

"Anne Marie," thuir Gilly.

"Uill tha i dìreach ag ràdh sin airson gu bheil thu ùr anns an sgoil."

Ach bha Gilly fhathast a' smaointinn gu robh rudeigin ceàrr anns an taigh.

Dà sheachdain às dèidh an nota, bha Hamish a' coimhead airson àite anns an cuireadh e na brògan ball-coise aige nuair a chunnaic e doras air nach robh noba.

"Dadaidh! Chan eil noba air an doras seo!" dh'èigh Hamish. Thàinig Dadaidh a choimhead.

"Seall!"

"Anna, seall seo!" thuir Dadaidh.

"Tha sin neònach" thuir Anna.

Chaidh Dadaidh a-mach às an rum is fhuair e am bogsa innealan aige.

Bhrist e an doras sìos.

"DÈ THA SIN?!!" dh'èigh Anna

"MO CHREACH-SA THÀINIG," arsa Dadaidh le uabhas. "Tha cnàimhneach anns an rum seo!"

"Bha Anne Marie ceart!" thuir Gilly gu sàmhach.



Dh'fhòn iad am poileas agus cha robh iad fada a' tighinn.

"Ah, lorg sinn an corp mu dheireadh!" dh'èigh am poileas

"Dè...dè tha sibh a' ciallachadh, cuin a thachair seo?"

dh'fhaighnich dadaidh.

" Bidh mu thrì bliadhna ann. Chaidh an duine a chunnaic sibh anns a' ghàrradh, Francis, air chall, ach chan e dìreach na poileis a bha a' coimhead air a shon. Bha triùir dhaoine ag iarraidh Francis a mharbhadh. Nuair a chaidh e air chall bha fhios againn gun do mhurt iad e ach cha robh fhios againn càite an robh an corp."

Bha an dìomhaireachd air fhuasgladh a-nis.

"Ciamar a thachair e?" thuirt Anna

"Chan fhaod sinn a ràdh" fhreagair am poileas.

Le uabhas thuirt Gilly, "Ma-thà, b' e am manadh aig Francis a chunnaic sinne anns a' ghàrradh."

"Chan eil mise a' fuireach mionaid a bharrachd anns an taigh seo,"

dh'èigh Hamish agus e a' ruith a-mach an doras

Dh'fhalbh an teaghlach air ais gu Alba agus fhuair iad taigh beag snog ann am baile sàmhach mòran mhiltean air falbh bho Mhadrid.

Aon oidhche bha iad a' coimhead nan naidheachdan air an telebhisean, nuair a thàinig fiosrachadh mu dheidhinn cnàimhneach a chaidh a lorg

ann an taigh ann am Madrid - an taigh acasan. Chuir iad dheth an

telebhisean. Bha iad a' feuchainn a h-uile càil a

dhìochuimhneachadh ach chan urrainn duine sam bith dìochuimhneachadh an rud a thachair dhan teaghlach MacDuff.

Le Clio Maclellan P7 Sgoil Phaibil Uibhist a Tuath An Cèitean 2003



Puingean Teagaisg:

(Ghabhadh na ceistean seo a chleachdadh le sgeulachd ghoirid sam bith. Dh'fhaodadh a' chlann an cleachdadh le sgeulachdan a sgrìobh iad fhèin.

- Càite a bheil meadhan na sgeulachd a' tòiseachadh?
- A bheil am plot a' gluasad gu siùbhlach?
- A bheil an sgeulachd a' dèanamh ciall?
- A bheil ceangal eadar an toiseach agus am meadhan?
- An do chleachd an sgrìobhadair còmhraidh agus tuairisgeul?
- An do chleachd an sgrìobhadair puingeachadh gu h-èifeachdach?
- A bheil stoidhle an sgrìobhadair furasta a leughadh? Carson?
- Cò an caractar as cudromaiche anns an sgeulachd nad bheachd-sa?
- Dè am pairt den sgeulachd as inntinniche nad bheachd-sa?
- A bheil mion-chunntas sam bith ann nach eil a' cuideachadh a' phlota?
- Dè na ceistean a tha an sgrìobhadair a' cur ann an ceann an leughadair?
- An do fhreagair i na ceistean? Càite?
- Dè an strì a tha ann? Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn na strì?
- A bheil an deireadh a' leantainn air bho na thachair anns a' mheadhan?
- Dè dh'atharraicheadh tusa mun sgeulachd seo airson a dèanamh nas fheàrr fhathast?

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* Tha toiseach agus deireadh sgeulachd air **duilleag-obrach 1**. Iarr air a' chloinn plana a dhèanamh airson dè thachras anns a' mheadhan, a' dèanamh cinnteach gun toir iad an aire do toiseach agus deireadh na sgeulachd. Dh'fhaodadh a' chlann cuideachd meadhan na sgeulachd a sgrìobhadh, ga dèanamh cho inntinneach 's a ghabhas.

* Leugh sgeulachd a sgrìobh thu greiseag air ais. Dè do bheachd air meadhan na sgeulachd? Am b' urrainn dhut a dhèanamh na b' fheàrr? Dè dh'atharraicheadh tu?

A. Leugh no èist ris an sgeulachd 'Am Bloigh Beag le Beannachd' (Comhairle na Gaidhealtachd / PRG / Cànan). Seo eisimpleir de sgeulachd anns a bheil pàtran ath-aithriseach. 'S e eisimpleir eile de sgeulachd le pàtran ath-aithriseach 'Uisge na Beatha' ann an Sgeulachdan Grimm, (*Acair 1990*). Dh'fhaodadh a' chlann plana a dhèanamh airson sgeulachd mar seo, a' cleachdadh **duilleag-obrach 2**.

C. Gu math tric ann am meadhan sgeulachd, feumaidh am prìomh caractar faighinn bho àite gu àite, no faighinn seachad air diofar chnapan-starra gus ceann-uidhe a ruighinn. Dh'fhaodadh a' chlann plana a dhèanamh airson sgeulachd mar seo ann an cumadh mapa, a' sealltainn dè na h-àitichean don deach an gaisgeach, no cò na daoine/creutairean ris an do thachair e/i. Tha eisimpleir de seo air **duilleag-obrach 3**, plana airson sgeulachd mu dheidhinn cù a tha a' feuchainn ri a mhaighstir, lain, a lorg. Chan eil anns a' phlana seo ach cnàimhneach. Dh'fheumadh a' chlann tòrr a bharrachd a chur ris, ach 's e seo aon dòigh a bhith a' cumail a' phlot a' gluasad air adhart ann an sgeulachd.



Meadhan na sgeulachd - duilleag-obrach I

Ainm:

I. Seo toiseach agus deireadh sgeulachd. Tha am meadhan air chall. Sgrìobh fhèin plana airson meadhan na sgeulachd air pìos pàipeir eile. Dèan cinnteach gu bheil am meadhan freagarrach airson na thachair aig an toiseach agus aig an deireadh, agus gun toir thu air an leughadair leughadh gu deireadh na sgeulachd!

TOISEACH

“Lisa! A bheil thusa fhathast nad dhùisg? Cuir dheth an solas sin anns a’ bhad!” Rinn Lisa osna agus choimhead i air a’ ghleoc. Gu bhith meadhan-oidhche! Cha b’ urrainn dhi a chreidsinn. Bha i air a bhith air falbh ann an tìr dhraoidheil fad às còmhla ri caractaran an leabhair aice, nuair a dh’èigh a h-athair suas an staidhre. Chomharraich i an duilleag anns an leabhar gu cùramach agus dh’fhàg i e air a’ bhòrd ri taobh a leapa. “B’ fheàrr leam gu robh sinne a’ fuireach ann an taigh mar sin,” thuirt i rithe fhèin, a’ cur dheth an solas agus a’ dùnadh a sùilean. “Taigh le doras gu tìr eile, tìr làn draoidheachd agus creutairean annasach. Abair spòrs a bhiodh agam!”

DEIREADH

Dìreach an uair sin, shèid a’ ghaoth gu fiadhaich, a’ sguabadh Lisa far a casan agus suas dhan adhar. “Cuidich mi! Cuidich mi!” dh’èigh i cho àrd ’s a b’ urrainn dhi. Ach bha a h-uile duine air falbh. Cha robh sgeul air an fhuamhaire, no air a’ bhodach beag annasach. Cha robh sgeul air an luchag ghorm no air gin de na creutairean eile. Cha robh ann ach i fhèin agus a faileas, an dithis aca a’ dol mun cuairt agus mun cuairt gus an robh an tuaineal uabhasach orra.

Dhùin Lisa a sùilean agus dh’fhairich i i fhèin a’ tuiteam gu slaodach, sìos, sìos, sìos, gus an do stad i mu dheireadh air rudeigin bog, seasgair. Dh’aithnich i anns a’ bhad càit’ an robh i agus dh’fhosgail i a sùilean. Bha a h-uile rud mar a bha e nuair a chuir i dheth an solas. An aon rum-cadail, an aon leabaidh, an aon leabhar air a’ bhòrd. Ach bha rudan gu math eadar-dhealaichte cuideachd. Bha fhios aice a-nis nach e taigh àbhaisteach a bh’ aice idir.

Bha i dìreach gus tuiteam na cadal a-rithist nuair a chuala i guth beag air sàil na h-uinneige. Thionndaidh i agus chunnaic i a faileas a’ falbh a-mach air an uinneig. “Mar sin leat, Lisa,” thuirt am faileas. “Feumaidh mise teicheadh. Tha an t-àite seo ro dhorch dhomh. An tig thu a chluiche còmhla rium a-rithist?”

“Nì mi sin,” thuirt Lisa ann an cagair. “Nì mi sin!”



Meadhan na sgeulachd - duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo plana airson meadhan sgeulachd anns a bheil trì caractaran eadar-dhealaichte a' feuchainn ris an aon rud a dhèanamh. Chan eil cùisean a' dol ceart airson a' chiad dhithis ach tha an treas character a' faighinn air adhart nas fheàrr.

Caractaran: 1

2

3

Suidheachadh:

Dè tha iad a' feuchainn ri dhèanamh?

Carson?

Dè thachras dhan chiad character?

A bheil rud sam bith eadar-dhealaichte nuair a dh'fheuchas an dàrna character?

Ma tha, dè?

Dè thachras dhan treas character? Carson a tha rudan a' dol nas fheàrr dhi/dha?

Dè thachras aig deireadh na sgeulachd?




Meadhan na sgeulachd

- duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo mapa den t-slighe a ghabh cù a bha a' feuchainn ri a mhaighstir a lorg. Cleachd am mapa seo mar phlana airson sgeulachd.

1. Tagh aon àite don deach an cù agus sgrìobh am pàirt sin den sgeulachd. Feuch an dèan thu inntinneach e, a' sealltainn co ris a tha an t-àite coltach, dè lorg an cù ann, dè dh'èirich dha anns an àite sin, ciamar a bha an cù a' faireachdainn. Cuimhnich gum faod thu rud beag còmhraidh a chleachdadh, ach na cleachd cus. Nuair a tha thu deiseil, leugh na sgrìobh thu agus dèan cinnteach gu bheil an sgrìobhadh siùbhlach agus inntinneach gu leòr.
2. Feuch an aon rud leis an ath àite don deach e. Dèan cinnteach gun lean seo air bho na sgrìobh thu roimhe.



3. Sgrìobh an sgeulachd air fad. Faodaidh tu àite atharrachadh ma tha thu ag iarraidh, ach atharraich e air a' phlana mus sgrìobh thu a-mach an sgeulachd.



Dìomhaireachd Mhadrid

"Nach eil e snog," thuirt Anna.

"Tha e uabhasach mòr le gàrradh agus amar-snàmh," arsa Dadaidh.

Bha Anna agus Dadaidh a' bruidhinn mu dheidhinn taigh ann am Madrid san Spàinn far an robh iad a' dol a dh'fhuireach. B' e Hamish agus Gilly a' chlann aig Dadaidh ach b' e Anna dìreach a mhuime aca.

Cha robh Hamish no Gilly ag iarraidh a dhol dhan Spàinn ach bha Dadaidh air obair fhaighinn an sin.

Nuair a bha Gilly anns an rum-cadail ùr aice, chunnaic i duine a' coiseachd timcheall anns a' ghàrradh. Dh'èigh i a mach, "ANNA!!! Tha cuideigin anns a' ghàrradh againn."

"Cò?" dh'fhaighnich Anna, a bha dìreach a' coiseachd a-steach dhan rum.

"Chan eil fhios agam!" dh'èigh Gilly.

Chaidh iad a-mach a dh'fhaighneachd dhan duine dè a bha e a' dèanamh. "Carson a tha thu as a' ghàrradh againn? Cò thu?" dh'fhaighnich dadaidh.

"Chan eil sibh ag iarraidh fuireach an seo. Tha e dìomhair. Dìomhair ... Dona ... eagalach. Tha rum as an taigh agad tha ... e ..."

"Chan eil mi ag iarraidh a bhith cluinntinn seo!" thuirt Anna. "Tha mi a' dol a dh'fhònadh a' phoileas a-nis."

Ruith an duine a-mach an geata. Bha an teaghlach uabhasach uallachail agus eagal orra gun tilleadh e air ais. Thàinig na poileis aig còig vairean feasgar.

"Co ris a bha e coltach?" dh'fheòraich fear dhe na poileis de Dhadaidh.

"Uill. Bha falt donn air, sùilean gorma fiadhaich, beul beag agus fìaclan neònach biorach. "

"De an t-ainm a bh' air?"

"Chan eil fios agam, cha tuirt e."

"Mmm..., tha mi smaointinn gur e an duine seo a bha ann," arsa am



poileas is e a' toirt pàipear a-mach às a phòcaid le dealbh duine air.

"S e Francis an t-ainm a tha air. Tha sinn ga lorg airson foill."

"Sin e!!!" dh'èigh a h-uile duine.

"Ma chì sibh e a-rithist, cuiribh fòn thugainn" thuirt am poileas.

Bha Gilly is Hamish a' dol dhan àrd-sgoil ann an seachdain. Bha iad a' smaointinn gum feumadh iad Spàinntis a bhruidhinn ach bha iad a' dol gu sgoil a bha a' teagasg Beurla.

Thòisich Dadaidh ag obair ann an oifis le coimpiutairean. Bha Anna a' feuchainn ri obair fhaighinn ann an bùth. Bha sanas anns a' phàipear-naidheachd mu dheidhinn na h-obrach anns a' bhùth agus bha an tuarastal uabhasach àrd. B' e bùth airson suiteis agus rudan mar sin a bh' innte agus bha i ri taobh an taighe aca, ach cha robh mòran dhaoine a' dol innte.

Aig àm dìneir anns an sgoil, cha robh duine sam bith a' suidhe ri taobh Gilly agus Hamish. Anns a' chlas fhuair Gilly nota bho nighinn a bha a' suidhe air a cùlaibh. Thuirt e,

'Chan eil sinn gur n-iarraidh anns an sgoil againn airson gu robh murt anns an taigh agaibh. Thallaibh air ais gu Alba.'

Bha Gilly dìreach na suidhe an sin cho stòlta ri clach!!!
Cò mu dheidhinn a bha i a' bruidhinn? An robh murt anns an taigh aca?
"Gilly MacDuff, dè tha thu a dèanamh?!" thuirt Senora Pedrosa, an tidsear.

"Chan...chan eil càil, Senora," fhreagair Gilly.

"Uill, dèan an obair agad!"

Bha Gilly gun mhothachadh fad an latha as dèidh an nota. Nuair a chaidh i dhachaigh thuirt i ri Anna "Anna, thuirt nighean anns a chlas agam gu robh murt anns an taigh seo!"

"Dè?!" thuirt Anna agus i a' gàireachdainn. "Murt anns an taigh seo, na bi gòrach! Cò thuirt sin?"

"Anne Marie," thuirt Gilly.

"Uill tha i dìreach ag ràdh sin airson gu bheil thu ùr anns an sgoil."

Ach bha Gilly fhathast a' smaointinn gu robh rudeigin ceàrr anns



an taigh.

Dà sheachdain às dèidh an nota, bha Hamish a' coimhead airson àite anns an cuireadh e na brògan ball-coise aige nuair a chunnaic e doras air nach robh noba.

"Dadaidh! Chan eil noba air an doras seo!" dh'èigh Hamish. Thàinig Dadaidh a choimhead.

"Seall!"

"Anna, seall seo!" thuirte Dadaidh.

"Tha sin neònach" thuirte Anna.

Chaidh Dadaidh a-mach às an rum is fhuair e am bogsa innealan aige. Bhrist e an doras sìos.

"DÈ THA SIN?!" dh'èigh Anna

"MÒ CHREACH-SA THÀINIG," arsa Dadaidh le uabhas. "Tha cnàimhneach anns an rum seo!"

"Bha Anne Marie ceart!" thuirte Gilly gu sàmhach.

Dh'fhòn iad am poileas agus cha robh iad fada a' tighinn.

"Ah, lorg sinn an corp mu dheireadh!" dh'èigh am poileas

"Dè...dè tha sibh a' ciallachadh, cuin a thachair seo?"

dh'fhaighnich dadaidh.

" Bidh mu thrì bliadhna ann. Chaidh an duine a chunnaic sibh anns a' ghàrradh, Francis, air chall, ach chan e dìreach na poileas a bha a' coimhead air a shon. Bha triùir dhaoine ag iarraidh Francis a mharbhadh. Nuair a chaidh e air chall bha fhios againn gun do mhurt iad e ach cha robh fhios againn càite an robh an corp."

Bha an dìomhaireachd air fhuasgladh a-nis.

"Ciamar a thachair e?" thuirte Anna

"Chan fhaod sinn a ràdh" fhreagair am poileas.

Le uabhas thuirte Gilly, "Ma-thà, b' e am manadh aig Francis a chunnaic sinne anns a' ghàrradh."

"Chan eil mise a' fuireach mionaid a bharrachd anns an taigh seo,"

dh'èigh Hamish agus e a' ruith a-mach an doras

Dh'fhalbh an teaghlach air ais gu Alba agus fhuair iad taigh beag snog



ann am baile sàmhach mòran mhiltean air falbh bho Mhadrid.
Aon oidhche bha iad a' coimhead nan naidheachdan air an telebhisean,
nuair a thàinig fiosrachadh mu dheidhinn cnàimhneach a chaidh a lorg
ann an taigh ann am Madrid - an taigh acasan. Chuir iad dheth an
telebhisean. Bha iad a' feuchainn a h-uile càil a
dhìochuimhneachadh ach chan urrainn duine sam bith dìochuimhneachadh
an rud a thachair dhan teaghlach MacDuff.

Le Clio Maclellan P7 Sgoil Phaibil Uibhist a Tuath An Cèitean 2003



Deireadh Sgeulachd





Ro-ràdh:

Tha iomadh sgeulachd mhath air am milleadh le deireadh lag. Gu math tric bidh sgrìobhadairean a' fàs sgìth mus ruig iad deireadh na sgeulachd, no bidh iad a' ruith a-mach à ùine. Anns an aonad seo, tha gnìomhan airson clann a chuideachdadh a bhith beachdachadh air dòighean math sgeulachd a thoirt gu crìoch, agus a bhith dèanamh cinnteach gu bheil deireadh làidir na phàirt den phlana aca nuair a tha iad a' dol a sgrìobhadh.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Bruidhinn mu dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh aig deireadh sgeulachd. Dh'fhaodadh an clas, no a' bhuidheann, brainstorm a dhèanamh air seo, le stiùireadh bhon tidsear. Seo beachdan airson tòiseachadh:
 - a' toirt a' phlot ri chèile
 - a' toirt an sgeulachd air ais chun an toisich ann an dòigh air choreigin
 - a' toirt air an leughadair gàireachdainn, caoineadh, smaoineachadh, eagal a ghabhail!
 - a' freagairt ceist sam bith a dh'èirich anns an sgeulachd
 - a' fàgail ceist ann an ceann an leughadair
 - a' cur iongnadh air an leughadair le rudeigin a' tachairt ris nach robh dùil

Air **duilleag-obrach** 1 feumaidh a' chlann beachdachadh air dè nì deireadh math.

- Dèan cruinneachadh de leabhraichean ficsein a tha a' crìochnachadh ann an diofar dhòighean. Tagh leabhraichean air a bheil a' chlann eòlach; feadhainn a leugh iad mu thràth gus am bi fios aca dè thachair aig toiseach agus ann am meadhan na sgeulachd. Coimhead air an duilleig mu dheireadh de gach fear. Bruidhinn mu dheidhinn an dòigh anns a bheil gach fear a' crìochnachadh.
- Tha iomadh dòigh eadar-dhealaichte ann air sgeulachd a thoirt gu crìoch. Brosnaich a' chlann a bhith a' coimhead gu cùramach air deireadh sgeulachdan a leughas iad, a' dèanamh nota de dheiridhean as toil leotha ann an leabhar-nota sgrìobhaidh. Dèan liosta de dhòighean chrìochnachaidh eadar-dhealaichte air a' bhòrd-dhubh. Dh'fhaodadh sibh feuchainn ri eisimpleir de gach fear a lorg ann an leabharlann a' chlas. Seo liosta airson ur cuideachadh:

Deiridhean eadar-dhealaichte:

- **Tilleadh chun toisich:**- ‘Smaoinich lain mar a thòisich e uile le turas dhan taigh-dhealbh. Bha e doirbh a chreidsinn gur ann dìreach feasgar an-diugh a chaidh e ann!’
- **Còmhradh** –“Uill, thuirt thu gu robh thu ag iarraidh gun tachradh rudeigin inntinneach am-bliadhna,” thuirt Seumas ri Anna, is gàire mòr air aodann.’
- **Ath-smaoineachadh (reflection)** – ’s dòcha le còmhradh no smuaintean a’ phrìomh charactar: – ‘Am b’ fhiach e e?’ smaoinich Tina rithe fhèin. Shaoil i gum b’ fhiach. (Faic, mar eisimpleir, An t-Eilean Dorch le Beathag Mhoireasdan (Acair 1991))
- **Toilichte gu bràth tuilleadh:** “S mur do shiubhail iad às an sin, tha iad an sin fhathast, gu sunndach agus sona le chèile.’ Tha deireadh mar seo cumanta ann an sgeulachdan traidiseanta.
- **Paragraf a’ ceangal suas ‘loose ends’ anns a’ phlot:** Seall, mar eisimpleir, air Ionmhas an Taigh-Sholais (faic Leum gu Leughadh 4 – aonad 20) anns am bi a’ chlann a’ lorg seann bhuinn aig fìor dheireadh na sgeulachd. Faic cuideachd earrann A anns an aonad seo.
- **A’ fàgail ceist/ iongnadh ann an ceann an leughadair:** (*cliff-hanger*) – mar toiseach sgeulachd ùir: Faic earrann B anns an aonad seo.
- **Ceangal le chiad pharagraf:** (m.e. ‘Ach bha mo sgeul-rùin sàbhailte co-dhiù!’) Faic earrann C anns an aonad seo.
- **Prìomh charactar a’ falbh a dh’àiteigin eile, gu sgiorradh ùr, a’ tuiteam na c(h)adal:** (Faic, mar eisimpleir, Am Fear Òg ’s an Tuagh Umha le Kathleen Fiddler (Acair 1997) agus A Ulbha gu Geelong le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1992) ‘Ach ’s e sgeulachd eile a tha sin.’)
- **Le dubh-leagail (anti-climax):** (m.e. ‘Dh’fhalbh mi dhachaigh air mo bhoil, deiseil airson innse dhan h-uile duine mu dheidhinn an sgiorradh mìorbhaileach agam. Ach cha do chreid duine mi.’) Faic earrann D anns an aonad seo.
- **Twist in the Tale:** faic Am Baile Beag Annasach. (Tha aonad air an leabhar seo ann an Leum gu Leughadh 4)

Puingean ri Dheasbad:

- Dè seòrsa deiridh as fheàrr leat? Carson?
- Dè seòrsa deiridh as cumanta? Saoil carson?
- Am bu chòir sgrìobhadairean smaoinichadh mun luchd-amais nuair a thaghas iad deireadh airson sgeulachd?
- An do leugh thu riamh sgeulachd a chòrd riut ach aig an robh deireadh lag? Dè bha ceàrr air?



- Brosnaich a' chlann a bhith a' smaoinichadh mun deireadh nuair a tha iad a' dèanamh plana airson sgeulachd. Tha e cudromach gu bheil fhios aca càite bheil an sgeulachd a' dol. Tha e cudromach cuideachd gum bi fios aig an leughadair gur e an deireadh a th' ann! Feumaidh an sgrìobhadair obrachadh a-mach a bheil an deireadh gu bhith toilichte no brònach no eagalach nuair a tha e/i ag obair air a' phlana (faic **duilleag-obrach 2**)
- Uaireannan, nuair a tha iad a' sgrìobhadh sgeulachd, bidh sgoilearan a' ruith a-mach à ùine agus beachdan mus ruig iad deireadh na sgeulachd. Iarr orra uaireannan deireadh na sgeulachd a sgrìobhadh an toiseach (mus sgrìobh iad am plana, no an dèidh dhaibh plana a sgrìobhadh). Brosnaich iad gu bhith a' cuimhneachadh air an deireadh sin nuair a tha iad a' sgrìobhadh a' chòrr den sgeulachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil am plot a' dol an rathad ceart.
- Nuair a tha iad a' dèanamh plana airson stòiridh, brosnach a' chlann uaireannan an seantans, no am paragraf, mu dheireadh a sgrìobhadh mar phàirt den phlana. Bheir seo dhaibh cuideachadh le cumadh na stòiridh agus le bhith a' toirt na stòiridh aca gu crìoch.
- Thoir cuspair airson sgeulachd don chloinn. Iarr orra plana a dheasachadh airson na sgeulachd. An uair sin, iarr orra dìreach deireadh na sgeulachd a sgrìobhadh.
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum faod iad sgeulachd a thoirt gu crìoch thar paragraf no dhà, no ann an dòigh gu math goirid. Uaireannan nì aon seantans a' chùis. Bruidhinn mu dheidhinn dè seòrsa sgeulachd anns am biodh deireadh obann freagarrach. (mar eisimpleir, sgeulachd a' crìochnachadh le ceist, ann an dòigh crochte (*in suspense*))
- Tagh an seantans mu dheireadh bho stòiridh agus sgrìobh e air a' bhòrd-dhubh. Iarr air na sgoilearan beachdan a thoirt seachad air brìgh/susbaint na sgeulachd. Iarr orra an dàrna seantans bhon dheireadh a sgrìobhadh, gun a bhith a' coimhead air an leabhar.
- Nuair a tha buidheann a' leughadh nobhail no sgeulachd ghoirid, brosnach iad, mus ruig iad an deireadh, a bhith a' smaoinichadh air ciamar a bheir an t-ùghdar an sgeulachd gu crìoch. Mas e leabhar le caibideilean a th' ann, dh'fhaodadh iad fhèin an caibideil mu dheireadh a sgrìobhadh. An uair sin, dh'fhaodadh iad coimeas a dhèanamh eadar na sgrìobh iad agus na sgrìobh ùghdar na sgeulachd.

a. A' toirt a' phlot ri chèile

Bidh sgrìobhadairean tric a' toirt sgeulachd gu crìoch le bhith a' **ceangal** suas cinn fuasgailte anns a' phlota, a' sealltainn dè thachair dha na prìomh charactaran, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad uile air ais far am bu chòir dhaibh a bhith!

Seo deireadh an leabhair, Reubairean Roisinis le Fìbraidh NicDhòmhnaill. Anns an sgeulachd seo, thachair a' chlann ri clann eile a bha ann an trioblaid le drogaichean agus lorg iad cuideachd bothan anns an robh reubairean a' cumail an stuth mì-laghail. Chaidh na eucoraich uile a ghlacadh agus seo mar a tha an t-ùghdar a' cur crìoch air an leabhar.



Chaidh an dithis a thoirt air falbh far an eilein gu ionad sònraichte airson clann a bha a' fulang le bhith a' gabhail stuth mì-laghail. Chaidh na reubairean mòra a thoirt air falbh dhan phrìosan. Chaidh am bàta a thoirt air falbh agus chaidh teine mòr a dhèanamh ann an Roisinis an oidhche sin air an stuth a bha sa bhothan. Shuidh iad air a' chnoc a' sealltainn air na lasairean a bha a' leum dhan adhar. Chaidh an toirt dhachaigh sàbhailte an oidhche sin anns a' heileacoptar. Abair thusa gu robh deagh chrìoch air an là fhada chunnartach a chuir a' chlann seachad ann an Roisinis.

Td. 73 -74 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (*Acair 2001*)

Puingean Teagaisg:

- Tha an t-ùghdar a' ceangal suas a' phlota – a' sealltainn dè thachair dhan h-uile caractar a bh' ann.
- Tha an seantans mu dheireadh a' coimhead air ais air na thachair ann an dòigh smaointeachail.

Seo teacsaichean eile a tha crìochnachadh le bhith a' ceangal an deiridh gu dlùth ris na thachair anns an sgeulachd:

Thug Màiri pòg mhòr dha màthair, 's dh'fhalbh i sìos dhan leabaidh. Air an rathad, thug i leatha an teadaidh sònraicht' aice fhèin – coineanach beag donn a bha air a bhith aice on a bha i na pàiste anns a' chot.

Chaidil an dithis aca gu sunndach sìtheil an uchd a chèile, gus an do dh'èirich grìan na maidne, a' deàlradh orra le solas slàn.

Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Phàdraig Caimbeul (*Acair2000*)

Puingean Teagaisg:

* Tha an deireadh seo a' fàgail nam prìomh characteran, Màiri agus an coineanach, ann an suidheachadh seasgair, sàmhach, an dèidh sgeulachd anns an do thachair tòrr.

b. A' crìochnachadh le ceist nach eil air a freagairt

Uaireannan bidh an t-ùghdar airson ceistean fhàgail ann an ceann an leughadair aig deireadh sgeulachd, gu h-àraidh ann an sgeulachdan diomhair. Tha eisimpleir de seo anns an sgeulachd 'Oidhche Shamhna' le Iain C. Mac A' Ghobhainn (faic Seallaidhean Sùla (*Acair 1996*)). Tron phlota tha an sgrìobhadair a' sealltainn gu bheil rudeigin neo-àbhaisteach a' dol air adhart, a' togail cheistean ann an ceann an leughadair. Tha an sgeulachd a' crìochnachadh le ceist cuideachd:

'Ach 's e an smaoin, cò bha còmhla ri Calum air an Oidhche Shamhna ud, cò bh' anns a' chat ud a bha ga sgrìobhadh fon ghealaich àird ud, cho geal ri truinnsear no ri aodach mumaidh?



Puingean Teagaisg:

- Iarr air a' chloinn an sgeulachd air fad a leughadh agus na ceistean seo a fhreagairt:
 - a) Dè seòrsa sgeulachd a th' innte?
 - b) Cò tha thusa a' smaoinichadh a bh' anns a' chat? Minich do fhreagairt.
 - c) An toil leat an dòigh anns an do chrìochnaich an sgeulachd? Minich do fhreagairt.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

* (clann ag obair gu ruige ìre D) **Duilleag-obrach 3**

* (clann ag obair gu ruige ìre E) Sgrìobh plana airson sgeulachd mu dheidhinn cuideigin a' sabaid an aghaidh uilebheist oillteil. Smaoinich air dòighean anns am fàg thu ceistean gun fhreagairtean ann an ceann an leughadair aig deireadh na sgeulachd. Sgrìobh deireadh na sgeulachd, a' crìochnachadh le ceist. Dèan cinnteach gu bheil ceangal eadar an deireadh agus an còrr den phlana agad. An uair sin sgrìobh an sgeulachd air fad.

C. Seo an duilleag mu dheidhinn den leabhar Caisteal nan Sgràgan le Maoilios M. Caimbeul (Acair 2002).

Phut Caitlin Eddy. "A bheil thu a' creidsinn ann an taibhsichean a-nis?"
Rinn e fiamh a' ghàire leis a bha ag innse barrachd na mìle facal. Bha màthair Fhionnlaigh air a chùlaibh ga phutadh.
"Fuirich gus am faigh sinne dhachaigh," thuir i fo h-anail.
Ghabh Fionnlaigh an leabhar bho làmh Eddy.
"Tapadh leat," thuir e, "bidh feum agam air seo."
Rinn Rob gàire beag tiomach ris fhèin

Puingean Teagaisg

- * Iarr air a' chloinn a' chiad chaibideil agus an caibideil mu dheidhinn den leabhar seo a leughadh.
- * An seo tha an t-ùghdar a' dèanamh ceangal làidir le toiseach na sgeulachd. Ciamar?
- * Tha e cuideachd a' sealltainn faireachdainnean nan caractaran aig deireadh sgeulachd anns an do thachair tòrr rudan annasach.

d. Dubh-leagail (Anti-climax)

Chan fheum a h-uile sgeulachd crìochnachadh leis a h-uile rud air a sheòrsachadh a-mach agus na caractaran uile air an dòigh. Dè mu dheidhinn sgeulachd anns a bheil a' phrìomh character air tòir rudeigin, dìreach ri fhaighinn a-mach aig deireadh na sgeulachd nach b' fhiach e an oidhirp?



(Tha eisimpleir de sgeulachd mar seo anns an iris Am Famh (àireamh 1) Samhain 2003 – an sgeulachd èibhinn ‘Mar as simplidh, ’s ann as fheàrr!’, anns an iarr greusaiche agus a bhean air fear-togail nan dealbh tighinn a thogail dealbh dhiubh mar chuimhneachan air an co-latha pòsaidh. Nì iad barrachd agus barrachd ullachaidh airson dealbh a tha dìreach ceart, ach aig deireadh na sgeulachd ’s e dìreach dealbh de rùda a th’ aca.)

Puingean Teagaisg:


- Ma tha sgeulachd a’ dol a chrìochnachadh le dubh-leagail, feumaidh an sgrìobhadair toirt air an leughadair smaoineachadh gu bheil rudeigin mìorbhaileach no àraid a’ dol a thachairt aig an deireadh. Feumaidh an sgrìobhadair sealltainn, aig toiseach na sgeulachd agus tron mheadhan cuideachd, mar a tha na caractaran a’ coimhead air adhart ri rudeigin, le toileachas no le eagal. Feumaidh ‘togail’ (*build-up*) mòr a bhith ann ann am meadhan na sgeulachd. Tha an sgrìobhadair a’ feuchainn ri toirt air an leughadair an dubh-leagail fhaireachdainn aig an deireadh a cheart cho math ri na caractaran fhèin!

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Sgrìobh sgeulachd le dubh-leagail aig an deireadh*. Tagh fear de na cuspairean seo, no dèan fhèin suas cuspair:
 - tha caractar a’ feuchainn ri rudeigin a cheannach ach nuair a gheibh e/i airgead gu leòr, tha an rud air a reic mu thràth ri cuideigin eile.
 - tha caractar a’ cur a-steach airson co-fharpais agus a’ faighinn deiseil air a shon; nuair a thig e/i gu far a bheil am farpais a’ gabhail àite, gheibh e/i a-mach gun do thachair e an latha roimhe.
 - Nì caractaran deiseil airson falbh air turas a dh’fhaicinn àite mun cuala iad. Nuair a ruigeas iad an t-àite, an dèidh tòrr ullachaidh agus turas doirbh, chì iad gur e àite neo-intinneach a th’ ann.

* Tha duilleag-planaidh airson sgeulachd le dubh-leagail aig an deireadh, air **duilleag-obrach 4**






Deireadh na Sgeulachd - duilleag-obrach 1


Ainm:

Seo abairtean mu dheidhinn dè tha cudromach ann an deireadh sgeulachd. Leugh na h-abairtean agus freagair na ceistean a leanas:-



- Bu chòir ceangal a bhith ann eadar deireadh na sgeulachd agus toiseach na sgeulachd.
- Bu chòir a h-uile rud a bhith air a sheòrsachadh a-mach aig deireadh sgeulachd.
- Bu chòir deireadh sgeulachd a bhith inntinneach.
- Bu chòir rudeigin ris nach robh dùil a bhith a' tachairt aig deireadh sgeulachd.
- Bu chòir a' phrìomh character a bhith na leabaidh aig deireadh sgeulachd.
- Bu chòir ceistean a bhith ann an ceann an leughadair aig deireadh sgeulachd.

- Bu chòir faireachdainnean a' phrìomh charactair a bhith soilleir aig deireadh sgeulachd.
- Bu chòir deireadh sgeulachd toirt air an leughadair gaireachdainn, caoineadh, smaoinichadh no eagal a ghabhail.



Ceistean:

1. Cuir loidhne fon h-uile abairt leis a bheil thu ag aontachadh airson cuid a sgeulachdan.
2. Dè na h-abairtean a tha thu a' smaoinichadh a tha fìor airson a h-uile sgeulachd? Comharraich le rionnag * iad.
3. Coimhead air ais air an nobhail mu dheireadh a leugh thu. Sgrìobh a thìotal an seo.

.....

An robh gin de na h-abairtean gu h-àrd fìor airson an nobhail sin?
Comharraich le ◇ iad.

4. Coimhead air an sgeulachd mu dheireadh a sgrìobh thusa. Sgrìobh a thìotal an seo:

.....

A bheil an deireadh a' **coileanadh** (*comply with*) gin de na h-abairtean gu h-àrd? Comharraich le ✓ iad.



Deireadh na Sgeulachd - duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo trì diofar dhòighean airson crìoch a chur air an aon sgeulachd.

a. Air an t-slighe dhachaigh, chaidh Marc a-steach dhan choille aon uair eile. Cha robh an t-eagal air an turas seo. Bha fhios aige nach robh duine ann a-nis a chuireadh eagal air. Bha am Bodach Liath ann an grèim a' phoilis, fada air falbh anns a' bhaile mhòr. Nach e a bhiodh moiteil ag innse mar a chuidich e fhèin ga lorg! Ach bha aon rud fhathast a' cur dragh air. 'S dòcha gum biodh iad uile fhathast den bheachd gur e gealtair a bh' ann. Saoil an creideadh duine sam bith e?

b. Air an t-slighe dhachaigh, chaidh Marc a-steach dhan choille aon uair eile. Cha robh an t-eagal air an turas seo. Bha fhios aige nach robh duine ann a-nis a chuireadh eagal air. Bha am Bodach Liath ann an grèim a' phoilis, fada air falbh anns a' bhaile mhòr. Cha chanadh duine sam bith gur e gealtair a bh' ann tuilleadh. Nuair a chaidh e dhan sgoil Diluain bha a h-uile duine ag iarraidh faighinn a-mach ciamar a ghlac e am Bodach. Chòrd e glan ri Marc a bhith ag innse a sgeulachd dhaibh uile. Cha robh caraidean a dhìth air bho sin a-mach. Bha eadhon Eoghann agus Murdina a' coimhead suas ris mar ghaisgeach, agus is beag an t-iongnadh!

c. Air an t-slighe dhachaigh, chaidh Marc a-steach dhan choille aon uair eile. Cha robh an t-eagal air an turas seo. Bha fhios aige nach robh duine ann a-nis a chuireadh eagal air. Bha am Bodach Liath ann an grèim a' phoilis, fada air falbh anns a' bhaile mhòr. Choimhead e le moit air an àite far an do ghlac e fhèin am Bodach agus chuimhnich e le gàire air mar a rinn e sin. Ach cha do mhair a ghàire fada. Nuair a thionndaidh e air ais, chunnaic e rudeigin a dh'fhàg e cho geal ri anart. Cha b' urrainn dha a chreidsinn. Bha am Bodach, no cuideigin gu math coltach ris a' Bhodach, air ais agus a' feitheamh ris le sùilean garg agus gàire oillteil.

1. Dè an deireadh a tha a' fàgail an caractair, Marc, ann an suidheachadh toilichte?

2. Ciamar a tha Marc a' faireachdainn anns gach paragraf?

- a.
- b.
- c.

3 a. Dè an deireadh as fheàrr leat?

b. Carson?

4. Dè an deireadh as miosa leat?

b. Carson?

5. Sgrìobh plana a' sealltainn dè thachair aig toiseach agus ann am meadhan na sgeulachd.



Deireadh na Sgeulachd - duilleag-obrach 3

Ainm:

Seo trì paragrafan eadar-dhealaichte a dh'fhaodadh thighinn aig deireadh sgeulachd. Anns gach fear tha ceist no rudeigin mì-chinnteach anns an t-seantans mu dheireadh. Tagh fear dhiubh agus sgrìobh plana airson toiseach agus meadhan na sgeulachd. Dèan cinnteach gu bheil ceangal eadar an deireadh agus an còrr den sgeulachd.

a. Thionndaidh iad agus thòisich iad air an slighe air ais tron choille. Bha iad air lorg fhaighinn air a' chaisteal dhraoidheil agus bha dealbhan anns a' chamara airson dearbhadh, ach cha b' e sin deireadh na sgeòil. Bha an casan cho sgìth 's gu robh e doirbh dhaibh ceum a ghabhail air adhart. Saoil am faigheadh iad dhachaigh gu bràth?

b. Ged a bha Murdina cinnteach nach fhaiceadh i a' bhana-bhuidseach gu bràth tuilleadh, bha fhathast aon rud a' cur dragh oirre ... Càit' an deach an damhan-allaidh mòr ud?


c. An ceann greiseig bha a h-uile rud air ais mar a bha e mus tàinig am bodach dhan bhaile anns a' chiad àite. Cha robh dathan neònach air na taighean na bu mhotha. Bha daoine a' coiseachd mun cuairt air an casan a-rithist is chan ann air an làmhan. Cha robh na luchagan a' cur eagal air na cait idir a-nis. Cha robh buaidh sam bith aig a' bhodach bheag annasach air Baile Aile na bu mhò. Uill, sin a shaoil luchd a' bhaile co-dhiù ...



Deireadh na Sgeulachd - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo duilleag airson do chuideachadh gus plana a dhèanamh airson sgeulachd a tha a' crìochnachadh le dubh-leagail.



* Cuimhnich gum feum thu sealltainn aig an toiseach dè tha an caractar / na caractaran a' feuchainn ri dhèanamh (an amas) agus carson.

Caractaran

Amas

Suidheachadh



- Anns a' mheadhan, seall dè rinn iad airson an amas a ruighinn (an ceumannan), na duilgheadasan a bh' aca, am faireachdainnean agus smuaintean. Tha rum anns a' phlana seo airson trì ceumannan. Cleachd taobh eile na duilleige ma tha thu ag iarraidh barrachd anns an sgeulachd agad.

Ceumannan:	Duilgheadasan	Faireachdainnean/Smuaintean

- Aig an deireadh, seall dè am briseadh-dùil no an dubh-leagail a bh' ann agus faireachdainnean nan caractaran.

Dubh-leagail
Faireachdainnean



Chaidh an dithis a thoirt air falbh far an eilein gu ionad sònraichte airson clann a bha a' fulang le bhith a' gabhail stuth mì-laghail. Chaidh na reubairean mòra a thoirt air falbh dhan phrìosan. Chaidh am bàta a thoirt air falbh agus chaidh teine mòr a dhèanamh ann an Roisinis an oidhche sin air an stuth a bha sa bhothan.

Shuidh iad air a' chnoc a' sealltainn air na lasairean a bha a' leum dhan adhar.

Chaidh an toirt dhachaigh sàbhailte an oidhche sin anns a' heileacoptar. Abair thusa gu robh deagh chrìoch air an là fhada chunnartach a chuir a' chlann seachad ann an Roisinis.

Td. 73 -74 Reubairean Roisinis le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 2001)

Thug Màiri pòg mhòr dha màthair, 's dh'fhalbh i sìos dhan leabaidh. Air an rathad, thug i leatha an teadaidh sònraicht' aice fhèin – coineanach beag donn a bha air a bhith aice on a bha i na pàiste anns a' chot.

Chaidil an dithis aca gu sunndach sìtheil an uchd a chèile, gus an do dh'èirich grian na maidne, a' deàlradh orra le solas slàn.

Motair-baidhsagal agus Sgàthan le Aonghas Phàdraig Caimbeul (Acair2000)

Phut Caitlin Eddy. "A bheil thu a' creidsinn ann an taibhsichean a-nis?"

Rinn e fiamh a' ghàire leisg a bha ag innse barrachd na mìle facal.

Bha màthair Fhionnlaigh air a chùlaibh ga phutadh.

"Fuirich gus am faigh sinne dhachaigh," thuirt i fo h-anail.

Ghabh Fionnlagh an leabhar bho làmh Eddy.

"Tapadh leat," thuirt e, "bidh feum agam air seo."

Rinn Rob gàire beag tiomach ris fhèin



Pongadh
agus
Cumadh



Paragrafan



Mìneachadh:

earrann sgrìobhaidh air leth, a' tòiseachadh air loidhne ùr agus, mar as trice, a' tòiseachadh rud beag nas fhaide a-steach na loidhnichean eile.



Ro-ràdh:

Aig Ìre D bu chòir do sgoilearan a bhith a' sgrìobhadh rosg ann am paragrafan agus a' sealltainn gun tuig iad an ceangal a tha eadar paragrafan agus adhbharan sgrìobhaidh. Bidh iad air tòiseachadh air seo aig ìre C. Anns an aonad seo tha dòighean-teagaisg airson clann a chuideachadh paragrafan a chleachdadh gu h-èifeachdach ann an stòiridhean agus aithisgean.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Iarr air na sgoilearan mìneachadh de 'paragraf' a sgrìobhadh air pìos pàipeir. Cuidichidh seo thu ann a bhith a' faicinn dè an tuigse a th' aca mu thràth.
- Tagh mìneachadh math a sgrìobh aon sgoilear agus sgrìobh air a' bhòrd-dhubh e, no sgrìobh am mìneachadh air a' chòmhdach air a' bhòrd-dhubh.
- Coimhead air a' chiad duilleig de nobhail no sgeulachd ghoirid sam bith. Cia mheud paragraf a th' ann? Carson a tha an sgrìobhadh air a roinn ann am paragrafan?
- Thoir leth-bhreac de duilleag-obrach 1 dhan h-uile sgoilear anns a' bhuidhinn (no chlas) agus coimhead mar a rinn an sgrìobhadair plana airson aiste ann am paragrafan.

Sgrìobhadh gnìomhachail: Bu chòir iomadh seòrsa sgrìobhaidh gnìomhachail a bhith ann am paragrafan: litrichean, aithisgean, cunntasan agus aistidhean. Seo earrann bhon leabhar Canada (Acair 1991)

Tha ceithir seòrsachan talamh fiadhaich nàdarra ann an Canada. 'S e choille nàdarra a tha a' còmhdach leth na dùthcha, a th' anns a' chiad bhann. Tha craobhan daraich agus mapail a' fàs anns an ear agus craobhan giuthais anns a' mheadhan. Tha beathaichean mar moose, fèidh, mathain, bìobhairean, martenean agus madaidhean-allaidh rim faighinn anns na coilltean.

'S e tundra na h-Artaic a th' anns an dara bann. Tha seo cho fuar agus nach fhàs craobhan. Tha an talamh còmhdach le feur, còinneach agus flùraichean rè an t-samhraidh ghoirid agus le sneachda agus reothadh airson a' chòrr den bhliadhna. Tha an caribou pailt ann an seo agus bidh iad ag ithe crotal agus còinneach.

'S e na Beanntan Creagach san iar agus na beanntan Appalachianach san ear an treas bann talmhainn. Tha beathaichean beinne mar chaora nan adhaircean mòra, am mathan mollach agus an cougar anns na beanntan seo. Is toigh le eòin mar an iolaire, an tàrmachan agus a' chearc-thomain an talamh àrd seo.

Tha obair-àitich air cur às do na beathaichean agus do na lusan, a bha uair a' tighinn beò gu nàdarra anns a' cheathramh bann, na Prèidhridhean. Cha do dh'fhuadaich an slugh na sionnaich, na fèidh agus na mathain dhubha idir ge-tà. Tha e duilich nach fhaic sinn a-chaidh cùisean mar a bha iad sa chèarnaidh seo, le feur àrd a' fàs cho fada 's a chì sùil. Chan fhaic sinn nas mò na buabhaill a b' àbhaist a bhith seo nam mìltean.

Td. 12 Canada (Acair 1991)



Puingean ri Dheasbad:

- Cia mheud paragraf a th' anns an earrainn seo? (ceithir)
- Dè am prìomh phuing a tha aig gach paragraf? (1. Coilltean 2. Tundra 3. Beanntan 4. Prèidhridhean)
- Tha gach paragraf a' dèiligeadh ri cuspair rud beag eadar-dhealaichte ach tha na cuspairean sin air an ceangal ann an dòigh air choreigin.
- Rinn an sgrìobhadair ceangal eadar paragraf 1 agus 2. An urrainn dhut a lorg? (craobhan – tha tòrr anns a' chiad bhann ach chan fhàs gin air an tundra)
- Am faic thu ceangal sam bith eadar paragrafan 3 agus 4? (fiadh-bheatha – tha tòrr anns na beanntan ach chan eil mòran air fhàgail air na prèidhridhean)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Cleachd an duilleag-planaidh (duilleag-obrach 2) agus dèan am plana a tha thu a' smaointinn a rinn an sgrìobhadair airson na h-earrainne seo.
- Dèan duilleag-planaidh agus lion i a-steach airson sealltainn mar a sgrìobhadh tu aiste mu rudeigin anns a bheil ùidh agad fhèin: (mar eisimpleir còmhlan ciùil, beathach air choreigin, sgioba ball-coise, bàtaichean, tachartas bliadhnail). Cuimhnich gum bi gach paragraf a' dèiligeadh ri puing rud beag eadar-dhealaichte taobh a-staigh a' chuspair a thagh thu.
- Nuair a tha do phlana deiseil, sgrìobh an aiste. An urrainn dhut na paragrafan a cheangal ri chèile ann an dòigh air choreigin? Cuimhnich paragraf a chur aig an toiseach airson an cuspair a thoirt a-steach agus ùidh an leughadair a ghlacadh, agus paragraf a chur aig an deireadh airson an cuspair a thoirt gu crìoch.



Bha am baile beag Kolina air taobh a tuath Phosen. Bha slighe de ghainmheach a' dol tarsainn nan achaidhean ga ionnsaigh. Bha an t-slighe seo làn de dhaoine, tòrr chloinn nam measg, oir bha iad air cluinntinn gu robh cidsin mòr air fhosgladh anns a' bhaile agus gu robh buidhnean-faochaidh ag obair ann.

B' ann ann am pàirt gus am faigheadh iad biadh is fois a chuir Ruth, Bronia agus Jan an taobh sin, ... agus ann am pàirt dìreach gu robh a h-uile duine eile a' dol ann agus chaidh an glacadh anns an t-sruth. Cha robh feum sam bith dhaibh barrachd ùine a chur seachad ann am Posen, agus cha robh Ruth deònach gluasad air adhart dhan Eilbheis às aonais Edek.

An uair a thàinig iad na b' fhaisge, chuala iad measgachadh fhuaimnean; bualadh, gàireachdainn agus èigheachd. Bha bothagan fiodha a' leum suas air feadh an raoin. Bha inneal-measgachaidh trang a' dèanamh saimeant airson buinn-stèidh nam bothagan agus, faisg air làimh, bha cidsin Ruiseanach trang a' deasachadh biadh.

Roinn oifigear-faochaidh na daoine ann an trì buidhnean cho luath 's a ràinig iad. Chaidh a' chlann a thoirt do dh'achadh a bha air a sgaradh bho na bhothagan le ròpa. Bha an t-achadh seo làn de dh'òigridh, a' chuid bu mhotha dhiubh nan suidhe sàmhach air an talamh.

Td. 61 **The Silver Sword** le Ian Serraillier (*Puffin* 1966) Air eadar-theangachadh bhon a' Bheurla

Puingean ri Dheasbad:

- Cia mheud paragraf a th' anns an earrainn seo? (*ceithir*)
- Carson a thòisich an sgrìobhadair paragraf ùr gach turas? (*Tha gach paragraf a' dèiligeadh le tachartas rud beag eadar-dhealaichte.*)
- Ciamar a tha gach paragraf ùr a' tòiseachadh? (*loidhne ùr, a-steach rud beag*)
- Dè a' phrìomh phuing anns gach paragraf? (*1. Tuairisgeul den t-suidheachadh 2. Faireachdainnean na cloinne 3. Tuairisgeul den bhaile bheag 4. Dè thachair don chloinn*)



Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Leugh a' chiad chaibideil de stòiridh bhon leabharlann. Coimhead air na paragrafan. Ciamar a tha gach paragraf ùr a' tòiseachadh? Cò mu dheidhinn a tha gach paragraf? Carson a thòisich an sgrìobhadair paragraf ùr gach turas?
- Coimhead air stòiridh a sgrìobh thu an-uiridh. A bheil i ann am paragrafan? Mura bheil, smaoinich air càit' am bu chòir dhut paragraf ùr a thòiseachadh agus carson.
- Duilleag-obrach 3

Stòiridh le co-chòmhradh: Seo earrann air a thoirt bho mheadhan an leabhair À Ulbha gu Geelong, stòiridh suidhichte aig àm nam fuadaichean.

Bho shàbhailteachd na coille calltainn chithinn fhìn agus mo bhràthair an triùir fhìreannach a' tilleadh air ais chun na sgoile. Bha an dìthis againn a-nis ann an suidheachadh truagh. Cha b' urrainn dhuinn a dhol dhachaigh. Nan deigheadh, bhiodh 's dòcha an t-uachdaran agus an dìthis eile ann romhainn, no a' leantainn air ar cùlaibh. Cha robh againn ach fuireach am falach agus faicinn dè a thachradh.

"Tha mi duilich," thuirt Dòmhnall, agus e a' bualadh stoc na craoibhe a b' fhaisce air le dhòrn.

"Duilich airson dè?" thuirt mi le gàire. "Nach do mharbh thu Mgr Clerk le do bhuidseachd?"

"Cha robh mi ga chiallachadh. Cha robh ann ach spòrs. Tha fhios agad air sin," fhreagair e gu neo-chiontach.

Bha mi a' faireachdainn duilich air a shon. Bha fhios 'am nach b' e gille dona a bh' ann, ach gun robh e air a chur thuige le obair olc Mhgr Clerk.


"Seall, seall," ghlaodh e. "Tha iad a' falbh bhon sgoil."

Fada shìos bhuainn chitheamaid Mgr Clerk agus am ministear, agus iad a' dèanamh air an rathad.

"Tha cuideigin eile ann," arsa Dòmhnall fo anail. "Seall, a bheil thu ga faicinn?"

Reòth an fhuil nam chuislean. Bha dìthis pholasman ann agus fear le deise agus ad dhubh. Cha b' urrainn sin a bhith a' ciallachadh ach aon nì - bha teaghlach eile a' dol chun na sitig. Stad iad a bhruidhinn ri Mgr Clerk agus am ministear. Ann am mionaid no dhà chum iad orra agus an t-uachdaran còmhla riutha. Thill am ministear air ais rathad Àird na Caillich.

"Trohadh," thuirt mo bhràthair. "Chì sinn cà' il iad a' dol." Bha a shùilean a' lasadh mar gum b' e tachartas dìomhair, cunnartach a bh' ann.





Puingean ri Dheasbad:

- Dè am prìomh phuing a th' anns a' chiad pharagraf? (*a' sealltainn an t-suidheachaidh anns a bheil a' chlann.*)
- Cia mheud paragraf eadar-dhealaichte a th' anns an earrainn seo? (*deich*)
- A bheil iad uile an aon fhaid? (*chan eil*)
- Carson a tha an uimhir ann? (*Tha tòrr còmhraidh ann*)
- Ciamar a tha gach paragraf ùr a' tòiseachadh? (*loidhne ùr, a-steach rud beag*)
- Feumaidh tu paragraf ùr a thòiseachadh nuair a thòisicheas cuideigin ùr a' bruidhinn. Lorg eisimpleir de seo anns an earrainn seo.
- Carson nach eil paragraf ùr ann aig na facail "Tha iad a' falbh bhon sgoil."?
(*'S e fhathast Dòmhnall a tha a' bruidhinn, chan e cuideigin eadar-dhealaichte.*)
- Lorg eisimpleir eile mar seo. (*"Nach do mharbh thu Mgr Clerk le do bhuidseachd", "Seall, a bheil thu gam faicinn?"*)

Gnìomhan do na Sgoilearan

- Leugh caibideil den leabhar A Ulbha gu Geelong (no leabhar eile), a' coimhead air na paragrafan. Smaoinich mu phrìomh phuing gach paragraf agus carson a thòisich an sgrìobhadair paragraf ùr gach turas.
- Leugh stòiridh a sgrìobh thu an-uiridh. A bheil i ann am paragrafan? Mura bheil, comharraich far am bu chòir paragraf ùr tòiseachadh.
- Duilleag-obrach 4





PARAGRAFAN – Prìomh Phuingean

Tha paragraf a' sealltainn don leughadair gu bheil aon phàirt deiseil agus gu bheil pàirt ùr a' tòiseachadh.

Faodaidh paragraf a bhith goirid – dìreach aon seantans – no fada.

Cleachd paragrafan ann an sgrìobhadh

- ann an stòiridhean, aistidhean, aithrisean agus litrichean
- airson sgrìobhadh a bhriseadh suas agus a dhèanamh nas fhurasta a leantainn

Tòisich paragraf ùr

- air loidhne ùr agus a-steach rud beag
- nuair a thòisicheas caractar eadar-dhealaichte a' bruidhinn
- airson tachartas, smuain, beachd no sealladh ùr a thoirt a-steach airson gach prìomh phuing ùr

Paragrafan - duilleag-obrach I

Ainm:

Seo an duilleag-planaidh a chleachd cuideigin airson aiste a sgrìobhadh air siubhal nam beann.

Cuspair: A' Siubhal nam Beann

Prìomh Phuing: Aodach

Sgrìobh mu dheidhinn:

Aodach dìonach
Aimsir - gaoth, uisge, etc

Prìomh Phuing: Fallaineachd

Sgrìobh mu dheidhinn:

Coiseachd fad an latha
Giùlain poca

Prìomh Phuing: Maraireachd

Sgrìobh mu dheidhinn:

Deagh mhapa den àite
Comas a chleachdadh



a. Seo mar a chleachd an sgrìobhadair na nòtaichean seo gus paragrafan a sgrìobhadh airson meadhan na h-aiste.

Paragraf 1:

Nuair a thèid thu air cuairt anns na beanntan tha e cudromach gun cuir thu ort aodach freagarrach. Tha aodach aotrom feumail agus aodach a thiormaicheas gu furasta, mus fàs thu fliuch. Air an adhbhar sin, chan eil dìnichean ro mhath oir tha iad gu math trom agus mi-cofhurtail nuair a tha iad fliuch. Feumaidh tu cuideachd bòtannan cofhurtail, làidir a bheir taic gu leòr dhut gus nach tuit thu agus gus nach goirtich thu caol do chois. Tha aodach dìonach gu math feumail cuideachd oir tha an t-uisge tric ann shuas anns na beanntan (gu h-àraidh nuair a thèid mise air cuairt annta!) Tha tòrr aodach eile ann a-nis, a bheir taiseachd air falbh ma dh'fhàsas tu teth agus fallasach, ach tha iad seo gu math daor.

Paragraf 2:

Ged nach fheum thu a bhith air leth fallain airson siubhal nam beann, feumaidh tu a bhith meadhanach fallain oir cha toir bus no tagsaidh far na beinne thu ma dh'fhàsas tu sgìth. Bidh agad ri poca-droma a ghiùlain cuideachd le biadh, deoch agus aodach dìonach. Chan eil e furasta poca trom a ghiùlain fad an latha mura bheil thu fallain. Tha e cudromach, gus nach fhàs thu ro sgìth, fois agus grèim bidhe a ghabhail gu tric. Bu chòir dhut ithe agus òl eadhon mura bheil an t-acras no am pàthadh ort, airson do lùths agus neart a chumail suas.



Paragraf 3:

Ma tha thu ag iarraidh falbh air cuairt anns na beanntan, tha e cudromach gun urrainn dhut do shlighe a lorg. Feumaidh deagh mhapa mionaideach den cheàrnaidh a bhith agad agus feumaidh tu bhith comasach a chleachdadh. Mar as trice, chan eil mapa-rathaid math gu leòr shuas air a' mhònadh, ach tha mapaichean a dh'aona ghnòthaich ann. Bidh feum agad air combaist cuideachd agus sgilean a chleachdadh. Tha e doirbh fhaicinn càite bheil thu ma tha ceò no sgòthan ann agus 's e combaist an aon rud a sheallas dhut an àird cheart. Cuidichidh ceumannan agus càirn thu gu ìre bheag, ach cha bu chòir dhut d' earbsa a chur annta buileach.

b. Dèan fhèin nòtaichean airson paragraf aig toiseach agus deireadh na h-aiste:

Toiseach: (a' toirt a-steach a' chuspair)

Deireadh: (a' toirt a' chuspair gu crìoch le geàrr-chunntas)



Paragrafan - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Cleachd an duilleag-planaidh seo airson plana paragraif a dhèanamh airson na h-aiste mu Chanada.

Cuspair:

Prìomh Phuing:

Sgrìobh mu dheidhinn:



b. Cleachd an duilleag-planaidh seo airson plana paragraif a dhèanamh air cuspair eile.

Cuspair:

Prìomh Phuing:

Sgrìobh mu dheidhinn:



Paragrafan - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Leugh an earrann seo bhon leabhar Rum do Choigreach le Ann Turnbull. An uair sin leugh na h-abairtean mu pharagrafan gu h-ìosal agus sgrìobh a bheil iad ceart no ceàrr.



Bha an taigh ann an dorchadas. Chaidh Doreen bho rum gu rum a' cur nan cùrtairean dubha air na h-uinneagan. Bha aice ri na sèithrichean a shlaodadh mun cuairt is seasamh orra gus ruighinn àrd gu leòr, ach mu dheireadh bha gach rum dèanta 's dh'fhaodadh i solas a chur air.

Bha i a' faireachdainn aonranach 's bha 'n t-eagal oirre, 's i a' miannachadh nach robh Lennie air a dhol a-mach. Bhiodh esan air a dhol còmhla rithe chun na Seann Làraich.

Nuair a bhiodh na solais dheth, b' àbhaist leus beag de shoillse an latha fhathast a bhith ri fhaicinn a-muigh air an t-sràid. Ach a' coimhead a-mach a-nis, chunnaic Doreen gu robh an t-adhar dubh.

Bha eagal uabhasach oirre mu dhol a-mach leatha fhèin. Agus am biodh Rhoda aig an t-Seann Làraich? An rachadh i dha-rìribh an sin, 's fhios aice gum feumadh i fuireach ann fad na h-oidhche 's e dubh, dorcha?

Cha b' urrainn dhòmhsa dhèanamh, smaoinich Doreen.

Ach cha robh Rhoda coltach rithese. Chuimhnich Doreen mun fheasgar a bha iad aig an t-Seann Làraich còmhla ri Lennie. Cha robh eagal air Rhoda nuair a thòisich e a' ciaradh. Agus càit eile am b' urrainn dhi a dhol co-dhiù?

Thèid mi ann cho luath 's a ghabhas, smaoinich Doreen. Chan fheum mi dhol a-steach dhan Toll Dhubh. Èighidh mi oirre. Innsidh mi dhi gu bheil mi duilich 's gheibh sinn tilleadh dhachaigh mus faigh Mamaidh a-mach mu dheidhinn ...

Chuir i dheth an solas 's dh'fhosgail i an doras-cùil. Bha ciùthran bog de dh'uisge ann. Fhuair i a còt-uisge far na h-ulaig 's dh'fhalbh i mach.



1. Tha ochd paragrafan anns an earrainn seo. Ceart / ceàrr
2. Tha a' chiad pharagraf a' sealltainn faireachdainnean Doreen. Ceart / ceàrr.
3. Tha a h-uile paragraf an aon mheud. Ceart / ceàrr
4. Tha a h-uile paragraf mu dheidhinn smuaintean Doreen. Ceart / ceàrr.
5. Tha prìomh phuinge gach paragraif eadar-dhealaichte. Ceart / ceàrr
6. Tha a' chiad sheantans den pharagraf a' sealltainn prìomh phuing a' pharagraif. Ceart / ceàrr

b. Leig ort gu bheil thusa a' deasachadh an leabhair agus gu bheil agad ri sealltainn càit' am bu chòir paragrafan ùra tòiseachadh. Tha ceithir ann. Comharraich gach àite airson paragraf ùr mar seo - //. Cuimhnich gum bi a' chiad sheantans de pharagraf gu math tric a' sealltainn prìomh phuing a' pharagraif. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

//Bha an t-sràid dubh, dorch, na lampaichean sràide dheth, gun aon bhig de sholas a' tighinn bho ghin dhe na taighean. Cha bhiodh Doreen a' dol a-mach san dorchadas leatha fhèin uair sam bith. Cha bhiodh na gin dhe a caraidean. Bhiodh iad an-còmhnaidh aig an taigh mus tigeadh an dorchadas. Cha b' ionnan a bhith dol a-mach còmhla ri Mam no Lennie, gu taigh Antaidh Elsie no dhan taigh-dhealbh. Bhiodh i air bhioran air tursan mar sin, trang a' cabadaich 's toilichte a' faighinn chips bhlasta ann am pocan pàipeir-naidheachd. An-dràsta, ge-tà, cha b' urrainn dhi smaointinn air càil ach fuaim aonranach a brògan air a' chabhsair. Dh'fhàs na faileasan fiù 's na bu duirche nuair a bha i coiseachd eadar na callaidean air an rathad chun na Seann Làraich. Cha b' urrainn dhi dèanamh a-mach far an robh i a' dol a chur a casan, 's cha robh roimhe ach an dorchadas agus fuaim an uisge air na duilleagan. Bha i a' faireachdainn gu tur na h-aonar. Chan aithnich mi an t-àite nuair a ruigeas mi e, smaoinich i. Ach air dhòigh air choreigin, dh'aithnich. Thug a casan i air an rathad air an robh i cho eòlach, a-staigh am measg nan seann togalaichean, seachad air doras an tunail. Beag air bheag, chunnaic i na ballaichean is freumhan nan craobhan. Shìos ann an lag bha an t-slighe a-steach dhan Toll Dhùbh.



Paragrafan - duilleag-obrach 4

Ainm:

a. Freagair na ceistean seo mu pharagrafan.

1. Càit' am bu chòir dhut paragraf ùr a thòiseachadh ann an stòiridh?
(Sgrìobh dà àite)

2. Carson a tha stòiridhean sgrìobhte ann am paragrafan?

3. Dè nì thu ma thòisicheas cuideigin eadar-dhealaichte a' bruidhinn ann an stòiridh?

4. Cuir cearcall mun h-uile gnè-sgrìobhaidh a bu chòir a bhith sgrìobhte ann am paragrafan:

Bàrdachd

Sgeulachd goirid

Aithris-naidheachd

Litir

Sanas-reic

Nobhail



b. Seo còmhradh bho stòiridh ach chan eil e sgrìobhte ann am paragrafan. Seall far am bu chòir paragraf ùr tòiseachadh leis an t-samhla //.

Cha robh Seumas ach air am fòn a chur sìos agus air a thighinn a-mach às a' bhogsa nuair a chuala iad srann càir a' thighinn a-nuas an rathad. Choimhead na gillean taobh an fhuaim. Bha càr dearg a' thighinn agus abair gu robh e a' falbh luath. "Saoil an e iadsan a tha seo?" ars Iain. "Tha e a' coimhead coltach riutha," fhreagair Seumas. "Thugainn air ais bho oir an rathaid." Thill na gillean ceum no dhà air ais agus chrùb iad sìos ri taobh bogsa na fòn. Chaidh an càr seachad agus dh'aithnich na gillean gur e na reubairean a bh' ann. B' e fear na feusaig a b' fhaisge orra, ach cha robh an ad dhà-bhileach air an dràibhear an turas seo! "Tha mi an dòchas nach bi na poilis fada. Gheibh na reubairean air falbh mura greas iad orra," arsa Seumas.

Td. 71 **Diomhaireachd Caisteal Bhuirgh** le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 1993)

c. Cuir cearcall mu fhear de na paragrafan a chomharraich thu le peansail dathte. Sgrìobh carson a tha thu a' smaointinn gum bu chòir paragraf ùr tòiseachadh an seo.



d. Coimhead air stòiridh no aithisg a sgrìobh thusa an-uiridh.

1. A bheil i sgrìobhte ann am paragrafan?
2. Mura bheil, comharraich far am bu chòir paragrafan ùra tòiseachadh.



Tha ceithir seòrsachan talamh fiadhaich nàdarra ann an Canada. 'S e choille nàdarra a tha a' còmhdach leth na dùthcha, a th' anns a' chiad bhann. Tha craobhan daraich agus mapail a' fàs anns an ear agus craobhan giuthais anns a' mheadhan. Tha beathaichean mar moose, fèidh, mathain, bìobhairean, martenean agus madaidhean-allaidh rim faighinn anns na coilltean.

'S e tundra na h-Artaic a th' anns an dara bann. Tha seo cho fuar agus nach fhàs craobhan. Tha an talamh còmhdach le feur, còinneach agus flùraichean rè an t-samhraidh ghoirid agus le sneachda agus reothadh airson a' chòrr den bhliadhna. Tha an caribou pailt ann an seo agus bidh iad ag ithe crotal agus còinneach.

'S e na Beanntan Creagach san iar agus na beanntan Appalachianach san ear an treas bann talmhainn. Tha beathaichean beinne mar chaora nan adhaircean mòra, am mathan mollach agus an cougar anns na beanntan seo. Is toigh le eòin mar an iolaire, an tàrmachan agus a' chearc-thomain an talamh àrd seo.

Tha obair-àitich air cur às do na beathaichean agus do na lusan, a bha uair a' tighinn beò gu nàdarra anns a' cheathramh bann, na Prèidhrìdhean. Cha do dh'fhuadaich an slugh na sionnaich, na fèidh agus na mathain dhubha idir ge-tà. Tha e duilich nach fhaic sinn a-chaidh cùisean mar a bha iad sa chèarnaidh seo, le feur àrd a' fàs cho fada 's a chì sùil. Chan fhaic sinn nas mò na buabhaill a b' àbhaist a bhith seo nam mìltean.

Td. 12 **Canada** (Acair 1991)



Bha am baile beag Kolina air taobh a tuath Phosen. Bha slighe de ghainmheach a' dol tarsainn nan achaidhean ga ionnsaigh. Bha an t-slighe seo làn de dhaoine, tòrr chloinn nam measg, oir bha iad air cluinntinn gu robh cidsin mòr air fhosgladh anns a' bhaile agus gu robh buidhnean-faochaidh ag obair ann.

B' ann ann am pàirt gus am faigheadh iad biadh is fois a chuir Ruth, Bronia agus Jan an taobh sin, ... agus ann am pàirt dìreach gu robh a h-uile duine eile a' dol ann agus chaidh an glacadh anns an t-sruth. Cha robh feum sam bith dhaibh barrachd ùine a chur seachad ann am Posen, agus cha robh Ruth deònach gluasad air adhart dhan Eilbheis às aonais Edek.

An uair a thàinig iad na b' fhaisge, chuala iad measgachadh fhuaimean; bualadh, gàireachdainn agus èigheachd. Bha bothagan fiodha a' leum suas air feadh an raoin. Bha inneal-measgachaidh trang a' dèanamh saimeant airson buinn-stèidh nam bothagan agus, faisg air làimh, bha cidsin Ruiseanach trang a' deasachadh biadh.

Roinn oifigear-faochaidh na daoine ann an trì buidhnean cho luath 's a ràinig iad. Chaidh a' chlann a thoirt do dh'achadh a bha air a sgaradh bho na bhothagan le ròpa. Bha an t-achadh seo làn de dh'òigridh, a' chuid bu mhotha dhiubh nan suidhe sàmhach air an talamh.

Td. 61 **The Silver Sword** le Ian Serrailier (*Puffin 1966*) Air eadar-theangachadh bhon a' Bheurla



Bho shàbhailteachd na coille calltainn chithinn fhìn agus mo bhràthair an triùir fhìreannach a' tilleadh air ais chun na sgoile. Bha an dìthis againn a-nis ann an suidheachadh truagh. Cha b' urrainn dhuinn a dhol dhachaigh. Nan deigheadh, bhiodh 's dòcha an t-uachdaran agus an dìthis eile ann romhainn, no a' leantainn air ar cùlaibh. Cha robh againn ach fuireach am falach agus faicinn dè a thachradh.

"Tha mi duilich," thuirt Dòmhnall, agus e a' bualadh stoc na craoibhe a b' fhaisce air le dhòrn.

"Duilich airson dè?" thuirt mi le gàire. "Nach do mharbh thu Mgr Clerk le do bhuidseachd?"

"Cha robh mi ga chiallachadh. Cha robh ann ach spòrs. Tha fhios agad air sin," fhreagair e gu neo-chiontach.

Bha mi a' faireachdainn duilich air a shon. Bha fhios 'am nach b' e gille dona a bh' ann, ach gun robh e air a chur thuige le obair olc Mhgr Clerk.

"Seall, seall," ghlaodh e. "Tha iad a' falbh bhon sgoil."

Fada shìos bhuainn chitheamaid Mgr Clerk agus am ministear, agus iad a' dèanamh air an rathad.

"Tha cuideigin eile ann," arsa Dòmhnall fo anail. "Seall, a bheil thu ga faicinn?"

Reòth an fhuil nam chuislean. Bha dìthis pholasman ann agus fear le deise agus ad dhubh. Cha b' urrainn sin a bhith a' ciallachadh ach aon nì - bha teaghlach eile a' dol chun na sitig. Stad iad a bhruidhinn ri Mgr Clerk agus am ministear. Ann am mionaid no dhà chum iad orra agus an t-uachdaran còmhla riutha. Thill am ministear air ais rathad Àird na Caillich.

"Trohadh," thuirt mo bhràthair. "Chì sinn cà' il iad a' dol." Bha a shùilean a' lasadh mar gum b' e tachartas dìomhair, cunnartach a bh' ann.



Cumaidhean Sheantansan





Stiùireadh do Thidsearan:

Tha sgrìobhadh tòrr nas inntinniche agus nas siùbhlaiche ma tha an sgrìobhadair a' cleachdadh sheantansan de dhiofar chumaidhean agus ma tha seantansan a' tòiseachadh ann an diofar dhòighean.

Dè tha ann an seantans? Faighnich don chloinn dè tha ann an seantans no rosg-rann. Iarr orra uile mìneachadh a sgrìobhadh. Coimhead air cuid de na mìneachaidhean aca agus bruidhinn mun deidhinn mar chlas no mar bhuidhinn sgrìobhaidh. Dh'fhaodadh iad am mìneachadh **as** fheàrr a thaghadh. Iarr orra mìneachadh airson 'seantans' no 'rosg-rann' a lorg ann am faclair agus coimeas a dhèanamh eadar sin agus am mìneachadh aca fhèin. Sgrìobh am mìneachadh as fheàrr far am faic a h-uile duine e. Bu chòir na puingeann seo a bhith anns a' mhìneachadh:

- * Nì na faclan ann an seantans ciall leotha fhèin.
- * Tha gnìomhair slàn anns a h-uile seantans.
- * Feumaidh litir mhòr a bhith aig toiseach seantans.
- * Feumaidh stad-phuing, comharra-ceist no clisg-phuing a bhith aig deireadh seantans.

Dè tha ann an clàs?

- Innis don chloinn dè tha ann an clàs – pàirt de sheantans anns a bheil gnìomhair slàn. (m.e. Thuit ; Bha ... a' dol;)
- Ath-sgrìobh seantansan bho leabhar air a' bhòrd-dhubh. Iarr air a' chloinn na gnìomhairean slàn a lorg. Bruidhinn mu dheidhinn cia mheud clàs a tha anns gach seantans – aon, dhà no barrachd air a dhà.
- Iarr orra seantans le aon gnìomhair slàn a lorg ann an teacs agus an uair sin seantans le dà gnìomhair shlàn.
- Thoir dhaibh **duilleag-obrach 1** air a bheil ceistean mu dheidhinn rosg-rannan agus clàsan.

Seantansan eadar-dhealaichte:

Tha sgrìobhadh nas inntinniche ma tha caochladh sheòrsa seantans ann. Brosnaich a' chlann agus seantansan fada agus goirid a chleachdadh, cho math ri ceistean agus clisg-phuingean. Coimhead air seantansan simplidh, seantansan fillte agus seantansan ioma-fhillte.

a) Seantansan simplidh:

'S e seantans le aon chlàs seantans simplidh. Tha aon ghnìomhair slàn anns gach fear. Seo eisimpleirean leis a' ghnìomhair 'ruith' no 'bha... a' ruith'. (*Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gur e aon ghnìomhair slàn a th' ann an abairtean mar 'bha ...a' ruith', 'tha ...a' falbh'*):

Ruith mi dhachaigh.

Ruith a' chlann air falbh dhan choille.

Ruith a' chlann cho luath 's a b' urrainn dhaibh.

Bha a' chlann a' ruith air falbh.

*Sgrìobh seantans simplidh air a' bhòrd-dhubh agus faighnich ceistean mu a dheidhinn.
m.e. **Chunnaic an duine càr.**

- Dè an gnìomhair a tha ann? (chunnaic)
- Co mu dheidhinn a tha an seantans? (an duine)
- Dè tha an seantans ag innse dhuinn mu dheidhinn an duine? (gum faca e càr)

(Airson clann aig ìre E, bruidhinn mu dheidhinn **cùisear** agus **aisneis**. Tha aon cùisear agus aon aisneis ann an seantans shimplidh. Airson an cùisear a lorg, faighnich co mu dheidhinn a tha an seantans. Airson an aisneis a lorg, faighnich dè tha an seantans ag innse mun chùisear)

- Tha seantansan simplidh goirid feumail ann an sgrìobhadh. Faodaidh iad a bhith gu math làidir – a' cruthachadh strì no dràma, no a' sealltainn faireachdainnean. (m.e. *Cha robh sgeul air. Rinn i osna. Bha am fuaim gam bhodhradh. Stad e.*)
- Ach chan eil teacs inntinneach ri leughadh ma tha a h-uile seantans simplidh agus ma tha iad uile a' leantainn an aon structair. Tha caochladh cudromach. Bruidhinn mu dheidhinn dìofar dhòighean air seantans simplidh atharrachadh: Seo dòighean eadar-dhealaichte '*Chunnaic an duine càr*' a sgrìobhadh:
 - Le buadhairean/ co-ghnìomhairean: *Gu h-obann, chunnaic an seann duine càr neònach.*
 - Le faclan eadar-dhealaichte: *Mhothaich am bodach gu robh Rolls Royce ann.*
 - Le faclan eile aig an toiseach: *Nuair a choimhead e a-mach air an uinneig, chunnaic an duine càr.*
 - Le faclan eile aig an deireadh: *Chunnaic an duine càr agus leum e gu a chasan.*
 - Le ìomhaigheachd: *Chunnaic an duine càr a' dol seachad mar pheilear.*
 - Le clisg-phuing: *Abair càr neònach!*

* Duilleag-obrach 2



b) Seantansan fillte:

Ann an seantansan fillte tha barrachd air aon chlàs. Tha na clàsan air an ceangal le naisgearan. Chan eil aon chlàs nas cudromaiche na an fheadhainn eile. Seo eisimpleirean. Lorg an naisgear anns gach fear:

Ruith mi dhachaigh nuair a chuala mi mo mhàthair ag èigheachd orm.
Ruith a' chlann air falbh dhan choille, far an do lorg iad bothan beag.
Ruith a' chlann cho luath 's a b' urrainn dhaibh, ach cha robh e gu feum.
Bha a' chlann a' ruith air falbh a chionn 's gu robh an t-eagal orra.

- Coimhead airson seantansan fillte ann an teacs agus mar a tha iad air an ceangal le naisgearan.
- Coimhead air an aonad air naisgearan anns a' phac seo airson barrachd gnìomhan teagaisg.
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann nach eil seantansan ro fhada furasta ri leughadh. Brosnaich iad gun a bhith a' cur cus 'phàirtean' eadar-dhealaichte ann an aon seantans.

• **Duilleag-obrach 3**

c) Seantansan ioma-fhillte

Ann an seantansan ioma-fhillte tha barrachd air aon chlàs. Tha aon chlàs nas cudromaiche na an fheadhainn eile. Uaireannan tha abairtean ann cuideachd nach seas leotha fhèin idir.

Tràth anns a' mhadainn, ruith a' chlann air falbh dhan choille, far an do lorg iad bothan beag

- Dè am pàirt den t-seantans as cudromaiche? (*Ruith a' chlann air falbh dhan choille.*)
- Dè am pàirt nach seas leis fhèin? (*Tràth anns a' mhadainn*)
- Ciamar a sgrìobhadh tu an seantans seo mar thrì seantansan diofraichte?
(*Bha e tràth anns a' mhadainn. Ruith a' chlann air falbh dhan choille. Lorg iad bothan beag an sin.*)
- Dè an dòigh as fheàrr nad bheachd-sa? Carson?

* Seo ceithir seantansan sìmplidh. Tha an aon structair anns a h-uile seantans agus mar sin, chan eil an teacs inntinneach don leughadair idir. Iarr air a' chloinn aon seantans a sgrìobhadh an àite ceithir, a' sealltainn an fhiosrachaidh air fad.

Chunnaic Eilidh each. Bha an t-each dubh. Bha a piuthar air an each. Bha Eilidh aig a' gheata.

(m.e. *Na seasamh aig a' gheata, chunnaic Eilidh a piuthar a' dol seachad air each dubh.*)

Chaidh mi dhachaigh. An uair sin chaidh mi a-mach a chluich. Chaidh Tom a-mach cuideachd. Bha sinn a' cluich air a' mhòintich.

(*Cho luath 's a fhuair mi dhachaigh, chaidh mi fhèin agus Tom a-mach a chluich air a' mhòintich.*)

* Dèan taisbeanadh air balla a' chlasruim de fhaclan a ghabhas cleachdadh airson seantansan ioma-fhillte a sgrìobhadh. Tagh fear dhiubh gach latha agus iarr air na sgoilearan seantansan a sgrìobhadh leis an fhacal sin aig an toiseach no anns a' mheadhan. Sgrìobh fhèin seantans ioma-fhillte a' cleachdadh an fhacail an toiseach airson dèanamh cinnteach gun tuig iad dè thachras dhan ghnìomhair an dèidh an fhacail (m.e. a chionn 's *gu robh*; fhad 's a *bha*; air eagal gun *tigeadh* ...)

Èist ri cuid de na seantansan a sgrìobh iad. Brosnaich a' chlann na faclan ceanglaidh seo a chleachdadh nuair a tha iad fhèin a' sgrìobhadh.



an dèidh ged fhad 's mar gu... mar gum b' e
 mar a a chionn 's cho fad 's a mus
 nan ma mus (tìgeadh) nuair on
 a air an robh far mura gus dè
 ge b' e càite ge b' e cuin ge be cò
 gun fhios nach ciamar cuin carson càit'
 air eagal 's gu

* Obraich còmhla ris a' chlas no bhuidhinn sgrìobhaidh airson seantansan ioma-fhillte a chruthachadh le bhith a' ceangal seantansan sìmplidh ri chèile.

* Duilleag-obrach 4

Ag atharrachadh structair ann an seantansan

- Seall an earrann air **duilleag-obrach 5** don chloinn agus faighnich dhaibh dè tha ceàrr air.
- Bruidhinn mu dheidhinn diofar dhòighean air structair sheantansan atharrachadh agus mu carson a tha seo cudromach airson sgrìobhadh inntinneach, siùbhlach.
- Brosnaich a' chlann cuid dhiubh seo a chleachdadh gus na seantansan anns an earrainn, agus anns an sgrìobhadh aca fhèin, a dhèanamh nas *varied*. Dèan cinnteach gun tuig iad nach bi a h-uile fear freagarrach airson a h-uile seantans! Seo eisimpleir leis an t-seantans 'Dh'fhàg iad am baile.'

- **Seall cuin:** *Tràth an ath latha, dh'fhàg iad am baile.*
 - **Tòisich (no crìochnaich) le roimhear:** *Le chèile, dh'fhàg iad am baile.*
 - **Tòisich le gnìomh-ainmear:** *A' togail am bagannan, dh'fhàg iad am baile.*
 - **Tòisich (no crìochnaich) le co-ghnìomhair:** *Gu slaodach, dh'fhàg iad am baile.*
 - **Dèan an seantans nas fhaide le clàs eile aig an deireadh:** *Dh'fhàg iad am baile trang air an cùlaibh, gun fhios càite an robh iad a' dol.*
 - **Dèan an seantans nas fhaide le clàs eile aig an toiseach:** *Mus do dh'èirich duine sam bith eile, dh'fhàg iad am baile.*
 - **Dèan an seantans nas giorra:** *Dh'fhalbh iad.*
- Sgrìobh seantans air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn structair an t-seantans atharrachadh ann an diofar dhòighean.



Ceistean agus clisg-phuingean:

Brosnaich a' chlann ceistean agus clisg-phuingean a chleachdadh nuair a tha iad a' sgrìobhadh. Bruidhinn mu dheidhinn cuin agus carson a tha ceistean feumail:

- airson ùidh an leughadair a ghlacadh
 - airson toirt air an leughadair beachdachadh air rudeigin
 - airson strì a chruthachadh
 - mar fo-thìotal ann an aithris no mìneachadh airson sealltainn co mu dheidhinn a tha paragraf no earrann den teacs
-
- Coimhead air an diofar eadar :...
Bha an t-eagal air Eric gun tìgeadh an uilebheist air ais.
agus
Chlisg Eric. Dè nan tìgeadh an uilebheist air ais?

 - Iarr air na sgoilearan ceistean a chleachdadh airson barrachd strì a chur dha na seantansan seo.
 - a) Cha robh mise cinnteach am biodh ùine gu leòr againn.
Cha robh mise cinnteach. Saoil am biodh ùine gu leòr againn?

 - b) Bha iomagain air Murdo mu dheidhinn dè bha a' dol a thachairt.
Choimhead Murdo orm le aodann làn iomagain. "Dè thachras a-nis?" dh'fhaighnich e.

 - c) Bha rudeigin air taobh eile an dorais.
Dè bha sin air taobh eile an dorais?

Tha seantansan goirid agus clisg-phuingean feumail airson aire an leughadair a ghlacadh agus airson iongnadh no eagal a shealltainn. Tha clisg-phuing aig deireadh paragraf a' cuideachadh strì a chruthachadh agus a' brosnachadh an leughadair barrachd a leughadh. Bruidhinn mun diofar a nì clisg-phuing anns na seantansan seo:

"Cuidich mi!" dh'èigh Sile.
Dh'fhosgail mi an doras. Bha an rum falamh!
Cha b' urrainn dhomh stad!
Bha e agam mu dheireadh thall!
Ruith!

- **Duilleag-obrach 6**

Sgrìobhadh nach eil ann an seantansan

- Bruidhinn mu dheidhinn teacsaichean nach eil sgrìobhte ann an seantansan: m.e. bàrdachd (mar as trice), postairean, sanasan

- Nuair a tha a' chlann a' sgrìobhadh ann an seantansan ceart gun trioblaid sam bith, seall dhaibh teacsaichean nach eil ann an seantansan air fad. Faodaidh ùghdaran taghadh gun a bhith a' sgrìobhadh ann an seantansan fad na h-ùine. Coimhead, mar eisimpleir, air td. 15 ann an An Sìopsaidh & an t-Aingeal le Aonghas Pàdraig Caimbeul, far a bheil neo-sheantansan air an cleachdadh airson smuaintean nan caractaran a shealltainn. Tha clisgearan feumail ann an sgeulachdan cuideachd. (*Annag! Obh! Òinnsich! etc*)



- Seall don chloinn mar is urrainn dhaibh seantans fhàgail gun chrìoch air airson:-
 - a) Teagamh/ mì-chinnt a shealltainn: *“Chan eil fhios agam ach”*
 - b) Briseadh a-steach a shealltainn: *“A bheil fhios agad dè?” Cha d’ fhuair Uilleam cothrom an còrr a ràdh. Dìreach an uair sin dh’fhosgail an doras agus ruith Boris a-steach.*
 - c) còmhradh neo-inntinneach fhàgail às: *“Tha seo a’ sealltainn gu bheil ...” Chùm an tidsear air ach cha robh Mòrag ag èisteachd tuilleadh. Bha a h-aire air rudeigin eile.*

Stiùireadh eile do Thidsearan:

- Nuair a tha thu a’ ceartachadh sgrìobhadh na cloinne, cuir loidhne fo sheantansan a tha lag agus iarr orra smaoinichadh ciamar a nì iad nas làidire iad.
- Dèan cinnteach gun tuig na sgoilearan nach eil seantansan a tha ro fhada furasta a leantainn. Dh’fhaodadh tu paragraf a thoirt à leabhar, ga atharrachadh gus nach eil ann ach aon sheantans fada. Thoir dhaibh paragraf le aon sheantans fada ann agus iarr orra a dheasachadh. Seo eisimpleir:

An dèidh a bhracaist, dh’fhalbh mo sheanair air a sheann bhaidhsagal a bha aige nuair a bha e na bhalach òg agus chaidh e sìos an leathad agus a-steach dhan bhaile far an do cheannaich e pàipear-naidheachd agus prèasant beag airson Sìne a bha gu bhith ceithir ann an latha no dhà agus an uair sin leum e air a’ bhaidhsagal a-rithist ach air an t-slighe dhachaigh chaidh e thairis air tarrag a bha a’ laighe air an rathad.

Brosnaich a’ chlann an seantans fada seo a bhriseadh suas, a’ cleachdadh chromagan agus stad-phuingean.

An dèidh a bhracaist, dh’fhalbh mo sheanair sìos an leathad air a sheann bhaidhsagal, a bha aige nuair a bha e na bhalach òg. Chaidh e a-steach dhan bhaile, far an do cheannaich e pàipear-naidheachd. Cheannaich e prèasant beag airson Sìne cuideachd, oir bha i gu bhith ceithir ann an latha no dhà. An uair sin leum e air a’ bhaic a-rithist, ach air an t-slighe dhachaigh, chaidh e thairis air tarrag a bha a’ laighe air an rathad.

- Ma tha mearachdan le pongadh aig a’ chloinn, iarr orra na mearachdan sin a lorg agus a chur ceart leotha fhèin, an àite a bhith gan ceartachadh dhaibh.




Gnìomhan eile do na sgoilearan:

- Coimhead air duilleig de sgeulachd no leabhar fiosrachaidh le caochladh sheòrsa sheantans. Leugh an duilleag air fad an toiseach. Coimhead air gach seantans. Cia mheud diofar dhòigh anns a bheil seantansan a' tòiseachadh? A bheil ceistean sam bith ann? Dè an seantans as giorra? An lorg sibh seantans le dà chlàs ann air an ceangal le naisgear?
- Iarr air na sgoilearan coimhead air ais air pìos sgrìobhaidh a rinn iad bho chionn greis. An urrainn dhaibh an sgrìobhadh a dhèanamh nas inntinniche le bhith ag atharrachadh cuid de na seantansan?
- **Duilleag-obrach 7** (*Gabhaidh seo a chleachdadh mar dhuilleig measaidh aig deireadh an aonaid.*)

Stuthan feumail eile:


Faic Eòlas air Cànan (*Comhairle na Gàidhlealtachd 1998*) airson barrachd obair eile air clàsan agus seantansan iomadh-fhillte.





Seantansan - duilleag-obrach 1

Ainm:



a. Leugh na seantansan gu h-ìosal agus sgrìobh an e firinn no breug a th' anns gach fear.

1. 'S e rosg-rann an aon rud ri seantans.....
2. Feumaidh ainmear a bhith anns a h-uile seantans.....
3. Feumaidh gnìomhair a bhith anns a h-uile seantans.....
4. Chan e ceist seantans.....
5. Faodaidh tu seantans a sgrìobhadh le dìreach aon fhacal fhad 's gur e gnìomhair a th' ann.
6. Feumaidh litir mhòr a bhith aig toiseach a h-uile seantans.....
7. Feumaidh stad-phuing a bhith aig deireadh a h-uile seantans.....
8. Feumaidh stad-phuing, comharra-ceist no clisg-phuing a bhith aig deireadh a h-uile seantans.....
9. Nì na faclan ann an seantans ciall le chèile.....
10. Feumaidh barrachd air aon chlàs a bhith ann an seantans.....

b. Leugh na 'seantansan' gu h-ìosal. An e seantans a th' anns gach fear?
Dèan strìochag mas e. Cuir crois ri taobh fear sam bith nach eil na
sheantans agus sgrìobh carson nach e seantans a th' ann.

1. Shuidh mi air mo leabaidh.

2. Dh'fhalbh dhachaigh.

3. Fhuair mi tìodhlac bho m'antaidh.

4. An cuala tu sin?

5. Mi a' coiseachd dhan sgoil.

6. Greasaibh oirbh!

7. Cat air a' bhalla.

8. Ged a bha an t-uisge ann, chaidh iad uile a-mach a chluich.

9. Chaidh iad uile a-mach a chluich, ged a bha an t-uisge ann.

10. anns an taigh.




Seantansan - duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo seantans sìmplidh:

Bha an t-acras air.

Atharraich an seantans airson a dhèanamh nas inntinniche. Lean an stiùireadh anns na camagan.



1. (Cuir buadhair a-steach: *m.e. mòr, uabhasach, sgriosail*)
2. (Tòisich le co-ghnìomhair: *m.e. gu h-obann, an-dràsta, gu mi-fhortanach...*)
3. (Tagh faclan eadar-dhealaichte a tha a' ciallachadh an aon rud)
4. (Sgrìobh rudeigin eile aig toiseach an t-seantans)
5. (Sgrìobh clàs eile aig deireadh an t-seantans)
6. (Tòisich le gnìomhair eile *m.e. Dh'fhairich, Dh'innis ..*)



Seantansan - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Cleachd am facal anns na camagan agus ceangail an dà sheantans simplidh gus seantans fillte a dhèanamh: Feumaidh tu òrdugh nan seantansan atharrachadh (faic ceistean 4 agus 6). Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



1. (gus) Choimhead mi mun cuairt. Dh'fhàs mo shùilean cleachdte ris an dorchadas. *Choimhead mi mun cuairt gus an do dh'fhàs mo shùilean cleachdte ris an dorchadas.*
2. (a) Lorg mi poit. Bha i làn de pheant.
3. (mus) Chuir e dheth a chòta. Chaidh e a-steach dhan rum.
4. (oir) Cha robh an danrsa a' còrdadh ri Seonaidh idir. Dh'fhalbh e.
5. ('s nach) Bha Iain cho fada air falbh. Cha chuala e mi.
6. (on a) Bha an ceòl cho àrd. Cha b' urrainn dhomh càil a chluinntinn.
7. (ach) Thòisich an t-uisge. Cha do mhothaich Peigi.
8. (ged a) Chaidh mi gu taigh Dhonnchaidh. Bha fhios agam gum biodh e a-muigh.



Seantansan - duilleag-obrach 4

Ainm:

Dè an seantans as inntinniche as urrainn dhut a chruthachadh, a' cleachdadh a h-uile facal anns na camagan? Chan eil e gu dìofar dè an t-òrdugh anns an nochd na faclan nad sheantans, ach dèan cinnteach gu bheil e a' dèanamh ciall air choreigin! Cleachd do mhac-mheanmna Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. (ghàrradh, tarbh, sùgh)

Nuair a nochd tarbh fiadhaich anns a' ghàrradh, thòisich Granaidh a' sgreuchail agus a' leum mun cuairt, a' dòrtadh sùgh air feadh an àite.

2. (sgòthan, beanntan, falbh)

3. (shaoil, biodh, coimpiutair)

4. (leòmhan, a' giùlan, uisge)



5. (am measg, lorg, flùraichean)

6. (b' fheàrr, dh'fhaighnich, eilean)


7. (fuaim, gu h-obann, sàmhach)

8. (tilleadh, duilich, heileacoptair)



Seantansan - duilleag-obrach 5

Ainm:



Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean a leanas:

Tha siorafan nas àirde na beathach sam bith eile air tìr. Tha seo gan cuideachadh duilleagan ithe a tha a' fàs shuas gu h-àrd. Tha am biadh seo ro àrd airson beathaichean eile a ruighinn. Tha siorafan math air gluasad. Tha comas aca ruith cho luath ri 48 cileameatair ann an uair a thìde. Tha amhaich gu math fada air sioraf òg. Tha an amhaich fada feumail. Tha e nas fhasa barrachd fhaicinn ma tha thu àrd. Tha corp goirid aig sioraf. Tha earball an sioraif feumail. Bidh e ga chleachdadh airson cuileagan a sguabadh air falbh. Tha naoi sheòrsaichean de shioraf ann. Tha pàtran eadar-dhealaichte air a h-uile fear.


1. Dè tha ceàrr air a' pharagraf seo?
2. Cuir loidhne fo dà sheantans anns a' pharagraf gu h-àrd. Ath-sgrìobh gach fear ann am faclan eadar-dhealaichte.
3. Deasaich am paragraf mu dheidhinn sioraf. Feuch an sgrìobh thu a-rithist e, gun a bhith a' cleachdadh am facal 'tha' barrachd air trì tursan!



Seantansan - duilleag-obrach 6

Ainm:

Anns a' bhogsa, tha paragraf a nochd ann an sgeulachd mu dheidhinn clann air chall ann an saoghal eile. Anns a' phàirt seo den sgeulachd, tha na balaich a' feuchainn ri teicheadh bho uaimh anns a bheil dràgon fiadhaich a' fuireach.



Leugh am paragraf agus smaoinich air dòighean airson a dhèanamh nas inntinniche don leughadair.

Cleachd ceistean airson teagamh a shealltainn, clisgearan airson aire an leughadair a ghlacadh, ìomhaigheachd airson dealbhan a chruthachadh.


Cleachd seantansan fada agus seantansan goirid. Tagh faclan inntinneach a nì dealbh soilleir ann an inntinn an leughadair.

Bha na balaich air chall. Cha robh iad air an dòigh. Cha robh iad ag iarraidh a bhith anns an uaimh nuair a dhùisgeadh an dràgon. Bha aca ri faighinn a-mach as an uaimh seo. Cha robh fhios aca ciamar. Chunnaic Anndra rudeigin anns an dorchadas. Dh'fhaighnich e dè bha ann. Choimhead na balaich uile. Cha b' urrainn dhaibh dèanamh a-mach dè bh' ann. Bha e cho dorch. Chuala Sìm fuaim. Bha e fada air falbh. Bha e a' tighinn na b' fhaighe. B' e fuaim eagalach a bh' ann. Ghluais e na b' fhaighe air na balaich eile. Cha robh fhios aige dè bh' ann. Nochd dràgon ann am beul na h-uamha.



Seantansan - duilleag-obrach 7

Ainm:



A. Leugh am paragraf seo agus freagair na ceistean a leanas:

Gu h-obann, tharraing Caitlin làmh Fhionnlaigh, "Seall, seall!" Bha a làmh eile sìnte a-mach a' comharrachadh rudeigin air thoiseach oirre. Stad iad uile. Bha na craobhan a' crathadh anns a' ghaoith, ach chitheadh iad gu fann ann an solas na gealaich togalach mòr àrd. Mar chòn, a' sìomanaich timcheall ann an cearcall, leathann aig a' bhonn agus biorach aig a' mhullach le mòran uinneagan.

"Dè th' ann?" Dh'fhuaimnich Eddy a' cheist a bha orra uile.

"Tha e neònach, beagan coltach ri caisteal," arsa Caitlin ann an guth làn uabhais.

Td. 59 Caisteal nan Sgràgan

1. Lorg agus ath-sgrìobh seantans a tha a' tòiseachadh le co-ghnìomhair.

2.a. Lorg agus ath-sgrìobh an seantans as giorra.



b. Dè seòrsa seantans a th' ann?

3. Lorg agus ath-sgrìobh seantans le dà chlàs a tha ceangailte le naisgear.

4. Cuir loidhne dathte fon h-uile gnìomhair.

5a. Tha aon 'seantans' ann nach eil na sheantans cheart. Dè am fear?

b. Carson nach e seantans ceart a th' ann?

6a. Soilleirich an seantans as inntinniche nad bheachd-sa.

b. Minich carson a thagh thu an seantans sin.



An dèidh a bhracaist, dh'fhalbh mo sheanair air a sheann bhaidhsagal a bha aige nuair a bha e na bhalach òg agus chaidh e sìos an leathad agus a-steach dhan bhaile far an do cheannaich e pàipear-naidheachd agus prèasant beag airson Sìne a bha gu bhith ceithir ann an latha no dhà agus an uair sin leum e air a' bhaidhsagal a-rithist ach air an t-slighe dhachaigh chaidh e thairis air tarrag a bha a' laighe air an rathad.

An dèidh a bhracaist, dh'fhalbh mo sheanair sìos an leathad air a sheann bhaidhsagal, a bha aige nuair a bha e na bhalach òg. Chaidh e a-steach dhan bhaile, far an do cheannaich e pàipear-naidheachd. Cheannaich e prèasant beag airson Sìne cuideachd, oir bha i gu bhith ceithir ann an latha no dhà. An uair sin leum e air a' bhaic a-rithist, ach air an t-slighe dhachaigh, chaidh e thairis air tarrag a bha a' laighe air an rathad.



Freagairtean

Duilleag-obrach 1

A.

- | | | | | | |
|-----------|-----------|-----------|-----------|-----------|-----------|
| 1. firinn | 2. breug | 3. firinn | 4. breug | 5. firinn | 6. firinn |
| 7. breug | 8. firinn | 9. firinn | 10. breug | | |

B.

1. ✓
2. x Chan eil e a' dèanamh ciall.
3. x Chan eil litir mhòr aig an toiseach.
4. ✓
5. x Chan eil gnìomhair slàn ann. / Chan eil e a' dèanamh ciall.
6. ✓
7. x Chan eil gnìomhair ann. / Chan eil e a' dèanamh ciall.
8. ✓
9. ✓
10. x Chan eil gnìomhair ann. / Chan eil e a' dèanamh ciall.

Duilleag-obrach 2

Gabh ri seantans sam bith a leanas an stiùireadh. Seo eisimpleirean

1. *Bha an t-acras uabhasach orm.*
2. *A bharrachd air sin, bha an t-acras orm.*
3. *Bha mi gu bhith marbh leis an acras.*
4. *Ged a bha mi air bracaist mhòr a ghabhail, bha an t-acras fhathast orm.*
5. *Bha an t-acras orm, ach bha fhios agam nach robh biadh sam bith air fhàgail nam bhaga.*
6. *Cha b' urrainn dhomh ceum eile a ghabhail, is an t-acras cho mòr orm.*

Duilleag-obrach 3

2. Lorg mi poit a bha làn de pheant
3. Chuir e dheth a chòta mus deach e a-steach dhan rum.
4. Dh'fhalbh Seonaidh oir cha robh an dannsa a' còrdadh ris idir.
5. Bha lain cho fada air falbh 's nach cuala e mi.
6. Cha b' urrainn dhomh càil a chluinntinn on a bha an ceòl cho àrd. / On a bha an ceòl cho àrd, cha b' urrainn dhomh càil a chluinntinn.
7. Thòisich an t-uisge ach cha do mhothaich Peigi.
8. Chaidh mi gu taigh Dhonnchaidh ged a bha fhios agam gum biodh e a-muigh.

Duilleag-obrach 4

Freagairtean nan sgoilearan fhèin. Dèan cinnteach gu bheil am puingeachadh ceart aca.



Duilleag-obrach 5

1. Tha an aon structair air a h-uile seantans. / Tha cus sheantansan a' tòiseachadh leis an aon fhacal / le 'Tha'.
- 2
- agus 3. Freagairtean nan sgoilear fhèin.

Duilleag-obrach 6

Freagairtean nan sgoilear fhèin. Seo dìreach eisimpleir:


Bha na balaich air chall agus cha robh iad air an dòigh. Dh'fheumadh iad fhaighinn a-mach às an uaimh seo mus dùisgeadh an dràgon. Ach ciamar? "Dè tha sin? dh'fhaighnich Anndra, a' comharrachadh rudeigin anns an dorchadas, Choimhead na balaich uile gu geur, ach cha b' urrainn dhaibh càil a dhèanamh a-mach agus e cho dorch. Gu h-obann, chuala Sìm fuaim, fada air falbh an toiseach ach tighinn na b' fhaisce. Fuaim eagalach mar fuamhaire le mionach goirt. Ghluais e na b' fhaisce air na balaich eile. Saoil dè bh' ann? Dìreach an uair sin nochd beathach mòr eagalach ann am beul na h-uamha. An dràgon!

Duilleag-obrach 7

- A.
1. *Gu h-obann, tharraing Caitlin làmh Fhionnlaigh, "Seall, seall!"*
 - 2a. "Dè a th' ann?" Gabh ri 'Stad iad uile.' cuideachd.
 - 2b. Gabh ri ceist no seantans simplidh
 3. *Bha na craobhan a' crathadh anns a' ghaoith, ach chitheadh iad gu fann ann an solas na gealaich togalach mòr àrd.*
 4. tharraing; Bha; Stad; Bha; chitheadh; ...a' siomanaich (chan e gnìomhair slàn a tha seo); th'; Dh'fhuaimnich; bha; Tha; arsa
 - 5a. *Mar chòn, a' siomanaich timcheall ann an cearcall, leathann aig a' bhonn agus biorach aig a' mhullach le mòran uinneagan.*
 - b. Chan eil gnìomhair slàn ann.
 6. Freagairtean nan sgoilear fhèin



Còmhradh
dìreach agus
neo-dhìreach





Stiùireadh do Thidsearan:

Aig Ìre D, feumaidh sgoilearan an diofar eadar còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach a thuigsinn, agus an dà sheòrsa a chleachdadh ann an obair sgrìobhaidh, a' feuchainn ris a' phuingeachadh cheart a chleachdadh. Gheibh iad cuideachadh le seo le bhith a' coimhead airson eisimpleirean dhiubh ann an teacsaichean. Aig Ìre E, bu chòir sgoilearan a bhith a' cleachdadh a' phuingeachaidh cheart airson còmhradh dìreach a chomharrachadh. Feumaidh a' chlann, aig Ìrean D agus E, cothroman fhaighinn a bhith ag ionnsachadh mar a bhios faclan ag atharrachadh rud beag eadar còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach.

A. Còmhradh dìreach no còmhradh neo-dhìreach?

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann an diofar eadar còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach. Coimhead air mar a bhios faclan ag atharrachadh eatorra. Tha e doirbh riaghailtean a thoirt airson nan atharrachaidhean seo oir tha an uimhir dhiubh ann. Feumaidh na sgoilearan tòrr cothroman fhaighinn a bhith ag atharrachadh còmhradh dìreach gu còmhradh neo-dhìreach agus vice versa gus am fàs iad cleachdte ri na h-atharrachaidhean seo. Sgrìobh eisimpleirean air a' bhòrd-dhubh. Iarr air a' chloinn an leughadh agus an uair sin beachdachadh air an diofar eatorra. Mar eisimpleir:

- a) *"Tha mise deiseil,"* thuir Marc.
- b) Thuir Marc gu robh e deiseil.

- a) *"Stad!"* dh'èigh an duine.
- b) Dh'èigh an duine rium stad.

- a) *"Carson nach fhaigh sinn a-mach?"* dh'fhaighnich Iseabail.
- b) Dh'fhaighnich Iseabail carson nach fhaigheadh iad a-mach.

- a) *"B' fheàrr leam gun sguireadh an t-uisge,"* smaoinich Calum ris fhèin.
- b) Smaoinich Calum gum biodh e math nan sguireadh an t-uisge.

- a) *"Tha mise ro sgith!"* thuir Dad.
- b) Thuir Dad gu robh esan ro sgith.

Puingean teagaisg:

- * Dè an diofar a tha eadar còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach?
- * Dè na faclan a tha diofraichte anns an dà sheantans? (m.e. tha / gu robh; mise / e anns a' chiad eisimpleir gu h-àrd)

* Sgrìobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh agus, ag obair còmhla, atharraich iad gu còmhraidh neo-dhìreach. Bruidhinn mu dheidhinn nam facal a bhios ag atharrachadh. Uaireannan tha e nas fheàrr òrdugh nam facal atharrachadh cuideachd:

- "Suidh sìos," thuirte màthair Anndra rium. (Dh'iarr màthair Anndra orm suidhe sìos.)
- "Tha thu ceart," thuirte Sìm, a' gnogadh a chinn. (A' gnogadh a chinn, thuirte Sìm gu robh mi ceart.)
- "Thèid sinn ann a-màireach," gheall e dhaibh. (Gheall e dhaibh gun deigheadh iad ann an ath latha.)
- "Is urrainn dhòmhsa sin a dhèanamh," thuirte Alastair gu bragail. (Thuirte Alastair gu bragail gum b' urrainn dha-san sin a dhèanamh.)
- "A bheil an t-eagal ort ro thaibhsean?" dh'fhaighnich Mòrag do Chiorstaidh. (Dh'fhaighnich Mòrag do Chiorstaidh an robh an t-eagal oirre ro thaibhsean.)

Gnìomhan do na sgoilearan:

- Sgrìobh mìneachadh airson 'còmhraidh dìreach' agus mìneachadh airson 'còmhraidh neo-dhìreach', a' sealltainn an diofar eatorra gu soilleir.
- Lorg eisimpleir de chòmhraidh dìreach agus eisimpleir de chòmhraidh neo-dhìreach ann an sgeulachd.
- **Duilleag-obrach 1** - ag atharrachadh còmhraidh neo-dhìreach gu còmhraidh dìreach. Dh'fhaodadh an tidsear na seantansan a leughadh a-mach agus iarraidh air a' chloinn an atharrachadh gu còmhraidh dìreach an toiseach. Na iarr orra na freagairtean a sgrìobhadh gu a bheil thu cinnteach gu bheil fhios aca dè am puingeachadh a dh'fheumas iad a chleachdadh.
- **Duilleag-obrach 2** - ag atharrachadh còmhraidh dìreach gu còmhraidh neo-dhìreach. Chan eil seo furasta idir oir feumaidh a' chlànn tòrr fhacail atharrachadh. Bidh e nas fhasa dhaibh ma thèid an tidsear thairis air le buidhinn sgrìobhaidh no leis a' chlas gu an cluinn na sgoilearan mar a bhios na faclan ag atharrachadh, mus fheuch air iad na freagairtean a sgrìobhadh.

b. Cuin a chleachdar comharraidhean-labhairt?:

Faighnich do na sgoilearan dè tha ann an còmhraidh dìreach agus ciamar a tha e air a chomharrachadh ann an sgrìobhadh. Dèan cinnteach gun tuig iad na faclan agus abairtean seo agus cuin a tha iad air an cleachdadh:

- **Còmhraidh / co-chòmhraidh:** (*dialogue – nuair a tha dìthis no barrachd caractaran a' bruidhinn ri chèile*)
(Faic an t-aonad 'Còmhraidh' airson gnìomhan teagaisg air còmhraidh ann an sgeulachdan.)
- **comharraidhean-labhairt dùbailte** - "... airson sealltainn nam facal a thuirte, cuideigin:-
m.e. "A bheil thusa deiseil fhathast?" dh'fhaighnich Caitlin.

Feumaidh tu comharraidhean-labhairt cuideachd airson faclan a smaoinich cuideigin:
m.e. "Ciamar a gheibh mi a-mach à seo?" smaoinich lain ris fhèin.

- (Aig Ìre E) **comharraidhean-labhairt singilte:** '...' air an cleachdadh airson diofar adhbharan:-



1. Airson faclan, no faclan, sònraichte a shoilleireachadh, a' gabhail a-steach faclan air iasad bho chànan eile agus tìotal leabhair, fiolm, etc.

Eisimpleirean:

a) *Duine 'fut' a bh' ann, mar a chanas iad ann an Leòdhas.*

(td. 32 *An Siopsaidh & an t-Aingeal* le Aonghas Pàdraig Caimbeul)

b) Sheinn Eoghainn an t-òran 'Birlinn Ghoraidh Chròbhain' agus chòrd e glan ris a h-uile duine.

c) "An do choimhead thu 'The Simpsons' a-raoir?" dh'fhaighnich Doug.

(Tha tòrr a bharrachd eisimpleirean de seo anns an leabhar 'Alba san Dara Cogadh' le Rìseard Dargie (Wayland/PRG 1997). Dh'fhaodadh a' chlann coimhead air an leabhar sin airson eisimpleirean a lorg.)

2. Airson sealltainn gu bheil faclan air an togail bho chuideigin no à àiteigin eile:

Eisimpleirean:

Ann an 1845, thill na daoine a bha ag adhradh ann an Eaglais A' Chròic a champachadh dhan chladh nuair a chaidh am fuadach. Sgrìob iad sanasan brònach air na h-uinneagan.

Thug fear-naidheachd bhon *Times* iomradh air an t-sealladh:

'Chaidh teine a lasadh sa chladh agus chruinnich a' chlann mun cuairt air. Chaidh dà chreathail le leanabain annta a chur faisg air an teine, agus chùm na màthraichean brònach fasnadh riutha.'

Td. 27 *Fuadach nan Gàidheal* le Dòmhnall Guinne agus Màiri Spankie (*Acair* 1993)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Lorg eisimpleirean eile de '...' ann am pàipearan-naidheachd agus leabhraichean eachdraidh. Tha tòrr a bharrachd anns an leabhar 'Fuadach nan Gàidheal'.
- Cuimhnich comharraidhean-labhairt singilte a chleachdadh ma tha thu a' togail faclan à teacs eile no à beul chuideigin eile nuair a tha thu a' sgrìobhadh aithris.

3. Ann an suidheachadh far a bheil aon duine ag innse, ann an còmhradh dìreach, dè thuirt cuideigin eile. Cha bhi seo a' tachairt tric ach seo eisimpleir dheth



“A bheil fhios agaibh dè thuirt Mgr MacAoidh rium?” sgreuch Alison, “Thuirt e, ‘Dèan a-rithist e.’ Mar nach do chosg mi ùine gu leòr air mu thràth!”

Puingean teagaisg:

* Bruidhinn mu dheidhinn carson a tha comharraidhean-labhairt singilte agus dùbailte air an cleachdadh anns an t-seantans seo. (Tha e nas fhasa fhaicinn cò thuirt dè.)


4. An àite comharraidhean-dùbailte:

Ann an cuid de theacsaichean, tha comharraidhean-labhairt singilte air an cleachdadh an àite comharraidhean-labhairt dùbailte. Brosnaich a’ chlann comharraidhean-labhairt dùbailte a chleachdadh nan sgrìobhadh fhèin ge-tà.

C. Puingeachadh ann an còmhradh dìreach:

1. Coimhead air an t-seantans seo:

Còmharraidhean-labhairt



Puingean Teagaisg:

- Tha comharraidhean-labhairt a’ dol timcheall air na faclan a chaidh a ràdh.
- Tha na faclan a chaidh a ràdh an-còmhnaidh a’ tòiseachadh le litir mhòr.
- Tha an-còmhnaidh puingeachadh air choreigin ann aig deireadh na chaidh a ràdh, ro na comharraidhean-labhairt. An seo, 's e cromag a th’ ann. Uaireannan 's e comharra-ceist, clisg-phuing no stad-phuing a tha a dhìth. Seo eisimpleirean:

- “Stad!” dh’èigh an duine.
- “Dè tha sibh a’ dèanamh?” dh’fhaighnich am boireannach.
- Choimhead Somhairle orm ach cha tuirt e càil ach, “S dòcha.”

2. Sgrìobh an dà sheantans seo air a’ bhòrd-dhubh agus coimhead air a’ phuingeachadh annta mar chlas.

a) “Dh’fhaodadh gu bheil thu ceart,” fhreagair Peadar.

b) Fhreagair Peadar, “Dh’fhaodadh gu bheil thu ceart.”



Puingean Teagaisg:

- Tha comharraidhean-labhairt a' dol timcheall air na faclan a thuir Peadar.
- Tha na faclan a thuir Peadar a' tòiseachadh le litir mhòr, eadhon nuair nach tig iad aig toiseach an t-seantans.
- Anns a' chiad sheantans, tha cromag a' tighinn aig deireadh nam facal a chaidh a ràdh, oir chan e deireadh an t-seantans a th' ann.
- Anns an dàrna seantans, tha stad-phuing a' tighinn aig deireadh nam facal a chaidh a ràdh, oir 's e deireadh an t-seantans a th' ann.

3. Sgrìobh an seantans seo air a' bhòrd-dhubh agus coimhead air a' phuingeachadh mar chlas.

“Chan eil fhios agam,” thuir Lorna, “ach tha mi smaoinichadh gum bi e ceart gu leòr.”

Puingean Teagaisg:


- Tha na faclan a thuir Lorna air am briseadh suas ann am meadhan an t-seantans.
- Tha comharraidhean-labhairt timcheall air na faclan a thuir i.
- Feumaidh puingeachadh air choreigin a bhith ann mus dùin sgrìobhadair comharraidhean-labhairt. An seo, tha cromag a' tighinn an dèidh 'agam' agus tha stad-phuing a' tighinn an dèidh 'gu leòr'.
- Tha cromag a' tighinn ro na faclan a thuir cuideigin mura bheil iad aig toiseach an t-seantans. (Seall air a' chromaig an dèidh 'Lorna'.)
- Tha na faclan a thuir cuideigin a' tòiseachadh le litir mhòr (“Chan ...)
- Ma tha seantans air a bhriseadh suas anns a' mheadhan mar an fhear seo, chan eil an dàrna pàirt den t-seantans a' tòiseachadh le litir mhòr (m.e. “ach ...)

4. Paragraf ùr airson neach-labhairt ùr: Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gum faigh a h-uile caractar a tha a' bruidhinn ann an còmhradh paragraf dha/ dhi fhèin. (Tha barrachd air seo anns na h-aonadan 'Còmhradh' agus 'Paragrafan' anns a' phac seo.)

Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Coimhead mar chlas, no mar bhuidhinn sgrìobhaidh, air còmhradh ann an leabhar ficsean. Iarr air na sgoilearan mìneachadh carson a tha cuid de na cromagan, comharraidhean-labhairt, litrichean mòra etc. air an cleachdadh. Tha eisimpleir de seo air **duilleag-obrach 3**.
- Air **duilleag-obrach 4**, feumaidh a' chlann comharraidhean-labhairt a chur ann an teacs agus air duilleag-obrach 5 tha aca ri comharraidhean-labhairt agus puingeachadh eile a chur ann an seantansan.
- Air **duilleag-obrach 6** tha teacs airson deachdadh (*dictation*). Leughaidh an tidsear an earrann a-mach dhan chlas/ bhuidhinn agus tha aca ri a sgrìobhadh, a' feuchainn ris a' phuingeachadh cheart a chur a-steach. Dh'fhaodadh tu teacs sam bith le còmhradh a chleachdadh airson seo.
- Tha duilleag bho phàipear-èibhinn air **duilleag-obrach 7**. Iarr air a' chloinn an còmhradh a sgrìobhadh a-mach, mar phàirt de sgeulachd. Brosnaich iad còmhradh dìreach agus còmhradh neo-dhìreach a chleachdadh. Iarr orra rud beag tuairisgeul a chur dhan sgeulachd cuideachd, a bharrachd air a' chòmhradh.





Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 1

Ainm:

Leugh na seantansan seo. 'S e còmhradh neo-dhìreach a th' anns a h-uile fear. Ath-sgrìobh gach seantans ann an còmhradh dìreach. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut mar eisimpleir:

1. Thuir am fear-smàlaidh gun do thòisich an teine anns a' chidsin.
"Thòisich an teine anns a' chidsin," thuir am fear-smàlaidh.
2. Dh'fhaighnich am boireannach dhaibh am faca iad rud sam bith annasach.
3. Ghearain Daibhidh nach d' fhuair e cothrom idir.
4. Dh'iarr Mgr Moireasdan air a' chloinn a bhith sàmhach.
5. Dh'innis mo sheanair dhomh gu robh rùn-dìomhair aige.

6. Chuala Nina a màthair ag èigheach oirre bhon ghàrradh.

7. Dh'innis am bodach do Sheoc gum biodh e beartach nan gabhadh e na pònairean.

8. Dh'iarr am màthair orra tilleadh anns a' bhad nan tòisicheadh an t-uisge a-rithist.

9. Thuir an tidsear ri Niall gun do rinn e math anns an deuchainn.

10. Fhreagair Una nach b' e a coire-sa a bh' ann.



Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 2

Ainm:

Tha na seantansan seo uile air an sgrìobhadh ann an còmhradh dìreach.
Ciamar a sgrìobhadh tu gach fear ann an còmhradh neo-dhìreach?
Cuimhnich gum feum thu cuid de na faclan atharrachadh. Chaidh a' chiad
fhear a dhèanamh dhut.

1. "Cuin a thig thu dhachaigh?" dh'fhaighnich Ceit do Rhoda.
Dh'fhaighnich Ceit do Rhoda cuin a thigeadh i dhachaigh.
2. "Is toil leam an leabhar seo," thuirt Marc.
3. "Nigh do làmhan mus gabh thu càil ri ithe," thuirt Granaidh ri Dòmhnall.
4. "Tha mi ag iarraidh rud beag fois fhaighinn," thuirt Sìm.
5. "Dè nì sinn ma tha an t-uisge ann?" dh'fhaighnich a' chlann.
6. "Dè thachras an uair sin?" dh'fhaighnich Aonghas.



7. "Chì mi a-màireach thu," dh'èigh Marc rium.

8. "Cha b' urrainn dhomh tighinn dhan sgoil an-dè oir bha droch chnatan orm," mhinich Eilidh.

9. "Falbhaidh sinn aig trì uairean," thuirt an duine ris a' chloinn.

10. "Cha d' fhuair mi cadal sam bith a-raoir," thuirt Gòrdan le gruaim.



Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 3

Ainm:

a. Coimhead gu cùramach air an earrainn seo bhon leabhar 'Dìomhaireachd Caisteal Bhuirgh' agus beachdaich air a' phuingeachadh a th'ann:

"Dè nì sinn a-nis?" arsa Sìleas.

"Thèid sinn air falach air cùlaibh gàrradh mòr a' Gheàrraidh a Siar," arsa Iain. "Agus bheir sinn leinn na baidhsagalan."

"Dè nis ma thig carbadan bhon taobh eile? Chì iad sinn air cùl a' ghàrraidh," arsa Seumas. "Tha leithid de dh'ùpraid air a bhith ann air sgàth nam pàipearan, agus ma chì daoine rud annasach sam bith 's e a' chiad rud a nì iad fònadh chun a' phoilis."

"Tha àirigh aig Poll nan Crann," arsa Iain, "agus thèid sinn air falach an sin gus an tèid na carabadan seachad."

"Ceart gu leòr," is rinn iad dìreach oirre. Bha an doras a dhìth air an àirigh ach bha am mullach oirre fhathast. Chuir iad na baidhsagalan a-staigh an toiseach agus chrùb iad fhèin a-staigh às an deidh.

Fhuair iad a-staigh ann an àm, oir bha iad a-nis a' cluinntinn srann is bùirean a' tighinn faisg orra.

"Tha fios nach e srann aon charbaid tha siud," arsa Fiona.

1. Carson a tha paragraf a' tòiseachadh an dèidh a' chiad sheantans?



2. Coimhead air a' chiad sheantans gu cùramach. Carson nach eil cromag ann?"

3. Carson a tha cromag ann an dèidh 'Gheàrrraidh a Siar' anns an dàrna pharagraf?

4. Coimhead air a' cheathramh paragraf. Carson nach eil 'agus' air a sgrìobhadh le litir mhòr?

b. Sgrìobh còmhradh eadar dithis chloinne a tha a' coinneachadh airson a' chiad uair. Beachdaich gu cùramach air puingeachadh agus paragrafan.



Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 4

Ainm:

Seo earrann a chaidh a thogail bhon leabhar À Ulbha gu Geelong le Maolios M. Caimbeul, ach chaidh na comharraidhean-labhairt fhàgail às. Leugh an earrann gu cùramach agus cuir na comharraidhean-labhairt a-steach anns na h-àitichean ceart. Nuair a tha thu deiseil, coimhead air an leabhar agus feuch dè cho math 's a rinn thu.

Dùisg, thàinig an guth bho mo chùlaibh. An ann na do chadal a tha thu?

No a bheil thu faicinn rudeigin ann an Loch nan Ceall?

Bha Dòmhnall na sheasamh agus e a' coimhead orm le iongnadh. Bha rudeigin aige na làimh.

Chan eil, chan eil. Chan eil ann ach ... Stad mi. Cha robh mi ag iarraidh a shàrachadh le mo smuaintean. Dè th' agad an sin?

Theannaich a làmh air an nì a bha ann. Dh'fhàs e sòlaimte. Geall nach innis thu dha duine sam bith.

Choimhead mi air gu h-amharasach, ach mu dheireadh thuirt mi, Ceart, chan innis mi dha duine beò.



Dh'fhosgail e a làmh. Na bhois bha ìomhaigh duine air a dhèanamh de chrèadh anns an robh prìnichean sàthte. Bha a shùilean a' lasadh le fuath.

'S beag orm e. Mgr Clerk, tha mi ag iarraidh a mharbhadh. Na tha e dèanamh òirn.

Cha mhòr gun creidinn mo shùilean. O Dhòmhnail, cò dh'ionnsaich sin dhut? Corp crèadha! 'S e rud uabhasach olc a tha sin.

Chuala mi iad a' bruidhinn mu dheidhinn aig an taigh chèilidh. 'S e buidseachd a th' ann, tha fhios am, ach 's e duine dona a th' ann. Feumaidh sinn a mharbhadh.

Rinn mi gàire. Bha mi a' tuigsinn mar a bha e a' faireachdainn mu Mhgr Clerk, ach bha an rud a bha e a' dèanamh cho gòrach.

Tha fhios againn gu bheil e dona ach chan e sin an dòigh.

Dè nì sinn ma-thà? Bha e a-nis a' coimhead duilich gun do rinn e idir leithid de nì.

Seadh, seadh, Cloinn MhicGuair. Thàinig an guth bho bhroinn na h-uamha. Cha mhòr nach do thuit mi leis an eagal. Dh'fhàs Dòmhnall bàn. Dh'aithnich an dìthis againn co leis a bha an guth.

Td. 4 À Ulbha gu Geelong le Maoilios M. Caimbeul (Acair 1992)



Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 5

Ainm:

Cha do dh'ionnsaich an nighean a sgrìobh na seantansan seo càil mu dheidhinn puingeachadh fhathast. Cuidich i le bhith ag ath-sgrìobhadh gach seantans agus a' cur am puingeachadh ceart a-steach. Smaoinich mus tòisich thu an e còmhradh dìreach no còmhradh neo-dhìreach a th' anns gach fear.

1. tha mi deiseil a-nis thuirte sìle
2. dh'fhaighnich mi dhan chaillich an robh i ag iarraidh cuideachadh ach thuirte i nach robh
3. dè tha sin a ciallachadh dh'fhaighnich iseabail
4. tha sinn an seo mu dheireadh thall thuirte mìcheal le gàire
5. aargh dè bha sin dh'èigh am balach beag



6. tha rudeigin annasach a' dol air adhart an seo smaoinich paula rithe fhèin

7. thuir an sìthiche ri seumas gum feumadh e fhèin an caisteal a lorg

8. tha mise den bheachd thuir am poileasman gu coibhneil gu bheil sibh uile àiridh air duais

9. chrath e a cheann agus thuir e chan eil mi ag aontachadh idir

10. seall dè fhuair mise dh'èigh mo phiuthar a' leum suas agus sìos ticeadan airson a' gheama d'isathairne seo tighinn



Comharraidhean-labhairt

- duilleag-obrach 6 (airson tidsearan)

Ainm:

a. Seo seantansan airson deachdadh. Leugh gach fear a-mach gu slaodach. Ma tha barrachd air aon sheantans ann, (m.e. ceist 3), innis sin don chloinn an toiseach. Thoir ùine gu leòr do na sgoilearan airson sgrìobhadh agus beachdachadh air a' phuingeachadh. Iarr air na sgoilearan coimhead orra a-rithist airson dèanamh cinnteach gun do chleachd iad am puingeachadh ceart mus ceartaich sibh le chèile iad.

1. "Is toil leam an cù sin," thuirt Granaidh.
2. "An aithne dhut Fiona?" dh'fhaighnich e.
3. "Stad! Chan e sin an rathad ceart!" dh'èigh mi ris.
4. "A bheil thu cinnteach?" fhreagair e.
5. Rinn am balach gàire. "Tha sin gòrach," thuirt e.
6. "Greas ort!" dh'èigh Ceit rium. "Tha sinn fadalach!"
7. Thionndaidh e agus thuirt e, "Feumaidh sinn stad a chur orra."
8. "Chan urrainn dhuinn," fhreagair Sam. "Tha iad ro fhada air falbh."

b. Seo earrann airson deachdadh. Leugh an earrann air fad an toiseach, gus am bi fios aig na sgoilearan co mu dheidhinn a tha i. An uair sin,



leugh gach seantans a-mach dà thuras gu slaodach, a' toirt ùine gu leòr do na sgoilearan airson sgrìobhadh agus beachdachadh air a' phuingeachadh. Nuair a tha thu deiseil ga leughadh, iarr air na sgoilearan coimhead thairis air na sgrìobh iad airson dèanamh cinnteach gun do chleachd iad am puingeachadh ceart.

"Cha bhi mi fada!" dh'èigh màthair Eilidh bho uinneig a' chàir. "An cuir thu am paidh dhan àmhainn aig còig uairean?"

"Cuiridh," fhreagair Seòras, a' smèideadh rithe. "Tioraidh!"

Chaidh Seòras a-steach dhan taigh a-rithist. "Còig uairean," thuirt e ris fhèin. Sgrìobh e not agus steig e air an doras e. Thog e an leabhar ach cha d' fhuair e cothrom a leughadh.

"A Sheòrais!" Bha cuideigin aig an doras. Dh'fhosgail e e agus cò bh' ann ach Bob.

"An tig thu a-mach a chluich?" dh'fhaighnich Bob. "Tha ball ùr agam."

"Glè mhath," fhreagair Seòras gu sunndach, "ach feumaidh mi a bhith air ais aig còig uairean."

"Tha sin ceart gu leòr," thuirt Bob. "A bheil uaireadair ort?"



Comharraidhean-labhairt - duilleag-obrach 7

Ainm:

Seall air an duilleig seo bhon phàipear-èibhinn "Smathsin!" Sgrìobh an sgeulachd a-mach air pìos pàipeir, le measgachadh de thuaisgeul agus còmhradh. Cuimhnich nach fhaic an leughadair na dealbhan agus, mar sin, feumaidh tu sealltainn gu soilleir dè tha a' tachairt le faclan a-mhàin.



Còmhradh dìreach agus neo-dhìreach – Freagairtean

Duilleag-obrach 1 *Gabh ri freagairt sam bith le na faclan ceart agus air a phuingeachadh ceart Seo aon dòigh an atharrachadh:*

2. Dh'fhaighnich am boireannach dhaibh, "Am faca sibh rud sam bith annasach?"
3. "Cha d' fhuair mise cothrom idir!" ghearain Daibhidh.
4. "Bithibh sàmhach!" dh'èigh Mgr Moireastan ris a' chloinn.
5. "Tha rùn-diomhair agam," dh'innis mo sheanair dhomh.
6. Chuala i a màthair ag èigheach bhon ghàrradh, "Nina!"
7. "Bidh thu beartach ma ghabhas tu na pònairean seo," dh'innis am bodach do Sheoc.
8. "Tillibh anns a' bhad ma thòisicheas an t-uisge a-rithist," dh'iarr am màthair orra.
9. "Rinn thu math anns an deuchainn," thuirt an tidsear ri Niall.
10. "Chan b' e mo choire-sa a bh' ann," fhreagair Una

Duilleag-obrach 2

2. Thuirt Marc gum bu toil leis an leabhar sin.
3. Dh'iarr Granaidh air Dòmhnall a làmh a nighe mus ghabhadh e càil ri ithe.
4. Thuirt Sim gu robh e ag iarraidh rud beag fois fhaighinn.
5. Dh'fhaighnich a' chlann dè dhèanadh iad nam biodh an t-uisge ann.
6. Dh'fhaighnich Aonghas dè thachradh an uair sin.
7. Dh'èigh Marc rium gum faiceadh e a-màireach mi.
8. Mhìnich Eilidh nach b'urrainn dhi tighinn dhan sgoil an-dè oir bha droch chnatan oirre.
9. Thuirt an duine ris a' chloinn gum falbhadh iad aig trì uairean.
10. Thuirt Gòrdan le gruaim nach d'fhuair e cadal sam bith an oidhche roimhe.

Duilleag-obrach 3

A 1. Oir tha cuideigin ùr a' bruidhinn.

2. 'S e ceist a th' ann. Feumaidh comharra-ceist a bhith ann an àite chromaig.
 3. Feumaidh cromag a dhol ro na comharraidhean-labhairt mura tig iad aig fìor-dheireadh an t-seantans agus mura h-e ceist no clisgear a th' ann.
 4. Tha na faclan 'ars lain' a' tighinn ann am meadhan seantans a thuirt e.
- B. *sgriobhadh nan sgoilear fhèin*

Duilleag-obrach 4

"Dùisg," thàinig an guth bho mo chùlaibh. "An ann na do chadal a tha thu? No a bheil thu faicinn rudeigin ann an Loch nan Ceall?"

Bha Dòmhnall na sheasamh agus e a' coimhead orm le iongnadh. Bha rudeigin aige na làmh.

"Chan eil, chan eil. Chan eil ann ach ..." Stad mi. Cha robh mi ag iarraidh a shàrachadh le mo smuaintean. "Dè th' agad an sin?"

Theannaich a làmh air an nì a bha ann. Dh'fhàs e sòlaimte. "Geall nach innis thu dha duine sam bith."

Choimhead mi air gu h-amharasach, ach mu dheireadh thuirt mi, "Ceart, chan innis mi dha duine beò."

Dh'fhosgail e a làmh. Na bhois bha ìomhaigh duine air a dhèanamh de chrèadh anns an robh prinichean sàthte. Bha a shùilean a' lasadh le fuath.

"'S beag orm e. Mgr Clerk, tha mi ag iarraidh a mharbhadh. Na tha e dèanamh òirn." "

Cha mhòr gun creidinn mo shùilean. "O Dhòmhnall, cò dh'ionnsaich sin dhut? Corp crèadha! 'S e rud uabhasach olc a tha sin."



“Chuala mi iad a’ bruidhinn mu dheidhinn aig an taigh chèilidh. ’S e buidseachd a th’ ann, tha fhios am, ach ’s e duine dona a th’ ann. Feumaidh sinn a mharbhadh.”

Rinn mi gàire. Bha mi a’ tuigsinn mar a bha e a’ faireachdainn mu Mhgr Clerk, ach bha an rud a bha e a’ dèanamh cho gòrach.

“Tha fhios againn gu bheil e dona ach chan e sin an dòigh.”

“Dè nì sinn ma tha?” Bha e a-nis a’ coimhead duilich gun do rinn e idir leithid de nì.

“Seadh, seadh, Cloinn MhicGuaire.” Thàinig an guth bho bhroinn na h-uamha. Cha mhòr nach do thuit mi leis an eagal. Dh’fhàs Dòmhnall bàn. Dh’aithnich an dithis againn co leis a bha an guth.

Duilleag-obrach 5

10. “Tha mi deiseil a-nis,” thuirt Sile. (*Gabh ri clisg-phuing an àite cromag.*)
3. Dh’fhaighnich mi dhan chaillich an robh i ag iarraidh cuideachadh, ach thuirt i nach robh.
4. “Dè tha sin a ciallachadh?” dh’fhaighnich Iseabail.
11. “Tha sinn an seo mu dheireadh thall!” thuirt Micheal le gàire. (*Gabh ri cromag an àite clisg-phuing.*)
12. “Aargh! Dè bha sin?” dh’èigh am balach beag. / “Aargh ... dè bha sin?” dh’èigh am balach beag.
13. “Tha rudeigin annasach a’ dol air adhart an seo,” smaoinich Paula rithe fhèin.
14. Thuirt an sìthiche ri Seumas gum feumadh e fhèin an caisteal a lorg.
15. “Tha mise den bheachd,” thuirt am poileasman gu coibhneil, “gu bheil sibh uile àiridh air duais.”
16. Chrath e a cheann agus thuirt e, “Chan eil mi ag aontachadh idir!” (*Gabh ri stad-phuing an àite clisg-phuing.*)
17. “Seall dè fhuair mise!” dh’èigh mo phiuthar, a’ leum suas agus sìos. “Ticeadan airson a’ gheama Disathairne seo tighinn!”

Duilleag-obrach 6 - deachdadh

Duilleag-obrach 7 – freagairtean nan sgoilear fhèin

